## *TO THE PUBLIC.*

MR PATRICK STEWART, the Tranſlator of this valuable book, did not live to ſee it publiſhed; nor was the work quite completed when he died. Aſſiſtance was procured, however, from other quarters, and the Tranſlation is now offered to the Public.

OWING to the circumſtance above ſtated, and the Printer's ignorance of the Gaelic Language, it is poſſible ſome errors may have crept into the work, notwithſtanding the utmoſt care to prevent them. Theſe will be found merely errors of the Preſs, and ſuch as do not affect the Text. It is therefore hoped, the candid Reader will correct them and excuſe them.

# THE BOOK OF COMMON PRAYER,

AND ADMINISTRATION OF THE

# SACRAMENTS,

AND OTHER

RITES AND CEREMONIES

OF THE

# CHURCH,

ACCORDING TO THE USE OF THE

# CHURCH OF ENGLAND;

TOGETHER WITH THE

# PSALTER

OR

# PSALMS OF DAVID,

POINTED AS THEY ARE TO BE SUNG OR SAID IN CHURCHES.

EDINBURGH;

PRINTED BY JOHN MOIR,

AND SOLD BY ALL THE BOOKSELLERS IN THE CITY;

AND BY

MORISON and SON, *Perth*; DAVIDSON, *Inverneſs*; ANGUS and SON, and A. BROWN, *Aberdeen*.

1794.

# LEABHAR

NA

# H'URNUIGH CHOITCHIONN

AGUS

FRITHEALADH NAN SACRAMAINTE,

AGUS

RIAGHAILTE AGUS DEASGHNATHA EILE

*NA H'EAGLAIS:*

DO REIR GNATHACHADH

NA

# H'EAGLAIS SHASGONAICH:

MAILLE RIS

AN T SALTAIR NO SAILM

*DHAIBHIDH.*

AIR AM PONCADH MAR SHEINNEAR NO THEIREAR IAD

SAN TEAMPULL

DUN EIDEANN:
CLO' BHUAILTE LE J. MOIR.
1794.

THE JOHN RYLANDS LIBRARY

*Na Nithe ata air an cur ſios'ſan Leabhar ſo.*


1. AN Riaghail ann ſam bheil Leabhar nan Salm air ordughadh go bhi air a leughadh.
2. An Riaghail ann ſam bheil a chuid eile do'n Scriobtuir naomha air ordughadh go bhi air a leughadh.
3. Clar Leaſoin agus Sailm ſhonruighte.
4. An Callandar maille re Clar nan Leaſon.
5. Cloir agus Riaghailte air ſon na Laithe feiſte agus troſgadh feadh na Bliadhna.
6. Ordugh Urnuigh Mhaidne.
7. Ordugh Urnuigh Fheaſcair.
8. Creid N. Athanaſius.
9. An Liodan.
10. Urnuighean agus Breith Bhuidheachas air Fatha eagſamhail.
11. Na H'urnuigh, na Litrichibh agus na Soiſgeil r'an gnathach aig Frithealadh a Chomanaich Noamh feadh na Bliadhna.
12. Ordugh Frithealadh a Chomanaich Noamh.
13. Ordugh Baiſte follaſach agus Uaigneach.
14. Ordugh Baiſte na Muintir a thig gu' Haois.
15. Na Ceiſtin.
16. Ordugh air ſon Daingneachadh Leanabh.
17. Foirm a Phoſaidh.
18. Sealltuin agus Comanach nan Daoine tinne.

19. Ordugh Adhlacadh na Marbh.
20. Tabhairt Bhuidheachas air ſon Bhan a'n deigh Cloinn-Bhreith.
21. Co' Bhagradh no Foillſeachadh Corruich agus Breitheamhnais Dhe an aghaidh Pheacairean.
22. An t Saltair.
23. Foirmean Urnuigh air Mnir.
24. Na 39 Poncan do'n Chreidimh.

## *An Reaghail ann ſam bhul Leabhar nan Salm air ordughadh go bhi air a leughadh.*

BITHIDH Leabhar nan Salm air a leughadh thairis aon uair gach mios, mar ata e air ordughadh, mareon air ſon Urnuigh Mhaidne agus Fheaſcair. Ach ann ſan Fhaoilledh leughar e'mhain gus an ochdamh, no an naoidhe la'ar fhichiod d'on Mhios.

Ann ſna Miofan ſinn ann ſam bheil aon La deug 'ar fhichiod, tha e orduighte gum bithidh na Saiim a chuaigh leughadh air an dechamh La'ar fhichiod air an leughadh ar an aon la deug ar fhichiod.

Agus do bhri gum bheil an 119 Salm aer a roinn gu aon chuibhroinn thar fhichiod; dh'orduighe nach leughar thar ceithir no cuig do na cuibhroinn ſin ſan aon am.

Agus aeg deire gach Salm, combaith as aig deire gach cuibhroinn do'n 119 Salm, bithidh an Laoidh ſo aer a leughadh.

*Gloir gu roibh do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh;*

*Mar a bha air tus, anois ata, is bithidh gu brath; ſaoghal gun crich. Amen.*

*An Riaghail ann ſam bheilachuid eile do'n Scriobtuir naomha air ordughadh gu bhi air a leughadh.*

THA cheud Leaſon aig Urnuigh Mhaidne agus Fheaſchair r'a thabhairt as an t'ſean Tiomna; air achd is gum bi a chuid as mo dheth air a leughadh aon uair ſan Bhliadhna mar ata an clar mioſachain ag ordughadh.

Tha na dara Leaſoin r'an tabhairt o'n Tiomna Nua; ni as coir a leughadh gu riaghailteach thairis tri uairibh ſan Bhliana, oſbar air na Litrichibh agus na Soiſgeil: ach tha Leabhar an Fhoillſicheadh r'a leughadh air Laithe Feiſti ſonruighte.

Chum fios fhaghail air na Leaſoin is coir a leughadh gach la amhairc air ſon an La ann ſa Mhioſachan. Tha na Leaſoin a bhuinneas ris na feiſte ata ag athracha agus na feiſte neoghluaiſte, air ann ſaotinn an 'sna cloir leaſoin ſonruighte.

'Nuair ata Sailm agus Leaſoin ſhonruighte air ordughadh; leigear na ſailm agus na Leaſoin ghnathaighte ſeachad.

Thoir fainear, Gu'm foghain an Urnuigh, an Litir, agus an Soiſgeul a dh'orduighe air na Laithe Domhnich, air an T'Seachduin na dheigh, 'nuair nach, eil atharacha ſo air aithne.

## Leasoin Iomchuidh r'an Leughadh ag Urnuigh Mhaidne agus Fheasfair air Laith Diomhnich feadh na Bliadhna.

| *Domhnich an Aidmheint.* | *Urnuigh Mhaidne.* | *Urnuigh Fheasfair.* |
|---|---|---|
| An ceud | Isaiah 1 | Isaiah 2 |
| 2 | 5 | 24 |
| 3 | 25 | 26 |
| 4 | 30 | 32 |
| *Domh. an deigh La Nodhlaic.* | | |
| An ceud | 37 | 38 |
| 2 | 41 | 43 |
| *Domh. an deigh an Taisbeincadh.* | | |
| An ceud | 44 | 46 |
| 2 | 51 | 53 |
| 3 | 55 | 56 |
| 4 | 57 | 58 |
| 5 | 59 | 64 |
| 6 | 65 | 66 |
| *Septuagesima.* | Genesis 1 | Genesis 2 |
| *Sexagesima.* | 3 | 6 |
| *Quinquages.* | 9 gus *r.* 20 | 12 |
| *An Charmhas* | (30 | |
| An ceud D. | 19 gus *r.* | 22 |
| 2 | 27 | 34 |
| 3 | 39 | 42 |
| 4 | 43 | 45 |
| 5 | Exodus 3 | Exod. 5 |
| 6 | | |
| 1 Leasan | 9 | 10 |
| 2 Leasan | Matt. 26 | N'Eabhr. 5 gus *r.* 11 |
| *La Caisg.* | | |
| 1 Leasan | Exod. 12 | Exod. 14 |
| 2 Leasan | Romh. 6 | Gniomh. 2, *r.* 22 |
| *Domh. an deigh Caisg.* | | |
| An ceud | Aireamh 16 | Aireamh 22 |
| 2 | 23, 24 | 25 |
| 3 | Deut. 4 | Dent. 5 |

| *Domh. an deigh an Chaisg.* | *Urnuigh Mhaidne.* | *Urnuigh Fheasfair.* |
|---|---|---|
| 4 | Deut. 6 | Deut. 7 |
| 5 | 8 | 9 |
| *An Diom. an deigh La na Deasgha bhail.* | 12 | 13 |
| *Diom. na Caingis.* | | |
| 1 Leasan | 16 gus *r.* 18 | Isaiah 11 |
| 2 Leasan | Gniomh 10 *r.* 34. | Gniomh. 19 gus *r.* 21 |
| *Domh. na Trianaid.* | | |
| 1 Leasan | Gen. 1 | Gen. 18 |
| 2 Leasan | Matt. 3 | Eoin 5 |
| *Domh. an deigh na Trianaid.* | | |
| An ceud | Jos 10 | Jos. 23 |
| 2 | Breith 4 | Breith 5 |
| 3 | 1 Sam. 2 | 1 Sam. 3 |
| 4 | 12 | 13 |
| 5 | 15 | 17 |
| 6 | 2 Sam. 12 | 2 Sam. 19 |
| 7 | 21 | 24 |
| 8 | 1 Righ 13 | 1 Righ 17 |
| 9 | 18 | 19 |
| 10 | 21 | 22 |
| 11 | 2 Righ 5 | 2 Righ 9 |
| 12 | 10 | 18 |
| 13 | 19 | 23 |
| 14 | Jerem. 5 | Jerem. 22 |
| 15 | 35 | 36 |
| 16 | Ezec. 2 | Ezec. 13 |
| 17 | 14 | 18 |
| 18 | 20 | 24 |
| 19 | Daniel 3 | Daniel 6 |
| 20 | Joel 2 | Micah 6 |
| 21 | Habba 2 | Seanraite 1 |
| 22 | Seanraite 2 | 3 |
| 23 | 11 | 12 |
| 24 | 13 | 14 |
| 25 | 15 | 16 |
| 26 | 17 | 19 |

# Leasoin Iomchuidh r'an Leughadh ag Urnuigh Mhaidne agus Fheascair air Laith Noamh feadh na Bliadhna.

| | *Urnuigh Mhaidne.* | *Urnuigh Fheascair.* |
|---|---|---|
| *La a Naoimh Aindrea.* | Seanr. 20 | Seanr, 21 |
| N. *Tomais Abstalail.* | 23 | 24 |
| *La Nodblaic.* | (*r.* 8. | (gus *r.* 17 |
| 1 Leasan | Isa. 9 gus | Il. 7. *r.* 10. |
| 2 Leasan | Luc. 2 gus *r.* 15. | Titus 3. *r.* 4 gus *r.* 9 |
| N. *Stephein.* | Seanr. 28 | Eccl. 4 |
| 1 Leasan | Gniomh. 6 *r.* 8. agus ch. 7. gus *r.* 30. | Gniom. 7 *r* 30 gus *r.* 55 |
| N. *Eoin,* | | |
| 1 Leasan | Eccles. 5 | Eccles. 6 |
| 2 Leasan | Taisbean. 1 | Taisb. 22 |
| *La na Neochiontach.* | Jerem. 31 gus *r.* 18 | Crion. 1 |
| *Tiomchiol Ghearradh.* | | (*v* 1 |
| 1 Leasan | Gen. 17 | Deut. 10 |
| 2 Leasan | Romh. 2 | Coloss 2 |
| *An Taisbeneadh.* | | |
| 1 Leasan | Isaiah 60 | Isaiah 49 |
| 2 Leasan | Lucas 3 gus *r.* 23 | Eoin 2 gus *v.* 12 |
| *Iompachadh N. Phoil.* | | |
| Leasan | Crion 5 | Crion. 6 |
| Leasan | Gniomh 22 gus *r.* 22 | Gniom. 26 |
| *Glanadh na haigh Muirre* | Crion. 9 | Crion. 12 |
| N. *Matthias* | 19 | Eccles. 1 |
| *An Teachdaireachd gus an oigh beannuighte Muirre.* | Eccl. 2 | 3 |
| *Diciaduin roimh a Chaisg.* | | |
| 1 Leasan | Hosea 13 | Hosea 14 |
| 2 Leasan | Eoin 11 *r.* 45 | |
| *Deardaoin roimh a Chaisg.* | | |

| | *Urnuigh Mhaidne.* | *Urnuigh Fheascair.* |
|---|---|---|
| 1 Leasan | Dan. 9. | Jerem. 31 |
| 2 Leasan | Eoin 13 | |
| *Diohaoine na ceusa.* | (*r.* 20 | |
| 1 Leasan | (*r.* 20 Gen. 22. gus | Isaiah 53 |
| 2 Leasan | Eoin 18 | 1 Phead 2 |
| *Oidhche Chaisg.* | | |
| 1 Leasan | Zech 9 | Exod. 13 |
| 2 Leasan | Lucas 23 gus *r.* 50 | Neabh. 4 |
| *Dialuain ann Seach dainn na Caisge.* | | |
| 1 Leasan | Exod. 16 | Exod. 17 |
| 2 Leasan | Matt. 28 | Gniomh. 3 |
| *Deamairt ann Seach dainn na Caisg.* | | |
| 1 Leasan | Exod. 20 | Exod. 32 |
| 2 Leasan | Lucas 24 gus *r.* 13 | 1 Cor. 15 |
| N. *Mharcias.* | Eccles. 4 | Eccles. 5 |
| N. *Philip* ag. *Shevmais* | | |
| 1 Leasan | Eccles. 7 | 9 |
| 2 Leasan | Eoin 1. *r.* 43. | |
| *La'n Deasgabbail.* | | |
| 1 Leasan | Deut. 10 | 2 Righ 2 |
| 2 Leasan | Lucas 24 *r.* 44 | Ephes. 4 gus *r.* 17 |
| *Dealuain ann Seach dainn na Caingis.* | | |
| 1 Leasan | Gen. 11 gus *r.* 10 | Air. 11. *r.* 16 gus. *r.* 30. |
| 2 Leasan | 1 Cor. 12 | 1 Cor. 14. gus *r.* 26 |
| *Dia Mairt ann Seach dainn na Caingis.* | (*r.* 18 | |
| 1 Leasan | 1 Sam. 19 | Deut. 30 |
| 2 Leasan | 1 Tess. 5 *r.* 12 gus *r.* 24 | 1 Eoin 4 gus *v.* 14 |
| N. *Bharnabas* | | |

## Leasoin Iomchuidh r'an leughadh aig Urnuigh Mhaidne agus Fheascair air Laith Noamh feadh na Bliadhna.

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 1 Leasan | Eccles. 10 | Eccles. 12 | 2 Leasan | Gniomh. 12 gus v. 20 | Jud r. 6. gus r. 16 |
| 2 Leasan | Gniomh. 14 | Gniom. 15 gus r. 36 | N. *Lucas.* N. *Simon* agus N. *Jude.* | Eccles. 51 | Job 1. 42 |
| N. *Eoin Baiste.* | | | | | |
| 1 Leasan | Malach. 3 | Malach. 4 | | | |
| 2 Leasan | Matt. 3 | Matt. 14 gus r. 13 | | Job 24, 25 | |
| N. *Pheadair.* | | | *La nan uile Naomh.* | | |
| 1 Leasan | Eccles. 15 | Eccles. 19 | 1 Leasan | Crion. 3 gus r. 10 | Crion. 5 gus r. 17 |
| 2 Leasan | Gniomh. 3 | Gniomh. 4 | | | |
| N. *Seumas.* | Eccles. 21 | Eccles. 22 | 2 Leasan | Eabh. 11 r. 32, ag. ch 12 gus v. 7. | Taisb. 19 gus r. 17 |
| N. *Bartolomai* | 24 | 29 | | | |
| N. *Matta.* | 35 | 38 | | | |
| N. *Michael.* | | (r. 5 | | | |
| 1 Leasan | Gen. 32 | Dan. 10 | | | |

## SAILM Iomchuidh air Laith araidh.

| | *Mhaidne.* | *Fheascair.* |
|---|---|---|
| *La Nodhlaic.* | 19, 45 85. | 89, 110, 132. |
| *Diciadduinna Luathraidh.* | 6, 32, 38. | 102, 139, 143. |
| *Diahaoine na Ceusa.* | 22, 40, 54. | 69, 88. |
| *La Caisg.* | 2, 57, 111. | 113, 114, 118. |
| *La'n Deasghabhail.* | 8, 15, 21. | 24, 47, 108. |
| *Do' nach na Caingis.* | 46, 68. | 104, 145. |

# An Callandar no Miosachan maille res clar nan Leasan.

## Ann an GINMHAIR no an Mios Deidhonnach do'n Gheamraidh tha aon La deug thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leasan. | 2 Leasan. | 1 Leasan. | 2 Leasan. |
| 1 | A | Tiomch gh. arTighearna | | | | |
| 2 | b | | Gen. 1 | Mat. 1 | Gen. 2 | Romh. 1 |
| 3 | c | | 3 | 2 | 4 | 2 |
| 4 | d | | 5 | 3 | 6 | 3 |
| 5 | e | | 7 | 4 | 8 | 4 |
| 6 | f | Taisbein. ar Tighearna. | | | | |
| 7 | g | | 9 | 5 | 12 | 5 |
| 8 | A | Lucian. Sag. ag. Mhairt. | 13 | 6 | 14 | 6 |
| 9 | b | | 15 | 7 | 16 | 7 |
| 10 | c | | 17 | 8 | 18 | 8 |
| 11 | d | | 19 | 9 | 20 | 9 |
| 12 | e | (dach. | 21 | 10 | 22 | 10 |
| 13 | f | Hilary, Easb. ag. Faosi- | 23 | 11 | 24 | 11 |
| 14 | g | | 25 | 12 | 26 | 12 |
| 15 | A | | 27 | 13 | 28 | 13 |
| 16 | b | | 29 | 14 | 30 | 14 |
| 17 | c | | 31 | 15 | 32 | 15 |
| 18 | d | Prisca, Oig. ag. Mh. | 33 | 16 | 34 | 16 |
| 19 | e | | 35 | 17 | 37 | 1 Cor. 1 |
| 20 | f | Fabian, Easb. ag. Mh. | 38 | 18 | 39 | 2 |
| 21 | g | Agnes, Oi agus Mh. | 40 | 19 | 41 | 3 |
| 22 | A | Vincent. D. agus M. | 42 | 20 | 43 | 4 |
| 23 | b | | 44 | 21 | 45 | 5 |
| 24 | c | | 46 | 22 | 47 | 6 |
| 25 | d | Iompachadh N, Phoil. | | | | |
| 26 | e | | 48 | 23 | 49 | 7 |
| 27 | f | | 50 | 24 | Exodus 1 | 8 |
| 28 | g | | Exodus 2 | 25 | 3 | 9 |
| 29 | A | | 4 | 26 | 5 | 10 |
| 30 | b | R. Tearlach, Mh. | (*) 6 | 27 | 7 | 11 |
| 31 | c | | 8 | 28 | 9 | 12 |

* Leabh gus rann 14.

# An Callandar maille ris Clar nan Leafon.

Ann an FEABHRA Fhaoillidh no an ceud Mi do'n Erracn tha ochd la thar fichiod, agus ann fna huile bliadhna leam naoidh la 'ar fichiad.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafon. |
| 1 | d | *Trofq* | Exod. 10 | Marc. 1 | Exod. 11 | 1 Cor. 13 |
| 2 | e | Glanadh. O Muirre. | | 2 | | 14 |
| 3 | f | Blafius, Eafb. ag. Mh. | 12 | 3 | 13 | 15 |
| 4 | g | | 14 | 4 | 15 | 16 |
| 5 | A | Agatha, Oi. ag. Mh. | 16 | 5 | 17 | 2 Cor. 1 |
| 6 | b | | 18 | 6 | 19 | 2 |
| 7 | c | | 20 | 7 | 21 | 3 |
| 8 | d | | 22 | 9 | 23 | 4 |
| 9 | e | | 24 | 10 | 32 | 5 |
| 10 | f | | 33 | 11 | 34 | 6 |
| 11 | g | | Levit. 18 | 12 | Lev. 19 | 7 |
| 12 | A | | 20 | 13 | 26 | 8 |
| 13 | b | | Air 11 | 14 | Air 12 | 9 |
| 14 | c | Valentine, Eafb ag. Mh | 13 | 15 | 14 | 10 |
| 15 | d | | 16 | 16 | 17 | 11 |
| 16 | e | | 20 | L. Igus 39 | 21 | 12 |
| 17 | | | 22 | 1 *r.* 39 | 23 | 13 |
| 18 | g | | 24 | 2 | 25 | Galat. 1 |
| 19 | A | | 27 | 3 | 30 | 2 |
| 20 | b | | 31 | 4 | 32 | 3 |
| 21 | c | | 35 | 5 | 36 | 4 |
| 22 | d | | Deut. 1 | 6 | Deut. 2 | 5 |
| 23 | e | *Trofq.* | 3 | 7 | 4 | 6 |
| 24 | f | N. Matthias, Abſ, | | 8 | | Epheſ. 1 |
| 25 | g | | 5 | 9 | 6 | 2 |
| 26 | A | | 7 | 0 | 8 | 3 |
| 27 | b | | 9 | 11 | 10 | 4 |
| 28 | c | | 11 | 17 | 12 | 5 |
| 29 | | | 13 | Matt. 7 | 14 | Romh. 12 |

# An Callandar maille ris Clar nan Leaſon.

## Ann an MAIRT no an Mi Meadhonnach do'n Errach tha aon La deug thar fichiod.

| | | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | | 1 Leaſan. | 2 Leaſan. | 1 Leaſan, | 2 Leaſan |
| | 1 | d | David, Ard. Eaſb. | Deut. 15 | Luc. 12 | Deut 16 | Epheſ 6 |
| | 2 | e | Cedde no Chad, Eaſb. | 17 | 13 | 18 | Philip. 1 |
| | 3 | f | | 19 | 14 | 20 | 2 |
| | 4 | g | | 21 | 15 | 22 | 3 |
| | 5 | A | | 24 | 16 | 25 | 4 |
| | 6 | b | | 26 | 17 | 27 | Coloſſ. 1 |
| | 7 | c | Perpetua Maurit. Mh. | 28 | 18 | 29 | 2 |
| | 8 | d | | 30 | 19 | 31 | 3 |
| | 9 | e | | 32 | 20 | 33 | 4 |
| | 10 | f | | 34 | 21 | Joſua 1 | 1 Teſſ. 1 |
| | 11 | g | | Joſua 2 | 22 | 3 | 2 |
| | 12 | A | Greg. Eaſb. ag. Mh. | 4 | 23 | 5 | 3 |
| | 13 | b | | 6 | 24 | 7 | 4 |
| | 14 | e | | 8 | Eoin 1 | 9 | 5 |
| | 15 | d | | 10 | 2 | 23 | 2 Teſſ. 1 |
| | 16 | e | | 24 | 3 | Breith. 1 | 2 |
| | 17 | f | | Breith. 2 | 4 | 2 | 3 |
| | 18 | g | Eidard,R. na Saſgan. | 4 | 5 | 5 | 1 Tim. 1 |
| | 19 | A | | 6 | 6 | 7 | 2, 3 |
| | 20 | b | | 8 | 7 | 9 | 4 |
| 14 | 21 | c | Benedict, Abba. | 10 | 8 | 11 | 5 |
| 3 | 22 | d | | 12 | 9 | 13 | 6 |
| | 23 | e | | 14 | 10 | 15 | 2 Tim. 1 |
| 11 | 24 | f | *Troſg* | 16 | 11 | 17 | 2 |
| | 25 | g | An'l eachd. gus O.Mu | | 12 | | 3 |
| 14 | 26 | A | | 18 | 13 | 19 | 4 |
| 8 | 27 | b | | 20 | 14 | 21 | Ti . 1 |
| | 28 | c | | Rut. 1 | 15 | Rut 2 | 2, 3 |
| 16 | 29 | d | | 3 | 16 | 4 | Philem. |
| 5 | 30 | e | | 1 Sam. 1 | 17 | 1 Sam. 2 | Eab. 1 |
| | 31 | f | | 3 | 18 | 4 | 2 |

*Thoirt Faiuear.* Gum bheil an aireamh tha ceangailte riſh gach La faileth, eidear an t'aon La'ar ſichiod do'n Mhairt agus an t'ochdamh La deug d'on Aobrain; ag ſeoladh nan Laithe air am bi airde na Gealaich a tharlas air an aon La'ar fichiod d'on Mhairt, no a cheud Airde Soilſe, an deigh an La ſin ann ſna Bliadhnaibh ſin ambheil

ead

# An Callandar maille ris Clar nan Leafon.

## Ann an AOBRAIN no an Mi Deidhonnach do'n Errach tha deigh La thar fichiod.

| | | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 13 | 1 | g | | 1 Sam. 5 | Eoin 19 | 1 Sam. 6 | Eab. 3 |
| 2 | 2 | A | | 7 | 20 | 8 | 4 |
| | 3 | b | Ruifhard, Eafb. | 9 | 21 | 10 | 5 |
| 10 | 4 | c | N. Ambrofe, Eafb. | 11 | Gniom. 1 | 12 | 6 |
| | 5 | d | | 13 | 2 | 14 | 7 |
| 18 | 6 | e | | 15 | 3 | 16 | 8 |
| 7 | 7 | f | | 17 | 4 | 18 | 9 |
| | 8 | g | | 19 | 5 | 20 | 10 |
| 15 | 9 | A | | 21 | 6 | 22 | 11 |
| 4 | 10 | b | | 23 | 7 | 24 | 12 |
| | 11 | c | | 25 | 8 | 26 | 13 |
| 12 | 12 | d | | 27 | 9 | 28 | Seum. 1 |
| 1 | 13 | | | 29 | 10 | 30 | 2 |
| | 14 | | | 31 | 11 | 2 Sam. 1 | 3 |
| 9 | 15 | g | | 2 Sam. 2 | 12 | 3 | 4 |
| | 16 | A | | 4 | 13 | 5 | 5 |
| 17 | 17 | b | | 6 | 14 | 7 | 1 Phea. 1 |
| 6 | 18 | c | | 8 | 15 | 9 | 2 |
| | 19 | d | Alphege, Ard. Eafb. | 10 | 16 | 11 | 3 |
| | 20 | e | | 12 | 17 | 13 | 4 |
| | 21 | f | | 14 | 18 | 15 | 5 |
| | 22 | g | | 16 | 19 | 17 | 2 Ph. 1 |
| | 23 | A | N. Deorfa, Mhart. | 18 | 20 | 19 | 2 |
| | 24 | b | | 20 | 21 | 21 | 3 |
| | 25 | c | N. Mharc. Sois. ag. M | | 22 | | 1 Eoin 1 |
| | 26 | d | | 22 | 23 | 23 | 2 |
| | 27 | e | | 24 | 24 | 1 Ri. 1 | 3 |
| | 28 | f | | 1 Ri. 2 | 25 | 3 | 4 |
| | 29 | g | | 4 | 26 | 5 | 5 |
| | 30 | A | | 6 | 27 | 7 | 2, 3 Eoin |

ead nan aireamh oirdheire agus an Litir Dhonmhuich is faigfe an deigh airde na Gealaich, ag comhtharachadh 'magh na Caifg air an Bhliadhna fin Seafmhaidh'n Riaghail fo gu'nuig Bliadhna ar Tighearna 1899; na dheigh fin bithidh aite nan Aireamh oirdheire air a nuthadh.

# An Callandar maille ris Clar nan Leafon.

Ann a MADH no Bheltinn. no an Ceud Mhi do'n Tſhamhraidh tha aon La deug thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 1 | b | Naoimh Phil. ag. Seum | | | | Jud |
| 2 | c | | 1 Ri 8 | Gniom 28 | 1 Ri 9 | Romh. 1. |
| 3 | d | La Fhaotinn am. na Chr. | 10 | Mat. 1 | 11 | 2 |
| 4 | e | | 12 | 2 | 13 | 3 |
| 5 | f | | 14 | 3 | 15 | 4 |
| 6 | g | N. Eoin Soiſg. | 16 | 4 | 17 | 5 |
| 7 | A | | 18 | 5 | 19 | 6 |
| 8 | b | | 20 | 6 | 21 | 7 |
| 9 | c | | 22 | 7 | 2 Ri 1 | 8 |
| 10 | d | | 2 Ri 2 | 8 | 3 | 9 |
| 11 | e | | 4 | 9 | 5 | 10 |
| 12 | | | 6 | 10 | 7 | 11 |
| 13 | g | | 8 | 11 | 9 | 12 |
| 14 | A | | 10 | 12 | 11 | 13 |
| 15 | b | | 12 | 13 | 13 | 14 |
| 16 | c | | 14 | 14 | 15 | 15 |
| 17 | d | | 16 | 15 | 17 | 16 |
| 18 | e | | 18 | 16 | 19 | 1 Cor. 1 |
| 19 | f | Dunſtan, ard Eaſb. | 20 | 17 | 21 | 2 |
| 20 | g | | 22 | 18 | 23 | 3 |
| 21 | A | | 24 | 19 | 25 | 4 |
| 22 | b | | Ezra 1 | 20 | Ezra 3 | 5 |
| 23 | c | | 4 | 21 | 5 | 6 |
| 24 | d | | 6 | 22 | 7 | 7 |
| 25 | e | | 9 | 23 | Nehem. 1 | 8 |
| 26 | f | Auguſtin, ard Eaſb. | Nehem. 2 | 24 | 4 | 9 |
| 27 | g | Bede Preas. | 5 | 25 | 6 | 10 |
| 28 | A | (Aiſaig. | 8 | 26 | 9 | 11 |
| 29 | b | R. Tearlach II. Bhr. ag. | 10 | 27 | 13 | 12 |
| 30 | c | | Eſter 1 | 28 | Eſter 2 | 13 |
| 31 | d | | 3 | Marc 1 | 4 | 14 |

## An Callandar maille ris clar nan Leaſon.

### Ann an GIUIN no Mi Meadhonnach do'n Tſhamhraidh, tha deigh La thar' fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leaſan. | 2 Leaſan. | 1 Leaſan. | 2 Leaſan |
| 1 | e | Nicomede, Mh. | Eſter 5 | Marc 2 | Eſter 6 | 1 Cor. 15 |
| 2 | f | | 7 | 3 | 8 | 16 |
| 3 | g | | 9 | 4 | Job 1 | 2 Cor. 1 |
| 4 | A | | Job 2 | 5 | 3 | 2 |
| 5 | b | Boniface, Eaſb. ag. M. | 4 | 6 | 5 | 3 |
| 6 | c | | 6 | 7 | 7 | 4 |
| 7 | d | | 8 | 8 | 9 | 5 |
| 8 | e | | 10 | 9 | 11 | 6 |
| 9 | f | | 12 | 10 | 13 | 7 |
| 10 | g | | 14 | 11 | 15 | 8 |
| 11 | A | N. Bharn. Abſ. ag. Mh. | | | | |
| 12 | b | | 16 | 12 | 17, 18 | 9 |
| 13 | c | | 19 | 13 | 20 | 10 |
| 14 | d | | 21 | 14 | 22 | 11 |
| 15 | e | | 23 | 15 | 24, 25 | 12 |
| 16 | f | | 26, 27 | 16 | 28 | 13 |
| 17 | g | N. Alban, Mh. | 29 | Luc 1 | 30 | Galat. 1 |
| 18 | A | | 31 | 2 | 32 | 2 |
| 19 | b | | 33 | 3 | 34 | 3 |
| 20 | c | Eidard R. na Saſg. | 35 | 4 | 36 | 4 |
| 21 | d | | 37 | 5 | 38 | 5 |
| 22 | e | | 39 | 6 | 40 | 6 |
| 23 | f | *Troſq* | 41 | 7 | 42 | Epheſ. 1 |
| 24 | g | La Bhreith N. Eoin B. | | | | |
| 25 | A | | Seanr. 1 | 8 | Seanr. 2 | 2 |
| 26 | b | | 3 | 9 | 4 | 3 |
| 27 | c | | 5 | 10 | 6 | 4 |
| 28 | d | *Troſq.* | 7 | 11 | 8 | 5 |
| 29 | e | N. Phead. Abſ. ag. Mh. | | | | |
| 30 | f | | 9 | 12 | 10 | 6 |

# An Callandar maille ris clar nan Leafon.

Ann an BUIDHE Mhi no an Mi deidhonnach do'n Tſhamhraidh tha ao'n La deug thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | | URNUIGH FHEASCAIR. | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leaſan. | 2 Leaſan. | | 1 Leaſan. | 2 Leaſan | |
| 1 | g | | Seanr. | 11 | Luc 13 | Seanr. 12 | Philipp. | 1 |
| 2 | A | Sealtuin an Mu. oi Bean. | | 13 | 14 | 14 | | 2 |
| 3 | b | | | 15 | 15 | 16 | | 3 |
| 4 | c | N. Mart. E. | | 17 | 16 | 18 | | 4 |
| 5 | d | | | 19 | 17 | 20 | Coloſſ. | 1 |
| 6 | e | | | 21 | 18 | 22 | | 2 |
| 7 | f | | | 23 | 19 | 24 | | 3 |
| 8 | g | | | 25 | 20 | 26 | | 4 |
| 9 | A | | | 27 | 21 | 28 | 1 Teſſ. | 1 |
| 10 | b | | | 29 | 22 | 30 | | 2 |
| 11 | c | | Eccleſ. | 1 | 23 | Eccleſ. 2 | | 3 |
| 12 | d | | | 3 | 24 | 4 | | 4 |
| 13 | e | | | 5 | Eoin 1 | 6 | | 5 |
| 14 | f | | | 7 | 2 | 8 | 2 Teſſ. | 1 |
| 15 | g | Swithun, Eaſb. | | 9 | 3 | 10 | | 2 |
| 16 | A | | | 11 | 4 | 12 | | 3 |
| 17 | b | | Jerem. | 1 | 5 | Jerem. 2 | 1 Tim. | 1 |
| 18 | c | | | 3 | 6 | 4 | 2, | 3 |
| 19 | d | | | 5 | 7 | 6 | | 4 |
| 20 | e | Mariraid, Oi ag. Mh. | | 7 | 8 | 8 | | 5 |
| 21 | f | | | 9 | 9 | 10 | | 6 |
| 22 | g | N. Mari Magdalin. | | 11 | 10 | 12 | 2 Tim. | 1 |
| 23 | A | | | 13 | 11 | 14 | | 2 |
| 24 | b | (*Troſg.* | | 15 | 12 | 16 | | 3 |
| 25 | c | N. Seum. Abſ. ag. Mh. | | | 13 | | | 4 |
| 26 | d | N. Anne. | | 17 | 14 | 18 | Titus | 1 |
| 27 | e | | | 19 | 15 | 20 | 2, | 3 |
| 28 | f | | | 21 | 16 | 22 | Philem | |
| 29 | g | | | 23 | 17 | 24 | Eabh. | 1 |
| 30 | A | | | 25 | 18 | 26 | | 2 |
| 31 | b | | | 27 | 19 | 28 | | 3 |

OGUST

# An Callandar maille ris clar nan Leafon.

## Ann an OGUST no an ceud Mhi do'n Fhobhair tha aon La deug thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 1 | c | La Luanift. | Jer. 29 | Eoin 20 | Jer. 30 | Labh. 4 |
| 2 | d | | 31 | 21 | 32 | 5 |
| 3 | e | | 33 | Cniomh 1 | 34 | 6 |
| 4 | f | | 35 | 2 | 36 | 7 |
| 5 | g | (Tier. | 37 | 3 | 38 | 8 |
| 6 | A | An Chruthatharruigh ar | 39 | 4 | 40 | 9 |
| 7 | b | Ainim Jofa. | 41 | 5 | 42 | 10 |
| 8 | c | | 43 | 6 | 44 | 11 |
| 9 | d | | 45, 46 | 7 | 47 | 12 |
| 10 | e | N. Laubhrinn, Mh. | 48 | 8 | 49 | 13 |
| 11 | f | | 50 | 9 | 51 | Seum. 1 |
| 12 | g | | 52 | 10 | Triabh. 1 | 2 |
| 13 | A | | Triabh 2 | 11 | 3 | 3 |
| 14 | b | | 4 | 12 | 5 | 4 |
| 15 | c | | Efec. 2 | 13 | Efec. 3 | 5 |
| 16 | d | | 6 | 14 | 7 | 1 Phead. 1 |
| 17 | e | | 13 | 15 | 14 | 2 |
| 18 | f | | 18 | 16 | 33 | 3 |
| 19 | g | | 34 | 17 | Dan. 1 | 4 |
| 20 | A | | Dan. 2 | 18 | 3 | 5 |
| 21 | b | | 4 | 19 | 5 | 2 Phead. 1 |
| 22 | c | | 6 | 20 | 7 | 2 |
| 23 | d | *Trofq.* | 8 | 21 | 9 | 3 |
| 24 | e | No. Bartolom. | | 22 | | 1 Eoin 1 |
| 25 | f | | 10 | 23 | 11 | 2 |
| 26 | g | | 12 | 24 | Hofea 1 | 3 |
| 27 | A | | Hof. 2, 3 | 25 | 4 | 4 |
| 28 | b | N. Auguſtin, E. | 5, 6 | 26 | 7 | 5 |
| 29 | c | Buintinq a chinn doEoin | 8 | 27 | 9 | 2, 3 Eoin |
| 30 | d | | 10 | 28 | 11 | Jud. |
| 31 | e | | 12 | Matt. 1 | 13 | Romh. 1 |

# An Callandar maille ris clar nan Leafon.

## Ann an SEACH MHI no Mi meadhonnach an Fhobhair tha deigh La thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 1 | f | Gillioſa, Abba ag. Aid. | Hoſ. 14 | Mat. 2 | Jael 1 | Romh. 2 |
| 2 | g | | Joel 2 | 3 | 3 | 3 |
| 3 | A | | Amos 1 | 4 | Amos 2 | 4 |
| 4 | b | | 3 | 5 | 4 | 5 |
| 5 | c | | 5 | 6 | 6 | 6 |
| 6 | d | | 7 | 7 | 8 | 7 |
| 7 | e | Enurchus, Eaſb. | 9 | 8 | Obad. | 8 |
| 8 | f | La Bhreith Muir. | Jonah 1 | 9 | Jonah 2, 3 | 9 |
| 9 | g | | 4 | 10 | Micah 1 | 10 |
| 10 | A | | Micah 2 | 11 | 3 | 11 |
| 11 | b | | 4 | 12 | 5 | 12 |
| 12 | c | | 6 | 13 | 7 | 13 |
| 13 | d | | Nahum 1 | 14 | Nahum 2 | 14 |
| 14 | e | La na Croiſh N. | 3 | 15 | Habak. 1 | 15 |
| 15 | f | | Habak. 2 | 16 | 3 | 16 |
| 16 | g | | Zeph. 1 | 17 | Zeph. 2 | 1 Cor. 1 |
| 17 | A | Lambert, Eaſb. ag, M. | 5 | 18 | Haggai 1 | 2 |
| 18 | b | | Haggai 2 | 19 | Sec. 1 | 3 |
| 19 | c | | Sec. 2, 3 | 20 | 4, 5 | 4 |
| 20 | d | *Treſq.* | 6 | 21 | 7 | 5 |
| 21 | e | N. Matta, Ab. ag. M. | | 22 | | 6 |
| 22 | f | | 8 | 23 | 9 | 7 |
| 23 | g | | 10 | 24 | 11 | 8 |
| 24 | A | | 12 | 25 | 13 | 9 |
| 25 | b | | 14 | 26 | Malac. 1 | 10 |
| 26 | c | N. Cypr. | Malac. 2 | 27 | 3 | 11 |
| 27 | d | | 4 | 28 | Tobit 1 | 12 |
| 28 | e | | Tobit 2 | Mat. 1 | 3 | 13 |
| 29 | f | N. Mic.ag.na Hainguile. | | 2 | | 14 |
| 30 | g | N. Jer, Aid. ag. Teaſg. | 4 | 3 | 6 | 15 |

# An Callandar maille ris clar nan Leafon.

## Ann an TOCHD Mhios no Mis deidhonnach an Fhobhair tha ao'n La deug thar fichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR. | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 1 | A | Remigius, Eafb. | Tobit 7 | Marc 4 | Tobit 8 | 1 Cor. 16 |
| 2 | b | | 9 | 5 | 10 | 2 Cor. 1 |
| 3 | c | | 11 | 6 | 12 | 2 |
| 4 | d | | 13 | 7 | 14 | 3 |
| 5 | e | | Judith 1 | 8 | Judith 2 | 4 |
| 6 | f | Faith, Oi. ag. M. | 3 | 9 | 4 | 5 |
| 7 | g | | 5 | 10 | 6 | 6 |
| 8 | A | | 7 | 11 | 8 | 7 |
| 9 | b | Denys, Eafb. ag. M. | 9 | 12 | 10 | 8 |
| 10 | c | | 11 | 13 | 12 | 9 |
| 11 | d | | 13 | 14 | 14 | 10 |
| 12 | e | | 15 | 15 | 16 | 11 |
| 13 | f | Ri. Eid. Faoifideach. | Crion. 1 | 16 | Crion. 2 | 12 |
| 14 | g | | 3 | Lu. 1 *to* 39 | 4 | 13 |
| 15 | A | | 5 | 1 *v.* 39 | 6 | Galat. 1 |
| 16 | b | | 7 | 2 | 8 | 2 |
| 17 | c | Etheldreda, Oigh. | 9 | 3 | 10 | 3 |
| 18 | d | *N.* Lucas, Soifg. | | 4 | | 4 |
| 19 | e | | 11 | 5 | 12 | 5 |
| 20 | f | | 13 | 6 | 14 | 6 |
| 21 | g | | 15 | 7 | 16 | Epheſ. 1 |
| 22 | A | | 17 | 8 | 18 | 2 |
| 23 | b | | 19 | 9 | Ecclus 1 | 3 |
| 24 | c | | Ecclus. 2 | 10 | 3 | 4 |
| 25 | d | Criſpin. | 4 | 11 | 5 | 5 |
| 26 | e | | 6 | 12 | 7 | 6 |
| 27 | f | (*Troſg* | 8 | 13 | 9 | Philip. 1 |
| 28 | g | N. Shimoin ag. Jud. | | 14 | | 2 |
| 29 | A | | 10 | 15 | 11 | 3 |
| 30 | b | | 12 | 16 | 13 | 4 |
| 31 | c | *Troſg.* | 14 | 17 | 15 | Coloſſ. 1 |

# An Callandar maille ris Clar nan Leafon.

## Ann an NAOIMHI no an ceud Mhios do'n Gheamhraidh tha deigh La thar fhichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASCAIR | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan | 2 Leafan |
| 1 | d | La Nan uile N. | | | | |
| 2 | e | | Ecclus, 16 | Luc 18 | Ecclus. 17 | Coloff. 2 |
| 3 | f | | 18 | 19 | 19 | 3 |
| 4 | g | | 20 | 20 | 21 | 4 |
| | A | Cionfpad na Papanach. | 22 | 21 | 23 | 1 Teff. 1 |
| 6 | b | Leonard, Aid. | 24 | 22 | (a) 25 | 2 |
| 7 | c | | 27 | 23 | 28 | 3 |
| 8 | d | | 29 | 24 | (b) 30 | 4 |
| 9 | e | | 31 | Eoin 1 | 32 | 5 |
| 10 | f | | 33 | 2 | 34 | 2 Teff. 1 |
| 11 | g | N. Mart. Eafb. | 35 | 3 | 36 | 2 |
| 12 | A | | 37 | 4 | 38 | 3 |
| 13 | b | Britius, Eafb. | 39 | 5 | 40 | 1 Tim. 1 |
| 14 | c | | 41 | 6 | 42 | 2, 3 |
| 15 | d | Machutus, Eafb. | 43 | 7 | 44 | 4 |
| 16 | e | | 45 | 8 | (c) 46 | 5 |
| 17 | f | Aoidh, Eafb. | 47 | 9 | 48 | 6 |
| 18 | g | | 49 | 10 | 50 | 2 Tim. 1 |
| 19 | A | | 51 | 11 | Baruch 1 | 2 |
| 20 | b | Edmund, R. ag. Mh. | Barnch 2 | 12 | 3 | 3 |
| 21 | c | | 4 | 13 | 5 | 4 |
| 22 | d | Sifil, O. ag. M. | 6 | 14 | Sdair Suf. | Titus 1 |
| 23 | e | N. Clement, Eafb. | Bel.ag.Dr | 15 | Ifoiah 1 | 2, 3 |
| 24 | f | | Ifaiah 2 | 16 | 3 | Philem. |
| 25 | g | Catrine, O. ag. M. | 4 | 17 | 5 | Eabh. 1 |
| 26 | A | | 6 | 18 | 7 | 2 |
| 27 | b | | 8 | 19 | 9 | 3 |
| 28 | c | | 10 | 20 | 11 | 4 |
| 29 | d | *Trofg.* | 12 | 21 | 13 | 5 |
| 30 | e | N. Aindrea Abf. ag. M | | Gniomh 1 | | 6 |

(a) Leugh amhair gu' rann, 13 (b) Leugh amhair gu' rann, 18
(c) Leugh amhair gu' rann, 20

An DEICHMHI

## An Callandar maille ris Clar nan Leafon.

### Ann an DEICHMHI no Mios Meadhonnach an Gheamhraidh tha deigh La thar fhichiod.

| | | | URNUIGH MHAIDNE. | | URNUIGH FHEASC AIR | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | 1 Leafan. | 2 Leafan. | 1 Leafan. | 2 Leafan. |
| 1 | f | | Iſaiah 14 | Gniomh 2 | Iſaiah 15 | Eabh 7 |
| 2 | g | | 16 | 3 | 17 | 8 |
| 3 | A | | 18 | 4 | 19 | 9 |
| 4 | b | | 20, 21 | 5 | 22 | 10 |
| 5 | c | | 23 | 6 | 24 | 11 |
| 6 | d | Neac. Eaſb. | 25 | 7 gus 30 | 26 | 12 |
| 7 | e | | 27 | gus 1. 30 | 28 | 13 |
| 8 | f | La Tor. Muir. | 29 | 8 | 30 | Seum. 1 |
| 9 | g | | 31 | 9 | 32 | 2 |
| 10 | A | | 33 | 10 | 34 | 3 |
| 11 | b | | 35 | 11 | 36 | 4 |
| 12 | e | | 37 | 12 | 38 | 5 |
| 13 | d | Lucy, O. og. M. | 39 | 13 | 40 | 1 Phead. 1 |
| 14 | e | | 41 | 14 | 42 | 2 |
| 15 | f | | 43 | 15 | 44 | 3 |
| 16 | g | O Sapieutia. | 45 | 16 | 46 | 4 |
| 17 | A | | 47 | 17 | 48 | 5 |
| 18 | b | | 49 | 18 | 50 | 2 Phead. 1 |
| 19 | c | | 51 | 19 | 52 | 2 |
| 20 | d | *Troſg.* | 53 | 20 | 54 | 3 |
| 21 | e | N. Tom. Abſ. ag. Mh. | | 21 | | 1 Eoin 1 |
| 22 | f | | 55 | 22 | 56 | 2 |
| 23 | g | | 57 | 23 | 58 | 3 |
| 24 | A | *Troſg.* | 59 | 24 | 60 | 4 |
| 25 | b | La Nodhlaic. | | | | |
| 26 | c | N. Steph. ceud Mh. | | | | |
| 27 | d | N. Eoin Abſ. ag. Sois. | | | | |
| 28 | e | La na Neochion. | | | | |
| 29 | f | | 61 | 25 26 | 62 | 5 2 Roin. |
| 30 | | | 63 | 2 | 64 | 3 Eoin. |
| 31 | A | Silveſter, Eaſb. | 65 | 28 | 66 | Jud. |

## CLOIR agus RIAGHAILTE air ſon an Feiſte a ata gathraca agus na Feiſte neo-ghluaiſti; maille re na Laeth troiſg feadh na Bhliadhna.

### Riaghailte chum fios fhaghail uair tha na Feiſte ag athrachadh agus Laeth Naomh toiſeacha.

SE La na Caiſg (air am ag bheil a chuid eile ar crocha do ghna) an ceud Domhnach an diaidh arde na Soilſe a tharlas air, no an diaidh an aon La a'r fichiod do'n Mhairt; as mo tharlas arde na Soilſe air an Domhnach, ſe an Domhnach na dheigh La Caiſg.

Ata Domhnach an Aidbheint do ghna an Domhnach as faigſe do Feild N. Aindrea is dhiabh roimh no nadheidh.

| | | | |
|---|---|---|---|
| Ata Domhnach | Septuageſima | Naoidh | Seachduin roimh an Caiſg. |
| | Sexageſima | Hochd | |
| | Quinquageſima | Seachd | |
| | Quadrageſima | Sea | |

| | | | |
|---|---|---|---|
| Ata | Domhn. Rogationadh | Cuig Seachduin | an diaidh an Caiſg. |
| | La'n Deaſghabhail | da fichiod La | |
| | Domhn. na Caingis | Seach Seachduin | |
| | Domhn. na Trinaid | Hochd Seachduin | |

Clar

## Clar nan Feisdibh uile ata re choimhead ann san Eaglais Shasganach feadh na Bliadhna.

Domhnich uile na Bliadhna.

Laeth nan Feisde an
- Teomcheol giarradh ar Tighearna.
- An Taisbeineadh.
- Iompachadh N. Phoil.
- Glanadh Oigh Muirre.
- N. Matthias Abstail.
- Teachdaireachd O. Muirre.
- N. Mhaircais Soisg.
- N. Phiiip agus Seomais.
- La'n Deasghabhail.
- N Bharnabas.

Dia Luan agus dia Mairt ann Seachduin na Caisg.

Laeth nan Feisde an
- Breith N. Eoin Absd.
- N. Pheadair Absd.
- N. Seomais Absd.
- N. Bartolomai Absd.
- N. Matta Absd.
- N. Michael agus uile Ainle.
- N. Lucas Soisg.
- N. Simon agus Jud Absd.
- Uile Naoimh.
- N. Aindrea Absd.
- N. Tomais Absd.
- Breith ar Tighearna.
- N. Stephein Mart,
- N. Eoin Soisg.
- Na Neochentach N.

Dea Luan agus dea Mairt anu Seachduin Caingis.

## Clar nan Bhigil, nan Feisde, agus Laeth trosgadh ata ran comhail san Bhliadhna.

Bhigil roimh.
- La Breith ar Tighearna.
- Glanadh Oigh Bean Mnirre.
- An Teachdearachd gus a'n Oigh Bean Muirre.
- La Caisg.
- La'n Deasghabhail.
- An Caingis.
- La N. Matthias.

Bhigil roimh.
- N. Eoin Baisde.
- N. Phedair.
- N. Seomais.
- N. Bartolomai.
- N. Matta.
- N Tomais.
- Uile Noaimh.

*Thoir fninear.* Mo tharlas oan er bi do na Laeth feisde so air Dia Luain, ata an Bhigil no'n La Trosg re chomhail air an Dia Sathuirne is faisge roimh.

---

## Laeth Troisg.

1. Da shichiod Laeth air Chargus.
2. Na Laeth Luaithreadth air na cair Raidh, se sin ra radh, an Diceadaoin an Diahaoine agus Dia Sathauirne an deigh.
3. Na tri Laeth Rogationedh, se sin ra radh, Dia Luain, Dia Mairt, agus Diciadaoin roimh, an Diardaoine Noamh, no Deasghabhail ar Tighearna.
4. Gach Diahaoine san Bhliadhna, Soar La Nollaic.

1. An ceud Domh. sa Chargus.
2. An Caingis.
3. An 14 do'n Seachmhi.
4. An 13 do'n Deichmhi.

---

## Laeth Sonruighte foilemte air son am bheil Urnuigh araidh air an ordugha.

1. An cuigibh La d'on Naoimhi, mar Cuimhnuichean an Chonspiod Phapanach.
2. An deichibh La thar shichiod do'n Ginmhair, mar cuimhnuichean Mhartearachd an ceud Righ Tearlach.
3. An Naoimh La thar shichiod do'n Maidh, mar Cuimhhuichean air Dreith agus aisiag an dara Righ Tearlach.
4. An cuigead La thar shichiod do'n Ochdmh air an thoisigh Riaghail shona Righ Deorsa an Treas.

Clar

## Clar eile air ſon ſhaoitin amaoh La na Caiſg go Brath.

### LITIR DIOMHNICH.

| Uibhar Oir. | A | B | C | D | E | F | G |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| I | Aib. 16 | 17 | 18 | 19 | 20 | 14 | 15 |
| II | Aib. 9 | 3 | 4 | 5 | 6 | 7 | 8 |
| III | Mar 26 | 27 | 28 | 20 | 23 | 24 | 25 |
| IV | Aib. 16 | 17 | 11 | 12 | 13 | 14 | 15 |
| V | Aib. 2 | 3 | 4 | 3 | 6 | Mart. 31 | Aib. 1 |
| VI | Aib. 23 | 24 | 25 | 19 | 28 | 21 | 22 |
| VII | Aib. 9 | 10 | 11 | 12 | 13 | 14 | 8 |
| VIII | Aib. 2 | 3 | Mart. 28 | 29 | 30 | 31 | Aib. 1 |
| IX | Aib. 16 | 17 | 18 | 19 | 20 | 21 | 2 |
| X | Aib. 6 | 10 | 11 | 5 | 6 | 7 | 8 |
| XI | Mar 26 | 27 | 28 | 2, | 30 | 31 | 5 |
| XII | Aib. 16 | 17 | 18 | 19 | 13 | 14 | 5 |
| XIII | Aib. 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | 7 | 8 |
| XIV | Mar 26 | 27 | 28 | 22 | 23 | 24 | 5 |
| XV | Aib. 16 | 10 | 11 | 12 | 13 | 14 | 5 |
| XVI | Aib. 2 | 3 | 4 | 5 | Mart. 30 | 31 | Aib. 1 |
| XVII | Aib. 23 | 24 | 18 | 19 | 20 | 21 | 22 |
| XVIII | Aib, 9 | 10 | 11 | d2 | 13 | 7 | 8 |
| XIX | Aib 2 | Mart. 27 | 28 | 29 | 30 | 31 | 1 |

CHUM feum a dheana do'n clar roi inſeadh, ſuigh Litir Domhnach na Bliadhna ſan loinne a's'airde, agus an Uibhar Oir na jonad ſein: agus mu choineamh ſin, ann 'ſan loinne cheudna, ſo'n Litir Domhnach gheibh thu an La do'n Mhios air do tharlaidh an Caiſg ſ'an Bhliadhna ſin. Ach thoir ſainear, gu bheil ainm a Mhios air an Laimh chli.

An

## An ORDUGH air URNUIGH MHAIDNE agus PHEASCAIR, a chum bhith air an leugha agus air an gnathacha gach La feadh na Bhliadhna.

BITHIDH 'n Urnuigh Mhaidne agus Fheaſcair air 'n cleachda ann an ioniad gnathuighd na Heaglas, n' Tſeapail, no ſanſal; mu ſe 'ſnach bith e an ordughadh arcir do Uchdir an aita ſin. Agus mairidh na Sanſail mar a bha iad ann s'na ham a chuaidh ſeachad,

Agus ann ſo tha e re thoirt ſainear, cum bith leirhed a Dhaileaganith na Heaglais agus nan Miniſtribh re uile ama m'friadhladh, air an cumail, agus air n'gnathachdh, mar bha iad ſa'n Eaglais Saſganach ſo, le Uchdaras Pharlamaint ann s'an dara Bhliadhna a Righeachd an Seathuith Righ Edard.

AN

# ORDUGH

# *NA H-URNUIGH MHAIDNE,*

## GACH LA S A' BHLIADHNA.

¶ Aig toiſeach na h-Urnnigh Mhaidne, leubhaidh a' Miniſteir le h-ard ghuth aon, no tuille, do na h-earruinibh ſo, do na ſcriobtuiribh a leanas: Agus an ſin their è an ni ſin ata ſcribhte an deigh na n-earruinean ceudna.

A'NUAIR a philleas an duine aingibh air ais o' n aingeach a rinn è, agus a ni è an nì ſin tha * dligheach agus ceart, Sabhailidh ſe anam beo. Eſec. xviii. 27.

Tha mi 'g aidèacha mo † lochdaibh, agus tha mo pheaca do 'ghna fa 'm chomhair. Sal. li. 3.

Faluich do ghnuis o'm' pheacannaibh, agus duth amach m' uil, aingeachd. Sal. li. 9.

'S iad iobairtean Dhe ſpiorad briſt: an cridhe briſt, agus brúite, O Dhe, cha déan ù di-mheas air. Rann. 17.

Reubaidh 'ur cridhe, agus ni h-iad bhur n-eudaichin, agus pillibh a dh-ionnſuidh an Tighearna bhur Dia; oir tha è ‡ iochdmhor agus trocaireach, mall a chum feirge, agus § lan do chaomhalachd, agus gabhuidh è aithreacheas o 'n olc. Joel. ii. 13.

Do 'n Tighearna ar Dia-ne buinibh trocairean agus maithenais, ge do rinn ſinne ceannairc 'na aghaibh: ni mo thug ſinn umhlachd do ghuth an Tighearna ar Dia, chum ſiubhal 'na reachdaibh a chuir è romhainn. Dhan. ix. 9. 10.



* laghail. † chiantaibh. ‡ gràſmhail. § palt ann canimhneas;

# An ORDUGH air URNUIGH MHAIDNE agus PHEASCAIR, a chum bhith air an leugha agus air an gnathacha gach La feadh na Bhliadhna.

BITHIDH 'n Urnuigh Mhaidne agus Fheaſcair air 'n cleachda ann an ioniad gnathuighd na Heaglas, n' Tſeapail, no ſanſal; mu ſe 'fhach bith e an ordughadh arcir do Uchdir an aita ſin. Agus mairidh na Sanſail mar a bha iad ann s'na ham a chuaidh ſeachad,

Agus ann ſo tha e re thoirt fainear, cum bith leithed a Dhaileaganith na Heaglais agus nan Miniſtribh re uile ama m'triadhladh, air an cumail, agus air n'gnathachdh, mar bha iad ſa'n Eaglais Saſganach ſo, le Uchdaras Pharlamaint ann s'an dara Bhliadhna a Righeachd an Seathuith Righ Edard.

AN

# ORDUGH

# *NA H-URNUIGH MHAIDNE,*

## GACH LA S A' BHLIADHNA.

¶ Aig toiſeach na h-Urnnigh Mhaidne, ¦leubhaidh a' Miniſteir le h-ard-ghuth aon, no tuille, do na h-earruinibh ſo, do na ſcriobtuiribh a leanas: Agus an ſin their è an ni ſin ata ſcribhte an deigh na n-earruinean ceudna.

A'NUAIR a philleas an duine aingibh air ais o' n aingeach a rinn è, agus a ni è an nì ſin tha * dligheach agus ceart, Sabhailidh ſe anam beo. Eſec. xviii. 27.

Tha mi 'g aidèacha mo † lochdaibh, agus tha mo pheaca do 'ghna fa 'm chomhair. Sal. li. 3.

Faluich do ghnuis o'm' pheacannaibh, agus duth amach m' uil, aingeachd. Sal. li. 9.

'S iad iobairtean Dhe ſpiorad briſt: an cridhe briſt, agus brúite, O Dhe, cha déan ù di-mheas air. Rann. 17.

Reubaidh 'ur cridhe, agus ni h-iad bhur n-eudaichin, agus pillibh a dh-ionnſuidh an Tighearna bhur Dia; oir tha è ‡ iochdmhor agus trocaireach, mall a chum feirge, agus § lan do chaomhalachd, agus gabhuidh è aithreacheas o 'n olc. Joel. ii. 13.

Do 'n Tighearna ar Dia-ne buinibh trocairean agus maithenais, ge do rinn ſinne ceannairc 'na aghaibh: ni mo thug ſinn umhlachd do ghuth an Tighearna ar Dia, chum ſiubhal 'na reachdaibh a chuir è romhainn. Dhan. ix. 9. 10.



* laghail. † chiantaibh. ‡ gràſmhail. § palt ann canimhneas.

O Thighearna, ſmachduich mi, ach le breitheanas; ni h-ann a' d'chorruich, an t-eagal gu'n dean û neimhh-ni dhiom. Jer. x. 24. Sal. vi. 1.

Deanuibh aithreachas; oir ata rioghachd neamh am fogus. Mhat. iii. 2.

Eiridh mi, agus theid mi dhionſuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaidh mi'n aghaidh Neamh, agus a' d lathair ſe, agus cha'n fhiu mi tuilleadh gu'n goirte do mhac dhiom. Lu. xv 18. 19.

Na tòiſich am breitheanas ri d' ſheirbheiſach, O Thighearna; oir ann a d' fhianuis cha bhi duine beo air fhireanacha'. Sal. cxliii. 2.

Ma their ſinn nach 'eil peacadh annainn, tha ſin 'g ar mealladh fein, agus ni bheil an fhìrinn annain. Ach ma dh-aidicheas ſinn ar peacaidh, tha eiſin fireanach, agus ceart a chum ar peacaidh a mhathadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhireantachd. 1 John, i. 8, 9.

A Bhraithrean ro iohnmhuin, tha 'n ſcriobtuir ann iomad àite 'g ar broſnuchadh chum lionmhoireachd, ar peacaidh agus ar n'aingeachdh aithneachadh agus aidmheil, agus nach bu chòir dhuinn a bhi gabhail an leiſgeil no ga 'm ſolach ann lathair Dhe uile chumhachdaich ar n-Athair neamhuidh, ach an aideachadh le cridhe umhal, irioſal, aithreachail agus uramach, chum gu 'm faigheamaid mhaitheanas ann' ta trid a mhòr mhaitheas agus a thròcair neo-chrìchnuighte. Agus ge bu chòir dhuinn air gach uile am ar peacaidh aideacha' gu h-irioſal am fianuis De, gidheadh is còir dhuinn gu ro araidh ſin a dheanamh a nuair a chruinnicheas agus a thig ſinn an ceann a chèile, chum buidheachas a thabhairt air ſon nan Sochairean mòra a ghabh ſin o laimh, a chliu ro luachmhor a chur an cèill, fhocal ro naomh eiſdeachd, agus a dhiarruidh nan nithe ſin ata § iomchuidh agus feumail, air ſon a chuirp co maith 's airſon an anama. Uime ſin guidhim agus cuirim a dh' achanaich oirbh, a mheid 's ata 'n ſo lathair, gu 'n rachadh ſibh maille rium-ſa le cridhe ſior--ghlan, agus le guth irioſal, gu righ-chathair a ghrais neamhuidh, ag radh am deigh-ſe.

¶ Aidmheil gnathuichte, a labhras an comthioual gu h-iomhlan, an deigh a Mhiniſteir, air bhi dhoibh uile air an gluinibh.

ATHAIR, uile chumhachdaich agus to throcairach, chaidh ſinn a' mearachd agus air ſeacharan o d' ſhlighidh mar chaoirich chaillte. Leann ſinn gu ro mhor innleachdan agus tograidh ar cridheàcha fein. Chiontuich ſinn an aghaidh do reachda'

§ riatanach.

reachda' naomho. Dh-fhag ſinn gun deanamh na nithe ſin bu chòir dhuinn a dheanamh, agus rinn ſinn na nithe ſin nach bu choir dhuinn a dheanamh, agus cha 'n 'eil Slainte annain.— Ach thuſa O Thighearna, dean trocair oirn, ciontaich thruagh. Caomhne iadſan, O Dhe, a dh-aidicheas an ciontaidh, tabhair air an ais iadſan a ni aithreachas; A rier do ghealladha a dh-fhoillſicheadh do 'n chinea-daoine ann Joſa Criosd ar Tighearna — Agus deonuich, O Athair a 's mo tròcair, air a ſga-ſan, gu 'm bi ſinn an deigh ſo aig caitheamh ar beatha gu diadhaidh, gu ſireanach, agus gu meaſura, Chum gloir t'ainm naomha. Amen.

¶ Am Fuaſgladh, no a maitheannas pheacanna a their àn Sagart ambain na ſheaſamh: air bhi do 'n phobul fathaſt air an gluinibh.

DIA uile chumhachdaich, Athair ar Tighearn' Joſa Criosd, le nach mian bas pheacaich, ach leis am b'fhearr è philleadh o aingeachd, agus a bhi beo; agus a thug cumhachd agus aithne d'a mhiniſteribh fuas gladh a-gùs maitheanas peacacih fhoillſeachadh agus a chuir an cèill d'a phobul air dhoibh aithreachas a dheanamh; Bheir è maitheanas agus fuaſgladh dhoibh ſin uile a ni fior aithreachas agus gun cheilg achreideas a ſhoiſgeul naomh. Uime, ſin guidhemid air gu'n deonuicheadh è dhuinn fior aithreachas, agus a Spiorad naomha, chum gu'm biodh na nithe ata ſinn à deanamh air an àm ſo taitneach leas, agus gu'm bi a chuid eile d' ar beatha an deigh ſo fior-ghlan agus naomh, chum as ſadheoidh gu'n d'thig ſinn g'a ghairdeachas ſiorruidh trid Joſa Criosd ar Tighearna.

¶ Freagraidh ann pobul an ſo, agus aig crich gach urnuigh eile. Amen.

¶ An ſiu ſleachdaigh a Miniſteir, agus their è urnuigh 'n Tighearna le guth àrd; air bhi do'n phobul mar an teudna air an gluinibh, agus aig radh urnuigh 'n Tighearna mar aon ris, araon ann ſo, agus an ſgach ait' eile do'n r-ſeirbhis dhiadhaidh ann ſan gnathuichear i.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaithes ſin, dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach faor ſinn o olc; oir is leat-ſa an rioghachd, agus a chumhuchd, agus a ghlòir, gu ſiorruidh, agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin mar an ceudna a their e.

O Thighearna, foſgail thuſa ar bilean.

*Freag.* Agus taiſbeinidh ar beul do chliu.

*Min.* O Dhe dean deifir d' ar faoradh.
*Freag.* O Thighearna, dean cabhag d'ar comhnadh.

¶ Ann fo air bhi dhoibh uile 'nan feafamh fuas, their an Sagart:

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac; agus do'n Spiriod naomh.

*Freag.* Mar bha air thus, ata a nis, agus a bhitheas gu fiorruidh Saoghal gun chrìch. Amen.

*Min.* Molaibh an Tighearna.
*Freag.* Biodh ainm an Tighearna air a mholadh.

¶ An fin a deirear, no feinni an t' Salm fo a leannas; ach ni'n feinnir e air domhnach na caifge, air am bheil falm eil air orducha, agus cha choir a leubhadh ann fo air an naoitheamh-la deug do mhios air bith, ach ann au ordu' gnathaichte uan Salm.

*Venite, exultemus Domino.*

Salm, xcv.

O Thighibh, Seinneimid do 'n Tighearna; deanamid gairdeachas gu Suibhir ann § carriag ar Slainte.

Thigemid a fteach 'n a lathair le breath-buidheachais; agus taifbeinmid finn fein aoibhneach ann fan le Salmaibh.

Oir is Dia mòr an Tighearna, agus Righ mòr os coinn nan uile dhee.

Ata uile chriochana talmhainn na laimh-fin; agus is leis neart nam beann mar an ceudna.

Is leifan an fhairge, agus rinn e ì; agus dhealbh a lamhan an talamh tioram.

O Thigihbh, deanamaid adhradh, agus tuitemid fios agus Slèuchdamaid ann lathair Jehobha ar Crui'fhear.

Oir is eifin an Tighearna ar Dia, agus is finne popul inealtraidh, agus caoirich a laimh.

An diu ma dh' eifdeas fibh a ghuth, na cruaidhichibh'ur cridheachan; mar ann s a'bhrofnuchadh, agus mar ann an la bhuairidh fan fhafach.

Nuair a bhuair 'ur n-aithreacha mi a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m 'oibre.

Re da-fhichiod bliadhna bha mi air mu ghraineacha leis a Ghinealach fo, agus a thuirt mi; Is pobul iad ata air Seacharan 'nan cridheachaibh cha robh eolas ac' air mo Shlighibh.

Do na mhionnaich mi a m' fheirg; nach rachadh iad a fteach d'om fhuaimhneas.

Gloir do'n Athair agus do 'n Mhac; agus do'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tús, anois ata, is bithidh gu brath; faoghal gun chrich. Amen.

¶ An

§ neart.

¶ An ſin leanuidh na Sailm an deigh a cheile mar ata iad air an orduchadh.--- Agus aig deireadh gach Sailm re na bliadhna, agus mar an ceudna an deigh *Benedicite*, *Benedictus*, *Magnificate*, agus *nunc dimittis* a deirear.

*Gloir do'n Athair agus do'n Mhac, &c.*

¶ An ſin leubhar guth foilleir le gut ſo chluinntinn, an ceud leaſan air a thoirt as an t'ſean tiomna, mar ata orduichte ann ſa ‖ Challandar, (mur'eil leaſan àraid air orduchadh air ſon an la ſin). air bhi do' neach ara leubhadh 'na ſheaſamh, agus 'g a thiontadh fein, air an doigh is fearr a chluinneas e leo-ſan uile ata lathair. Agus an deigh ſin, a deirir no ſeinnir ann Gaelic, an laoidh ris an abrar *Te Deum landamus* gach la ſad na bliadhna.

¶ Thoir fainear, roimh gach Leaſan gu n abair a Miniſteir, ann ſo ata *leithid ſo chaibdeil a' toiſeach, na raun do leithid ſo do chaibdeil do leithid ſo do leabhar*; agus an deigh gach leaſain, *ann ſo tha'n ceud, no an dara leaſam n' criochnachadh.*

## *Te Deum Laudamus.*

THN ſinn a' toirt molaidh dhuit O Dhe; tha ſinn a g' aidichidh gur tu an Tighearna.

Tha' an talamh uile a toirt adradh dhuit; an t-Athair bithbhuan.

Riut-ſa glaodhuidh na h-aingil uile gu h-ard; nà neamhan, agus gach cumhachd ata annta.

Riut-ſa tha na Cheraibim, agus Seraphim, aig eigheach do ghna.

Naomha, naomha, naomha, an Tighearna Dia nan Sluagh.

Tha neamh agus talamh lan do Mhòrachd; do ghloir.

Tha Comhthional glormhor nan Abſdol; 'a toirt molaidh dhuit.

Tha Co' chomunn ciatach nan faidhean a toirt moladh dhuit.

Sluagh uaſal nam Mairtereach; molaidh iad thu.

An Eaglais naomh air feadh an domhuin uile; aidichidh Si thu;

Athair; na Mòrachd gun chrìch.

T' aon Mhac; fior, agus urramach;

Mar an ceudna an Spiorad Naomh; an Comhfhuirt-fhear.

Is tuſa Righ na gloir; O Chrioſd.

Is tu Mac fiorruidh an Athar.

A' nuair a ghabh thu os laimh an Duine a ſhaoradh; cha bu ghraineil leat Broin na 'Oigh.

'Nuair thug thu buaigh air ‡ guin a bhais; dh'fhoſgail thu riaghachd neamh do na h-uile chreidmhich.

Tha thu a d' ſhuidhe air deas laimh Dhe; ann glòir an Athar.

Tha ſinn a creidſin gu'n d'thig thu, gu bhi d' bhreitheamh oirn.

Air

‖ mios chliar. ‡ Searbhas.

Air an abhar sin, guidhemid ort, cuidich do sheirbheisich; a shaor thu le d' fhuil mhor-luach fein.

Dean an aireamh maille re d' naoimh: ann glòir shiorruidh.

O Thighearna, sabhail do shluagh; agus beannuich t' oighsneachd.

‖ Stiuir iad; agus tug suas gu siorruidh iad.

O la gu la; ard-mholaidh sinn thu;

Agus bheir sinn adhradh do t' ainm do shior: saoghal gun chrich.

Deonuich O Thighearna; ar cumail an diu o pheaca.

O Thighearna dean tròcair oirn; dean tròcair oirn.

O Thighearna, thigeadh do thròcair a nuas oirn; mar ata ar n-earbs' annad.

O Thighearna, ann ad-sa chuir mi dòchas; na leig Uabhas orm gu brath.

¶ No 'n laoidh in *Benedicite omnia opera Domini.*

O Sibh-se uil' oibreadh an Tighearna; beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus arduichibh è gu siorruidh.

O Sibhs, Aingle an Tighearna, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus arduichibh è gu siorruidh.

O shlaitheise, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus arduichibh è gu siorruidh.

O Sibh-se uisgeacha, ata os cionn nan Speur, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O sibhs' uile Chumhachdan an Tighearna, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O a ghrian 's a ghealach, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus arduichibh è gu siorruidh.

O sibhs' a Reulta neimh, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O a fhrasan, agus a dhriùchd, beannuichibh an Tighearna; molaibh é agus àrduichibh é gu siorruidh,

O a ghaothanna Dhe, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O a Theine agus a Theas, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O a ghleamhra agus a Shamhra, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh e gu siorruidh.

O dhriùchd agus a sheotha, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O a Sheotha agus fhuachd, beannuichibh an Tighearna; molaibh è agus àrduichibh è gu siorruidh.

O

‖ Riaghlaich.

O Eith agus a Shneachd, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O Oidhcheanna agus a laeth, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O a ſholus agus a dhorachadus, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O a dhealanaich agus a mealtaibh, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O beannaichaibh an talamh an Tighearna ; seadh fòs molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſhleibhte, agus a bheanta ard, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O gach uile luidh uaine air an talamh, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhſe a thobraiche, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O a fhairgeachan agus a thuiltean, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhſe a mhuca-mara, agus gach uile nì a ghluaiſeas ann 'ſna h-uſgeachaibh, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O uile eunlaith an aidheir, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O uile anmhidh agus ſpreidh, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhs' a chlann nan daoine, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O beannuicheabh Iſrael an Tighearna : moladh iad è agus arduicheadh è gu ſiorruidh.

O ſibhs' a ſhagairt an Tighearna, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhs' a ſheirbheiſich an Tighearna, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhs' a ſpioraid agus anaman nam firein, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O ſibhs' a dhaoine naomh agus iriosal an oridhe, beannuichibh an Tighearna ; molaibh è agus arduichibh è gu ſiorruidh.

O Ananias, Aſarias, agus a Mhiſael, beannuichibh an Tighearna ; molaibh à agus arduichibh è gu ſiorruidh.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh ;

Mar bha 'n tùs, ata anois, agus a bhios gu ſiorruidh ; Saoghal gun chrich. Amen.

¶ An ſin, air an doigh cheudna leubhar an dara leaſan, air a' thoirt as an tiomna nuadh; agns an deigh ſin an laoidh a leanas; ach a nuair a tharlas d'i bhi air a leubhadh an ſa' chaibdeil air an la cheudna, no air ſon an t ſoiſgeil air la *Eoin baiſde.*

*Benedictus.* Lu. i. 68.

GU ma beannuichte 'n Tighearna Dia Iſrael; air ſon gu'n d' fhioſruich ſe agus gu'n do Shaor è a phobul fein;

Agus thog è ſuas dhuinne ſlainte threun; ann tigh Dhaibhi a Sheirbheiſeich fein.

A reir mar a labhair ſe le bèul fhàidhean naomha fein, a bha ann o' thoiſeach an t-ſaoghail.

A thabhairt ſaorſa dhuinn o ar naimhdibh; agus o laimh na muintir ſin uile leis am fuathach ſinn;

A choilionadh na tròcair a gheall è d' ar n-aithreachaibh; agus a chuimhneachadh a choi'-cheangail naomha fein;

A choi'lionadh a' mionn' a mhionnaich ſe d' ar ſinſir Abraham; gu'n d' thugadh è dhuinn;

Air bhi dhuinn air ar ſaoradh o laimh ar naimhdin; gu'n deanamaid ſeirbheis dha gun eagal;

Ann naomhachd agus ann am fireantachd 'n a lathair fein: uile laith' ar beatha;

Agus thus a leinibh, goirthear dhiot faidh an Ti is ro-airde; oir theid ù roimh' aghaidh an Tighearna a dh' ulluchadh a ſhlighe;

A thabhairt eolas ſlainte d' a phobull chum mhaitheanas 'n am peacaibh.

Tre chaomh throcair ro-mhòir ar De-ne; leis an d' fhioſraich an ùr-mhadain o'n ionad a 's àirde ſinn;

A thoirt ſoluis dhoibhs' ata 'n an ſuidh' ann dorchadas, agus ann ſgail a' bhais; agus a threorachadh ar caſan air ſlighe na sìth.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad naomh;

Mar bha 'n tùs, tha a nis agus agus a bhios gu ſiorruidh; ſaoghal gun chrìch. Amen.

¶ No an Salm ſo.

*Jubilate Deo.* Salm 100.

OBithibh aoibhneach ann ſa 'n Tighearna, a thirbh uile: deanaibh feirbheis do 'n Tighearna le h aiteas, agus thigibh a ſteach 'n a lathair le guth ciul.

Bithibh cinnteach gur h-è 'n Tighearna is Dia ann: 's eiſin a rinn ſinn, agus cha ſinn fein, is ſinne a ſhluagh agus caoirich ionaltraidh.

O Rachaibh a ſteach 'n a gheatuibh le breith-bhuidheachais, agus 'n a chuirtibh le cliu: bithibh taingeil dha, agus molaibh ainm.

Oir tha 'n Tighearna gràſmhor, tha thròcair mairtheanach, agus fhìrin buan o ghinealach gu ghinealach.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad naomh;

Mar bha ann tùs, ata nis, agus a bhitheas, gu brath: Saoghal gun chrich.

¶ Ann ſinn ſeinnir na theirear Creud nam Abſdol leis a Mhiniſteir, agus leis an t' ſluagh na'n ſeaſamh. Ach ni h-ann air na laethibh air an d' orduicheadh Creud N. *Atnanaſius* do leughadh.

CReidim ann Dia ant Athair uile chumhachdach, Cruithfhear neimh agus talmhain: Agus ann Joſa Crioſd aon Mhac ſan ar Tighearna; Neach a ghabhadh leis an Spiorad Naomha, A rugadh leis an Oigh Muire; A dh' fhuiling fo Phonſius Pilat, Do cheuſa, do fhuair bàs, do adhlaiceadh. Chaidh è ſios do dh' Ifrionn; Air an treas la Dh' eirich è rìs o na mairbh, Chaidh è ſuas air neimh, agus ata ſè na ſhuidhe air deas laimh Dhe, 'n Athair uile chumhachdaich; a' ſin thig e thoirt breith air bheothaibh agus air mharbhaibh.

Creidim ann ſan Spiorad Naomh: an Eaglais Naomh choitchinn; Co-chomunn nan Naomh; Maitheanas na 'm peacanna; Aiſeirigh na colla. Agus a bheatha mhairtheanach. Amen.

¶ Agns an deigh ſin, na 'n urnuighean ſo a leanas, air bhi do 'n t ſluagh uile gu crabhach, oir an gluinibh, a Miniſteir, air thus aig radh le guth ard.

Gu'n raibh an Tighearna maille ribh.
*Freag.* Agus maille re do Spioradſa.
*Mi.* ¶ Deanamaid urnuigh.
*A* Thighearna dean tròcair òirn.
A *Chrioſd dean trocair oirn.*
*A* Thighearna dean tròcair òirn.

¶ An ſin their a' Miniſteir, an cleirich agus an ſluagh urnuigh an Tighearna le guth ard.

AR n Athair ata air Neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deannar do thoil air an talamh mar a dheantair air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar 'n aran lathail. agus maith dhuinn ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſinne dhoibhſin a chiontuicheas n ar n-aghaidh Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

¶ An fin their a Miniſteir 'n a Sheaſamh.

O Thighearna, taiſbean dhuinn do thròcair.
*F.* Agus deonuich dhuinn do ſhlainte.
*M.* O Thighearna ſabhail an Riogh.
*F.* Aguseifd ruinne gutrocaireach,a nuair a ghairmeas ſinn ort
*M.* Sgeudaich do Mhiniſteirin le fìreantachd.
*F.* Agus dean do ſhluagh taoghta fein aoibhneach:
*M.* O Thighearna, ſàbhail do ſhluagh.
*F.* Agus beannuich t oighreachd fein.
*M.* Thoir fiochaidh r' ar lin-ne, O Thighearna.
*F.* Do bhrì nach 'eil neach air beith eile ata eogadh air ar ſon, ach thus amhain, O Dhe.
*M.* O Dhe, glan ar cridheachan an taobh a ſtigh dhinn.
*F.* Agus na tabhair uainn do Spioradh naomha.

¶ An ſin leanuidh tri gear-urnuigh: A cheud aon a bhuineas don la 'Si ſin, an aon cheadna tha air a h orduchadh aig a chomanach; an dara aon air ſon ſith; an treas aon air ſon grais gu beatha chaithe gu maith. Agus cha chaochlar a chaoidh an da urnuigh dheirionnach, ach theirear iad gach la, aig urnuigh ra maidne, re na bliadhna gu hiomlan; mar a leanas; air bhi do'n t ſluagh uile air an glunibh.

¶ An dara gear Urnuigh aig iarruidh Sith.

O DHE, ata a 't ughdar ſioth-chaimh, agu leis an gradhach rèite, ann an eolas ortſa ata ar beatha ſhiorruidh a' coſheaſamh, agus do ſheirbheis na ſaorſa iomlan; Dion ſinne do Sheirbheiſich irioſal o uile ionſuidh ar naimhdin, chum oirne aig am bheil dochas daingean ann do thearmann, nach biodh eagal a'neart eaſcairde air bith, tre cumhach Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An treas Urnuigh aig iarruidh grais.

O THIGHEARNA ar n Athair neamhuidh, a Dhe ſhioruidh agus uile chumhachdaich, a thug ſinn gu tearuinte gu toiſeach an la 'n diu; dion ſinn air an la ſo le d' mhor chumhachd; agus deonuich nach tuit ſinn an peaca air bith air an la n diu, agus nach ruith ſinn ann gne air bith do chunnart, ach gu'm bi ar uile dheanadas air an orducha' le d' ſtiuradh fein, chum 's gu'n dheanamaid do gna a ni ſin ata ſirineach ann a d' ſhealla, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Ann Coraidibh agus ann àitibh an deanair ſeinn, ann ſo a leanas an laoidh mholaidh.

¶ An ſin leughar na cuig urnuighean ſo a leanas, ach amhain an tam a leughar an achanaich agus ann ſinn lèughar an da urnuigh dheirionach amhain, mar ata iad ann ſin air an cur ſios.

¶ Urnuigh air ſon moṙachd an Righ.

O THIGHEARNA ar n Athair neamhuidh, ard agus chumhachdach, Righ nan Righreadh, agus Tighearna nan Tighearna, aon fhear-riaghluidh na 'm prionſuidhe, a chi o d' righchathair uile luchd aitecha' 'n talmhuin; guidheamaid ort gu ro-dhùrachdach, gu'n ſealladh tu ann do ghean maith air ar n ard nachdaran ro ghraſail Riogh DEORSA, agus lion è le gras do Spioraid naomh, chum gu'n aom è do ghna dh' ionſuidh do thoil, agus gu'n gluais è ann do ſhlighe: Builich air gu pailt tiolaca neamhuidh, tabhair dha faoghal fada ann ſlainte agus ann ſaibhreas, neartuich e chum 's gu ceanſuich agus gu'n tabhair e buaidh air a' naimhuidh uile; agus fa dheoidh an deigh na beatha ſo, deonuich dha ſeilbh air ſolas agus ſonnas ſiorruidh, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh air ſon an teaghlaich rioghail.

ADHE uile chumhachdaich, tobar nan uile mhaitheas, tha ſin gu h irioſal a' guidhe, ort gu'm beannuiche tu ar banrigh ghraſail SHARLOT, an t-ard uaſal rioghail DEORSA, Prionſa UALS, agus an teaghlach rioghail gu hiomlan: Lion iad le d' Spioraid naomh; dean ſaibhir iad le d' ghras neamhuidh; ſoirbhich iad leis gach uile ſhonnas; agus tabhair iad a chum do rioghachd ſhiorruidh, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnugh air ſon na cleire agus a phobul.

ADHE uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, ata amhain a deanamh miorbhuile mora; cuir a nuais Spiorad ſlainteil do ghraſa air ar n Eaſbuigean agus Mhiniſteirin, agus air gach uile cho-thionnal ata fo'n cùram; agus doirt orra driuchd bhichionta do bhennachd, chum gu'n toillich iad thu gu ceart. Deonuich ſo, O Thighearna, chum onair air ar Fear-tagraidh agus arn Eidir mheadhon-fhear Joſa Crioſd. Amen.

¶ Urnuigh le Naoimh Chriſoſtom.

ADHE uile chumhachdaich, a thug gras dhuinn air ân am ſo ar n achanaich choitcheann a dheanamh riutſa le aon intinn, agus ata gealltuin, an tra chruinnicheas dithis no triuir ann a cheile ann a d' ainm, gu 'n deonuicheadh tu an guidhe; coi'lion anois O Thighearna, mianna agus iartuis do ſheirbheiſeach, mar is ro iomchuidh dhoibh; á tabhairt dhuinn ann ſan t-ſaoghal ſo eolas air t-fhirinn, agus ann ſa 'n t-ſaoghal ata re

teachd a bheatha mhairtheanach. Amen.

2 *Cor.* xiii, 14.

GRás ar Tighearna Josa Criosd, agus Grádh Dhe, agus cochomunn an Spioraid Naoimh, gu raibh maille ruinn uile gu Siorruidh. Amen.

*Ann so chriochnuicheas Ordugh Urnuigh na Mhaidne feadh na bliadhna.*

ORDUGH

# ORDUGH

# *NA H-URNUIGH FHEASCAIR*

## GACH LA S A' BHLIADHNA.

¶ Aig toiſeach na h-Urnnigh Fheaſcair, leughaidh a' Miniſteir le h-ard ghuth aon, no tuille, do na h-earruinibh ſo, do na ſcriobtuiribh a leanas: Agus an ſin their è an ni ſin ata ſcribhte an deigh na n-earruinean ceudna.

A'NUAIR a philleas an duine aingibh air ais o' n aingeach a rinn è, agus a ni è an nì ſin tha * dligheach agus ceart, Sabhailidh ſe anam beo. Eſec. xviii. 27.

Tha mi 'g aidèacha mo † lochdaibh, agus tha mo pheaca do 'ghna fa 'm chomhair. Sal. li. 3.

Faluich do ghnuis o'm' pheacannaibh, agus duth amach m' uil aingeachd. Sal. li. 9.

'S iad iobairtean Dhe ſpiorad briſt: an cridhe briſt, agus brúite, O Dhe, cha déan ù di-mheas air. Rann. 17.

Reubaidh 'ur cridhe, agus ni h-iad bhur n-eudaichin, agus pillibh a dh-ionnſuidh an Tighearna bhur Dia; oir tha è ‡ iochdmhor agus trocaireach, mall a chum feirge, agus § lan do chaomhalachd, agus gabhuidh è aithreacheas o 'n olc. Joel. ii. 13.

Do 'n Tighearna ar Dia-ne buinibh trocairean agus maithenais, ge do rinn ſinne ceannairc 'na aghaibh: ni mo thug ſinn umhlachd do ghuth an Tighearna ar Dia, chum ſiubhal 'na reachdaibh a chuir è romhainn. Dan. ix. 9. 10.

O

* laghail. † chiantaibh. ‡ gràſmhail. § palt ann canimhneas:

O Thighearna, ſmachduich mi, ach le breitheanas; ni h-ann a' d'chorruich, an t-eagal gu'n dean û neimh-ni dhiom. Jer. x. 24. Sal. vi. 1.

Deanuibh aithreachas; oir ata rioghachd neamh am fogus. Mhat. iii. 2.

Eiridh mi, agus theid mi dhionſuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaidh mi'n aghaidh Neamh, agus a' d lathair ſe, agus cha'n fhiumi tuilleadh gu'n goirte do mhac dhiom. Lu. xv. 18. 19.

Na tòiſich am breitheanas ri d' ſheirbheiſeach, O Thighearna; oir ann a d' fhianuis cha bhi duine beo air fhireanacha'. Sal. cxliii. 2.

Ma their ſinn nach 'eil peacadh annainn, tha ſin 'g ar mealladh fein, agus ni bheil an fhirinn annain. Ach ma dh-aidicheas ſinn ar peacaidh, tha eiſin fireanach, agus ceart a chum ar peacaidh a mhathadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhireantachd. 1 John, i. 8, 9.

A Bhraithrean ro ionmhuin, tha 'n ſcriobtuir ann iomad àite 'g ar brosnuchadh chum lionmhoireachd, ar peacaidh agus ar n'aingeachdh aithneachadh agus aidmheil, agus nach bu chòir dhuinn a bhi gabhail an leiſgeil no ga 'm ſolach ann lathair Dhe uile chumhachdaich ar n-Athair neamhuidh, ach an aideachadh le cridhe umhal, iriosal, aithreachail agus uranach, chum gu 'm faigheamaid mhaitheanas ann' ta trid a mhòr mhaitheas agus a thròcair neo-chrìchnuighte. Agus ge bu chòir dhuinn air gach uile am ar peacaidh aideacha' gu h-iriosal am fianuis De, gidheadh is còir dhuinn gu ro araidh ſin a dheanamh a nuair a chruinnicheas agus a thig ſinn an ceann a chèile, chum truidheachas a thabhairt air ſon nan Sochairean mòra a ghabh ſin o a laimh, a chliu ro luachmhor a chur an cèill, fhocal ro naomh aiſdeachd, agus a dhiarruidh nan nithe ſin ata § iomchuidh agus feumail, air ſon a chuirp co maith 's airſon an anama. Uime ſin guidhim agus cuirim a dh' achanaich oirbh, a mheid 's ata 'n ſo lathair, gu 'n rachadh ſibh maille rium-ſa le cridhe ſior--ghlan, agus le guth iriosal, gu righ-chathair a ghrais neamhuidh, ag radh am deigh-ſe.

§ Aidmheil gnathuichte, a labhras an comhthional gu h-iomhlan, an deigh a Mhiniſteir, air bhi dhoibh uile air an gluinibh.

ATHAIR, uile chumhachdaich agus ro throcairach, chaidh ſinn a' mearachd agus àir ſeacharan o d' ſhlighibh mar chaoirich chaillte. Leann ſinn gu ro mhor innleachdan agus tograidh ar cridheacha fein. Chiontuich ſinn an aghaidh do reachda'

§ riatanach.

reachda' naomha. Dh-fhag ſinn gun deanamh na nithe ſin bu chòir dhuinn a dheanamh, agus rinn ſinn na nithe ſin nach bu choir dhuinn a dheanamh, agus cha 'n 'eil Slainte annain.— Ach thuſa O Thighearna, dean trocair oirn, ciontaich thruagh. Caomhain iadſan, ODhe, a dh-aidicheas an ciontaidh, tabhair air an ais iadſan a ni aithreachas; A rier do ghealladha a dh-fhoillſicheadh do 'n chinea-daoine ann Joſa Crioſd ar Tighearna.— Agus deonuich, O Athair a 's mo tròcair, air a ſga-ſan, gu 'm bi ſinn an deigh ſo aig caitheamh ar beatha gu diadhaidh, gu ſireanach, agus gu meaſura, Chum gloir-t'ainm naomha. Amen.

¶ Am Fuaſgladh, no a maitheannas pheacanna a their àn Sagart amhain na ſheaſamh: air bhi do 'n phobul fathaſt air an gluinibh.

DIA uile chumhachdaich, Athair ar Tighearn' Joſa Crioſd, le nach mian bas pheacaich, ach leis am b'fhearr è philleadh o aingeachd, agus a bhi beo; agus a thug cumhachd agus aithne d'a mhiniſteribh fuas-gladh agùs maitheanas peacaich fhoillſeachadh agus a chuir an cèill d'a phobul air dhoibh aithreachas a dheanamh; Bheir è maitheanas agus fuaſgladh dhoibh ſin uile a ni fior aithreachas agus gun cheilg a chreideas a ſhoiſgeul naomh. Uime, ſin guidhemid air gu'n deonuicheadh è dhuinn fior aithreachas, agus a Spiorad naomha, chum gu'm biodh na nithe ata ſinn à deanamh air an àm ſo taitneach leas, agus gu'm bi a chuid eile d' ar beatha an deigh ſo fior-ghlan agus naomh, chum as fadheoidh gu'n d'thig ſinn g'a ghairdeachas ſiorruidh trid Joſa Crioſd ar Tighearna.

¶ Freagraidh ann pobul an ſo, agus aig crich gach urnuigh eile. Amen.

¶ An ſin ſleachdaigh a Miniſteir, agus their è urnuigh 'n Tighearna le guth àrd; air bhi do'n phobul mar an ceudna air an gluinibh, agus aig radh urnuigh 'n Tighearna mar aon ris, araon ann ſo, agus aſi ſgach ait' eile do'n t-ſeirbhis dhiadhaidh ann ſan gnathuichear i.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin, dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc; oir is leat-ſa an rioghachd, agus a chumhachd, agus a ghlòir, gu ſiorruidh, agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin mar an ceudna their e.

O Thighearna, foſgail thuſa ar bilean.

*Freag.* Agus taiſbeinidh ar beul do chliu.

*Min.*

*Min.* O Dhe dean deifir d' ar ſaoradh.

*Freag.* O Thighearna, dean cabhag d'ar comhnadh.

¶ Ann ſo air bhi dhoibh uile 'nan ſeaſamh ſuas, their an Sagart:

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac; agus do'n Spiorad naomh.

*Freag.* Mar bha air thus, ata a nis, agus a bhitheas gu ſiorruidh Saoghal gun chrìch. Amen.

*Min.* Molaibh an Tighearna.

*Freag.* Biodh ainm an Tighearna air a mholadh.

¶ An ſin a deirear, no ſeinnir no Sailm an deigh a cheile mar ata iad air an orduchà'. An ſin leaſan do'n t ſean tiomna mar ata orduichte. Agus an deigh ſin *Magnificat*, (no laoidh na h oigh bheannuichte Muire) ann Gælic, mar a leannas.

*Magnificat. N. Luc.* i, 46.

ATA m' anam ag àrd-mholadh an Tighearna; Agus rinn mo Spiorad gairdeachas ann Dia mo ſhlanuiſhear.

Do bhrì gu 'n d' amhairc ſe; air ſtaid ioſail a bhan-oglaich.

Oir feuch, o ſo ſuas goiridh gach linn beannuichte dhiom.

Oir do rinn an Ti ata chumhachdach nithe mora dhamh-ſa; agus is naomha ainm.

Agus ata a thròcair o linn gu linn; do 'n droing d' an eagal è.

Nochd ſe neart le ghairdin; Scap è na h uaibhrich ann ſmuaintibh an croidhe fein.

Chur è ſios na daoine cumhachdach as an cathair; Agus dh' arduich's na daoin' umhla agus macanta.

Lion è 'n droing a bha ocrach le nithibh maith; agus chuir ſe uaithe na daoine ſaibhir, folamh.

Rinn ſé comhnadh re Iſrael a ſhearbhanta fein, an cuimhneachadh air a throcair; Mar a gheall ſé d' ar n-aithreachaibh, do dh' Abraham agus d' a Shliochd gu brath.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac; agus do'n Spiorad Naomh:

Mar bha 'n tùs, ata a nis, a bhitheas gu brath: Saoghal gu'n chrich. Amen.

¶ No an Salm ſo, mur tachair e air a' naoitheamh-la deng do 'n mhios, 'nuair a leughar e ann ordugh cumanta nan Salm.

*Cantate Domino.* Salm xcviii.

OSeinnibh do'n Tighearna òran nuadh; oir rinn è nithe iongantach.

Le a laimh dheis fein, agus le ghairdin naomh, thug è buaigh amach dha fein.

Do

Do dh-fhoillſich an Tighearn' a ſhlainte ; thaiſbein è fhìrinteachd gu ſoilleir am fiadhnais nan geintileach.

Chuimhnich ſè a thròcair agus fhìrinn do thigh Iſrael : agus chunnaic criochan an t-ſaoghail uile Slainte ar Dia-ne.

Taiſbeinibh ſibh fein luath-ghaireach do 'n Tighearn, a thalamh uile; Seinnibh, deanaibh gairdeachas, agus thugaibh buidheachas.

Molaibh an Tighearn' air a chlàrſaich ; ſeinnibh do 'n chlarſaich le Salm buidheachais.

Le trompaidibh mar an cèudna, agus le cornaidibh : O taiſbeinibh ſibh ſein luath-ghaireach an làthair an Tighearna an Righ

Deanabh an fhairge fuaim, agus gach nì 'ta innte ; an cruinne cuairt, agus iadſan a chomhnuicheas ann.

Buaileabh na tuilte am baſa re cheile, agus deanabh na beantan luath-ghàir am fia'nuis an Tighearna: oir tha è teachd thoirt breith air an talamh.

Le fìreantachd bheir e breith air an t ſaoghal ; agus air a phoball le h-ionracas.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh ;

Mar bha air tùs, ata anois, agus bhitheas gu brath ; Saoghal gun chrich. Amen.

¶ An ſin leaſean do 'n Tiomna nuadh, mar ata e orduichte : Agus an deigh ſin *Nunc Demittis* (no Laoidh Shimeoin) an Gaelic, mar a leanmas.

*Nunc Dimittis.* N. Luc. ii. 29.

A Nois, a Thighearna, ata thu leigeadh do d' ſhearbhanta ſiubhal ann Sith, a reir t-fhocail.

Oir chunnaic mo ſhuile ; do ſhlainte.

A dh' ull' uich thu roimh ghnuis nan uile phobull ;

Gu bhi na ſholus a ſhoillſeachadh nan Geintileach ; agus na Ghloir do d' phobull fein Iſrael.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac ; agus do 'n Spiorad Naomh ;

Mar bha air tùs, ata anois, agus bithidh gu brath ; Saoghal gun chrich. Amen.

¶ No an Salm ſo, mar tachair e air dara-le-deug do 'n *M*hios.

*Deus Miſereatur.* Sal. lxvii.

GU rabh Dia tròcaireach dhuinn agus gu 'n beannuicheadh è ſinn ; agus gu 'n taiſbeineadh è dhuinn Solus a ghnuis, agus gu 'n deanadh è tròcair oirn.

Chum gu'm bi do ſhlighe aithnichte air an talamh: do ſhlainte ſhòlaſach a meaſg nan uile chinneach.

Molabh an pobull thù, O Dhe; moladh an pobull uile thù.

O Deanabh na cinnich gairdeachus agus bi'd aoibhneach: oir bheir thu breith air an t ſluagh gu ceart, agus riaghlaidh tu na cinnich air an talamh.

Moladh an pobull thu, O Dhe; moladh an pobull uile thu.

An ſin bheir an talamh amach a' toradh; agus bheir Dia, eadhoin ar Dia-ne, dhuinn a beannucha'.

Beannuichidh Dia ſinn; agus bithidh eagal ſan air criochaibh an t'ſaoghal uile.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad naomh;

Mar bha ann tùs, ata nis, agus a bhitheas, gu brath: Saoghal gun chrich.

¶ Ann ſinn deirar no ſeinnir Creud nan Abſdail, leis a Mhiniſteir, agus leis an t' ſluagh, nan ſeaſamh.

GReidim ann Dia an tAthair uile chumhachdach, Cruithfhear neimh agus talmhain: Agus ann Joſa Crioſd aon Mhac ſan ar Tighearna; Neach a ghabhadh leis an Spiorad Naomha, A rugadh leis an Oigh Muire; A dh' fhuiling fo Phonſius Pilat, Do cheuſa, do fhuair bàs, do adhlaiceadh. Chaidh è ſios do dh Ifrionn; Air an treas la Dh' eirich è rìs o na mairbh, Chaidh è ſuas air neimh, agus ata ſè na ſhuidhe air deas laimh Dhe, 'n Athair uile chumhachdaich; a' ſin thig e thoirt breith air bheothaibh agus air mharbhaibh.

Creidim ann ſan Spiorad Naomh: an Eaglais Naomh choitchinn; Co-chomunn nan Naomh; Maitheanas na 'm peacanna; Aiſeirigh na colla. Agus a bheatha mhairtheanach. Amen.

¶ Agns an deigh ſin, na h urnuighean ſo a leanas, air bhi do 'n t ſluagh uile gu crabhach air an gluinibh, a Miniſteir, air thus aig radh le guth ard.

Gu'n raibh an Tighearna maille ribh.

*Freag.* Agus maille re do Spioradſa.

*Mi.* ¶ Deanamaid urnuigh.

*A* Thighearna dean tròcair òirn.

A *Chriosa dean trocair oirn.*

*A* Thighearna dean tròcair òirn.

¶ An ſin their a' Miniſteir, an cleirich agus an ſluagh urnuigh an Tighearna le guth ard.

AR n Athair ata air Neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deannar do thoil air an talamh mar

a dheantair air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar 'n aran lathail. agus maith dhuinn ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſinne dhoibh-ſin a chiontuicheas n ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

¶ An ſin, air bhi do 'n Mhiniſteir na Sheaſamh, a deir ſe.

O Thighearna, taiſbean dhuinn do thròcair.
*F.* Agus deonuich dhuinn do ſhlainte.
*M.* O Thighearna ſabhail an Riogh.
*F.* Agus eiſd rüinne gu trocaireach, a nuair a ghairmeas ſinn ort
*M.* Sgeudaich do Mhiniſteirin le ſìreantachd.
*F.* Agus dean do ſhluagh taghta ſein aoibhneach.
*M.* O Thighearna, ſàbhail do ſhluagh.
*F.* Agus beannuich t oighreachd fein.
*M.* Thoir ſiochaidh ſ' ar lin-ne, O Thighearna.
*F.* Do bhrì nach 'eil neach air beith eile ata cogadh air ſon, ach thus amhain, O Dhe.
*M.* O Dhe, dean ar cridheachan glan an taobh a ſtigh dhinn.
*F.* Agus na tabhair uainn do Spiorad naomha.

¶ An ſin leanuidh tri Urnuighean. A cheud Urnuigh an la ſein; an dara Urnuigh air ſon fith; an treas urnuigh air ſon comhna' ann aghaidh gach cunnart, mar a leanas an deigh ſo; theirear an da urnuigh dheireanach gach la aig an urnuigh fheaſcair gun atharachadh.

¶ An dara urnuigh aig an urnuigh fheaſcair.

O DHE, o'm bheil gach togradh-naomh gach deagh chomh-airle, agus gach obair cheart aig ſtrutha; tabhair do d' ſheirbheiſich an t ſiothchaidh ſin nach urrain an ſaoghal a thoirt ſeachad, chum 's gu 'm bi ar cridheachan air an ſuidheacha gu umhlachd thoirt do d' aitheantan, agus mar an ceudna air bhi dhuinn air ar dion leatſa o' eagal ar naimhdin, gu 'n caitheamaid ar n-aimſir ann ſois agus ann ſuaimhneas, tre thoiltinis Joſa Crioſd ar Slanuì' fhear. Amen.

§ An treas urnuigh air ſon comhnadh an aghaidh gach cunnart.

O THIGHEARNA, guidheamaid ort, foillſich ar dorachadas, agus le d' mhòr-thròcair dion ſinn o gach uile ghabha agus cunnartan na h oidhche ſo, tre ghràdh t-aon ghinn Mhic ar Slanuì' fhear Joſa Crioſd. Amen.

¶ Ann Coraidibh agus ann ionnadaibh an deanair ſeinn, ann ſo a leanas an laoidh mholaidh.

¶ Urnuigh air ſon morachd an Righ.

OTHIGHEARNA ar nAthair neamhuidh, ard agus chumhachdach, Righ nan Righreadh, agus Tighearna nan Tighearna, aon fhear-riaghluidh na 'm prionſuidhe, a chi o d' righchathair uile luchd aitecha' 'n talmhuin; guidheamaid ort gu ro-dhùrachdach, gu'n ſealladh tu ann do ghean maith air ar n ard uachdaran ro ghraſail Riogh DEORSA, agus lion è le gras do Spioraid naomh, chum gu'n aom è do ghna dh' ionſuidh do thoil, agus gu'n gluais è ann do ſhlighe: Builich air gu pailt tiolaca neamhuidh, tabhair dha ſaoghal ſada ann ſlainte agus ann ſaibhreas, neartuich e chum 's gu ceanſuich agus gu'n tabhair e buaidh air a' naimhdibh uile; agus ſa dheoidh an deigh na beatha ſo, deonuich dha ſeilbh air ſolas agus ſonas ſiorruidh, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh air ſon an teaghlaich rioghail.

ADHE uile chumhachdaich, tobar nan uile mhaitheas, tha ſin gu h irioſal a' guidhe, ort gu'm beannuiche tu ar banrigh ghraſail SHARLOT, an t-ard uaſal rioghail DEORSA, Prionſa UALS, agus an teaghlach rioghail gu hiomlan: Lion iad le d' Spioraid naomh; dean ſaibhir iad le d' ghras neamhuidh; ſoirbhich iad leis gach uile ſhonas; agus tabhair iad a chum do rioghachd ſhiorruidh, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnugh air ſon na cleire agus a phobull.

ADHE uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, ata amhain a deanamh miorbhuile mora; cuir a nuas Spiorad ſlainteil do ghraſa air ar n Eaſbuigean agus Mhiniſteirin, agus air gach uile choi-thionnal ata fo'n cùram; agus doirt orra driuchd bhichionta do bheannachd, chum gu'n toillch iad thu gu ceart. Deonuich ſo, O Thighearna, chum onair ar Fear-tagraidh agus ar n Eidir mheadhon-fhear Joſa Criofd. Amen.

¶ Urnuigh le Naoimh Chriſoſtom.

ADHE uile chumhachdaich, a thug gras dhuinn air ân am ſo ar n achanaich choitcheann a dheanamh riutſa le aon intinn, agus ata gealltuin, an tra chruinnicheas dithis no triuir ann cionn a cheile ann a d' ainm, gu 'n deonuicheadh tu an guidhe; coi'lion anois O Thighearna, mianna agus iartuis do ſheirbheiſeach, mar is ro iomchuidh dhoibh; á tabhair dhuinn ann ſan t-ſaoghal ſo eolas air t-fhirinn, agus ann ſa 'n t-ſaoghal ata re teachd

teachd a bheatha mhairtheanach. Amen.

2 *Cor.* xiii, 14.

GRas ar Tighearna Joſa Crioſd, agus Grádh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, gu raibh maille ruinn uile gu Siorruidh. Amen.

*Ann ſo chriochnuicheas Ordugh Urnuigh na Mhaidne feadh na bliadhna.*

---

## AN CREUD N. ATHANASIUS.

¶ Air na Feiſdibh ſo; La Nolaic, Epiphani, no La chinn an da la dheug, N. Mhatthias, La na Caiſge, La 'n deaſghabhala, Diadonaieh caingis, N. Eoin Baiſte, N. Sheumais, N. Phartholon, N. Mhatha, N. Shimeoin, N. Jud. N. Aindreas, agus air Domhnach na Trionaid, Seinnir no theirear aig urnuigh na maidne, an aidmheil ſo air ar Creideamh Chrioſduigh, d' an goireir gu coitchion Creud N *athanaſius*, ann aite creud nan Apſtol, leis a Mhiniſteir agus leis a phobull nan ſeaſamh.

*Quicunque vult.*

CO air bith leis am bail bhi air a ſhàbhala: roimh gach nì tha è feumail gu'n cumadh è a Chreidimh choitchinn.

Ach mur gleidh gach neach an chreideamh ſo gu h-iomlan gun truaileadh; gun teagamh theid è a mugha gu ſiorruidh.

Agus 's i ſo a chreidimh choitchion: Gu 'n tugamaid adhradh do dh-aon Dia ann Trionaid, agus Trionaid ann aonach;

Gun bhi coimeaſga nan pearſana, no roinn an natair.

Oir ata aon phearſa, do 'n Athair, pearſa eile do 'n Mhac; agus pearſa eile do 'n Spiorad Naomh.

Ach Dia-achd an Athar, a Mhic, agus an Spiorad Naomh is aon ì uile; an Gloir co-ionnan, a' mòrachd co-thiorruidh.

Mar ata an t-Athair, mar ſin ata a' Mhac; agus mar ſin ata 'n Spiorad Naomh.

Gun chruthacha' an t-Athair, gun chruthaacha' a' Mhac; agus gun chruthachadh an Spiorad Naomh.

An t-Athair neimh-chuartuichte, a' Mac Neimh-chuartuichte: agus an Spiorad Naomh neimh-chuartuichte.

An t-Athair ſiorruidh, a' Mac ſiorruidh; agús an Spiorad Naomh ſiorruidh.

Gidheadh cha tri ſhiorruidh iad ach aon ſiorruidh.

Mar an ceudna cha 'n 'eil iad tri neìmh-chuartuichte, na tri neimh-chruthaichte; ach nan aon neimh-chruthaichte, agus nan aon neimh-chuartuichte.

Mar an ceudna, ata an t-Athair uile chumhachdach, a' Mac uile chumhachdach, agus an Spiorad Naomh uile chumhachdach.

Gidheadh cha tri uile-chumhachdaich, ach ann uile chumhachdach, iad.

Mar ſo is Dia an t-Athair, is Dia a' Mhac, agus is Dia an Spiorad Naomh.

Agus gidheadh cha tri Dee iad ach aon Dia.

Mar an ceudna is Tighearna an t Athair, is Tighearna à Mhac; agus is Tighearna an Spiorad Naomh.

Agus gidheadh cha tri Tighearna, ach aon Tighearna iad.

Oir amhail as mar ata ſinn air ar co-eighneacha' leis an fhirin Chriosduidh; aid eacha' gu bheil gach pearſa fa leith na Dhia, agus na Thighearna;

Mar ſin ata è air a thoirmeaſg dhuinn leis a chreideamh choitcheann a radh, ata tri Dee, no tri Tighearnan ann.

Cha 'n eil an t-Athair air a dheanamh o neach; ni mo 'ta è air a chruthacha', no air gheineadh.

Ata a' Mhac 'o 'n Athair amhain; cha 'n ann air a dheanamh, no air chruthacha', ach air a gheaneadh.

Ata 'n Spiorad Naomh 'o 'n Athair agus 'o 'n Mhac; cha n ann deanta no cruthaichte, no geinte ach air teachd.

Mar ſin ata aon Athair ann, ni h iad tri Aithrichean; aon Mhac, cha n' è tri Mic; aon Spiorad Naomh, cha n' è tri Spioraid Naomh.

Agus ann ſa 'n Trionaid ſo cha 'n eil aon roimh, no an deigh a cheile; cha 'n eil aon na 's mo, no na 's lugha na cheile.

Ach ata na tri Pearſanta gu h-uile co-ſhiorruidh le chèile agus co-ionnan.

Mar ſin ann 's gach uile nithe mar a dubhradh roimhe; is coir adhradh thoirt do Aonachd ann Trionaid, agus do 'n Trionaid ann Aonachd.

Uime ſin an ti leis am bàil bhi ar ſhabhladh: feumaidh è ſmuainteach mar ſo air an Trionaid.

Os bar tha è feumail chum ſlainte ſhiorruidh: gu'n creideadh è gu ceart mar an ceudna gu 'n do ghabh ar Tighearn' Joſa Criosd feoil dhaoine air fein.

Oir is è a chreideamh cheart, ſinne a chreidſin agus a dh'

aid

aid 'eacha' : gu bheil ar Tighearn' Joſa Crioſd, Mhac Dhe, na Dhia agus na dhuine ;

Dia do † natar an Athar, geinte roimh na ſaoghàl : agus duine do natar a Mhathar, a rugadh ann ſan t-ſaoghal ;

Dia iomlan, agus duin' iomlan ; air a dheanamh ſuas do anam reuſanta, agus do' f heoil dhaoine ;

Co-ionnan ris an Athair a thaobh a dhia-achd ; ach na 's iſle na 'n t-Athair, a thaobh a dhaonachd.

An Ti ge do tha è na Dhia agus na dhuine ; gidheadh cha da Chrioſd è ach a h-aon.

Na aon ; cha' n ann le tiontadh na Dia-achd gu feoil, ach le gabhail na daonachd an ann Dia ;

Na aon gu h-uile ; cha 'n ann le coimeaſgadh an natar ; ach le aonachd a phearſa.

Oir mar ata an t anam rèuſanta agus choluin an fheol nan aoin duine ; mar ſin tha Dia agus duine na 'n aon Chrioſd.

Neach a dh-fhuiling air ſon ar ſlainte ; a chuaidh ſios do dh-ifroinn, a dh-eirich aris an treas la 'o na mairbh.

Chuaidh è ſuas air neamh, ata ſe na ſhuidhe air deas lamh an Athar, Dia uile chumhachdaich : as ſin thig è thoirt breith air bheothaibh agus air mharbhaibh.

Air teachd dha, eirigh na h-uile dhaoine rìs le 'n cuirp; agus bheir iad cunntas air ſon an gniomhara.

Agus iadſan a rinn maith, theid iad gu beatha ſhiorruidh ; agus iadſan a rinn olc, gu teine bithbhuan.

'S i ſo a Chreideamh Choitcheann ; mur creid duinne à gu diongalta, cha 'n fhèudar a ſhàbhaladh.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad Naomh ;

Mar bha 'n tus, ata a nis, agus a bhitheas gu brath ; Saoghal gun chrich. Amen.

† Bhrigh.

## AN LIODAIN

¶ Ann fo a leannas an LIODAIN no guidhe choitchin, re ſheinn no re a radh an deigh na h-urnuigh mhaidne, air na Domhnachaibh, na Diceudanaibh, agus na Diahaoinibh, agns air amaibh eile, nuair a dh'orduichear e leis an ſhear teagaiſg.

O DHE an t-Athair neimh, dean tròcair oirn peacaich thruagh.

*O Dhe an t Athair neimh, dean tròcair oirn peacaich thruagh.*

O Dhe a' Mac, Fear-Saoruidh an domhain ; dean tròcair oirn peacaich thruagh.

*O Dhe a' Mac, Fear-ſaoruidh an domhuin ; dean trócair oirn peacaich thruagh.*

O Dhe an Spiorad Naomh, a' teachd 'o 'n Athair, agus 'o 'n Mhac ; dean tròcair oirn peacaich thruagh.

*O Dhe an Spiorad Naomh, a' teachd 'o 'n Athair, agus 'o'n Mhac ; dean tròcair oirn peacaich thruagh.*

O Thrionaid naomh, beannuichte agus ghlormhor, tri pearſa, agus aon Dia ; dean trocair oirn peacaich thruagh.

*O Thrionaid naomh, beannuichte agus ghlormhor, tri pearſa, agus aon Dia : dean trócair oirn peacaich thruagh.*

A Thighearna, na cuimhnich ar ciontaidh, no cionntaidh ar Sinnſearachd, agus na dean dioghaltas oirn air ſon ar peacaidh ; caomhain ſinn, a Thighearna mhaith, caomhain do phobull a ſhaor ù le d' fhuil ro phrìſeil, agus na bi feargach ruinn gu brath.

*Caomhain ſinn, a Thighearna mhaith.*

O gach uile olc agus urchaid, 'o pheaca, 'o chealgaireachd agus o ionnſuidhibh an diabhail, o t' fheirg fein, agus dhamnadh ſiorruidh.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

O gach doille cridhe ; 'o ardan, gloir dhiamhain, agus 'o fhuar-chràbhadh ; 'o fharmad, fuath agus mi-run, agus gach uile neo-charthanachd.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

O Striopachas, agus 'o gach uile pheaca baſmhor eile ; agus 'o uile chealgoireachd an t-ſaoghail, na feola agus an diabhail.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

O thein-aidheir agus 'o ſtoirm ; 'o phlàigh, 'o mhilleadh, agus

'o

o ghort ; o chath agus o mhorta, agus o has obann.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

O gach uile aimhreite, conſpaid uaigneach, agus ceannairc ; o gach uile theagasg mealtach, o Eiriceachd agus eaſaonachd ; o chruas cridhe, agus o dhi-mheas air t-fhocal agus air t-aitheantaibh.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

Trid run-diamhair t fheoil-ghabhail naomh ; trid do bhreath naomh agus Tiomchiol ghearreadh; trid do bhaiſteadh, do throſgadh, agus do bhuaireadh.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

Trid do chràdh agus t-fhallas fola ; Trid do cheuſa agus t-fhulanais ; trid do bhàs mòrluach agus t'adhlacadh : le t'eiſeiridh glormhor agus do dhol ſuas gu neamh ; agus tri teachd an Spioraid Naoimh.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

Ann an uile àm ar trioblaid ; ann uile àm ar faibhreis ; ann 'n uair a bhàis, agus ann an la breitheamhnais.

*Saor ſinn, a Thighearna mhaith.*

Tha ſinne peacairean a' guidhe gu 'n eiſteadh tu rinn, O Thighearna Dhe, agus gu ma toil leat t-eaglais naomh choitchionn a riaghladh, agus a ſtiuraidh ſan t-ſlighe cheart.

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat do ſheirbhéiſeach DEORSA ar Righ agus ar n uachdaran ro ghràſail, a choimhid agus a neartachdh ann a' t-fhior adhradh fein, an fireantachd agus ann naomhachd beatha ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat a chroidhe a riaghladh, ann do chreideamh, t eagal agus a d' ghradh fein, chum 's gu 'm biodh a dhòchas do gna ann ad, agus gu 'm biodh è do ſhior aig iarruidh t-onair agus do ghlòir ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat a bhi a' t-fhear dion agus a' t-fhear coimhid aige, a' tabhairt buaidh dha air a naimhdibh uile ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat ar Ban-righ ghràſail SHARLOT, DEORSA, Prions' urmach UALS, agus an teaghlach rioghail gu h-iomlan a bheannachadh agus a ghleidheadh ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat gach uil' Eaſbuig, mhiniſteiribh, agus Dheaconaibh do ſhoilſeacha, le fior eolas agus tuigſe air t-fhocal, chum gu 'n cuir ìad an geil agus gu 'n taiſbein iad è reir ſin, cadhon le 'n ſearmonachadh agus le 'n caith-beatha ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat a Thighearnan na comhairle, agus Uaiſlin na righeachd uile, a Lionadh le gràs, gliocas, agus tuigſe ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat na h-uachdrain a ghleidheadh agus a bheannachadh, a tabhairt gràs doibh chum ceartas a chuir an gniomh, agus an ſhìrinn do ſheaſamh,

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat do phobul uile bheannacha' agus a ghleidheadh ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat aonachd, ſith agus reite, thoirt do na h-uile chinnich ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat cridhe thoirt dhuinn chum gràdh thoirt dhuit agus t-eagal a bhi oirn, agus ar beatha chaitheadh gu dùrachdach a reir t-àitheantaibh ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat meadacha' gráis thoirt do d' phobul uile, chum t-fhocal eiſdeachd gu h-umhla, agus a ghabhail le h-aigne fior-ghlan, agus chum toradh an Spioraid a thoirt amach ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat an dream a chuaidh air ſeacharan agus ata air a mealladh thoirt gu ſlighe na firinn ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna.*

Gu ma toil leat an dream ata na 'n ſeaſamh a neartuchadh, comhfhurtachd agus comhna'thoirt dhoibhſin ata lag chridheach, gu 'n togadh tu ſuas dream a thuiteas, agus fadheoidh gu 'n buaileadh tu Satan fios fo ar caſaibh ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat cabhair, comhna, agus comhfhurtachd thoirt do gach neach ata 'n cunnart, ann feum, agus ann cruaidh chàs:

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat gach neach ata air aſtar mara no tìre, gach bean re ſaothair, gach neach ata eaſlaint agus gach maoth-chlann a ghleidhéadh, agus gu 'n nochda tu iochd do gach prioſanach agus tràil ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat dion agus gach ſollar feumail a dheanamh air ſon nan dileachdan agus nam baintreach, agus gach neach ata air an treigeadh, agus fo fhoirneart ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat tròcair a dheanamh air na h uile dhaoine ;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu

Gu ma toil leat maitheanas thoirt d'ar naimhdibh, d'ar luchd geur leanmhuin, agus d' ar luchd ſgainnil, agus gu'n tiontadh tu 'n cridheachan;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat toradh caoi'neal an talmhain a thoirt air aghaidh agus a ghleidheadh gu ar feum, chum a 's gu meall ſinn iad ann am iomchuidh;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

Gu ma toil leat fior athreachas a thabhairt dhuinn, gu matha tuar n-uile pheacaidh, ar dearmaid dleaſdanais agus ar ain-eolais agus gu 'n tugadh tu dhuinn grás do naoimh ſpioraid, chum ar beatha leaſacha' rèir t-fhocàil naoimh;

*Guidhemid ort eiſd ruinn, a Thighearna mhaith.*

A Mhic Dhe; guidhemid ort eiſd ruinn.

*A Mhic Dhe; guidhemid ort eiſd ruinn.*

O Uan Dhe; a bheir air falbh peacaidh an Domhain;

*Tabhair dhuinn do ſhiochaidh.*

O Uan Dhe: a bheir air falbh peacaidh an domhain;

*Dean tròcair oirn.*

O a Chrioſd eiſd ruinn.

*O a Chrioſd, eiſd ruinn.*

A Thighearna, dean tròcair oirn.

*A Thighearna. dean trócair oirn.*

A Chrioſd, dean tròcair oirn.

*A Chrioſd, dean trocair oirn.*

A Thighearna dean tròcair oirn.

*A Thighearna, dean trócair oirn.*

An ſin a deir a Miniſteir, agus an ſluagh mar aon ris urnuigh an Tighearna.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*Min.* O Thighearna, na buin rinn a reir ar peacaidh.

*Freag.* Agus na tabhair luigheachd dhuinn a reir ar n-aingeachd.

¶ Deanamaid urnnigh.

ODHE, Athair throcaireach, nach dean tair air ofnaich a chridhe bhruite, na air mian an dream a bhios fa bhron; cuidich gu trocaireach ar n urnuighean tha ſin a deanamh a'

d' làthair n' ar n' uile thrioblaidibh agus chruaidh-chais, cuin air bith bhios iad trom oirn ; agus eifd gu gràs'ail ruinn, chum 's gu 'm biodh gach olc ata mealltoireachd agus cealgoireachd an droch fpiorad na dhroch dhaoine aig oibreacha' 'n ar n' aghaidh, air an toirt gu neimh-ni, agus gu 'm biodh iad air an fgaoileadh le freafdal do mhaitheis, chum air bhi dhuine do fheirbheifich faor o' gach geur leanmhuin, gu 'n tugamaid do ghna buidheachas duit ann a t-eaglais naomh, trid Jofa Crioft ar Tighearna.

*O Thighearna eirich, cuidich finn, agus faor finn air fga t-ainm.*

O DHE, chuala finn le 'r cluafaibh, agus dh-innis ar n-aithrichin dhuinn na h-oibre oirdhearc a rinn thu re 'n linnfin, agus ann fan t fean aimfir a bha rompa.

*O Thighearna, eirich, cuidich finn, agus faor finn, air fgà t-onair.*

Gloir do'n Athair, agus do Mhac ; agus do'n Spiorad naomh.

*Freag.* Mar bha air thus, ata a nis, agus a bhitheas gu fiorruidh Saoghal gun chrìch. Amen.

O Chriofd dion finn o' ar naimhdibh.

*Amhairc gu gràs'ail air ar trioblaid.*

Seall gu truacanta air bròn ar cridheacha'.

*Maith gu trocaireath peacaidh do phobuil.*

Gu caomh le tròcair eifd ar n urnuigh.

*O Mhic Dhaibhi, dean trocair oirn.*

O Chriofd, aontuich eifdeachd ruinn anois agus gu brath.

*O Chriofd, eifd ruinn gu gráfail ; O Thighearna Chriofd, eifd ruinn gu gràs'ail.*

Sag. O Thighearna, biodh do thròcair air a nochda dhuinn.

Freag. *Mar tha finn a' cur ar dochas ann-ad.*

¶ Deanamaid urnuigh.

O ATHAIR, guidhemid ort gu h-umhla, gu 'n-amhairc-adh tu gu trocaireach air ar n an 'aineachdaibh ; agus air fon glòir t-ainm, pill uain na h-uilc fin uile a thoill finn gu ro cheart ; agus deonuich ann ar n-uile thrioblaidibh gu 'n cur finn ar n earbfa agus ar muinghinn gu h-iomlan ann do throcair ; agus gu 'n dean finn gu brath feirbheis dhuit ann naomh-

achd

hachd agus am fior-ghloinne caithe beatha, chum t-onair agus do ghloir, trid ar n' aon eidir-mheadhonf 'hear agus ar Fear-tagraidh, Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh Naoimh Chriſoſtom.

ADHE uile chumhachdaich, a thug gras dhuinn air ân am ſo ar n achanaich choitcheann a dheanamh riutſa le aon intinn, agus ata gealltuin, an tra chruinnicheas dithis no triuir ann a cheile ann a d' ainm, gu 'n deonuicheadh tu an guidhe; coi'lion anois O Thighearna, mianna agus iartuis do ſheirbheiſeach, mar is ro iomchuidh dhoibh; á tabhairt dhuinn ann ſan t-ſaoghal ſo eolas air t-fhirinn, agus ann ſa 'n t-ſaoghal ata re teachd a bheatha mhairtheanach. Amen.

2 *Cor.* xiii, 14.

GRas ar Tighearna Joſa Crioſd, agus Grádh Dhe, agus cochomunn an Spioraid Naoimh, gu raibh mailleruinn uile gu Siorruidh. Amen.

*Ann ſo ſhriochnuicheas an Liodan ſeadh na bliadhna.*

Urnuighean

Urnuighean agus breith-buidheachais air ſon iomad am, re 'n gnathacha' roimh na da Urnuigh dheirein neach an LIODAN, no na h urnuigh mhaidne agus fheaſcair.

## URNUIGHEAN.

¶ Aig iarruidh Uiſge.

ODHE, Athair neamhuidh, a gheall trid do Mhac Joſa Crioſd do 'n dream ſin uile dhiarras do rioghachd agus a fireantachd, gach ni feumail a chumail ſuas an cuirp; guidhemid ort, cur da 'r n-iunſaidh air an am ſo ar feumadh, a leithid a dh' uiſge agus a fhraſaibh ciunna, à 's gu 'm faighemid toradh an talmhuin chum ar comh fhurtachd agus t-onair fein, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Aig iarruidh aimſir thirim.

OTHIGHEARNA, Dhe uile chumhachdaich, a bhàth an ſaoghal uile aon uair air ſon peac an dhuine, ach ochd pearſa amhain, agus a'n deigh ſin a gheall ann do mhor throcair nach ſgrioſa' tu è mar ſin gu brath tuille; guidhemid ort gu h-umla, ge do thoill ſinne gu ceart air ſon ar n-aingeachd plaigh fhraſan agus uiſgeachan, gidheadh air dhiuinn fior aithreachas do dheanamh, gu 'n cuireadh tu leithid a dh-aimſir oirn, a's gu 'm fuighimid toradh an talmhuinn na àm fein, a 's gu 'n foghluim ſinn le d' pheanas ar beatha a leaſacha', agus moladh agus gloir thòirt dhuit air ſon do chaomhalachd chaoineal, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Ann aimſir daorſa agus gorta..

ODHE, Athair neamhaidh, 's an do d gheanmhaith ata na fraſan a' tuitim, an talamh tarbhach, fàs àir feadail, agus iaſg a' dol an lionmhoireachd; tha ſin a' guidhe ort, amhaire air amh gharaibh do phobuil, agus deonuich trid do mhaitheas gu 'm bi ghaoinne agus an daorſa (ata ſin ſan am ſo fulang gu ceart air ſon ar n-aigneachd) gu trocaireach air an

tiontadh

tiontadh gu faorſa agus gu pailteas, air ſon gràdh Joſa Crioſd ar Tighearna: agus dhà-ſan maille riut-ſa agus ris an Spiorad naomh gu rabh gach uile glòir nois agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ No air an doigh ſo.

O DHE, Athair thròcaireach, a thiontadh gu h-eallamh gainne mhòr agus gort gu pailteas agus faorſa ann Samarìa re lìn an fhàidh Eliſea: dean tròcair oirn; chum 's gu 'm faigheadh ſinne, ata nois air ar ſmachdachadh air ſon ar peacaidh le 'n faimhladh ſin do thrioblaid dh-àmghar, fuaſgladh ann àm iomchuidh mar an ceudna; Meaduich toradh an talmhuin le d' bheannucha' neamhaidh; agus deonuich air dhuinne do mhor phailteas a ghabhail, gu 'n gnathaich ſinn è chum do gloir, chum fuaſgladh na dream ata feumach, agus chum ar comhfhurtachd fein, trid Joſa Crioſd. Amen.

¶ An àm cogaidh agus tuaſaid.

O DHE, uile chumhachdaich, Righ nan Righ, agus fear riaghlaidh na-uile nithe, cha n-urra creutair air bith cuir an aghaidh do chumhachd, da 'm buin gu ceart peacaich a ſmachdach, agus a bhi trocaireach do 'n dream a ni fior aithreachas; guidhemid ort gu humhla, ſabhail agus faor ſinn as lamha ar naimhdin; claoidh an àrdan, lughduìch a' mio-ruin, agus cuir an innleachdan bun-oſcionn, chum air bhidh dhuinne armaichte le d' dhidneadh, gu 'm bithemid gu brath air ar gleidheidh 'o gach uile chunnart, chum gloir do thabhairt dhuitſe aon fheartabhairt gach uile bhuaidh, tre toilltineas t-aon Mhic Joſa Crioſd an Tighearna. Amen.

¶ Ann aimſir plàigh no tinneas choitchionn air bith.

O DHE uile chumhachdaich, a chuir ann a d' fheirg plaigh air do phobul fein ſan fhaſach, air ſon an' ard-cheannaire 'n aghaibh Mhaois agus Aroin, agus mar an ceudna do mharbh deich mile agus tri fichiod le plaigh re lìn Righ Daibhi, ach gidheadh a thabhail a chuid eile air cuimhneacha' do throcair dhuit; gabh truas dhinne peacaich bhochd, ata nois air ar fiofrachadh le tinneas mor agus le baſmhorachd,; ionnas mar a ghabh tu air an am ſin ofrail reitich, agus mar thug ù aithne do 'n Aingeal mhiliteach ſgur 'o ſgrios; mar ſin a' nois gu ma toil leat a phlaigh agus an tinneas graineil ſo a thionta' uain, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Ann

¶ Ann ſeachdainibh an lua'threadh, re radh gach la, air ſon an dream ata re gabhail ann Orduinibh naomh.

ADHE uile chumhachdaich ar n' Athair neamhuidh, a cheannuich dhuit fein eaglais choitchionn le fuil mhorluach do Mhic ghradhaich; ſeall gu trocaireach air an eaglais ſo, agus air an am ſo ſtiur agus riaghluich inntin-ne do ſheirbheiſich, na h-eaſbuigean agus buachaillin do thrèud, chum nach leagadh iad an lamhan gu hobann air duin' air bith, ach gu 'ndeana iad gu firineach agus gu glic roghain do dhaoin iomchuidhgu ſeirbheisa dheanamh a' miniſtrealchd naomh t-eagfein. Agus tabhair do gras agus do bheannacha' neamhadh, do 'n dream a bhios air an orducha' gu dreachd oifig naomh air bith; chum araon le 'n beatha agus le 'n teagaſg gu 'n taiſbeneadh iad do ghloir, agus gun cuireadh iad air aghaidh ſlainte na n-uile dhaoine, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ No ſo.

ADHE, uile chumhachdaich, fhir tabhairt gach uile dheagh-thiolaca, do d' fhreaſdal a dh' ordùich iomad ordugh ann a t-Eaglais; tha ſinn gu h-umhla a' guidhe ort, tabhair do ghras dhoibh-ſin uile ata gu 'n gairm a chum oifig air bith no dreachd inn-te: agus lion iad le firin do theagaiſg, agus ſgeudaich iad le neo-chiontach beatha, chum gu'n deanadh iad ſeirbheis fhìrineach ann a' d' lathair-ſe, gu gloir do mhorainm agus ‡ proghaid t-eaglais naomh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh air ſon àrd chùirt na § Parliament, gu leughadh an t-àm a bhios iad na 'n Suidhe.

ADHE, ro ghràs'ail, tha ſinn gu h-umhla a guidhe ort, mar air ſon na righeachd ſo gu leir, mar ſin gu h-àraid air ſon àrd chuirt a Pharliament, ata ſa n-àm ſo air cruinneacha' 'n ceann a cheile fo ar Riogh ro chrabhach agus ro gràs'ail: gu ma toil leat an comhairlean uile a ſtiuradh agus a ſhoirbheacha' chum do gloir a chuir air aghaidh, chum maith t-eaglais, chum ſabhailteachd, onair agus, ſoirbheacha ar n-arduachdarain agus a rioghachdan; chum gu bi gach nì air orducha' agus air a ſhocracha' le 'n dichioll, air an ſteigh is fearr agus is diongmhalta, chum gu 'm bi ſith agus ſonnas, firin agus ceartas, creideamh agus crabhadh air an daingneach

‡ tairbh. § Mordhail.

leacha' 'n ar meafg feadh gach uile ghinealach. Na nithe ſo agus gach nì fèumail eile air an ſon-ſa, air ar ſoin-ne, agus air ſon t-eaglais gu h-iomlan, tha ſinn gu h-umhla a' guidhe ort ann ainm agus ann eidir-ghuidhe Joſa Crioſd ar Tighearna agus ar Slanui'fhear ro bheannuichte. Amen.

¶ Urnuigh air ſon gach ſtaid dhaoine, ri ghnathacha' air na h-àmaibh nach d' orduicheadh an Liodan a' radh.

ODHE, Cruith-fhearagus fear coimhid a chinne daoin' uile, guidhemid ort gu h-umhla air ſon gach ſeors agus gach ſtaid dhaoine, gu ma toil leat eolas do ſhlighe ſein thoirt dhoibh; agus do ſhlainte fhallain do na h-uile chinnich. Gu ro araid tha ſinn a' guidhe air ſon deagh ſtaid na h-eaglais choitchionn; chum gu 'm bi ì air a ſtiuradh agus air a riaghladh le do Spiorad maith, a 's gu 'm biodh gach neach a dh' aid'icheas agus a ghairmeas crioſduighean dhiubh fein, air an treorachadh ann ſlighe na fìrinn, agus gu 'n gleidheadh iad a chreideamh ann aonachd Spioraid, ann ceangal na ſith, agus am fìreantachd beatha *F*adheoidh tha ſinn a cur air do chùram athrail, iadſan uile ata air doigh air bith air an trioblaideacha' no air am buaireadh ann inntin, ann corp, no ann maoin, (‡ gu h-àraid an dream ata 'g iarruidh ar n-urnuigh) gu ma toil leat comhfhurtachd agus ſuaſgladh thoirt dhoibh a reir an uireaſbhuidh fa leath, a tabhairt foighdin doibh fo 'n fulan'aſaibh, agus ſuaſgladh ſonna as an uile amhgharaibh. Agus ſo uile tha ſinn a' guidhe air ſga Joſa Crioſd, ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh dh-fhèudar a radh an deigh aon air bith do na h-urnuighean a chuaidh ſeachad.

ODHE, aig a bheil é mar nàtar agus mar bhuaigh bhi do ghna trocaircach agus a tabhairt maitheanais; gabh ar 'n achanuich irioſal; agus ge do tha ſinn air ar ceangal agus air ar cuibhreachadh le ſlabhruidh ar peacaidh, gidheadh deanadh truacantachd do mhòr thròcair ar ſuaſgladh air ſon onair Joſa Crioſd ar 'n eidir mheadhonair agus ar fear-tagraidh. Amen.



‡ Dairear ſo nuair a dh' iarras neach air bith urnuigh a chomhthionail.

# BREITH-BHUIDHEACHAIS.

## ¶ Breith-buidheachais chumanta.

ADHE uile chumhachdaich, Athair na ſn-uile thròcaire, tha ſinne do ſheirbheiſich neo-luachmor a toirt buidheachas umhla agus o' an chridhe dhuit aïr ſon t-uile mhaitheas agus do chaoìmhneis gràidh dhuin-ne agus do na h-uile dhaoine[‡gu hàraid do'n dream ſin ata fan àm ſo aig iarruidha' moladh agusam buidheachas thairgſe ſuas duit air ſon do thròcair a bhuilich thu orra' o chionn ghaoirid ]tha ſinn a toirt buidheachais duit air ſon ar cruthacha, air ſon ar gleidheadh, agus air ſon uile bheannuchadh na beatha ſo, ach os cìonn gach nì air ſon do ghràidh gun choimeas ann ſaorſadh an t-ſaoghail le 'r Tighearn' Joſa Griofd ; air ſon meadhona na 'n gràs, agus dòchas na glòir. Agus tha ſinn a' guidhe ort tabhair dhuinn' a' mothacha' ceart ſin air t-uile thròcairibh, chum gu 'm bi ar cridheachan do rìreabh taingeil, agus gu 'n taiſbein ſin a mach do chliu, cha n' è 'mhain le 'r bilibh, ach n-ar caithe beatha, le ſinn fein thoirt ſuas do d' ſheirbheis, agus le ſiubhal ann a' d' lathair ann naomhachd agus am fìreantachd re n-uile laeth, trid Joſa Crioſd ar Tighearna ; dhà-ſan maille riutſa agus ris an Spiorad naomh gu rabh gach uile ghlòir, ſaoghal gun chrìch. Amen.

## ¶ Air ſon uiſge.

O DHE, ar n-Athair neamhuidh, tha le d' fhreaſdal gràſail a toirt air na cèud fraſaibh agus air na fraſaibh deireanach teachd a nuas air an talamh, chum gu'n tugadh è torradh amach gu fèum an duine, tha ſinn a toirt buidheachas gu h-umhla dhuit gu 'n do dheonaich thu ann ar mòr fhèum driuchd aoibhin a chuir ſa dheoigh air t-oighreachd fein, agus a h-urachadh nuair a bha ì tirim, gu mòr ſhòlas a thoirt dhuinne do ſheirbheiſich neo-airidh, agus a chum gloir t-ainm naomha, trid do thròcair ann Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Air

‡ A deireſ ſo uair a dh'iarras duin' air bith air ſon an d'rinneadh urnuigh, buidheachas a thoirt ſeachad

¶ Air ſon tìreamachd.

O THIGHEARNA DHE, a dh' iriſlich ſinn gu ceart le do phlaigh mhòir fhraſa agus thuile uiſgeachaibh a chuir thu oirn a chionn ghairrid. agus ann do thròcair a thug fuaſgladh agus furtachd d' ar n-anamaibh leis a chaochladh thìmeil bheannuichte ſo a rinn ù air an aimſir ann àm ar feum, tha ſinne moladh agus toirt glòir do t-ainm naomh air ſon do thròcair, agus do ghna cuiridh ſin an geil do chaoi'-neas graidh o ghinealach gu ginealach trid Joſa Crioſd ar Tigh-earna Amen.

¶ Air ſon pailteas.

O ATHAIR a 's mo tròcair, a dheiſd do d' mhaitheas gràſ'ail urnuighean cràbhach t-eaglais, agus a thiontadh ar gort agus ar gainne gu ſaorſa agus pailteas; bheirimid buidheachas umhla dhuit air ſon do thiolacadh ſonnruichte, a' guidhemid ort gu'm buanuichte dhuinn do chaoi'neas graidh, chum gu 'n tabhair ar talamh dhuinn toradh a chum do glòir agus ar ſolais-ne, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Air ſon ſiothchaint agus ſaoradh o 'r naimhdibh.

O DHE, uile chumhachdaich, ata a' d' chaiſteal laidir daingnich do d' ſheirbheifich an aghaidh gnuis a' naimhdean; bheir ſinn dhuit moladh agus buidheachas, air ſon ar ſaoradh o na cunnartaibh mòra agus ſollaſach ſin leis an raibh ſinn air ar cuartuchadh. Tha ſinn aig aid'eachadh gur h-ann do d' mhaitheas nach raibh ſinn air ar tabhairt thairis dhoibh mar chobhartach; guidhemid ort do gna dó thròcairean a bhuanachadh dhuinn air an doigh ſo, chum gu 'm bi fios aig an t-ſaoghal gur tu ar Slanui'fhear agus ar Fear ſaoruidh chumhachdach, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Air ſon ſioth-chaint fhollaſach aiſeag air ais ſ-ann tìr.

O DHE ſhiorruidh ar n-Athair neamhuidh, do ni amhain daoine a dh' aon-inntin ann an teaghlach, agus a chaiſgeas cuthach dhaoine borb agus mhi riaghailtich: beannuichemid t-ainm naomh, gu 'n dheonuich thu na tuaſaide feargach a thogadh ſuas n-ar meaſg o chionn ghairrid, a chaſgadh; agns gnidh-

emid ort gu ro umhla gu 'n deonuicheadh tu gràs dhuinn uile, chum gu 'n fiubhalamaid o ſo ſuas gu h-umhladh ann a' d' aith-cantaibh naomh, agus air caitheamh dhuinn ar beatha gu ciuin agus gu fiethchainteach ann ſgach uile dhiaghachd agus chneaſ-tachd, gu 'n deanamaid ar n-iobairt cliù agus bhuidheachais a thoirt dhuit air ſonneud do thròcairean dhuinne, trid Joſa Crioſd air Tighearna. Amen.

¶ Air ſon ſaoradh o 'n phlaigh no o thinneas cumant' eile.

O THIGHEARNA DHIA a lot ſinn air ſon ar peacaidh agus a ſgrios ſinn air ſon ar ciontaibh le d' fhioſrachadh trom agus uabhaſach o chionn ghairid, agus a neis ann a' meadhon breitheamhnais, air cuimhneachadh do thròcair dhuit, ſhaor thu ar n-anamaibh o dhorſaibh a bhàis ; tha ſiun a toirt do d' mhaitheas àthaireil, ſinn fein ar n-anama agus ar cuirp, do ſhaor ù chum am bi nam beo-iobairt dhuit fein, do ghna a mo-ladh agus aig arduchadh do throcairean ann a' meadhon t-ea-glais, trid Joſa Crioſd air Tighearna. Amen.

¶ No ſo.

O ATHAIR ro thròcaireach tha ſinn aig aid'eachadh gu h-umhla ann do lathair, gu'n do thoill ar ciontaidh lionmhor agus ar cruas croidhe gu 'n d' thigeadh na h-uile pheanais ata air am bagradh ann a' d' lagh oirn-ne gu ceart. Gidheadh do bhri gur b' i do thoil do d' thròcair chaomh, agus air ſon ar n-umhlaidh lag agus neo-dhiongalta, an tinneas gabh-altach leis an raibh ſinn air ar cràdh gu goirt o chionn ghairrid a chaſgadh, agus guth an aoibhneis agus na ſlainte aiſeag d' ar n-àitibh comhnuidh : bheir ſinn do d' mhorachd dhiaghaidh ìab-airt mholaidh agus bhuidheachais, a' cliuchadh agus aig àrdu-chadh t-ainmgloirmhor air ſon do chùram agus do fhreaſdail os air cionn-ne, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

NA

## Na h-Urnuighean, Litriche, agus Soiſgeil, ri ghnathacadh feadh na bliadhna.

¶ Thoir fainear, gu 'm bi 'n urnuigh orduichte air ſon gach domhnach, no la naomh air bith, aig am bheil bhigil air, ag radh aig an t-ſeirbheis fheaſcair a 's faiſgſe dha roimhe.

---

## An Ceud Domhnach do 'n Aidmheint.

*An Urnuigh.*

ADHE uile chumhachdaich, tabhair dhuinn gràs chum oibre an dorachadais a thilgeadh uainn, agus cuir oirn, armachd an t-ſoluis, anois ann àm na beatha bhàſmhor ſo (ann d' thainig do mhac Joſa Crioſd d' ar fioſrachadh ann iriſleachd mhòr;) chum ann ſan' la dheirionach, 'nuair thig è 'ris 'n 'a Mhòrachd ghlòrmhor, a thoirt breith air bheothaibh agus air mharbhaibh, gu 'n eirich ſinn a dh' ionnſuidh na beatha neobhàſmhor, trid-ſan ata beo agus a riaghlas maille riutſa agus ris an Spiorad naomh, nois agus gu brath. Amen.

¶ Tha 'n urnuigh ſo ri radh gach la maille ris na h urnuighean eile s ann aidmheint, gu oidhche nodhlaic.

*An Litir. Rom.* xiii. 8.

NA biodh fiacha ſam bith aig aon neach oirbh, ach amhàin ſibh a gràdhachadh a chèile: oir an ti aig am bheil gràdh do neach eile, choi'-lion sè an lagh. Oir an ni ſo, Na dean morta, Na dean fia'nais bhrèige, Na ſanntaich, agus ma 'ta àithne ſam bith eile ann, ata ſi air a cur ſios gu h ath-ghaoraid fuidh 'n ſhocal ſo, *eadhon*, Gràdhaich do choimhearſnach mar thu fein. Cha dean gràdh lochd d'a choimhearſnach: air an àdhbhar ſin 's è an gràdh coi'-lionadh an lagha. Agus ſo, 'air dhuibh fios na h aimſir' a bhi agaibh, gur mithich dhulnn a noiſe moſgladh o chodal: oir ata ar ſlainte 'noiſe ni 's foigſe na 'n uair a chreid ſinn. Tha cuid mhòr do'n oidhche air dol tharuinn, tha an là

am

am fogus : uime ſin cuireamaid dhinn oibre an dorchadais, agus cuireamid umainn armachd an t ſoluis. Gluaiſeamaid gu cubhaidh mar ann ſan là ; ni h ann an ruidhteireachd agus am meiſg, no ann ſeomradoireachd agus am macnus, no ann coi'ſtribh agus am farmad. Ach cuiribh umaibh an Tighearna Joſa Criosd, agus na deanaibh ullamhachadh air ſon na feòla, chum a h ain-mhianna *a choi'lionadh.*

*An Soiſgeul.* Mhatth. xxi. i.

AGUS an uair a dhruid iad re Hieruſalem, agus a thainig iad gu Betphage, gu ſliabh nan oluidh', ann ſin chuir loſa dias *d'a* dheiſciobluibh uaithe. Ag radh riu, Rachaibh do'n bhaile *ata* thall fa'r comhair, agus air ball gheibh ſibh aſal ceangailt' *ann*, agus loth' 'n a fochair : fuaſglaibh, agus thugaibh a'm'ionnſuidhs' *iad.* Agus ma labhras aon duine ni air bith ribh, abraibh, Gu bheil feum aig an Tighearna orra ; agus cuiridh ſe uaithe air ball iad. Rinneadh na nithe ſo uile, chum gu'n coimh-lionadh ann ni a dubhradh leis an fhàidh, ag radh, innſibh do inghin Shìon, Fèuch, ata do Righ ag teachd a'd' ionnſuidh, gu ciuin, is è 'n a ſhuidhe air muin aſail, agus air ſearrach mac na h aſail. Agus dh'imich na deiſciobuil, agus rinn ſiad mar a dh'àithin Joſa dhoibh. Agus thug iad an t aſal agus an ſearrach leo, agus chuir iad *eiſean* 'n a ſhuidh' air a' mhuin. Agus ſgaoil mòr-ſhluagh an eadach air an t ſlighe ; agus ghearr droing eile geuga do chrannaibh, agus leag iad air an t ſlighe *iad.* Agus thog an ſluagh a bha roimhe agus 'n a dhiaigh gair ag radh, Hoſanna do Mhac Dhaibhi : is beannuicht' an Ti a thig ann ainm an Tighearna, hoſanna ann ſna h àrdaibh. Agus air dol dha-ſan a ſteach do Hieruſalem, chrathadh am baile uile, ag radh, Co e ſo ? Agus a dubhairt an ſluagh, Is è ſo Joſa am faidh o Naſaret na Galilee. Agus chuaidh Joſa a ſteach do theampull De, agus thilg sè amach iadſan uile a bha reic' agus a' ceannach' ann ſan teampull, agus thilg ſe buird luchd malairt an airgid thairis, agus caithriche luchd reiceadh nan colman. Agus a dubhairt ſè riu, Ata è ſcriobht', Goirthear tigh ùrnuigh do 'm theach ſa, ach rinn ſibhſe 'n a ſhlochd mheirleach è.

An

## An dara Domhnach do 'n Aidmheint.

*An Urnuigh.*

A THIGHEARNA bheannuichte, a thug fain'ear na ſcriobtuirean naomh uile do ſgriobha a chum ſinn-ne do theagaſg; deonuich dhuinn an eiſdeachd, an leubhadh, an toirt fai'near, am foghlam, agus an taſgaidh 'n ar n-inntin, chum tre fhoighidin agus comhfhurtachd t-fhocail naoimh, gu'n glac ſinn, agus gu'n dean ſinn gu brath greim daingean air dòchas beannuichte na beatha ſhiorruidh, a thug ù dhuinn ann ar ſlanui'fhear Joſa Crioſd. Amen.

*An Litir.* Rom. xv. 2.

OIR ge b' iad nithe air bith a ſgriobhadh roimhe ſo, is ann chum ar teagaſg-ne do ſgriobhadh iad; chum tre fhoighidin agus co'-fhurtachd nan ſgriobtuire gu'm biodh dòchus againne. 'Noiſe gu tugadh Dia na foighidin agus a' cho'-fhurtachd dhuibhſe bhi dh' aon inntin thaobh a cheile, a reir Joſa Crioſd: Chum gu 'm feud ſihh a dh' aon inntin *agus* le aon bheul glòir a thoirt do Dhia eadhon Athair ar Tighearna Joſa Crioſd. Uime ſin gabhaibhſe r'a chèile, eadhon mar a ghabh Crioſd ruinne, chum glòir' Dhe. 'Noiſe a deirim, Gu raibh Joſa Crioſd 'n a mhiniſteir an timchiollghearraidh air ſon fìrinn De, chum geallaidh nan athracha a dhaingneachadh: Agus chum gu'n tugadh na Cinnich glòir do Dhia air ſon a thròcair; a reir mar ata è ſgriobhta, Air anàdhbhor ſo aid'icheam thu a' meaſg nan Cinntach, agus ſeinnidh mi *ceòl* do d'ainm.. Agus a-ris a deir sè, Deanaibh gairdeachas, a Chinneacha, maille r'a phobull-ſan. Agus a-rìs, Molaibh an Tighearna, a Chinneacha uile, agus thugaibh cliu dha, a phoibleacha uile. Agus a-rìs deir Eſaias, Bithidh freamh leſſe *ann*, agus an ti a dh' eir'eas ſuas chum uachdaranachd bhi aige air na Cinneachaibh, annſan cuiridh na Cinnich an dòchas.

*An Soiſgeul.* Luc. xxi. 25.

AGUS bithidh comharthaidh ann ſa grèin, agus ann ſa ghealaich, agus ann ſna reultaibh; agus air an talamh teann-eigin nan cìnneach, tre iom-cheiſt, an cuan agus na tonna a beuchdaich; croidhe dhaoine 'g an trèigſin tre eagal, agus feithamh

feithamh nan nithe ſin a 'ta teachd air an domhan: oir bithidh cumhachda nan neamha air an crathadh. Agus ann ſin chi ſiad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mòr-ghlòir. Agus 'n uair a thòſaicheas: na nithe ſo air tachairt ann ſin amhairicibh ſuas, agus togaibh bhur cinn; or ata bhur faorſa am fogus. Agus labhair è parabal rin, Amhaircibh air a' chrannfhìge, agus na craobhan uile; 'nuar a bhios iad cheana ag cur amach *an duilleich*, air fhaicſin duibh, aithnichidh ſibh uaibh fein, gu bheil an ſamhra' 'nois' am fogus. Agus mar an ceudna ſibhſe, 'n uair a chi ſibh na nithe ſo a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bhuil rioghachd Dhe fogus do laimh. Gu deimhin a deirim ribh, nach d' theid an linn ſo thair is gu an coi'lionar na nithe *ſo* uile. Theid neamh agus talamh thart': ach cha d' theid mo bhriathra ſa thart' a choidhch'.

---

## An treas Domhnach ſann Aidhmeint.

### *An Urnuigh.*

O Thighearn Joſa Crioſd, a chuir aig do chèud theachd do theachdaire a' dh ullachadh do ſhlighe romhad; deonuich mar an ceudna do' Mhiniſteiribh agus luchd frithealaidh do rùn-diomhair do ſlighe ulluchadh agus a dheaſachadh, le croidheachan nan daoine eas-umhla do philltin gu gliocas nam fìreanach, chum a' nuair a thig thù an dara uair do thoirt breith air an t-ſaoghal, gu'm ſuighear ſinn 'n-ar pobul taitneach ann do ſheallaſa, ata beo agus a' riaghlachadh maille ris an Athair agus an Spioradh Naomh, aon Dia gu brath, Saoghal gun chrìch. Amen.

### *An Litir.* 1. Cor. iv. 1.

BIODH a ſhamhuil ſo do mheas aig duine dhinne, mar 'mhiniſteiribh Chrioſd, agus *mor* ſtiubhardaibh rùna-diomhair Dhe. Tuilleadh eile ſarrar ann ſtiubhardaibh, gu fuighear neach fìrinneach. Ach agamſa is ro-bheag an ni gu'n d' thugadh breith orm libhſe, no le breitheanas duine: ſeadh, ni bheil mi toirt breith orm fein. Oir cha 'n fhios damh ni ſam bith do m' thaobh fein, gidheadh ni bhei mi le ſo air m' fhir-

eanachadh:

anachadh: Ach is è an Tighearna eiſean a bheir breith orm. Uime ſin na d' thugaibh breith air ni ſam bith roimh an àm, gus an d' thig an Tighearna, neach faraon a bheir gu ſoilleireachd nithe folaichte an dorchadais, agus a dh' fhoillſicheas comhairlean nan croidheacha: agus ann ſin gheibh gach neach cliu o Dhia.

*An Soiſgeul*, Matth. xi. 2.

'NOISE an uair a chual' Eoin ſa phrioſun gniomhartha Chrioſd, chuir ſe dias d'a dheiſciobluibh *d'a ionnſuidh*, Agus a dubhairt ſè ris, An tuſa an ti ud a bha re teachd, no am bi ſùil againn re neach eile? Do fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè riu, Imthichibh agus innſibh do Eoin na nithe ata ſibh ag cluinntin agus a' faicſin: ataid na doill ag faghail an radhairc, agus na bacaich ag imtheachd, ataid na lobhair air an glanadh, agus na bothair ag cluinntin, ata na mairbh air an dùſgadh, agus an ſoiſgeul air a ſhearmonach' do na bochduibh. Agus is beannuicht' an ti nach fuigh oilbheum ionnamſa. Agus air imtheachd dhoibhſin air falbh, thòſaich Ioſa air labhairt ris an t ſluagh mu thimchioll Eoin, *ag radh*, Creud è an ni a chuaidh ſibh amach do'n fhàſach a dh'fhaicſin? an i cuile air a crathadh le gaoith? Ach creud è an ni a chuaidh ſibh amach d'a fhàſach a dh'fhaicſin? *an è* duine air a ſgeuduchadh ann an eadach mìn? fèuch, a' mhuintir ata caitheamh eadaich mhìn, is ann an tighibh righridh ata fiad Ach creud è an ni a chuaidh ſibh amach d'a fhaicſin? *An è* faidh? ſeadh, deirim ribh, agus neach is mò na fàidh. Oir is è ſo an ti mu 'm bhuil è ſcriobht', Feuch, cuirim-ſe mo theachdaire roimh do ghnuis, neach a dhu'llmhuicheas do ſhlighe romhad.

## An Ceathramh Domhnach, ſann Aidmheint.

*An Urnuigh.*

OTHIGHEARNA, (ata ſinn a' guidhe ort) tog ſuas do chumhachd agus thig n-ar meaſg-ne, agus le mòr neart dean cobhair oirn-ne; mar ata ſinn le 'r peacaidh agus le 'r n-

aingidheachd gu mòr air bacadh o ruith na rèise a chuireadh romhain, gu'n deanadh do ghràs caomh agus do thròcair fuasgladh agus comhnadh dhuinn gu luath; tre dhioladh do Mhic ar Tighearna; d' an raibh mailie riutsa agus ris an Spiorad naomh onair agus glòir, faoghal gun chrìch. Amen.

*An Litir.* Philip. iv. 4.

DEanaibh gàirdeachas fan Tighearn' a ghnà': a-rìs deiream, Deanaibh gàirdeachas. Biodh bhur meafarrachd follaich do na h uile dhaoinibh. *Tha* 'n Tighearna am fogus. Na biodh ro-chùram ni fam bith oirbh: ach fan uile ni le h ùrnuigh agus athchuinge maille re breith-bhuidheachais, biodh bhur n iartais air an deanamh aithnichte do Dhia. Agus coimheadaidh fiothchaint Dhe, a 'ta thar gach uile thuigse, bhur croidhe agus bhur n inntin an Josa Criosd.

*An Soisgeul.* Join, i. 19.

AGus is i so fia'nais Join, 'n uair a chuir na h Judhaich fagairt agus Lebhitich o Hierusalem, chum gu'm feòraicheadh iad deth, Co thusa? Agus dh' aidmhich eisean, agus cha d'àicheabh è; ach dh' aidmhich è, Cha mhi Criosd. Agus dh' fheòraich lad deth, Ciod ma feadh? An tu Elias? Agus a deir se, Cha mhi. An tu am fàidh? Agus fhreagairè, Cha *mhi.* Ann fin a dubhairt siad ris, Co thu? chum gu 'n d' thugamaid freagradh dhoibsin a chuir *uatha* sinn: creud a deir tu a d' thimchioll fein? A dubhairt è, 'S mise guth an ti a ghlaodhas ann san fhàsach, Deanaibh dìreach slighe an Tighearna, mar a dubhairt am fàidh Esaias. Agus an dream a chuireadh *leis an teachdoireachd*, b' ann do na Phairisichibh *iad.* Agus dh' fheòraich siad deth, agus a dubhairt siad ris, C'ar son ma feadh ata thu a' baisteadh, mur tu Criosd, no Elias, no 'm fàidh? Fhreagair Eoin iad, ag radh, Ataimse baisteadh le h uisge: ach ata neach 'n a sheasamh 'n ar measg, nach aithne dhuibh; 'se è so an ti, 'ta teachd a'm' dhiaigh, aig am bheil toiseach orm, neach nach fiu mise iall a bhròige fhuasgladh. Rinneadh na nithe so ann am Betabara air an taobh thall do Iordan, an t àit' ann raibh Eoin a' baisteadh.

Bereath

## Latha an Tighearna, no la Breath CHRIOSD, d'an goirrear gu coitchean La Nodhlaic.

*An Urnuigh.*

ADHE uile chumhachdaich, a thug dhuinn-ne t aon ghin Mhic, a 's gu'n gabhadh è ar natar-air fein, agus a bhi air a bhreath le Maighdin fhiorghloin mar gu'm b' ann air an àm fo; Deonuich air bhi dhuinn-ne air ar n-ath ghinnmhin, agus air ar deanamh n-ar cloinn dhuitfe trid uchdmhacachd agus gràis, gu 'm bi fiun gach la air ar n-ath-nuadhuchadh le d' Spiorad naomh, trid ar Tighearna an t-Josa Criosda ceudna fin, ata beo agus a' riaghladh maille riutfa, agus ris an Sgiorad naomh ceudna, aon Dia gu brath. Seoghal gun chrich. Amen.

*An Litir.* Eabh. i. 1.

DIA, a labhair ann fna h amaibh a chuaidh feachad gu minic, agus air iomadh modh ris na h aithreachaibh leis na fidhibh, labhair fè ann fna laithibh deireannach fo ruinne trìd *a* Mhac, a dh'òrduich è 'n a oighre air na huile nithibh, tre *a* do chruthaich fè fòs na faoghail. Neach air bhi dha 'n a dhealradh *a* ghlòire-fin, agus 'n a fhior iomhaigh a phearfaidh, agus a' curnail fuas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'n uair a ghlan è ar peacaidh-ne do thrìd fein, thuidh è air deas laimh na morachd ann fna h àrdaibh: air dha bhi air a dheanamh ni 's ro-òirdheirce na na h aingil, mhèud gu'n d' fhuair è mar oighreachd ainm bu ro-fhearr na iadfan. Oir co do na aingil ris an dubhairt fè uair air bith, Is ta mo Mhac-fa, an diugh do ghin mi thu? agus a-rìs, Bithidh mife a m' Athair dha fan, agus bithidh eifean 'n a Mhac dhamh-fa. Agus a-rìs, 'n tra' bheir è an ceud-ghin a fteach do'n t faoghal, deir fe, Agus deanadh uil' aingil De àdhradh dha. Agus thaobh nan aingeal a deir è, Neach a 'ta deanamh aingle 'n an fpioradaibh, agus a mhinifteiridh 'n an lafair theine. Ach ris a' Mhac *a deir sè*, *'Ta* do righchaithir, a Dhe, gu faoghal na faoghal; *is* flat-rioghail ro-cho'thromach flat do rioghachd-fa: Ghràdhaich thu fireantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime fin dh'ung Dia, do

Dhia-ſa, thu le h oladh aoibhneis os ceann do chompanacha. Agus, Leag thuſa, a Thighearna, bunaite na talmhain air tus; agus is iad na neamha oibre do lámh. Teirgidh iadſan, ach mairidh tuſa: agus faſaidh iad uile ſean mar eadach; Agus filleidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tuſa an ti ceudna, agus cha 'n fhailnich do bhliadnaidh.

*An Soiſgeul*, Join, i. 1.

ANN ſan toiſeach bha am Focal, agus bha 'm Focal, maille re Dia, agus b'è 'm Focal Dia Bha è ſo air tùs maille re Dia. Rinneadh gach ni leis; agus as eugmhais cha d'rinneadh aon ni a rinneadh. Ann-ſan bha beatha, agus b' i a bheatha ſolus dhaoine. Agus 'ta 'n ſolus a' ſoillſeachadh ann dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas è. Chuireadh duine o Dhia, d' am b' ainm Join. Thainig eiſean mar fhia'nais, chum fia'nais a thoirt air an t ſolus, chum gu'n creideadh na h uile dhaoine tridſin. Cha b' eiſean an ſolus ſa, ach *chuireadh* è chum gu d' thugadh è fia'nais air an t ſolus. B'è ſo an ſolus fìrinneach, a 'ta ſoillſeachadh gach uile dhuine tha teachd chum an t ſaoghail. Bha è ann ſan t ſaoghal, agus rinneadh an ſaoghal leis, agus cha d' aithnich an ſaoghal è. Thainig è dh' ionnſuidh a mhuintir fein, agus cha do ghabh a dhaoine fein ris. Ach a mhèud 's ghabh ris, thug ſe dhoibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, *eadhon* dhoibhſin ata creidſin 'n a ainm: A bha air an gineamhuin, cha 'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia. Agus rinneadh am Focal 'n a fhecil, agus ghabh ſe comhnuidh 'n ar meaſg-ne, (agus chunnairc ſin a ghlòir mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar) làn gràis agus fìrinn.

---

## La Naoimh STEPHEIN.

*An Urnuigh.*

O THIGHEARNA, deonuich ann ar n-uile fhullan'ais ann ſo air talamh, air ſon teiſteas t-fìrinn-ſa, gu 'n-amhairc ſinn gu gèur ſuas gu neamh, agus gu'm beachduich ſinn le creidimh air a ghlòir a bhios air a foillſeachadh; agus air bi dhuinn lionta don Spiorad naomh, gu'm foghlam ſinn ar luchd gèur-leanmhuinn

mhuinn a ghràdhachadh agus a bheannuchadh, a reir eisimpleir do cheud Mhartain, Naomh Stèphein, a rinn Urnuigh riut-sa air son a luchd Mortaidh, O Josa bheannuichte, ata d' sheasamh aig deas lamh Dhe chum cobhair air an dream sinn uile 'ta fullung air do shon, ar n' aon eidir-mheadhonair agus fear tagraidh. Amen.

¶ *An sin a leanas urnuigh la Nodhlaic, a deirear gach la gu oidhche cheinle.*

*An Litir.* Ghniomh vii. 55.

AIR do Stephein bhi lan do'n Spiorad naomh, dh' amhairc è gu geur suas gu neamh, chunnairc è gloir Dhe, agus Josa 'n a sheasamh air deas laimh Dhe. Agus a dubhairt sè, Feuch, ata mi faicsin nan neamha fosgailte, agus Mac an duine 'n a sheasamh air deas laimh Dhe. An sinn ghlaodh iad amach le guth mòr, agus stop iad an cluasa, agus thug iad a dh' aon inntin d'a ionnsuidh. Agus air dhoibh a thilgeadh amach as a' chaithir, ghabh iad do chlochaibh *air:* agus thilg na sia'naisean an eadach sios aig cosaibh òganaich, d'am b ainm Saul. Agus chloch iad Stephan, *agus è* a' gairm air *Dia*, agus ag radh A Thighearna Josa, glac mo Spiorad. Agus air dha a leigeadh fein air a ghlùinibh, ghlaodh è le guth mòr, A Thighearna, na cuir am peacadh so as an leth. Agus air dha so a radh, choidil è.

*An Soisgeul.* Mhatth. xxiii. 34.

FEUCH cuirimse d'ar ionnsuidh fàidhe agus daoine glice, agus sgriobhuichean; agus *cuid* dhiubh marbhadh agus ceusuidh sibh, agus *cuid* dhiubh sgiursaidh sibh ann bhur sionagoguibh, agus ni sibh geur-leanmhuin *orra* o bhaile gu baile: chum as gu 'n d' thig oirbh gach uile fhuil fhìreanta dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil fhireanta, gu fhuil Shacharias, mhic Bharachias, neach a mharbh sibh eidir an teampull agus an altair. Gu firinneach a deirim ribh, Gu'n d'thig na nithe-se uile air a' ghinealach so. A Jerusalem, a Jerusalem, a mharbhas na faidhe, agus a ghabhas do chlochaibh air an dreing a chuirear a' t ionnsuidh, cia minic a b'àill leam do chlann a chruinneachadh r'a chèile mar a chruinnicheas ceare a h eòin fuidh sgiathaibh, agus cha b'àill leibh! Feuch, fàgar bhur tigh aguibh 'n a fhàsach. Oir a deirimse ribh, nach fhaic

fhaic

ſihh miſe o ſo ſuas, gus an abair ſibh, 'S beannuicht' an Ti a thig ann ainm an Tighearna.

## La N. JOIN an Soiſgeulaich.

*An Urnuigh.*

A THIGHEARNA thròcairich, tha ſinn a' guidhe ort do ghàthana dearlach foiluis a thilgeadh air t-eaglais, chum air dhì bhi air a ſoilſeachadh le teagasg t-Abſdail bheannuichte agus do Shoiſgeulaich Naomh Join, gu'n ſiubhail ì ann an ſolus t-fhìrinn, air doigh a 's gu 'n ruig ì fa dheoidh air ſollus na beatha mairtheanaich, trid Joſa Crioſd air Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 N. Join, i. 1.

AN ni a bha ann o thùs, an ni a chuala ſinne, a chunnairc ſinn le 'r ſùilibh, air an d' amhairc ſinn, agus a laimhſich ar làmha thaobh briathra na beatha; (oir dh' fhoilſicheadh a' bheatha, agus chunnairc ſinne *i*, agus ata ſinn a' deanamh fia'nais, agus ag cur ann cèill dhuibhſe na beatha mairtheanaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh' fhoillſicheadh dhuinne) An ni a chunnairc agus a chuala ſinn, cuireamaid ann cèill duibhſe, chum 's gu'm bi agaibhſe mar an ceudna co'-chomunn ruinne: agus gu fìrinneach 'ta ar co'-chomunne maille ris an Athair, agus maille r'a Mhac Joſa Crioſd. Agus tha ſinn a' ſgriobhadh nan nithe ſo d'ar ionnſuidhe, chum gu'm bi bhur gàirdeachas coi'-lionta. Agus is i ſo an teachdoireachd a chuala ſinn uaithe-ſan, agus ata ſinn a' cur ann ceill dhuibhſe; Gur ſolus Dia, agus nach 'eil dorchadas air bith ann-ſan. Ma deir ſinn gu bheil co' chomunn againn maille ris, agus ſinn a' gluaſachd ann dorchadas, tha ſinn a' deanamh brèige, agus ni bheil ſinn a' deanamh na fìrinn: Ach ma ghluaiſeas ſinn ann ſan t ſolus, amhuil tha eiſean ſan t ſolus, 'ta co'-chomunn againn r'a chèile, agus glanaidh fuil Joſa Crioſd a Mhic, ſinn o'n uile pheaca'. Ma deir ſinn nach eil peacadh againn, tha ſinn 'g ar mealladh

mealladh fein, agus ni bheil an fhìrinn annainn. Ma dh' aid'-icheas sinn ar peacaidh, tha eisean fìrinneach, agus ceart chum ar peacaidh a mhaitheamh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd. Ma deir sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a' deanamh breugoire dheth-sin, agus ni bheil fhocal annainn

*An Soisgeul.* Join, xxi. 19.

THubhairt Josa re peadair, Lean mise. Ann sin air do Pheadar tionndadh, chunnairc è an deisciobul a b'ionmhuinn le Josa, a'leantuin; an ti fòs a luidh air uchd Josa aair shuipeir, agus a dubhairt ris, A Thighearna, co è a bhrathas thu? Air do Pheadar eisean fhaicsin, a dubhairt è re h Josa, A Thighearna, ciod a *ni* 'm fear so? Deir Josa ris, Ma 's aill leam è dh' fhantuin gus an d' thig mi ciod *sin* duitse? Lean-sa mise. Uime sin chuaidh an radh so amach am measg nam braithre, nach fuigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Josa ris, Cha 'n fhuigh sè bas: ach, Ma 's i mo thoilse è dh' fhantuin gus an d' thig mi, ciod è *sin* duitse? 'Se so an deisciobul ata deanamh sia'nais air na nithibh so, agus a sgriobh na nithe so: agus ata fhios againne gu bheil fhia'nais fior. Agus ata fòs mòran do nithibh eile a rinn Josa, nam biodh iad uile sgriobhta, 's i mo bhar'ail nach cumadh an saoghal fein na rachadh a sgriobhadh do leabhruibh.

## La na NEO-CHIONTACH.

*An Urnuigh.*

ODHE uile-chumhachdaich, a dhorduich neart a' beul leanabuibh agus chiochran, agus a thug air Naoidheia do ghlòrachadh le 'm bàs; claoidh agus marbh gach uile mighniomh dhubhailc ionnain, agus neartuich sinn le d' ghràs, chum le neo-chiontachd ar beatha, agus seasmhachd ar creidimh, gu'n glòraich sinn t-ainm naomh eadhon gu bàs, trid Josa Criosd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Foilſ. xiv. 1.

AGUS dh' amhairc mi, agus fèuch, Uan 'n a ſheaſamh air ſliabh Shion, agus maille ris ceud agus da fhichead agus ceithir mìle, aig an raibh ainm Athair-ſan ſgriobht' ann clàr an eudain. Agus chuala mi guth o fhlaitheanas, mar fhuaim mhòrain uiſgeacha, agus mar fhuaim tairneanaich mhòir: agus chuala mi fuaim chlàrſoirean, a' deanamh ciuil le'n clàrſaichibh fein. Agus chan iad mar gu'm b'oran nuadh è ann làthair na righ-chaithreach, agus ann lathair nan ceithir bheathaiche, agus nan ſeanoiridh: agus cha b' urradh neach ſam bith an t òran ſin fhòghlum, ach an ceud *agus* an dà fhichead *agus* na ceithir mìle, a fhaoradh o'n talamh. Is iad ſo an dream nach do fhalchadh le mnaibh; oir is òighean iad is iad ſo an dream a'tà leantuin an Uain gc b'è àite an d theid è: fhaoradh iad ſo o mheaſg dhaoine, 'n an ceud thoradh do Dhia, agus do'n Uan. Agus 'n am beul cha d' fhuaradh cealg: oir ata iad gun chron ann làthair righ-chaithir Dhe.

*An Soiſgeul.* Mhatth. ii. 13.

FEuch do nochd fadh aingeal an Tighearna do Joſeph ann am bruadar, ag radh, Eirich, agus gabh an leanabh òg agus a mhàthair, agus teich do'n Eipht, agus bi ann ſin gus an labhair mi ſe riut: oir iarruidh Joraith an Naoidhean d' a mhilleadh. Agus air eirigh dhòſan, ghabh ſè d'a ionnſuidh a' Naoidhean agus a mhàthair ſan oidhche, agus dh'imich ſè do 'n Eipht: Agus bha ſè ann ſin gu bàs loraith: do chum gu coi'-lionfadh an ni a dubhairt an Tighearna leis an fhàidh, ag radh, Amach as an Eipht do ghoir mi mo Mhac. Ann ſin air faicſin do Joraith gu'n d'rinn na Droithe fanoid air, do las ſè le feirg ro-mhòir, agus air cur luchd millidh uaithe, mharbh ſè na bha do leanbaibh mac am Betlehem, agus 'n a criochaibh uile, o aois dha bhliadhna no fui', do reir na h aimſire a dh'fhò'luim ſè gu dichiollach o na draoithibh. Ann ſin choi'-lionadh an ni a labhradh le Jeremias am fàidh, ag radh. Do chualas guth an Rama, caoi agus gul agus bròn ro-mhòr, Rachel ag caoineadh a cloinne, agus nior b'àill lè fòlas a gabhail, chionn nach bheil iad *bes*.

An

## An Domhnach an Deigh la Nodhlaic.

*An Urnuigh.*

ADHE uile chumhachdaich, a thug dhuinn-ne t aon ghin Mhic, a 's gu'n gabhadh è ar natar-air fein, agus a bhi air a bhreath le Maighdin fhiorghloin mar gu'm b' ann air an àm ſo; Deonuich air bhi dhuinn-ne air ar n-ath ghinnmhin, agus air ar deanamh n-ar cloinn dhuitſe trid uchdmhacachd agus gràis, gu 'm bi ſinn gach la air ar n-ath-nuadhuchadh le d' Spiorad naomh, trid ar Tighearna an t-Joſa Crioſda ceudna ſin, ata beo agus a' riaghladh maille riutſa, agus ris an Spiorad naomh ceudna, aon Dia gu brath. Saoghal gun chrich. Amen.

*An Litir.* Gal. iv. 1.

NOiſe deiream, am feadh a bhios an t oighre 'n a leanabh, nach 'eil eidir-dheal achadh ſam bith eider è agus ſeirbhiſeach, ge d' is è Tighearna gach uile *nithe;* ach ata è fuidh luchd-coimhead agus fuidh luchd-riaghluidh gu teachd na h aimſir' a dh' òrduich an t athair. Is mar an ceudna ſinne, 'n uair a bha ſinn 'n ar leannabaibh, bha ſinn ann daorſa fuidh cheud fhòghlum an t ſaoghail: Ach 'n uair a thainig coi'-lionadh na h aimſir', chuir Dia a Mhac fein uaithe, a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh 'n lagh, chum gu 'n ſaoradh è iadſan bha fuidh 'n lagh, ionnas gu fuigheamaid-ne uchd-mhacachd na cloinne. Agus do bhri' gur mic fibh, chuir Dia Spiorad a Mhic fein ann bhur croidhibh, ag èigheach, Abba, Athair, Uime ſin cha ſeirbhiſeach thu ni 's mò, ach mac; agus ma 's mac, is oighre fòs air Dia tre Chrioſd.

*An Soiſgeul.* Mhatth. i. 18.

AGus is mar ſo do bhi breith Joſa Crioſd: oir taireis do cheangal pòſaidh bhi air a dheanamh eidir a mhàthair Muire agus Joſeph, roimh dhoibh dol cuideachd, fhuaradh torrach i o 'n Spiorad Naomh'. 'Nſin air bhi do Joſeph a fear 'n a dhuine co'-thromach, agus gun toil aig' eiſiomplair fhollaſach a dheanamh dhi', bu mhiann leis a cur uaithe os ìſeal. Ach ag ſmuaineadh na nithe-ſe dho, fèuch, dh'fhoillſich aingeal an Tighearna è fein da am bruadar, ag radh, A Joſeph a mhic Dhaibhi, na biodh eagal ort do bhean Muire a ghabhail a' d'ion-

ſuidh: oir an ni ata air a ghineamhuin innte, is o 'n Spiorad Naomhtha è. Agus beuraidh ſi mac, agus bheir thu Joſa dh'ainm air; oir ſaoraidh ſè a phobull fein o 'm peacaibh. (Agus rinneadh ſo uile, chum gu coi'-lionfadh an ni a dubhairt an Tighearna leis an fhàidh, ag radh, Feuch, bithidh maighdean torrach, agus beuraidh ſi mac, agus bheir iad Emmanuel dh'ainm air, 's ionnan ſin re radh air na eidir-theangachadh, agus, Dia maille ruinn). 'N finn air moſgladh do Joſeph as a chodal, do rinn sè mar a dh'iarr aingeal a Thighearn' air, agus ghabh sè d'a ionnſaidh a bhean: agus nior aithin sè i gus an d'rug ſi a ceud mhac; agus thug sè Joſa dh'ainm air.

## Timchiol-ghearradh CHRIOSD.

*An Urnuigh.*

ADHE uile chumhachdaich, a thug fai'near do Mhac beannuichte do thimchiol-ghearradh, agus a bhi umhla do'n lagh air ſon an duine; deonuich dhuinn fìor thimchiol ghearradh an Spioraid, ionnas air bhi d' ar croidheachaibh agus d'ar ballaibh air a' bàſuchadh o gach an-mian Saoghalta agus feolmhor, gu'n tabhair ſinn ann s gach uile nithibh umhlachd do d' thoil bheannuichte, trid an ti cheudna do Mhac Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. iv. 8.

IS beannuichte an ti nach cuir an Tighearna peacadh as a leith. Am bheil ma ſeadh am beannacha' ſo *teachd* air an timchioll ghearradh *amhain*, no fòs air an neo-thimchioll-ghearra'? Oir deireamaid gur mheaſadh creidimh do Abraham mar fhìreantachd. Cionnas ma ſeadh a mheaſadh *dha* è? An ann 'n uair bha è ſan timchioll-ghearra', no ſan neo-thimchioll-ghearra'. Agus fhuair è comhar' an timchioll-ghearraidh, ſeula fìreantachd a' chreidimh a bha aige ſan neo-thimchioll-ghearra': chum gu 'm biodh è 'n a athair aca ſan uile a 'ta creidſin, ſan neo-thimchioll-ghearra': chum gu measfadh fìreantachd dhoibhſin mar an ceudna: Agus 'n a athair an timchioll-ghearraidh dhoibhſin ata ni amhain do'n timchioll-ghearra', ach mar an ceudna a 'ta 'g imtheachd ann an ceimnibh a' chreidimh ſin ar n athar

athar Abraham, a bha aige ſan neo-thimchioll-ghearra'. Oir ni b' ann tre 'n lagh a thugadh an gealla' do Abraham no d'a ſhiol, Gu'm biodh è 'n a oighre air an t ſaoghal, ach tre fhìr-eantachd a' chreidimh. Oir ma 'ta iadſan a bhuineas do'n lagh 'n an oighreachaibh, ata creidimh air a dheanamh diomhaoin, agus an gealla' gun bhri'.

*An Soiſgeul.* Luc. ii. 15.

AGus tharladh, mar'a dh'fhalbh na h aingeil uatha gu neamh, gu'n dubhairt na buachaillean r'a chèile, Rachamaid a nois' eadhon do Bhetlehem, agus faiceamaid an ni ſo a rinneadh, a dh'fhoillſich an Tighearna dhuinne. Agus thainig iad gu grad, agus fhuair iad Muire agus Joſeph, agus an leanabh 'n a luidhe ſa phraſaich. Agus an uair a chunnairc iad *ſin*, dh'aithris iad an ni a dh'innſeadh dhoibh mu thimchioll an leinibh ſin. Agus ghabh gach neach a chuala ſo, iongantas ris na nithibh ſin a dh' innſeadh dhoibh leis na buachaillibh. Ach ghleidh Muire na nithe ſin uile, ag beachd-ſmuainteachadh orra 'na croidhe. Agus phill na buachaillean, a' tabhairt glòir' agus molaidh do Dhia, air ſon nan nithe ſin uile a chual' agus a chunnaic iad, a reir mar a dubhradh riu. Agus an uair a choi'-lionadh ochd laith' chum an leanabh a thimchioll-ghearradh, thugadh JOSA a dh' ainm air, eadhon an t ainm a ghoir an t aingeal deth mun do ghabhadh ſa bhroinn è.

¶ *Foghnuidh an Urnuigh, an Litir, agus an Soiſgeul ceudna air ſon gach la 'n deigh ſin, gu foillſeachadh Chriosd.*

---

## An foillſeachadh no Taiſbeineadh, CHRIOSD do na Cinnich.

*An Urnuigh.*

ODhe, a dh' fhoillſich t-aon ghinn Mhic do na Cinnich le treoraichadh reulta, deonuich gu tròcaireach, gu 'm fuidh ſinn-ne aig am bheil eolas ort a noiſe tre chreidimh ſeilbh, ann a do Dhiadhachd ghlòrmhor an deigh na beatha ſo, trid Joſa Chriosd ar Tighearna. Amen.

## An TAISBEINEADH.

### *An Litir.* Epheſ. iii. 1.

AIR an àdhbar ſo, 'ta miſe Pòl prìoſunach Ioſa Crioſd, air bhur ſonſa, a Chinneacha; ma chuala ſibh mu fhrithealadh gràis De, a thugadh dhamh-ſa d'ar taobh-ſa: gu'n d' rinn sè aithnichte dhamh-ſa tre fhoillſeachadh, an rùn-diomhair (mar a ſgriobh mi roimhe gu h aith-ghearr', leis am feud ſibh air dhuibh a leughaadh, m' eòlas ann rùndiomhair Chrioſd a thuigſin) ni ann an lìnnibh eile air nach d' thugadh fios do chlann nan doine, mar ata è 'noiſe air fhoillſeachadh d'a abſtolaibh naomha agus do na fàidhibh trìd an Spioraid; gu'm biodh na Geintilich 'n an co'-oighreachaihh, agus 'n an co'-chorp, agus 'n an luchd co'-pairt d'a ghealla'-ſan ann Crioſd, trìd an t ſoiſgeil: air an d rinneadh miſe a'm' mhiniſteir, a reir tiodhlaic gràis De a thugadh dhamh, a reir oibreachadh eiſeachdacha cumhachd-ſan. Dhamh-ſa, a's lugha na naomhaibh uile, thugadh an gràs ſo, ſaibhreas Chrioſd nach feudar a rannſachadh, a ſhearmonachadh a' meaſg nan Geintileach; agus gu 'n deanainn ſoilleir do na h uile *dhaoinibh*, creud è comun an rùin-diomhair ſin, a bha folaichte ann Dia o thoiſeach an t ſaoghail, a chruthaich na h uile nithe trìd Joſa Crioſd: chum gu'n deantadh aithnichte 'noiſe do uachdranaibh agus do chumhachdaibh ann an *ionadaibh* neamhaidh, leis an eaglais, gliocas eagſamhuil Dhe, reir an ruin ſhiorruidh a rùnaich sè ann Joſa Crioſd ar Tighearna: ann s a' bheil againn dànachd agus ſlighe dol a ſteach ann am muinghin trìd a chreidimh ſin.

### *An Soiſgeul.* Matth. ii. 1.

AGus an uair a rugadh Joſa am Betlehem *thìr* Juda, ann laithibh Joraith an righ, fèuch, do thainig Draoithe o'n àird an ear gu Hieruſalem, ag radh, C'àit' am bheil righ ud nan Judhach ata air a bhreith? oir chunnaire ſinne a reult ſan àird an ear, agus ata ſinn air teachd a thabhairt adhraidh dha. An uair a chual' Joraith an righ *ſin*, bha sè fuidh thrioblaid, agus Hieraſalem uille maille ris. Agus air cruinneachadh nan àrdſhagarta uile dha, agus ſcriobhaichean a' phobuill, dh' fheòraich sè dhiubh c'àit' an raibh Crioſd gu bi air a bhreith. Agus a dubhairt siad ris, Am Betlehem *thìr* Juda: oir is mar ſo do ſcriobhadh leis an fhàidh; Agus thuſa Bhetlehem ann tìr Juda, cha tu idir is lugha a' meaſg phrionnſaidh Juda: oir aſadſa do thig an t Uachdaran a ſdiuras mo phobull Iſrael. Ann an ſin

air

air do Joraith na daoine glic' a ghairm os ìſeal d'a ionnſuidh, dh'fheòruich ſè dhiubh gu ro-gheur creud an t àm an d'fhoillſicheadh an reult. Agus air an cur gu Betlehem dha, a dubhairt ſè, Im'ichibh, agus iarruibh gu dichiollach an naoidhean, agus 'n diaigh fhaghail dhuibh, innſibh dhamſa è, chum gu rachamſa fein, agus gu deanam adhradh dha. Agus air cluinntin an righ dhoibh dh'imich iad, agus fèuch, do chuaidh an reult a chunnairc iad ſan àird an ear rompa, gus an d'thainig ſi agus ſtad ſi os cionn an ionaid ann raibh an naoidhean. Agus air faicſin na rèilte dhoibh, do rinn ſiad gàirdeachas le h aoibhneas ro-mhòr. Agus air dol a ſteach dhoibh do 'n tigh, fhuair iad an naoidhean am fochair a mhàthar Muire, agus do thuit iad ſios, agus rinn ſiad adhradh dhò: agus air foſgladh an ionmhais dhoibh, thug iad dha tiodhlaca'; òr, agus tùis, agus mirr. Agus air faghail rabhaidh o Dhia am bruadar, gun iad a philltin dh'ionnſuidh Joraith, chuaidh iad d'an dùthaich fein air ſlighe eile.

---

## An Ceud Domhnach an Deigh an Taiſbeanaidh.

*An Urnuigh.*

O Thighearna, tha finn a' guidhe ort gu'n gabha tu gu tròcaireach ri urnuighean do phobuil ata gairm ort, agus deonuich gu 'm bl beachd agus eolas ac' air na nithibh bu choir dhoibh a dheanamh, agus gu'm bi gràs agus neart aca chum an eeudna a choi'lionadh gu fìrineach, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Romh. xii. 1.

AIR an àdhbhar ſin guidheam oirbh, a bhràithre, tre throcairibh Dhe, ar cuirp a thabhairt 'n am beo-iobairt, naomha, thaitneach do Dhia, *ni a's è* bhur ſeirbhis reuſonta. Agus na bithidh air bhur cumadh ris an t ſaoghal ſo: ach bithibh air bhur cruth-atharrachadh tre ath-nuadhachadh bhur n inntin, chum gu'n dearbh ſibh creud i toil mhaith, thaitneach, agus dhiongmhalta ſin De. Oir deiream tre a' ghràs a thugadh dhamh-ſa, ris gach uile 'n ar meaſg, gun ſmuainteachadh *uime fein* ni 's àirde na 's còir dha ſmuainteachadh; ach ſmuainteachadh

chadh am meaſarrachd, a reir mar a roinn Dia ris gach uile neach tomhas a' chreidimh. Oir mar ata mòran bhall againn ann aon chorp, agus cha 'n 'eil aig gach uile bhall an aon oifig: Amhuil ſin ge do tha ſinne 'n ar mòran, is aon chorp ann Crioſd ſinn, agus is buill ſinn gach aon ſa leith d'a chèile.

*An Soiſgeul.* Luc. ii. 41.

AGus chuaidh a phàranta' gach bliadhna gu Hieruſalem, aig feìſd na caiſge. Agus air bhi dha dà-bhliadhna-dheug a dh' aois, chuaidh iad ſuas gu Hieruſalem, a reir gnàth' na fèiſde. Agus air coi'-lionadh nan làethe ſin doibh, 'n uair a phill iadſa', dh'fhan an leanabh Joſa 'n an diaigh ann Hieruſalem; agus ni'n raibh fios aig Joſeph no aig a mhàthair *air ſin.* Ach air dhoibh a ſhaoilſin gu'n raibh è ſa chuideachd, dh imich iad aſtar là; agus dh'iarr iad è 'meaſg an cairdean, agus an luchd eòlais. Agus an t ann nach d'fhuair iad è, phill iad gu Hieruſalem, 'g a iarruidh. Agus tharladh 'n diaigh thri l ith', gu'n d'fhuair ſiad è ſan teampul, 'n a ſhuidhe a' meadhon an luchd teagaiſg, faraon 'g an eiſdeachd, agus a' cur cheiſtean orra. Agus ghabh a' mhuintir a chual' è uilè iongantas r'a thuigſe agus r'a fhreagraibh. Agus air dhoibh fhaicſin, ghlac ua'bhas iad: agus a dubhairt a mhàthair rìs, A mhic, c'ar ſon a rinn thu mar ſo oirne? fèuch, bha t athair agus miſe gu brònach ga d'iarruidh. Agus a dubhairt eiſean riu, C'ar ſon a bha ſibh ga m'iarruidh? nach raibh fhios agaibh gu'm bu chòir dhamhſa bhi mu ghnothuichibh m' Athar? Agus cha do thuig iadſan an ni a labhair è riu. Agus chuaidh è ſios maille riu, agus thainig è gu Naſaret, agus bha è umhal doibh: ach ghleidh a mhàthair na nithe ſin uile 'n a croidhe. Agus thainig Joſa air aghaidh ann an gliocas agus am mèudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia, agus aig doinibh.

---

## An Dara Domhnach an deigh an Taiſbeanaidh.

*An Urnuigh.*

ADhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, ata riaghladh nan uilè Nithe air neamh agus air talamh; eiſd gu tròcaireach

ach ri Achanuich do phobull, agus deonuich dhuinn do ſhiothchaimh feadh uile laethibh ar beatha, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. xii. 6

UIme ſin air bhi do thiodhlacaibh eagſamhail againn, a reir a' ghrais a thugadh dhuinn, ma 's fàidheadoireach, *deanamaid fàidheadhoireachd* do reir tomhais a' chreidimh: No ma ma 's mhiniſtreileachd, *thugamaid aire* d'ar miniſtreileachd no an ti a theagaisgas, *thugadh è aire* d'a theagaſg: No an ti a bheir earail, *thugadh è aire* d'a earail: an ti a roinneas an *deirc*, *roinneadh è i* ann treibhdhireachd; an ti a rioghlas, *deanadh sè è* maille re dùrachd; an ti a ni tròcair, *deanadh sè è* gu ſuilbhir. *Biodh bhur* gràdh gun cheilg. Biodh grain agaibh do'n olc, leanaibh gu dlù' ris anſni a 'ta maith. *Bithibh* teo-chroidheach d'a chéile, le gràdh bràthaireil, ann onoir a' toirt toiſeach gach aon d'a chéile: Gun bhi leaſg ann gnothuichibh: dùrachdach 'n ar ſpiorad; a deanamh ſeirbhis do'n Tighearna; a deanamh gàirdeachais ann dochas: foighidneach ann triobloid; mairtheanach ann an urnuigh; a' co'roinn re uireasbhuidh nan naomh; a' gnàthachadh aoidheachd. Beannuichibh an dream a'ta deanamh geur-leanmhuin oirbh: beannuichibh, agus na mallaichibh. Deanaibh gairdeachas maillè riu-ſan a'ta re gàirdeachas, agus caoi'maille riu-ſan a'ta re caoi'. Gu ma h aon toil dhuibh r'a chéile. Na biodh bhur cion air nithibh àrd, ach cuiribh ſibh fein ann coi'-inbhe riu-ſan a'ta ioſal.

*An Soiſgeul.* Join ii. 1.

AGus air an treas là bha pòſadh ann Cana na Galilee; agus bha màthair Joſa ann ſin. Agus ghoireadh Joſa fòs, agus a dheiſciobul, chum a' phòſaidh. Agus air teireachdain do'n fhion, a dubhairt màthair Joſa ris, Cha 'n 'eil fion aca. A dubhairt Joſa ria, Creud mo gnothuchſa riut, a bhean? cha d' thainig m' uair-ſe fòs. A dubhairt a mhàthair ris an luchd frithealaidh, Ge b'è ni a their è ribh, deanaibh è. Agus bha ann ſin ſea ſoithiche cloiche am bu ghnà' uiſg' a chur, a reir gnàth' glanaidh nan Judhach, a ghabhadh dà fheircin no tri gach aon aca. A dubhairt Joſa riu, Lionaibh na ſoithiche le uiſge. Agus lion ſiad iad gus am beul. Agus a dubhairt ſè riu, Tairngibh a nois', agus thugaibh chum uachdarain na féiſde

fèiſde. Agus thug iad *ann è*. 'Nuair a bhlais uachdaran na féiſd' an t uiſg' a rinneadh 'n a fhion, (agus cha raibh fhios aige co as a thainig è; ach bha fhios aig an luchd frithealaidh a tharruing an t uiſge) ghoir uachdaran na feiſd' am fear-nua'-pòſda, agus a deir ſè ris, Cuiridh gach uile dhuine fion maith a làthair air tùs; agus 'n uair a dh' òlas daoine gu leòr, ann fin *am fion* a's meaſa: *ach* ghleidh thus' am fion maith gus a noiſe. An toiſeach ſo mhiorbhuilibh rinn Joſa ann Cana na Galilee, agus dh'-fhoillſich ſè a glòir; agus chreid a dheiſciobuil ann.

## An Treas Domhnach an Deigh an Taiſbeanaidh.

### *An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, amhairc gu tròcaireach air ar n anmhaineachdaibh, agus ann ar uile chunnartaibh agus riachdanais ſin amach do lamh dheas ga'r comhnadh agus ga'r teaſairgin, trid Joſa Crioſd ar Tighearna.

### *An Litir.* Rom. xii. 16.

NA bithibh glic 'n ar bar'aìl fein. Na diolaibh olc air ſon uilc do dhuin' air bith Ull'uichibh nithe ciatfach am fia'nais nan uile dhaoine, Ma dh' fheudàs è bhi, mhèud 's ata ann comas duibhſe, biodh ſiothcaint agaibh ris gach uile dhaoinibh. *A chàirde* gràdhach, na deanaibh dioghaltas air bhur ſon fein, ach thugaibh àite do 'n fheirg: oir ata è ſgriobhta, is leamſa an dioghaltas; iochdaich mi, deir an Tighearna. Uime ſin ma bhios do nàmhad ocrach, thoir biadh dha; ma bhios è tartmhor, thoir deoch dha; oir le ſo a dheanamh carnaidh tu eibhle teine air a cheann. Na d' thugadh an t olc buaidh ort, ach beir-ſe buaidh air an olc leis a' mhaith.

### *An Soiſgeul,* Matth viii. 1.

AGus tairies teachd o'n t ſliabh dha, lean cuideachd mhòr è. Agus fèuch, thainig lobhar, agus thug ſè onoir dha, ag radh, A Thighearna, ma's toil leatſa, is comaſach thu air miſe

miſe a ghlanadh. Agus ſhìn Joſa amach a làmh, agus bhean è ris, ag radh, Ata mi toileach, bi thuſa glan. Agus air ball bha a loibhre air a glanadh. Agus a dubhairt Joſa ris, Fèuch nach innis thu do dhuine air bith, ach im'ich, taiſbein thu fein do 'n t ſagairt, agus beir chuige an tiodhlacadh a dh' àithin Maois, mar fhiadhnuis dhoibh. Agus air dol do Joſa ſteach do Chapernaum, thainig d'a ionnſuidh Caiptin cheud, a' guidheadh air, agus ag radh, A Thighearna, ata m' òglaoch 'n a luidh' a ſtigh am pairilis, *agus* air a phianadh gu ro-iomarcach. A deir Joſa ris, Thig miſe agus ſlànuichidh mi è. Agus air freagairt do'n Chaiptin a dubhairt ſè, A Thighearna, cha 'n fhiu miſe thuſa a theachd aſteach fa m' chleith: ach amhàin abair am focal, agus ſlànuichear m' òglaoch. Oir is duine miſe fèin ata fui' ùghdarras, aig am bhuil ſaighdfhearra fum: agus deirim ris an fhear ſo, Im'ich, agus im'ichidh ſè: agus rls an fhear ſo Thig, agus thig ſè: agus ra m' ſhearbhanta, Dean ſo, agus ni ſe è. Air cluinntin ſo do Joſa, ghabh ſè iongantas, agus a dubhairt ſè ris a' mhuintir a bha 'g a leantuin, Gu firinneach a deirim ribh, nach d'fhuair mi creidimh co-mòr as ſo, ann an Iſrael fein. Agus a deirim ribh, gu'n d'thig mòran o 'n àird an ear, agus on aird an iar, agus ſuidhidh iad maille re Abraham, agus Iſaac, agus Jacob, ann an Rioghachd nèimh'. Ach tilgear clann na rioghachd ann dorchadas ata leith amuigh: bithidh ann ſin gul agus gearradh fhiacall. Agus a dubhairt Joſa ris a' chaiptin cheud, Im'ich romhad, agus biodh dhuit a reir mar á chreid thu. Agus ſhlànuicheadh a ſhearbhanta air an uair ſin fein.

---

## An Ceathramh Domhnach an deigh an Taiſbeanaidh.

### *An Urnuigh.*

O Dhe, aig am bheil fios gu bheil finn air ar ſuidheachadh ann a' meadhon chunnartan co mhòr agus co lionmhor, ir achd le anmhuineachd ar Natuir a 's nach urrain finn do ghna afamh dìreach; Tabhair dhuinn a leithid a neart agus a dhìin, 's a chumas ſuas finn ann ſna h-uile chunnartaibh, agus ghiulanas trid gach uile bhuaidhreadh finn, tre Joſa Criofd ar ighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. xiii. 1.

BIodh gach anam umhal do na h àrd chumhachdaibh. Oir cha'n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachda a 'ta ann, is ann o Dhia a dh' orduicheadh iad. Air an àdhbhar ſin ge b'è air bith a chuireas ann aghaidh a chumhachd, ata ſe cur ann aghaidh òrduigh Dhe: agus iadſan a chuireas 'n a aghaidh, gheibh ſiad breitheanas dhoibh fein. Oir cha 'n 'eil uachdarain 'n an àdhbhar eagail do dheadh oibribh, ach do dhroch oibribh. Uime ſin am miann leat bhi gun eagal an uachdarain ort? dean am maith, agus gheibh thu cliu uaithe. Oir is eiſean ſèirbhiſeach Dhe chum maith dhuit. Ach ma ni thu an t olc, biodh eagal ort; oir cha 'n ann gu diomhaoin ata sè giùlan a' chloidheimh: oir is è ſeirbhiſeach Dhe, 'n a dhioghaltoir feirg air an ti a ni olc. Uime ſin is eigin bhi umhal, ni h ann amhain air ſon fèirge, ach fòs air ſon coguis. Oir air an àdhbhar ſo ata ſibh toirt cis *dhoibh* fòs: oir is iad ſeirbhiſich Dhe iad, a' sìr-fheitheamh air an ni ſo fein. Air an ádhbhar ſin thugaibh do gach uile neach an dlighe fein: cain dha-ſan d'an *dlighear* càin, cìs dha-ſan d'an *dlighear* cìs, èagal dha-ſan d'an *còir* eagal, agus onoir dha-ſan d'an *còir* onoir.

*An Soiſgeul.* Matt. viii. 23.

AGus air dol dhòſan a ſteach do'n luing, lean a dheiſciobuil è. Agus fèuch, dh'eirich ſtoirm mhòr air an fhairge, ionnas gu'n d'fholaich na tonna an lòng: ach bha eiſean 'n a chodal. Agus thainig a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, agus dhùiſg iad è ag radh, A Thighearna, teaſairg ſinn ata ſinn cailte. Agus a dubhairt ſè riu, Creud fa 'm bheil ſibh eaglach, ſibhſe air bheag creidimh? Ann ſin dh'eirich ſè agus chronuich ſè na gaotha agus an fhairge, agus bha ciuineas mòr ann. Ach ghabh na daoine iongantas, ag radh, Creud è ghnè dhuine ſo, gu bheil na gaotha fein agus an fhairge umhal dha? Agus air teachd dha do'n taoibh eile, gu tìr nan Geirgiſineach, thachair dias do dhaoinibh air ann an raibh deamhain, teachd amach as na tuamaibh, agus *bha iad* ro-gharg, ionnas nach feudfadh duine air bith an t ſlighe ſin a ghabhail. Agus fèuch, ghlaoidh iad, ag radh, Creud è ar gnothuchne riut, Joſa a Mhic Dhe? An d' thainig thu ann ſo d'ar pianadh roimh' an ám? Agus bha treud

mhòr

mhòr do mhucaibh am fad uatha, ag inealtradh Agus dh'iarr na deamhain dh'athchuinge air fin, ag radh, Ma thilgeas tu amach finn, leig dhuinn dol ſan treud mhuc ud. Agus a dubharit ſè riu, Im'ichibh. Agus air dol amach dhoibh, chuaidh ſiad ann ſan trèud mhuc: agus fèuch, do ruidh an treud mhuc uile gu dian ſios air ionad corrach, do'n chuan; agus chailleadh ſna h uiſgibh iad. Agus theich na buachaillean, agus chuaidh iad do'n bhaile, agus dh'innis iad na nithe-ſe uile; agus fòs na thachair dhoibhſin ann an raibh na deamhain. Agus fèuch, chuaidh am bail' uile amach chum Joſa a chomhlachadh, agus an uair a chunnairc è, ghuidh iad air im'eachd as an criochaibh-ſin.

---

## An Cuigeamh Domhnach an Deigh an Taiſbeanaidh.

### *An Urnuigh.*

O Thighearna, guidhemid ort t-Eaglais agus do theaghlach a ghleidheadh do ghna ann a d' t-fhior chreidimh, chum an dream ata leigeadh an taic amhain air dòchas do ghràis neamhaidh, gu'm bi iad gu brath ar an dion le d' mhòr chumhachd, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

### *An Litir.* Col. iii. 12.

UIme ſin cuiribhſe umaibh (mar dhaoine taghta Dhe naomha agus ionmhuinn) tiom-chroidhe thròcaire, caomhalachd irioſlachd inntin, macantas, fad-fhulangas; a' giùlan le chèile, agus a' maitheamh d'a cheile ma 'ta cùisghearain aig neach ann aghaidh neach: amhuil mar a thug Crioſd maitheanas dhuibhſe, deanaibhſe mar an ceudna. Agus thar nanithibh ſo uile, *cuiribh umaibh* ſeirc, ni a 's è coi'-cheangal na foirſeachd. Agus biodh sìth Dhe a' riaghladh ann bhur croidhe, chum am bheil ſibh fòs air bhur gairm ann an aon chorp; agus bithibh taingeil. Gabhadh focal Chrioſd comhnuidh annaibh gu ſaibhir ſan uile ghliocas; a' teagaſg agus a' comhairleachadh a chèile le ſalmaibh, agus laoidibh, agus cantaicibh ſpioradail, a' deanamh ciuil do'n Tighearna le gràs

ann bhur croidhe. Agus ge b'è ni air bith a ni fibh ann am focal no ann gniomh, deanaibh na h uile *nithe* ann ainm an Tighearna Joſa, a' toirt buidheachais do Dhia eadhon an t Athair trìd-ſin.

*An Soiſgeul*, Matth. xiii. 24

IS coſmhuil rioghachd neimhe re duine a chuir ſiol maith ann a fhearann: agus ann uair a bha daoine 'n an codal, thainig a namhaid agus chuir ſè cogal a' meaſg a' chrui'neachd, agus dh'imthich ſè roimhe. Ach an uair a thainig an t arbhar fui' dhèis, agus a thug ſè amach a thoradh, dh'fhoillſich an cogal è fein mar an ceudna. Agus air teachd do ſheirbhiſeachaibh fhir-an-tighe, a dubhairt ſiad ris, A Thighearna, nach do chuir thuſa ſiol maith ann a t fhearam? c'àite ma ſeadh as an d fhuair ſè an cogal? A dubhairt eiſean riu, Rinn nàmhaid éigin ſo. Agus a dubhairt na ſeirbhiſich ris, An aill leat uime ſin gu'n teid ſinne agus gu'n cruinnich ſinn r'a chéile iad? Ach a dubhairt ciſean *riu*, Ni h àill; air eagal ag cruinneachadh a' chogail duibh, gu ſpion ſibh an crui'neachd maille ris. Leigibh leo fàs araon gus *an d' thig* am ſoghmhar: agus ann àm a fhoghmhaire a deir miſe re m' luchd-buanaidh, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceangluibh è 'n a phunnanuibh chum a loſgaidh; ach cruinnichibh an crui'neachd do m' ſgiobol

## An Seathamh Domhnach an Deigh an Taiſbeanaidh.

*An Urnuigh.*

O Dhe, aig an raibh do Mhac beannuichte air ſhoillſeachadh, do chum gu'n ſgrioſadh è oibreadh an diabhoil, agus gu'n deanadh ſe ſinn-ne 'n ar Mic do Dhia, agus 'n ar 'n oighribh air beatha ſhiorruidh, Deonuich dhuinn, tha ſinn a' guidhe ort, air bhi do'n dòchas ſo againn, gu 'n glan ſinn ſinn-fein, eadhon mar ata eiſin glan; a chum a' nuair a dh'fhoillſichear a ris è le cumhachd agus le glòir mhòr, gu 'm bi ſinn air ar deanamh coſmhuil ris 'n a rioghachd ſhiorruidh ghlòrmhor

fein

fein, ſann ionad, Maille riutſa O Athair, agus riutſa O Spioraid Naoimh, s am bheil è beo a riaghlachadh aon Dia gu brath, ſaoghal gun chrìch. Amen.

*An Litir.* 1. Join. iii. 1.

FEuchaibh, ciod a' ghnè graidh a thug an t Athair dhuinne, gu'n goirteadh clann De dhinn: uime ſin ni 'n aithne do'n t ſaoghal ſin do bhri' nach b' aithne da eiſean. A mhuintir mo graidh, 'noiſe is ſinne mic Dhe, agus ni 'n ſoilleir fòs ciod a bhitheas ſinn: ach ata fhios againn, 'n uair a dh' fhoillſichear eiſean, gu'm bi ſinn coſmhuil ris: oir chi ſinn è mar ata è. Agus gach uile neach aig am bheil an dochas ſo ann-ſan, glanaidh sè è fein, amhuil ata eiſean glan. Ge b'è neach a ni peacadh, tha è mar an ceudna a' briſeadh an lagha. Agus ata fhios agaibh gu'n d'fhoillſicheadh eiſean chum ar peacaìdh-ne thoirt air falbh; agus ni bheil peacadh ſam bith ann ſan. Gach uile neach a dh' fhanas ann-ſan, cha dean è peacadh: ge b'è air bith a pheacaicheas, cha'n fhaca sè eiſean, agus cha raibh eolas aige air. A chlann bheag, na mealladh neach air bith ſibh: an ti a ni fìreantachd, is fìrean è, amhuil is fìrean eiſean: an ti a ni peacadh, is ann o'n diabhol ata è; oir tha an diabhol a' peacachadh o thùs. Is ann chum na crìche ſo a dh' fhoillſicheadh Mac Dhe, chum gu'n ſgrioſadh è oibridh an diabhoil.

*An Soiſgeul.* Matth. xxiv. 23.

ANN ſin ma deir aon duine ribh, Fèuch, *ata* Crioſd ann ſo, no ann ſùd: na creidibh è. Oir eir'idh Crioſdanna breìge, agus ni ſiad comharthaidh agus miorbhuile môra, ionnas gu mealladh fiad (nam feudadh è bi) na daoine taghta fein. Fèuch, dh'innis mi dhuibh è roi'-laimh. Uime ſin ma deir ſiad ribh, Fèuch, ata ſè ſan fhàſach, na rachaibh amach: fèuch, *ata ſè* ſna ſeomraichibh uaigneach, na creidibh *ſin.* Oir a reir mar a thig an dealanach o'n àird an car, agus a dhealruicheas i gus an àird an iar: mar ſin mar an ceudna bhitheas teachd Mhic an duine. Oir ge b'è ball am bi a' chairòh, is ann an ſin a chruinichear na h ioluirean. Air ball an dialgh triobloid nan là'ith.' ad, dorchuichear a' ghrian, agus ni'n tabhair a' ghealach a ſolus, agus tuitidh na reulta o neamh, agus bithidh cumhachda nan eamha air an crathadh. Agus ann ſin foillſichear comharth' Mhic

Mhic an duine ann neamh: agus ann ſin ni uile threibhe na talmhain bròn, agus chi ſiad Mac an duine a' teachd air nèulaibh nèimh', le cumhachd agus glòir ro-mhòir. Agus cuirfidh ſè 'mach Aingil le fuaim mhòir-na gall truimp, agus cruinnichidh ſiad a ſhluagh taght' o na ceithir gaothaibh, o leith iomal neimhe gus an leith iomall eile.

---

## An Domhnach d'an Goirrear Septuageſima, no an Treas Domhnach Roimh an Charmhas.

### *An Urnuigh.*

O Thighearna, guidhemid ort gu'n eiſdeadh tu gu fabharach re urnuigh do phobuil, chum gu'm bi ſinn-ne ata gu ceart air ar peanaſachadh air ſon ar coirreanna, air ar ſaoradh gu tròcaireach le d' mhaitheas, chum glòir t-ainm, trid Joſa Crioſd ar Slanui'fhear, ata beo agus a' riaghladh maille riutſa agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia gu brath, Saoghal gun chrìch. Amen.

### *An Litir.* 1. Cor. ix 24.

NAch 'eil fhios agaibh iadſan a 'ta ruidh ann ſa bhlar-rèiſe, gu'n ruidh iad uile, ach is aon duin' a gheibh an geall? gu ma h amhuil a ruidheas ſibhſe, ionnas gu'n glac ſibh *an geall*. Agus ata gach uile ghleachdoir meaſarra ann ſna h uile nithibh: noiſe, ata iadſan a' *deanamh ſin* chum 's gu'm fuigh iad crún truaillidh, ach ſinne *air ſon crùin* neo-thruaillidh. Uime ſin is amhuil a ruidheamſa, ni h ann mar gu neo-chinnteach: is amhuil a chogam, ni h ann mar neach a bhuaileas an t aidhear: Ach trom-bhuailean mo chorp, agus cuiream fuidh ſmachd è: an t eagal air chor ſam bith taireis damh *an ſoiſgeul* a ſhearmonachadh do dhroing eile, gu'n cuir'ear mi fein air cul.

### *An Soiſgeul,* Matth xx. 1.

OIR is coſmhuil rioghachd Neimh' re fear-tighe, a chuaidh amach moch air mhaidin a thuaraſdlachadh luchd oibre

d'a ghàradh fìona. Agus taireis da còrdadh ris an luchd oibre air pheghinn *Romhanaich* ſan là, chuir ſè g' a ghàradh fìona iad. Agus air dol amach dha timchioll na treas uaire, chunnairc ſè droing eile 'n an ſeaſamh diomhanach air a' mhargadh, agus a dubhairt ſè riu, Im'ichibhſe mar an ceudna do'n gharadh fhìona, agus ge b'è ni a bhitheas ceart, bheir mi dhuibh è. Agus dh'imich fiad. Air dol amach dha mu timchioll na ſeathadh agus na naothadh uair', rinn ſe mar an ceudna. Agus air dol amach dha mu thimchioll na h aon-uair-deug, fhuair ſè dream eile 'n an ſeaſamh diomhanach, agus a deir ſè riu, C'ar ſon ata fibh 'n ar ſeaſamh ann ſo feadh an là diomhnanach? A deir fiad ris, Chionn nach do thuaraſdaluich duine air bith ſinn. A deir ſè riu, Im'ichibhſe mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'é ni ata ceart, gheibh fibh è. Agus air teachd do'n fheaſcar, a deir tighearn' a' ghàraidh fhìona ſin r'a ſtiobhard, Gairm an luchd oibre, agus tabhair dhoibh an tuaraſdal, ag toiſeacheadh o 'n droing *a thainig* ſa dheireadh gu ruig na ceud *daoine*. Agus air teachd dhoibhſin *a thuaraſdaluicheadh* mu thimchioll na aon-uair-deug, fhuair gach duine dhiubh peghinn. Ach air teachd do'n cheud dream, ſhaoil iad-ſa gu 'm fuigheadh iad ni bu mhò, ach fhuair gach aon diubh mar an ceudna peghinn. Agus air dhoibh fhaghail, rinn ſiad monmhor ann aghaidh fhir-an-tighe, ag radh An dream ſin *a thainig* fa dheireadh, ni 'n d'rinn ſiad *obair* ach aon uair, agus chuir thu iad ann coimhmeas ruinne, a dh'iomchair uallach agus teas an là. Ach air freagairt dha-ſan, a dubhairt ſè re fear dhiubh, A charaid, ni 'm bhuileam a' deanamh eacoir ort: nach do chòird thu rium air pheghinn? Tog leat do chuid fein, agus im'ich romhad: 's i mo thoils' a thabhairt do'n ti ſo *a thainig* fa dheireadh, mar *a' thug mi* dhuitſe. Nach 'eil è ceaduichte dhamhſa an ni a's toil leamh a dheanamh re m' chuid fein? am bheil do ſhùils' olc, air ſon gu bhuil miſe maith? Is mar ſin bithidh an droing dheireannach air thoiſeach, agus an droing *ata* air thoiſeach air dheireadh: oir ata mòran air an gairm, ach beag air an tagha'.

## An Domhnach d'an goirrear Sexageſima, no an dara Domhnach roimh a Charmhas.

*An Urnuigh.*

O Thighearna Dhe, ata a' faicſin nach 'eil ſinn a' cur ar n' earbſa ann nì air bith ata ſinn fein a' deanamh; deonuich gu 'm bi ſinn le d' chumhachd air ar dion gu tròcaireach an aghaidh gach amhghair, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 2 Cor. xi. 19.

OIR giùlainibh ſibh gu toileach le amadanaibh, do bhrì gu bheil ſibh *fein* glic. Oir fuil'gidh ſibh ma bheir neach ann daorſa ſibh, ma dh' itheas neach *ſibh*, ma bheir neach bhur cuid *dhibh*, ma dh' àrdaicheas neach è fein, ma bhuaileas neach air an aghaidh ſibh. Labhram thaobh eas-onoir, mar gu'm bitheamaid anmhunn: ach, ge b'è ni ann s a' bheil neach air bith dàna, (labhram gu h amaideach) ata miſe dàna *ann* mar an ceudna. An Eabhruich iad? *is mar ſin* miſe mar an ceudna: An Iſraelich iad? *is mar ſin* miſe fòs: An ſliochd do Abraham iad? *is mar ſin* miſe mar an ceudna: Am miniſteiridh do Chrioſd iad? (labhram mar dhuine micheillidh) 'taimſe os an ceann *ſa chùis ſo:* ann ſaothairibh ni's pailte, ann am buillibh ni 's ro mhò am prìoſunaibh ni 's trice, am bàſaibh gu minic. Fhuair mi o na h Iudhachaibh cuig uaire dà fhicheadh *buille* ach a h aon. Ghabhadh do ſhlataibh orm tri uaire, chlochadh mi aon uair, dh' fhuiling mi lòng-bhriſeadh tri uaire; la agus oidhche bha mi ſan doimhne: ann turuſaibh gu minic, ann gàbha aimhnichean. ann cuntartaibh mheirleach, ann cuntartaibh o *m'* chinneach *fein*, ann cuntartaibh o na Geintileachaibh, ann cuntartaibh ſa' bhaile, ann cuntartaibh ſan fhàſach, ann cuntartaibh ſan fhairge, ann cuntartaibh 'meaſg bhràithre fallſa; ann ſgìos agus am briſeadh croidhe, am fairibh gu minic, ann ocras agus ann tart, ann troſgaibh gu minic, am fuachd, agus ann lom-nochdaidh. Bharr air na nithibh a 'ta ann leith 'muigh, an ni a 'ta teachd orm gu lathail, cùram nan eaglaiſean uile. Co a'ta lag, agus nach bheilimſe lag? co a ta' faghail oilbheim, agus nach 'eil miſe air mo loſgadh? Mas eigin damh uail a dheanamh, is ann as na nithibh a bhuineas

do'm anmhuinneachd a ni mi uaill. 'Ta fios aig Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Crosd, a 'ta beannuichte gu siorruidh, nach 'eil mi deanamh bréige.

*An Soisgeul.* Luc. viii. 4.

AGus 'n uair a chruinnich sluagh mòr, agus a tbainig iad as gach baile d'a ionnsuidh, labhair è ann an cosamhlachd nu: Chuaidh Sioladair amach a chur a shil: agus ag cur da, thuit cuid re taoibh an ròid, agus shaltradh sios è, agus dh'ith èunlaith an aidheir suas è. Agus thuit cuid eil' air carraig, agus air fàs da, shearg sè, do bhri' nach raibh sùgh aige. Agus thuit cuid eile a' measg droighinn, agus air fàs do'n droighionn maille ris, thachd se è Agus thuit cuid eile air talamh maith, agus dh'fhas è suas, agus thug è toradh uaithe a cheud uiread *'s' n chuireadh.* Agus air dha na nithe sin a radh, ghlaodh è, Ge b'è aig am bheil cluasa chum eisteachd, eisdeadh è. Agus dh'fhiosraich a dheisciobuil deth, ag radh, Creud è an cosamhlachd so? Agus a dubhairt eisean, Thugadh dhuibhse eolas fhaghail air rùn diomhair Rioghachd Dhe; ach do chàch ann cosamhlachdaibh; ionnas aig faicsin doibh nach faiceadh iad, agus ag cluintinn doibh nach tuigéadh iad. Ach is è so an cosamhlachd: Is è'n siol focal De. Iadsan re taoibh an ròid, is iad sin a dh'eisdeas: 'n a dhiaigh sin ata 'n Diabhol a' teachd, agus a' tog'ail air falbh an fhocail as an croidhibh, 'n t eagal gu'n creideadh iad agus gu 'm biodh iad air an sabhaladh. An dream air a' charraig, *is iad sin iadsa'*, 'n uair a dh'eisdeas iad, a ghabhas' am focal d'an ionnsuidh le gairdeachas; agus cha 'n 'eil aca so freumh, *muintir* a chreideas rè tamuill, agus ann àm buaireidh ata tuiteam air falbh. Agus an ni ud a thuit a' measg droighinn, is iad sin an dream a dh'eisdeas, agus air dhoibh dol amach, ata iad air an tachdadh le cùram, agus le saibhreas, agus le saimhe na beatha *so*, agus nì 'm bheil iad a' toirt toraidh uatha chum foirfeachd. Ach an ni ud *a thuit* san talamh mhaith, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal eisdeachd, ata 'ga choimhead ann an croidhe trei'-dhireach agus maith, agus a' toirt toraidh uatha le foighidin.

## An Domhnach d'an goirrear Quinquageſima, no an Domhnach roimh a Charmhas.

*An Urnuigh.*

O Thighearna, a theagais dhuinn, nach 'eil feum air bith 'n ar n-uile ghniomhara as eugmhais carthanachd ; cuir do Spiorad Naomh, agus doirt ann ar croidheachan tiodhlacadh ro 'oir-dhearc ſin na carthanachd, fior cheangal na ſioth agus nan uile Shubhailceadh, nì co air bith ata beo aṡ eugmhais ata ſe air a mheas marbh ann a d' làthairſe. Deonuich ſo dhuinn air ſon t-aon Mhic Joſa Crioſd. Amen.

*An Litir.* 1 Cor. xiii. 1

GE do labhrainn le teangaibh dhaoine, agus aingeal, agus gun ghradh agam, ata mi a m' phrais a ni fuaim, no a'm' chiombal a ni gleangarſaich. Agus ge do raibh agam faidheadoireachd, agus ge do thuiginn gach uile rùna-diomhair, agus gach uile eòlas ; agus ge do bhiodh agam gach uile *ghnè* creidimh, ionnas gu 'n atharraichinn ſleibhte, agus mi gun ghràdh agam, ni bheil annam ach neo-ni. Agus ge do chaithinn mo mhaoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ge do bheirinn mo chorp chum a loſgaidh, agus gun gràdh agam, cha 'n 'eil tairbhe ſam bith dhamh ann. 'Ta an gradh fad-fhulangach, *agus* caoimhneil ; cha ghabh an gradh farmad ; cha dean an gradh raiteachas, cha 'n 'eil è air a ſheideadh ſuas, Cha ghiulain sè è fein gu mi chiatfach, cha 'n iarr è na nithe ſin a bhuineas da fein, cha 'n 'eil è ſo bhroſnachaidh *chum feirge*, cha ſmuainich è olc ſam bith. Cha dean è gàirdeachas ſan ea-coir, ach ni è gàirdeachas ſan fhìrinn : Fuil'gidh è na h uile nithe, creididh è na h uile nithe, bithidh dòchas aige ris na h uile nithibh, giùlainidh sè na h uile nithe. Cha d' theid an gradh air cùl a choidhch' : ach ma's faidheadoireachda *'ta ann*, theid iad air cùl ; ma's teangaidh, ſguiridh ſiad ; ma's eòlas, cuir'ear air cùl è. Oir ata eòlas againn an cuid, agus ata ſinn re faidheadoireachd ann cuid. Ach 'n uair a thig an ni a 'ta iom-lan, cuir'ear air cul an ni ſin nach 'eil ach ann cuid. 'N uair a bha mi a'm' leanban, labhair mi mar leanban, thuig mi mar leanban, reuſonaich mi mar leanban ; ach air fàs damh a'm' dhuine, chuir mi

na nithe leanabaidh air cùl. Oir ata ſinn a' faicſin ſan àm ſo gu dorcha' tre ghloin ; ach ann ſin *chi ſinn* aghaidh re h aghaidh ; ſan àm ſo is aithne dhamh ann cuid ; ach ann ſin aithnichidh mi mar ata aithneadh orm fòs. Agus a noiſe fanaidh creidimh, dòchas, gràdh, na tri *nithe* ſo ; ach *is è* 'n gradh a's mò dhiubh ſo.

*An Soiſgeul.* Luc. xviii. 31.

AGus ghabh Iesa 'n dà-fhear dheug d'a ionnſuidh, agus a dubhairt ſe riu, Fèuch, ata ſinn a' dol ſuas gu Hieruſalem, agus bithidh gach uile nithe ata ſgriobhta leis na faidhibh mu Mhac an duine, air an coi'-lionadh. Oir bheir'ear thairis è do na cinneachaibh, agus theid fanoid a dheanamh air, agus maſluichear è, agus gabhar do ſhilibh air ; Agus ſgiurſaidh agus marbhaidh ſiad è : agus air an treas là eir'idh ſè 'ris. Agus cha do thuig iadſan aon ni dhiubh ſo : agus bha na briathra ſo folaichte orra agus cha do thuig iad na nithe a dubhradh. Agus tharladh, 'n uair a dhruid è re Iericho, gu'n raibh dall àraidh'n a ſhuidhe re taoibh an ròid, ag iarraidh déirce. Agus air cluinntin an t ſluaigh a' dol ſeachad, dh'fheòraich è ciod bu chiall da *ſo*. Agus dh' innis iad da, gur b'è Ioſa ò Naſaret a bha gabhail ſeachad. Agus ghlaodh è, ag radh, Ioſa. Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus chronnich iadſan a bha air thoiſeach è, chum's gu'm biodh è 'n a thoſd : ach bu mhòid gu mòr a ghlaodh eiſean, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus air ſeaſamh do Ioſa, dh' àithn ſè a thoirt d'a ionnſuidh : agus 'n uair a thainig è 'm fogus da, dh' fheòraich ſè dheth, Ag radh, Ciod is àill leat miſe a dheanamh dhuit ? agus a dubhairt eiſean, A Thighearna, mi dh' fhaghail mo radhairc. Agus a dubhairt Ioſa ris, Biodh do radharc agad : ſhlànuich do chreidimh thu. Agus air ball fhuair ſè a radharc, agus lean ſè è, a toirt gloir' do Dhia : agus thug an ſluagh uile cliu do Dhia, 'n uair a chunnaic iad *ſo*.

## An ceud La do'n charmhas, d' an goirrear gu coitcheann Diceudain-an-luaithreadh.

*An Urnuigh.*

A Dhe Uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, leis nach fuathach nì air bith a rinn ù, agus ata toirt maitheanas peacaidh do'n dream ſin uile a ni aithreachas ; dean agus cruthaich ionnain croidheachan nuadh agus brùithte, ionas air bhi dhuinn do rìreadh a' caoidh air ſon ar peacanna, agus aig aidmheil ar truaigh, gu'm fuidh ſinn uait-ſe, Dia nan uile throcair, lan fhuaſgladh agus maitheanas, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ *Is còir an Urnuigh ſo a leughadh gach la do'n Charmhas, an deigh au Urnuigh orduichte air ſon an la fein.*

*Air ſon an Litir.* Joel ii. 12.

PIllibhſe do m' ionnſuidh, a deir an Tighearna, le'r n' uile chroìdhe, agus le traſg, agus le gul, agus le bròn. Agus reabuibh bhur croidhe, agus na b' è bhur n' èudach, agus pillibh a dh' ionnſuìdh an Tighearna bhur Dia : oir ata ſe gràſail agus trocaireach, mall chum feirge, agus a làn do chao'neas, agus gabhaidh ſè aithreachas o 'n olc. Co aig ata fios nach pill ſe agus an dean ſe aithreachas, agus nach fàg ſe beannachadh na dheigh, eadhon ofrail bhìdh, agus ofrail dhighe do'n Tighearna bhur Dia ? Seidibh an trompaid ann Sion, naomhaichibh traſg, goiribh comhthional ſòlaimte, cruinichibh am pobull, naomhuichìbh an co-thional, cruinichibh na ſeanairean, tionailibh a chlann, agus an dream a dheolas am brollach ; rachadh am fear nuadh poſda amach as a' ſheomar, agus a bhean nuadh phoſda as a' ſeomar uaìgneach ; guilleadh na Sagairt, miniſteirin an Tighearna, eidir am pòrſa agus an altair, agus abradh iad, Coigil do phobul, O Thighearna, agus na tabhair t-oighreachd fein gu maſlaidh, chum nach riaghladh na geintilich os an cionn : c' air ſon a deireadh s' iad a' meaſg a phobuil, C' àit a bheil an Dia?

An

*An Soiſgeul.* Mhatth. vi. 16.

AGus an uair do ni ſibh troſgadh, na bitheadh gruaim air bhur gnùis, mar luchd an fhuar chràbhaidh: oir cuirſidh iadſan mi-dhreach air an aghaidh chum gu faicear le daoinibh iad a bhi troſgadh. Deirim ribh gu firinneach gu bheil an tuaraſdal aca. Ach thus', an uair a ni thu troſgadh, cuir ola air do cheann, agus ionnail t aghaidh: Chum nach faicear le daoinibh, gu bheil thuſa a' deanamh troſgaidh, ach le t Athair ata ann uaignidheas: agus bheir t Athair a chi ann uaignidheas, duais dhuit gu follaiſeach. Na taiſgibh dhuibh fein ionmhais air an talamh, far an truaill a' mhiol chrion agus a'mheirg è, agus far an cladhaich na meirlich a ſtigh agus an goid iad. Ach taiſgibh ionmhais dhuibh fein air neamh, far nach truaill a' mhiol chrion no a' mheirg, agus nach cladhaich, agus nach goid na meirlich. Oir ge b'e ball am bheil bhur n ionmhas, is ann an ſin a bhitheas bhur croidhe mar an ceudna.

## An ceud Domhnach do'n Charmhas.

*An Urnuigh.*

OThighearna, a thraiſg da fhìchiod la agus da fhichiod oidhche air ar ſoin-ne; tabhair dhuinn gràs an troſgadh do dheanamh; chum air bith d' ar feoil umhla do'n Spiorad, gu 'm bithmid do ghna umhladh do d' bhroſnuchadh diaghaidh ann am ſireantachd agus am ſior naomhachd, chum t-onair agus do ghlòir, ata beo agus a' riaghluchadh maille ris an Athair, agus ris an Spiord Naomh, aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

*An Litir.* 2 Cor. vi. 1.

UIme ſin ata ſinn *mar* cho'-oibrichean *riſean*, a' guidheadh *oirbh* fòs, gun ſibh a ghabhail gràs De ann diomhaoineas: (Oir a deir sè, Ann am taitneach dh' eiſd mi riut, agus ann la ſlainte rinn mi congnamh leat: ſeuch, 'noiſe an t am taitneach; ſeuch, 'noiſe là *na* ſlainte) Gun bhi tabhairt àdhbhar oilbheim air

air bith ann aon ni, chum nach fuigheadh a' mhiniſtreileachd mi-chliu: Ach ann s gach uile ni 'g ar moladh fein mar mhiniſteiribh Dhe, ann mòr fhoighidin, ann triobloidibh, ann uireaſbhuidh, ann amhgharaibh, Ann am buillibh, ann am prìoſunaibh, ann luaſgadh, *o àite gu h àite*, ann ſaothair, am faire, ann troſgaibh; Ann am ſior-ghloine, le eòlas, le fad-fhulangas, le caoimhneas, leis an Spiorad naomh', le grádh gun cheilg, Le briathar na firinn, le cumhachd Dhe, le airm na fìreantachd air an làimh dheis agus chli; Tre onoir agus eas-onoir, tre mhichliu agus deadh-chliu: mar mhealltoiribh, *gidheadh* fìrinneach; Mar dhroing nach aithnichear, *gidheadh* air am bheil deadh aithne; mar dhroing a 'ta faghail bhais, *gidheadh* fèuch, ata ſin beo; mar dhroing a ſmachdaichear, agus gun am marbhadh; Mar dhroing a 'ta brònach, gidheadh do ghnâ' a' deanamh gàirdeachais; mar *dhaoine* bochda, gidheadh *a 'ta* deanamh mòran ſaibhir; mar *dhaoine* aig nach 'eil ni ſam bith, *gidheadh* a' ſealbhachadh nan uile nithe.

*An Soiſgeul.* Matth. iv. 1.

ANN ſin do threòruicheadh Ioſa leis an Spiorad do'n fhàſach, chum gu'm biodh è air a bhuaireadh leis an diabhol. Agus an uair do throiſg ſè da fhichid là agus da fhichid oidhche, bha ſè 'n diaigh ſin air ocras. Agus air teachd do'n bhuaireadoir d'a ionnſuidh, a dubhairt ſè, Ma's tuſa Mac Dhe, toir àithne do na clochaìbh ſin bhi 'n an aran. Ach do fhreagair eiſean agus a dubhairt ſè. Ata è ſcriobht', ni le h aran amhàin a bheathuichear duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bheul De. Ann ſin thug an diabhol è do'n bhaile naomha, agus chuir ſè air binnein an teampuill è. Agus a dubhairt ſè ris, Ma 's tu Mac Dhe, tilg thu fein ſios: oir ata è ſcriobt, gu toir ſè àithne d'a ainglibh a'd' thimchioll, agus togbhaidh iadſan thu ſuas 'n an làmhaibh, chum as nach buaìl thu uair air bith do chos air cloich: A dubhairt Ioſa ris, A ris ata è ſcriobht', na buair an Tighearna do Dhia. Thug an diabhol è a rìs chum ſleibh' roaird, agus nochd ſè dha uile rioghachda an domhain, agus an gloir: Agus a dubhairt ſè ris, Do bhearams' iad ſo uile dhuit, ma 's è air tuiteam dhuit ſios gu 'n dean thu adhradh dhamhſa. Ann ſin a dubhairt Ioſa ris, Im'ich uam, a Shatain: cir ata è ſcriobht', Bheirt hu adhradh do'n Tighearna do'n Dhia, agus dhò ſan 'n a aonar do ni thu ſeirbhis. Dh'fhàg an diabhol è ann ſin;

ſin; agus fèuch, do thainig aingìl agus rinn ſiad frithealadh dha.

## An dara Domhnach d'on Charmhas.

*An Urnuigh.*

A Dhe Uile chumhachdaich, ata faicſin nach 'eil cumhachd againn uainn fein comhnadh a dheanamh dhuinn fein; Gleidh ſinn ann ar cuirp ann leath a muigh. agus ann ar n' anamaibh ann taobh a' ſtigh, chum gu 'm bi ſinn air ar dion 'o gach uile amhghar a dh'fheudas teachd air a chorp, agus o gach uile dhroch ſmuaintibh a bheir ionnſuidh, no ni cron do'n anam, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1. Teſſ. iv. 1.

A Bhraithre, cuireamaid a dh' impidh agus a dh' athchuinge oirbh tre'n Tighearna Ioſa, amhuil mar a fhuair ſibh uainne cionnas is còir dhuibh im'eachd, agus Dia a thoileachadh, gu mèudaicheadh ſibh mar ſin ni 's mò agus ni 's mò. Oir ata fhios agaibh creud iad na h àitheanta thug ſinne dhuibh tre 'n Tighearna Ioſa. Oir is i ſo toil Dhe, *eadhon* bhur naomhachadh-ſa, ſibh a ſheachnadh ſtrìopachais: Gu'm b' aithne do gach aon agaìbh a ſhoitheach fein a ſhealbhachadh ann naomhachd, agus ann onoir; Ni h ann an am fonn ainmhiannach, amhuil mar *a ni* na Cinnich aig nach 'eil eòlas air Dia: Gun neach air bith a dheanamh ain-neart no mealltoireachd ann an cuìs *ſam bith* air a bhràthair: do bhri' gur è 'n Tighearn' a ni dioghaltas air an uile leithidibh ſin, a reir mar a dh'innis ſinne fòs duibh roimhe, agus a rinn ſinn ſia'nais. Oir cha do ghairm Dia ſinne gu neo-ghloine, ach gu naomhachd. Uime ſin an neach a ni tàir, ni h ann air duine 'ta è deanamh tàir, ach air Dia, neach fòs a thug dhuinne a Spiorad naomha ſein.

*An Soifgeul*, Matth xv. 21.

AGus air dol do Iofa as ſin, chuaidh ſè gu criochuibh Thiruis agus Shidoin. Agus fèuch, thainig bean do *mhuintir* Chanaan o na criochuibh ſin, agus ghlaodh ſi ris, ag radh, Dean tròcair orm, a Thighearna a Mhic Dhaibhi; ata m' inghean air a buaireadh gu truagh le deamhan. Ach ni'n d' thug eiſean freagra' dh'i ann aon fhocal. Agus thainig a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, agus dh iar iad air, ag radh, Cuir air falbh i, oir ata ſi glaodhaich 'n ar diaigh-ne. Ach air freagairt dha-ſan a dubhairt ſè, Nior chuireadh miſe, ach gu caoraibh chaillte thighe Iſraeil. 'Nſin air teachd dh'iſe do rinn ſi adhradh dhò, ag radh, A Thighearna, cuidich leam. Ach air freagairt dha-ſan a dubhairt ſè Ni 'n còir aran na cloinne a ghlacadh, agus a thilgeadh chum nan con. Agus a dubhairt iſe, Is fior, a Thighearna: ach ithidh na coin cuid do'n ſbruileach, a thuiteas o bhòrd am maighiſdiridh fein. Ann ſin do fhreagair Iofa agus a dubhairt ſè ria, O bhean, 's mòr do chreidimh: biodh dhuit mar is toil leat. Agus rinneadh a h inghean ſlán o 'n uair ſin amach.

## An treas Domhnach do'n Charmhas.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, tha ſinn a' guidheadh ort, amhaire air achanuichibh croidheil do ſheirbheiſich. agus ſin a mach lamh dheas do Mhórachd ga 'r dion an aghaidh ar n-uile naimhdean, trid Iofa Criofd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. v. 1.

UIme ſin bithibhſe 'n ar luchd leanmhuin air Dia, mar chloinn ghràdhaich; agus giuaiſibh ann gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Criofd ſinne, agus a thug sè è fein air ar ſon, 'n a ofrail agus 'n a ìobairt deadh-bholaidh do Dhia. Ach na biodh ſtrìopachas, agus gach uile neo-ghloine, no fannt, uiread agus air an ainmeachadh 'n ar meaſg, mar is cubhaidh do naomhaibh;

No draoſdachd, no comhradh amaideach, no bao-ſhùgradh, nithe nach 'eil iomchu'idh: ach gu ma fearr *libh* breith-buidheachais. Oir ata fios agaibh air ſo, nach 'eil aig ſtriopaiche air bith, no aig neach neo-ghlan, no aig duine ſanntach, a 'ta 'n a fhear iodholàdhraidh, oighreachd ann rioghachd Chrioſd, agus Dhe. Na mealladh neach air bith ſibh le briathraibh diomhaoineach: oir air ſon nan nithe ſin ata fearg Dhe a' teachd air cloinn na h eas-umhlachd. Na bithibhſe uime ſin 'n ar luchd co'-pairt riu. Oir bha ſibh uair-eigin 'n ar dorchadas, ach a noiſe *'ta ſibh* 'n ar ſolus ſan Tighearna: gluaiſibh mar chloinn na ſoilliſe. (Oir *atn* toradh an Spioraid ann ſan uile mhaitheas, agus ionracas, agus fhirinn) A' dearbhadh ciod an ni a 'ta taitneach do'n Tighearna. Agus na biodh co'chomunn agaibh re oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr libh an cronachadh. Oir is graineil eadhon r'an innſeadh na nithe a 'ta air an deanamh leo os ìoſal. Ach ata na h uile nithe a 'ta air an cronachadh, air an deanamh follaſach leis an t ſolus: oir gach uile ni do ni ſoilleir, is ſolus è. Uime ſin a deir sè, Moſgail, thuſa 'a 'ta d' chodal, agus eirich o na marbhaibh, agus bheir Crioſd ſolus duit.

*An Soiſgeul.* Luc. xi. 14.

BHA Joſa tilgeadh amach deamhain, agus bha è balbh. Agus tharladh, air dol do'n deamhan amach, gu 'n do labhair am balbhan: agus ghabh an ſluagh iongantas. Ach a dubhairt cuid aca, Is ann tre Bheelſebub prionnſa nan deamhan ata ſè tilgeadh amach dheamhan Agus dh' iarr dream eile aca, 'g a bhuaireadh, comharth' air o neamh. Ach air dha-ſan an ſmuaintidh a thuigſin, a dubhairt ſè riu, Gach rioghachd a bhios roinnte 'n a h aghaidh fein, fàſaichear i: agus gach tigh *ata roinnte* 'n a aghaidh fein, tuitidh ſè. Agus ma 'ta Satan fòs air a roinn 'n a aghaidh fein, cionnas a ſheaſas a rioghachd? chionn gu 'm bheil ſibh 'g radh, gu bheil miſe tre Bheelſebub a' tilgeadh 'mach dheamhan. Agus ma 's ann tre Bheelſebub ataimſe tilgeadh 'mach dheamhan, co è tre 'm bhuil bhur clannſa 'g an tilgeadh 'mach? uime ſin bithidh ſiad 'n am breithibh oirbhſe. Ach ma 's ann le mèur Dhe ataims' ag tilgeadh 'mach dheamhan, tha rioghachd Dhe, gun teagamh, air teachd oirbhſe. 'Nuair a ghleidheas duine làidir fa armaibh a chùirt fein, ata na bhuineas da ann an sìth. Ach 'n uair a thig duin' a 's

treiſe na è, agus a bheir è buaidh air, bheir ſè uaithe armachd uile ann s an raibh a dhòigh, agus roinnidh ſè a chreach-ſan. An neach nach 'eil leam, tha è m' aghaidh: agus an neach nach 'eil a' cruinneacha' leamſa, 'ta ſè a ſgaoileadh. 'N uair a theid an ſpìorad neo-ghlan amach a duine, im'ichidh ſe tre ionadaibh tiorma, 'g iarraidh fois: agus 'n uair nach fuigh è ſin, deir ſè, Pillidh mi dh' ionnſuidh mo thighe as an d' thainig mi. Agus air dha teachd, gheibh ſè e air a ſguabadh agus air a dheanamh maiſeach Ann ſin im'ichidh ſè agus bheir è leis ſeachd ſpioraid eile a's meaſa na è fein, agus air dhoibh dol a ſtigh, gabhaidh ſiad comhnuidh ann ſin: agus bithidh deireadh an duine ſin ni 's meaſa na a thoiſeach. Agus tharladh 'n uair a bha è labhairt nan nithe ſo, gu 'n do thog bean àraidh do'n t ſluagh a guth, agus gu'n dubhairt ſi ris, Is beannnicht' a' bhrú a ghiulain thu' agus na ciocha dheoghail thu. Ach a dubhairt eiſean, Is mò gur beannuicht' iadſan a dh' eiſdeas focal De, agus a choimheadas è.

---

## An ceathramh Domhnach fa' Charmhas.

### *An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, tha ſinn a' guidhe ort, deonuich dhuinne, ata gu ceàrt a' toiltin a bhi air ar peanaſachadh air ſon ar droch ghniomhara, gu 'm bi ſinn gu tròcaireach air ar fuaſgladh tre chohurtachd do ghràis, trid air Tighearna agus ar Slanuifear Joſa Crioſd. Amen.

### *An Litir.* Gal. iv. 21.

INnſibh dhamh, ſibhſe le 'm miann bhi fuidh 'n lagh, nach cluinn ſibh an lagh? Oir ata è ſgriobhta, gu raibh aig Abraham dias mhac; a h aon diubh re ban-traill, agus am *mac* eile re mnaoi ſhaoir. Agus eiſean *a bh'aige* ris a' bhan-traill, ghineadh reir na feòl' è: ach eiſean *a bh'aige* ris a' mhnaoi ſhaoir, tre ghealladh. Na nithe ſo is coſamhlachd iad; oir is iad ſo an dà chùmhnant; aon diubh o ſhliabh Sinai, a 'ta a' breith chum daorſa, noch is i Agar. Oir is i Agar ſliabh Sinai ann Arabia, agus

agus ata i ag coi'fhreagradh do Ierusalem a 'ta 'nois' ann, agus ata si fuidh dhaorsa maille r'a cloinn. Ach ata an Ierusalem a 'ta shuas saor, agus is màthair dhuinn uil' i Oir ata è sgriobhta, Dean gairdeachas, a bhean sheasg nach 'eil a' breith *cloinne ;* bris amach agus glaodh, thusa nach 'eil re saothair- *chloinne :* oir is lionmhoire clann na mnà aonaraich na na mnà aig am bheil fear. 'Noise, a bhràithre, is sinne, mar bha Isaac, clann a' gheallaidh. Ach amhuil mar a rinn eisean a rugadh reir na feòla, san àm sin geurleanmhuin air-sin *a rugadh* do reir an Spioraid, is amhuil sin *ata* 'noise mar an ceudna. Ach, creud a deir an sgriobtuir ? Tilg amach a' bhan-tràill agus a mac : oir cha bhi mac na ban-tràill' 'n a oighre maille re mac na mnà-saoire. Uime sin, a bhraithre, cha sinne clann na ban-tráille, ach na mna-saoire.

*An Soisgeul.* Eoin vi. 1.

'NA dhiaigh sin chuaidh Iosa thar fairge na Galilee, *no* Thiberias. Agus lean sluagh-mòr è, do bhri' gu'm fac' iad a mhiorbhuile a rinn è air an dream a bha easlan. Agus chuaidh Iosa suas air sliabh, agus shuidh sè ann sin maille r'a dheisciobluibh. Agus bha chàisg, féisd nan Iudhach, am fogus. Ann sin 'n uair a thog Iosa suas *a* shùile, agus a chunnaic sè gu 'n d' thainig buidheann mhòr sluaigh d'a ionnsuidh, a deir se re Philip, Cia 'n t ait' as an ceannaich sinn aran chum gu'n itheadh iadsan ? (Agus a dubhairt è so 'g a dhearbhadh : oir bha fhios aige fein ciod a dheanadh è) Fhreagair Philip è, Cha leòr dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh' aran, chum 's gu'n gabhadh gach aon aca beagan. A dubhairt a h aon d'a dheisciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, ris, 'ta òganach ann so, aig am bheil cuig arain còrna, agus dà iasg bheaga : ach ciod iad so a' measg na h uiread ? Agus a dubhairt Iosa; Thugaibh air na daoinibh suidhe sios. 'Noise bha mòran feoir ann san àite. Air an adhbhar sin shuidh na daoine sios, ann àireamh timchioll chuig mìle. Agus ghlac Iosa na h arain, agus air breith buidheachais da, roinn sè air na deisciobluibh *iad,* agus na deisciobuil orra-san a shuidh : agus mar an ceudna do na h iasgaibh beaga, mhèud 's a b'àill leo. 'Nuair a shàsuicheadh iad, a dubhairt sè r'a dheisciobluibh, Cruinnichibh am biadh brisle 'ta thuilleadh ann, chum's nach caillthear a bheag. Air an àdhbhar sin chruinnich siad è r'a chéile, agus lion iad dà chliabh-dheug do sbruileach nan cuig aran còrna, a bha dh' fhuigheall aig a'

mhuintir a dh' ith. Ann ſin 'n uair a chunnaic na daoinne ud am miorbhuil a rinn Ioſa, a dubhairt ſiad, Gu fìrinneach is è ſo am fàidh ud a bha gu teachd chum an t ſaoghail.

---

## An cuigeamh Domhnach do'n Charmhas.

*An U rnigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, guidheamaid ort, gu'n amhairceadh tu gu tròcaireach air do phobull; chum gu'm bi iad gu brath air an gleidheadh, araon 'n an corp agus 'n an anam le d' mhòr mhaitheas, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Eabh. ix. 11.

AIR teachd do Chrioſd 'n a àrd-ſhagart nan nithe maithe a bha re teachd, tre thabernacal bu mhò agus bu diongmhalta, nach d'rinneadh le làmhaibh, ſin r'a radh, nach raibh do'n tog'ail ſo; agus fòs ni tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil fein chuaidh è ſteach aon uair do'n ionad naomha, air dha ſaorſa ſhiorruidh fhaghail *duinne.* Oir ma ni fuil tharbh, agus ghabhar, agus luaithre aighe air a crathadh air an droing a bha neoghlan, an naomhachadh chum glanadh na feòla; cia mòr is mò ni fuil Chrioſd, a dh' ofrail è fein tre 'n Spiorad ſhiorruidh, gun lochd, do Dhia, bhur coguis-ſe ghlanadh o oibribh marbha chum ſeirbhis a dheanamh do 'n Dia bheo? Agus air a ſhon ſo is eiſean eidirmheadhonair an tiomna'-nuaidh, ionnas tre fhulangas a bhàis, chum ſaorſa nan ea ceirtidh *a bha* fuidh 'n cheud tiomnadh *a choſnadh*, gu 'm fuigheadh iadſan a 'ta air an gairm gealladh na h oighreachd ſhiorruidh.

*An Soiſgeul.* Eoin viii. 46.

DUbhairt Joſa co agaibhſe chuireas peacadh a m'leithſe? agus ma 'ta mi 'g innſeadh na fìrinn, c'ar ſon nach 'eil ſibh ga m' chreidſin? An ti a' ta o Dhia, eiſtidh sè re briathraibh Dhe: is uime ſin cha 'n 'eil ſibhſe 'g eiſteachd, air ſon nach ann o Dhia ata ſibh. Ann ſin fhreagair na h Iudhaich, agus a dubhairt ſiad ris,

Nach

Nach maith a deir ſinn gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad? Fhreagair Ioſa, Cha 'n 'eil deamhan agam: ach ata mi toirt onoir do m' Athair, agus ata ſibhſe toirt easonoir dhamh-ſa. Agus cha 'n 'eil mi 'g iarraidh mo ghlòire fein: 'ta neach ata 'giarraidh agus a' toirt breith. Gu deimhin deimhim a deirim ribh, Ma choimheadas neach m' fhocal-ſa, cha'n fhaic sè bas a choidh'. Ann ſin a dubhairt na h Iudhaich ris, 'Nois' ata fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; agus a deir thuſa, Ma choimheadas duine m' fhocal-ſa, cha bhlais è bàs a choidhch'. Am mò thuſa na ar n athair Abraham, a fhuair bàs? agus fhuair na faidhean bàs: co ata thu deanamh dhiot fein? Fhreagair Ioſa, Ma 'ta mi toirt gloir' dhamh fein, cha 'n 'eil ach neimh-ni a'm' ghlòir: 's è m' Athair a 'ta toirt glòire dhamh, neach a deir ſibhſe gur è bhur Dia è: Gidheadh cha do ghabh ſibh eòlas air; ach ata eòlas agams' air: agus nan abrainn, Nach aithne dhamh è, bhithinn coſmhuil ribhſe a m' bhreugoire: ach is aithne dhamh è, agus ata mi coimhead fhocail. Bha ſubhachas mòr air Abraham bhur n athair re m' la-ſa fhaicſin; agus chunnairc ſè è, agus rinn è gàirdeachas. Ann ſin a dubhairt na h Iudhaich ris, Cha 'n 'eil thu fòs leth cheud bliadhna dh' aois, agus am faca tu Abraham? Dubhairt Ioſa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Man raibh Abraham ann, ATAIMSE. Ann ſin thog iadſan clocha chum an tilgeadh air: ach dh' fholaich Ioſa è fein, agus chuaidh è 'mach as an teampull, a' dol tre a' meadhon, agus mar ſin dh' fhalbh è ſeachad.

---

## An Domhnach a's faiſge roimh a Chaiſg.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich agus Shiorruidh, a chuir do d' chaomh ghradh do'n chinneadh daona, do Mhac ar Slanuiſhear Joſa Crioſd, chum ar feoil do ghabhail air fein, agus a dh' fhullang bais air a' chrois, a chum gu'n leanadh an cinneadh doaine uile eiſimpleir a mhòr irifieachd; deonuich gu tròcaireach gu'n lean ſinn eiſimpleir fhoighdin, agus gu'n deanthar ſinn 'n ar luchd co-pairt d' a eis-eirigh, trid an Joſa Crioſda cheudna ſin ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Philip. ii. 5.

UIme ſin biodh an inntin cheudna annaibhſe, a bha fòs ann Iofa Crioſd: Neach air bhi dha ann an cruth Dhe, cha do mheas è 'n a reubuinn è fein bhi coi'-ionunn re Dia: ach chuir sè e fein ann neomheas, agus ghabh sè air fein dreach ſeirbhiſich, agus rinneadh è ann cos'las dhaoine: agus air dha bhi air fhaghail ann cruth mar dhuine, dh' irioſlaich sè è fein, agus bha è umhal gu bàs, eadhon bàs na croiche. Air an âdhbhar ſin dh' ardaich Dia è gu ro àrd mar an ceudna, agus thug sè dha ainm os ceann gach uil' ainm: Chum do ainm Iofa gu 'n lùbadh gach uile ghlùn, do *nithibh a ta* air neamh, agus do *nithibh a'ta* air talamh, agus do *nithidh a 'ta* fa 'n talamh; agus gu' n aidmhicheadh gach teanga gur è Iofa Crioſd an Tighearna, chum glòir' Dhe an Athar.

*An Soiſgeul.* Mhatth. xxvii. 1.

AIR teachd do'n mhaidin, ghabh uachdarain nan ſagart uile, agus ſeanoiridh a' phobuill, comhairle le chéile ann a-ghaidh Iofa, chum a chur gu bàs. Agus air dhoibh eiſean a cheangal, thug iad leo è, agus thug ſiad thairis è do Phontius Pilat an t uachdaran. Ann ſin air faicſin do Iudas a bhraith eiſean, gu 'n do dhiteadh è, ghabh ſè aithreachas, agus thug è air an ais na deich pioſa fichead airgid do na h àrdſhagartaibh, agus do na ſeanoiribh. Ag radh, Do pheacuich mi, ann am brath' na fola neo-chiontaich. Ach a dubhairt iadſan, Ciod è *ſin* duinne? amhairc thuſa *air ſin*. Agus air tilgeadh uaithe nam pìoſa airgid ann ſan teampull, dh'fhalbh ſè, agus air im'-eachd dha chroch ſè è fein. Agus air glacadh nam pìoſa airgid do na h àrd-ſhagartaibh, a dubhairt ſiad, Cha chòir an cur ſan ionmhas, oir is luach fola iad. Agus air gabhail comhairle dhoibh, cheannuich iad leo fearann a' Chriadh fhir, chum a bhi 'n a àit' adhlaic' do choigreachaibh. Air an àdhbhar ſin goirthear do'n fhearann ud, Fearann na fola, gus an diu (Ann ſin choi'-lionadh a' ni a dubhradh le Ieremias am faidh, ag radh, Agus ghabh iad na deich pìoſa fichead airgid, luach an ti a mheaſadh, neach a mheas iadſan *a bha* do chloinn Iſraeil: agus thug ſiad iad air ſon fearainn a' Chriadh-fhir, mar a dh'òrduich a Tighearna dhamhſa.) Agus ſheas Iofa ann làthair an uachdarain; agus dh'fhiofruich an t uachdaran deth, ag radh, An

tuſa Righ nan Iudhach ? Agus a dubhairt Ioſa ris, A deir tu è. Agus air do na h aird-ſhagartaibh agus do na ſeanoiribh cuìſean a chur as a leth, nior fhreagair ſè ni ſam bith. Ann ſin a deir Pilat ris, Nach cluinn thu cia lion nithe 'ta iad a' fianaiſeachadh a' d' aghaidh ? Agus cha d'thug ſè freagradh air aon fhocal da, ionnas gur ghabh an t uachdaran iongantas ro-mhòr. 'Nois' re àm na feiſte chleachd an t uachdaran a chur fa ſgaol do'n phobull aon phrìoſanach a b'aill leo. Agus bha aca ſan àm ſin prìoſanach ro-chomhar'uichte, d' am b' ainm Barabbas. Air an à'bhar ſin air dhoibhſe bhi cruinn ann ceann a chéile, a dubhairt Pilat riu, Co a's àill libh miſe a chur fa ſgaoil duibh ? Barabbas, no Ioſa, da'n goirthear Crioſd ? Oir bha fios aige gur b' ann o fharmad a thug iad thairis è. Agus air ſuidhe dha-ſan ann caithir a' bhreitheamhnais, choir a bhean *teachdaireachd* d'a ionnſaidh, ag radh, Na biodh agad-ſa buintin ſam bith ris an fhirean ſin : oir is mòr a dh'fhulaing miſe an diu ann am bruadar, air a ſhon-ſa. Ach chuir na h àrd-ſhagairt agus na ſinnſir impidh air a' phobull gu'n iarradh iad Barabbas, agus gu milleadh iad Ioſa. Agus air freagairt do'n uachdaran a dubhairt ſè riu, Co do'n dias a's àill libh miſe a chur fa ſgaoil duibh ? A dubhairt iadſan, Barabbas. A dubhairt Pilat riu, Ciod ma ſeadh a ni mi re h Ioſa, d' an goirthear Crioſd ? A dubhairt ſiad ris uile, Ceuſthar è. Agus a dubhairt an t uachdaran, C'ar ſon, ciod an tolc a rinn è ? Ach is mò gu mòr a ghlaodh iadſan, ag radh, Ceuſthar è. Agus air faicſin do Philat nach do bhuadhuich ſè bheag ſam bith, ach gu 'n d'eirich an tuilleadh buaireis, air dha uiſg' a ghabhail, dh'ionnlaid ſè a làmhan am fia'nais an t ſluaigh, ag radh, Ata miſe neo-chiontach a dh'fhuil an fhìrein ſin : faicibhſe *ſin*. Agus air freagairt do'n phobull uile, a dubhairt ſiad, Biodh fhuil oirnne, agus air ar cloinn. Ann ſin leig è fa ſgaoil Barabbas dhoibh : ach air dha Ioſa a ſgiurſadh, thug ſè thairis è chum a cheuſaidh. Ann ſin thug ſaigh d-f heara an uachdarain leo Ioſa do 'n talla chumannta, agus chruinnich ſiad m'a thimchioll a' chuideachd *ſhaighdfheara* uile. Agus air dhoibh a rùſga., chuir ſiad uime falluing ſcarloid. Agus air dhoibh coroin droighinn fhigheadh, chuir ſiad m'a cheann è, agus ſlat chuilce 'n a làimh dheis : agus ag lùbadh an glùin 'n a làthair, rinn iad fanoid air, ag radh, Gu 'm beannuichear thu, a Righ nan Iudhach. Agus air dhoibh gabhail do ſhilibh air, ghlac iad an t ſlat chuilc', agus bhuail iad ſa chean è. Agus taireis dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad an fhalluing deth, agus chuir iad eadach fein uime, agus thug ſiad leo è chum a cheuſaidh. Agus air dol amach dhoibh, fhuair iad duine o Chirene, d'am

b'ainm

b'ainm Simon: eiſean dh'eignich iad chum a chrann-ceuſaidh-ſin a ghiulan. Agus 'n uair a thainig iad gu ionad d'an ainm Golgotha, ſin r'a radh, àite cloiginn, thug ſiad dha r'a òl fion-geur coi'-meaſgta le domblas: agus air dha a bhlaſadh, cha'n òladh ſè è. Agus 'n uair a cheus ſiad è, roinn iad a thruſcan eatorra, a' tilgeadh croinn *orra*: chum gu .n coi'-lionfadh a' ni a dubhradh leis an fhàidh, Roinn ſiad m' eadach eatorra, agus chuir ſiad croinn air mo bhrat. Agus air ſuidhe dhoibh, rinn iad faire air ann ſin: Agus chuir iad a chuiſ-dhite' ſgriobht' os a chionn, IS E SO IOSA RIGH NAN IUDHACH. Ann ſin cheuſadh maille ris dâ ghaduich': fear air a dheis, agus fear eile air a làimh chli. Agus thug iadſan a bha dol ſeachad toibheum dha, a' crathadh an cinn. Agus ag radh, Thuſa a leágas an teampull, agus a chuireas ſuas ann tri laithibh è, fòir ort fein: ma 's tu Mac Dhe, thig a nuas o 'n chrann-cheuſaidh. Mar an ceudna a dubhairt na h àrd-ſhagairt, maille ris na Sgriobhuichibh, agus na ſeanoiribh, a' fanoid air. Shaor è daoin' eile, è fein a ſhaoradh ni 'n comaſach è: ma's è Righ Iſraeil, thigeadh è 'nois' a nuas o'n chrann-cheuſaidh, agus creididh ſinn è. Chuir ſè dhòigh ann Dia; ſaoradh è anois' è, ma 'ta toil aige dha: oir a dubhairt ſè, Is miſe Mac Dhe. Agus thug na gaduichean, a cheuſadh maille ris, am beum ceudna dha. 'Nois' o 'n t ſeathadh uair bha dorchadas air an talamh uile gus a' naothadh uair. Agus mu thimchioll na naothadh uair' dh'eigh Ioſa le guth àrd', ag radh, Eli, eli, lama ſabacthani? 's è ſin r'a radh, Mo Dhia, mo Dhia, creud far thréig thu mi? Agus air cluinntin ſin do chuid diubhs' a bha 'n an ſeaſamh ann ſin, a dubhairt ſiad, Ata 'm fear ſo glaodhuich air Elias. Agus air ball ruidh a h aon diubh, agus ghabh è ſpuing, agus lion è do'n ſhion-gheur i, agus air dha a cur air ſlait chuilce, thug ſè dha ſan-r'a òl. Ach a dubhairt cách, Leig dha, faiceamaid an d'thig Elias d'a thearnadh. Agus air eigheach a-rìs do Ioſa le glaodh mòr, thug è ſuas a ſpiorad. Agus fèuch, reubadh brat-roinn an teampuill 'n a dha chuid, o bhraighe gu iochdar; agus chriothnuich an talamh, agus ſgoilteadh na creagan. Agus dh'fhoſgladh na h uaighean, agus dh'eirich mòran do chorpaibh nan naomh, a bha 'n an codal. Agus chuaidh iad amach as na h uaighibh taireis eiſeirigh-ſin, agus chuaidh iad a ſteach do'n bhaile naomha, agus nochdadh iad do mhòran. 'Nois' an uair a chunnairc an Caiptin, agus iadſan a bha maille ris a coimhead Ioſa, a' chrith thalmhain, agus na nithe eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag radh, Gu fìrinneach b'è ſo Mac Dhe

## Dialuain Roimh' n Chàiſg.

*Air ſon na Litir.* Iſa. lxiii. 1.

CO è ſo tha teachd o Edom, le eudach daite o Bhoſra? an ti ſo 'ta glormhor 'n a ſgeudacha, aig a' mead a neart? Mise a labhras am fireantachd, cumhachdach gu ſàbhaladh. C' air ſon tha thu dearg ann a d' ſgeudacha, agus t-eudach coſmhuil ris an ti do ſhaltras an t-amar-fiona? Shaltair mi an t-amar fiona a' m' aonar, agus cha raibh neach do'n phobul maille rium: Oir ſaltruidh mi orra ann am fheirg, agus cuiridh mi fo m' choſaibh iad ann mo bhoilleadh, agus bithidh am fuil air a crathadh air m' eudach, agus dathaidh mi m' eudach, uile. Oir ata la 'n dioghaltais ann mo chroidhe, agus thainig bliadhna m' fhuaſglaidh. Agus dh' amhairc mi, agus cha raibh aon gu comhnadh; agus b' iongantach leam nach rabh neach ann gu cumail ſuas: uime ſin thug mo ghairdean fein ſlainte thugam, agus chum mo dhibhfheirg ſuas mi. Agus ſaltraidh mi ſios am pobul ann a m' fheirg, agus cuiridh mi air mhiſg iad ann an cuthach m' fheirge, agus bheir mi ſios an neart chum an talmhain. Ni mi iomradh air caoimhneas gradhach an Tighearna, agus air cliu an Tighearna, a reir na h-uile ni do bhuilich an Tighearn oir ne, agus a reir a mhaitheas mòr do thigh Iſrael, do dheonuich ſè dhoibh, a reir a thròcaire, agus lionmhoireachd a chaoimhneas gràidh. Oir a dubhairt ſè, Gu deimhin is iad mo phobulſa iad, clann nach dean brèug: mar ſin b' eiſin an Slanuiſhear. Ann na 'n uile thrioblaidibh bha ſè air a thrioblaideachadh, agus ſhàbhail aingeal a làthaireachd iad: Ann na ghràdh agus 'na iochd ſhaor ſe iad, ghiulain ſe iad, agus thug ſè leis iad feadh uile laethibh an ſaoghail. Ach rinn iad ceannairc, agus chuir iad campar air a Spiorad Naomh, air an adhbhar ſin bha è na namhad dhoibh, agus rinn è cogadh 'n an aghaidh. An ſin chuimhnich ſe na laeth o ſhean, Maois agus a phobul, a gra', C'ait am bheil an ti thug ſuas as an fhairge iad, maille re buachaille a thrèud? C' ait' a' bheil an ti a chuir a Spiorad naomh ann taobh a' ſtigh dha? A threoruich iad le deas lamh Mhaois, le ghairdean glormhor, a roinn an uiſge rompa, a dheanamh ainm ſiorruidh dha fein? A threoruich iad trid an doimhneachd mar an t-each ſan fhàſach, a chum

nach tuiſleadh iad? Mar a theid beitheach ſios do'n ghleann, thug Spiorad an Tighearn air fois do ghabhail: mar ſin threoruich thu do phobul, a dheanamh ainm glòrmhor dhuit fein. Seall ſios o neamh, agus faic o ionad comhnuidh do naomhachd, agus do glòir: C' ait' a bheil do theaſ-gràdh, agus do neart, ſuaim t-innich, agus do thròcair m' thaobh-ſa? am bheil iad air an cumail air an ais? Gun amharus is tu-ſa ar n-Ath-air-ne, ge do tha Abraham ain eolach oir-ne, agus ge d' nach aithne do dh' Iſrael ſinn: O Thighearna, is tu-ſa ar n-Athair, ar Fear-Saoruidh, tha t-ainm o bhithbhuantachd. O Thighearna, c'ar ſon a thug thu oirn dol air ſeachran o' d' ſhligh-ibh? agus a chruadhaich thu ar croidhe o d' eagal? Pill air ſga do theirbheiſich, trèabhan t-oighreachd. Cha do ſhealbh-uich pobul do naomhadh ì ach tamul beag: Shaltair air n-eaſcairdean ſios do naomh-ionad. Is leatſa ſinn-ne, cha rabh uach-daranachd agad riamh os an cionnſan; cha do ghairmeadh iad le t-ainm-ſe.

*An Soiſgeul.* Marc. xiv. 1.

AGus bha a' chaiſg, agus fèiſd an arain gun làbhuin ann diaigh dà làeth': agus dh'iarr na h àrd-ſhagairt agus na ſgriobhuichean, cionnas a ghlacadh iad eiſean le feill, agus a chuireadh iad gu bàs e. Ach a dubhairt iad, Ni h ann air an fhèiſd, 'n t eagal gu'n eirich buaireas a' meaſg a' phobuill. Agus air bhi dha ann ann Betani, ann an tigh Shimoin an lobhair, 'n uair a bha è 'n a ſhuidhe air bòrd, thainig bean, aig an raibh bocſa alabaſtair do ola ſpicnaird, ro-phrìſeil; agus bhris i 'm bocſa, agus dhòirt i air a cheann è. Agus bha cuid aca diom-ach 'n am meaſg fein, agus ag radh, C'ar ſon a rinneadh an t ana caithe-ſe air an ola? Oir dh' fheudadh è bhi air a reic' air ſon tuille' 's tri cheud peghinn, agus air a thoirt do na boch daibh. Agus rinn iad monmhor 'n a h aghaidh. Ach a dubhairt Joſa, Leigibh lè; c'ar ſon ata ſibh cur dragh uirre? rinn ſi obair mhaith ormſa. Oir ata na bochdan a ghnàth 'n ar fochair, agus ge b'è uair is àill libh, feudaidh ſibh maith a dheanamh dhoibh: ach ni bheil miſe a ghnàth agaibh. Rinn ſi na dh'fheudadh i: thainig ro'-làimh a dh'ungadh mo chuirp chum adhlaic.' Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'è ball air bith air feadh an domhain uile am bi an ſoiſgeul ſo air a ſhearmon-achadh, bithidh mar an ceudna an ni ſo a rinn ſi air innſeadh,

mar

mar chuimhne uirre. Agus dh'imich Judas Iſcariot, aon do 'n dà-fhear-dheug, chum na' nàrd-ſhagart, gu eiſeadh a bhrath dhoibh. Agus air dhoibhſin *ſo* a chluinntin, bha iad aoibhneach, agus gheall iad airgiod a thoirt da. Agus dh'iarr è cionnas a dh' fheudadh è gu h iomchu'idh eiſean a bhrath'. Agus air a' cheud là do fhèiſd an arain gun làbhuin, 'n uair bu ghnàth leo an t uan càiſg' a mharbhadh, a deir a dheiſciobuil ris, C ait' an toil leat ſinne dhol a dh' ull'uchadh, chum's gu'n itheadh tu chaiſg? Agus chuir ſè dias d'a dheiſciobluibh, agus a deir ſè riu, Rachaibh a ſteach do'n bhaile, agus coinnichidh duine ſibh a' giulan ſoithich uiſge: leanaibh è. Agus ge b'é àit' an d' theid è ſtigh, abraibhſe re fear-an-tighe, A deir am maighiſdir, C'àit' am bheil an ſeomar aoidheachd, ann s an ith mi a' chàiſg maille re m' dheiſciobluibh? Agus nochdaidh ſè dhuibh ſeomar àrda, fairſing, 'n a làn uidheam agus deaſuichte: ann ſin ull'uichibh dhuinn. Agus chuaidh a dheiſciobuil amach, agus thainig iad do'n bhaile, agus fhuair iad mar a dubhairt ſè riu: agus dh'ullaich iad a' chaiſg. Agus air teachd do'n fheaſcar, thainig è maille ris an dà-fhear dheug. Agus an uair a bha iad 'n an ſuidhe, agus ag itheadh, a dubhairt Joſa, Gu deimhin a deirim ribh, gu 'm brath a 'h aon agaibhſe, 'ta 'g itheadh maille rium, miſe. Agus thòſaich iad air bhi dubhach, agus a radh ris 'n diaigh a chèile, Am miſe e? Agus *a dubhairt* fear eile, Am mis' è. Agus air freagairt dha-ſan a dubhairt ſè riu, *Is* fear do' n dà-fhearg-dheug è, ata tumadh maraon riumſa ſa mhèis. Ata Mac an duine gu deimhin ag im'eachd, mar ata è ſgriobht' uime, ach is an-aoibhinn do'n fhear ud le 'm brathar Mac an duine; bu mhaith do' n duinne ſin mar beirte riamh è. Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Joſa aran agus taireis a bheannachadh, bhris ſè, agus thug è dhoibhſin è, agus a dubhairt ſè, Glacaibh, ithibh: 's è ſo mo chorpſa. Agus air glacadh a' chupain, agus air breith buidheachais, thug é dhoibhs' è: agus dh'òl iad uile as. Agus a dubhairt ſè rìu, 'S i ſo m' fhuil-ſe na Tiomna'-nuaidh, a dhòirtear air ſon mhòrain. Gu deimhin a deirim ribh, Nach òl miſe as ſò ſuas do thoradh na ſineamhuin, gus an là ſin an òl mi nuadh è ann an rioghachd Dhe. Agus air cantuin laoidh' dhoibh, chuaidh iad amach gu ſliabh nan Oluidh'. Agus a deir Joſa riu, Gheibh ſibhs' uile oilbheum ionnamſa nochd: oir ata è ſgriobhta, Buailidh mi am buachaill', agus ſçapfar na caoraich. Ach taireis dhamh eirigh, theid mi romhaibh do'n Ghalilee. Ach a dubhairt Peadar ris, Ge do gheibh gach neach oilbheum annad, gidheadh ni *mi ſoigheams' è*. Agus a deir Joſa ris, Gu deimhin a deirim

riut, an diu, ann ſan oidhche nochd ſein, mu'n goir an coileach dà uair, áichſheunaidh tu miſe tri uaire. Ach is ro-mhòid a dubhairt eiſean, Ge do 's eigin damh am bàs fhulang maille riut, cha'n àichſheun mi choidhch' thu. Agus mar ſin a dubhairt càch uile mar an ceudna. Agus thainig iad gu ionad d' am b' ainm Getſemane; agus a dubhairt ſè r a dheiſciobluibh, Suidhibhs' 'n ſo, gus 'an dean miſe ùrnuigh. Agus thug ſè leis Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus thòſaich è air a bhi critheaglach, agus fuidh anabarra bròin, agus a deir ſè riu, 'Ta m' anam ro-bhrònach *eadhon* gu bàs: fanaibhs' ann ſo, agus deanaibh faire. Agus air dol beagan air aghaidh dha, thuit ſè air an talamh, agus rinn ſè urnuigh, nam bu chomaſach è, gu'n rachadh an uair thairis air. Agus a dubhairt ſè, Abba, Athair, ata gach ni ſoi-dheanta dhuitſe, cuir an cupan ſo ſeachadh orm: gidheadh, nior b'è an ni a's toil leamſa, ach an ni is toil leatſa. Agus thainig ſè, agus fhuair ſè iadſa' 'n an codal, agus a deir ſè re Peadar, A Shimoin, am bheil thu a' d' chodal? nach b' urradh thu faire a dheanamh aon uair? Deanaibh faire agus ùrnuigh, chum nach tuit ſibh am buaireadh: *ata* 'n ſpiorad gu deimhin togarrach, ach *ata* 'n fheoil anmhunn. Agus air dha im'eachd a-rìs, rinn ſè ùrnuigh, ag radh nam briathra ceudna. Agus air pilltin dha, fhuair ſè iad a rìs 'n an codal, (oir bha 'n ſùilean trom) agus ni 'n raibh fhios aca cionnas a bheireadh iad freagradh air. Agus thainig ſè 'n treas uair, agus a deir ſè riu, Ceidlidh romhaibh a nois', agus gabhaibh fois: Is leor è, thainig an uair; feuch, ata Mac an duin' air a bhrath' thainis do làmhaibh nam peacach. Eir'ibh, im'icheamaid; feuch, ata 'n ti a bhraitheas miſe am fogus. Agus air ball, air dha-ſa bhi fòs a' labhairt, thainig Judas, aon do'n dà-fhear-dheug, agus fluagh mòr maille ris le cloidhibh agus bataibh, o na h àrd-fhagartaibh, agus na ſgriobhuichibh, agus na ſeanoiribh. Agus bha 'n ti a braith eiſean air toirt comharthaidh dhoibh, ag radh, Ge b'è neach d' an toir miſe pòg, 's è ſin è; glacaibh è; agus thugaibh libh è gu tearuinte. Agus air teachd dha, chuaidh ſè air ball d'a ionnſuidhs' agus a deir ſè, A mhaighiſdir; agus phòg ſè è. Agus chuir iadſa' làmh ann, agus ghlac iad è. Agus air tarruing cloidheamh a dh'fhear do na bha làthair, bhuail è òglaoch an àrdſhagairt, agus ghearr è chluas deth. Agus fhreagair Joſa agus a dubhairt ſè riu, An d'thainig ſibh amach gu m' ghlacadh-ſa, mar gu b' ann an aghaidh gaduiche, le cloidhibh agus le bataibh? Bha mi gach là maille ribh ſan teampull, a' teagaſg, agus cha do ghlac ſibh mi: ach *ata ſo* chum gu 'm biodh na ſgriobtuir-

air an coi'lionadh. Agus air do gach uile a thrèigsin, theich iad. Agus lean òganach àraidh è, aig an raibh lion-eadach air a chur m'a chorp lomnochd; agus rug na h òganaich air. Ach air dha-san an lion-eadach fhàgail, theich è lomnochd uatha. Agus thug iad leo Iosa chum an ard-shagairt: agus chruinnicheadh maraon ris na h àrd-shagairt uile, agus na seanoiridh, agus na sgriobhuichean Agus lean Peadar è fada uatha, no gu'n deach' è steach do thalla an àrd-shagairt: agus bha è 'n a shuidhe maille ris na seirbhiseachachaibh, agus 'g a gharadh ris an teine. Agus dh'iarr na h àrd-shagairt, agus a' chomhairle uile sia'nais ann aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs; agus cha d'fhuair iad. Oir rinn mòran dhaoine sia'nais bhrèige 'n a aghaidh, ach cha do chòird am fia'nais r'a chèile. Agus air do dhream àraidh eirigh, thug iad fia'nais bhrèige 'n a aghaidh, ag radh, Chuala sinne è 'g radh, Leagaidh mi sios an teampull so, a rinneadh le làmhaibh, agus ann tri laithibh togaidh mi teampull eile, gun bhi deanta le lamhaibh. Agus mar sin fein cha raibh am fia'nais a' teachd r'a chéile. Agus air eirigh suas do'n àrd-shagart sa mheadhon, chuir sè ceisd air Iosa, ag radh, Nach toir thu freagradh air bith uait? Ciod sin mu bheil iad so a' toirt fia'nais a' d' aghaidh? Ach dh'fhan eisean 'n a thosd, agus cha do fhreagair è ni sam bith. A-ris dh'fheòrach an t àrd-shagart deth, agus a dubhairt sè ris, An tu Crioso, Mac an *De* bheannuichte? Agus a dubhairt Iosa, Is mi: agus chi sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas làmh cumhachd *Dhe*, agus a' teachd le nèulaibh néimhe. Ann sin reub an t àrd-shagart eadach, agus a deir sè, Ciod am feum ata againn tuilleadh air fia'naisibh? Chuala sibh a' bhlaisphem': ciod i bhur bar'ails'? Agus thug iad uile breith 'n a aghaidh gu'n do thoill è 'm bas. Agus thòsaich cuid aca air gabhail do shilibh air, agus aghaidh sholach agus a bhualadh le 'n dòrnaidh, agus a radh ris, Dean fàidheadoireachd: agus ghabh na seirbhisich le 'm basaibh air. Agus air do Pheadar a bhi shios ann san talla, thainig a h aon do bhan-oglachaibh an ard-shagairt: Agus air faicsin Pheadair 'g a gharadh, agus air dh'i beachdachadh air, a deir si *ris*, Bha thusa cuideachd maille re h Iosa o Nasaret. Ach dh'àichsheun eisean, ag radh, Ni h aithne dhamh, agus ni 'n tuigeam creud a deir tu. Agus chuaidh eisean amach do'n phòrsa; agus ghoir an coileach. Agus air do bhan-oglaich fhaicsin a-ris, thòsaich i air a radh riu-san a bha 'n an seasamh a làthair, 'S ann diubh ata 'm fear so. Agus dh'àichsheun è 'r s. Agus ann ceann beagain 'n dhiaigh sin, a dubhairt iads' a bha 'n an seasamh a

lathair

Ithair a-rìs re Peadar, Gu fìrinneach 's ann diubh ſùd thu: oir is Galileanach thu, agus is coſmhuil do chainnt *riu*. Ach thòſaich eiſean air mallachadh agus mionnachadh, *ag radh*, Cha'n aithne dhamh an duine ſo mu 'm bheil ſibh a' labhairt. Agus ghoir an coileach an dara h uair. Agus chuimhnich Peadar am ſocal a dubhairt Joſa ris, Mu 'n goir an coileach da uair, àichſheunaidh tu mi tri uaire. Agus 'n uair a ſmuaintich è air, ghuil ſe gu goirt.

## Diamairt Roimh 'n Chaiſg.

*Air ſon na Litir.* Iſa. l. 5.

DH' fhoſgail an Tighearna Dia mo chluas, agus cha rabh mi ceannaircèach, ni mo thiontadh mi mo chùl-thaobh air talbh. Thug mi mo chul-thaobh do 'n dream a bhuailleas, agus mo leathcheann dhoibhſin a ſpionas air falbh an fhèuſag: cha d' fholaich mi m' aghaidh o nàire agus o ſmugadain. Oir ni an Tighearna Dia comhnadh rium, air an adhbhar ſin cha chuirear gu maſladh mi: ume ſin ſhuidhich mi mo ghnuis mar a chruaidh-chloch, agus tha fios agam nach bi mi air mo chuir gu naire. Is fogas an ti a dh' fhìrinicheas mi, co a throideas rium? Seaſamaid le cheile; co è m' eaſcaraid? thigeadh è fagas domh. Feuch, cuidìchidh 'n Tighearna Dia mi; co a' neach a dhìteas mi? Feuch, fáſaidh iad uile ſean mar eudach: ithidh an rèud ſuas iad. Co 'n ur meaſg air am bheil eagal an Tighearna, ata toirt umhlachd do ghuth a ſheirbheiſich, ata aig ſiubhal ann dorchadas, agus aig nach 'eil ſolus? cuireadh è earbſa ann ainm an Tighearna, agus a thaic air a' Dhia. Feuch, ſibh-ſe uile 'ta fadadh teine, ta 'g air cuartuchadh fein mu 'n cuairt le ſradaibh; ſiubhlaibh ann ſolus bhur teine, agus ann ſna ſradaibh a las ſibh. 'S è ſo bhios agaibh o m' laimh-ſe, luighidh ſibh ſios am bròn.

*An Soiſgeul.* Marc. xv. 1.

AGus air ball ſa mhaidin chum na h àrd-ſhagairt maille ris na ſeanoiribh, agus na ſgriobhuichibh, agus a' chomhairle

gu

gu h iomlan, comhairle, agus air dhoìbh Joſa a cheangal, thug iad leo è, agus thug iad thairis è do Phiolat. Agus dh'ſheòraich Piolat deth, An tuſa righ nan Judhach? Agus air freagairt dha, a dubhairt ſè ris, A deir tu è. Agus chuir na h àrd-ſhaghairt mòran do nithibh as a leth: ach cha dò fhreagair eiſean aon ni. Agus chuir Piolat a-rìs ceiſt air, ag radh, Nach freagair thu ni ſam bith? fèuch cia lion nithe air am bheil iad ſin a' toirt ſia'nais a' d' aghaidh. Ach cha do fhreagair Joſa ni ſam bith fòs: air chor 's gur ghabh Piolat iongantas. 'Noiſe air an fhèiſd bu gnàth leis aon phrìoſunach, ge b'e air bith a dh'iarradh iad, a leigeadh as doibh. Agus bha *neach araidh* d' am b' ainm Barabbas, ceangailte maille r'a chompanachaibh ceannairce, muintir a bha air deanamh marbhaidh ann ſa cheannairc. Agus air glaodhaich gu h àrd do'n t ſluagh, thòſaich iad air ìarraidh *air, a dheanamh* dhoibh mar a rinn è 'n comhnuidh Ach fhreagair Piolat iad, ag radh, An àill libh gu 'n cuir mi righ nan Judhach fa ſgaoil duibh? (Oir bha fhios aige gur a b'ann tre fharmad a thug na h àrd-ſhagairt thairis è.) Ach bhroſnach na h ârd-ſhagairt an ſluagh, chum 's gu 'm b fhearr leis Barabbas a chur ſa ſgaoil doibh. Agus fhreagair Piolat, agus a dubhairt ſè riu a-rìs, Creud ma ſeadh is àill libh miſe a dheanamh ris *an duine ſin*, d' an goir ſibh Righ nan Judhach? Agus ghlaodh iad a-rìs, Ceus è. Ann ſin a dubhairt Piolat riu, C'ar ſon, creud è 'n t olc a rinn è? Ach bu ro-mhòid a ghlaodh iadſan, Ceus è. Agus air do Phiolat bhi toileach gniomh taitneach a dheanamh do 'n t ſluagh, dh'fhuaſgail è Barabbas doibh, agus thug è thairis Joſa, taireis da *a* ſgiurſadh, chum a cheuſaidh. Agus thug na ſaighdfheara leo è ſteach do'n talla, eadhon cùirt an uachdarain; agus ghairm iad a' chuideachd uile ann ceann a chèile. Agus chuir iad uime eadach purpuir, agus air ſigheadh dhoibh coroin droighinn, chuir iad air è. Agus thòſaich iad air beannachadh dha *ag radh*, Fàilte dhuit, a Rì' nan Judhach. Agùs bhuail iad air a' cheann è le ſlait chuilce, agus ghabh iad do ſhilibh air, agus air lùbadh *an* glùn, rinn iad umhlachd dha. Agus taireis doibh ſanoid a dheanamh air, thug iad deth an *t eadach* purpuir, agus chuir iad eadach fein uime, agus thug iad amach è chum 's gu 'n ceuſadh iad è. Agus dh'èignich iad duine àraidh bha dol ſeachad, Simon o Chirene, (athair Alexſandeir agus Rufuis, a bha teachd as a' mhachthir,) chum

a

a chrann-ceuſaidh a ghiulan. Agus thug iad è gu ionad *d'an b'ainm* Golgata, 's è ſin air na eidir-theangachadh, àite cloiginn. Agus thug iad da r'a òl, ſion air a mheaſga le mirr: ach cha do ghabh eiſean è. Agus 'n uair a cheus iad è, roinn iad a thruſcan, a' tilgeadh croinn air, ciod a chiudh a bhiodh aig gach duine dheth. Agus bha 'n treas uair ann, agus cheus iad è. Agus bha ſgriobadh a' chùisdhìteidhair a ſgriobhadh os a cheann RIGH NAN JUDHACH. Agus cheus iad maille ris dà ghaduiche; fear air a laimh dheis, agus fear air a laimh chli. Ann ſin choi'-lionadh an ſgriobtuir, a deir, Agus bha è air áireamh a' meaſg nan ciontach. Agus thug iads' a bha dol ſeachadh ancainnt da, a' crathadh an ceann, agus ag radh O thuſa a leagas an teampull, agus a thogas è ann an tri laithibh, Fòir ort fein, agus tár a nuas o'n chrann-cheuſaidh. Agus mar an ceudna a dubhairt na h àrd-ſhaghairt agus na ſgriobhichean r'a chèile, a' fanoid air, Shaor è daoin' eile, ni 'm bheil è comaſach è fein a ſhaoradh. Thigeadh a nois' Crioſd Righ Iſrael a nuas o'n chrann-cheuſaidh, chum 's gu 'm faic agus gu'n creid ſinn. Agus thug iadſan a chuaidh cheuſadh maille ris, an-cainnt da. Agus an uair a thainig an ſeaihadh uair, bha dorchadas air an talamh uile gu ruig an noathadh uair. Agus air an naothadh uair dh'eigh Joſa le guth mòr, ag radh, *Eloi, Eloi, lama ſabachtani?* 'Se è ſin, air eidir-theangachadh, Mo Dhia, mo Dhia, creud far thrèig tu mi? Agus air cluinntin *ſin* do chuid diubs', a bha 'n an ſeaſamh a làthair, a dubhairt fiad, Feuch, ata ſè gairm Eliais. Agus ruidh fear aca, agus air da ſpuing a lionadh do fhion-geur, agus a cur air ſlait chuilce, thug è deoch dha, ag radh, Leigibh *leis*, faiceamaid an d'thig Elias g'a thoirt a nuas. Agus air do Joſa eigheach le guth ard, thug è ſuas an deo. Agus bha bratroinn an teampuill air an reabudh, o mhullach gu iochdar, 'n a dhà chuid. Agus an uair a chunnairc an Caiptin cheud, a bha 'n a ſheaſamh fa chomhair, gun d'thug è ſuas an deo, ag glaodhaich mar ſin. a dubhairt ſè, Gu fìrinneach b'è 'n duine ſo Mac Dhe.

## Diciaduin roimh 'n Chaiſg.

*An Litir.* Eabh. ix. 16.

OIr far am bheil tiomnadh, is eigin bàs an tiomnui'-fhir a bhi ann mar an ceudna. Oir ata tiomna' daingean tiireis bàis dhaoine: ach ni bheil bri' ſam bith ann, am feadh 's ata 'n tiomnui'-fhear beo. Do reir ſin, ni mò bha 'n ceud *thiomnà* air a choiſrigeadh as eugmhais fola. Oir 'n uair a labhradh gach uile àithne reir an lagha ris a' phobull uile le Maois, air gabhail da fuil laogh agus ghabhar, maille re h uiſge, agus oluinn ſgarlaid, agus hiſſop, chrath sè iad araon air an leabhar agus air a' phobull uile. Ag radh, 'S i ſo fuil an tiomnaidh a dh' àithn Dia dhuibhſe. Tuilleadh eile, chrath è mar an ceudna an fhuil air an tabernacal, agus air ſoithichibh na naomh-ſheirbhis uile. Agus beag nach 'eil na h uile nithe air an glanadh le fuil a reir an lagha; agus as eugmhais dòrta' fola ni bheil maitheanas *r'a fhaghail.* B' fheumail uime ſin gu'm biodh famhlaidh nan nithe a 'ta ſna neamhaibh air an glanadh leo ſo; ach na nithe neamhaidh fein le ìobairtibh a b' fhearr na iad ſo: Oir cha deachaidh Crioſd a ſteach do na h ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithe a's iad fioghaire nam fior *ionad;* ach do neamh fein, chum a noiſe è fein a nochdadh ann am fia'nais De air ar ſoin-ne: No fòs chum è fein ìobradh gu minic, mar a theid an t àrdſhagart gach bliadhn' a ſteach do'n ionad naomha, le fuil nan atharrach: (Oir mar ſin b' fheumail è dh' fhulang gu minic o thoiſeach an t ſaoghail) ach a noiſe dh'fhoill-ſicheadh è aon uair ann deireadh an t ſaoghail, chum peacadh chur air cùl trîd è fein ìobradh. Agus amhuil ata è air òrduchadh do dhaoinibh bàs fhagail aon uair, ach 'na dhiaigh ſo breitheanas: Mar ſin dh' ofraileadh Crioſd aon uair chum gu tugadh è air falbh peacaidh mhòrain, ach an dara h uair foillſichear è d'on droing aig am bheil dùil ris, as eugmhais peacaidh, chum ſlainte.

*An Soiſgeul.* Luc xxii. 1.

'NOiſe do dhruid *riu* fèiſd an arain gun làibhin, d'an goir'ear a' chàiſg. Agus bha na h àrd-ſhagairt agus na ſgriobhuichean ag iarraidh cionnas a dh' fheudadh iad eiſean a chur gu bàs; oir bha eagal a' phobuill orra. Ann ſin chuaidh Satan ann Iudas d' an co'-ainm Iſcariot, neach a bha do àireamh an dà-fhir-dheug. Agus dh'imich è, agus labhair è ris na h àrd-ſhagartaibh agus re caiptinibh *an teampuill*, cionnas a bhrathadh ſè eiſean doibh. Agus bha iad ſubhach, agus rinn iad cùmhnant *ris*, airgiod a thabhairt da. Agus gheall eiſean, agus dh'iarr è àm iomchuidh air a bhrath' dhoibh gun am pobull a bhi làthair. Ann ſin thainig là an arain gun làibhin, ann sam b eigin an tuan-càiſg' a mharbhadh. Agus chuir è uaithe Peadar agus Eoin, ag radh, Im'ichibh, agus ull'uichibh dhuinn a' chàiſg, chùm gu 'n itheamaid. Agus a dubhairt iadſan ris, C'ait' an àill leat ſinn a dh' ull uichadh? Agus a dubhairt ſè riu, Fèuch, air dhuibh dol a ſteach do 'n bhaile, tachraidh oirbh duine, a' giulan ſoithich uiſge; leanaibh è do 'n tigh ann s an d' theid è ſteach. Agus abruibh re fear an tighe, A deir am maighiſdir riut, C'àit' am bheil an ſeomar-aoidheachd an s an ith mi chàiſg maille re m' dheiſciobluibh? Agus ſeuchaidh ſè dhuibh àrd-ſheomar farſaing uidhimichte: ull'uichbhs' ann ſin. Agus dh'imich iad agus fhuair iad mar a dubhairt ſè riu: agus dh' ull'uich iad a' chàiſg. Agus 'n thrà' thainig an uair, ſhuidh è ſios, agus an dà-abſtol-deug maille ris. Agus a dubhairt ſè riu, Le mòr-thogradh mhiannaich mi a' chàiſg ſo itheadh maille ribh roimh dhamh ſulang. Oir a deirim ribh, Nach ith mi dhith tuilleadh, gus an coi'-lionar i ann rioghachd Dhe. Agus ghlac ſè 'n cupan, agus air dha buidhèachas a thaibhairt, a dubhairt ſè, Gabhaibh ſo, agus roinibh eadruibh fein è. Oir a deirim ribh, nach òl mi do thoradh na fìneamhain, gus an d' thig rioghachd Dhe. Agus ghlac ſè aran agus taireis buidheachas a thabart, bhris ſè agus thug ſè dhoibhſin è, ag radh, 'S è ſo mo chorp-ſa a 'ta air a thoirt air bhur ſonſa: deanuibh ſo mar chuimhne ormſa. Agus mar an ceudna an cupan, an diaigh na ſuipeir', ag radh, Is è 'n cupan ſo an tiomna nuadh ann m' fhuilſe, a dhòirteadh air bhur ſon-ſa. Ach fèuch, lamh an ti bhrathas miſe maille rium air a' bhòrd. Agus gu fìrineach ata Mac an duine ag im'eachd a reir mar a dh' òrduicheadh: ach 's an-aoibhinn do 'n duine ſin leis am brathar è.

Agus

Agus thòſaich iadſan air rannſachadh eatorra fein co aca bha gus an ni ſo a dheanamh. Agus bha fòs comhſtribh eatorra, co aca bu mhò a bhiodh. Ach a dubhairt eiſean riu, Ata aig righribh nan Geintileach tighearnas orra; agus goir'ear daoine fial dhiubhſan, aig am bheil ùghdarras orra. Ach na bithibhſe mar ſin: ach an neach a's mò 'nar meaſg, biodh è mar an neach a's òige; agus an ti a's àirde, mar eiſean ata rè frithealadh. Oir co aca 's mò, 'n ti a ſhuidheas air bòrd, no eiſean a ni frithhealadh? nach è 'n ti a ſhuidheas? ach ata miſe 'n ar meaſg ſa mar fhear-frithealaidh. Is ſibhſe iadſan a dh' fhan maille riumſa ann mo bhuairibh, Agus ata miſe 'g òrduchadh dhuibh rioghachd, mar a dh' òrduich m' Athair dhamh-ſa: Chum's gu'n ith agus gu 'n òl ſibh air mo bhòrd ſa ann mo rioghachd, agus gu 'n ſuidh ſibh air caithrichibh rioghail, a' toirt breith air dá threibh-dheug Iſraeil. Agus a dubhairt an Tighearna, A Shimoin, a Shimoin, fèuch, dh' iarr Satan ſibhſe, chum *bhur* criaradh mar chrui'neachd: Ach ghuidh miſe air do ſhonſa, nach dìobradh do creidimh thu: agus 'n uair a dh' iompoichear thu, neartuich do bhràithre. Agus a dubhairt eiſean ris, A Thighearna, 'ta miſe ullamh gu dol maille riut araon chum prioſuin, agus a chum bàis. Agus a dubhairt eiſean, A deirim riut, a Pheadar, nach goir an coileach an diu, gus an àichſheun thu tri uaire gur aithne dhuit mi. Agus a dubhairt ſè riu, 'N uair a chuir mi uam ſibh gun ſporan, agus gun mhàla, agus gun bhròga, an raibh uireaſbhuidh ni ſam bith oirbh? Agus a dubhairt ſiad, Cha raibh. Ann ſin a dubhairt ſè riu, Ach anois' ge b'è aig am bheil ſporan, togadh ſè è, agus mar an ceudna a mhàla: agus an ti aig nach 'eil cloidheamh, reiceadh è eadach, agus ceannachadh è h aon. Oir a deirim ribh, gur eigin fòs an ni ſo 'ta ſgriobhta a choi'-lionadh annamſa, Agus bha è air àireamh a' meaſg nan ciontach: oir ata crioch aig na nithibh ud, a 'ta mu m' thimchioll-ſa. Agus a dubhairt iadſan, A Thighearna, fèuch, ata dà chloidheamh ann ſo. Agus a dubhairt eiſean riu, 'S leòr è. Agus air dha dol amach, chuaidh ſè, mar bu ghnà' leis gu ſliabh nan Oluidh'; agus lean a dheiſciobuil fòs è. Agus an uair a thainig è do 'n àite, a dubhairt ſè riu, Deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit ſibh ann buaireadh. Agus thairngeadh eiſean uatha mu thimchioll urchuir chloiche, agus leig ſè è fein air a ghlùinibh agus rinn è ùrnuigh, Ag radh, Athair, ma's toil leat, cuir an cupan ſo tharum: gidheadh na b' i mo thoilſe, ach do thoilſe gu raibh deanta. Agus dh' fhoillſicheadh dha aingeal o fhlaitheanas,

'ga neartachadh. Agus air bhi dha ann an cruaidh-ghleachd' anama, rinn è ùrnuigh na bu d ùrachdaich': agus bha fhallas mar bhraona mòra fola a' tuiteam fios air an talamh. Agus air dha eirigh o ùrnuigh, thainig è chum a dheiſcicbul, agus fhuair ſè 'n an codal iad tre thuirſe. Agus a dubhairt ſè riu, C'ar ſon ata ſibh 'n ar codal? eiribh, agus deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit ſibh ann am buaireadh. Agus air dha-ſan bhi fòs a' labhairt fèuch ſluagh, agus dh' imich eiſean d' am b' ainm Iudas, aon do 'n dà-fhear-dheug, rompa, agus dhruid è re h' Ioſa, chum a phògadh. Ach a dubhairt Ioſa ris, A Iudas, am bheil thu le pòig a' brath' Mhic an duine? Agus 'n uair a chunnaic iads' a bha maille ris, an ni bha teachd a dubhairt ſiad ris, A Thighearna, 'm buail ſinn leis a' chloidheamh? Agus bhuail a h aon diubh ſeirbhiſeach an ard-ſhagairt, agus ghearr ſè dheth a' chluas dheas. Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſè Fulaingibh gus a ſo. Agus bhean è r'a chluais, agus ſhlànuich ſè i. Ann ſin a dubhairt Ioſa ris na h àrd-ſhagartaibh agus caiptinibh an teampuill, agus na ſeanoiribh a thainig d'a ionnſuidh, 'N d' thainig ſibh 'mach le cloidhibh agus le bataibh, mar gu b' ann aghaidh meirlich? 'N uair a bha mi gach la maille ribh ſan teampull, cha do ſhìn ſibh amach *bhur* lamha a'm' aghaidh: ach s'i ſo bhur n uairſe, agus cumhachd an dorchadais. Ann ſin rug iad air ſin, agus thug iad leo *è*, agus thug iad è do thigh an àrd-ſhagairt. Agus lean Peadar am fad uaithe è. Agus air dhoibh teine fhadadh ann am meadhon an talla, agus ſuidhe ſios am fochair a chèile, ſhuidh Peadar 'n am meadhon. Ach chunnaic cailin áraidh è 'n a ſhuidhe aig an teine, agus air dh'i amharc gu geur air, a dubhairt ſi, Bha 'm fear ſo mar an ceudna maille ris. Agus dh' áichſheun eiſean è, ag radh, A bhean, cha 'n aithne dhamh è. Agus beagan 'n a dhiaigh ſin chunnaic neach eile è, agus a dubhairt ſè, 'S ann diubh thuſa mar an ceudna. Agus a dubhairt Peadar A dhuine, cha 'n ann. Agus mu thimchioll ùine aon uair' 'n dhiaigh ſin, chothaich neach eile air, ag radh, Gu fìrinneach bha *'m fear* ſo mar a ceudna maille ris; oir is Galileanach è. Agus a dubhairt Peadar, A dhuine, ni h aithne dhamh ciod ata thu 'g radh. Agus air ball 'm ſeadh a bha è fòs a' labhairt, ghoir an coileach. Agus air tionndadh do 'n Tighearna, dh' amhairc ſè air Peadar; agus chuimhnich Peadar focal an Thigearna, mar a dubhairt ſè ris, Mun goir an coileach, áich ſheunaidh tu mi tri uaire. Agus chuaidh Peadar amach agus ghuil è gu goirt. Agus rinn na

daoine,

daoine, a chum Ioſa, fanoid air, 'ga bhualadh. Agus 'n uair a dh' fholuich iad a ſhuile, bhuail iad è ſan aghaidh, agus dh' fheòraich iad deth, ag radh, Dean faidheadoireachd, co è a bhuail thu? Agus labhair iad mòran do nithibh eile gu toibheumach 'n a aghaidh. Agus 'n uair a bha 'n là air teachd, chruinnich ſeanadh a' phobuill, agus na h àrd-ſhagairt agus na ſgriobhuichean ann ceann a chèile, agus thug iad eiſean chum an comhairle, Ag radh, An tu Chrioſd? innis dhuinn. Agus a dubhairt ſè riu, Ma dh' innſeas mi dhuibh, cha chreid ſibh. Agus ma dh' fheòraicheas mi fòs *ni air bith*, cha toir ſibh freagradh dhamh, agus cha leig ſibh as *mi*. 'N a dhiaigh ſo bithidth Mac an duine 'n a ſhuidhe air deas làimh cumhachd Dhe. Ann ſin a dubhàirt ſiad uile, An tuſa ma ſeadh Mac Dhe? Agus a dubhairt ſè riu A deir ſibhſe gur mi. Agus a dubhairt ſiad, Ciod tuilleadh am feum ata againn air fia'nais? oir chula ſinn fein as a bheul fein.

---

## Deardaoin roimh 'n Chaiſg.

*An Litir.* 1 Cor. xi. 17.

'NOiſe ann ſan ni ſo a chuiream ann cèill *duibh*, ni molam *ſibh*, do bhri' gu bheil ſibh teachd ann ceann a chèile ni h ann chum bhur maith, ach bhur croin. Oir air cruinneachadh dhuibh ann ceann a chèile ſan eaglais, ata mi cluinntin gu bheil eas-aonachda 'n ar meaſg; agus ata mi ann cuid 'g a chreidſin. Oir is eigin fòs ſaobh-bhar'aile bhi eadearuibh, chum gu'n deanar follaſach an dream a 'ta dearbhta 'n ar meaſg. Uime ſin 'n uair a thig ſibh ann ceann a chéile do aon àite, ni è *ſin* ſuipeir an Tigearna itheadh. Oir ithidh gach aon air tùs a ſhuipeir fein, agus ata neach ocrach, agus neach eile air mheiſg. An è nach 'eil tighean agaibh chum itheadh agus òl ionnta? no am bheil ſibh deanamh tâir' air eaglais De, agus a' nàrach na muintir aig nach 'eil? Creud a deiream ribh? Am mol mi ſibh ann *ſa chùis* ſo? cha mhol. Oir fhuair miſe o'n Tighearna, an ni ſin fòs a thug mi dhuibhſe, Gur ghlac an

Tighearna

Tighearna Ioſa aran, ann ſan oidhche an do bhrathadh è: Agus air breith buidheachais, bhris sè è, agus a dubhairt è, Gabhaibh, ithibh; is è ſo mo chorpſa, a 'ta air a bhriſeadh air bhur ſon-ſa: deanaibh ſo mar chuimhneachan ormſa. Air a' mhodh cheudna fòs *ghlac sè* an cupan, taireis na ſupeir, ag radh, Is è an cupan ſo an Tiomnadh nuadh ann m' fhuil-ſe: deanaibhſe ſo, cia minic a dh' òlas ſibh è, mar chuimhneachan ormſa. Oir cia minic a dh' itheas ſibh an t aran ſo, agus a dh' òlas ſibh an cupan ſo, 'ta ſibh a' foillſeachadh bàis an Tighearna gus an d' thig è. Uime ſin, ge b'è neach a dh' itheas an t aran ſo, agus a dh' òlas an cupan *ſo*, an Tighearna gu neo iomchuid'h, bithidh sè ciontach do chorp agus do fhuil an Tighearna. Ach ceaſnuicheadh duine è fein, agus mar ſin itheadh è do'n aran *ſo*, agus òladh è do'n chupan *ſo*: Oir ge b'è dh' itheas agus a dh' òlas gu neo-iomchu'idh, ata è 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha fein, do bhri' nach 'eil è a' deanamh aithneadh air corp an Tighearna. Air a ſhon ſo *'ta* mòran 'n ar meaſg anmhunn agus tinn, agus ata mòran 'n an codal. Oir nan d' thugamaid breith oirn' fein, cha tugtadh breith oirn'. Ach 'n uair a bheir'ear breith oirn', ata ſinn air ar ſmachdachadh leis an Tighearna, chum nach bitheamaid air ar damnadh maille ris an t ſaoghal. Uime ſin, mo bhràthre, 'n uair a thig ſibh ann ceanne a chèile chum itheadh, fanaibh r'a chèile. Agus ma bhios ocras air aon neach, itheadh è aig an tigh; chum nach d' thig ſibh ann ceann a chèile gu breitheanas. Agus cuiridh miſe gach ni eile ann ordugh 'n uair a thig mi.

*An Soiſgeul.* Luc. xxiii. 1.

AGus air eirigh do 'n chuideachd ac' uile, thug iad è gu Pilat. Agus thòſaich iad re cùis a chur air, ag radh, Fhuair ſinn am *fear* ſo a' claonadh a' chinnich, agus a' bacadh cis a thoirt do Cheaſar, ag radh, Gur è fein Chrioſd an righ. Agus dh' fheòraich Pilat deth, ag radh, An tuſa righ nan Iudhach? agus fhreagair eiſean agus a dubhairt ſé, Deir tu è. An ſinn a dubhairt Pilat ris na h àrd-ſhagartaibh agus ris an t ſluagh, Ni bheilimſe faghail aon choire ſan duine ſo. Agus bha iadſan ni bu ro dhéineadh, ag radh, 'Ta è buaireadh a' phobuill, ag teagaſg tre Iudea uile, a' tòiſeachdah o 'n Ghalilee gus an àite ſo. 'N uair a chuſa Pilat mu 'n Ghalilee' dh'

fheòraich

fheòraich è 'm bu Ghalileanach an duine. Agus n' uair a chual' è gur b' ann do fhlaitheachd Ioraith a bha è, chuir fè gu h Ioraith è, neach a bha è fein ann Ierusalem fna laithibh fin. Agus 'n uair 'a chunnaic Ioraith Iosa, bha aoibhneas mòr air: oir bha dèidh aige rè ùine fhada air eisean fhaicsin, do bhri' gu'n cual' è mòran uime; agus bha dùil aige gu 'm faiceadh è miorbhuil eigin air a dheanamh leis. Ann sin dh' fheòraich fè moran do cheisdibh dheth; ach cha d' thug è freagradth sam bith air. Agus sheas na h àrd-shagairt agus na sgriobhuichean 'g a chasaid gu dian. Agus chur Ioraith agus a luchd-cogaidh ann neimh-prís è, agus rinn iad fanoid air, agus taireis a sgeudachadh ann eadach ro-gheal, chuir se air ais gu Pilat è. Agus rinneadh Pilat agus Ioraith n' an càirdibh d'a chèile san la sin; oir bha iad roimhe sinn an naimhdeas r'a chèile. Agus 'n uair a ghairm Pilat 'n ceann a chèile na h àrd-shagairt, agus na h uachdarain, agus am pobull, A dubhairt sè riu, Thug sibh a'm' ionnsuidhs' an duine so, mar neach ata tionndadh a' phobuill a thaoibh: agus séuch, air dhamh *a* cheasnachadh ann bhur lathair, chà d' fhuair mi coire air bith san duine so thaobh na' nithe sin, mu 'm bheil sibh cur cùis air; No fòs Ioraith: oir chuir mi d'a ionnsuidh sibh, agus séuch, cha d' rinneadh ni air bith leis toilltineach air bàs. Uime sin, air dhamh-sa a smachdachadh, leigidh mi as *è*. Oir b' fheudar dha neach eigin a leigeadh as doibh air an fhèisd. Agus ghlaodh iad amach dh'aon ghuth, ag radh, Beir uainn *am fear* so, agus leig air a chomas duinne Barabbas: (Neach air son ceannairc' àraidh a rinneadh ann sa bhaile, agus air son mortaidh, a thilgeadh am prìosun). Air an àdhbhar sin labhair Pilat riu a-rìs, air dha bhi toileach Iosa a chur sa sgaoil. Ach ghlaodh iadsan, ag radh, Ceus *è*, ceus è. Agus a dubhairt sè riu an treas uair, C'ar son, ciod an cron a rinn è? cha d' fhuair mise cùis bhàis air bith ann: uime sin, tairèis dhamh a smachdachadh, leigidh mi as *è*. Agus luidh iadsan air le guthaibh mòra, ag iarraidh eisean a cheusadh: agus bhuadhaich an guthanna-sa, agus *guthanna* nan àrd-shagart. Agus thug Pilat breith gu 'n deanta na dh' iarr iad. Agus leig è 'mach dhoibh eisean a thilgeadh am prìosun air son ceannairc' agus mortaidh, an neach a dh' iarr iad; ach thug sè thairis Iosa d' an toil. Agus mar a thug iad leo è, rug iad air Simon, duine àraidh o Chirene, a bha teachd o'n dùthaich, agus chuir iad an crann-ceusaidh air, g'a iomchar ann diaigh Iosa. Agus lean cuideachd mhòr è do 'n t sluagh, agus do mhnaibh, a bha fòs re bròn

agus

agus 'g a chaoinidh. Ach air tionndadh Iosa riu, a dubhairt sè, Ingheana Ierusaleim, na guilibh air mo shonsa ach guilibh air bhur son fein, agus air son bhur cloinne: Oir feuch, ata na làith' a' teachd, ann s an abair iad, 'S beannuichte na *mnài* sheasga, agus na bronna nach do ghiulain *clann*, agus na cìocha nach d' thug bainne. Ann sin tòsaichidh iad air a radh ris na beanntaibh, Tuitibh oirne; agus ris na cnocaibh, Folaichibh sinn. Oir ma ni siad na nithe so ris a' chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìonaich? Agus thugadh mar an ceudna dias eile a bha n' an daoine drochmhuint', chum bhi air an ceusadh maille ris. Agus 'n uair a thainig iad do 'n àite d' an goir'ear àit' a' chlaiginn, ann sin cheus iad è fein, agus na droch dhaoine; fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli. Ann sin a dubhairt Iosa, Athair, maith dhoibh; oir cha 'n 'eil fhios aca ciod ata siad a' deanamh. Agus ag roinn eadaich dhoibh, thilg iad croinn *air*. Agus sheas am pobull ag amharc: agus rinn na h uachdarain fanoid *air* maille riu-san, ag radh, Shaor è daoin' eile; saoradh sè è fein, ma 's è so Criosd, aon taghta Dhe. Agus fòs rinn na saighd fheara fanoid air, a' teachd d'a ionnsuidh, agus a' tairgseadh sion-geur dha, Agus ag radh, Ma 's tu rìgh nan Iudhach, fòir ort fein. Agus bha sgriobha fòs air a sgriobhadh os a cheann, ann an litrichibh greigis, agus laidin, agus eabhrach, IS E SO RIGH NAN IUDHACH. Agus thug a h aon do na droch dhaoinibh a' chrochadh, toibheum dha, ag radh, Ma 's tu Criosd, saor thu feine agus sinne. Ach fhreagair am fear eile, agus chronaich sè è, ag radh, Nach 'eil eagal De ort, agus gu bheil thu fuidh 'n aon dìteadh *ris?* Agus sinne da rìreadh an ceartas; oir ata sinn a' faghail na' nithe sin a thoill ar gniomhartha: ach cha d' rinn an duine so chron air bith. Agus a dubhairt sè re h Iosa, A Thighearna, cuimhnich ormsa 'n uair a thig thu do d' rioghachd. Agus a dubhairt Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, gu 'm bi thu maille riumsa 'n diu ann am phàrras. Agus bha è mu thimchioll na seathadh uaire, agus bha dorchadas air an talamh uile gus an naothadh uair. Agus dhorchaicheadh a' ghrian, agus reubadh brat-roinn an teampuill 'n a mheadhon. Agus 'n uair a ghlaodh Iosa le guth mòr, a dubhairt sè, Athair, ata mi tiomnadh mo spioraid a' d' làmhbhaibh: agus 'n uair a dubhairt è so, thug è suas an deo. 'Noise 'n uair a chunnairc an Senturion an ni do rinneadh, thug è glòir do Dhia, ag radh, Gu firinneach b'ionracan an duine

so.

ſo. Agus am pobull uile a chruinich dh' ionnſuidh an t ſeallaidh ſin, 'n uair a chunnaic iad na nithe a rinneadh, phill iad air an ais, a' buaìdh an uchd. Agus ſheas a luchd còlais uile, agus na mnài a lean è o'n Ghalilee, 'm fad uaithe, ag amharc air na nithibh ſin.

## Diahaoine na Cèuſa.

*Na h Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, guidhimid gu 'n ſealladh tu gu gràſail air do theaghlach fein, air ſon an raibh ar Tighearna Ioſa Crioſd toileach a bhi fair a bhrath, agus è fein thoirt ſuas do lamhaibh dhaoin' aingidh, agus bàs fhullang air a chrois, ata noiſe beo agus a riaghluchadh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh, aon Dia gu brath, Saoghal gu 'n chrich. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, ata naomhachadh agus a ſtiuradh, na h-eaglais gu h-iomlan le d' Spiorad; gabh ar n-achanuich agus air n-urnuigh ata ſinn a' tairgſe dhuit air ſon gach uile ſtaid dhaoine an a d' eaglais naomh, chum gu 'n dean gach ball d'i ſeirbhis dhuit-ſe gu firineach agus gu diaghaidh, 'na ghairm agus na oifig fein, trid air Tighearna agus ar ſlanui'fhear Ioſa Crioſda. Amen.

O Dhe thròcairich, a chruthaich na h-uile dhaoine, agus leis nach fuathach nì air bith a rinn thu, agus leis nach àil bàs peacair, ach leis am b' fhearr gu n-iompuicheadh agus gu 'm biodh è beo; dean trocair air na h-uile Iudhaich turcaich, anna-creidmhich, agus eircich, agus thoir uatha gach uile ain-eolas, cruas cridhe, agus dimheas air t-fhocal fein; agus mar ſin thoir dhathaigh iad, a Thighearna bheannuichte, dh' ionſuidh do thrèud, chum gu 'm bi iad air an ſàbhaladh a' meaſg fuigheal nam fior Iſraeliteach, agus gu 'n dean'ar iad na n-aon chrò fo n-aon bhuchaille, Ioſa Crioſd ar Tighearna, ata beo agus a riaghluchadh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh; aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

## Diahaoine na Ceuſa.

*An Litir.* Eabh. x. 1.

AIr bhi aig an lagh ſgàile nithe maithe re teachd, *agus* ni h è fior iomhaigh nan nithe fein, ni 'n comaſach dha an droing a thig d'a ionnſuidh a choidhch' a dheanamh foirfe, leis na h ìobairtibh ſin a bha iad ag ofrail o bhliadhna gu bliadhna a ghnà'. Oir ann ſin nach ſguireadh iad do bhi 'g an ofrail? do bhri' nach biodh aig lnchd deanamh na naomh-ſheirbhis tuilleadh coguis air bith peacaidh air dhoibh bhi aon uair air an glanadh. Ach ann ſna *h ìobairtibh* ſin *nithear* ath-chuimhneachadh air peacaibh gach bliadhna. Oir ni bheil è 'n comas gu tugadh fuil tharbh agus ghabhar peacaidh air falbh. Uime ſin ag teachd dha do 'n t ſaoghal, a deir sè, Iobairt agus ofrail ni' m b' àill leat, ach dh' ull'uich thu corp dhamh-ſa: Ann an ìobairtibh-loſgaidh, agus ann an ìobairtibh air ſon peacaidh ni' n raibh tlachd agad: Ann ſin a dubhairt miſe, Fèuch ataim ag teachd (ann rola an leabhair ata ſùd ſgriobhta orm) chum do thoils' a dheanamh, O Dhe. Air dha a radh roimhe ſin, Iobairt, agus ofrail, agus ìobhairte-loſgaidh, agus ìobairt air ſon peacaidh ni' m b' àill leat, agus ni'n raibh do thlachd *annta* (a 'ta air an ofrail a reir an lagha). Ann ſin a dubhairt ſè, Fèuch, ataim ag teachd a dheanamh do thoil-ſe, O Dhe. 'Ta è cur air cùl a' cheud ni, chum gu'n daingnich è an dara ni. Leis an toil ſo 'ta ſinne air ar naomhachadh, trìd ofrail cuirp Ioſa Crioſd aon uair. Agus tha gach uile ſhagart a' ſeaſamh gach la, a' miniſtreileachadh agus ag ofrail nan ìobairte ceudna gu minic, nithe do nach 'eil è 'n comas a choidhch' peacaidh thoirt air falbh: Ach an duine ſo, taireis da aon ìobairt ofrail air ſon peacaidh, ſhuidh ſè a choidhch' tuilleadh air deas làimh Dhe; A' feitheamh o ſin ſuas gus an cuir'ear a naimhde 'n an ſtòlchos fuidh choſaibh. Oir le aon ìòbairt rinn è choidhch' foirfe iadſan a 'ta air an naomhachadh. Agus ata an Spiorad naomh mar an ceudna a' deanamh fia'nais duinne *air na nithibh ſo*: oir taireis da radh roimhe, Is è ſo an cùmhnant a ni mi

riu

ſiu 'n diaigh nan làith' ud, deir an Tighearna; Cuiridh mi mo lagh 'n an croidhe, agus ſgriobhaidh mi è air an inntin: Agus am peacaidh agus an ea ceirte cha chuimhnich mi ni 's mò. 'Noiſe, far am bheil maitheanas nan nithe ſo, ni bheil ofrala airſon peacaidh ann ni 's mò. Uime ſin, a bhràithre, do bhri' gu bheil dànachd againn chum dol a ſteach do n ionad a 's naomha tre f huil Ioſa, Air ſlighe nuaidh agus bheo a choiſrig è dhuinne trìd an roinn bhrat, ſin r'a radh, tre f heoil fein. Agus do bhri' gu bheil againn àrd-ſhagart os ceann tighe Dhe: Thigeamaid am fogus le croidhe fior ann lan dearbh-beachd a' chreidimh, le 'r croidheachaibh air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le 'r cuirp air an nigheadh le h uiſge glan. Cumamaid gu daingean aidmheil ar dòchais gun chlaonadh, oir is fìrinneach an ti a gheall) Agus thugamaid an aire d'a chèile chum ar broſnachadh gu gràdh, agus deadh oibridh: Gun bhi leigeadh dhinn ſinn fein a chruinneachadh ann ceann a chèile, mar is gnà' le dream àraidh; ach a' comhairleachadh *chèile:* agus gu ma mòid *a ni ſin* ſo, do bhri' gu bheil ſibh faieſinn an là a' tarruing am fogus.

*An Soiſgeul.* Join xix. 1.

AIr an àdhbhar ſin ghlac Pilat Ioſa, agus ſgiurs sè *è* Agus dh' fhigh na ſaighd-fheara crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann è, agus chuir iad brat purpuir uime, Agus a dubhairt iad, Fàilt' ort, a righ nan Iudach: agus bhuail iad le 'm baſaibh è. Ann ſin chuaidh Pilat amach a ris, agus a deir sè riu Fèuch, ata miſe 'g a thoirt amach d' ar ionnſuidh, gu 'm bi fios agaibh nach 'eil miſe faghail coire ſam bith ann. Ann ſin thainig Joſa amach, agus an crùn droighinn air, agus am brat purpuir uime. Agus a deir *Pilat* riu Fèuch an duine. Uime ſin 'n uair a chunnaic na h àrd-ſhagairt agus na maoir è, ghlaodh iad, ag radh, Ceus *è*, ceus *è*. Deir Pilat riu, Gabhaibhſe è, agus ceuſaibh *è:* oir cha 'n 'eil miſe a' faghail coire air bith ann Fhreagair na h Judhaich è, 'Ta lagh againne, agus a reir ar lagh ne 's coir a chur gu bàs, air ſon gu 'n d' rinn sè Mac Dhe dheth fein. Uime ſin 'n uair a chula Pilat a' chainnt ſin, bu mhòid a bha dh' eagal air; Agus chuaidh è ſteach a-rìs a dh' àit' a' bhreitheanais, agus deir sè re h Joſa,

Joſa, Cia as duit? ach cha d' thug Joſa freagradh air. Ann ſin a deir Pilat ris, Nach labhair thu riumſa? nach 'eil fhios agad gu bheil cumhachd agamſa do cheuſadh, agus gu bheil cumhachd agam do chur fa ſgaoil? Fhreagair Joſa, Cha bhiodh cumhachd air bith agad a' m' aghaidh-ſe, mur d' thugtadh dhuit o'n àird' è: air an àdhbhar ſin an ti a thug miſe thairis dhuit, ata aige-ſin am peacadh a's mò. Agus o ſin ſuas dh' iarr Pilat a chur fa ſgaoil: ach ghlaodh na h Judhaich, agradh, Ma leigeas tu 'm fear ſo fa ſgaoil, cha charaid do Cheaſar thu: ge b'è neach ata 'ga dheanamh fein 'n a righ, 'ta sè labhairt ann aghaidh Cheaſair. Uime ſin 'n uair a chuala Pilat a' chainnt ſin, thug è 'mach Joſa agus ſhuidh sè air a' chaithir bhreitheanais, ann ſan ionad d'an goir'ear an Leac-ùrlar, ach ann ſan Eabhrais, Gabbata. Agus b'e là-ullamhachaidh na càiſge è, agus mu thimchioll na ſeathadh uaire: agus a deir sè ris na Judhachaibh, Fèuch bhur righ. Ach ghlaodh iadſan amach, Beir uainn, beir uainn, ceus è. Deir Pilat riu, An ceus mi bhur righ-ſe? Fhreagair na h àrd-ſhagairt, Cha 'n 'eil righ againne ach Ceaſar. Ann ſinn air an àdhbhar ſin thug sè thairis dhoibh è, chum bhi air a cheuſadh. Agus ghlac iad Joſa, agus thug iad leo è. Agus chuaidh è 'mach, a' giulan a chrann-ceuſaidh, do 'n ionad d' an goir'ear *àit'* a' chloiginn d'an ainm ſan Eabhrais, Golgota. Ann ſinn cheus iad è, agus dias eile maille ris, fear air gach taobh, agus Joſa ſa mheadhon. Agus ſgriobh Pilat fòs tiodal, agus chuir sè air a' chrann-cheuſaidh è. Agus b'è an ſgriobha, JOSA O NASARET RIGH NAN JUDHACH. Uime ſin leugh mòran do na h Judhachaibh an tiodal ſo: oir bha 'n t àit' ann do cheuſadh Joſa fogus do 'n bhaile: agus bha an ſgriobha ann Eabhrais, Greugais, agus ann Laidin. Ann ſin a dubhairt àrd-ſhagairt nan Judhach re Pilat, Na ſgriobh, Righ nan Judhach; ach gu 'n dubhairt è, Is mi rìgh nan Judhach. Fhreagair Pilat, An ni a ſgriobh mi, ſgriobh mi è. Ann ſin 'n uair a cheus na ſaighdfheara Joſa, ghlac iad eadach (agus rinn iad ceithir earroinnean, earroinn do gach ſaighd-fhear) agus *a* chòta mar an ceudna: agus bha 'n còta gun fhuaigheal, air fhigheadh o bhràighe *ſios* gu h iomlan. Dubhairt iad uime ſin eatorra fein, Na reubamaid è, ach tilgeamaid croinn air, co aig a bhìtheas è: chum gu 'n coi'lionfadh an ſgriobtuir, a deir, Roinn ſiad mo thruſgan eatorra, agus thilg iad croin air mo bhrat. Air an àdhbhar ſin rinn na ſaighd-fheara na nithe ſo. 'Noiſe ſheas làimh re crann-ceuſaidh Joſa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire *bean* Chleophas,

phas, agus Muire Madalen. Uime ſin 'n uair a chunnaic Joſa a mhàthair, agus an deiſciobul a b' ionmhuinn leis 'na theaſamh a làthair, a dubhairt sè r'a mhàthair, A bhean, fèuch do mhac. Ann ſin a deir sè ris an deiſciobul, Fèuch do mhàthair. Agus o 'n àm ſin amach thug an deiſciobuil *ſin* leis i d'a thigh fein. Ann diaigh ſo air do Joſa fios a bhi aige gu 'n raibh gach uile nithe a nois' air an criochnach', chum gu 'n coi'-lionfadh an ſgriobtuir, a deir sè, Tha tart orm. 'Noiſe bha ann ſin ſoitheach làn do fhion-geur: agus air dhoibhſin ſpuing a lionadh do 'n fhion-gheur, agus a chur air hiſop, ſhin iad chum a bheoil è. Ann ſin 'n uair a ghabh Joſa am fion-geur, a dubhairt sè, 'Ta è è criochnaichte: agus air cromadh a chinn da thug è ſuas *a* ſpiorad. Ann ſin chum's nach fanadh na cuirp air a' chrann-cheuſaidh air an t sàbaid, do bhri' gur b'e là an ullamhachaidh a bha ann (oir bu là mòr an là sàbaid ſin) dh iarr na h Judhaich air Pilat gu 'n rachadh an luirgne a bhriſeadh, agus gu 'n d' thugtadh air falbh iad. Ann ſin thainig na ſaighd-fhearа, agus bhris iad luirgne a' cheud fhir, agus luirgne an fhir eile, a cheuſadh maille ris. Ach air dhoibh teachd chum Joſa, 'nuair a chunnaic iad gu 'n raibh è cheana marbh, cha do bhris iad a luirgne-ſe. Ach lot fear do na ſaighd-fhearaibh a thaobh le ſleidh, agus air ball thainig amach fuil agus uiſge. Agus thug an ti chunnaic *ſin* ſia'nais, agus ata fhia'nais firinneach: agus ata fhios aige gu bheil è labhairt na fìrinn, chum gu 'n creideadh ſibhſe. Oir rinneadh na nithe ſo, chum gu'n coi'-lionfadh an ſgriobtuir; Cha bhriſear cnàimh dheth. Agus a-rìs a deir ſgriobtuir eile, Amhaircidh iad air-ſin a lot iad.

## Oidhche Chaiſg.

### *An Urnuigh.*

DEonuich, O Thighearna, mar ata ſinn air ar baiſteadh chum bàis do mhic bheannuichte ar ſlanui'fhear Joſa Criosd; mar ſin, le bhi ſior mharbhadh ar n' ainmianna truaillidh, gu 'm bi ſin air ar n' adhlacadh maille ris, agus gu 'n d' 

theid ſinn trid an uaigh agus geata bhàis gu'r neis-eiridh ſhòlaſaich, air ſon toiltinis an ti a bhàſaich, agus a dh-adhlaiceadh, agus a dh-eirich a ris air ar ſon, do Mhac Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

## Oidhche Chaiſg.

*An Litir.* 1 Phead. iii. 17.

IS fearr, ma's è ſin toil De, ſibh a dh' fhulang air ſon maith a dheanamh, na air ſon uilc a dheanamh. Oir dh' fhuiling Crioſd fòs aon uair air ſon peacaidh, am fìrean air ſon nan neo-fhìrean, (chum gu'n d' thugadh è ſinne gu Dia) air dha bhi air a chur gu bàs ſan fheoil, ach air a bheothachadh trìd an Spioraid: Leis an deachaidh è fòs, agus an do ſhearmonaich è do na ſpioradaibh ann am prìoſun; A bha o ſhean eas-ùmhal, 'n uair a dh' fheith fad-fhulangas De aon uair ann laithibh Noe, 'm feadh 's a bha an àirc 'ga h ullu'chadh, ann s an raibh beagan, ſin r'a radh, ochd anama, air an sàbhaladh trìd uiſge. 'Ta 'm baiſte, mar ſhaimpleir a 'ta coi'fhreagradh dha ſo (ni h è cur dhinn ſal na feòla, ach freagradh deadh choguis thaobh Dhe) 'noiſe 'g ar tearnadh-ne, trìd aiseirigh Joſa Crioſd: Neach air dha dol gu neamh, a 'ta 'n a ſhuidhe air deas-laimh Dhe, air do ainglibh, agus do uachdranachdaibh, agus do chumhachdaibh, bhi air an cur fuidh cheannfal-ſan.

*An Soiſgeul.* Mhath. xxvii. 57.

AGus air teachd do'n fheaſcar, thainig duine ſaibhir o Arimathea, d' am b' ainm Joſeph, neach a bha è fein 'n a dheiſciobul aig Joſa mar an ceudna: Air dol dha-ſan gu Pilat, dh'iarr è corp Joſa: ann ſinn dh'òrduich Pilat an corp a thabhairt *da*. Agus air glacadh a' chuirp do Joſeph, phaiſg ſè ann an lion-eadach fior-ghlan è. Agus chuir ſè è 'n a uaigh nuadh fein, a chladhaich ſè ann an carruig: Agus air caruchadh cloich'

cloich' mhòir dha gu dorus na h uaighe, dh'fhalbh fè. Agus bha Muire Magdalene, agus a' Mhuire eile, 'n an ſuidhe fa chomhair na h uaighe. 'Nois' air an là màrach, noch is è 'n là 'n diaigh an ull'achaidh, chruinnicheadh na h àrd-ſhagairt agus na Phairiſich gu Pilat, Ag radh, A thighearn', is cuimhne leinn an t ann a bha am mealltoir ud f òs beo, gu'n dubhairt fè, Eir'idh mi 'n diaigh thri làith'. Orduich uime ſin an uaigh bhi air a coimhead gu cinnteach gus an treas là, áir eagal gu'n d'thig a dheiſciobuil ſan oidhche, agus gu 'n goid iad leo è, agus gu 'n abair iad ris a' phobull, Gu 'n d'eirich è o na marbhaibh: agus mar ſin bithidh am mearachd deireannach ni 's mioſa na 'n ceud *mhearachd.* A dubhairt Pilat riu, 'Ta faire agaibh, im'-ichibh, *agus* deanàibh *an uaigh* coi-tearuinte 's is aithne dhuibh. Agus air im'eachd dhoibhſin rinn iad an uaigh cinnteach, ag cur ſeula' air a' chloich, maille re faire.

---

## La Caiſg.

¶ *Aig an urnuigh mhaidne, ann àite an t ſailm,* (O Thigibh, &c.) *a deirear no ſeinnear na h-ainteim ſo.*

GRioſd ar n *uan* càiſg' air ìobradh air ar ſon. Uime ſin gleidheamaid an fhèiſd, na b' ann le ſean làibhin, no làibhin a mhioruin agus an uilc; ach le *aran* neo-làibhinnte an treibhdhireis agus na fìrinn. 1 *Cor.* v. vii.

AIr do Crioſd eirigh o na marbhaibh. nach bàſaich è ni 's mò; cha 'n 'eil tighearneas aig a' bhàs ni 's mò air. Oir a mhèud gu 'n d' fhuair è bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair è bàs aon uair *amhàin:* ach a mheud gu bheil è beo, is ann do Dhia ata sè beo. Mar ſin mar an ceudna meaſaibhſe gu bheil ſibh fein gu deimhin marbh do'n pheacadh: ach beo do Dhia tre Joſa Crioſd ar Tighearna. *Rom.* vi. 9.

Chrioſd

TA Crioſd air eirigh o na marbhaibh, *agus* rinneadh an ceud thoradh dhiubhſan a choidil deth. Oir mar is ann tre dhuine *thainig* am bàs, is ann tre dhuine *thig* ais-eirigh nam marbh mar an ceudna. Oir mar ann Adhamh ata gach uile ag ſaghail a' bhais, is amhuil ſin mar an ceudna a nithear gach uile beo ann Crioſd. 1 *Cor.* xv. 20.

Glòir do 'n Athair, agus do'n Mhac agus do'n Spiorad naomh.

*Freag.* Mar bha an tùs, a noiſe 'ta, agus bidh gu brath: Saoghal gun chrìch. Amen.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, a thug buaigh air a' bhàs trid t aon-ghinn Mhic Joſa Crioſd, agus a dh-fhoſgail dhuinne geata na beath ſhiorruidh; tha ſinn gu h-umhla a' guidhe ort, mar a' ta thu cur deagh thograidh 'n ar n-inntinibh le d' ghràs ſonnruichte ga 'r ſtiuradh roimh laimh; mar ſin gu 'n toir ſinn na mianna ceudna gu deagh chrìch le d' ghna-chomhnadh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna, ata beo agus a' riaghladh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh aon Dia gu brath, ſaoghal gun chrìch' Amen.

*An Litir.* Col. iii. 1.

UIme ſin ma dh' eirich ſibhſe maille re Crioſd, iarraibh na nithe a 'ta ſhuas, far am bheil Crioſd 'n a ſhuidhe aig deas làimh Dhe. Suidhichibh bhur n aigneadh air na nithibh a'ta ſhuas, agus ni h ann air na nithibh a'ta air an talamh. Oir ata ſibh marbh, agus ata bhur beatha folaichte maille re Crioſd, neach a's è ar beatha-ne, ann ſin bithidh ſibhſe mar an ceudna air bhur foillſeachadh ann glòir maraon ris. Uime ſin claoidhibh bhur buill a'ta air an talamh, ſtrìopachas, neoghloine, fonn-collaidh, ain-mhianna, agus ſannt, ni a 's iodholadhradh. Nithe air ſon am bheil fearg Dhe a' teachd air cloinn na h eas-umhlachd. Ann an raibh ſibhſe fòs a' gluaſachd uair-eigin, 'n uair a bha ſibh a' caitheamh bhur beatha annta.

*An Soiſgeul.* Eoin xx. 1.

AIr a' cheud là do 'n t ſeachduin thainig Muire Magdalen, gu moch, agus an dorchadas fòs ann chum na h uaighe, agus chunnaic i a' chloch air a tog'ail o'n uaigh. Ruidh i ann ſin, agus thainig i gu Simon Peadar, agus gus an deiſciobul eile a b'ionmhuinn le h Joſa, agus deir ſi riu, Thug iad leo an Tighearna as an uaigh, agus cha'n 'eil fhios againn c'àit' an do chuir iad è. Uime ſin chuaidh Peadar amach, agus an deiſciobul ſin eile, agus thainig iad chum na h uaighe. Agus ruidh iad 'n an dias maraon: agus ruidh an deiſciobul eile ni bu luaithe na Peadar, agus thainig è air tùs chum na h uaighe. Agus air cromadh ſios da chunnaic è 'n lion-eadach 'n a luidhe; gidheadh cha deachaidh è ſteach. Ann ſin thainig Simon Peadar 'g a leantuin, agus chuaidh è ſteach do'n uaigh, agus chunnaic è 'n lion-eadach 'n a luidhe; agus an neapaicin a bha m'a cheann, cha'n ann 'n a luidhe maille ris an lion-eadach, ach air leith air fhilleadh ann aon àite. Ann ſin chuaidh a ſteach mar an ceudna an deiſciobul ſin eile a thainig air tùs chum na h uaighe, agus chunnaic, agus chreid ſè. Oir cha do thuig iad fòs an ſgriobtuir, gur b'eigin gu'n eir'eadh eiſean a-rìs, o na marbhaibh. Ann ſin dh'fhalbh na deiſciobuil a-rìs chum an cuideachd fein.

## Dialuain ann ſeachdmhuin na Càiſg.

*An Urnuigh.*

ADhe uile chumhachdaich, a thug buaigh air a' bhàs trid t aon-ghinn Mhic Joſa Crioſd, agus a dh-fhoſgail dhuinne geata na beath ſhiorruidh; tha ſin gu h-umhla a' guidhe ort, mar a' ta thu cur deagh thograidh 'n ar n-inntinibh le d' ghràs ſonnruichte ga 'r ſtiuradh roimh laimh; mar ſin gu 'n toir ſinn na mianna ceudna gu deagh chrìch le d' ghna-chomhnadh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna, ata beo agus a' riaghladh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh aon Dia gu brath, ſaoghal gun chrìch'. Amen.

*An Litir.* Gniomh x. 34.

DH'fhoſgail Peadar a bheul, agus a dubhairt sè, Gu fìrinneach ata mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearſaibh ſeach a chèile: Ach ann s gach uile chinneach, ata an neach air am bheil eagalſan, agus a 'ta 'g oibreacadh fìreantachd, taitneach aige. Am focal a chuir Dia gu clann Iſraeil, a' ſearmonachadh sìth tre Joſa Crioſd (is eiſean Tighearna nan uile) Am focal ſin is aithne dhuibh, a ſgaoileadh air feadh tìr' Judea uile, agus a thionnſgain o'n Ghalilee, ann diaigh a' bhaiſdidh a ſhearmonaich Eoin: Cionnas a dh'ung Dia Joſa o Naſaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd; neach a chuaidh m'an cuairt a' deanamh maith, agus a' ſlanuchadh gach uile a bha air am foireigneachadh leis an diabhol: oir bha Dia maille ris. Agus ata ſinne 'n ar fia'naiſibh air na h uile nithibh a rinn è faraon ann an tìr nan Judhach, agus ann Jeruſalem; neach a mharbh iad 'g a chrochadh air crann: Eiſean thog Dia ſuas air an treas là, agus nochd sè è gu follaſach. Cha 'n ann do 'n t ſluagh uile, ach do fhia'naiſibh, a thaghadh le Dia roimh làimh, *eadhon* dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris ann diaigh dha eirigh o na marbhaibh. Agus dh'àithn è dhuinne ſearmonachadh do'n t ſluagh, agus fia'nais a dheanamh gur eiſean a dh'òrduicheadh le Dia 'n a bhreitheamh air bheothaibh agus air mharbhaibh. Dha-ſa tha na fàidhean uile a' toirt fia'nais, gu'm fuigh gach uile neach a chreideas ann, maitheanas 'n am peacadh trìd ainm-ſin.

*An Soiſgeul.* Luc. xxiv. 13.

FEuch, bha dias aca a' dol air an là ſin fein gu baile d' am b'ainm Emmaus, a bha tri fichead ſtàidè o Jeruſalem. Agus bha iad a' labhairt eatorra fein mu thimchioll nan nithe ud uile a thachair. Agus tharladh, 'n uair a bha iad a' comhradh, agus a' coi'-reaſonachadh, gu'n d' thainig Joſa è fein am fogus, agus dh' imich sè maille riu. Ach bha 'n ſùilean air an cumail, ionnas nach d' aithnich ſiad è. Agus a dubhairt sè riu, Creud è an comhradh ſo air am bheil ſibh teachd eadruibh fein, ag im'eachd dhuibh, agus ſibh brònach? Agus fhreagair fear aca, d' am b' ainm Cleopas, agus a dubhairt sè ris, Am bheil thus' a' t aonar a' d' choigreach ann Jeruſalem,

ruſalem, agus gun fhios agad air na nithibh a rinneadh innte ann ſna laithibh ſo? Agus dubhairt ſè riu, coid na nithe? Agus a dubhairt iadſan ris, Na nithe a thaobh Joſa o Naſaret, neach a bha 'n a f hàidh cumhachdach ann an gniomh agus ann am focal am fia'nais De, agus a' phobuill uile: Agus cionnas a thug na h àrd-ſhagairt agus ar n uachdarain thairis chum d ite' bàis è, agus a cheus iad è. Ach bha dùil againn gu 'm b' eiſean an ti a bha gu Iſrael a ſhaoradh: agus a thuill' air ſo uile, 's è 'n diu an treas là o rinneadh na nithe ſo. Agus mar an ceudna, chuir mnài àraidh dhinn fein, a chuaidh gu moch a dh' ionnſuidh na h uaighe, ua'bhas oirn': Agus 'n uair nach d' fhuair iad a chorp, thainig iad, ag radh, gu 'm fac' iad fòs taiſbein do ainglibh, a dubhairt gu bheil è beo. Agus chuaidh dream àraidh dhiubhſe bha maille ruinn fein, chum na h uaighe, agus fhuair iad amhuil mar a dubhairt na mnài; ach ni 'm fac' iad eiſean. Ann ſin a dubhairt sè riu, O dhaoine amaideach, agus mall-chroidheach chum na nithe ſin uile a chreidſin a labhair na fàidhean! Nach b' eigin do Chrioſd na nithe ſo fhulang, agus dol a ſteach d'a ghlòir? Agus air dha tòiſeach' o Mhaois, agus o na fàidhibh uile dh' eidir-mhìnich è dhoibh ann ſna ſgriobtuiribh uile na nithe m'a thimchioll fein. Agus dhruid iad ris a' bhaile, gus an raibh iad a' dol: agus leig eiſean air gu 'n rachadh è ni b' fhaide. Ach choi'-eignich iadſan è, ag radh, Fan maille ruinne, oir ata è dlù' ris an fheaſcar, agus tha deireadh an là ann. Agus chuaidh è ſteach a dh' fhuireach maille riu. Agus tharladh, 'n uair a ſhuidh è gu biadh maille riu, air dha aran a ghlacadh, gu 'n do bheannuich ſè *è*, agus bhris ſè *è*, agus thug ſè dhoibh *è*. Agus dh' f hoſgladh an ſùilean, agus dh' aithnich ſiad è; agus chuaidh è as ann ſealladh uatha. Agus a dubhairt iad r'a chèile, Nach raibh ar croidhe a' laſadh annainn, am feadh a bha è a' labhairt ruinn air an t ſlighe, agus 'n uair a dh' f hoſgail è dhuinn na ſgriobtuire? Agus dh' eirich iad air an uair ſin fein, agus phill iad gu Jeruſalem, agus fhuair iad an t aonſhear-deug cruinn ann ceann a chèile, agus an dream a bha maille riu, Ag radh, Dh' eirich an ſighearna da rìreadh, agus chunncas le Simon è. Agus dh' innis iad na nithe *a rinneadh* air an t ſlighe, agus mar a dh' aithnicheadh leo-ſan è ann am briſeadh an arain.

Duimairt

## Diamairt ann Seachd'uin na Càiſg.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, a thug buaigh air a' bhàs trid t aon-ghinn Mhic Joſa Crioſd, agus a dh-f hoſgail dhuinne geata na beath ſhiorruidh; tha ſinn gu h-umhla a' guidhe ort, mar a' ta thu cur deagh thograidh 'n ar n-inntinibh le d' ghràs ſonnruichte ga 'r ſtiuradh roimh laimh; mar ſin gu 'n toir ſinn na mianna ceudna gu deagh chrìch le d' ghna-chomhnadh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna, ata beo agus a' riaghladh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh aon Dia gu brath, ſaoghal gun chrìch' Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. xiii. 26.

FHeara *agus* a bhràithre, a chlann gineil Abraham, agus a mheud agaibh air am bheil eagal De, 's ann chugaibhs' a chuireadh focal na ſlàinte ſo. Oir iadſan a 'ta chomhnuidh ann Jeruſalem, agus an uachdarain, air dhoibh bhi ain-eolach airſin, agus air foclaibh nam faidhean a 'ta air an leughadh gach sàbaid, le *eiſean* a dhìteadh choi'-lion ſiad *iad*. Agus ge nach d' fhuair iad coire báis air bith *ann*, dh' iar iad air Pilat gu 'n teadh eiſean gu bás. Agus 'n uair a choi'-lion iad na h uile nithe bha ſgriobhta mu thimchioll, thug iad a nuas o'n chrann è, agus chuir ſiad ann an uaigh *è*. Ach thog Dia ſuas o na marbhaibh è: Agus chunncas è rè mòran làith' leo-ſan a chuaidh ſuas maille ris o'n Ghalilee gu Hieruſalem, dream a 'ta 'n am fia'naiſibh dha-ſan do'n phobull. Agus ata ſinne a' ſoiſgeulachadh dhuibhſe a' gheallaidh, a rinneadh do na h aithreachaibh, Gu 'n do cho'-lion Dia ſo dhuinne an clann, a mheud gu'n do thog è ſuas Joſa a-ris; mar ata è ſgriobhta mar an ceudna ſan dara ſalm, Is tu mo Mhac-ſa, an diu do ghin mi thu. Agus *mar dhearbhadh* gur thog sè ſuas è o na marbhaibh, gun è a philleadh air ais tuilleadh chum truaill'eachd, a dubh-

airt è mar ſo, Bheir miſe dhuibh tròcaire cinnteach Dhaibhidh. Uime ſin a deir sè mar an ceudna ann an *ſalm* eile, Cha 'n fhulaing thu do d' Aon naomha gu 'm faic sè truaill'eachd. Oir taireis da Dhaibhidh a ghinealach feìn a riarachadh do reir toil Dhe, choidil sè, agus chuireadh chum athracha è, agus chunnaic sè truaill'eachd. Uime ſin biodh fhios agaibh-ſe, fheara *agus* a bhràithre, gur ann tre 'n duine ſo ata maitheanas peacaidh air a ſhearmonachadh dhuibh: Agus trìd-ſin ata gach uile neach a chreideas air a ſhaoradh o gach uile nithibh, o nach raibh è 'n comas duibh bhi air bhur ſaoradh le lagh Mhaois. Thugaibh aire uime ſin, nach d' thig oiribh an ni a'ta air a radh ann ſna fàidhibh, Fèuchaibh, a luchd-tarcuis, agus gabhaibh iongantas, agus rachadh as duibh: oir oibricheamſa obair ann bhur laithibh-ſe, obair nach creid ſibh idir, ge do chuireadh duine ann cèill duibh è.

*An Soiſgeul.* Luc. xxiv. 36.

SHeas Joſa fein 'n am meadhon, agus a deir ſè riu, Siochaint maille ribh. Ach bha iadſan fuidh gheiſt-chrith agus fuidh eagal, agus ſhaoil iad gur ſpiorad a chunnaic iad. Agus a dubhairt ſè riu, C'ar ſon ata ſibh fuidh thriobloid, agus c'ar ſon ata ſmuaintidh ag eirigh ſuas ann bhur croidhibh? Feuchaibh mo làmhan agus mo choſa, gur mi fein a th' ann: lámhaichibh mi, agus faicibh, oir cha 'n 'eil aig ſpioraid feoil agus cnàmha, mar chi ſibh agamſa. Agus 'n uair a dubhairt è ſo, nochd è dhoibh a làmha agus a choſa, agus air bhi dhoibh fòs mi-chreid'each tre aoibhneas, agus iad fuidh iongantas, a dubhairt ſè riu, Am bheil biadh ſam bith agaibh ann ſo? Agus thug iad dha mòr do iaſg ròiſte, agus do chìr-mheala. Agus ghlac ſè è, agus dh' ith ſe 'n am fia'nais. Agus a dubhairt ſè riu, 'S iad ſo na briathra a labhair mi ribh, 'n uair a bha mi fòs maille ribh, gur eigin do na h uile nithe 'ta ſgriobhta ann an lagh Mhaois, agus *ann* ſna fàidhibh, agus *ann* ſna ſalmaibh a m' thimchioll-ſa, bhi air an coi'-lionadh. Ann ſin do fhoſgail ſè an tuigſe chum gu 'n tuigeadh iad na ſgriobtuire, Agus a dubhairt ſè riu, Mar ſo ata è ſgriobhta, agus mar ſo b' eigin do Chriosd fulang, agus eirigh o na marbhaibh an treas là: Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh bhi air an ſearmonachadh 'n a ainmſe, do na h uile chinneach, a' tòiſeach'

ſeach' aig Ieruſalem. Agus is fia'naiſean ſibhſe air na nithibh ſo.

## An ceud Domhnach an deigh Chaiſg.

*An Urnuigh.*

ATHair uile chumhachdaich, a thug t-aon ghin Mhic gu bàſuchadh air ſon ar peacaidh, agus a dh-eirigh a ris a chum ar fìreanachadh; Deonuich dhuinn labhuinn a mhioruin agus na h-aingeach a chuir uain, chum gu 'n deanamaid do ghna ſeirbheis dhuit ann am fìrinn agus am fior ghloine beatha, trid toiltinis do Mhic cheudna Ioſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Ioin. v. 4.

GAch uile ni a ghinear o Dhia, bheir è buaidh air an t ſaoghal: agus is i ſo a' bhuaidh a bhuaidhicheas air an t ſaoghal, *eadhon* ar creidimh-ne. Co an ti a bhuaidhicheas air an t ſaoghal, ach eiſean a 'ta creidſinn gur h è Ioſa Mac Dhe? Is è ſo eiſean a thainig trìd uiſge agus trìd fhuil, Ioſa Crioſd; ni h è trìd uiſge 'mhàin, ach trìd uiſge agus fuil: agus is è 'n Spiorad a ni fia'nais, do bhri' gur fìrinn an Spiorad. Oir tha triuir a 'ta deanamh fia'nais air neamh, an t Athair, am Focal, agus an Spiorad naomha: agus an triuir ſin is aon iad. Agus tha triuir a 'ta deanamh fia'nais air an talamh, an Spioraid, agus an t'uiſge, agus an fhuil: agus thig an triuir fin r'a chèile ann aon. Ma ghabhas ſinn re fia'nais dhaoine, 's i fia'nais De a's mò: oir is i ſo fia'nais De, a thug sè mu thimchioll a Mhic. An ti a chreideas ann am Mac Dhe, tha 'n fhia'nais aige ann fein: an ti nach creid Dia, rinn è breugoire dheth, do bhri' nach do chreid sè an fhia'nais a rinn Dia mu thimchioll a Mhic. Agus is i ſo an fhia'nais, gu 'n d' thug Dia dhuinne beatha mhairtheanach: agus ata a' bheatha ſo ann a Mhac. An ti aig am bheil am Mac, tha beatha

bheatha aige: an ti aig nach 'eil Mac Dhe, cha 'n 'eil beatha aige.

*An Soisgeul.* Ioin. xx. 19.

AIr teachd do'n fheasgar an lá sin sein, air a' cheud *là* do 'n t seachduin, agus na dorsa dùinte, far an raibh na deiscibuil cruin air eagal nan Iudach, thainig Iosa agus sheas è sa mheadhon, agus a deir sè riu, Sìth dhuibhse. Agus air dha so a radh, nochd è dhoibh *a* làmhan agus a thaobh. Ann sinn bha aoibhneas air na deiscibluibh 'n uair a chunnaic iad an Tighearna. Ann sin a dubhairt Iosa riu, a-rìs, Sìth dhuibhse: mar a chuir an t Athair uaithe mise, is amhuil sin ata mise 'g ar cur-sa *uam.* Agus air dha so a radh, sheid è orra, agus a deir sè riu, Gabhaibhse an Spiorad naomh. Ge b'è air bith iad d' am maith sibh am peacaidh, ata iad maithte dhoibh; *agus* co air bith iad a chumas sibh am *peacaidh gu'n a' maitheamh,* ata siad air an cumail.

## An dara Dòmhnach an deigh Chàisg.

*An Uirnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, a thug dhuinne t-aon Mhac fein, araon a chum a bhi na iobairt air son peacaidh, agus mar an ceudna na eiseimpleir air beatha dhiaghaidh; tabhair dhuinn gràs chum gu 'n gabhamaid do ghna gu ro thaingeil an t-sochair luach-mhor sin, agus mar an ceudna gu 'n dean sin dìchioll gach la chum ceumana beannuichte a bheatha ro naomha-san a leanmhuin, trid an Iosa Criosda cheudna ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Phead. ii. 19.

A*Ta* so cliu-thoillteanach, ma dh' iomchaireas neach sam bith doilgheas air son coguis a thaobh Dhe, a' fulang gu h eacorach. Oir ciod an t àdhbhar molaidh *ata ann,* ma 's è an

an uair a ghabhar oirbh air ſon bhur ciontaidh, gu 'n giùlain ſibh gu foighidneach è? ach ma 's è air dhuibh maith a dheanamh, agus fulang *air a ſhon*, gu 'n giùlain ſibh è gu foighidneach; *ata* ſo taitneach do Dhia. Oir is ann chuige ſo a ghairmeadh ſibh: do bhri' gu 'n d' fhuiling Crioſd mar an ceudna air ar ſoin-ne, a' fàg'ail eiſcimpleir agaibh chum gu leanadh ſibh a cheumana: Neach nach d' rinn peacadh, ni mò a fhuaradh cealg 'n a bheul: Neach 'n uair a chàineadh è, nach do chàin a-ris; 'n uair a dh' fhuiling è, cha do bhagair è; ach dh' earb ſè *è fein* ris-ſin a bheir breith cheart: Neach a ghiùlain ar peacaidh è fein ann a chorp fein air a' chrann, chum air dhuinn bhi marbh do 'n pheacadh, gu 'm bithemaid beo do fhìreantachd: neach a bha ſibh air bhur ſlànuchadh le a bhuillibh. Oir bha ſibh mar chaoraich a' dol air ſeacharan; ach philleadh ſibh 'noiſe chum Buachaill' agus Easbuig bhur n anama.

*An Soiſgeul.* Ioin x. 11.

DUbhairt Joſa is mis' am buachaille maith: leagaidh 'm buachaille maith anam ſios air ſon nan caorach. Ach am fear-tuaraſdail, agus an ti nach è am buachaille, agus nach leis fein na caoraich, chi sè am madadh-alluidh a' teachd, agus fagaidh sè: agus glacaidh am madadh-alluidh iad, agus ſgapaidh sè na caoraich. Ach teichidh am fear-tuaraſdail, chionn gur fear-tuaraſdail è, agus nach 'eil ſuim aige do na caoraibh. Is miſe am buachaille maithe, agus is aithne dhamh mo *chaoraich* fein, agus aithnichear le *m' chaoraibh* fein mi. Mar is aithne do 'n Athair miſe, is mar ſin is aithne dhamh-ſa an t Athair: agus ata mi leagadh m' anama ſios air ſon nan caorach. Agus ata caoraich eil' agam, nach 'eil do 'n chrò ſo: is eigin damh iad ſin mar an ceudna thoirt *a ſtigh*, agus eiſdidh iad re m' ghuth; agus bithidh aon treud ann, *agus* aon buachaille.

## An treas Domhnach an deigh Chaiſg.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, a thaiſbeineas ſolus t-fhìrinn do 'n dream a bhios an mearrachd, a chum gu'm pill iad a dh-ionnſuidh ſlighe na fìreantachd; Deonuich dhoibh-ſin uile ata air an gabhail a' ſteach ann co-chomunn Creidimh Chrioſd, gu'm ſuathaich iad na nithe ſin ata 'n aghaidh an aidmheil, agus gu 'n lean iad na nithe ſin uile ata reir na h-aidmheil cheudna, trid ar Tighearna Ioſa Crioſd. Amen.

*An Litir.* 1 Phead. ii. 11.

A mhuintir mo gràidh, guidheam oirbh mar choigrich agus luchd-cuairt, ſibh a ſheachnadh ain-mhianna fèolmhor, a 'ta cogadh ann aghaidh an anama; Air dhuibh deadh chaithe'-beatha bhi agaibh am meaſg nan Cinneach; chum ann ait' olc a labhairt umaibh mar luchd mi ghniomh, gu'n dean iad o bhur deadh oibribh a chi ſiad, Dia a glòrachadh ann là an fhiosrachaidh. Uime ſin bithibhſe ùmhal do gach uil' òrduch dhaoine air ſon an Tighearna: ma 's ann do 'n righ, mar an ti a 's àird' inbhe: No do uachdranaibh, mar do'n mhuintir a chuireadh uaithe, chum dioghaltais air luchd dheanamh an uilc, agus chum cliu dhoibhſin a ni maith. Oir is i toil De, gu'n cuireadh ſibhſe le deadh dheanadas toſd air ain-eolas dhaoine amaideach: Mar dhaoine ſaor, agus gun *bhur* ſaorſa a ghnàthachadh mar bhrat-folaich do mhi-run, ach mar ſheir-bhiſich Dhe. Thugaibh onoir do na h uile dhaoine. Gradh-aichibh na bràithre. Biodh eagal De oirbh. Thugaibh onoir do 'n righ.

*An Soiſgeul.* Join xvi. 16.

DUbhairt Joſa r'a deiſciobuil, tamull beag agus cha 'n fhaic ſibh mi agus a-rìs, tamull beag agus chi ſibh mi, do bhri' gu bheil mi dol chum an Athar. Ann ſin a dubhairt *cuid* da dheiſciobluibh eatorra fein,

Creud è ſo a deir sè ruinn, Tamull beag agus cha 'n fhaic ſibh mi: agus a-rìs, tamull beag agus chi ſibh mí: agus Do bhrí' gu bheil mi dol chum an Athar? Air an àdhbhar ſin a dubhairt iad, Ciod è ſo a deir sè, Tamull beag? Cha 'n 'eil ſinne a' tuigſin creud a deir sè. 'Noiſe dh' aithnich Ioſa gu 'n raibh toil aca fheòraich dheth, agus a dubhairt sè riu, Am bheil ſibh feòraich 'n ar meaſg fein mar a dubhairt mi, Tamull beag agus cha 'n fhaic ſibh mi: agus a-rìs, tamull beag agus chi ſibh mi? Gu deimhin, deimhin a deirim ribh, gu 'n dean ſibhſe gul agus caoidh, ach ni 'n ſaoghal gàirdeachas: agus bithidh ſibhſe do-bhònach, ach pillear bhur bròn gu gàirdeachas. 'N uair a bhios bean re ſaothair-chloinne, bithidh ſi fa dhoilgheas, chionn gu bheil a h uair air teachd: ach 'n uair bheireas i 'n leanabh, cha chuimhnich i a h àmhghar ni 's mò, tre aoibhneas gu 'n d' rugadh duine chum an t ſaoghail. Agus ata 'noiſe uime ſin doilgheas oirbhſe: ach chi mis' a-rìs ſibh, agus ni bhur croidhe gàirdeachas, agus bhur gàirdeachas cha bhuin neach air bith uaibh.

## An ceathramh Domhnach an deigh Chaiſg.

### *An Urnuigh.*

ODhe uile chumhachdaich, ata amhain comaſach air ainmiana agus toil mhi-riaghailteach dhaoine peacach a thoirt gu gèil; Deonuich do d' phobull, gu 'n gràdhaich iad a' nì ata thu 'g iarruidh, agus gu miannuich iad a' nì ata thu gealltuin; ionnas a' meaſg caochlaidh lionmhor eagſamhla an t ſaoghail, gu 'm bi ar cridheachan ann ſin gu daingean air an ſuidheachadh, far am bheil fior ghairdeachas ri fhaghail, trid Ieſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

### *An Litir.* Sheum. i. 17.

'TA gach uile dheadh thabhartas, agus gach uile thiodhlac' iomlan o'n àird', a' teachd a nuas o Athair na ſoillſe, maille ris nach 'eil atharrachadh, no ſgàile tionndaidh. O

thoil

thoil fein ghin è ſinn le focal na fìrinn, chum gu'm bitheamaid 'n ar gne cheud-toraidh d'a chreatuiribh. Uime ſin, mo bhráithre grádhach, biodh gach uile dhuine ealamh chum eiſdeachd, mall chum labhairt, mall chum feirge: Oir cha 'n oibrich fearg duine fìreantach Dhe. Uime ſin cuiribh uaibh gach uile ſhalchar, agus iomaduigh mi ruin, agus gabhaibh d'ar ionnſuidh le macantas am focal a 'ta air a ſhuidheachadh annaibh, a 'ta comaſach air bhur n anama ſhàbhaladh.

*An Soiſgeul.* Ioin. xvi. 5.

DUbairt Joſa r'a deiſciobuil, a nois' ata mi dol chum an ti chuir uaithe mi, agus cha n 'eil a h aon agaibhs' a' feòraich dhiom, C' àit' tha thu dol? Ach air ſon gu 'n dubhairt mi na nithe ſo ribh, lion do-bròn bhur croidhe. Gidheadh ata mi 'g innſeadh dhuibh na fìrinn; Is buannachd dhuibh miſe a dh' fhalbh: oir mur falbh mi, cha d' thig an Comh-fhurtoir d' ar ionnſuidh-ſe; ach ma dh' fhalbhas miſe, cuiridh mi eiſean d' ar ionnſuidh. Agus 'n uair a thig eiſean, bheir è dearbh-ſhoilleireachd do 'n t ſaoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheamas: Mu pheacadh, do bhri' nach 'eil iad a' creidſin ionnam-ſa; Mu fhìreantachd, do bhri' gu bheil miſe dol a dh' ionnſuidh m' Athar, agus cha 'n fhaic ſibh ni 's mò mi; Mu bhreitheamas, air ſon gu bheil uachdaran an t ſaoghail ſo air a dhìteadh. 'Ta mòran nithe agam fòs re radh ribh, ach cha 'n urradh ſibh an guilan an trà'-ſa. Ach 'n uair a thig eiſean, Spiorad na fìrinn, treòraichidh è ſibh chum gach uile fhìrinn: oir cha labhair è uaithe fein; ach labhraidh sè na h uile nithe a chluinneas è: agus foillſichidh sè dhuibhſe nithe a 'ta re teachd. Bheir eaſean ghòir dhamh-ſa: oir gheibh sè do 'm chuid ſe, agus nochdaidh sè dhuibhſe è. Gach uile nithe a 'ta aig an Athar, is leamſa iad: air an adhbhar ſo a dubhairt mi, gu 'm fuigh sè do m' chuid-ſa, agus nochdaidh sè dhuibhſe è.

An

## An cuigeamh Dòmhnach an deigh Chaiſg.

*An Urnuigh.*

O Tighearna, o 'm bheil gach uile nithe maith a' teachd; deonuich dhuinne do ſheirbheiſich umhla, gu 'n ſmuaintich ſinn le deachtadh do Spioraid naoimh, air na nithibh ſin ata maith, agus le d' ſtiùradh tròcaireach gu 'n cuir ſinn an gniomh an nì ceudna, trid ar Tighearn Joſa Crioſd. Amen.

*An Litir.* Sheum. i. 22.

ACh bithibhſe 'n ar luchd chur-ann-gniomh an f hocail, agus ni b' ann 'n ar luchd-eiſdeachd amhàin, 'g ar mealladh fein. Oir ma 'ta neach air bith 'n a f hear-eiſdeachd an f hocail, agus ni h ann 'n a f hear-deanamh *d'a reir*, is coſmhuil è re duine a 'ta 'g amharc air aghaidh nàdurra fein ann an ſgàthan: Oir bheachdaich sè air fein, agus dh' imich è roimhe, agus dhi-chuimhnich sè air ball ciod an cos'las duin' a bh' ann fein. Ach ge b'è bheachdaicheas gu dùrachdach air lagh diong'alta na ſaorſa, agus a bhuanaicheas *ann*; gun è bhi 'n a f hear-eiſdachd dearmadach, ach 'na f hear-deanamh na h oibre, bithidh an duine ſo beannuichte 'na dheanadas. Ma ſhaoileas neach air bith 'n ar meaſg gu bheil è diadhuidh, gun bhi cur frèin r'a theangaidh, ach a' mealladh a chroidhe fein, is diomhaoin diadhachd an duine ſo. 'S i ſo an diadhachd f hiorghlan agus neo-ſhalach am fia'nais De agus an Athar, dìleachda agus ban-tr'acha fhioſrachadh 'n an triobloid, *agus* neach 'g a choimhead fein gun ſmal o'n t ſaoghal.

*An Soiſgeul.* Ioin xvi. 23.

GU deimhin, deimin a deirimh ribh, Ge b'è nithe dh iarras ſibh air an Athair ann m' ainm-ſe, gu 'n toir sè dhuibh iad. Gus a ſo cha d' iar ſibh ni air bith a' m' ainm-ſe: iarraibh, agus

agus gheibh ſibh, chum as gu 'm bi bhur n aoibhneas lán. Na nithe ſo labhair mi ribh am briathraibh dorch' : ach thig an uair ann s nach labhair mi ni 's mò ribh am briaithraibh dorch', ach innſidh mi gu ſoilleir mu 'n Athair dhuibh. Ann ſan lá ſin iarraidh ſibh a' m' ainm-ſe : agus cha 'n 'eil mi 'g radh ribh, gu 'n guidh mi an t Athair air bhur ſon : Oir is toigh leis an Athair fein ſibh, air ſon gu 'n d' thug ſibh gràdh dhamh-ſa, agus gu 'n do chreid ſibh gu 'n d' thainig mi o Dhia. Thainig mi amach o'n Athair, agus tha mi air teachd chum an t ſaoghail : a-rìs, ata mi fágail an t ſaoghail, agus a' dol chum an Athar. Deir a dheiſciobuil ris, Fèuch, a noiſe 'ta thu labhairt gu ſoillier, agus cha 'n 'eil thu labhairt coſamhlachd air bith. Nois' ata cinnt againn gur aithne dhuit na h uile nithe, agus nach feum thu duine air bith a dh' fheòraich dhiot : air a ſhon ſo 'ta ſinn a' creidſin gu'n d' thainig thu o Dhia. Fhreagair Joſa iad, Am bheil ſibh 'noiſe creidſin ? Fèuch thig an uair, ſeadh, ata i cheana air teachd, ann s an ſgapar o chèile ſibh, gach aon g'a ionad fein, agus fágaidh ſibh miſe a'm' aonar : ach gidheadh cha 'n 'eil miſe a'm' aonar, oir ata an t Athair maille rium. Na nithe ſo labhair mi ribh, chum gu'm biodh sìth agaibh ionnamſa. Ann ſan t ſaoghal bithidh triobloid agaibh : ach biodh agaibh deadh mhiſneach, thug miſe buaidh air an t ſaoghal,

---

## La 'n Deaſghabhail.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, deonuich ata ſinn a' guidhe ort, amhail mar ata ſin a' creidſin gu 'n deach t-aonghinn Mhic Joſa Crioſd ar Tighearna ſuas gus na neamha ; gu 'n d' theid ſinn-ne ſuas do 'n ionad cheudna ann an cridhe agus ann inntin, agus gu 'n gabh ſinn do ghna comhnuidh maille ris-ean, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa, agus ris an Spiorad naomh, aon Dia ſaoghal gun chrìch. Amen.

*Air*

*Air ſon na Litir.* Gniomh. i. 1.

DO rinn mi an ceud leabhar, a Theophilus, timchioll nan uile nithe a thionnſgain Joſa a dheanamh agus a theagaſg, gus an là an do thogadh ſuas è, taireis da, trìd an Spioraid naoimh, átheanta a thabhairt do na h abſtolaibh a thagh è. D' an d' rinn sè mar an ceudna è fein a nochdadh beo taireis fhulangais, le mòran do chomharthaibh fìrinneacha, air fhaiſin leo feadh dhá fhichead laethe, agus è labhairt mu na nithibh ſin a bhuineadh do rioghachd Dhe: Agus air bhi dha maille riu, dh' àithn è dhoibh gun iad a dhol o Hierufalem, ach feitheamh re gealladh an Athar, *deir sè*, a chuala ſibh uamſa. Oir bhaiſt Eoin gu deimhin le h uiſge; ach baiſtear ſibhſe leis an Spiorad naomh, air bheag do laithibh ann diaigh ſo. Uime ſin air cruinneachadh dhoibh ann ceann a chèile, dh'fheòraich iad deth, ag radh, A Thighearna, an aiſig thu ſan àm ſo an rioghachd do Iſrael? Ach a dubhairt sè riu, cha bhuin è dhuibhſe fios nan aimſire no nan ſeuſona fhaghail, a chuir an t Athair 'n a chumhachd fein. Ach gheibh ſibhſe cumhachd 'n uair a thig an Spiorad naomh oirbh: agus bithidh ſibh 'n ar ſia'naiſibh dhamh-ſa, araon ann Jeruſalem, agus ann Judea uile, agus ann Samaria, agus gu leith iomall na talmhain. Agus 'n uair a dubhairt è na nithe ſo, thogadh ſuas è, agus thug nèul as an ſealladh è. Agus am feadh bha iadſan a' geur-amharc gu neamh, agus eiſean a' dol ſuas, fèuch, ſheas dias dhaoine ann eadach geal làimh riu; muintir a dubhairt fòs, Fheara na Gaililee, c'ar ſon atá ſibh 'n ar ſeaſamh ag amharc gu neamh? An t Joſa ſo a thogadh ſuas uaibh gu neamh, is amhuil ſin a thig sè, mar a chunnairc ſibh è a' dol gu neamh.

*An Soiſgeul.* Marc. xvi. 14.

ANn diaigh ſin nochdadh Joſa do 'n aon-fhear-deug, agus iad 'n an ſuidhe aig biadh, agus thilg è orra am mi-chreidimh, agus an cruas-croidhe, chionn nach do chreid iad iadſan a chunnaic è taireis da eirigh. Agus a dubhairt ſè riu, Im'ichibh air feadh an t ſaoghail uile, agus ſearmonaichibh an ſoiſgeul do gach uile chreatuir. Ge b'è chreideas agus a bhaiſtear, bithidh ſè air ſhàbhaladh; ach ge b'è nach creid, dammar è. Agus leanaidh na comharthaidh ſo 'n dream a chreideas: Ann am ainm-ſe tilgidh ſiad amach deamhain; labhraidh ſiad le

le teangaibh nuadha ; Togaidh ſiad naithreacha nimhe ; agus ma dh'òlas iad ni air bith marbhtach, cha chiur ſè iad ; cuiridh ſiad an làmhan air daoinibh tinne, agus bithidh ſiad gu maith. Mar ſin taireis do 'n Tighearna laibhairt riu, ghabhadh ſuas gu neamh è, agus ſhuidh ſè air deas làimh Dhe. Agus air dhoibh-ſin dol amach, ſhearmonaich iad ann s gach uile àite, air bhi do 'n Tighearn' a' comh-oibreachadh leo, agus a' daingneachadh an fhocail leis na comharthaibh a lean è.

## An Dòmhnach an deigh la na Deaſghabhail.

*An Urnuigh.*

O Dhe, a Righ na glòire, a thog ſuas t-aon Mhac Joſa Crioſd le mòr chaithream-buaigh a dh' ionnſuidh do nioghachd air neamh ; guidheamaid ort na fàg gun cho'fhurtach ſinn ; ach cuir d' air n-ionnſuidh do Spiorad naomh a thoirt ſòlais dhuinn, agus tog ſuas ſinn a chum an àite cheudna gus an deachuidh ar ſianui'fhear Crioſd romhainn, ata beo agus a riaghlucha' maille riutſa, agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

*An Litir.* 1 Phead. iv. 7

ATa crioch nan uile nithe am fogus : uime ſin bithibh meaſarra, agus deanaibh faire chum ùrnuigh. Agus roimh gach uile nithe biodh agaibh teas-ghràdh d'a chèile : oir cuiridh gràdh folach air mòran pheacanna. Thugaibh aoidheachd d'a chèile gun mhonmhor. Reir mar a fhuair gach aon an tiodhlac', *mar ſin* deanaibh miniſtreileachd d'a chèile, mar dheadh ſtiùbhardaibh air gràs eagsamhuil De. Ma labhras neach ſam bith, *labhradh è* mar òracla Dhe ; ma 'ta neach ſam bith re miniſtreileachd, *deanadh è i* mar o 'n chomas a bheir Dia dha : chum gu 'm bi Dia air a ghlòrachadh ann ſna h' uile nithibh trìd Joſa Crioſd ; dha-ſan gu raibh glòir agus cumhachd gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

An

*An Soiſgeul.* Ioin xv. 26. *agus cuid do'n* xvi.

'NUair a thig an Comh fhurtoir, a chuireas miſe d'ar ionnſuidh o'n Athair, Spiorad na fìrinn, a tha teachd amach o'n Athair, ni eiſean fia'nais mu m' thimchiollſa. Agus ni ſibhſe ſia'nais mar an ceudna, do bhri' gu bheil ſibh maille rium o thùs. Na nithe ſo labhair mi ribh, chum nach fuigheadh ſibh oilbheum. Cuiridh iad as an t ſionagog ſibh: ſeadh, thig an uair, ge b'è neach a mharbhas ſibh, gu 'n ſaoil è gu bheil è deanamh ſeirbheis do Dhia. Agus ni iad na nithe ſo dhuibh, do bhri' nach b' aithne dhoibh an t Athair, no miſe. Ach dh' innis mi na nithe ſo dhuibh chum 's 'n uair a thig an t àm, gu 'n cuimhnich ſibh gu 'n d' innis miſe dhuibh iad.

## Dòmhnach na Cuingis.

*An Urnuigh.*

A Dhe, a theagais croidheachan do phobuil fhìrinich fein, le ſolus do Spiorad naomh a chur d' an ionnſuidh mar air an àm ſo; deonuich dhuinn leis an Spiorad cheudna breath'anas ceart do bhi againn ann 's gach uile nì, agus gairdeachas gu brath do dheanamh 'n a cho'fhurtachd naomh-ſan, trid toiltinis Joſa Crioſd ar ſlanu'fhear, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa, ann aonachd an Spioraid cheudna, aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

*Air ſin na Litir.* Gniomh ii. 1.

'NUair a bha là na cuingis gu h iomlan air teachd, bha iad gu lèir a dh'aon inntin ann aon àite. Agus thainig gu h obann toirm o neamh, mar ſhèideadh gaoithe ro-thrèin, agus lion i an tigh uile far an raibh iad 'n an ſuidhe. Agus dh' foillſicheadh dhoibh teangaidh ſgoilte, mar do theine, agus ſhuidh è air gach aon aca fa leth: Agus lionadh iad uile leis an Spiorad naomh agus thòſaich iad air labhairt le teangaibh eile, a reir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh. Agus

† bha

bha iad a' gabhail comhnuidh ann Jerusalem, Judhaich, daoine cràbhach do gach uile chinneach fuidh neamh. 'Noise 'n uair a sgaoileadh an sgeul' so thainig an sluagh an ceann a chèile, agus iad fuidh amhluadh, do bhri' gu 'n cuala gach aon iad a' labhairt 'n an cànmhuin fein. Agus bha iad uile fuidh ua'bhas agus ghabh iad iongantas, ag radh r'a chèile, Feuch, nach Galileanaich iad sin uile a 'ta labhairt? Agus ciomnas ata sinne 'g an cluinntin gach aon ann ar cànmhuin fein, ann s an d'rugadh sinn? Partich, agus Medich, Elamitich, agus luchdàiteachadh Mhesopotamia, Judea, agus Chappadocia, Phontuis, agus Asia, Phrigia, agus Phamphilia, na h Eipht, agus chriocha na Libia, timchioll Chirene, agus coigrich o'n Ròimh, Judhaich agus Proselitich, Muintir Chrete, agus Arabia, ata sinn 'g an cluinntin a' labhairt 'n ar teangaibh fein gniomhartha mòrdhalacha Dhe.

*An Soisgeul.* Ioin xiv. 15.

DUbhairt Iosa r'a dheisciobuil, ma 's toigh libh mise, coimheadaibh m' àitheanta. Agus guidhidh mise a t Athair, agus bheir è dhuibh Comh-fhurtoir eile, chum 's gu fan è do ghnà' maille ribh; Spiorad na fìrinn, neach nach urradh an saoghal a ghabhail, do bhri' nach 'eil è 'g a fhaicsin, agus nach aithne dha è: ach is aithne dhuibhse è, oir ata sè fantuin maille ribh, agus bithidh sè ionnaibh. Cha 'n fhàg mi sibh 'n ar dìlleachdaibh; thig mi d'ar ionnsuidh. Tamull beag fòs, agus cha 'n fhaic an saoghal mi tuilleadh; ach chi sibhse mi: do bhri' gu bheil mise beo, bithidh sibhse beo mar an ceudna. Ann san là sin bithidh fios agaibh gu *bheil* mise ann m' Athair, agus sibhse ionnamsa, agus mise ionnaibhse. An ti aig am bheil m' àitheanta-sa, agus ata 'g an coimhead, is eisean aig am bheil gràdh dhamh-sa: agus an ti aig am bheil gràdh dhamh-sa, gràdhaichear le m' Athair è, agus gràdhaichidh mise è, agus foillsichidh mi mi fein da. Deir Judas (ni h è Iscariot) ris A Thighearna, ciomnas ata è tachairt gu 'm foillsich thu thu fein dhuinne, agus nach *dean thu sin* do 'n t saoghal? Fhreagair Iosa agus a dubhairt sè ris, Ma ghràdhaicheas neach mise, coimheadaidh sè m' fhocal: agus gràdhaichidh m' Athair eisean, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn comhnuidh maille ris. An ti nach gràdhaich mise, cha choimhid è mo bhriathra: agus am focal ata sibh a' cluinntin, cha leamsa è, ach leis an Athair

a chuir uaithe mi. Na nithe ſo labhair mi ribh, air dhamh bhi m' chomhnuidh maille ribh: Ach an Comh-fhurtoir, an Spiorad naomh, a chuireas an t Athair uaithe a' m' ainmſe, teagaiſgidh eiſean dhuibh na h uile nithe, agus cuiridh sè 'n cuimhne dhuibh na h uile nithe a labhair miſe ribh. 'Sa mi fàgail sìth agaibh, mo ſhìths' ata mi toirt duibh: cha 'n ann mar a bheir an ſaoghal ata miſe toirt duibh. Na biodh bhur croidhe ſuidh thriobloid, agus na biodh eagal air. Chuala ſibh mar a dubhairt mi ribh, Tha mi falbh, agus thig mi *a-ris* d'ar ionnſuidh. Nam biodh gràdh aguibh dhamh-ſa, bhiodh aoibhneas oirbh, do bhri' gu' n dubhairt mi, Ata mi dol chum an Athar: oir is mò m' Athair na miſe. Agus a noiſe dh' innis mi dhuibh ſ roimh dha teachd gu chrìch, chum's 'n uair a thig è gu crìch, gu creideadh ſibh. A ſo ſuas cha labhair mi mòran ribh: oir ata uachdaran an t ſaoghail ſo a' teachd, agus cha 'n 'eil ni air bith aige ionnamſa. Ach a chum's gu 'm bi fios aig an t ſaoghal gur ionmhuinn leam an t Athair; agus mar a thug an t Athair àithne dhamh, mar ſin ata mi a' deanamh.

---

## Dia luain ann Seachd'uin na Caingis.

### *An Urnuigh.*

ADhe, a theagais croidheachan do phobuil fìrinich fein, lè ſolus do Spiorad naomh a chur d' an ionnſuidh mar air an àm ſo; deonuich dhuinn leis an Spiorad cheudna breath'anas ceart do bhi againn ann 's gach uile nì, agus gairdeachas gu brath do dheanamh 'n a cho'fhurtachd naomh-ſan, trid toiltinis an Crioſd Joſa ar ſlanu'fhear; ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa, ann aonachd an Spiorad cheudna, aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

### *An Litir.* Gniomh x. 34.

DH'fhoſgail Peadar a bheul, agus a dubhairt sè, Gu fìrinneach ata mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearſaibh ſeach a chèile: Ach ann s gach uile chinneach, ata an neach air am bheil eagalſan, agus a 'ta 'g oibreacadh

cadh fireantachd, taitneach aige. Am focal a chuir Dia gu clann Iſraeil, a' ſearmonachadh sìth tre Joſa Crioſd (is eiſean Tighearna nan uile) Am focal ſin is aithne dhuibh, a ſgaoileadh air feadh tìr' Judea uile, agus a thionnſgain o'n Ghalilee, ann diaigh a' bhaiſdidh a ſhearmonaich Eoin : Cionnas a dh'ung Dia Joſa o Naſaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd ; neach a chuaidh m'an cuairt a' deanamh maith, agus a' ſlanuchadh gach uile a bha air am foireigneachadh leis an diabhol : oir bha Dia maille ris. Agus ata ſinne 'n ar fia'naiſibh air na h uile nithibh a rinn è faraon ann an tìr nan Judhach, agus ann Jeruſalem ; neach a mharbh iad 'g a chrochadh air crann : Eiſean thog Dia ſuas air an treas là, agus nochd sè è gu follaſach. Cha 'n ann do 'n t ſluagh uile, ach do fhia'naiſibh, a thaghadh le Dia roimh làimh, *eadhon* dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris ann diaigh dha eirigh o na marbhaibh. Agus dh'àithn è dhuinne ſearmonachadh do'n t ſluagh, agus fia'nais a dheanamh gur eiſean a dh'òrduicheadh le Dia 'n a bhreitheamh air bheothaibh agus air mharbhaibh. Dha-ſa tha na fàidhean uile a' toirt fia'nais, gu'm fuigh gach uile neach a chreideas ann maitheanas 'n am peacadh trìd ainm-ſin. Am feadh a bha Peadar fòs a' labhairt nam briathra ſin, thuirling an Spiorad naomh orra-ſan uile a chual' am focal. Agus ghabh na creidmhich do'n timchioll-ghearradh, a mhèud diubh 's a thainig maille re Peadar, iongantas mòr, do bhri' gur dhòirteadh air na cinneachaibh fòs tiodhlac' an Spioraid naoimh. Oir chuala ſiad iad a' moladh Dhe. Ann ſin fhreagair Peadar, am feud neach ſam bith uiſge a thoirmeaſg, chum nach rachadh iad ſo a baiſteadh, a fhuair an Spiorad naomh, co'-maith ruinne ? Agus dh' òrduich sè iad a bhi air am baiſteadh ann ainm an Tighearna. Ann ſin ghuidh iad air fantuin *maille riu* làithe' àraidh.

*An Soiſgeul.* Ioin iii. 16.

OIr is mar ſin a ghradhaich Dia an ſaoghal, gu'n d' thug è aon-ghin Mhic ſein, chum's ge b'è neach a chreideas ann nach rachadh a ſgrios, ach gu 'm biodh a' bheatha ſhiorruidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t ſaoghal, chum gu 'n diteadh è 'n ſaoghal ; ach a chum gu 'm biodh an ſaoghal air a ſhàbhaladh trìdſin. An ti a chreideas ann, cha dìtear è ; ach an ti nach creid *ann*, ata ſè air a dhìteadh cheana, chionn nach do creid è ann ainm aoin-ghin Mhic Dhe. Agus is è ſo

an

an damnadh, g u'n d' thainig ſolus do 'n t ſaoghal, agus gu 'n do ghràdhaich daoine an dorchadas ni 's mò na 'n ſolus, air ſon gu'n raibh an gniomhartha olc. Oir gach uile neach at 'a deanamh uilc, 'ta è toirt fuath do 'n 't ſolus, agus cha 'n 'eil è teachd chum an t ſoluis, an t eagal gu 'm biodh oibridh air an cronachadh. Ach an ti a ni 'n fhìrinn, thig è chum an t ſoluis, chum 's gu 'm bi oibre follaſach, gur an Dia a rinneadh iad.

## Dia-mairt ann Seachd'uin na Caingis.

### *An Urnuigh.*

A Dhe, a theagais croidheachan do phobuil fìrinich fein, le ſolus do Spiorad naomh a chur d' an ionnſuidh mar air an àm ſo; deonuich dhuin leis 'an Spiorad cheudna breath' anas ceart do bhi againn ann 's gach uile nì, agus gairdeachas gu brath do dheanamh 'n a cho'fhurtachd naomh-ſan, trid toiltinis Crioſd Joſa ar ſlanu'fhear, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa, ann aonachd an Spiorad cheudna, aon Dia, ſaoghal gun chrìch. Amen.

### *Air ſon na Litir.* Gniomh. viii. 14.

'NUair a chuala na h abſtoil a bha an Jeruſalem, gur ghabh Samaria focal De, chuir iad d' an ionnſuidh Peadar agus Eoin: Agus air dol ſios dhoibh, ghuidh iad air an ſon gu 'm fuigheadh iad an Spiorad naomh (Oir cha d' thainig è fòs a nuas air a h aon aca: ach amhain bhaiſteadh iad ann ainm an Tighearna Joſa) Ann ſin chuir iad *an* làmhan orra, agus fhuair iad an Spiorad naomh.

### *An Sciſgeul.* Ioin x. 1.

GU deimhin, deimhin a deirim ribh, An ti nach d' theid a ſtigh tre 'n dorus do chrò nan caorach, ach a theid ſuas air ſheol eile, is gàduiche agus fear-reubainn eiſean. Ach an ti

ti a theid a ſteach air an dorus, is eiſean buachaille nan caoraich. Dha-ſan foſglaidh an dorsfhear; agus eiſdidh na caoraich r'a ghuth: agus goiridh sè chaoraich fein air an ainm, agus treòraichidh sè mach iad. Agus 'n uair a chuireas è 'mach a chaoraich fein, im'ichidh sè rompa, agus leanaidh na caoraich è: oir is aithne dhoibh a guth. Agus cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaithe: do bhri' nach aithne doibh guth choigreach. An coſamhlachd ſo labhair Joſa riu: ach cha do thuig iadſan creud iad na nithe labhair è riu. Ann ſin a dubhairt Joſa riu a-rìs, Gu deimhin, deimhin a deirim ribh, gur miſe dorus nan caorach. Iadſan uile a thainig romhamſa, is gaduichean agus luchd-reubainn iad; ach cha d' eiſd na caoraich riu. Is miſe an dorus ma theid neach air bith ſteach triomſa, ſàbhalar è, agus theid è ſteach agus a mach, agus gheibh sè ionaltradh. Cha d' thig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhilleadh: thainig miſe chum's gu 'm biodh beatha aca, agus gu 'm biodh *i* aca ni 's pailte.

## Dòmhnach na Trionaid.

### *An Uirnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a thug gràs dhuinne do ſheirbheiſich, le aidmheil an f'hior chreidimh, glòir na Trionaid ſhiorruidh aid'eacha', agus an cumhachd na Mòrachd dhiaghaidh ag adhradh an' aonachd; guidheamid ort gu 'n gleidheadh tu ſinn gu bunailteach ann ſa' chreidimh ſo, agus dion ſinn gu brath o gach uile amhghar, o's tu-ſa ata beo agus a' riaghladh aon Dia, ſaoghal gun chrìch, Amen.

### *Air ſon na Litir.* Foill. iv. 1.

ANn diaigh ſo dh' amhairc mi, agus fèuch, *bha* doras foſgailte air neamh; agus *bha* an ceud ghuth a chuala mi, mar *fhuaim* trompoid a' labhairt rium, ag radh, Thig a nìos ann ſo, agus nochdaidh miſe dhuit nithe a's eigin tachairt ann diaigh ſo. Agus air ball bha mi ſan Spiorad: agus fèuch, bha righ-

righ-chaithir air a ſuidheachadh air neamh, agus bha neach 'n a ſhuidhe air a' chaithir. Agus bha an ti a ſhuidh, re amharc air, coſmhuil re cloich Iaſpis agus Shardis: agus *bha* boghafrois timchioll na righ-chaithreach mu 'n cuart, coſmhuil r'a fhaicſinn, re Emerald. Agus tiomchioll na righ chaithreach bha ceithir chaithriche fichead; agus air na caithrichibh chunnairc mi ceithir ſeanoiridh fichead 'n an ſuidhe, air an ſgeadachadh ann an culaidhibh geala; agus bha aca air an cinn corona òir. Agus chuaidh amach as an righ-chaithir dealanaich, agus tairneanach, agus guthanna: agus *bha* ſeachd lòchrainn theine a' dearg laſadh am fia'nais na righ-chaithreach, nithe a's iad ſeachd ſpiorada Dhe. Agus roimh an righ-chaithir *bha* fairge ghloine coſmhuil re crioſtal: agus ann am meadhon na righ-chaithreach, agus mu 'n cuairt do' n righ-chaithir *bha* ceithir bheathaiche làn do ſhùilibh air am beul thaobh agus air an cùl-thaobh. Agus *bha* an ceud bheathach coſmhuil re leòmhan, agus an dara beathach coſmhuil re laogh, agus bha aig an treas beathach aghaidh mar dhuine, agus bha an ceathramh beathach coſmhuil re iolair ag itealaich. Agus bha aig na ceithir bheathaichibh, gach aon aca fa leith, ſea ſgiathan mu 'n cuart da, agus *bha* iad làn do ſhùilibh 'n taobh a ſtigh; agus ni' n ſguir iàd a là no dh' oidhche, ag radh, Naomha, naomha, naomha, an Tighearna Dia uile-chumhachdach, neach a bha. agus a 'ta, agus a bhitheas. Agus 'n uair a thug na beathaiche ſin glòir, agus onoir, agus buidheachas do 'n ti a bha 'n a ſhuidhe air àn righ-chaithir, neach a 'ta beo gu ſaoghal nan ſaoghal, thuit na ceithir ſeanoiridh fichead ſios ann làthair an ti a bha 'n a ſhuidhe air an righ-chaithir, agus rinn iad àdhradh dha-ſan a 'ta beo gu ſaoghal nan ſaoghal, agus thilg iad ſios an corona ann làthair na righ-chaithreach, ag radh, is airidh thuſa a Thighearna, air glòir, agus onoir, agus cumhachd fhaghail: oir chruthaich thu na h uile nithe, agus air ſon do thoil-ſe 'ta iad, agus chruthaicheadh iad.

*An Soiſgeul.* Eoin iii. 1.

BHa duine do na Phairſichibh, d' am b' ainm Nicodemus, *a bha* 'n a uachdaran air na h Judhachaibh: Thainig eiſean chum Joſa ſan oidhche, agus a dubhairt fè ris, A mhaighiſdir ata fhios againne gur fear-teagaiſg thu a thainig o Dhia: oir cha 'n urradh duin' air bith na niorbhuile ſo dheanamh, a'ta thus' a' dheanamh mur bhi Dia maille ris. Freagair Joſa agus a dubhairt

fè

ſè ris, Gu deimhin, deimhin a deirim riut, mur beirthear duine a-rìs, nach fheudar leis rioghachd Dhe fhaicſin. A dubhairt Nicodemus ris, Cionnas a dh' fheudas duine bhi air a breith 'n uair ata ſè noſda ? am bheil è comaſach air dol a ſtigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus bhi air a bhreith ? Fhreagair Joſa, Gu deimhin, deimhin a deirim riut, mur bi duine air a bhreith o uiſge, agus o'n Spiorad, cha 'n urradh è dol a ſtigh do riogachd Dhe. An ni ſin a 'ta air a bhreith o'n fheoil, is feoil è ; agus an ni ſin at 'a air a bhreith o'n Spiorad, is ſpiorad è. Na gabh iongantas gu 'n dubhairt mi riut, Is eigin duibh bhi air bhur breith a-rìs. 'Sa ghaoth a' ſèideadh far an àill leatha, agus ata thus' a' cluinntin a fuaim, ach ni 'm bheil fhios agad co as ata i teachd, no c' àit' ata i dol : is ann mar ſin ata gach neach a 'ta air a bhreith o'n an Spiorad. Fhreagair Nicodemus agus a dubhairt ſè ris, Cionnas a dh' fheudas na nithe ſo bhi ? Fhreagair Joſa agus a dubhairt ſè ris, Am bheil thus' a' d' fhear-teagaiſg ann Iſrael, agus nach aithne dhuit na nithe ſo ? Gu deimhin, deimhin a deirim riut, gu bheil ſinne a' labhairt a' ni a 's fios duinn, agus a' toirt ſia'nais air an ni ſin a chunnaic ſinn ; agus cha ghabh ſibh ar ſia'nais ne. Ma dh'innis mi dhuibh nithe talmhaidh, agus nach creid ſibh, cionnas a chreideas ſibh ma dh' innſeas mi dhuibh nithe neamhaidh ? Agus cha deachaidh aon neach ſuas gu neamh, ach an ti a thainig a nuas o neamh, *eadhon* Mac an duine a 'ta air neamh. Agus mar a thog Maois ſuas an naithir ſan fhàſach, is ann mar ſinn is eigin do Mhac an duine bhi air a tho'gail ſuas : Chum's ge b'è neach a chreideas ann, nach rachadh a ſgrios, ach gu 'm biodh a' bheatha mhairtheanach aige.

## An ceud Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe is tu neart gach neach ata cur an dòchas ann-ad ; gabh gu tròcaireach r' ar n-urnuigh : agus do bhri, tre anmhuineachd ar natuir bàſmhor, nach urain ſinn nì maith air bith a dheanamh as t-eugmhais, deonuich dhuinn comhnadh do ghràis ; chum an coimhid t-aitheanta, gu 'n toilich ſinn ù

naòn ann toil agus an' gniomh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Ioin. iv. 7.

A Mhuintir ionmhuinn, gràdhaicheamaid a cheile: oir is ann o Dhia tha 'n gràdh; agus gach uile neach a ghràdhaicheas, ghineadh o Dhia è, agus is aithne dha Dia. An ti nach gràdhaich, ni h aithne dha Dia; oir is gràdh Dia. Ann ſo dh' f hoillſichcheadh gràdh Dhe dhuine, do bhri' gu 'n do chuir Dia aon-ghin Mhic do'n t ſaoghal chum gu 'm bitheamaid-ne beò trìd ſin. Ann ſo 'ta gràdh, ni h è gu 'n do ghràdhaich ſinne Dia, ach gu 'n do ghradhaich eiſean ſinne, agus gu'n do chuir è a Mhac fein *chum bhi* 'n a ìobairt-rèitich air ſon ar peacaidh-ne. A mhuintir ionmhuinn, ma ghràdhaich Dia ſinne mar ſin, tha dh' f hiachaibh oirne chèile a ghràdhachadh mar an ceudna. Cha 'n f haca neach air bith Dia riamh. Ma ghràdaicheas ſinn a chèile, tha Dia 'n a chomhnuidh annainn, agus ata a ghràdh air a dheanamh foirſe annainn. O ſo is aithne dhuinn gu bheil ſinne 'n ar comhnuidh annſan, agus eiſean annainne, do bhri' gu'n d' thug è dhuinn d'a Spiorad. Agus chunnairc ſinn, agus tha ſinn a' deanamh fia'nais, gu'n do chuir an t Athair am Mac uaithe *chum bhi* 'n a Shlànui'-f hear an domhain. Ge b'è neach a dh' aidmhicheas gur è Joſa Mac Dhe, tha Dia 'n a chomnuidh annſan, agus eiſean ann Dia. Agus dh' aithnich ſinne agus chreid ſinn an gràdh a 'ta aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia; agus an ti a 'ta fantuinn ann gràdh, 'ta è 'n a chomhnuidh ann Dia, agus Dia ann-ſan. Ann ſo tha ar gràdh-ne air a dheanamh coi'-lionta, chum's gu'm bi againn dànachd ann là a' bhreitheanais: do bhri' mar a tha eiſean, gur amhuil ſin tha ſinne ſan t ſaoghal ſo mar an ceudna. Ni bheil eagal ann an gràdh; ach tilgidh gràdh diongmhalta an t eagal amach: do bhri' gu bheil pian ſan eagal: an ti a 'ta eaglach, cha d' rinneadh coi'-lionta' ann an gràdh è. Tha gràdh againne dha-ſan, do bhri' gur ghràdhaich eiſean ſinn ann toiſeach. Ma deir neach, Tha gràdh agam do Dhia, agus fuath aige d'a bhrathair, is breugoir' è: oir an ti nach gràdhaich a bhràthair a chunnaic è, cionnas a dh' f heudas è Dia nach fac' è, a ghràdhachadh? Agus an àithne ſo 'ta againn uaithe-ſin. An ti ghràdhaicheas Dia, gu' n gràdhaicheadh è a bhràthair mar an ceudna.

*An Soiſgeul.* Luc. xvi. 19.

BHA duine ſaibhir àraidh ann, a bha air a ſgeudachadh le purpuir agus lion-eadach grinn, *agus bha è* caitheamh a bheatha gach lá gu ſòghail le mòr-ghreadhnachas. Agus bha duine bochd áraidh ann, d' am b'ainm Laſarus, a chuireadh 'n a luidhe aig a dhorus, lán do chreuchdaibh, agus bu mhiann leis bhi air a ſhàſuchadh leis a' phronn bhiadh a bha tuiteam o bhòrd an duine ſhaibhir: tuilleadh eile, thainig na madraidh agus dh' imlich ſiad a chreuchda. Agus tharladh gu 'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu 'n do ghiulaineadh leis na h ainglibh è gu uchd Abraham: fhuair an duine ſaibhir bàs mas an ceudna, agus dh' adhlaiceadh è. Agus ann an ifrionn thog è ſuas a ſhùile, air dha bhi ann am piantaibh, agus chunnaic è Abraham fada uaithe, agus Laſarus 'n a uchd. Agus ghlaodh è, agus a dubhairt ſè, Athair Abraham, dean tròcair orm, agus cuir Laſarus, chum 's gu 'n tum ſè barr a mheoir ann uiſge, agus gu 'm fuaraich ſè mo theanga; oir ata mi air mo ro-phianadh ſan laſair ſo. Ach a dubhairt Abraham, A mhic, cuimhnich gu 'n d' fhuair thuſa do nithe maithe re àm dhuit bhi beo, agus Laſarus mar an ceudna droch nithe; ach a nois' ata eiſean a' faghail ſòlais, agus ata thuſa air do phianadh. Agus a bharr air ſo uile, ata doimhne mhòr air a cur eidir ſinne agus ſibhſe: air chor agus iadſan leis am b'àill dol as ſo d' ar ionnſuidhſe, nach 'eil è 'n comas doibh; agus cha mhò 'ta è 'n comas do aon neach teachd as ſin d' ar n ionnſuidh-ne. Ann ſin a dubhairt ſè, Uime ſin guidheam ort, athair, gu 'n cuireadh tu è gu tigh 'm athair: Oir ata agam cuignear bhraithre: chum 's gu 'n toir è fia'nais doibh, 'n t eagal gu 'n d' thig iadſan mar an ceudna do 'n ionad ro phiantach ſo. A deir Abraham ris, Ata Maois agus na faidhean aca; eiſdeadh iad riu-ſan. Agus a dubhairt eiſean, Ni h eadh, athair Abraham: ach ma theid neach d' an ionnſuidh o na marbhaibh, ni ſiad aithreachas. Agus a dubhairt ſè ris, Mur eiſd iad re Maois agus ris na faidhibh, ni mò a chreideas iad, ge d' eir'eadh neach o na marbhaibh.

## An dara Dòmhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Thighearna, nach dean fàilne gu brath an còmhnadh a thoirt agus a ſtiuradh an dream ſin a thog ù ſuas ann a' d' eagal agus ann a' d' ghrádh diong'alt fein: Guidhemid ort, gleidh ſinn fuidh dhìdin do fhreaſdail mhaith, agus deonuich gu 'm bi ſior eagal agus gràdh t-ainm againn, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Ioin iii. 13.

NA gabhaibh iongantas, mo bhraithre, ge do dh' fhuathaicheas an ſaoghail ſibh. Tha fhios againn gu 'n deacaidh ſinn thairis o bhas gu beatha, do bhri' gu bheil gradh againn do na braithribh: an ti nach gradhaich *a* bhrathair, 'ta è fantuinn ann am bàs. Gach uile neach a dh' f huathaicheas a bhrathair, is mortfhear è: agus tha f hios agaibh nach 'eil aig mort f hear ſam bith a' bheatha mhairtheanach a' fantuinn ann. Leis a ſo is aithne dhuinn gradh Dhe, do bhri' gu'n do leig eiſean anam fein air ar ſon: agus is còir dhuine *ar* n anama fein a leagadh ſios air ſon nam braithre. Ach ge b'è neach aig am bheil maoin an t ſaoghail ſo, agus a chi a bhrathair ann uireaſbhuidh, agus a dhruideas a chroidhe 'n a aghaidh, cionnas ata gradh Dhe a' gabhail comhnuidh ann-ſan? Mo chlann bheag, na gradhaicheamaid ann an guth, no ann an teangaidh, ach ann an gniomh agus ann am f hìrinn. Agus le ſo is aithne dhuinn gu bheil ſinn do 'n f hìrinn, agus bheir ſinn cinte d'ar croidhibh 'n a lathair do thaobh ſin. Oir ma dhìteas ar croidhe ſinn, is mò Dia na ar croidhe, agus is aithne dha na h uile nithe. A chairde gradhach, mur dìt ar croidhe ſinn, tha danachd againn thaobh Dhe, agus ge be ni a dh'iarras ſinn gheibh ſinn uaithne è, do bhri' gu bheil ſinn ag coimhead aitheanta, agus a' deanamh nan nithe a 'ta taitneach 'n a fhia'nais. Agus is i ſo aithne-ſin, gu 'n creideamaid ann ainm a Mhic Joſa Crioſd, agus gn 'n gradhaicheamaid

dhaicheamaid a chèile, mar a thug eiſean aithne dhuinn. Agus an ti a choimheadas âitheanta-ſan, tha è gabhail comhnuidh ann, agus eiſean ann-ſan: agus le ſo aithnicheamaid gu bheil eiſean a' fuireach annainn, o'n Spiorad a thug sè dhuinn.

*An Soiſgeul.* Luc. xiv. 16.

ACH a dubhairt eiſean ris, Rinn duine araidh ſuipeir mhòr, agus thug è cuireadh do mhòran: Agus chuir è ſheirbhiſeach uaithe ann am na ſuipeire, a radh ris a' mhuintir a fhuair cuireadh, Thigibh, oir ata na h uile nithe a nois' ullamh. Agus thòſaich iad uile a dh' aon *ghuth* r'an leith-ſgeul a ghabhail. A dubhairt an ceud fhear ris, Cheanaich mi fearann, agus is eigin damh dol amach agus fhaicſin: guidheam ort, gabh mo leith-ſgeul. Agus a dubhairt fear eile, Cheannaich mi cuig cuing' dhamh, agus ata mi dol g' an dearbhadh: guidheam ort gabh mo leith-ſgeul. Agus a dubhairt fear eile, Phos mi bean, agus air an àdhbhar ſin cha 'n 'eil è 'n comas damh teachd. Agus thainig an ſeirbhiſeach ſin, agus dh' innis è na nithe ſin d'a thigearna. Ann ſin air gabhail feirge do fhear an tighe, a dubhairt ſè r'a ſheirbhiſeach, Rach amach gu grad gu ſraidibh agus gu caol-ſhraidibh a' bhaile, agus thoir a ſtigh ann ſo na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na doill. Agus a dubhairt an ſeirbhiſeach, A Thighèarna, rinneadh mar a dh' orduich thu, gidheadh 'ta àite *folamh* an fòs. Agus a dubhairt an Tighearna ris an t ſeirbhiſeach, Im'ich amach gus na ròdaibh mòra agus na garachaibh, agus coì'-eignich iad gu teachd a ſteach, chum 's gu 'm bi mo thigh air a lionadh. Oir a deirim ribh, nach blais a h aon do na daoinibh ud a fhuair cuireadh, do m' ſhuipeir-ſe.

An

## An treas Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Thighearn, guidhemid ort gu 'n èifdeadh tu ruinn gu tròcaireach; agus deonuich dhuinne, d' an d' thug ù togradh cridhe gu urnuidh do dheanamh, gu 'm bi finn air ar dion agus air ar comhfhurtachadh le d mhòr chòmhnadh ann fgeach uile chunnartan agus amhghar, trìd Iofa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Phead. v. 5.

BIthibh uile ùmhal d'a chèile, agus bithibh air bhur fgeadachadh le h irioflachd: oir ata Dia a' cur ann aghaidh nan uaibhreach, ach a toirt gràis dhoibhfin a 'ta irioſal. Uime finn ìflichibh fibh fein fuidh láimh chumhachdaich Dhe, chum as gu 'n arduich è fibh ann am iomchu'idh: A' tilgeadh bhur n uile chùram air, oir ata cùram aige dhibh. Bithibh meaſurra, deanaibh faire; do bhri' gu bheil bhur namhad an diabhol, mar leomhan beuchdach, ag im'eachd mu 'n cuairt a' ſireadh co a dh' f heudas è fhlugadh ſuas. Cuiribhſe 'n a aghaidh, air dhuibh bhi daingean fa chreidimh, agus fhios a bhi agaibh gu bheil na fulangais cheudna air an coi'-lionadh ann bhur braithribh a 'ta ſan t ſaoghal. Ach gu deanadh Dia fein nan uile ghras, a ghairm ſinne chum a ghlòire fhiorruidh trìd Iofa Crioſd, taireis duibh fulang rè uine bhig, fibhſe foirfe, gu daingnicheadh, gu neartaicheadh, gu focraicheadh è fibh. Dha-ſan gu raibh glòir agus cumhachd, gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

*An Soiſgeul.* Luc. xv. 1.

ANN thainig na puibliocanaich uile agus na peacaich am fogus da, chum eiſteachd ris. Agus rinn na Phairiſich agus na Sgriobhuichean monmhor, ag radh, T'a 'm fear ſo gabhail

bhail pheacach d'a ionnſuidh, agus ag itheadh maille riu. Agus labhair eiſean an coſamlachd ſo riu, ag radh, Co an duin' agaibhs' aig am bheil ceud caora, ma chailleas è h aon aca, nach fàg an naoi'-deug agus an ceithir fichead ann ſan fhâſach, agus nach d' theid ann deigh na caorach ud a chailleah, gus am fuigh ſè i? Agus air dha a faghail, cuiridh ſè air a guaillibh i, le gairdeachas. Agus 'n uair a thig è dha thigh, gairmidh ſè a chairde agus a choimhearſnaich ann cean a chèile ag radh riu, Deanaibh gàirdeachas maraon riumſa, chionn gu'n d' fhuair mi mo chaora bha caillte. Mar ſin, a deirim ribh, gu'm bi aoibhneas air neamh air ſon aon pheacaich a ghabhas aithreachas, ni 's mò na air ſon naoi'-deug agus ceithir fichead fìrean aig nach 'eil feum air aithreachas. No co a' bhean aig am bhuil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhon diubh, nach las coinneal, agus nach ſguab an tigh, agus nach iarr gu dichiollach gus am fuigh ſi *è*? Agus air dh'i fhaghail, goiridh ſi *a* ban chàrde agus *a* ban choimhearſnaich ann ceann a chèile, ag radh, Deanaibh gàirdeachas leamſa, or fhuar mi 'm bonn a chaill mi. Mar an ceudna a deirim ribh, Ata gairdeachas ann làthair aingle Dhe, air ſon aon pheacaih a ni aithreachas.

## An ceathramh Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe, fear-dion gach uile neach a chuireas an dòchas ann-ad, as t-eugmhais cha 'n 'eil nì air bith làidir, no nì air bith naomh; meaduich agus cuir an lionmhoiread do thròcair oirn-ne; ionnas air bhi dhuitſe a' t-fhear riaghluidh agus a t-fhear ſtiuraidh againn, gu 'n d' theid ſinn tre nithibh ſaoghalta, air doigh nach caill ſinn nithe ſiorruidh fa dheoigh: Deonuich ſo, O Athair neamhuidh, air ſgà Joſa Criofd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. viii. 18.

OIR meaſam, nach fiu fulangais na h aimſir a 'ta làthair, *an coi' meas* ris a' ghlòir a dh' fhoillſichear annainn. Oir ata dùil dhùrachdach a' chruthaichaidh a' feitheamh re foillſeach-

adh

adh cloinne Dhe Oir chuireadh an cruthacha' fuidh dhiomhaoineas, ni h ann le thoil, ach trìd-ſin a chuir fuidh dhiomhaoineas è ann dòchas: Do bhri' gu 'n ſaorar an cruthacha' fein fós o dhaorſa na truaillidheachd, gu ſaorſa ghlórmhor cloinne Dhe. Oir ata f hios againne gu bheil an cruthachadh uile 'g oſnaich, agus am pèin mar mhnaoi re cloinn, maraon ruinne gus an àm ſo: Agus ni *h è ſo* amhain, ach ſinn fein mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, ata eadhon ſinne 'g oſnaich annain fein, a' feitheamh ris an uchd-mhacachd, *eadhon* ſaorſa ar collaidh.

*An Soiſgeul.* Luc. vi. 36.

BIthibhſe uime ſin tròcaireach, mar ata bhur n Athair fós trócaireach. Agus na thugaibh breith, agus cha toirear breith oirbh: na ditibh, agus cha dìtear ſibh: thugaibh maitheanas, agus bheirthear maitheas dhuibh: Thugaibh uaibh, agus beirthear dhuibh; deadh thomhas, air a gheinneadh, agus air a chratha' re chèile, agus ag cur thairis, bheir daoine ann bhur n uchd: oir leis an tomhas a thomhaiſeas ſibh, tomhaiſear dhuibh a-rìs. Agus labhair ſè cofamhlachd riu, Am feud an dall dàll a threòrachadh? 'n è nach tuit iad faraon ſan dìge? Cha 'n 'eil an deiſciobul os ceann a mhaighiſdir: ach ge b' è neach ata coi'-lionta, bithidh ſè mar a mhaighiſdir. Agus c'ar ſon ata thu faicſin an caimein ata ann ſùil do bhrathar, agus nach eil thu toirt fainear an t ſail ata an do ſhuil-fein? No cionnas a dh'f heudas tu radh re d' bhrathair, A brathair, leig dhamh an caimein thoirt a' d' ſhùil, agus nach 'eil thu toirt fainear an t ſail ata ann do ſhùil fein? A chealgoir, tilg amach air tùs an t ſail as do ſhùil fein, agus an ſin is lèir dhuit gu ſoilleir an caimein ata ann ſùil do bhrathar a thoirt aiſde.

---

## An cuigeamh Dòmhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

DEeonuich, O Thighearn, tha ſinn a guidhe ort, gu 'm biodh ſtaid an t ſaoghail ſo air a h-orduchadh co ſochaintech le d' ſtiuradh, a 's gu 'n dean t-Eaglais ſeirbheis dhuit

dhuit gu h-aoibhneach ann ſgach uile ſhuaimhneas diaghaidh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Phead. iii. 8.

*Bithibh* uile a dh'aon inntin, biodh co'-fhulangas agaibh r'a chèile, gràdhaichibh *a chéile*, mar bhràithre, *bithibh* truacanta càirdeil: Na ìocaibh olc air ſon uilc, no càineadh air ſon caineadh: ach 'n a aghaidh ſin, a' beannachadh; air dhuibh fios bhi agaibh gur ann chuige ſo a ghairmeadh ſibh, chum gu 'n ſealbhaicheadh ſibh beannachadh mar oighreachd: Oir ge b'è le 'm b' àill beatha a ghràdhachadh, agus làith' maithe fhaicſinn, cumadh è theanga o olc, agus a bhilidh o labhairt ceilg. Seachnadh è olc, agus deanadh è maith; iarradh è ſiothchaint, agus leanadh è i. Oir ata sùilean an Tighearna air fìreanaibh, agus a chluſa foſgailte r'an ùrnuigh: ach ata gnuis an Tighearna ann aghaidh na muintir a ni olc. Agus co è a ni olc oirbh, ma bhios ſibh 'n ar luchd-leanmhuin air an ni ſin a 'ta maith? Ach fòs ma dh' fhuilingeas ſibh air ſga' fìreantachd, *is* ſona ſibh: agus na biodh fiamh an eagail-ſin oirbh, agus na bithibh mi thuaimhneach; ach naomhaichibh an Tighearna Dia ann bhur croidhibh.

*An Soiſgeul.* Luc. v. 1.

AGus tharladh, 'n uair a bha 'm pobull a' dlù'-theannadh air, chum focal De eiſteachd, gu 'n do ſheas eiſean làimh re loch Gheneſaret, agus chunnaic è da luing 'n an ſeaſamh re taoibh an lochaidh: ach bha na h iaſgairean air dol amach aſda, agus a' nigheadh *an* lionta. Agus air dha dol a ſteach do aon do na longaibh bu le Simon, dh iarr è air dol amach beagan o thìr: agus air ſuidhe dha theagaiſg è 'n ſluagh as an luing. 'Noiſe 'n uair a ſguir è do labhairt, a dhubhairt ſè re Simon, Cuir amach chum na doimhneachd, agus leigibh ſios bhur lionta chum tarruing. Agus fhreagair Simon, agus a dubhairt ſè ris, A mhaighiſdir, ſhaothraich ſinn feadh na h oidhch' uile, agus nior ghlac ſinn ni ſam bith: ach air t fhocal-ſa leigidh mi ſios an lion. Agus an uair a rinn iad ſo, chuartaich iad tachdar mòr éiſg; ionnus gu'n do bhriſeadh an lion. Agus ſmèid iad air an companachaibh, a bha ſan luing eile, teachd agus congnamh a dheanamh leo. Agus thainig iad,

iad, agus lion iad an dà luing, ionnas gu 'n raibh iad ann inbhe dol fuidhe. 'N uair a chunnaic Simon Peadar ſò, thuit è fios aig glùinibh Joſa, ag radh, Im'ich uamſa, a Thighearna, oir is duine peacach mi. Oir ghlac uathbhas è fein agus iadſan uile bha maille ris, air ſon an tarruing èiſg a ghlac iad: Agus mar an ceudna Seumas agus Ioin, mich Shebedee, a bha 'n an companachaibh aig Simon. Agus a dubhairt Joſa re Simon, Na biodh eagal ort; as ſo ſuas bithidh tu a' d' iaſgair air daoinibh. Agus an uair a thug iad an longa tìr, air fàgail nan uile nithe dhoibh, lean iad eiſean.

---

## An ſeatheadh Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe, a dh-ulluich do 'n dream aig am bheil gràdh ort, nithibh co maith a 's gu 'n deach iad thairis air tuigſe duine; doirt ann ar cridhibh a leithid ſin do ghrádh dhuit-ſe, ionnas air dhuinn gradh do thoirt dhuit oſcionn nan uile nithe, gu 'n ſealbhuich ſinn do gheallaidh, ata oſcionn gach nì is urrainn ſinn a mhianachadh, trìd Joſa Crìoſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. vi. 3.

NAch 'eil fios agaibh, a mhèud againn is a bhaiſteadh ann an Joſa Crioſd, gur bhaiſteadh chum a' bhais ſinn? Air an àdhbhar ſin dh' adhlaiceadh ſinn maraon ris tre 'n bhaiſte chum bâis: ionnas mar thogadh Crioſd ſuas o na marbhaibh le glòir an Athair, mar ſin gu 'n gluaiſeamaidne mar an ceudna ann nuadhachd beatha. Oir ma chuaidh ar ſuidheachadh maraon ann an cos'las a bhàs: bithidh ſinn mar an ceudna *air ar ſuidheachadh ann an cos'las* ais-eirigh. Air fhios ſo a bhi againn, gu bheil ar fean duine air a cheuſadh maraon *ris*, ionnas gu 'm biodh corp a' peacaidh air a ſgrios, chum nach deanamaid ſeirbhis do 'n pheacadh as ſo ſuas ni 's mó.

Oir an ti a fhuair bàs, rinneadh faor è o'n pheacadh. 'Noiſe ma fhuair ſinn bàs maraon re Crioſd, ata ſinn creidſin gu 'm bi ſinn beo maille ris mar an ceudna. Air dhuinn fios a bhi againn air do Chrioſd eirigh o na marbhaibh, nach bàſaich è ni 's mó; cha 'n 'eil tighearnas aig a' bhas ni 's mó air. Oir a mhèud gu 'n d' fhuair è bas, is ann do 'n pheacadh a fhuair è bas aon uair *amhàin*: ach a mhèud gu bheil è beo, is ann do Dhia ata sè beo. Mar ſin mar an ceudna meaſaibhſe gu bheil ſibh fein gu deimhin marbh do'n pheacadh: ach beo do Dhia tre Joſa Crioſd ar Tighearna.

*An Soiſgeul.* Mhat. v. 20.

DUbhairt Joſa r'a dheiſciobluibh, Mur toir bhur ſireantachdſa barrachd air ſireantachd nan Scriobhuicheau agus nam Pharaiſeach, ni 'n d' theid ſibh air chor air bith ſteach do rioghachd Neimh'. Chuala ſibh, gu 'n dubhradh leis na ſinnſiribh, Na dean marbhadh: agus ge b'è neach a ni marbhadh, bithidh ſè ann cunntart a' bhreitheamhnais. Ach deirimſe ribh, Ge b'è neach aig am bi fearg r'a bhràthair gun ádhbhar, gu 'm bi ſè ann cunntart a' bhreitheamhnas: agus ge b'è neach a deir, r'a bhràthair, Raca, bithidh ſè ann cunntart na comhairle: ach ge b'è neach a deir, Amadain, bithidh ſè ann cunntart teine ifrinn. Uime ſinn ma bheir thu do thabhartas chum na h altara, agus gu 'n cuimhnich thu ann ſin gu bheil ni air bith aig do bhràthair a' d' aghaidh; Fàg do thabhartas ann ſin ann làthair na h altara, agus im'ich, agus dean reite air tùs re d' bhràthair agus taireis ſin air teachd dhuit, tabhair uait do thiodhlacadh. Bi reidh re d' eaſcaraid gu luath, am feadh bhitheas tu maille ris ſan t ſlighe: t eagal gu 'n toir an t eaſcaradh thairis do 'n bhreitheamh thu agus gu 'n toir am breitheamh thu do 'n mhaor, agus gu tilgear am prioſun thu. A deirim riut gu firinneach, nach teid thu as ſin amach, no gu 'n ioc thu an fheoirling dheireannach.

## An ſeachdamh Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

A Thighearna gach uile chumhachd agus neart, is tu-ſa ughdar agus fear tabhairt na h-uile nì maith; ſuidhich grádh do t-ainm ann ar cridheachaibh meaduich annain ſior chreideamh, altruim ſinn leis gach uile mhaitheas, agus le d' mhòr thròcair, gleidh ſinn ann ta trìd Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. vi. 19.

'TA mi labhairt mar dhuine, air ſon anmhuineachd bhur feòla: oir mar a thug ſibh bhur buill mar ſheirbhiſich do neo-ghloine, agus do aingidheachd, chum aingidheachd; amhuil ſin a nois' thugaibh bhur buill mar ſheirbhiſich do 'n fhìreantachd, chum naomhachd. Oir 'n uair a bha ſibh 'n ar ſeirbhiſich do 'n pheacadh, bha ſibh ſaor o'n fhìreantachd. Air an àdhbhar ſin creud an toradh a bha agaibh ann ſin ann ſna nithibh ud, a 'ta noiſe cur náire oirbh? oir is è crioch nan nithe ſin am bàs. Ach a noiſe air dhuibh bhi ſaor o'n pheacadh, agus 'n ar ſeirbhiſich do Dhia, ata bhur toradh agaibh chum naomhachd, agus a' chrioch a' bheatha mhairtheanach. Oir is è tuaraſdal a' pheacaidh am bàs: ach is i ſaorthiodhlacadh Dhe a' bheatha mhairtheanach, tre Joſa Crioſd ar Tighearna.

*An Soiſgeul.* Marc. viii. 1.

ANn ſna laithibh ſin air do phobull ro-mhòr a bhi *ann*, agus gun ni air bith aca r'a itheadh, ghairm Ioſa a dheiſciobuil d'a ionnſuidh, agus a deir ſè riu, Ata truas mòr agam do'n phobull, do bhri' gu 'n d'fhan iad anois' tri láith' maille rium, agus nach eil ni air bith aca r'a itheadh: Agus ma leigeas mi d'an tighibh fein 'n an troſg iad, fannuichidh ſiad air an t ſlighe: oir thainig cuid aca am fad. Agus f hreagair a dheiſciobuil

ſciobuil è, *ag radh*, Cia as a dh'fheudas neach iad ſo a ſhaſuchadh le h aran ann ſo ſan fhàſach? Agus dh'fhioſraich ſè dhiubh, Cia lion aran ata agaibh? Agus a dubhairt iadſan, Seachd. Agus thug ſè òrdugh do'n t ſluagh ſuidhe ſios air an lár: agus ghlac è na ſeachd arain, agus air tabhairt buidheachais, bhris è, agus thug ſè *iad* d'a dheiſciobluibh, chum gu 'n cuireadh ſiad 'n an làthair *iad*: agus chuir iad ſios an làthair an t ſluaigh *iad*. Agus bha aca beagan a dh'iaſgaibh beaga: agus bheanuich ſè *iad*, agus dh'àithn è 'n cur ſios 'n an làthair mar a ceudna. Agus dh'ith iad, agus ſhàſuicheadh iad: agus thog iad *làn* ſheachd cliabh do 'n bhiadh bhriſt', a bha dh'fhuighleach aca. Agus bha iadſan a dh'ith mu thimcheithir mìle; agus leig ſè air falbh iad.

---

## An t ochdamh Dòmhnach an deigh na Trionaid.

### *An Urnuigh.*

O Dhe, 'se do fhreaſdail ſiorruidh ata aig orduchadh nan uile nithe araon air neamh agus air talamh; tha ſinn gu h-umhla a' guidhe ort gu 'n cuireadh tu air falbh uainn gach nì cronnail, agus gu 'n tugadh tu dhuinn na nithe ſinn ata tarbhach air ar ſon, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

### *An Litir.* Rom. viii. 12.

A bhràthre, ata ſinn fa fhiachaibh ni h ann do'n fheoil, chum ar beatha a chaitheamh a reir na feòla. Oir ma chaitheas ſibh bhur beatha a rear na feòla, gheibh ſibh bàs: ach ma mharbhas ſibh tre 'n Spiorad gniomhartha na colla, bithidh ſibh beo. Oir a mhèud 's ata air an treòrachadh le Spiorad Dhe, is iad mic Dhe. Oir cha d' fhuair ſibh Spiorad na daorſa a-rìs chum eagail; ach fhuair ſibh Spiorad na h uchdmhacachd, tre an glaodhamaid, Abba, Athair. 'Ta an Spiorad fein a' deanamh ſia'nais maraon r'a ſpioraidne, gur ſinn clann Dhe. Agus ma's clann, is oighreachan; oigreachan air Dia, agus co'-oighreachan maille re Crioſd: ma 's è 's gu 'm fulaing ſinn maille ris, chum gu glòrachear maraon ris mar an ceudna.

*An Soiſgeul.* Mhat. vii. 15.

COimheadhaibh ſibh fein o na fàidhibh brèige, a thig d'ar ionnſuidh ann an culaibh chaorach, ach ata 'n leith a ſtigh 'n am madraibh allta. Air an toraibh aithnichidh ſibh iad: an tionnail daoine dearcan fìona do dhriſibh, no figeis do na fothannanaibh? Agus mar ſin do bheir gach uile chrann maith toradh maith: ach do bheir an droch chrann droch thoradh. Ni h eudar leis a' chraoibh mhaith droch thoradh iomchar: no leis an droch charoibh toradh maith a thabhairt. Gach uile chrann nach iomchair toradh maith, gearthar ſios è agus tilgear ſan teine è. Air an àdhbhar ſin 's an air an toraibh dh'aithnicheas ſibh iad. Ni h è gach uile neach a deir riumſa, A Thighearna, a Thighearna, a theid a ſteach do rioghachd nèimh': ach an ti do ni toil m' Atharſa ata air neamh.

## An naothamh Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

A Thighearna, tha ſinn a' guidhe ort, deonuich dhuinn an Spiorad a chum na nithe ſin ata ceart do ghna a ſmuainteachadh agus a ghnathaca'; ionnas gu 'm bi ſinn-ne nach urrain nì maith air bith a dheanamh as t eug'ais, air ur deanamh leatſa comaſach ar beatha a chaitheadh a reir do thoil, trid Joſa Çrioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Cor. x. 1.

A bhràithre, cha b' àill leam ſibhſe bhi ain-eolach, gu raibh ar n aithreacha uile fuidh 'n nèul, agus chuaidh iad uile tre 'n fhairge; agus bhaiſteadh iad uile do Mhaois ſan nèul, agus ann ſan fhairge; agus dh 'ith iad uile an t aon bhiadh ſpioradail; agus dh' òl iad uile an t aon deoch ſpioradail: oir dh òl iad do 'n charruig ſpioradail ſin a lean iad: agus b i a' charruig ſin Crioſd.) Ach le mòrain diubh cha raibh Dia toilichte: oir ſgrioſadh ſan fhàſach iad. 'Noiſe

bha

bha na nithe ſin 'n an ſaimpleiribh dhuinne, chum nach ſanntaicheamaid droch nithe, mar a ſhanntaich iadſan fòs. Agus na bithibſe 'n ar luchd iodhol-àdhraidh, mar *a bha* cuid acaſan; reir mar ata è ſgriobhta, Shuidh am phobull ſios a dh'itheadh agus a dh' òl, agus dh' eirich iad a chluich'. Agus na deanamaid ſtrìopachas, mar a rinn cuid aca-ſan, agus thuit *dhubh* ann aon là tri mìle ſichead. Agus na buaireamaid Crioſd, mar bhuair cuid aca fòs, agus ſgrioſadh iad le naithrichibh nimhe. Agus na deanaibhſe mònmhor, mar a rinn cuid aca-ſan monmhor ſós, agus ſgrioſadh iad leis an ſgrioſadoir. 'Noiſe tharladh na nithe ſo uile dhoibhſin mar eiſeimpleiribh: agus ſgriobhadh iad chum teagaſg *a thoirt* duinne, air am bheil deireadh an domhain air teachd. Uime ſin an ti a ſhaoileas a bhi 'n a ſheamſamh, thugadh è aire nach tuit sè. Cha do thacair buaireadh air bith ribh, ach ni ata cumanta do dhaoinibh: ach tha Dia dìleas, nach leig dhuibh bhi air bhur buaireadh thar bhur comas; ach a ni maille ris a' bhuaireadh ſlighe dol as mar a ceudna, chum gu 'm bi ſibh comaſach air a ghiùlan.

*An Soiſgeul.* Luc. xvi. 1.

DUbhairt Joſa r'a dheiſciobluibh, Bha dhuine faibnir araidh ann aig an raibh ſtiobhard; agus chaſaideadh ris è mar neach a bha deanamh ana-caithe' air a mhaoin. Agus ghairm ſè è, agus a dubhairt ſè ris, Ciod ſo ata mi cluinntin a d' thimchioll, thoir cunntas air do ſtiobhardachd: oir cha 'n fheud thu bhi ni 's faide a' d' ſtiobhard. Ann ſin a dubhairt an ſtiobhard ann fein, Ciod a ni mi? oir ata mo mhaighiſdir a' toirt na ſtiobhardachd uam: cha 'n urradh mi ruamhar a dheanamh 's nar leam dèirc iarraidh. Ata fhios agam ciod a ni mi, chum's 'n uair a chuirear as an ſtiobhardachd mi, gu 'n gabh iad a ſteach d'an tighibh mi. Agus air dha gach aon diubhs' air an an raibh fiacha aig a Thighearn' a ghairm d'a ionnſuidh, a dubhairt è ris a' cheud fhear, Cia a mèud ata aig mo Thighearn' ortſa? Agus a dubhairt eiſean, Ceud miosur ola. Agus a dubhairt ſè ris, Gabh do ſgriobha, agus ſuidh ſios gu h ealamh, agus ſgriobh leth-cheud. Ann ſinn a dubhairt è re fear eile, Agus cia mèud ata *aig* ortſa? Agus a dubhairt eiſean, Ceud miosur cruithneachd. Agus a dubhairt è rìs, Gabh do ſcriobha, agus ſgriobh ceithir ſichead. Agus mhòl an Tighearna 'n ſtiobhard ea-corach, do bhri' gu 'n d' rinn ſè gu glic: oir

oir ata clann an t ſaoghail ſo 'n an ginealach fein ni 's glice na clann an t ſoluis. Agus a deirimſe ribh, Deanaibh dhuibh fein cairdean le mammon na h ea-corach; chum's 'n uair is bàs duibh, gu n gabhthar ſibth do àitibh comhnuidh ſiorruidh.

---

## An deicheamh Domhnach na deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Thighearna, biodh do chluaſan tròcaireach foſgailte do dh' urnuighean do ſheirbheiſich umhla; agus a chum gu m fuigh iad an iartuis, tabhair orra gu 'n-iarr iad na nithe ſin ata reir do thoil, trid Joſa Criofd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Cor. xii. 1.

THaobh *tiodhlaca* ſpioradail, a bhràithre, cha b' àill leam ſibh bhi ain eolach. 'Ta fios agaibh gu raibh ſibh 'n ar Cinnich, air bhur tarruing gu iodhoſaibh balbha, reir mar a threóraicheadh ſibh. Uime ſin ata mi toirt fios duibh, nach abair duin' air bith a'ta labhairt o Spiorad De, mu Joſa gu bheil è mallaichte: agus nach uradh duin' air bith a radh gur h è Joſa an Tighearna, ach trid an Spiorad naomh. 'Noiſe ata eidir-dhealachadh thiodhlaca ann, ach *ni bheil ach* aon Spiorad ann. Agus ata eidir dhealachadh mhiniſtreileachd ann, gidheadh *ni bheil ach* aon Tighearn' ann. Agus ata eidir-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is è an t aon Dia a 'ta 'g oibreachadh nan' uile *nithe* ann ſna h uile. Ach ata foillſeachadh an Spioraid air a thoirt do gach neach, chum tairbhe. Oir do aon duine 'ta focal a' ghliocais air a thoirt leis an Spiorad; agus do dhuin' eile focal an eólais leis an Spiorad cheudna; Do neach eile creidimh leis an Spiorad ſin fein; do dhuin' eile tabhartas leighis trid an Spiorad cheudna; Do neach eile oibreacha' mhiorbhuile; do neach eile fàidheadoireachd; do neach eile aithneachadh ſpiorad do neach eile *iomadh* gnè theanga; agus do neach eile eidir-mhìneachadh theanga.

Ach

Ach na nithe ſin uile 'ta an t aon Spiorad ceudna ag oibreachadh, ag roinn ris gach aon fa leith reir mar is àil.

*An Soiſgeul.* Luc. xix. 41.

AGus 'n uair a thainig è 'm fogus, chunnaic è 'm baile, agus ghuil fè air a ſhon, ag radh, Nam b'aithne dhuit, eadhon dhuitſe, air bheag ſum bith ann do là ſo fein, na nithe a bhuineas do d' ſhìth! ach anois' ata iad folaichte' o d' ſhùilibh. Oir thig na làith' ort, ann s an tilg do naimhde dìg ma d' thimchioll, agus iadhaidh iad umad m' an cuairt, agus druididh iad a ſligh air gach taobh thu, agus leagaidh iad co'-iofal ris an làr thu, agus do chlann ionnad; agus cha 'n fhàg iad ionnad cloch air muin cloiche: do bhri' nach b' aithne dhuit aimſir t fhioſrachaidh. Agus chuaidh è ſteach do 'n teampull, agus thòſaich è air an dream a bha reic', agus a' ceannach' ann a thilgeadh amach, ag radh riu, 'Sa è ſgriobhta, Is tigh urnuigh mo thigh-ſe: ach rinn ſibhſe ſlochd mheirleach dheth. Agus bha è gach là a' teagaſg ſan teampull.

---

## An t-aon Domhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

ODhe, ata foillſeachadh do neart uile chumhachdach gu ro ſhonruichte ann a bhi taiſbbeineadh tiochd agus tròcair; deonuich dhuinn-ne gu tròcaireach na h-urrad a thomhas do d' ghràs, ionnas air dhuinn a bhi rùſrh ann ſlighe t-àitheantaibh, gu 'n ſealbhuich ſinn do geallachan gràſail, agus gu 'm bi ſinn air ar deanamh n' ar luchd co-pairt do t-ionmhas neamhuidh, trid Joſa ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Cor. xv. 1.

A bhràithre, cuiream ann cèill duibhſe an ſoiſgeul a ſheirmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh ſibhſe mar an ceudna, agus ann am bheil ſibh 'n ar ſeaſamh; trid

mar

mar an ceudna 'am bheil ſibh air bhur sàbhaladh, ma ghleidheas ſibh air chuimhne an ni a ſhearmonaich mi dhuibh, mur do chreid ſibh gu diomhaoin. Oir thug mi dhuibh air tùs an ni ſhuair mi mar an ceudna, Gu 'n d' fhuair Crioſd bàs air ſon ar peacaidh do reir nan ſgriobtuire: Agus gu 'n d' adhlaiceadh è, agus gu 'n d' eirich è a-rìs air an treas là do reir nan ſgriobtuire: Agus gu facas è le Cephas, 'n a dhiaigh ſin leis an dà-fheur-dheug. 'N a dhiaigh ſin, chunncas è le tuilleadh agus cuig ceud bràithre ann aon uair: d'am bheil a' chuid a's mò beo gus a noiſe, ach ata cuid *dhiubh 'n an* codal. 'N a dhiaigh ſin, chunncas è le Seumas: agus a-rìs leis na h abſtolaibh uile. 'N an diagh uile chunncas leam-ſa è mar an ceudna, mar neach a rugadh ann an-am. Oir is mi is lugha do na h abſtolaibh, neach nach fiu abſtol a ghairm dhiom, do bhri gu 'n raibh mi a' geur-leanmhuin eaglais De. Ach tre ghràs De is mi an ni a's mi: agus cha raibh a ghras, a *thiodhlaiceadh* dhamh, gun bhri'; ach ſhaorthaich mi ni 's pailte na iad uile; gidheadh cha mhiſe, ach gràs De a bha maille rium. Uime-ſin cia *b'è dhinn*, miſe no iadſan, is ann mar ſin ata ſinne a' ſearmon achadh, agus is mar ſin a chreid ſibhſe.

*An Soiſgeul.* Luc. xviii. 9.

LAbhair Joſa 'n coſamhlachd ſo re dream àraidh bha 'g earbſa aſda ſein gu 'n raibh iad 'n am fìreanaibh, agus a bha deanamh tàir air dream eile: Chuaidh dias dhaoine ſuas do 'n teampull a dheanamh ùrnuigh; fear aca 'n a Phairiſeach, agus am fear eile 'n a Phuibliocanach. Sheas am Phairiſeach leis fein, agus rinn è ùrnuigh mar ſo, A Dhe, 'ta mi toirt buidheachais duit, nach 'eil mi mar *ata* daoin' eile, 'n an luchd foireigin, ea-corach, adhaltranach, no eadhon mar am Puiblicanach ſo. 'Ta mi deanamh troſg' dà uair ſan t ſeachduin, 'ta mi toirt deachmhaidh as na h uile ni a ſhealbhaicheam. Agus air ſeaſamh do 'n Phuibliocanach fada air ais, cha b'àill leis fiu a ſhùl a thog'ail ſuas gu neamh, ach bhuail sè uchd, ag radh, A Dhia, dean trócair ormſa 'ta 'm pheacach. A deirim ribh, *gur dòchadh* gu 'n deachaidh ann duine ſo ſios d'a thigh air fhìreanachadh, na 'm fear ud eile: oir ge b'è neach a dh' àrdaicheas è fein, ìſlichear è; agus ge b'è a dh'ìſlicheas è fein, àrdaichear è.

## An dara Dòmhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, ata ghna na 'ſ ullamh chum eiſdeachd, na 'ta ſinn-ne chum urnuigh dheanamh, agus ata cleachda tuille a thabhairt ſeachad na 'ta ſinn-ne miannachadh, no toilltinn; Doirt a' nuas pailteas do d' thròcair oirn-ne, a mathadh dhuinn nan nithe ſin roimh am bheil ar coguis a' gabhail eagail, agus a' tabhairt dhuinn na' nithe maith ſin nach fiu ſinn an iarruidh, ach trid toilltinneas agus eidir-ghuidhe do Mhic Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 2 Cor. iii. 4.

ATa a leithid ſo dh'earbſa againne tre Chrioſd thaobh Dhe: Ni bè gu bhçil ſinn foghainteach uainn fein chum ni ſam bith a ſmuinteachadh mar uainn fein: ach is ann o Dhia *ata* ar foghainteachd. Neach a rinn ſinne mar an ceudna 'n ar miniſteiribh foghainteach na tiomna-nuaidh, ni h ann do 'n litir, ach do 'n Spiorad: oir marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha. Ach ma bha miniſtreileachd a' bhais, ann ſgriobhadh agus air a ghràbhaladh air clochaibh, glòr-mhor, ionnas nach b' urradh clann Iſraeil amharc gu geur air gnùis Mhaois, air ſon glòir' a ghnùiſe a chuirear air cùl; cionnas nach mò na ſin a bhios miniſtrealeachd an Spioraid glòr-mhor? Oir ma *bha* miniſtrealachd an dìteidh glòrmhor, is ro-mhò na ſin a bheir miniſtreileachd na fìreantachd barr ann glòir.

*An Soiſgeul.* Marc. vii. 31.

AIr do Joſa im'eachd o chriochuibh Thiruis agus Shidoin, thainig è gu fairge na Galilee, tre mheadhon criocha Dhecapolis. Agus thug iad d'a ionnſuidh duine bothar, aig an raibh ſtaduich 'n a chainnt: agus ghuidh iad air gu 'n cuireadh ſè a làmh air. Agus thug ſè a-ſeth o 'n phobull e agus chuir ſè a mheoir 'n a chluaſaibh, agus air ſileadh dha,

bhean ſè r'a theangaidh. Agus air dha amharc ſuas gu neamh, leig ſè oſna as, agus a deir ſè ris, Ephphata, 's è ſin r'a radh, Bi foſgailt'. Agus air ball dh'f hoſgladh a chluaſa, agus dh'f huaſgladh ceangal a theangaidh, agus labhair ſè gu ceart. Agus dh'àithin ſe dhoibh gun iad a dh'innſeadh ſin do neach air bith: ach mar is mò a thoirmiſg ſè dhoibh, bu mhòid gu ro-mhòr a chuir iad' *an gniomh* os aird; agus bha iad gu ro-mhòr air an lionadh le h iongantas, ag radh, Rinn è gach uile nithe gu maith: ata ſè faraon a' tabhairt air na bothair gu 'n cluinn iad, agus air na bailbh gu 'n labhair iad.

## An treas Domlinach deug an deigh na Trionaid.

### *An Urnuigh.*

ADhe uile chumhachdaich agus thròcairach, o 'd thiolacadh 'mhain ata è teachd, gu bheil do phobul treibhdhireach a' deanamh ſeirbheis f hior agus cliutach dhuit; Deonich, tha ſinn a ghuidhe ort gu 'n dean ſinn-ne ſeirbheis co fhìrineach dhuit ann fa' bheatha ſo, a 's nach bi moille oirn fa dheoidh do ghealladh neamhuidh a ſhealbhachadh, trid toilltinneas Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

### *An Litir.* Gal. iii. 16.

IS do Abraham a thugadh na geallanna agus d'a ſhiol. Ni 'n deir sè, Agus do ſhiolaibh, mar gu 'm biodh *è labhairt* mu mhóran; ach mar mu aon, agus do ſhiolſa, neach a 's è Crioſd. Agus a deiream ſo, nach f heudar gu 'n cuir an lagh, a thugadh ann ceann cheithir cheud agus dheich bliadhna fichead 'n a dhiaigh, ann cunnradh ann neo-bri', a dhaingnicheadh roimhe le Dia ann Crioſd, ionnas gu 'n cuireadh sè an gealladh air cùl. Oir ma's ann o'n lagh *ata* an oighreachd, ni *bheil i* ni 's mó o 'n ghealladh: ach thug Dia gu ſuor *i* do Abraham tre ghealladh. C'ar ſon uime ſin *a thugadh* an lagh? thugadh è air ſon eas-aontais, gus an d' thigheadh an ſiol, d'an d' rinneadh an gealladh; air órduchadh le ainglibh ann làimh eidir-mheadhonair. 'Noiſe an t eidir-mheadhonair, ni h ann air *ſon* a h aon *ata è 'n a eidir-mheadhonair;* ach is aon Dia

Dia. Uime ſin *am bheil* an lagh ann agaidh gheallana De? Nar leigadh Dia: oir nam biodh lagh air a thabhairt a bhiodh comaſach air beatha thoirt uaithe, gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fhìreantachd. Ach dh' fhàg an ſgriobtuir na h uile *dhaoine* dùinte ſa peacadh, chum gu 'm biodh an gealladh tre creidimh Joſa Crioſd air a thoirt dhoibhſin a 'ta creidſin.

*An Soiſgeul.* Luc. x. 23.

'S Beannuichte na ſùile a chi na nithe 'ta ſibhs' a' faicſin. Oir a deirim ribh, Gu 'm b' iomadh faidhe agus righridh, ler bu mhiann na nithe-ſe fhaicſin ata ſibhs' a' faicſin, agus nach façadh *iad*; agus na nithe s' a chláiſdin ata ſibhs' a' cluinntin, agus nach cualadh *iad*. Agus ſeuch, do ſheas fear lagha àraidh ſuas, 'g a bhuaireadh, agus ag radh, A mhaighiſdir, ciod a ni mi chum gu 'n ſealbhaichean a' bheatha mhairtheanach? Agus a dubhairt ſè ris, Ciod tha ſgriobhta ſan lagh? cionnas a leughas tu? Agus ag freagairt da-ſan, a dubhairt ſé, Gràdhaich an Tighearna do Dhia le d' uile chroidhe agus le d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uil' inntin; agus do choimhearſnach mar thu fein. Agus a dubhairt eiſean ris, 'S ceart a fhreagair thu: dean-ſa ſo, agus bithidh tu beo. Ach air dha-ſa toil a bhì aige è fein fhìreanachadh, a dubhairt ſè re h Joſa, Agus co è mo choimhearſnach? Agus fhreagair Joſa, agns a dubhairt ſè, Chuaidh duine àraidh ſios o Hieruſalem gu Jericho, agus thuit è 'meaſg mheirleach, agus air dhoibh a rùſgadh, agus a lotadh, dh'imich iad rompa, air fhagail-ſin doibh leth-mharbh. Agus tharladh gu 'n d' imich ſagart àraidh ſios air an t ſlighe ſin; agus 'n uair a chunnairc ſè è, ghabh è ſeachad air an taobh eile do 'n t ſlighe. Agus mar an ceudna air do Lebhiteach bhi aig an ionaid ſin, thainig è agus dh'amhairc ſè *air*, agus ghabh è ſeachad air an taobh eile do 'n t ſlighe. Ach air do Shamaritanach àraidh bhi gabhail an ròid, thainig è far an raibh eiſean: agus 'n uair a chunnairc ſè è, ghabh è truas mòr *dheth*, Agus thainig è d'a ionnſuidh agus cheangail è ſuas a chreuchda, agus air dórtadh ola agus fiona ionnta, chuir ſè air ainmhidh fein è, agus thug gu tigh óſda è, agus ghabh è curam dheth. Agus air an là màrach, n' uair a dh'fhalbh è, thug é 'mach dà pheghinn *romhanach*, agus thug è do fhear an tigh òſdai *ad*, agus a dubhairt ſè ris Gabh cùram dheth; agus ge b'è ni tuille' chaitheas tu, 'n trá' philleas miſe air m' ais, dìolaidh mi dhuit è.

Co

Co anois' do 'n triur ſo a ſhaoileas tu, bu choimhearſnach dhaſan a thuit a'meaſg nam meirleach, Agus a dubhairt eiſean, An ti rinn tròcair air. Ann ſinn a dubhairt Joſa ris, Im'ich thus', agus dean mar an ceudna.

---

## An ceathramh Domhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, tabhair dhuinn meudacha a chreidimh, an dochais, agus a gràidh; agus do chum gu 'm faigh ſinn a' nì gheall ù, thoir oirn gu 'n gràdhuich ſinn a' nì ata thù 'g àithne, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Gal. v. 16.

SO deiream ma ſeadh, Gluaiſibh ſan Spioraid, agus cha choi'lion ſibh ain-mhiann na feòla. Oir ata an fheoil a' miannachadh ann aghaidh an Spioraid, agus an Spioraid ann agaidh na feòla: agus ata iad ſinn ann aghaidh a chèile; ionnas nach fuigh ſibh na nithe bu mhiann libh a dheanamh. Ach ma threòraichear leis an Spiorad ſibh, cha 'n 'eil ſibh fuidh 'n lagh. 'Noiſe 'ta oibre na feòla follaſach, a 's iad *ſo*, adhaltrannas, ſtrìopachas, neo-ghloine, macnus, iodhol-adhradh, buitſeachas, naimhdheas, connſachadh, co'-fharpuis, fearg, coi'ſtribh, ai'-reite, eireacachd, farmad, morta, meiſg, geòcaireachd agus an leithide ſin: mu bheileam ag innſeadh dhuibh roimh laimh, mar a dhi'nnis mi dhuibh cheana mar an ceudna, nach ſealbhaich iadſan an ni an leithide ſin rioghachd Dhe mar oighreachd. Ach is è toradh an Spioraid gradh, aoibhneas, ſiothchaint, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, Macantas, meaſarachd: ann aghaidh an famhuil ſin ni bheil lagh. Agus iadſan a's le Crioſd, cheus iad an fheoil, maille r'a h an tograibh agus a miannaſaibh.

*An Soiſguel.* Luc. xvii. 11.

AGus tharladh, ag dol ſuas da gu Hierſalem, gu 'n deachaidh sè tre mheadhon Shamaria agus na Galilee. Agus 'n uair a bha è dol a ſtigh do bhaile àraidh, thacair deichnear dhaoine air a bha 'n an Iobhair, a ſheas fada uaithe: Agus thog iad ſuas an guth, ag radh, Joſa a mhaighiſdir, dean trocair oirnne. Agus 'n uair a chunnaic sè *iad*, a dubhairt sè riu, Im'ichibh *agus* nochdaibh ſibh fein do na ſagartaibh. Agus tharladh, ag im'eachd dhoibhſe, gu 'n do ghlanadh iad. Agus phill a haon aca air ais 'n uair a chunnaic sè gu 'n do leighiſeadh è, a' toirt glòir' do Dhia le guth àrd, agus thuit sè air aghaidh aig a choſaibhſe, a' toirt buidheachais da: agus bu Shamaritanach è. Agus f hreagair Joſa agus dubhairt sè, Nach do ghlanadh deichnear? ach an naoidhnear, c'àit' am bheil iad. Cha d' f huradh a phill a thoirt glòir' do Dhia, ach an coigreach ſo. Agus a dubhairt ſè ris, Eirich, im'ich; ſhlànuich do chreidimh thu.

---

## An cuigeamh Domhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

THa ſinn a' guidhe ort O Thighearna, gleidh t-eaglais le d' bhuan throcair. Agus do bhri nach feud anmhuineachd an duine gun tuitim as t-eugmhais, coimhid ſinn do ghna le d' chomhnadh o gach uile nì cronnail, agus treoruich ſinn do dh-ionnſuidh gach nì fèumail a chum ar ſlainte, trìd Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Gal. vi. 11.

'TA ſibh faicſin mèud na litreach a ſgriobh mi dhuibh le m' làimh fein. Mhèud le 'm miann iad fein a thaiſbeanadh gu ſgiamhach ſan f heoil, ata iad 'g ar n eigneachadh chum bhi air bhur timchioll-ghearradh; amhàin chum nach deantadh geurleanmhuin

leanmhuin orr' air ſon crann ceuſaidh Chrioſd. Oir ni 'm bheil iadſan fein a 'ta air an timchioll-ghearradh ag coimhead an lagha; ach is àill leo ſibhſe bhi air bhur timchioll-ghearradh, chum as gu dean iad uaill ann bhur feoil Ach nar leigeadh Dia gu deanainnſe uaill ach an crann-ceuſaidh ar Tighearna Joſa Crioſd, tre 'm bheil an ſaoghal air a cheuſadh dhamh-ſa, agus miſe do 'n t ſaoghal. Oir ann Joſa Crioſd ni 'm bheil eifeachd air bith ann timchioll-ghearradh, no an neimh thimchioll-gearradh ach ann creatuir nuadh. Agus mheud 's a ſhiùbhlas a reir na riaghail ſo ſiothchaint orra, agus trocair, agus air Iſrael De. O ſo amach na cuireadh neach ſam bith dragh orm; oir ata mi giùlan ann mo chorp comharthaidh an Tighearn' Joſa. A bhràithre, *gu raibh*, gràs ar Tighearna Joſa Crioſd maille r'ar ſpiorad. Amen.

*An Soiſgeul.* Mhat. vi. 24.

NI h eudar le neach air bith ſeirbhis a dheanamh do dhà Thighearna: oir an dara cuid bithidh fuath aige do deach aca, agus gràdh do neach eile; no gabhuidh ſè le neach aca, agus bheir è tarcuis do neach eile. Ni h eudar libh ſeirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhammon. Uime ſin a deirimſe ribh, Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beathaidh, creud a dh'itheas no dh'òlas ſibh; no mu thimchioll bhur cuirp, creud a chuireas ſibh umaibh: an è nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t eadach? Amharcaibh air èunlaith an aidheir: ni 'n cuir iad ſiol, agus ni 'n cruinnich iad ann ſgiobolaibh; gidheadh ata bhur n Athair neamhaidhſe 'g am beathachadh; 'n è nach fearr ſibhſe gu mòr na iadſan? Agus cia agaibh le mòr chùram dh'fheudas aon bhann làmh a chur r'a airde fein? Agus creud fa 'm bhuil ſibh ro-chùramach mu thimchioll bhur culaidh? fò'lomaibh cionnas ata na lilighe fàs ſa mhachair; ni 'n dean iad ſaothair, agus ni 'n dean iad ſniomh. Gidheadh a deirimſe ribh, Nach raibh Solomh fein 'n a uile ghlòir, air eadachadh mar aon diubh ſo. Air an adhbhar ſin ma' ta Dia mar ſin ag ſgeudachadh feur na machaire, ata an diu ann, agus a' màrach air a thilge' ſan àmhuinn, an è nach mò na ſin a *ſgeudiacheas* è ſibhſe, a dhaoine air bheag creidimh? Uime ſin na bithibh lán chùram, ag radh, Creud a dh'itheas ſinn? no creud a dh'òlas ſinn? no creud a chuireas ſinn umainn? (Oir is iad ſo uile na nithe ata na cinnich ag iarraidh) oir ata ſios aig bhur n Athair neamhaidh

neamhaidh gu bhuil ſeum agaibhſe air na nithibh ſin uile. Ach iarraibh air tùs Rioghachd Dhe, agus ſ hireantachd-ſan, agus cuirſear na nithe-ſe uile ribh. Uime ſin na bitheadh ro chùram oirbh mu thimchioll an la màrach: oir bithidh a làn do chùram air an la màrach mu thimchioll a nithe fein: is leòr do 'n là olc fein.

---

## An ſeitheamh Dòmhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Thighearna, ata ſinn a' guidhe ort, deanadh do ghna iochd t eaglais a ghlanadh agus a dhionn; agus do bhri nach urrain ì buanachadh ann ſabhaltachd as eug'ais do chomhnadh, gleidh ì gu bràth le d' chuideachadh agus le d' mhaitheas, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. iii. 13.

ATa mi'g iarraidh oirbh nach fannaich ſihh a leith mo thriobloidean-ſa air bhur ſon, ni a's è bhur glòir-ſe. Air an ádhbhar ſo lùbam mo ghluine do Athair ar Tighearna Joſa Crioſd, air an ainmichear an teaghlach uile air neamh agus air talamh, gu 'n deònaicheadh è dhuibh a reir ſaibhreis a ghlòire, bhi air bhur neartachadh le cumhachd, tràd a Spioraid ſin ann ſan duine 'n leith ſtigh; chum air dhuibh bhi air bhur freamhachadh ann grádh, gu 'm bì ſibh comaſach maille ris na naomhaibh uile, air a thuigſin creud è leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde; agus air grâdh Chrioſd aithneachadh, a chuaidh thar gach uile eòlas, chum as gu 'm bi ſibh air bhur lionadh le uile lanachd Dhe. 'Noiſe dha-ſan d'an comas gach uile nithe a dheanamh gu h an barrach ro-phailt' thar gach ni a 's urradh ſinne iarruidh no ſmuaineachadh, do reir a' chumhachd a 'ta 'g oibreachadh gu h eifeachdach annainn, Dha-ſan *gu raibh* glóir ann ſan eaglais trìd Joſa Crioſd, air ſeadh gach uile linn, gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

An

*An Soiſgeul.* Luc. vii. 11.

AGus tharladh an an la 'n a dhiaigh ſin gu 'n deachaidh è chum bhaile d' an goir'ear Nain; agus chuaidh mòran d'a dheiſciobluibh maille ris, agus ſluagh mòr. 'Noiſe 'n uair a thainig è 'm fogus do gheat' a' bhaile, ſeuch, ghiulaineadh amach duine marbh, aon mhac a mhathar, agus bu bhan-trea'ch i: agus bha ſluagh mór do *mhuintir* a' bhaile maille ria. Agus 'n uair a chunnaic an Tighearn' i, ghabh è truas mór dith, agus a dubhairt ſè ria, Na guil. Agus thainig è agus bhean ſè ris a' ghiulan, (agus ſheas iadſan a bha 'g a iomchar) agus a dubhairt ſe, Oganaich, a deirim riut, eirich. Agus dh'eirich an duine marbh 'n a ſhuidhe, agus thóſaich è air labhairt: agus thug è d'a mhathair è. Agus ghlac eagal *iad* uile: agus thug iad glóir do Dhia, ag radh, Dh'eirich faidh mór 'n ar meaſg-ne; agus, Dh'amhairc Dia air a phobull fein. Agus chuaidh 'n t iomradh ſo 'mach air-ſin air ſeadh Judea uile, agus na dùthcha m'an cuairt uile.

---

## An ſeachdamh Dòmhnach deug an deigh na Trionad.

*An Urnuigh.*

A Thighearna, guidhemid ort, gu 'm biodh do ghras do ghna romhain agus 'n ar deigh; agus gu'n tabhair è oirn an comhnuidh bhi 'g aomadh dh'ionſuidh gach uile dheagh obre, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. iv. 1.

UIrre ſin ata miſe prìoſunach an Tighearna, a' guidheadh oirbh gu 'n gluais ſibh gu cubhaidh do 'n ghairm leis an do ghairmeadh ſibh; leis gach uile irioſlachd-inntin agus macantas, maille re fad-f huiangas, a' giulan le chèile ann an gradh; a' deanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann co'-bhann na ſiothchaint. *Is* aon chorp agus ann Spiorad *ata ann*, amhuil fós a ghairmeadh ſibh ann aon

mhuinghin

mhuinghin bhur gairm; aon Tighearna, aon chreidimh, aon bhaiſte, aon Dia agus Athair nan uile, a *'ta* os ceann gach uile, agus annaibhſe uile.

*An Soiſgeul.* Luc. xiv. 1.

AGus tharladh, mar a chuaidh Joſa gu tigh uach darain âraidh do na Phairiſichibh a dh' itheadh bidh air la na ſabaid', gu'n raibh iad a' deanamh geur-fhaire air. Agus fèuch, bha duine araidh 'n a lathair air an raibh a' mhèud-bhronn. Agusfhreagar Joſa, agus labhair è ris an luchd-lagha, agus ris na Phairiſichibh, ag radh, Am bheil è ceaduichte leigheas a dheanamh air la na ſàbaid'? Ach dh' fhan iadſan 'n an toſd. Agus air dha breith *air*, leighis ſè è, agus leig ſè uaithe *è:* Agus fhreagair ſè iadſan, ag radh, Co agaibhſe, ma thuiteas aſal no a dhamh ann ſlochd, nach tarruing amach gu grad è air la na ſabaid'? Agus cha b' urradh iad a fhreagairt a-rìs ann ſna nithibh ſin. Agus labhair è comhad riu-ſan a chuireadh, 'n uair a thug è fainear mar a thagh iad na ceud àiteachaſuidhe; ag radh riu, 'N uair a gheibh thu cuireadh o neach air bith chum bainnſe, na ſuidh ann ſa cheud aite: 'n teagal gu 'n d' fhuair duin' a's onoraich' na thuſa cuireadh uaithe; agus gu 'n d' thig an ti a thug cuireadh dhuits' agus dhaſan, agus gu' n abair ſè riut Thoir aite do 'n duine ſo; agus gu 'n tòſaich thus' ann ſin le naire air ſuidhheadh ann ſan ait' a's ìſle. Ach 'n uair a gheibh thu cuireadh, im'ich agus ſuidh ann ſan ait' a's ìſle; chum 's 'n uair a thig eiſean a thug cuireadh dhuit, gu 'n abair è riut, A charaid, ſuidh ſuas ni 's airde: ann ſin gheibh thu onoir ann lathair na muintir ata 'n an ſuidhe air bòrd maille riut. Oir ge b'è neach a dh' ardaicheas è fein, ìſlichear è; agus ge b'è neach a dh' ìſlicheas è fein, àrdaichear è.

## An t-ochdamh Dòmhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

A Thighearna, guidemid ort deonuich do d' phobul gràs gu ſeaſamh 'n aghaidh buaithribh an t-ſaoghail, an diabhoil, agus na feola, agus thuſa an t-aon Dia a' leantuin le cridheachaibh agus le inntinibh fior ghlan, trìd Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 1 Cor. i. 4.

ATa mi toirt buideachais do Dhia a ghna' air bhur ſon-ſa, air ſon gras Dhe a thugadh dhuibhſe ann Joſa Crioſd; air ſon gu 'n d' rinneadh ſaibhir leiſin ſibh ann s gach uile ni, ann s gach uile ùr-labhradh, agus *ann* s gach eòlas: Reir mar a dhaingnicheadh fia'nais Chrioſd annaibh. Ionnas nach 'eil ſibh dhei'-laimh ann tiodhlac' ſam bith; ag feitheamh re foillſeachadh ar Tighearna Joſa Crioſd: Neach f òs a dhaingnicheas ſibh gus a' chrìch, *chum 's gu 'm bi ſibh* neo-lochdach ann la ar Tighearna Joſa Crioſd.

*An Soiſgeul.* Mhat. xxii. 34.

AN t am do chuala na Phairiſich gur chuir ſè na Sadduiſich 'n an toſd, chruinnicheadh iad ann ceann a chèile. Ann ſin do chuir neach àraidh dhiubh, a b'fhear teagaiſg an lagha, ceiſd *air*, 'g dhearbhadh, agus ag radh, A mhaighiſdir, cia i an aithin' a's mó ſan lagh? A dubhairt Joſa ris, Gradhuichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chroidhe, agus le d' uil' inntin. 'Si ſo a' cheud *àithne* agus an aithne mhór. Agus *is* coſmhuil an dara ria ſo, Gràdhuichidh tu do choi-mhearſnach mar thu fein. Ann dà àithne ſo ata ſuim an lagha uile, agus nam faidhean. Ach air do na Phairiſichibh bhi cruinn ann ceann a cheile, dh'f heóraich Joſa dhiubh, ag radh, Creud i bhur bar'ailſe mu thimchioll Chrioſd? co d'am mac è? a deir iadſan ris, Do Dhaibhi. A deir eaſean riu, Cionnas ma ſeadh a ghoireas Daibhi ſan ſpiorad a Tighearna dheth, ag radh,

radh, A dubhairt an Tighearna re m' Thighearna, Suidh air mo làimh dheis, gus an cuir mi do naimhde 'n an ſtol fuidh d'chofaibh ? Air an adhbhar ſin ma ghoireas Daibhi a Thighearna dheth, cionnas is mac dha è ? Agus ni 'm bu chomaſach aon neach fhreagradh ſam bith a thabhairt air ; ni mo a bha chroidh' aig aon neach (o 'n la ſin ſuas) ni air bith fheoraich dheth.

## An naoitheamh Domhnach deug an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe, do bhri as t-eug'ais nach urrain ſinn do thoileachadh ; deonuich gu tròcairich gu 'n dean do Spiorad naomh ar cridheachan a ſtiuradh agus a riaghladh ann ſgach uile nì, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. iv. 17.

SO uime ſin a deiream, agus guidheam am fia'nais an Tighearna, gun ſibh a dh' im'eachd a ſo ſuas mar ata na Geintilich eile ag im'eachd, ann diomhaoineas ann inntin fein, aig am bheil an tuigſe air a dorchachadh, air dhoibh bhi 'n an coimhich do bheatha Dhe, thaobh an ain-eolais a 'ta annta, tre chruas an chroidhe : Muintir, air dhoibh am mothacha' chall, a thug iad fein thairis do mhi-nàire, chum gach uile neo-ghloine chur ann gniomh le clocras. Ach cha d' fhòghluim ſibhſe Crioſd mar ſo ; ma chuala ſibh è, agus ma theagaiſgeadh leis ſibh, mar ata an fhìrinn ann an Joſa : Gu 'n cuir ſibh dhibh thaobh a' cheud chaithe'-beatha, an ſean duine, a'ta truaillidh reir nan ainmhianna cealgach : Agus gu 'm bi ſibh air bhur nuadhachadh ann ſpiorad bhur n inntin : Agus gu 'n cuir ſibh umaibh an nuadh dhuine, a 'ta air a chruthachadh a reir Dhe am fìreantachd agus am fior naomhachd. Uime ſin air dhuibh a' bhreug a chur uaibh, labhraibh an fhìrinn gach neach r'a choimhearſnach : oir is buill ſinn d'a chèile. Biodh fearg oirbh, agus na peacaichibh : na luidheadh a' ghrian air bhur corruich : Agus na tugaibh àite do 'n diabhol

bhol. An ti a ghoid, na goideadh à ni 's mó: ach gu ma fearr leis ſaothair a dheanamh, ag oibreachadh an ni a'ta maith maith le a làmhaibh fein, chum's gu 'm bi aige ni r'a phairteachadh ris an neach air am bheil uireasbhuidh. Na d' thigeadh focal truaillidh air bith amach as bhur bheul, ach an ni ſin a 'ta maith chum deadh-fhoghluim, ionnas gu 'n toir è gràs do 'n luchd eiſdeachd. Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad naomha Dhe, leis an do chuireadh ſeula oirbh gu là na ſaorſa. Biodh gach uile ſhearbhas, agus corruich, agus fearg, agus gàrrthaich, agus toibheum air an tog'ail uaibh, maille ris gach uile mhirun. Agus bithibh caoimhneil, teochroidheach d'a chèile, a' tabhairt maitheanais d'a chèile, eadhon mar a thug Dia mar an ceudna maitheanas dhuibhſe ann Crioſd.

*An Soiſgeul.* Mhat. ix. 1.

AGus air do Joſa dol ann luing chuaidh ſé thar an ùiſge, agus thainig ſè d'a bhaile fein. Agus fèuch, thug iad d'a ionnſuidh duine air an raibh am pairilis, 'n a luidhe air leabaidh: agus an uair a chunnairc Joſa an creidimh, a dubhairt ſè re fear na pairilis, Biodh agad deadh mhiſneach, a mhic, ata do pheacaidh air am maitheadh dhuit. Agus fèuch, a dubhairt dream àraidh do no na ſcriobhuichibh ionnta fein, Ata am fear ſo a' labhairt blaiſpheime. Agus air do Joſa an ſmuainteachadh fhaicſin, a dubhairt ſè, Creud ſa 'm bhuil ſibh a' ſmuainteachadh uilc ann bhur croidhibh? Oir cia is uſadh a radh, Ataid do pheacaidh air am maitheadh dhuit? no a radh, Eirich agus im'ich? Ach a chum gu 'm bi fios agaibh gu bhuil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air an talamh, (a deir ſè ann ſin re fear na pairilis) Eirich, tog do leabaidh, agus im'ich do d'thigh. Agus air eirigh dhóſan, chuaidh ſè d'a thigh ſein. Ach ann uair a chunnairc am pobull *ſin*, ghabh iongantas iad, agus thug iad glôir do Dhia, a thug a leithid ſin a cumhachd do dhaoinibh.

An

## An fichoid a Domhnach an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich agus ro thrócairich, guidhemid ort, gleidh ſinn le d' mhor mhaitheas, o gach nì a dh' fheudas cron a dheanamh dhuinn; air bhi dhuinn ullamh ann an corp agus ann anam, gu 'n coi'lion ſinn gu ſuilbhir na nithe ſin b'ail leat ſinn a dheanamh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. v. 15.

FEuchaibh uime ſin gu 'n gluais ſibh gu faicilleach, ni h ann mar amadain, ach mar dhaoine glice, a' fuaſgladh na h aimſir', do bhri gu hheil na làith' olc. Air an àdhbhar ſin na bithibhſe neo-ghlic, ach a' tuigſin creud i toil an Tighearna. Agus na bithibh air mheiſg le fion, ann s a' bheil an-barr'; ach bithibh air bhur lionadh do 'n Spiorad: A' labhairt ribh fein ann ſalmaibh, ann laoidhibh, agus cantaicibh ſpioradail, a' feinn agus a' deanamh ciuil ann bhur croidhibh do 'n Tighearna, a' toirt buidheachais a ghnà' air ſon nan uile nithe do Dhia agus do 'n Athair, ann ainm ar Tighearna Joſa Crioſd; air dhuibh bhi umhal d'a chèile ann eagal De.

*An Soiſgeul.* Mhat. xxii. 1.

DUbhairt Joſa is coſmhuil Rioghachd Nèimhe re Righ araidh, a rinn bainnis phóſaidh d'a mhac fein, agus chuir ſè ſhearbhanta a ghairm na muintir a fhuair cuireadh chum na bainnſe: ach nior b áill leo-ſan teachd. A-rìs chuir ſè *d'an ionnſuidh* ſearbhanta eile, ag radh, Abruibhſe ris a' mhuintir d 'an d' thughadh cuireadh, Fèuch, do dheaſuich mi mo dhìnneir: *ata* mo dhaimh agus *mo* ſpreidh bhiadht' air am marbhadh, agus *ata* gach uile nithe ullamh: thigibh chum na bainnſe. Ach do chuir iads' ann ſuarachas è, agus dh'imich ſiad

ſiad rompa, fear dhuibh d'a fhearann, agus fear eile chuma cheannuigheachd: Agus rug a' chuid eile *dhuibh* air a ſhearbhantaibh, agus thug ad eaſonoir *dhoibh*, agus mharbh fiad *iad*. Ach air cluinntin *ſo* do 'n Rtgh, ghabh ſè fearg: agus air cur armailteadh uaithe, ſgrios ſè an luchd mortaidh ud, agus loiſg ſè am baile finn. A deir ſè ann ſin r'a ſheirbhiſeachaibh, Gu fìrinneach ata a' bhainnis ullamh, gidheadh an dream a fhuair cuireadh cha b'fhiu iad *è*. Air an àdhbhar ſin im'ichibhſe gus na ròdaibh mòra, agus a lion *daoine* 's a gheibh ſibh, cuiribh *iad* chum na bainnſe. Agus air dol amach do na ſearbhantaibh ſin air na ròdaibh, chruinnich iad gach uile neach a fhuir iad, eidir olc agus mhaith: agus lionadh *tigh* na bainnſe muintir a ſhuidh chum bidh. Agus air dol a ſteach do 'n Righ a dh'fhaicſin nan Aoidheachan, chunnairc ſè ann ſin duine aig nach raibh truſcan na bainnſe uime: Agus a deir ſè ris, A charaid, cionnas a thainig thuſa ſteach ann ſo, gun truſcan na bainnſe umad? Ach dh'fhan eiſean 'n a thoſd. Ann ſin a dubhairt an Righ ris na ſeirbhiſeachaibh, Air a cheangal duibh eidir chos agus làmh, togaibh libh è, agus tilgibh ann an iomall dorchadais *è*: ann ſin bithidh gul agus giosfcan fhiacal. Oir ata mòran aìr an gairm, ach beag air an tagha'.

---

## An Domhnach thair-fhiochiod na deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

GUidemid ort a Thighearna thròcairich, deonuich do d' phobul fìrineach maitheanas agus ſith; chum gu 'm bi iad air an glanadh o 'n uile pheacaidh, agus gu 'n dean iad ſeirbheis dhuit le inntin ſhocraich, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. vi. 10.

MO bhràithre bithibh làidir ſan Tighearna, agus ann an neart a chumhachd-ſan. Cuiribh umaibh huil' armachd Dhe, chum's 'gu 'm bi ſibh comaſach air ſeaſam ann

ann agaidh cuilbheirtidh an diabhoil. Oir ni 'm bheil sinn a' gleachdadh re fuil agus feoil, ach re uachdranachdaibh, re cumhachdaibh, re prionnsuibh dorchadais an t saoghail so, re aingidheachd spioradail ann an *ionadaibh* àrda. Uime sin glacaibh d 'ar n ionnsuidh uil' armachd Dhe chum 's gu 'm bi sibh comasach air seasamh ann agaidh *a bhuairiah* san droch là, agus air dhuibh gach uile nithe a deanamh, chum seasamh. Seasaibh uime sin, air bhi d'ar leasraidh air an criosrachadh le fìrinn, agus uchd-èididh na sìreantachd umaibh; agus ullamhacha' soisgeil na siothchaint, mar bhròga agaibh air bhur cosaibh; os ceann gach uile ni, a' glacadh chugaibh sgiath á' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde teinteach an droch *Spioraid* a chosgadh. Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus cloidheamh an Spioraid, ni a 's è briathar Dhe: A deanamh ùrnuigh a ghnà' leis gach uile ghnè ùrnuigh agus athchuinge san Spiorad, agus 'a deanamh faire chum an ni so fein maille ris gach uile bhunachadh, agus guidheadh air son nan naomh uile; agus air mo shon-sa, chum gu tiubhrar dhamh comas labhairt, le fosgladh mo bheoil ann dánachd, chum gu foillsicheam diomhaireachd an t soisgeil: Air son am bheileam a'm' theachdoire ann geimhlibh: chum 's gu labhram gu dàna uime, mar is còir dhamh labhairt.

*An Soisgeul.* Ioin iv. 46.

BHa duine cumhach dach àraidh, aig an raibh a mhac gu tinn ann Capernaum. 'N uair a chual' eisean gu 'n raibh Josa air teach a Judea do 'n Ghalilee, chuaidh è d'a ionnsuidh, agus ghuidh sè air gu 'n rachadh è sios, agus gu 'n slànuicheadh è a mhac: oir bha è re h uchd bàis. Ann sin a dubhairt Josa ris, Mur faic sibh comharthaidh agus miorbhuile, cha chreid sibh. A dubhairt an duine cumhachdach ris, A Thighearna, rach sios mum fuigh mo leanban bàs. Dubhairt Josa ris, Im'ich; ata do mhac beo. Agus chreid an duine am focal a labhair Josa ris, agus dh' imich sè. Agus am feadh a bhaè fòs a' dol sios, choinnich a sheirbhisich è, agus dh' innis iad *da*, ag radh, 'Ta do mhac beo. Ann sin dh' fheòraich sè dhuibh an uair ann deachaidh sè 'n sealbhras: agus a dubhairt siad ris, An-dè air an t seachdhmhadh uair dh' fhàg am fiabhras è Mar sin dh' aithnich an t athair gur *bi* an uair sin fein, ann s an dubhairt Josa ris, 'Ta do mhac beo;

beo; agus chreid è fein, agus a theaghlach uile. 'S è ſo a-rìs an dara miorbhuil a rinn Joſa, 'n uair a thainig sè a Judea do 'n Ghalilee.

---

## An dara Domhnach thair-fhichiod an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

ATA ſin a' guidhe ort a Thighearna, gu 'n coimhdeadh tu do theaglach an eaglais ann diaghachd do ghna; ionnas le do dhìdin gu 'm bi ſi ſaor o gach uile thrioblaidibh, agus air a h-aomadh gu cràbhach gu ſeirbheis a dheanamd dhuit ann deadh oibre, chum glóir t-ainm, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Phil. i. 3.

'TA mi toirt buidheachais do m' Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh, (a ghnà' ann am uile urnuighibh air bhur ſon-ſa uile, le gàirdeachas a' deanamh guidheadh) air ſon bhur comh-pairt do 'n t ſoiſgeul, o 'n chèud la gus a noiſe; air dhamh bhi dearbhta as an ni ſo fein, eadhon an ti thóſaich deadh obair annaibh, gu 'n coi'-lion sè i gu là Joſa Crioſd: Eadhon mar is còir dhamſa ſo a ſmuainteachadh umaibh uile, do bhri' gu bheil ſibh agam ann mo chroidhe, agus gu bheil ſibh uile, 'n ar luchd comh-pairt do m' ghràs-ſa, faraon ann mo gheimhlibh, agus ann an ſeaſamh air ſon, agus ann an daingneachadh an t ſoiſgeil. Oir is è Dia m' fhia'nais, cia mèud mo mhiann oirbh uile, ann innibh Joſa Crioſd. Agus ata mi a' guidheadh ſo, *eadhon* gu 'm biodh bhur gràdhſa air a mhèudachadh ni 's mò ann còlas, agus *ann* uile thuigſe: Chum 's gu 'n dearbh ſibh na nithe a's fearr; chum 's gu 'm bi ſibh tre'-dhireach, agus gun tuiſleadh air bith gu là Chrioſd; air bhur lionadh le toraibh na fìreantachd, a 'ta tre Joſa Crioſd chum glòir' agus moladh Dhe.

An

*An Soiſgeul.* Mhat. xviii. 21:

DUbhairt Peadar re Joſa, A Thighearna, cia minic a phea-cuicheas mo bhràair a'm' aghaidh, agus a maitheas mi dha? *An ann* gu ruig an ſeachdmha' uair? A dheir Joſa ris, Ni abram riut, gus an ſeachdmha' uair: ach, gu deich agus tri fichid ſeachd uaire. Air an adhbhar ſin is coſmhuil rioghachd Nèimh' re righ àraidh, ler b'àill cunntas a dheanamh r'a ſheirbhiſeachaibh. Agus an uair a thòſaich ſè air cunntas a dheanamh, thugadh a h aon d'a ionnſuidh air an raibh aige deich mìle talanna. Ach do bhri' nach raibh aige ni leis an deanadh è dioladh, dh'àithin a thighearn' è ſein, agus a bhean, agus a chlann, agus gach uile nithe bha aig' a reiceadh, agus dioladh a dheanamh. Air an àdhbhar ſin do thuit an ſeirbhiſeach ſin ſios, agus rinn ſè umhlachd dha, ag radh, A Thigheaana, dean foighidin rium, agus iocaidh mi dhuit an t iomlan. Ann ſin air do thighearna an òglaoich ſin truas mòr a ghabhail ris, leig ſè a chead da, agus mhaith ſè na fiacha dha. Ach air dol do'n t ſeirbhiſeach ſin fein amach, fhuair è h aon d'a choi'-ſheirbhiſeachaibh, air an raibh aige ceud peghinn: agus air dha làmh a chur ann, rug ſè air ſcornach *air*, ag radh, Ioc dhamh na bhuill agam ort. Agus air tuiteam d'a choi'-ſheirbhiſeach ſios aig a cho-ſaibh, ghuidh ſè air, ag radh, Dean foighidin rium, agus iocfuidh mi an t iomlan duit. Agus nior b'àill leiſin *ſin:* ach air imtheachd dha do thilg ſè am prìoſun è, gus an iocadh ſè na fiacha. Agus an uair a chunnairc a choi'-ſheirbhiſich-ſin na nithe do rinneadh, bha iad ro-dhoilich, agus thainig iad, agus dh'fhoillſich iad d'an tighearna gach ni a rinneadh. Ann ſin air d'a thighearn' a ghairm, a dubhairt ſè ris, A dhroch ſheirbhiſich, mhaith me dhuit na fiacha ud uile, do bhri' gu'n do chuir thu impidh orm: Nach bu chòir dhuitſe mar an ceudna tròcair a dheanamh air do choi'-ſheirbhiſeach fein, amhail mar a rinn miſe tròcair orttſa? Agus air ga-bhail feirge d'a thighearna, thug ſè do na ceuſadoiribh è, gus an iocadh ſè fhiacha uile dha. Agus mar ſin do ni m' Athair neamhuidh ribhſe, mur maith gach aon agaibh o bhur croidhibh d'a bhràthair an cionta.

## An treas Domhnach 'air-fhichiod an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

O Dhe ar neart agus ar dion, is tu ughdar gach uile dhiaghachd; guidhemid ort, bi ullamh gu eisdeachd ri urnuighean cràbhach t eaglais; agus deonuich na nithe a dh'iarras sinn gu creidmheach, gu 'm faigh sinn iad gu h eifeachdach, trid Josa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Phil. iii. 17.

A Bràithaire, bithibhse le chèile 'n ar luchd-leanmhuin ormsa, agus thugaibh an aire dhoibhsin at 'a gluasachd air an dòigh sin, mar tà ata sinne 'n ar eisempleir agaibh. (Oir ata mòran a' gluasachd, mu 'n do labhair mi gu minic ribh, agus mu 'm bheil mi 'noise, eadhon a' gul, a' labhairt ribh, *gur h iad* naimhde crann-ceusaidh Chriosd: D'an deireadh bhi air an sgrios, d'an dia am brù: aig am bheil an glòir 'n an nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh) oir ata ar coinbhearsaid-ne air neamh, an t ionad as am bheil dùil againn fòs ris an t Slànui'-fhear, an Tighearna Josa Crioſd: Neach a chruth-atharraicheas ar corp dìbli, chum gu 'n deanthar è co'-chosmhuil r'a chorp glòmhor fein, a reir an oibreachaidh leis am bheil è comasach air na h uile nithe a chur fa cheannsal fein.

*An Soisgeul.* Mhat. xxii. 15.

AN sin dh'imich na Phairisich, agus ghabh siad comhairle cionnas a dh'fheudadh iad eisean a ribeadh 'n a chainnt. Agus chuir siad d'a ionnsuidh an deisciobuil fein, maille re luchd leanmhuin Ioraith, ag radh, A mhaighistir, ata fhios aguinn gu bhuil thu teagasg slige Dhe ann am firinn, agus nach bhuil suim agad do duine air bith: oir ni 'm bhuil thu ag amharc air pearsuibh dhaoine. Uime sin innis dhuinne do bhar'ail, Am bhuil è ceaduicht' cis a thaibhairt do Cheasar,

no

no nach bhuil? Ach air tuigsin am mioruin a dh' Josa, a dubhairt sè, Creud fa 'm bhuil sibh ga m' bhuaireadh, a chealgoirean? Nochduibh dhamh-sa airgiod na cìse. Agus thug iad d'a ionnsuidh peghinn. Agus a dubhairt sè riu, Cia dha a bhuineas an iomhaidh so, agus an scriobhadh *ata m'a timchioll?* A deir iadsan ris, Do Cheasar. A deir eisean riu ann sin, Thugaibh ujme sin do Cheasar na nithe 's le Ceasar; agus do Dhia, na nithe 's le Dia. Agus air dhoibh *so* a chluinntin, ghabh siad iongantas, agus air dhoibh fhàgail, dh'imich iad rompa.

## An ceathramh Domhnach 'air-fhiochiod an deigh na Trionaid.

*An Uruigh.*

O Thighearna, guidhemid ort, fuasgail do phobul o 'n cionntaibh; ionnas le d' mhor mhaitheas gu 'm bi sinn uile air ar saoradh o chuibhrich nam peacanna sin, a rinn sinn trid ar laigse. Deonuich dhuinn so, O Athair neamhaidh, air sgà Josa Criosd, ar Tighearna agus ar slanuighear beannuichte. Amen.

*An Litir.* Col. i. 3.

THa sinn a' toirt buidheachcas do Dhia, agus Athair ar Tighearna Josa Criosd, a' sìr-dheanamh ùrnuigh air bhur son-sa: O chuala sinn iom-radh air bhur creidimh-se ann Josa Criosd, agus air *bhur* grádh do na naomhaibh uile; air son an dòchais a'ta air a thasgaidh fa'r comhair-se air neamh, air an cuala sibh iom-radh roimhe ann am focal fìrinn an t soisgeil: A thainig d'ar ionnsuidhse, mar ann san t saoghal uile, agus a'ta tabhairt toraidh uaithe, mar *ata è deanamh* mar an ceudna 'n ar measgsa, o'n lá ann cuala sibh *è*, agus s an d' fhuair sibh còlas air gràs Dhe ann am fìrinn. Reir sòs mar a dh'fhoghluim sibh o Epaphras ar co'-sheirbhiseach gràdhach-ne, neach a 'ta air bhur son-sa 'n a mhinisteir dìleas do Chriosd; a chuir ann cèill dhuinne mar an ceudna bhur gràdh-sa ann san Spiorad. Air an àdhbhar so, ni bheil sinne sòs a' sgur, o 'n là a chuala sinn *è*, do deanamh ùrnuigh air bhur son-sa, agus a ghuidheadh gu 'm biodh sibh air bhur lionadh le eòlas a thoil-sin, san uile ghliocas agus thuigse spioradail. Chum gu 'n gluaiseadh sibh

gu

gu cubhaidh do 'n Tighearna chum gach uile thoileachadh, a' toirt toraidh uaibh ſan uile dheadh obair, agus a' fàs ann eòlas De; air bhur neartachadh leis an uile neart a reir a chumhachd ghlòrmhoir-ſin, chum an uile fhoighidin agus fhad-fhulangas maille re gàirdeachas; a' tabhairt buidheachais do 'n Athair, a rinn ſinne iomchu'idh chum bhi 'n ar luchd co'-pairt do oighreachd nan aomh ſan t ſolus.

*An Soiſgeul.* Mhat. ix. 18.

AIr do Joſa bhi a' labhairt nanithe-ſe riu, fèuch, do thainig uachdaran àraidh, agus thug ſè onoir dhò, ag radh, Fhuair m 'inghean bàs air ball: ach thig-ſe agus cuir do làmh uirre, agus bithidh ſi beo. Agus air eirigh do Joſa, lean ſè fein agus a dheiſciobuil è. (Agus féuch, do thainig bean, air an raibh dòrtadh fola rè dhà bhliadhna dheug, air a chùlthaobh, agus bhean ſi re iomall eadaich. Oir a dubhairt ſi innte fein, Ma bheanas mi ach re eadach, bithidh mi ſlàn. Ach air tionndadh do Joſa m 'an cuairt, chunnairc ſè i, agus a dubhairt ſè, Inghean, biodh agad deadh mhiſneach; ſhlànuich do chreidimh thu. Agus bha a' bhean ſlàn o'n uair ſin amach) agus an uair do thainig Joſa gu tigh an Uachdarain, agus a chunnairc ſè an luchd ciuil, agus a' chuideachd a' deanamh toirm *bhròin*, A dubhairt ſè riu, Im'ichibh romhaibh, oir ni 'm bhuil an nìonag marbh, ach 'n a codal. Agus rinn iad gàire *le fanoid* ris Ach an uair chureadh a chuideachd amach, chuaidh ſè a ſteach, agus rug ſè air làimh uirre, agus dh'eirich an nìonag. Agus chuaidh iomradh ſin amach air feadh na talmhain ſin uile.

## An cuigeamh Domhnach 'air fhiochiod an deigh na Trionaid.

*An Urnuigh.*

OThighearna, guidhemid ort, duiſg ſuas tograidh do phobuil treibh-dhireach, ionnas air dhoibh toradh dheadh oibre thoirt amach gu pailt, gu 'm faigh iad mòr luigheachd uait-ſa, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

Air

*Air ſon na Litir.* Jer. xxiii. 5.

FEuch, thig na laethibh, a deir an Thighearn, ann ſan tog mi ſuas do Dhaibhi meanglan fhìrineach, agus riaghluidh Righ agus ſoirbhichidh ſè, agus cuiridh ſè breitheanais agus ceartas an gniomh ann ſan talamh. 'Na laethibh-ſan bidh Juda air a ſhàbhaladh, agus gabhaidh Iſrael comhnuidh gu tearuinte; agus is ſe ſo ainm, leis am bi ſè air a ghairm, AN TIGHEARNA AR FIREANTEACHD. Uime ſin fèuch, thig na laeth, a deir an Tighearna, ann 's nach abair iad tuille, gu mairreadh an Tighearna, a thug clann Iſrael ſuas amach a' talamh na h-Eiphte; ach, gu mairreadh an Tighearna, a thug ſuas agus a threoruich ſliochd tigh Iſrael amach as an tir-tuath, agus as gach uile dhuthaich ann ſan d' iomain mi iad, agus ni iad comhnuidh nan' tir fein.

*An Soiſgeul.* Join vi. 5.

ANn ſin 'n uair a thog Joſa ſuas *a* ſhùile, agus a chunnaic ſè gu 'n d' thainig buidheann mhòr ſhluaigh d'a ionnſuidh, a deir ſè re Philip, Cia 'n t àit' as an ceannaich ſinn aran chum gu 'n itheadh iadſan? Agus a dubhairt è ſo 'g a dhearbhadh: oir bha fhios aige fein ciod a dheanadh e). Freagar Philip è, Cha leòr dhoibh luach dha cheud peghinn a dh' aran, chum 's gu 'n gabhadh gach aon aca beagan. A dubhairt a h aon d'a dheiſciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, rìs 'ſa òganach ann ſo, aig am bheil cuig arain eòrna, agus da iaſg bheaga: ach ciod iad ſo a' meaſg na h uiread? Agus a dubhairt Joſa, Thugaibh air na daoinibh ſuidhe ſios. 'Noiſe bha mòran feoir ann ſan aite. Air an àdhbhar ſin ſhuidh na daoine ſios, áireamh timchioll chuig mìle. Agus ghlac Joſa na h arain, agus air breith buidheachais da, roinn ſè air na deiſciobuil orra-ſan a ſhuidh: agus mar an ceudna do na h iaſgaibh beaga, mhèud 's a b'aill leo. 'N uair a ſhàſuicheadh iad, a dubhairt ſè r'a dheiſciobluidh, Cruinnichibh am biadh briſte 'ta fhuilleadh ann, chum 's nach caillthear a bheag. Air an àdhbhar ſin cruinnich ſiad è r'a chèile, agus lion iad dachliabh-dheug do ſbruileach nan cuig arain eòrna, a bha dh' fhuigheall aig a' mhuintir a dh' ith. Ann ſinn 'n uair a chunnaic na daoine ud am miorbhuil a rinn Joſa, a dubhairt ſiad, Gu fìrinneach is è ſo am fáidh ud a bha gu teachd chum an t ſaoghal.

¶ Ma bhios tuille do dhomhnach roimh na h-Adbheint, bidh feirbheis cuid do na domhnachaibh sin ata air am fagail an deigh an taisbenidh air an toirt a' feach a dheanamh suas a mhead 's ata air chall ann so; agus ma bhios no s'lutha bhios am fuidhalach air am fagail as; ma feadh, as gu 'm bi an Urnuigh, an Litir, agus an Soisgeul fa dheireadh so, daonan air an gnathachadh air an domhnach a's faigse roimh an Adbheint.

## La a' Naoimh AINDREA.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich, a thug a leithid do ghras do d' Abstal naomh Aindrea, a's gu'n d'thug è umhlachd chroidheil do ghairm do Mhic Josa Criosda, agus gu 'n do lean se è gun mhoille: deonuich dhuinn uile, air bhi dhuinn air ar gairm le t-fhocal naomh, gu'n tabhair sinn sinn-fein suas gù h-umhla chum t-aitheantan naomh a choilionadh, trid a n-Josa Criosd cheudna ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Rom. x. 9.

MA dh' aid'icheas tu le d' bheul an Tighearna Iosa, agus ma chreideas tu ann do chroidhe, gur thog Dia o na marbhaibh è, sabhalar thu. Oir is ann leis a' chroidhe a chreidear chum fireantachd, agus leis a' bheul a dh' aid'ichear chum slainte. Oir a deir an sgriobtuir, Ge b'è neach a chreideas ann-san, cha nàraichear è. Oir cha 'n 'eil eidear dheallachadh eidear an t Judhach agus an Grengach; oir an t aon Tighearna a 'ta os-cionn gach uile, tha è saibhir do gach uile a ghairmeas air. Oir ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, sabhalar è. Ach cionnas a ghairmeas iad air sin ann s nach do chreid iad? agus cionnas a chreideas iad ann san ti air nach cual' iad *iomradh?* agus cionnas a chluinneas iad gun searmonuiche? Agus cionnas a ni iad searmoin, mur cuir'ear iad? mar ata è sgriobhta, Cia sgiamhach cosa na muintir sin a 'ta searmonachabh soisgeil na siothchaint, a 'ta toirt sgeil aoibhneich air nithibh maithe! Ach cha raibh iad uile umhail do'n t soisgeul. Oir a deir Esaias, A Thighearna, co a chreid ar n aithris-se? Uime sin, is ann o eisdeachd a thig

thig creidimh, agus eiſdeachd tre fhocal De. Ach a deiream, Nach cual' iad? Chuala gu deimhim, chuaidh 'm fuaim air feadh gach tìr' amach, agus am briathra gu omallaibh an domhain. Ach a deiream, nach raibh fios aig Iſrael? Air tùs, a deir *Maois*, Cuiribh mi èud oirbh le *Cinneach* nach 'eil 'nan Cinneach, *agus* le Cinneach neo-thuigſeach cuiribh mi fearg oirbh. Ach ata Eſaias rc-dhàna, agus deir sè, Fhuaradh mi leo-ſan nach d' iarr mi; dh' fhoillſicheadh mi dhoibhſin nach d' fhiofraich air mo ſhon. Ach rè Iſrael a deir sè, ſhìn mi 'mach mo làmhan rè an là gu h iomlan re pobull eaſ-umhal agus a labhras a'm' aghaidh.

*An Soiſgeul.* Mhat. iv. 18.

AIg im'eachd do Ioſa re taoibh fairge na Galilee, chunnairc sè dias bhràithre, Simon, d' an goirthear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn ſan fhairge: (oir b'iaſgairibh iad). Agus a deir ſe riu, Leanaibh miſe, agus ni mi iaſgairidh air daoinibh dhibh. Agus air faghail an lionua air ball dhoibh, lean ſiad eifean. Agus air trial da as ſin, chunnairc ſè dias eile bhràithre, Seumas *mac* Shebedee, agus Eoin a bhrathair, ann luing maille r' an athair Sebedee, ag caramh an lionta: agus ghairm ſè iad. Agus air faghail na luinge, agus an athar dhoibh air ball do lean ſiad è.

## Naomh TOMAIS an t-Abſdail.

*An Urnuigh.*

ODhe uile chumhachdaich agus mhairtheanach, a' leig le t-Abſdail naomh Tomais eis-eirigh do Mhic a chuir ann teagamh, chum gu 'n biodh a' chreideamh na 's mo air a dhain'eachà'; Deonuich dhuinne creidſin' ann do Mhac Joſa Crioſda co iomlan, agus gun amharas air bith, ionnas nach be ar creideamh gu brath air a chronachadh an a d lathair. Eiſd ruinn, O Thighearna, trid an Joſa Crioſd chaudna, ga 'n rabh a maille reutſa agus ris an Spiorad Naomh,

Naomh, gach uile onair agus gloir, nis agus gu ſiorruidh. Amen.

*An Litir.* Epheſ. ii. 19.

'NOiſe uime ſin cha'n 'eil ſibh ni 's mò 'n ar coimhich agus 'n ar coigrich, ach luchd-aon-bhaile ris na naomhaidh, agus 'n ar muintir-teaghlaich Dhe; agus ata ſibh air bhur tog'aìl ſuas air bunadh nan abſtol agus nam faidhean, air bhi do Joſa Criofda fein 'na *chloich*-chion na h oifinn; ann s a' bheil an aitreabh uile, ceangailte gu ceart r'a chèile, a' fas ſuas chum bhi 'n a teampull naomha ſan Tighearna: Ann am bheil ſibhſe mar an ceudna air bhur co'-thog'ail ſuas chum bhi 'n ar tigh comhnuidh do Dhia trid an Spioraid.

*An Soiſgeul.* Eoin xx. 24.

CHa roibh Tomas, aon do 'n da-fhear-dheug, d'an goir'ear Didimus maille riu n uair a thainig Ioſa. Uime ſin a dubhairt na deiſciobuil eile ris, Chunnaic ſinne an Tighearna. Ach a dubhairt eiſean riu, Mur faic miſe aileadh nan tairngean 'na lamhaibh, agus mor cuir mi mo mhèur ann aileadh nan tairngean, agus mur cuir mi mo lamh 'n thaoibh, cha chreid mi. Agus ann ceann ochd laith' 'n a dhiaigh ſin, bha a dheiſciobuil a-ris a ſtigh, agus Tomais maille riu; thainig Ioſa, agus na dorſa duinte, agus ſheas è ſa mheadhon, agus a dubhairt ſè, Sith dhuibh. 'Na dheigh ſin a dheir ſè re Tomas, Cuir ann ſo do mhèur, agus feuch mo lamhan; agus sìnn ann ſo do lamh, agus cuir a'm' thaoibh ì; agus na bi mi-chreid'each; ach creid'each. Agus fhreagair Tomas, agus a dubhairt ſè ris, Mo Thighearna agus mo Dhia. Deir Ioſa ris, Air ſon gu faca tu mi, a Thomais, chreid thu: 's beannuicht' iadſan nach faca, agus a chreid. Agus rinn Ioſa gu fìrinneach mòran do mhiorbhuilibh eile am ſia'nais a dheiſciobul, nach 'eil ſgriobhta ſan leabhar ſo. Ach ata iad ſo ſgriobhta, chum gu'n creideadh ſibh gur è Ioſa an Crioſd Mhac Dhe, agus ag creidſin duibh, gu'm biodh agaibh beatha trìd ainm-ſe.

Iompachadh

## Iompochadh N. PHOIL an Diaghair.

*An Urnuigh.*

O Dhe, do thug air ſolus an t-Soiſgeul dealra ſeadh an t-ſaoghail uile, le ſearmanachadh an Abſdail bheannuichte Naomh Pòl; guidheamaid ort, deonuich, air dhuinn cuimhne do bhi againn air iompochadh iongantach-ſan, gu'n taiſbein ſinn ar buidheachas dhuit-ſe air ſon a' nì cheudna, le bhi leanachd an fhoghlum naomh do theagaisg è, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. ix. 1.

AGus air bhi do Shaul fos a' ſeideadh bagraidh, agus àr ann aghaibh dheiſciobuil an Tighearna, chuaidh è chum an ard-ſhagairt. Agus dh' iarr è litriche uaithe gu Damaſcus chum nan ſionagog, chor nam fuigheadh è aon neach do 'n t ſlighe ſo, co aca bu daoine no mnai iad, gu'n d' thugadh è leis ceangailte gu Hieruſalem iad. Agus ag im'eachd dha, tharladh gu'n do dhruid è re Damaſcus; agus dheatraich gu h obann mu 'n cuairt air ſolus o neamh. Agus air tuiteam dha air an talamh, chuala ſè guth ag radh ris, A Shauil, a Shauil, c'ar ſon ata thu a' geur-leanmhuin ormſa? Agus a dubhairt eiſean, Co thu, a Thighearna? Agus a dubhairt an Tighearna, Is miſe Ioſa air am bheil thuſa a' deanamh geur-leanmhuin: *Is* cruaidh dhuitſe breabadh ann aghaidh nan dealg. Agus air dha-ſan bhi air chrith agus lan ua'bhainn, a dubhairt ſè, A Thighearna, ciod is aill leat miſe a dheanamh? Agus *a dubhairt* an Tighearna ris, Eirich, agus rach a ſteach do'n bhaile, agus innſear dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh. Agus ſheas na daoine bha 'g im'eachd maille ris gun chainnt, ag cluintin a' ghutha, ach gun neach air bith fhaicſin. Agus dh'eirich Saul o'n talamh, agus air foſgladh a ſhùl dha, cha'n fhaca ſè neach air bith; ach air dhoibh breith air a laimh, threòraich ſiad *e* gu Damaſcus. Agus bha è tri laith' gun radharc, agus cha d'ith agus cha d'ol è ni air bith. Agus bha deiſciobul araidh ann Damaſcus, d'am b' ainm Ananias. agus a

dubhairt an Tighearna riſean ann am foillſeachadh, Ananias. Agus a dubhairt eiſean, Fèuch, *ata* mi *'n ſo* a Thighearna. Agus *a dubhairt* an Tighearna ris, Eirich, agus im'ich do 'n t ſraid, d' an goir'ear Dìreach, agus iar ann an tigh Iudais, *duin'* o Tharſus d'an goirthear Saul; oir fèuch, ata è re ùrnuigh. Agus chunnaic è ann am foillſeachadh duine d' an ainm Ananias, a' teachd a ſteach, agus a' cur *a* laimh' air, chum gu 'm fuigheadh è a radharc. Ann ſin fhreagair Ananias, A Thighearna, chuala mi o mhòran mu'n duine ſo, cia lion olc a rinn ſe do d' naomhaibh ann Ieruſalem: agus ata ann ſo aige ùghdarras o uachdranaibh nan ſagart, iadſan uile a cheangal a 'ta gairm air t ainm. Ach a dubhairt an Tighearna ris, Im'ich: oir is ſoitheach taghta dhamh-ſa è, chum m'ainm a ghiulan am fia'nais nan cinneach, agus righridh, agus chloinn Iſraeil. Oir nochdaidh miſe dha cia meud na nithe a's eigin da fhulang air ſga' m' ainmſe. Agus dh'imich Ananias, agus chuaidh è ſteach do 'n tìgh; agus ag cur a lamhan air, a dubhairt ſè, A bhrathair Shauil, chuir an Tighèarna (*eadhon* Iofa a dh' fhoillſicheadh dhuitſe ann s an t ſlighe air an d' thainig thu) miſe chum gu 'm fuigheadh tu do radharc, agus gu 'm biodh tu air do lionadh leis an Spiorad naomh. Agus air ball thuit o ſhuilibh amhuil lannan; agus dh'aiſigeadh a radharc dha gun dail, agus air dha eirigh, bhaiſteadh è. Agus air gabhail bidh dha, neartaicheadh è. Ann ſin bha Saul laith' araidh maille ris na deiſciobluibh a bha ann Damaſcus. Agus air ball ſhearmonaich sè Crioſd ann ſna ſionagogaibh, gur eaſean Mac Dhe. Ach bha gach uil' a chual' *e* fa ua'bhas, agus a dubhairt ſiad, Nach è ſo eiſean a bha ſgrios ann Ieruſalem iadſan a bha gairm air an ainm ſo, agus a thainig ann ſo chum na crìche ſin, gu'n d' thugadh sè ceangailte iad dh'ionnſuidh uachdaran nan ſagart? Ach bu mhoid a neartaicheadh Saul, agus chuir sè gu h amhluadh na h Iudhaich a bha chomhnuidh ann Damaſcus, a' dearbhadh gur è ſo an Crioſd.

*An Sciſgeul.* Mhat. xix. 27.

FHreagair Peadar, agus a dubhairt ſe ri Ioſa, Feuch, do threig ſinne gach uile nithe, agus lean ſinn thuſa; air an adhbhar ſin creud a gheibh ſinn? Agus a dubhairt Ioſa riu, Gu deimhin a deirim ribh, ſibhſe a lean miſe ann ſan athghineambuin, 'n tra' ſhuidheas Mac an duine air caithir a ghlòire fein, gu'n fuidh ſibhſe mar an ceudna air dà-chaithir-

dheug,

dheug, a' tabhairt breith air dà-threibh-dheug Iſraeil. Agus ge b'è neach a thrèig tighe, no bràithre, no pearaiche, no Athair, no Mathair, no bean-phoſda, 'no clann, no fearann air ſgath m'ainmſe, gheibh ſe a' cheud uiread agus a' bheatha mhairtheanach mar oighreachd. Ach ata mòran air thoiſeach, a bhitheas air dheireadh; agus air dheireadh, a bhitheas air thoiſeach.

---

## Taiſbeanadh Chrioſd ann ſan Teampul, d' an goirear gu coitchion, Glanadh na h-Oigh Muirre.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh; tha ſinn gu h-umhla a' guidhe do mhòrachd, ionnas mar a bha t-aonghin Mhic air an la ſo air a thaiſbeanadh ſ-an teampull ann am brìgh ar feola; gu 'm bi ſinn-ne mar an ceudna air ar taiſbeinadh a' d' lathair-ſe le cridheachaibh geamnidh agus ſior ghlan leis an ti cheudna do Mhac Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen'

*Air ſon na Litir.* Mal. iii. 1.

FEuch cuiridh mi mo theachdaire mach, agus ulluichidh è an t-ſlighe romham: agus thig an Tighearna ata ſibh aig iarruidh d'a theampull fein gu hobann; eadhon Teachdaire a' chumhnant, ann s am bheil toil agaibh; feuch, thig ſe, a deir Tighearna nan ſluagh. Ach co dh' fheudas la a theachd a ghiulan? agus co ſheaſas a nuair a dh' f hoillſicheas ſe è fein? oir is coſmhuil è ri teine fir glanaidh, agus ri ſiapan fear-gealuicheadh. Agus ſuighidh ſe mar f hear leagha agus mar f hear-glanadh airgid; agus glanuidh ſe Mic Lebhi, agus ſgùraidh ſe iad amhail òr agus airgiod, chum gu 'n ofrail iad do'n Tighearna ofrail ann am fireantachd. An ſin bithidh ofrailean Juda agus Jeruſalem taitneich do 'n Tighearna, mar ann ſna laeth o ſhean, agus mar ann ſna bliadhnuidh roimhe ſo. Agus thig mi fogas dhuibh chum breitheamhnais agus bithidh mi a' m' fhiadhnuis luath an aghaidh luchd-fioſachd,

agus

agus an aghaidh adhaltranach, agus an aghaidh luchd-mhionnan-eithich, agus an aghaidh an dream do ni foirneart air an fhear-tuarasdail 'n a dhuais, air a bhaintreach, agus air an dilleachdan, agus a thiontas air falbh an coigreach o chòir, agus nach gabh eagal romham sa, a deir Tighearna nan sluagh.

*An Soisgeul.* Luc. ii. 22.

AGus an uair a choi'-lionadh laith' a glanaidh, a reir lagh Mhaois, thug iad eisean gu Hierusalem, chum a thaisbeanadh do 'n Tighearna, (mar ata è sgriobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud ghin mic a dh'fhosglas a' bhrù, goirthear naomha do'n Tighearna è.) Agus a thabhairt ìobairt a reir mar a deirthear ann lagh an Tighearna, Paidhir thurtuir, no da cholman òga. Agus feuch, bha duine ann Hierusalem, d'am b'ainm Simeon; agus bha 'n duine so ionnraic agus diadhaidh, agus bha dùil aige re solas Israeil; agus bha 'n Spiorad Naomha air. Agus dh'fhoillsicheadh dha leis an Spiorad naomh', nach faiceadh *é* bas, gus am faiceadh se Chriosd an Tighearna. Agus thainig e le treòrachadh an Spioraid do'n teampull: agus an uair a thug na paranta' an leanabh Iosa a stigh, chum's gu'n deanadh iad air a shon a reir gnathuchadh an lagha, Ann sin ghlac eisean air a ghairdinibh e, agus bheannuich se Dia, agus a dubhairt e, Anois', a Thighearna, ata thu leigeadh do d'shearbhant *siubhal* ann sith, a reir t fhocail. Oir chunnairc mo shuile do shlainte; a dh' ull'uich thu roimh ghnùis nan uile phobull: Solus a shoillseachadh nan Geintileach, agus gloir do phobuill Iracil. Agus ghabh Ioseph agus a mhathair iongantas ris na nithibh a labhradh uime. Agus bheannuich Simeon iad, agus a dubhairt se re Muire a mhathair, Feuch, do chuireadh an leanabh so chum tuiteam agus eiseiridh mhòrain ann Israel; agus 'na chomharth' a labhrar 'na aghaidh: (Agus fos theid cloidheamh tre d' anam-sa fein chum's gu'm foilisichear smuaintidh croidheacha mhorain. Agus bha fos Anna ban fhaidh, ingheanPhanuel, do threibh Aser; *agus bha* i ro aosmhor, agus chaith i seachd bliadhna mailse re fear o am dh'i bhi 'na h òigh. Agus bu bhain-trea'ch i mu thimchioll ceithir bliadhn' agus ceithir fichead a dh' aois; neach nach deachaidh o'n teampull, a' deanamh seirbhis *do Dhia* a la agus a dh'oidhch' le trosgadh agus le h úrnuigh. Agus air teachd dh'ise a stigh sa cheart uair sin sein, thug i moladh do'n Tighearna, agus labhair si m'a thimchioll riu-san uile aig an raibh

raibh dûil re ſaorſa ann an Ieruſalem. Agus 'n uair a choi'-lion iad na h uile nithe a reir lagh' an Tighearna, phill iad do 'n Ghalilee, d'am baile fein Naſaret. Agus dh'fhas an leanabh, agus neartuicheadh ann ſpioraid e, air a lionadh le gliocas; agus bha ghraſa Dhe air.

---

## La N. MATTHIAS.

*An Urnuigh.*

ODhe uile chumhachdaich, a roghnuich do ſheirbheiſeach firineach Matthias do chum a bhi ann aireamh an da Abſdail dheug, ann aite an troit'eir Judas; Deonuich, air bhi do d' Eaglais do ghna air a gleidheadh o Abſdolaibh breigeadh, gu bi ſi air a h-orduchadh agus air a ſtiuradh le luchd teagaiſg threibh dhirich agus firineach, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. i. 15.

ANn ſna laithibh ſin dh'eirich Peadar ann am meadhon nan deiſciobul, agus a dubhairt ſe, (b'e aireamh nan ainmeanna bha lathair, mu thimchioll ceud agus fichead) Fheara agus a bhraithre, b'eigin an ſgriobtuir ſo bhi air a choi'-lionadh, a roimh-labhair an Spiorad naomh le bheul Dhaibhidh timchioll Iudais, a bha 'n a cheann-iuil aca-ſan a ghlac Ioſa. Oir bha e air aireamh maille ruinne, agus fhuair e cuibhrionn do 'n mhiniſtreileachd ſo. 'Noiſe cheannaich am fear ſo fearann le duais na h ea-corach; agus air dha tuiteam ann comhair a chinn, ſgain e ſa mheadhon, agus bhruchd a mhionach uile amach. Agus rinneadh ſo aithnichte do luchd-aitechadh Ierufaleim uile; ionnas gu'n goir'ear do 'n fhearann ſin 'n an cainnt fein, Aceldama, ſin re radh Fearann na fola. Oir ata e ſgriobht' ann an leabhar nan ſalm, Biodh aite comhnuidh 'n a fhaſach, agus na gabhadh neach ſam bith tamh ann; agus Glacadh neach eile a dhreachd. Air an adhbhar ſin is coir a h aon do na daoinibh ſin a bha maille ruinne, re na h aimſir' ſin uile ann deachaidh Ioſa ar Tighearna a ſteach agus amach

amach 'n ar meaſg-ne, Ag tionnſgnadh o bhaiſteadh Eoin, gus an là an do thogadh ſuas uainn è, bhi air a dheanamh 'n a fhianais air eiſeirigh-ſin maille ruinne. Agus dh' òrduich iad dias, Joſeph d'an goir'eat Barſabas, d'am bu cho'-ainm Juſtus, agus Mattias. Agus air deanamh ùrnuigh dhoibh, a dubhairt ſiad, Thuſa a Thighearna, d'an aithne croidheacha nan uile dhaoine, foillſich co do 'n dias ſo a thagh thu, A ghabhail cuibhrinn do 'n mhiniſtreileachd agus do 'n abſtolachd ſo, o 'n do thuit Judas le ſeachran, chum gu 'n rachadh ſè gu áite fein. Agus thilg iad an croinn; agus thuit an crann air Mattias, agus bha ſè air àireamh maille ris an aon-abſtol-deug.

*An Soiſgeul.* Mhat. xi. 25.

'ANn ſan àm ſin fhreagair Joſa agus a dubhairt ſè, Bheirim buidheachas dhuit, o Athair, a Thighearna nèimh' agus talmhain, air ſon gu d'fhoillſigh thu na nithe ſin o dhaoinibh eagnuidh agus tuigſeach, agus gu d'fhoillſich thu iad do leanbuibh. A ſeadh, Athair do bhrigh gur a b'ann mar ſin a bha do dheadh thoilſe. Ata gach uile nithe air an tabhairt thairis dhamh-ſa o m' Athair: agus ni h aithneadh do neach air bith a' Mac ach an t Athair: ni mo is aithne do neach air bith an t Athair, ach a' Mac, agus gach aon d'an àill leis a' Mhac fhoillſicheadh. Thigibh a' m'ionnſuidhs' uile ata re ſaothair, agus fui' throm uallaich, agus bheir miſe fuaimhneas dhuibh. Gabhuibh mo chuing oirbh, agus fòghlomaibh uam, oir ata miſe macant' agus umhal ann croidhe: agus gheibh ſibh ſois d'ar n anmaibh. Oir ata mo chuingſe ſo iomchar, agus ata m'uallach eatrom.

## An Teachdaireachd gus an an Oigh Bheannuichte MUIRE.

*An Urnuigh.*

OThighearna, guidhimid ort, dòirt do ghràs ann ar cridheachaibh, ionnas mar do fhuair ſinn ſios air feoilghabhail do Mhic Joſa Crioſd le teachdaireachd aingil; mar ſin

ſin gu 'm bi ſinn, le chèuſa agus le bhàs, air ar toirt chum glòir ais-eirigh-ſin, trid an Joſa Crioſd cheudna ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Iſai. vii. 10.

TUilleadh eile, labhair an Tighearna a rithiſt ri Ahas, ag radh, Jarr comhara air an Tighearna do Dhia; iarr è ann ſan doimhneachd ſhos, no ſann airde ſhuas, ach a dubhairt Ahas, cha 'n iarr mi, agus cha chuir mi buaireadh air an Tighearna. Agus a dubhairt s'è, Eiſdibh a niſe, O thigh Dhaibhi, a' nì ſuarach libh-ſe campar a chur air daoine, ach an cuir ſibh campar air mo Dhia-ſa mar an ceudna? Air an aobhar ſin bheir an Tighearna fein comhara dhuibh, Feuch, torruichidh Maighdion agus beiridh s'i Mac, agus bheir iad Immanuel a dh'ainm air. Im agus mil a dh' itheas è, do chum gur h-aithne dha an t olc do dhiulta, agus a maith do roghnachadh.

*An Soiſgeul.* Luc. i. 26.

AGus ann ſan t ſeathadh mìos, chuireadh an t Aingeal Gabriel o Dhia, gu caithir do 'n Ghalilee, d' am b'ainm Naſaret, dh'ionnſuidh òigh a bha fa cheangal pòſaidh aig fear d' am b' ainm Joſeph, do thigh Dhaibhidh; agus *b'è* ainm na h òighe Muire. Agus air dol a ſteach do 'n Aingeal d'a h ionnſuidh, a dubhairt ſè, Fàilte dhuit, o thuſa d' an do nochdadh mòr-fhàbhar, *ata* 'n Tighearna maille riut: *is* beannuicht' thu a' meaſg bhan. Agus an uair a chunnaic ſi è, bha i fa thriobloid inntin air ſon na cainnte ſo, agus a' reaſunachadh creud a' ghnè altacha-beatha dh'fheuda' bhi 'n ſo. Agus a dubhairt an t aingeal ria, Na biodh eagal ort, a Mhuire: oir fhuair thu gràſa o Dhia. Agus feuch, gabhaidh tu a'd' bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Joſa dh' ainm air. Bithidh ſè mór, agus goirthear Mac an Ti a's ro-airde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha righ chaithir athar fein Dhaibhidh. Agus bithidh ſè 'n a Righ air tigh Jacob gu bràth, agus cha bhi crioch air a rioghachd. Agus a dubhairt Muire ris an aingeal, Cionnas a bhitheas ſo, do bhri' nach 'eil aithne agamſa air duine? Agus fhreagair an t Aingeal agus a dubhairt ſè ria, thig an Spiorad naomha ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde ſgàil ort: uime ſin an ni naomha ſin a bheirthear leat, goirthear Mac De dheth. Agus fèuch, do bhan-

bhan-charaid Eliſabet, ata iſe fein torrach air mac 'n a ſein aois; agus 's è ſo an ſeathadh mìos dh'iſe d' an goirteadh bean aimrid. Oir ni 'm bheil ni ſam bith do dheanta do Dhia. Agus a dubhairt Muire, Fèuch ban-oglach an Tighearna, biodh è dhamhſa reir t ſhocail. Agus dh'fhalbh an t aingeal uaipe.

## La N. MHARCUS.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, do theagaiſg t-eaglais naomh le foghlam neamhuidh do ſhoſgeulaich Marc naomh; tabhair dhuinne gràs, chum nach bi ſinn mar chloinn bhig air luaſgadh leis gach ofaig do theagaiſg diamhain, ach gu 'm bi ſinn air ar daingneachadh ann am fìrinn do ſhoiſgeil naomh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Epheſ. iv. 7.

ACh thugadh gràs do gach aon againn a reir tomhais tiodhlaic' Chrioſd. Uime ſin a deir sè, Air dol ſuas da ann àird', thug è bruid am braighdeanas, agus thug sè tiodhlacaidh do dhaoinibh. ('Noiſe gu 'n deachaidh è ſuas, creud è ach gu 'n deachaidh è air tùs ſios gu ionadaibh iochdrach na talmhain? An ti a chuaidh ſios, is è ſin fein è a chuaidh ſuas mar an ceudna gu ro-àrd os ceann nan uile neamha, chum gu 'n lionadh è na h uile nithe) agus thug è droing áraidh, gu bhi 'n an abſtolaibh: droing eile, gu bhi 'n am fàidhibh: agus droing eile, gu bhi 'n an ſoiſgeulaichibh; agus droing eile, gu bhi 'n an aodhairibh, agus 'n an luchd teagaiſg; chum na naoimh a dheanamh iom-lan, chum obair na miniſtreileachd, chum tog'ail ſuas cuirp Chrioſd: Gus an d' thig ſinn uile ann aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhe, chum duine iom-lan, chum tomhais àirde iomlanachd Chrioſd: Chum as nach bi ſinn o ſo ſuas 'n ar leanabaibh, air ar tonn luaſgadh, agus air ar giùlan mu 'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaiſg, le cleaſachd dhaoine, *agus* feòltachd chealgach, leis am bheil iad gu h innleachdach a' luidheadh am plaid chum meallaidh: Ach a' labhairt

bhairt na fìrinn an grádh, gu 'm fàs ſinn ſuas ann ſna h uile nithibh chuige-ſin, a's è an ceann, *eadhon* Crioſd: O 'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dhlùthachadh trìd an ni ſin a 'ta gach alt a' toirt uaithe, a reir obreachadh eifeachdach ann tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thog'ail fein ſuas ann gràdh.

*An Soiſgeul.* Join xv. 1.

IS miſe an fhìneamhuin fhior, agus is è m' Athair an treabhaiche. Gach uile gheug ionnamſa nach 'eil a' giulan toraidh, bheir sè air falbh i: agus gach uile *gheug* a 'ta tabhairt toraidh, glanaidh sè i, chum as gu 'n giulan i tuilleadh toraidh. 'Nois' ata ſibhſe glan tre an fhocal a labhair mi ribh. Fanaibh ionnamſa, agus miſe ionnaibhſe. Mar nach urradh a' gheug toradh a thoirt uaipe fein, mur fan i ſan fhìneamhuin: cha mhò is urradh ſibhſe, mur fan ſibh ionnamſa. 'S miſe an fhìneamhuin, ſibhſe na geuga: an ti dh'fhanas ionnamſa, agus miſe ann-ſan, bheir eiſean mòr thoradh uaithe: oir as m' eugmhais-ſe cha 'n urradh ſibh aon ni dheanamh. Mur fan neach ionnamſa, 'ta sè air a thilgeadh amach mar ghèig, agus air crìonadh; agus tionailidh daoine iad, agus tilgidh iad ſan teine iad, agus loiſgear iad. Ma dh'fhanas ſibh ionnamſa, agus ma dh'fhanas m' fhocail ionnaibhſe, iarraidh ſibh gach ni a's àill libh, agus nithear dhuibh è. Ann ſo ata m' Athair air a ghlòrachadh, gu 'n toir ſibhſe mòr thoradh uaibh, agus bithidh ſibh 'n ar deiſciobuil dhamh-ſa. Mar a ghràdhaich an t Athair miſe, 's amhuil ſin a gràdhaich miſe ſibhſe: fanaibhſe ann am grádh. Ma choimheadas ſibh m' àitheanta, ſanaidh ſibh ann am gràdh: mar a choimhid miſe àitheanta m' Athar, agus ataim a' fantuin 'n a ghràdh. Na nithe ſo labhair mi ribh, chum's gu fanadh mo ghairdeachas ionnaibh, agus gu 'm biodh bhur gàirdeachas-ſa lan.

## La N. PHILIP agus SHEUMAIS.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, is i a bheatha ſhiorruidh fior eolas do bhi ort; deonuich gu 'm bi fior eolas againn gur h-è do Mhac Joſa Crioſd an t-ſlighe, an fhìrinn, agus a beatha; chum

air dhuinn ceumana t-Abſtala naomh Philip agus Sèumas a leanmhuin, gu 'n ſiubhail ſinn gu bunailteach ſan t-ſlighe a thrcoruicheas a chum na beath ſhiorruidh, trid do Mhac ceudna Joſa Crioſd ar Tighearna.

*An Litir.* Sheum. i. 1.

'TA Seumas ſearbhant Dhe, agus an Tighearna Joſa Crioſd, a' cur beannachd chum an dà threibh-dheug a 'ta air an ſgapadh o chèile. Mo bhràithre, meaſaibh mar an uile gàirdeachas 'n uair a thuiteas ſibh ann iomadh gnè bhuairibh; air dhuibh fios *ſo* bhi agaibh, gu 'n oibrich dearbhadh bhur creidimh foighidin. Ach biodh aig an fhoighidin *a* h obair dhiongmhalta fein, chum 's gu 'm bi ſibh diong'alta agus iomlan, gun uireasbhuidh ni ſam bith. Ma 'ta aon neach agaibh a dh' uireasbhuidh gliocas, iarradh è *ſin* o Dhia, a bheir do gach neach gu pailt', agus nach dean maoidheamh; agus bheir'ear dha è. Ach iarradh è le creidimh, gun bhi fuidh amharus ſam bith: oir an ti ata fuidh amharus, is coſmhuil è re tonn na fairge, a ſhèidear le gaoith, agus a'ta air a luaſgadh chuig' agus uaithe. Oir na ſaoileadh an duine ſin gu 'm fuigh è ni air bith o 'n Tighearna. 'Ta fear na h inntin dùbailt' neo-ſheaſmhach 'n a uile ſhlighibh. Deanadh am bràthair a 'ta ìoſal gàirdeachas gu 'n d' àrdicheadh è: Ach an duine ſaibhir, gu 'n d' iſlicheadh è: do bhri' mar bhlàth an fheoir gu 'n d' theid è thairis. Oir air eirigh do 'n ghrèin le dian theas, crìonaidh ſi am feur, agus tuitidh a bhlath, agus theid maiſe a dhreach am mugha: 's amhuil ſin fòs a ſheargas an duine ſaibhir 'n a ſhlighibh. 'S beannuicht' an duine a ghiulainas buaireadh: oir 'n uair a dhearbhar è, gheibh sè crùn na beatha, a gheall an Tighearna do 'n droing a ghradhaicheas è.

*An Soiſgeul.* Ioin xiv. 1.

AGus a dubhairt Joſa ra deiſciobuil, na biodh bhur croidhe fuidh thriobloid: ata ſibh a' creidſin ann Dia, creidibh ionnamſa mar an ceudna. Ann tigh m' Atharſa 'ta iomadh àite comhnuidh; mur biodh *è mar ſin*, dh' innſinnſe dhuibh: ata mi dol a dh' ull'uchadh àite dhuibh. Agus ma theid mi agus gu 'n ull'uich mi aite dhuibh, thig mi arìs, agus gabhaidh mi ſibh m' ionnſuidh fein, chum

far

far am bheil mi, gu 'm bi ſibhſe *ann* mar an ceudna. Agus is aithne dhuibh c' ait' am bheil mi dol, agus is aithne dhuibh an t ſlighe. Deir Tomas ris, A Thighearna, cha 'n 'eil fhios agaiun 'c âit' am bheil thu dol, agus cionnas a dh' fheudas eòlas na ſlighe bhi againn? Deir Joſa ris, Is miſe an t ſlighe, agus an fhìrinn, agus a beatha: cha d' thig aon neach chum an Athar ach triomſa. Nam b' aithne dhuibh miſe, b' aithne dhuibh m' Athair mar an ceudna: agus a ſo ſuas is aithne dhuibh è, agus chunnaic ſibh è. Deir Philip ris, A Thighearna, foillſich an t Athair dhuinne, agus is leòr leinn è. Deir Joſa ris, Am bheil miſe ùine co'-fhada maille ribh, agus nach aithne dhuit fòs mi, Philip? an ti a chunnaic miſe chunnaic sè 'n t Athair; agus cionnas a deir thu, Foillſich an t Athair dhuinn? Nach 'eil thu creidſin gu bheil miſe ann ſan Athair agus an t Athair ionnamſa? na briathra 'ta mi labhairt ribh, cha 'n ann uam fein ata mi 'g an labhairt: ach an t Athair, a 'ta gabhail comhnuidh ionnamſa, tha eiſean a' deanamh nan oibridh. Creidibh miſe, gu *bheil* mi ann ſan Athair, agus an t Athair ionnamſa: no, creidibh mi air ſon nan oibridh fein. Gu deimhin, deimhin a deirim ribh, An ti a chreideas ionnamſa, na h oibridh a' ta miſe a' deanamh ni eiſean mar an ceudna, agus ni è *oibridh* a's mò na iad ſo; do bhri' gu bheil miſe dol chum m' Athar. Agus ge b'è ni a dh' iarras ſibh a' m' ainm-ſe, ni miſe ſin, chum 's gu 'm bi an t Athair air a ghlòrachadh ann-ſa Mhac. Ma dh' iarras ſibh ni air bith a' m' ainm-ſe, ni miſe *è*.

## La N. BHARNABAS an t-Abſdail.

*An Urnuigh.*

O Thighearna Dhe uile chumhachdaich, a thug do t-Abſtol naomh Barnabas tiolacadh oir-dheirc an Spioraid naoimh; tha ſinn a' guidheadh ort, na fag ſalamh ſinn do d' thiolaca lionmhor, no fos do ghras gu feum a dheanamh dhiu do ghna chum t-onair agus do ghlòir fein, trìd Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

Air

*Air ſon na Litir.* Gniomh xi. 22.

AGus thainig ſgeula air na nithibh ſin gu cluaſaibh na h eaglais a bha ann Ierufalem : agus chuir iad Barnabas uatha, chum gu 'n rachadh sè *eadhon* gu h Antioch. Neach 'n uair a thainig è, agus a chunnairc è graſa Dhe, a rinn gairdeachas, agus a dh' earail orra uile, gu 'n dlù'-leanadh iad ris an Tighearna le rùn croidhe. Oir bha è 'n a dhuine maith, agus làn do 'n Spiorad naomh, agus do creidimh : Agus chuireadh fluagh mòr ris an Tighearna. Ann ſin chuaidh Barnabas gu Tarſus, a dh'iarraidh Shauil. Agus air fhaghail da, thug sè leis è gu h Antioch. Agus tharladh, gu 'n raibh iad rè bliadhna iomlan air an cruinneachadh maille ris an eaglais, agus gur theagaiſg iad fluagh mòr ; agus gur ghoireadh Crioſdaidhean do na deiſciobluibh air tùs ann Antioch. Agus ann ſna laithibh ſin thainig faidhean o Hierufalem, gu h Antioch. Agus air ſeaſamh fuas do aon aca, d' am b'ainm Agabus, dh' fhoillſich sè tre an Spiorad, gu 'm biodh gorta mhòr air feadh an domhain uile : ni mar an ceudna a thachair re linn Chlaudius Cheaſair. Ann ſinn chuir gach aon do na deiſciobluibh roimhe, a reir a chomais, coingnamh a chur chum nam braithre a bha chomhnuidh ann Judea. Ni mar a ceudna a rinn iad, agus chuir iad è chum nan ſeanoiridh tre laimh Bharnabhais agus Shauil.

*An Soiſgeul.* Ioin xv. 12.

IS i ſo m' aithne-ſe, gu 'n d' thugadh ſibhſe gradh d'a chèile, mar a gradhaich miſe ſibh. Gradh is mò na ſo cha 'n 'eil aig neach air bith, gu 'n leagadh duine anam ſios air ſon a chairde. Is ſibhſe mo chairde-ſe, ma ni ſibh gach nithe a dh' aithneam dhuibh. A ſo ſuas cha ghoir mi ſeirbhiſich dhibh ; oir cha 'n aithne do 'n t ſeirbhiſeach ciod ata a Thighearna deanamh : ach ghoir mi cairde dhibh ; oir na h uile nithe a chuala mi o m' Athair, thug mi ſios duibhſe orra. Cha ſibhſe a thagh, miſe ach 's miſe a thagh ſibhſe, agus dh' òrduich mi ſibh, chum gu 'n rachadh ſibh, agus gu 'n d' thugadh ſibh 'mach toradh, agus gu maireabh bhur toradh : chum's ge b'è ni dh' iarras ſibh air an Athair ann m' ainmſe, gu 'n tabhair sè dhuibh è.

La

## La N. EOIN Baiſte.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich, is ann le d' fhreaſdal gu h iongantach a bha do ſheirbheiſeach Eoin Baiſte air a bhreith, agus air a chuir a dh' ulluchadh ſlighe do Mhic ar ſlanuiſhear, le aithreachas a ſhearmonachadh; thoir oirne a theagaſg agus a bheatha naomha a leanmhuin, chum gu 'n dean ſinn fior aithreachas a reir a ſhearmonachadh-ſan, agus a reir eiſimpleir-ſin gu 'n labhair ſinn an fhirin do ghna, gu 'n cronuich ſinn dubhailc gu dana, agus gu 'm fuilaing ſinn gu foighidneach air ſon na fìrinn, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Iſa. xl. 1.

THugaibh comh-fhurtachd, thugaibh comh-fhurtachd, do m' phobull, a deir bhur Dia-ſa. Labhruibh gu ſólaſach ri Jeruſalem, agus glaodhaibh ria, gu bheil a cogadh air a chriochnachadh, gu bheil a h-aingeachd air a' mathadh; oir ghabh i o laimh an Tighearna cuibhrin dhubailte air ſon a h-uile pheacaidh. Guth an ti a ghlaodhas ann ſan fhaſach, ullaichibh ſlighe an Tighearna, deanuibh direach ann s' an fhaſach ſlighe mhor da'r Dia-ne. Bithibh gach gleann air an arduchadh, agus bithibh gach beinn agus gach cnoc air an deanamh ioſal, agus bithibh na h-aitibh crom air an deanamh dìreach, agus na h-aitibh garbh air an deanamh comhnart. Agus bidh gloir an Tighearn air a foillſeachadh, agus chi gach feoil le cheile ì; oir labhair beul an Tighearn è. A dubhairt an guth, glaodh. Agus a dubhairt eiſin, Ciod a ghlaodhas mi? Tha gach uile fheoil nam fèur, agus ata a' maiſe uile mar bhla na mach-thìr. Crionuidh am fèur, ſearguidh a bhla, do bhrì gu 'n fèid ſpiorad an Tighearna air: gu cinnteach is fèur am pobull. Crionuidh am fèur, ſearguidh a' bhla, ach ſeasfuidh briathar ar Dia-ne gu ſiorruidh. O Sìoin, a bheir leat deagh nuaidheachd, imich ſuas gu bèin ard: O Jeruſalem, a bheir ſgeula maith leat; tog ſuas do guth le neart; tog ſuas è, na biodh eagal ort: abair ri caithrichibh Juda, Feuch bhur

Dia.

Dia. Feuch, thig an Tighearna Dia laimh thrèin, agus riaghluidh ghairdean air a ſhon; feuch ata a dhuais maille ris, agus ata a obair roimhe. Beathuichidh sè a thrèud mar bhuachaille, cruinichidh sè na h-uain le laimh, agus giulainidh sè ann na uchd iad, agus treoruichidh sè gu faraſda a chuid am bheil uain.

*An Soiſgeul.* Luc. i, 57.

'NOiſe thainig lan inbhe Eliſabet, gu 'm biodh ì air a h aiſead; agus rug ſi mac. Agus chual' a coimhearſnaich, agus a cairde mar a nochd an Tighearna mòr thròcair dh'i; agus rinn iad gàirdeachas maille ria. Agus tharladh air an ochdmha' là, gu'n d' thainig iad a thiomchioll ghearradh an naoidhein; agus ghoir iad Sacharias deth, do reir ainm' athar. Agus fhreagair a mhàthair, agus a dubhairt ſi, Ni h eadh; ach goirthear Eoin deth. Agus a dubhairt iad ria, Ni'm bheil aon neach do d' chairdibh d'am goirthear an t ainm ſo. Agus ſmèid iad r'a athair: creud an t ainm a b' àilleis thoirt air. Agus air iarruidh clàir-ſgriobhaidh dha-ſa, ſgriobh sé, ag radh, 'Se Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantas uile. Agus air ball dh'fhoſgladh a bheul, agus dh' fhuafgladh a theanga, agus labhair sè, a' moladh Dhe. Agus thainig eagal air an coimhearſnachadh uile; agus dh'aithriſeadh na nithe ſin gu leir feadh dhuthaich àrda Iudea uile. Agus iadſan uile a chuala na nithe ſin, thaiſg iad 'n an croidhibh iad, ag radh, Creud a' ghne leinibh a bhitheas ann ſo? agus bha làmh an Tighearna maille ris Agus bha Sacharias athair air a lionadh leis an Spiòrad naomh' agus rinn è faidheadoireachd, ag radh, Gu ma beannuichte 'n Tighearna Dia Ifraeil, air ſon gu'n d'fhioſraich sè agus gu'n d' thug è ſaorſa d'a phobull, agus thog e ſuas dhuinne adhairc ſlainte, ann an tigh Dhaibhidh òglaoich fein; a reir mar a labhair ſe le beul fhaidhean naomha fein, a bha ann o thoiſeach an t ſaoghail; a thabhairt ſaorſa dhuinn o ar naimhdibh, agus o laimh na muintir ſin uile ie 'm fuathach ſinn. A choi'-lionadh na tròcair a gheall e d' ar n aithreachaibh, agus a chuimhneachadh a' choi'-cheangail naomha fein; am mion' a mhionnaich ſe d' ar n athair Abraham, Gu'n d'thugadh e dhuinn, air bhi dhuinn air ar ſaoradh o laimh ar naimhde, gu'n deanamaid ſeirbhis dha as eugmhais eagail, ann naomhachd agus ann am ſireuntachd 'na lathair fein, uile laith' ar beatha. Agus thuſa; a leinibh, goirthear

dhiot

dhiot Fàidh an Ti is ro airde ; oir theid thu roimh aghaidh an Tighearna, a dh' ull'uchadh a ſhlighe ; a thabhairt eòlas na ſlainte d'a phobull, tre mhaitheanas 'n am peacadh. Tre thròcair ro-mhòir ar De ne; leis an dfhioſraich an ùr mhaidin o'n ionad a's àirde ſinn, a thoirt ſoluis dhoibhs' ata 'nan ſuidhe ann dorchadas, agus ann ſgàil a' bhàis, a threorachadh ar cos air ſlighe na ſith. Agus dh'fhas an leanabh, agus neartaicheadh ann ſpiorad e, agus bha e ſan fhaſach gu la fhoilſeachaidh do Iſrael.

---

## La N. PHEADAIR.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich, a thug le d' Mhac Joſa Crioſd iomad gibht oir-dheirc do t-Abſtal naomh Peadar, agus a thug àithne dhurachdach dha do threud a bheathacha' ; guidheamaid ort, thoir air gach Eaſbuig agus fear teagaisg t-fhocal naomh a ſhearmanachadh gu durachdach, agus thoir air a phobull *am focal* ceudna a leanachd gu h-umhla ; chum gu 'm faigh s' iad crun do ghlòir ſhiorruidh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. xii. 1.

MU 'n am ſin, ſhin Ioraith an righ a làmhan a dheanámh uilc air dream araidh do'n eaglais. Agus mharbh e Seumas bràthair Eoin leis a' chloidheamh. Agus 'n uair a chunnairc ſe gur thaitin ſin ris na h Iudhachaibh, chuaidh e air aghaidh a ghlacadh Pheadair fòs. (Agus b'iàd laith' an arain gun laibhin a bh'ann.) Agus ghlac e agus chuir ſe 'm prioſun e, agus thug ſe e r'a ghleidheadh do cheithir cheathrar ſhaighd fheara, fa run a thoirt amach do'n phobull ann diaigh na caiſge. Air an àdhbhar ſin chòimheadadh Peadar ann ſa phrioſun ; ach bha bith-urnuigh air a deanamh leis an eaglais re Dia air a ſhon. Agus 'n uair a b'aill le Ioraith a thoirt amach, ſan oidhche ſin fein bha Peadar 'n a chodal eidir dias ſhaighd-fheara, ceangailte le da ſhlabhruidh ; agus bha 'n luchd-faire roimh

an

an dorus ag coimhead a' phrioſuin. Agus feuch, thainig aingeal an Tighearna air, agus dhealraich ſolus ann ſa phrioſun; agus air bualadh taoibh Pheadair dha, dhuiſg ſe e, ag radh, Eirich gu grad. Agus thuit a cheanglaiche d'a làmhaibh. Agus a dubhairt an t aingeal ris, Crioſraich thu fein, agus ceangail ort do bhonn bhròga; agus rinn e mar ſin. Agus a deir ſe ris, Tiig dò bhrat umad, agus lean miſe. Agus chuaidh ſe 'mach agus lean ſe e, agus cha raibh fhios aige gu'n raibh e fior an ni a rinneadh leis an aingeal; ach ſhaoil ſe gu 'm bu taiſbean a chunnaic e. Agus air dhoibh dol tre 'n cheud agus an dara faire, thainig iad chum a' gheata iaruin ata treorachadh do 'n bhaile, a dh' fhoſgail doibh leis fein; agus air dol amach dhoibh, chuaidh iad air an aghaidh tre aon fràid, agus air ball dh' fhalbh an t aingeal uaithe. Agus 'n uair a thainig Peadar chuige fein, a dubhairt ſe, 'Noiſe 'ta fhios agam gu firinneach, gu'n do chuir an Tighearna aingeal uaithe, agus gu'n do ſhaor e mi o làimh Ioraith, agus o uile dhuil pobuill nan Iudhach.

*An Soiſgeul.* Mhat. xvi. 13.

AIr teachd do Ioſa gu chriochaibh Cheſarea Philippi, dh'fheoraich ſe d'a dheiſciobluidh, ag radh, co a deir daoine is miſe, Mac an duine, ann? Agus a dubhairt iadſan, A deir cuid gur tu Eoin Baiſde, cuid Elias, agus cuid eile Ieremias, no h aon do na faidhibh. A deir eiſean riu, Ach co a deir ſibhſe is mi? Agus air freagairt do Shimon Peadar a dubhairt ſe, Is tuſa Crioſd, Mac an Dhe bheo Agus fhreagair Ioſa agus a dubhairt ſe ris, 'Sbeannuicht' thus', a Shimoin Bhar-Iona: oir cha d'fhoilliſich fuil is feoil ſin duitſe, ach m' Athairs' ata air neamh. Agus a deirimſe riut, Gur tuſa Peadar, agus air a' charraig ſo togaidh miſe m' eaglais; agus cha tabhair geataidh ifrinn buaidh uirre. Agus bheir mi dhuit eochraiche rioghachd neimh': agus ge b'e ni a cheanglas tuſa air talamh, bithidh ſe ceangailt' air neamh; agus ge b'e ni a dh'fhuaſglas tuſa air talamh, bithidh ſe fuaſgailt' air neamh.

SEUMAS

## La N. SEUMAS an t-Abſtail.

*An Urnuigh.*

O Dhe thròcaireach, deonuich, mar a bha t-Abſdail naomh Seumas, air dha tigh athar agus gach ni bh' aige, fhaghil umhla gun mhoille air bith do ghairm do mhic Joſa Crioſd, agus mar a lean ſe e; mar ſin, air dhuinne gach ain-mian ſaóghalta agus feolmhar a threigeadh, gu'm bi ſinn do ghna ullamh a chum t-aitheantan naomh a leantuinn, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. xi. 27. agus cuid do chaib. xii.

ANn ſna laithibh ſin thainig faidhean o Hieruſalem, gu h Antioch. Agus air ſeaſamh ſuas do aon aca d'am b' ainm Agabus, dh'fhoillſich ſe tre an Spiorad, gu 'm biodh gorta mhòr air feadh an domhain uile; ni mar an ceudna a thachair re linn Chlaudius Cheaſair. Ann ſin chuir gach aon do na deiſciobluidh roimhe, a reir a chomais, congnamh a chur chum nam bráithre a bha chomhnuidh ann Iudea. Ni mar an ceudna a rinn iad, agus chuir iad e chum nan ſeanoiridh tre làimh Bharnabais agus Shauil. 'Noiſe mu 'n am ſin, ſhin Ioraith an righ a lamhan a dheanamh uilc air dream araidh do'n eaglais. Agus mharbh e Seumas brathair Eoin leis a' chloidheamh, Agus 'n uair a chunnairc ſe gur thaitin ſin ris na h Iudhachaibh, chuaidh e air aghaidh a ghlacadh Pheadair fòs.

*An Soiſgeul.* Mhat. xx. 20.

ANn ſin thainig d'a ionnſuidh màthair cloinne Shebedee, maille r'a mic, a' tabhairt onoir dha, agus ag iarruidh ni araidh àir. Agus a dubhairt eiſean ria, Creud a b'aill leat? a deir ſi ris, Abair gu 'n ſuidh iad ſo mo dhias mhac, fear *aca* air do laimh dheis, agus fear eile air do laimh chli, a' d' rioghachd. Ach air freagairt do Ioſa, a dubhairt ſe, Ni 'm bheil fhios agaibh creud ata ſibh ag iarruidh. Am bhuil ſibh comaſach air a chupan ſin òl a dh'òlas miſe, agus a bhi air bhur baiſde' leis a bhaiſdeadh leis am baiſdear miſe? A deir ſiad

ris, Ata ſinn comaſach. Agus a deir eiſean riu, Cluidh ſibh gu deimhin do'm chupan-ſa, agus baiſdear ſibh leis a' bhaìſd-eadh leis am baiſdear miſe; ach ſuidh air mo laimh dheis, agus chli, ni 'n leamſa ſin a thabhairt, ach bheirthear e do 'n dream d' am bhuil ſe air ull'uchadh le m' athair-ſe. Agus air cluinntin ſo do'n deichnear eile, bha diom aca ris an dias bhraithribh. Agus air an gairm do Ioſa d'a ionnſuidh a dubhairt ſe, ata fhios agaibh gu bhuil aig prionnſaibh nan cinneach tighearnas orra, agus gu bhuil aig an daoinibh mora ſmachd orra. Ach ni mar ſin a bhitheas e 'n ar meaſg-ſa; ach ge b'e neach ler b'aill a bhi mor 'n ar meaſg, biodh e dhuibh 'n a fhear-frithealadh. Agus ge air bith ler b'aill toiſeach a bhi aige ann bhur meaſg, biedh eiſean 'n a ſhearbhant dhuibh. Amhail mar nach d'thainig Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt anma fein mar eiric air ſon mhorain.

---

## La N. BARTOLOMAI an t-Abſdail.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a thug gràs do t-Abſdal Bartholomai chum t-fhocal a chreidſin gu firineach agus a ſhearmonacha',tha ſin a' guidhe ort, deonuich do t-Eaglais am focal a chreid eiſin a ghradhachadh, agus mar aon a ſhearmonachadh agus gabhail ris, trid Joſa Criofd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Gniomh. v. 12.

RInneadh moran chomhartha agus mhiorbhuile ann am meaſg a' phobuill le lamhaibh nan abſtol; (agus bha iad uil' a dh' aon inntin ann an áilear Sholaimh. Agus cha raibh chroidh' aig a h aon do chach e ſein a cheangal riu; ach bha mor-mheas aig a' phobull orra. Agus is moid a chuireadh creidmhich ris an Tighearna, buidheann mhor araon do dhaoinibh agus do mhnaibh.) Ionnas gu'n d' thug iad amach a' mhuintir ea-ſlan air na fraidibh, agus gu'n do chuir iad air leabaichibh agus air uirighibh iad, chum ag teachd do Pheadar gu'n

gu'n cuireadh fhaileas, mar bu lugha, ſgail' air neach eigin aca. Agus thainig fos mor-ſhluagh as na bailtibh m'an cuairt air Hieruſalem, a toirt leo muintir ea-ſlan, agus dream a bha air am buaireadh le ſpioradaibh neo-ghlan; agus leighiſeadh iad uile.

*An Soiſgeul.* Luc. xxii. 24.

AGus bha fos comhſtribh eatorra, co aca bo mho a bhiodh. Ach a dubhairt eiſean riu, Ata aig righribh nan Geintileach tighearnas orra; agus goir'ear daoine fial dhiubhſan, aig am bheil ughdarras orra. Ach na bithibhſe mar ſin: ach an neach a's mo 'nar meaſg, biodh e mar an neach a's oige; agus an ti a's àirde, mar eiſean ata re frithealadh. Oir co aca 's mo, 'n ti a ſhuidheas air bord, no eiſean a ni frithealadh? nach e 'n ti a ſhuidheas? ach ata miſe 'nar meaſg ſa mar fhear-frithealaidh. Is fibhſe iadſan a dh' fhan maille riumſa ann mo bhuairibh. Agus ata miſe 'g orduchadh dhuibh rioghachd, mar a dh' orduich m' Athair dhamh-ſa; chum's gu'n ith agus gu'n ol ſibh air mo bhord-ſa ann mo rioghachd, agus gu 'n ſuidh ſibh air caithrichibh rioghail, a' toirt breith air dá-threibh dheug Iſraeil.

---

## La N. MATHA an t-Abſdail.

*An Urnuigh.*

ODHE uile chumhachdaich, a rinn le d' Mhac beannuichte, Matha a ghairm o bhord na cìoſa, gu bhi na Abſtal agus na Shoiſgeulaich; tabhair dhuinn grâs a chum gach togradh ſinntach, agus gradh ain-cneaſt air ſaibhreas a threigeadh, agus do Mhac Joſa Crioſd a leanmhuin, ata beo agus a riaghladh maille riutſa, agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia ſaoghal gun chrich. Amen.

*An Litir.* 2 Cor. iv. 1.

UIme ſin air do'n mhiniſtreileachd ſo bhi againn, do reir mar a fhuair ſinn trocair, cha 'n 'eil ſinn a' fannachadh: Ach chuir ſinn cul re nithibh folaichte na h eas-onoir

gn

gun ſinn bhi a' ſiubhal ann ceilg, no a' truailleadh focal De, ach le foillſicheadh na firinn, 'g ar moladh fein do choguis nan uile dhaoine ann ſealladh Dhe. Ach ma 'ta ar ſoiſgeul-ne folaichte, is ann doibhſin 'ta caillte ata ſe folaichte; Ann ſan do dhall dia an t ſaoghail ſo inntin na droinge nach 'eil a' creidſin, d' eagal gu 'n dealraicheadh orra ſolus ſoiſgeil ghlormhoir Chriofd, neach a's è iomhaigh Dhe. Oir cha 'n eil ſinne 'gar ſearmonachadh fein, ach JoſaCrioſd an Tighearna; agus ſinn fein 'nar ſeirbhiſich dhuibhſe air ſon Ioſa. Oir *is e* Dia a dubhairt ris an t ſolus ſoillſeachadh a dorchadas, a dhealraibh ann ar croidhibh-ne, thoirt ſolus eolais gloire Dhe, ann gnuis Ioſa Crioſd.

*An Soiſgeul.* Mat. ix. 9.

AGus ag dol do Ioſa as an àite fin, chunnairc ſe duine 'n a ſhuidhe aig bord na ciſe, d'am b'ainm Matha; agus a dubhairt ſe ris, Lean miſe. Agus air eirigh dha, lean ſe è. Agus tharladh, air ſuidhe do Ioſa aig biadh ſan tigh, feuch, thainig moran phubliocanach agus pheacach, agus ſhuidh iad ſios maille ris-ſin agus r'a dheiſciobluibh. Agus an uair a chunnairc na Phairiſich ſin a dubhairt ſiad r'a dheiſciobluibh, Creud fa'n itheann bhur maighiſdir-ſe maille re publiqcanaibh agus peacaichibh? Ach an uair a chual' Ioſa ſo, a dubhairt ſe riu, Ni h ann aig a' mhuintir ata ſlàn ata feum air an leigh, ach aig a' muintir ata eaſlan. Ach im'iohibh agus ſoghlomaibh creud is ciall da ſo, Trocair is aill leam agus cha 'n iodhbhairt: oir ni 'n d'thainig miſe a ghairm nam ſireanach, ach nam peacach chum aithreachais.

## La N. MICHAEL agus na h-Aingil uile.

*An Urnuigh.*

O Dhe ſhiorruidh, a dh' orduich agus a chuir air chois ſeirbheis Aingeal agus dhaoine air mhodh iongantach; deonuich gu trocaireach, mar ata t-Aingil naomh do ghna a' deanamh ſeirbheis dhuit air neamh; mar ſin le t-orducha' gu 'n dean iad comhnadh agus dion dhuinne air talamh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Au*

*Air ſon na Litir.* Taiſb. xii. 7.

BHa cogadh air neamh : rinn Michael agus aingil cogadh ann aghaidh an dragoin, agus chog an dragon agus aingil fein ; agus nior thug ſiad buaidh, ni mo a fhuaradh an àite ſin ni 's mo air neamh. Agus thilgeadh amach an dragon mòr, an t ſean naithir ſin, d'an goir'ear an diabhol agus Satan, a'ta mealladh an t ſaoghail uile ; thilgeadh amach è chum na talmhain, agus thilgeadh amach aingil maille ris. Agus chuala mi guth mòr ag radh air neamh, 'Noiſe 'ta ſlainte agus neart, agus rioghachd ar De-ne, agus cumhachd a Chrioſd air teachd; oir thilgeadh ſios fear-caſaid ar bràithre, a bha 'gan caſaid ann lathair ar De-ne a là agus a dh' oidhche. Agus thug iad buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fia'nais-ſin ; agus cha do ghràdhaich iad an anama fein gu bàs. Uime ſin biodh gáirdeachas oirbh, O a neamha, agus oirbhs' a 'ta 'n ar comhnuidh annta. An-aoibhinn do luchd-àiteachaibh na talmhain, agus na fairge ; oir thainig an diabhol a nuas d' ar ionnſuidh, agus fearg ro-mhor air, do bhri' gur fioſrach è nach 'eil aige ach uine ghaoraid.

*An Soiſgeul.* Mhat. xviii. 1.

ANn ſan am ſin fein, thainig na deiſciobuil chum Ioſa, ag radh, Co a's mo ann an rioghachd Neimh ? Agus air do Ioſa leanabh beag a ghairm chuige, chuir ſe 'n am meadhon è, Agus a dubhairt ſé, Gu fìrinneach a deirim ribh, Mur iompoichear ſibh, agus mur bi ſibh mar leanbana, nach d'theid ſibh a ſteach do rioghachd Neimh'. Air an adhbhar ſin ge b'è dh'iſlicheas è fein mar an leanban ſo, 's è ſin fein a's mo ann an rioghachd Neimhe. Agus ge b'è ghabhas aon leanban d'a leithid ſo ann am ainmſe, gabhuidh ſe miſe. Ach ge b'e neach a bheir oilbheum dh'aon neach do'n mhuintir bhig ſo ata creidſin annam-ſa, b'fhearr dha gu 'm biodh cloch mhuilìnn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu 'm biodh è air a bhàthadh ann an doimhne na fairge. Is an-aoibhinn do 'n ſaoghail air ſon oilbheimean ; oir is eigin do oilbheimibh teachd : ach is an aoibhinn do'n duine ſin tre 'n d'thig an t oilbheum. Uime ſin ma bheir do làmh no do chos àdhbhar oilbheim dhuit, gearr dhiot iad, agus tilg uait iad : is fearr dhuit dol a ſteach do'n bheatha air leth chois no air leth làimh, no dà làimh no dà chois a bhi agad, is tu bhi air do thilgeadh

ann

ann ſan teine ſhiorruidh. Agus ma bheir do ſhùil àdbhar oilbheim dhuit, ſpion aſad i, agus tilg uait i; is fearr dhuit dol a ſteach chum na beatha air leth ſhùil, na dà ſhùil a bhi agad agus thu bhi air do thilgeadh ann an teine ifrinn. Thugaibh an aire nach dean ſibh tarcuis air aon neach do'n mhuintir bhig ſo; oir a deirimſe ribh, gu bhuil an Aingil-ſin air neamh a' faicſin a ghnàth gnuis m' Atharſa, ata air neamh.

---

## La N. LUCAS an Soiſgeuluich.

*An Urnuigh.*

ADhe uile chumhachdaich, a ghairm Lucas an Leigh, air a bheil cliu ann s an t-Soiſgeul, gu bhi na Shoiſgeulaich, agus na leigh do'n anam; Gu ma toil leat, uil' eaſlaintean 'ar n' anamanna' a leigheas, le iochd-ſhlaintibh fallain an teagaiſg do thug è ſeachad, trid tòilltineas do Mhic Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* 2 Tim. iv. 5.

ACh dean thuſa faire ann ſna h uile nithibh, fùiling ctuaidh-chas, dean obair ſoiſgeulaich', thoir lan-dearbhadh air do mhiniſtreileachd. Oir ataimſe 'noiſe air ti bhi air m iobradh, agus ata am mo ſhiubhail am fogus. Chog mi an deadh chogadh, chriochnaich mi mo churſa; ghleidh mi an creidimh. O ſo amach taiſgear fa m' chomhairſe crùn fireantachd, a bheir an Tighearna, am breitheamh co'thromach, dhamh-ſa ſan la' ud: agus ni dhamh-ſa amhain, ach dhoibhſin uile mar an ceudna leis an ionmhuinn a theachd-ſan. Dean do dhìchioll air teachd a m' ionnſuidh gu grad. Oir threig Demas mi, air dha an ſaoghal ſo a ta làthair a ghràdhachadh, agus chuaidh è gu Teſſalonica; chuaidh Creſcens do'n Ghalatia, Titus do Dhalmatia. Tha Lucas 'n a aonar maille rium. Gabh Marcus agus thoir leat è; oir ata sè tarbhach dhamh-ſa chum na miniſtreileachd. Agus chuir mi Tichicus gu h Epheſus. An ſhalluing a dh' fhag mi ann Troas aig Carpus, 'n uair a thig thu, thoir leat, agus na leabhraiche, ach gu h araid na meambrana. Rinn Aleſander an copar-cheard mor olc dhamh-ſa; gu tugadh an

Tighearna

Tighearna dha reir a ghniomhartha. Bi thuſa mar an ceudna air t ſhaicill uaithe, oir chuir è gu mor ann aghaidh ar braith-ra-ne.

*An Soiſgeul.* Luc. x. 1.

DH' orduich an Tighearna mar an ceudna deichnear agus tri fichead eile, agus chuir è lion dias is dias roimh ghnuis iad, do gach baile, agus aite, ann ſan raibh è fein gu teachd. Air an adhbhar ſin a dubhairt è riu, 'Sa 'm fogh'ar gu firinneach mor, ach ata an luchd oibre tearc: guidhibhſe uime ſin ar Tighearna an ſhoghaire, luchd oibre chur amach chum ſhogh'aire fein. Im'ichibh; fèuch, ata miſe 'g ar cur amach mar uain a' meaſg mhadradh alluidh. Na iomchair-ibh ſporan, no mala, no broga: agus na beannuichibh do neach air bith ſan t ſlighe. Agus ge b'è tigh ann ſan d'theid ſibh a ſteach, abraibh air tus, Gu'n raibh ſith do'n tigh ſo. Agus ma bhios mac na ſith ann ſin, gabhaidh bhur ſith-ſe comhnuidh air; ach mur bi, pillidh bhur ſith chugaidh fein a-ris. Agus fanaibh ann ſan tigh ſin, ag itheadh agus ag ol na nithe a bheir'ear dhuibh; oir is fiu an t oibriche a thuaraſdal.

---

## La N. SIMON agus JUD na h-Abſda'a.

*An Urnuigh.*

O DHE uile chumhachdaich, a thog t-Eaglais air ſleigh nam Faidhean, agus nan Abſdalan, air bhi do Joſa Crioſd e fein na chloich chinn na h-oiſin; deonuich dhuinne bhi ceangailte ri cheile mar ſinn ann aonachd ſpioraid, le 'n teagaſg-ſan, chum gu 'm bi ſinn air ar deanamh 'n ar teampull naomh taitneach dhuit-ſe, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Jud. 1.

IUdas ſearbhant Ioſa Crioſd, agus brathair Sheumais, chum na droing' a 'ta air an naomhachadh le Dia an t Athair, agus air an coimhead le Ioſa Crioſd, agus a 'ta air an gairm; Gu raibh trocair, agus ſiothchaint, agus gradh air am meudachadh

chadh dhuìbhſe. A mhuintir ionmhuinn, air dhamh an uile dhichioll a dheanamh chum ſgriobhadh d' ar n ionnſuidh mu thimchioll na ſlainte choitchionn; b' f heumail damh ſgriobhadh d'ar n ionnſuidh, 'g ar n earalach' ſibh a chathachadh gu dìchiollaich air ſon a' chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh. Oir dh' eulaigh daoine araidh a ſteach, a dh'orduicheadh roimhe o ſhean chum na dite' ſo, daoine mi-dhiadhaidh, a'ta tionndadh gras ar De-ne gu macnus, agus a'ta 'gaichſheun' Dhe, a's aon uachdaran ann, agus ar Tighearna Ioſa Crioſd. Uime ſin is àill leam bhur cur ann cuimhne, ge do bha f hios agaibh aon uair air ſo, cionnas taires do 'n Tighearna am pobull a ſhaoradh a talamh na h Eipht, a ſgrios è ann diaigh ſin an droing nach do chreid. Agus na h aingil nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh' f hàg an aite-comhnuidh fein, choimhid sè ann geimhlibh ſiorruidh fuidh dhorchadas, fa chomhar breitheanais an la mhòir. Amhuil ata Sodom agus Gomorrha, agus na bailte mu 'n cuairt orra, a thug iad fein thairis do ſtrìopachas air a' mhodh cheudna, agus a bha leantuin feola coimheach, air an cur ſuas 'n am ball-ſampuill, a' fulang dioghaltais teine ſhiorruidh. Mar an ceudna fòs ata an luchd-bruadair neo-ghlan ſin a' ſalchadh na feóla, a' deanamh tair' air uach-dranachd, agus a' labhairt gu toibheumach air ard inbhibh.

*An Soiſgeul.* Ioin xv. 17.

'TA mi 'g àithne nan nithe ſo dhuibh, chums gu 'n gràdhaich ſibh a chèile. Ma 'ta 'n ſaoghal 'g ar fuathachadh, tha f hios agaibh gu 'n d' f huathaich è miſe romhaibh. Nam b' ann do 'n t ſaoghal ſibh, ghràdhaicheadh an ſaoghal a chuid fein: ach do bhri' nach ann do 'n t ſaoghal ſibh, ach gur thagh miſe ſibh as an t ſaoghal, uime ſin tha fuath aig an t ſaoghal duibh. Cuimhnichibh am focal a dubhairt mi ribh, Cha 'n 'eil an ſeirbhiſeach ni 's mò na a Thighearna. Ma rinn iad geur-leanmhuin ormſa, ni iad geur-leanmhuin oirbhſe mar an ceudna: ma choimhid iad m' f hocal-ſa, coimheadaidh iad bhur *focal-ſa* mar an ceudna. Ach na nithe ſo uile ni iad ribh air ſon m' ainm-ſe, do bhri' nach aithne dhoibh eiſean a chuir uaithe mi. Mur bithinn-ſe air teachd, agus air labhairt riu, cha bhiodh peacadh aca: ach a noiſe cha 'n 'eil leith-ſgeul am peacaidh aca. An ti aig am bheil fuath dhamh-ſa, tha fuath aige do m' Athair mar an ceudna. Mur bithinn-ſe air deanamh

nan

nan oibridh 'n am meaſg nach d' rinn aon neach eile, cha bhiodh peacadh aca: ach a noiſe chunnaic iad fòs agus dh fhuathaich iad araon miſe agus m' Athair. Ach *rinneadh ſo* chum gu 'n coi'-lionfadh am ſocal a 'ta ſgriobhta 'n an lagh fein, Dh' fhuathaich iad mi gun àdhbhar. Ach 'n uair a thig an Comh-fhurtoir, a chuireas miſe d 'ar ionnſuidh o 'n Athair, Spiorad na fìrinn, a tha teachd amach o 'n Athair, ni eiſean fia'nais mu m' thimchioll ſa. Agus ni ſibhſe fia'nais mar an ceudna, do bhri' gu bheil ſibh maille rium o thùs.

## La nan uile Naomh.

*An Urnuigh.*

ODhe uile chumhachduich, a cheangail ri a cheile do dhaoine taghta ann aon cho-chomunn agus ann aon chompanas, ann an corp ru 'n diamhaireach do Mhic ar Tighearna; tabhair dhuinn grás a leanachd do naoimh bheannuichte ann gach caith-beatha ſubhailceach agus diaghaidh, chum gu 'n d' thig ſinn a dh' ionſuidh an aoibhneis do labhairt ſin, a dheaſuich thu do 'n dream a bheir gràdh treibh-dhìreach dhuit, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Air ſon na Litir.* Taiſb. vii. 2.

AGus chunnairc mi aingeal eile ag eirigh o 'n àird an ear, agus ghlaodh è le guth mòr ris na ceithir aingil, d'an d' thugadh *cumhachd* gu cron a dheanamh air an talamh agus air an fhairge, ag radh, Na deanaibh dochoir do 'n talamh, no do 'n fhairge, no do na craobhaibh, gus an cuir ſinn ſeula air ſeirbhiſich ar De-ne air clàr an eudain. Agus chuala mi àireamh na droinge a ſheulaicheadh: agus ſheulaicheadh ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, do uile threibhibh chloinn Iſrael.

Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Juda.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Reuben.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Ghad.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Aſer.

Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Nepthalim.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Mhanaſſes.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Shimeon.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Lebhi.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Iſachair.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Shabuloin.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Joſeph.
Sheulaicheadh da-mhìle-dheug do threibh Benjamin.

Ann diagh ſo dh' amhairc mi, agus fèuch, ſluagh mòr, nach raibh neach ſam bith comaſach air àireamh, do gach uile chinneach, agus threibhibh, agus phoibleachaibh, agus theangaibh, 'n an ſeaſamh ann làthair na righ-chaithreach, agus ann làthair an Uain, air an ſgeadachadh le róbaibh geala, agus pailm aca 'n an làmhaibh; agus ghlaodh iad le guth àrd, ag radh, Slàinte d'ar Dia-ne a 'ta 'n a ſhuidhe air an righ-chaithir, agus do 'n Uan. Agus ſheas na h aingil uile timchioll na righ-chaithreach, agus rinn iad àdhradh do Dhia, ag radh, Amen: Moladh, agus gloir agus gliocas, agus buidheachas, agus onair, agus cumhachd, agus neart *gu raibh* d'ar Dia-ne gu ſaoghal nan ſaoghal. Amen.

*An Soiſgeul.* Mhat. v. 1.

AGus an uair do chunnairc Joſa an ſluagh, chuaidh è ſuas air ſliabh: agus air ſuidh' dhò, thainig a dheiſciobuil d'a ionnſuidh. Agus air foſgladh a bhèil da, theagaiſg ſè iad, ag radh, Is beannuicht' iads' ata bochd 'n an ſpiorad: oir is leo rioghachd nèimh'. Is beannuicht' iads' ata re bròn: oir gheibh ſiad ſòlas Is beannuichte na daoine macant': oir ſealbhuichidh iad an talamh mar dhligh' oighreachd. Is beannuicht' an dream air am bhuil ocras agus tart na còrach: oir ſáſuichear iad. Is beannuicht' na daoine tròcaireach: oir gheibh ſiad tròcair. Is beannuicht' na daoine 'ta glan 'n an croidhe: oir chi ſiad Dia. Is beannuichte luchd dheanamh na ſiothchaint; oir goirthear clann De dhiubh. Is beannuicht' an dream ata fulang geur-leanmhuin air ſon na còrach: oir is leo-ſa rioghachd nèimh'. Is beannuicht' a bhitheas ſibh an uair a bheir daoine an-caint dhuibh, agus a ni ſiad geur-leanmhuine *oirbh*, agus a labhras iad gach uile dhroch fhocal ribh gu breugach air mo ſgàthſa. Ann ſin deanuibh gàirdeachas, agus bithibh ro-ſhubhach: oir is mar ſin do rinn ſiad geur-leanmhuin air na fáidh ibh thainig romhaibh.

An

# An t-ORDUGH chum frithealadh SUIPEIR an TIGHEARNA, no an COMANACH Naomh.

A' Mheud a 's leis a' miann an comanach naomh do ghabhail, bheir iad a 'n ainm do 'n Mhiniſteir, air a chuid a 's lugha uairigin air an la roimhe.

¶ Agus ma bhios droch caithe beatha ſoilleir follaſach aig neach dhiubh ſin, no ma rinn e ea-coir air bith air a choimhearſnach am briathar no an gniomh, leis an tug ſe oilbheum do 'n chomh-thional; air faghail fios do 'n Mhiniſteir, gairmidh ſe air, agus bheir e fios da, nach gabh ſe dhanadas air chor air bith teachd gu bord an Tighearna, gus an d' thoir e dearbha follaſach gu 'n d' rinn ſe fior aithreachas, agus gu 'n do leaſuich e o'n droch caithe beatha bh' aige roimhe, chum le ſo gu 'm bi an co-thional toilichte, a fhuair ſgainneal roimhe; agus gu 'n d' thug e dioladh do 'n dream air an d' rinn ſe ea-coir, no air a chuid a 's lugh gu bheil lan run aige ſin a dheanamh, co luath 's a dh'fheudas e gu gaoireaſach.

¶ Gnathuichidh a' Miniſteir an doigh cheudna ris an dream ſin ga bheil fios aige fuath no mi-ruin do bhi eatora; gun chomas thoirt dhoibh teachd gu bord an Tighearna, gus am bheil fios aige gu 'n d' rinn iad reite. Agus ma bhios aon do 'n dream eidir am bheil an reite, toileach o ghrunnd a chridhe air gach coirre a rinn a' neach eile 'n a aghaidh a mhatha, agus gu dioladh a dheanamh air ſon a choirre fein; agus nach gabh a' neach eile toirt gu reite dhiaghuidh, ach gu 'm buanuich e do ghna 'n a chroſtachd agus 'n a mhi-ruin: an ſa chuis ſin is coir do 'n Mhiniſteir a neach do rinn aithreachas a ghabhail a dh' ionſuidh chomanuich naomh, agus ni h-e a' neach ata ragmhuinealach. Ach gu 'm bi e dh' fhiachaibh air gach Mhiniſteir a chumas aon neach air ais, mar ata air a chur fios ann ſo, no an ſan earruin a 's faigſe roimhe do 'n rubric ſo, cunntas thoirt do 'n uachdarain eaglais an taobh ſtigh do cheathir la deug air a chuid a 's faide. Agus ſmachduichidh an t-uachdaran eaglais an duine eas-umhla a reir lagh na h-eaglais.

¶ Air bhi do 'n bhord ann am a chomanuich air a cho'dachadh le lianeudach fior geal, ſeaſuidh e ann am mheadhon na h-eaglais, na ſa chanſal, far am bheil na urnuigh mhaidne agus fheaſcair air an orducha' re radh. Agus air ſeaſamh do 'n t Saghart air taobh tuath a bhuird, a deir ſe urnuigh an Tighearna, agus an urnuigh a leanas, air bhi do 'n phobul air an gluinibh.

An

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*An Urnuigh.*

O Dhe uile chumhachdaich, d'a m' bheil gach cridhe fosgailte, gach togradh aithnichte, agus 'o nach 'eil uaigneas air bith folaichte; glan ſmuainte ar cridheachan le deachda do Spioraid naoimh, chum gu 'n tugamaid gradh foirfe dhuit, agus gu 'n cliudhaicheamaid t-ainm naomh mar is còir, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Air do 'n t-Sagart tiontadh ris a phobul a deir ſe na deigh aitheantan gu ſoilleir; agus air bhi do 'n phobul daonan air an gluinibh, aig deireadh gach aithne, iarruidh iad trocair air Dia air ſon a briſeadh leo ſan am a chuaidh ſeachad, agus gras a chum a coimhid ſan am re teachd, mar a leanas.

*Miniſteir.*

LAbhair Dia na briathra ſo, agus a dubhairt ſè, Is miſe an Tighearna do Dhia: Cha bhi Dèe air bith eil' agad ach miſe.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na dean dhiut fèin *dealbh* ſnaidhte, no coſlas 'ſam bith *a dh'aon ni*, a *ta* 'ſna neamhaibh ſhuas, no air an talamh ſhìos, no 'ſna h-uiſgeachaibh fuidh 'n talamh. No crom thu fèin sìos doibh, agus na dein ſeirbhis doibh: oir mis' an Tighearna do Dhia, *is* Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheach nan aithreacha air a' chloinn, gus an treas, agus air a' cheathramh *ginealach* dhiubhſan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' nochdadh trócair do mhìltibh dhiubhſan a ghràdaicheas mi, agus a choimhideas m'àitheanta.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.*

*Miniſteir.* Na tabhair ainm an Tighearna do Dhè 'an dìomhanas; oir cha mheas an Tighearna neo chiontach *ſan* a bhear ainm 'an dìomhanas.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid

*Miniſteir.* Cuimhnich la na ſabaid a naomhachadh. Se laithean ſaothraichidh tu, agus ni thu t'obair uile. Ach *air* an t-ſeachdamh la *tha* ſabaid an Tighearna do Dhè: *air an la ſin* na dean obair 'ſam bith, thu fein, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhan-oglach no d'ainmhidh, no do choigreach a *ta* 'n taobh a ſtigh do d' gheataibh: oir ann an ſè laithibh rinn an Tighearna na nèamhan agus an talmamh, an fhairge, agus gach ni a *ta* annta; agus gabh è fois air an t-ſeachdamh la: air an aobhar ſin bheannaich an Tighearna, an ſeachdamh la, agus naomaich ſè é.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhathair; a chum as gu 'm bi do laithean buan air an fhearann a *tha* 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na dean mortadh.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na dean adhaltrannas.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na dean gaduigheachd.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na tabhair fianuis bhrèige 'n aghaidh do choimhearſnaich.

*Pobul.* A Thighearna dean tròcair oirn, agus aom ar cridheachan a chum an lagh ſo do choimhid.

*Miniſteir.* Na ſanntaich tigh do choimhearſnaich; na ſanntaich bean do choimhearſnaich, no òglach, no bhan-oglach, no dhamh, no aſal, no aon ni a 's le do choimhearſnach.

*Pobul.* A Thighearna tha ſinn guidhe ort, dean tròcair oirn, agus ſgriobh an lagh ſo uile ann ar cridheachan.

¶ An ſin leanuidh aon do 'n da urnuigh ſo air ſon an Righ, air do 'n t-Sagart bhi na ſheaſamh mar bha e roimhe, agus ag radh,

*Deanamaid Uruuigh.*

A Dhe uile chumhachduich, aig am bheil do rioghachd bith-bhuan, agus do chumhachd gun tomhas; dean tròcair air an eaglais gu h-iomlan, agus riaghluich cridhe do ſheirbheiſich thaghta Deorſa ar Righ agus ar ſear riaghluidh, chum, (air dha-ſan a thuigſin co d' an ſeirbheiſich è) gu 'n iarr è t-onair agus do glòir oſcion gach uile nithe; agus gu 'n d'thoir ſinne agus uile iochdarain (a' ſmuainteachadh gu cubhaidh co uaithe ata ughdaras aige) ſeirbheis, urram, agus geil umhla dha gu fìrineach, annad-ſa, agus air do ſhon-ſa, a reir t-ordugh agus t-fhocail bheannuichte, trid Joſa Crioſd ar Tighearna, ata beo agus aig riaghladh gu brath maille riut-ſa, agus ris an Spiorad naomh, aon Dia ſaoghal gun chrich. Amen.

¶ *No,*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, tha t-fhocal naomh a' teagaſg dhuinn, gu bheil cridheachan righrin fo d' ſtiurradh agus fo d' riaghladh, agus gu bheil thu 'g an orduchadh agus 'g an iompochadh mar is fearr a chithear do d' gliocas diaghaidh fein; guidhimid gu h-umhla ort gu 'n ſtiuradh agus gu 'n riaghladh tu croidhe Dheorſa do ſheirbheiſeach, ar Righ agus ar n uachdaran, chum 'na uile ſmuaintibh, briathraibh, agus gniomharaibh, gu 'm bi è do ghna aig iarruidh t-onair agus do glòir, agus gu' bi è durachdach a chum am pobul a chuir thu fo chùram a ghleidheadh, ann ſai'bhreas ſioth-chaint, agus an diaghachd. Deonuich ſo, O Athair thròcaìrich, air ſgà do Mhic ghradhuich Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ *An ſin a deirear urnuigh an la. Agus air ball an deigh na h-urnuigh, leabhuiah an ſagairt an litir, ag radh.* Ata 'n litir [no chuibhrin do 'n ſgriobtuir a dh' orduicheadh air ſon na litir] ſgriobhte an ſa —— chaibdeal do —— a' toiſeach aig an —— rann. *Agus nuair chriochnuicheas an litir, a deir ſe,*

s'è

'sè ſo deireadh na Litir. *An ſin leahhuidh sè an ſoiſgeil (air bhi do 'n t-ſluagh uile nan ſeaſamh) aig radh,* Tha 'n ſoiſgeul naomh ſgriobhte ann ſa —— chaibdeil do —— a toiſeach aig —— rann. *Agus air criochnachadh an t-ſoiſgeul, a deirear no ſeinnir a cbrèud a leanas air bhi do 'n phobul nan ſeaſamh, mar bha iad roimhe.*

CReidim ann Dia an tAthair uile chumhachdach, Cruithfhear neimh agus talmhain, agus nan uile nithe faicſionach agus neo-fhaicſionach: Agus ann aon Tighearna Joſa Crioſd, aon Mhac geinte Dhe, do ghineadh le Athair roimh' na h-uile ſhaoghail, Dia do Dhia, Solus do Sholus, Dhia fior do Dhia fior, Geinte cha n ann deanta, Air bhi dha do dh' aon ſubſtaint ris an Athair, leis an d' rinneadh na h uile nithe: neach a thainig a nuas o neamh air ar ſoin-ne daoine agus air ſon ar ſlainte, agus do ghabh coluin leis ann Spiorad Naomh do 'n Oigh Muirre, agus do rinneadh na dhuine, agus mar an ceudna chèuſadh air ar ſoin-ne fo Phonſius Pilat. Dh' fhuiling ſè agus dh' adhlaiceadh è, agus an treas la dh-èirich ſè rithiſt do reir nan ſgriobtuireadh, agus chaidh è ſuas air neamh, agus ata ſè na ſhuidhe air deas-lamh an Athar. Agus thig ſè aris le glóir a thoirt breath araon air na beodhaibh agus air na mairbh: agus cha bhi crioch air a rioghachd.

Agus Creidim ann ſan Spiorad Naomh, an Tighearna agus fear-tabhairt beatha, ata teachd o 'n Athair agus o 'n Mhac, do am bheil adhradh agus gloir air an tabhairt maille ris an Athair agus ris a Mhac, a labhair leis na fhàidhibh. Agus creidim aon eaglais choitchionn agus abſtolach. Aidichim aon baiſte chum maitheanas peacaidh, agus tha ſùil agam ri eis-eirigh na marbh, agus ri beatha an t-ſaoghail ata re teachd. Amen.

¶ An ſin inſidh a' Miniſteir do 'n pobul ciod na laeth naomh no na laeth traiſg ata ri choimhid san t-ſeachdainn a leanas. Agus ann ſin mar an ceudna (ma 'ta aodhbhar ann) bheirear fios mu 'n Chomanach; agus bheirear na gairmana poſaidh; agus leubhbhar gearan nam bochd, fia'nuiſin, aſcaoineaglais. Agus cha bhi ni air bith air a ghlaodhuich no air a dheanamh follaſach san eaglais, ann am na ſeirbheis dhiaghaidh, ach leis a Mhiniſteir: no aon ni leiſin, ach na 'ta air chuir ſeas ann righailtibh an leabhair ſo, no air aithne leis an Righ, no le uchdaran eaglais an aite.

¶ An ſin leanaidh an t-ſearmoin no aon do na hoimilidh a chuireadh amach a cheana, no chuirear amach an deigh ſo le h-ughdaras.

¶ An ſin pillidh an Sagart gu bord an Tighearna, agus toiſichidh se an ofrail, aig radh aon no t-uille do na h-earruinibh ſo leanas, mar a chi e iomchuidh.

GU ma h ann mar ſin a dheal ruicheas bhur ſolus ann làthair dhaoine, chum as gu faic iad bhur deadh oibridh, agus gu toir ſiad glóir do bhur n Athair ata air Neamh. *Mhat.* v. 16.

Na taiſgibh dhuibh fein ionmhais air an talamh, far an truall a' mhiol chrion agus a' mheirg è, agus far an cladhaich na meirlich a ſtigh agus an goid iad. Ach taiſgibh ionmhais dhuibh fein air neamh, far nach truaill a' mheirg, agus nach cladhaich, agus nach goid na meirlich. *Mhat.* vi. 19, 20.

Uime ſin gach uile ni bu mhiann libh daoine a deanamh dhuibh, deanaibſe a leithid dhiobhſin mar an ceudna: oir is è ſo an lagh agus na faidhe. *Mhat.* vii. 12.

Ni h è gach uile neach a deir riumſa A Thighearna, a Thighearna, a theid a ſteach do rioghachd nèimh': ach an ti do ni toil m' Atharſa ata air neamh. *Mhat.* v. 21.

Agus ſheas Saccheus agus a dubhairt ſè ris an Tighearna, Fèuch, a Thighearna, 'ta mi toirt leith mo mhaoin do na bochdaibh: agus ma thug mi aon ni o neach air bith le caſaid bhrèige, bheiream *dha* a cheithir uiread. *Luc.* xix. 8.

Co theid chum cogaidh uair air bith air a choſtus fein? co a phlanndaicheas ſion-ghàra', agus nach ith d'a thora'? no co bheathaicheas treud, agus nach blais do bhainne an treud? 1 *Cor.* ix. 7.

Ma chuir ſinne nithe ſpioradail dhuibhſe, an ni mór è ma bhuaineas ſinn bhur nithe feòlmhor? 13, 14.

Nach 'eil f hios agaibh gu bheil iadſan, a 'ta ſaoithreachadh mu thimchioll nithe naomha, air am beathachadh *le nithibh* an teampuill? agus iadſan a 'ta frithealadh do 'n altair, gu bheil iad nan luchd co' pairt ris an altair? Agus mar ſin dh' orduich an Tighearna fos dhoibhſin a 'ta ſearmonachadh an t ſoiſgeul, an teachd-ann-tir f haghail o 'n t ſoiſgeul. 13, 14.

An ti a chuireas gu gann, buainidh sè gu gann mar an ceudna: Agus an ti a chuireas gu pailt', buainidh sè gu pailt' mar an ceudna. *Thugadh* gach duine *uaithe* reir rùin a chroidhe; na b'ann an doilgheas, no le h eigin: oir is toigh le Dia an neach a bheir uaithe gu ſuilbhir. 2 *Cor.* ix. 6, 7.

Pairtichcadh

Pàirticheadh an neach a 'ta air a theagaiſg ſan fhocal, ris an neach a 'ta 'ga theagaſg, ann ſna h uile nithibh maithe. Na meallar ſibh; cha deanar fanoid air Dia: oir ge b'è ni a ſhiol chuireas duine, an ni ceudna buainidh sè. *Gal.* vi. 6, 7.

Reir mar ata fath againn, deanamaid maith do na h uile dhaoinibh, ach gu h àraid dhoibhſin a 'ta do theaghlach a' chreidimh. 10.

Ach is buannachd mhòr an diadhachd maille re bhi toilichte. Oir cha d' thug ſinn ni air bith *leinn* do 'n t ſaoghal, agus *is* ſoilleir nach urradh ſinn ni ſam bith thoirt as. 1 *Tim* vi. 6, 7.

Thoir àithne do na daoinibh a 'ta ſaibhir ſan t ſaoghal ſo, iad a bhi calamh gu roinn, co'-pàirteach; a' taſgaidh ſuas doibh fein, ann an ſtòr, deadh bhunaſh fa chomhair an àm re teachd, chum 's gu 'n dean iad greim air a' bheatha mhairtheanaich. 17, 18, 19.

Ni bheil Dia mi-cho'thromach, gu 'n di-chuimhnicheadh è obair agus ſaothair bhur gràdh, a nochd ſibh thaobh ainmeſin, 'n ſeadh gu 'n d' rinn ſibh ſfritheaſadh do na naomhaibh, agus gu bheil ſibh a' fritheaſadh. *Eabh.* vi. 10.

Ach na di-chuimhnichibh maith a dheanamh, agus co'-roinn a thoirt uaibh: oir ata an leithide ſin do ìobairtibh taitneach do Dhia. *Eabh.* xiii. 16.

Ge b'è neach aig am bheil maoin an t ſaoghal ſo, agus a chi a bhràthair ann uireaſbhuidh, agus a dhruideas a chroidhe 'n a aghaidh, cionnas ata gràdh Dhe a' gabhail comhnuidh ann-ſan? 1 *Join* iii. 17.

Tabhair deirc do d' mhaoin, agus na tiontadh t-aghaidh gu brath o dhuine bochd air bith, agus an ſin cha bhi gnuis an Tighearna air a pilleadh air falbh uait-ſa. *Tob.* iv. 7.

Bi tròcaireach a reir do chomais. Ma 'ta mòran agad, thoir ſeachad gu pailt. Ma 'ta beagan agad, dean dichiol chum cuid do 'n bheagan ſin thoirt ſeachad gu ſuilbhear: oir mar ſin cruinichidh tu dhuit fein deagh thuaraſdal ann la na h airc. *Tob.* iv. 8, 9.

An ti do ni iochd air a bhochd· tha è toirt an iaſad do 'n Tighearna: agus fèuch a ni do bheir e ſeachad, bithidh ſi air a' phaigheadh dha rithiſt. *Seanr.* xix. 17.

Is beannuighte a' neach do ni ſolar air ſon an duine thìnn a-

gus an fheumaich: faoruidh an Tighearn è ann am trioblodi. *Salm* xli 1.

¶ 'Nuair a bhios na focail ſo 'g an leughagh, gabhuidh-ſa Deacona agus ſeanoirean na h-eaglais, no daoin' iomchuidh eile a dh' orduicheadh a chum na cuiſe ſin, an deirc air ſon nam bochd, agus crabheadh eile a' phobuil, ann a' meis eireachdail, is coir do 'n ſgireachd a cheannach air ſon an fheum ſin; agus bheir iad e gu h-uramach a dh' ionſuidh an t Sagairt, neach a chuireas a lathair e gu h-irioſal, agus a chuireas air a bhord naomh e.

¶ Agus a' nuair a bhios comanach ann, an ſin cuiridh an Sagart 'air a bhord urrad arain, agus fhiona a ſhaoileas e ni gnothach. Agus tareis ſin a dheanamh, their an Sagart.

## Deanamaid urnuigh air ſon ſtaid iomlan eaglais Chrioſd ata cogadh ann ſo air talamh.

A Dhe uile chumhachdaich agus mhairtheanaich, do theagaiſg dhuinne le t'Abſtal naomh urnuigh agus achanuich a dheanamh, agus buidheachas a thoirt air ſon nan uile dhaoine; guidhemid ort gu h irioſal [gu'n § gabhadh tu ri ar deirc agus r' ar ofrailibh agus] gu 'n gabhadh tu gu ro thròcaireach r' ar n-urnuighean, ata ſinn a' toirt ſuas do d' mhorachd dhiadhaidh, a' guidhe ort gu'n lionadh tu an eaglais choitchionn a ghna le ſpiorad na firinn, na h-aonachd, agus na ſith: agus deonuich an dream ſin uile ata 'g aideachadh t'ainm naomh, gu'n aontuich iad le cheile ann am fìrinn t'-fhocail Naoimh, agus gu' n caith iad am beatha ann aonachd agus ann gradh diadhaidh. Guidhemid ort mar an ceudna, gach uile Riogh, priunſadh, agus uachdaran Crioſduidh a dhion agus a ſhaoradh; agus gu h-araid do ſheirbheiſeach Deorſa ar Righ; chum gu'm bi ſinn air ar riaghladh gu diaghuidh agus gu ſuaimhneach ſuidh ſin; agus deonuich d'a chomhairle uile, agus do gach neach ata ann ughdaras fuidhe, gu 'n dean iad ceartas gu firinneach agus co-thromach, chum peanas a dheanamh air aingeachd agus dubhailc; agus a chumail ſuas t'fhir chreideamh-ſa agus ſubhailc. O Athair neamhuidh, tabhair gràs do gach Eaſbuig agus do gach miniſteir; chum gu'm foilſich iad t' fhocal fior agus beothail, ar aon le 'n teagaſg agus le 'm beatha, agus gu 'm fritheal iad do ſhacramaintean

* Mur 'eil deirc no ofrail ann, an ſin bidh na focail [gu'n gabhadh tu r' ar deirc agus r' ar ofrailibh] a'r am fagail a' mach gun radh.

Shacramaintean naomh gu ceart agus gu cubhaibh; agus tabhair do ghràs neamhuidh do d' phobul uile; agus gu h-araid do 'n chomhthional ata làthair ann ſo; chum gu 'n eiſd agus gu 'n gabh iad t'-fhocail naomh le cridhe màcanta agus le h-urram dligheach, a' deanamh ſeirbheis ſ hirinneach dhuit ann naomhachd agus ann am fireantachd air feadh uile làeth am beatha. Agus guidhemid gu ro-umhla ort do d' mhaitheas, O Thighearna, co-ſ hurtachd agus cobhair a thoirt do 'n dream ſin uile, ata ann trioblaid, am bròn, ann dioth, ann eaſlaint, no ann cruaidh-chàs air bith eile ann ſa' bheatha dhiombuan ſo. Agus mar an ceudna, beannuichemid t'ainm naomh, air ſon do ſheirbheiſich uile a dh'ſ hag a bheatha ſo ann a d' chreidimh agus ann a t' eagal: a' guidhe ort gràs a thoirt dhuinn, an eiſimplair mhaith do leanmhuinn, chum gu 'm bi ſinn n' ar luchd co-pairt maille riuſan do d' rioghachd neamhuidh. Deonuich ſo, O Athair, air ſgà Ioſa Crioſd ar n' aon Eidir-mheadhonſ hear agus fear-tagradh. Amen.

¶ A nuair a bheir a Miniſteir fios mu'n chomanach Naomh a chumail (ni a ni ſe do ghna air an domhnach no air an la Naomh a 's faigſe dha roimhe) an deigh na Searmain no na Homailidh a chriochnachadh, leughaidh ſe an earrail ſo a leanas.

A Mhuintir ionmhuinn, air an ——— is faigſe, tha mhiann orm, le comhnadh Dhe, ſacramaint ro ſholaſach, Cuirp agus Fòla Crioſd a ſ hritheala do 'n dream ſin uile bhios gu diaghaidh agus gu crabhach deas mu choinnibh; gu bhi air a ghabhail leo-ſan mar chuimhne air a chèuſadh agus air a bhàs mòr thoiltineach-ſan, leis am faigh ſinne amhain maitheanas ann ar peacaidh, agus leis a'bheil ſinne air ar deanamh n'ar luchd copairt do rioghachd neamh. Uime ſin is ſe ar dleaſdanas buidheachas ro ioraſail agus o 'r cridhe a thoirt do'n Dia uile chumhachdach ar n-Athair neamhuidh, do bhri gu 'n d'thug è a Mhac ar Slanuiſhear Joſa Crioſd, cha 'n è 'mhain a chum baſuchadh air ar ſon, ach mar an ceudna chum a bhi na lòn agus theachd anſir Spioradail dhuinn an s an t Sacramaint naomh ſin. Do bhri gu bheil i na' nì co diaghaidh agus co ſolaſach dhoibh-ſin a ghabhas ì gu h-iomchuidh, agus co chunartach dhoibh-ſin a ghabhas a dhanadas a gabhail gu mi-iomchuidh, 's è mo dhleaſdanas earalachadh oirbh ſan àm ſo, ſmuainteachadh air meudachd an rûn-diamhair naomha ſin, agus an cunnart mòr ata 'na ghabhail gu mi iomchuidh, agus bhur cogaiſin ſein a rannſuchadh, agus a cheaſnuchadh, (agus cha'n ann

gu

gu faoin, agus mar a ni luchd-mealluidh Dhe ;) ach do chum gu 'n d' thig finn naomh agus fior ghlan a dh' ionfuidh a leithid fo do chuirm neamhuidh. ann fan eadach phòfaidh at air iarruidh le Dia ann fan fcriobtuir naomh, agus gu 'm bi finn air ar gabhail n' ar luchd co-pairt iomchuidh do'n bhord naomh fin.

Is ì an t-flighe agus an doigh chum fo a dheanamh ; air thùs, bhur beatha agus bhur bèufan a cheafnuchadh a reir riaghailt aitheanta Dhe ; agus ciod air bith ann fan faic fibh gu 'n do chiontaich fibh ann toil, am focal, no ann gniomh, ann fin deanuibh caoidh air fon bhur peacaidh fein, agus aidichibh do 'n Dia uile chumhachdaich, le làn rùn bhur beatha a leafuchadh. Agus ma bheir fibh fainear gu bheil bhur ciontaidh cha n'e 'mhaim ann aghaidh Dhe, ach mar an ceudna an aghaidh bhur coimhearfnuich, an fin ni fibh reite riu, air bhi dhuibh ullamh gu paidh agus dioladh a dheanamh a reir bhur comais air fon gach uile ana-co'throm agus eacoir a rinn fibh air neach air bith eile : agus air bhi dhuibh ullamh mar an ceudna gu maithea'nas thoirt do dhaoin' eile a rinn lochd oirbh, mar a b'aill leibh maitheanas f haghail ó Dhia ann bhur cionntaidh fein ; oir mar dean fibh fo, cha dean an Comanach naomh a ghabhail ni air bith ach bhur damnadh a mheudachadh.

Air an aobhar fin ma 'ta neach air bith agaibh na f hear-toilbheum do Dhia, na f hear-toirmifg no na f hear fgainnil air f hocal, na adhaltranach, no ma 'ta fe a' mio-ruin, no am farmad, no ann cionnta mòr air bith eile ; deanuibh aithreachas o bhur peacaibh, neo na tigibh chum a bhuird naomha fin, air eagal tarèis duibh an t-Sacramaint naomh a ghabhail, gu'n d' theid an diabhol a fteach annaibh, mar a chaidh fe ann Judas, agus gu 'n lion è fibh do 'n uile olc, agus gu'n toir è fibh gu fgrios cuirp agus anama.

Agus do bhri gu bheil è f èumail nach tigeadh duin' air bith a dh' ionfuidh a chomanaich naomh, ach le lan dòchas ann tròcair Dhe, agus le cogais fhuamhneach ; air an aobhar fin, ma 'ta neach air bith agaibhfe nach urrain fois thoirt d'a chogais fein ann fan ni fo, ach aig am bheil feum air tuille folais no comhairle ; thigeadh è 'm ionfuidh-fe, no dh' ionfuidh miniftir eigin eil glic agus foghlamhta ann am focal De, agus fofgladh fe a bhròn, chum le miniftreileachd focal naomh Dhe gu m faigh fe tairbhe an f huafglaidh caglais, maille ri feala

agus

agus ri comhairle Spioradail, chum fois thoirt da chogais, agus a chum gach teagamh agus amharas a chuir air cùl.

¶ No ma chi e an fluagh neo churamach ma thachd a dh' ionfuidh a chomanaich naomh, ann aite nam briathra a chuaidh feachad, deanadh e feum do'n 'earail fo.

A Bhraithre ro gràdhach, air an ——— tha mhiann orm, le gras De, fuipeir an Tighearna a fhritheala; a dh' ionfuidh a' bheil mi toirt cuire dhibhfe uile ata lathair ann fo, ann ainm Dhe, agus a guidhe oirbh air fga an Tighearn Jofa Criofd, nach diult fibh teachd da h-ionfuidh, air bhi dhuibh air ar gairm agus air bhur cuireadh co ghradhach le Dia fein. Ata fios agaibh cia muladach agus mi chaoi'neil a' ni fo, nuair a dheafuich duine cuirm fhaithir, agus a chodaich è bhòrd leis gach uile ghne lòin, o's nach 'eil ni air bith a dh' uireafbhuidh ach na h-aoidhean a fhuidhe fios, agus gidheadh gu'n diultadh an dream ata air an gairm (gun aobhar air bith) gu ro mhithaingeil teachd a chum na feifde. Co agaibhfe air nach biodh fearg ann leithid fo do chùis? co nach fmuaintcheadh gu'n d' rinneadh ana-co'throm agus eacoir mhòr air? Uime fin a mhuintir mo ghraidh ann Criofd; thugaibh deagh aire, air eagal le tarrainn air ais o'n t-Suipeir Naomh fo, gu'm brofnuich fibh fearg Dhe 'n 'ur n-aghaidh fein. Is furas do dhuine a radh, cha ghabh mi an comanach, do bhri gu bheil mi air mo chumail air m' ais le gnothaichibh faoghalta. Ach cha 'n 'eil a leithid fo do leith-fgeulaibh co furas a gabhail, agus co ceaduichte am fia'nuis De. Ma deir duine air bith, tha mi m' pheacair ro mhòr, agus air an aobhar fin tha eagal orm teachd. C' air fon ma feadh nach dean fibh aithreachas agus nach leafuich fibh? A nuair ata Dia 'g ar gairm, nach na leibh a radh nach tig fibh? A nuair bu choir dhuibh pilleadh a dh' ionfuidh Dhe, an gabh fibh bhur leith-fgeul, agus an abair fibh nach eil fibh ullamh? Smuintichibh gu dùrachdach annaibh fein cia beag am feum a ni leithidibh fin do fhaobh leith-fgeulaibh am fia' nuis De. A Mhuintir ad do dhiultan chuirm fan t-Soifgeul, do bhri gu'n do cheannuich iad fearran, no gu 'm b' ail leo 'n daimh a dhearbhadh, no do bhri gu 'n do phòs iad, cha do ghabhadh an leith-fgeul air an doigh fin, ach mheasadh nach b' airidh iad air an fhèifd neamhuidh. Bi misè ullamh air mo thaobh fein, agus a reir m' oifig, tha mi toirt cuireadh dhuibhfe ann ainm Dhe, tha mi

gairm

gairm oirbh as leith Chriosd, tha mi a sparradh oirbh, mar is ionmhuin leibh bhur slainte fein, gu 'm bi sibh n' ar luchd copairt do'n chomanaich naomh so, agus mur dh'aontaich Mac Dhe, anam a thoirt suas air a chrann-cheusa air son ar slainte ne, mar sin se ar dleasdanas an comunach a' aghabhail mar chuimhneachan air iobairt a bhais-sin, mar a dh' aithn'è fein; agus ma ni sibh dearmad air so do dheanamh, smuaintichibh agaibh fein, cia mòr an eacoir a ni sibh air Dia, agus cia mòr am peanasata 'n crochadh os bhur ceann air a shon; nuair a dh'anas sibh gu toileach air 'ur n ais o bhord an Tighnearna, agus a sgaras sibh sibhfein o 'ur braithribh, ata teachd gu 'm beathachadh air a chuirm do 'n bhiodh ro neamhuidh sin. Ma bheir sibh na nithe so gu dùrachdach fáinear, le gràs De pillidh sibh gu h-inntin is fearr: agus a chum so a chosnadh dhuibh-se cha sguir sinn-ne o dheanamh ar n achanuich umhla ris an Dia uile chumhachdach ar n-Athair neamhuidh.

¶ An am frithealadh a chomanaich, air bhi do 'n luchd comanaich air an suidheachadh gu h-iomchuidh chum an t-Sacramaint naomh do ghabhail, their an Sagairt an earail so.

A Mhuintir ionmhuinn ann s an Tighearna, sibhse air a bheil a mhiann teachd a dh'ionsuidh comanach naomh cuirp agus fola ar Slanui'fhear Criosd, feumaidh sibh thoirt fai'near cionnas ata a Naomh Pòl aig earlachadh air gach uile neach iad fein a rannsachadh agus a cheasnuchadh gu dùrachdach, mu 'n gabh iad do dhanadas itheadh do 'n arran sin, agus òl do 'n chupan sin. Oir mar ata an t-sochair mòr, mu ghabhas sinn an t-sacramaint naomha sin le cridhe sior aithreachail agus le creidimh bheo, (oir an sin ithidh sinn feoil Chriosd, agus òluidh sinn fhuil air mhodh spioradail, an sin gabhuidh sinn comhnuidh ann an Criosd, agus Criosd annain-ne tha sinn mar aon maille ri Criosd, agus Criosd maille ruinn-ne:) mar an ceudna ata 'n cunnart mòr, mu ghabhas sinn an t-sacramaint gu neo iomchuidh. Oir an sin ata sinn ciontach do chorp agus do fhuil Chriosd ar Slanui'fhear; tha sinn aig ithadh agus aig òl ar domnadh fein, gun smuainteachadh air corp an Tighearna; tha sinn a' lasadh fearg Dhe 'n ar n-aghaidh fein; tha sin 'g a bhrosnuchadh gu plaigh a chuir oirn le h-iomad caslaintibh, agus le iomad gne bàis. Air an aobhar sin a bhraithre, thugaibh breith oirbh fein, chum nach tugadh an Tigearna breith oirbh; deanuibh fior aithreachas air son'ur peacanna a chuaidh seachad; biodh creidimh beo agus diongalta agaibh ann Criosd ar Slanui'fhear; leasuichibh bhur

beatha,

beatha, agus bithibh ann gràdh iomlan ris na h-uile daoine, mar sin bithidh sibh 'nair luchd co-pairt iomchuidh do na rùin-diamhair naomha sin. Agus os gach nì feumaidh sibh buidheachas umhla agus cridheil a thoirt do Dhia an t-Athair, a Mac, agus a Spiorad naomh, air son saorsa an tsaoghal trid bàs agus fulangas ar Slanui'fhear Crioſd, ata maraon na Dhia agus na dhuine, neach a dh' iſlich è fein eadhoin gus a bhàs air a chrois, air ar ſoinne peacaich thruagh, a bha 'n ar luidh ann dorchadas agus an ſgail a bhàis, chum gu 'n deanadh è ſinn-ne 'n air cloinn do Dhia, agus gu 'n arduicheadh è ſinn gu beatha ſhiorruidh. Agus a chum gu 'm biodh cuimhn' againn do ghna air gràdh ro mhòr ar Maighiſtir, agus ar n' aon Slanui'fhear Joſa Crioſd, mar ſo a' baſuchadh air ar ſon, agus air na ſochairean do-aireamh a choiſin è dhuinn le dòrtadh ſhola phrìſeil; dhòrduich agus chuir e air chois rùin dhiamhair naomh mar dhearbhabh air a ghràdh, agus a chum co'fhurtachd mòr gun chrich dhuinne. Air an aobhar ſin thugamaid dha-ſan maille ris an Athair, agus ris an Spiorad naomh, (mar ata dh'fhiachaibh oirn) gna bhuidheacheas, 'g ar ſtreachda fein ſios gu h-iomhlan d'a thoil agus d' thogradh naomha-ſan, agus a' cur romhainn ſeirbheis a dheanamh dha-ſan am fìreantachd, agus am fìor naomhachd feadh uile laithibh ar beatha. Amen.

¶ An ſin their an Sagart ris an dream a thig a ghabhail a chomanaich naomh.

SIbhſe ata deanamh aithreachas fior agus dùrachdach air ſon bhur peacaidh, agus ata an gràdh agus ann carthanachd ri 'r coimhearſnuich, agus air a bheil a rùn beatha nuadh a chaithe, a leantuin aitheantan Dhe, agus a ſhiubhal o ſo mach 'n ſhlighibh naomha-ſan; thighibh am ſogas le creidimh, agus gabhuibh an t-ſacramaint naomh ſo chum bhur co'-fhurtachd agus deanuibh bhur n aidmheil umhla do 'n Dia uile chumhachdach, 'g ar leigeadh fein air bhur glùinibh gu h-irioſal.

¶ An ſin a deanar an aidmheil chumanta ſo le h-aon do na Miniſteiribh, ann ainm na muintir ſin uile air a bheil a mhian an comanach naomh a ghabhail, air bhi dha-ſan agus do 'n phobul uile air an gluinibh gu hirioſal, agus ag radha,

A Dhe uile chumhachdaich, Athair ar Tighearn Joſa Crioſd, a Chruith-fhear nan uile nithe, a Bhreitheamh nan uile dhaoine; tha ſinn ag aideachadh agus ag caoidh ar peacaidh agus

agus ar n-aingeachd lionmhòr, a rinn ſinn o àm gu h-àm gu ro uamhara, le ſmuainte, le focal, agus le gniomh, an aghaidh do mhòrachd dhiaghaidh, a broſnuchadh t-fheirg agus do chorruich gu ro cheart n' a' ar n-aghaidh ſein. Tha aithreachas dùrachdach, agus tha bron cridhe oirn air ſon ar mighniomhara; tha 'n cuimhne a cur doilgheas oirn tha an uallach do-fhulang. Dean tròcair oirn, dean thròcair oirn, Athair ro thrócairich; air ſon do Mhic ar Tighearn Joſa Crioſd, maith dhuinn gach ni chuaidh ſeachad; agus deonuich gu 'n dean ſinn gu bràth an deigh ſo ſeirbheis dhuit agus do thoileachadh ann nuadhachd beatha, chum glòir agus onoir t-Ainm, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin ſeaſuidh an Sagart ſuas (no an t eaſbuig air bhi dha lathair) agus air tionradh dha ris a' phobull labhruidh ſe am fuaſgladh-eaglais ſo.

A Dia uile chumhachduich ar n' Athair neamhuidh, a gheall d' a mhòr tròcair maithea'nas peacaidh dhoibh-ſin uile a philleas da ionſuidh le h-aithreachas cridhe, agus le fior chreidimh; gu 'n deana ſe tròcair oirbh, gu 'n tugadh è maitheanas dhuibh, agus gu 'n ſaoradh è ſibh o bhur n' uile pheacaid gu 'n daingnicheadh è ſibh ann ſan uile mhaitheas, agus gu 'n tugadh è ſibh gu beatha ſhiorruidh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin their an Sagart.

Cluinnibh na briathra ſòlaſach ata ar Slànui'fhear Crioſd a' labhairt ris gach neach a philleas gu fìrineach 'na ionſuidh:

THigibh a' m'ionnſuidhs' uile ata re ſaothar, agus fui' throm uallaich, agus bheir miſe ſuaimhneas dhuibh. *Mhat.* xi. 28.

Oir is mar ſin a ghràdhaich Dia an ſaoghal, gu 'n d' thug è a aon-ghin Mhic fein, chum 's ge b'è neach a creideas ann, nach rachadh a ſgrios, ach gu 'm biodh a' beatha ſhiorruidh aige. *Ioin* iii. 16.

Eiſdibh mar an ceudna ciod a deir Naomh Pòl.

*Is* fior an radh ſo, agus is fiu è air gach aon chor gabhail ris, gu 'n d' thainig Joſa Crioſd do 'n t ſaoghal a thearnadh pheacach. 1 *Tim.* i. 15.

Eiſdibh

Eisdibh mar an ceudna ciod a deir Naomh Eoin: Ma peacaicheas neach air bith, 'ta fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean: Agus is eisean an Iobairt-reitach air son ar peacaidh-ne. 1. Jo. ii. 1.

¶ An deigh so theid an Sagairt air aghaidh, aig rach.

Togaibh suas bhur cridhean.
*Freag.* Tha sinn ga'n togail suas dh' ionsuidh an Tigharna.
*Sag.* Thugamaid buidheachas d'ar Tighearna Dia.
*Freag.* Is iomchuidh agus còir sin do deanamh.

¶ An sin tiontaidh an Sagart gu bord an Tigherroa, agus a deir se.

THa è ro iomchuidh, ceart, agus na dhleasdanas ceangailt oirn, gu 'n tugamaid air gach uile àm agus ann sgach uile àite, buidheachas dhuirt-se, O Thighearna, * Athair Naomh, a Dhe uile chumhachdaich, agus shiorruidh.

* Cha bhi na focail so (Athair Naomh) air an radh air Domhnach na Trionaid.

¶ Ann so leanuidh an roimh radh araid do reir an am, ma 'ta roimh-radh araid air bith air orduchadh; mur 'eil leanuidh air ball.

AIr an aobhar sin maille ri ainglibh agus ri ard-ainglibh, agus maille ri cuideachd nan neamha uile, molaidh agus arduichidh sinn t-ainm glòirmhor, gu brath ga d' mhòladh, agus ag radh, Naomh, naomh, naomh, a Thighearna Dhia nan slaugh, tha neamh agus talamh làn do d' ghlòir. Glòir dhuit-se, O Thighearna a's ro àirde. Amen.

¶ Roimhraidhe araid.

¶ Air so Nollaic, agus seachd la na deigh.

DG bhri gu 'n tug ú Josa Criosd t-aon Mhac fein, chum a bhi air a bhreath, mar air an àm so air ar sonn-ne: a rinneadh na fhoir dhuine do bhrigh na h-Oigh Muire a Mhàthair, le oibreachadh an Spioraid naoimh, agus sin gun smal peacainh,

chum ſinn-ne do glanadh o gach peacadh. Air an aobhar ſin maille ri ainglibh, &c.

¶ Air la Caiſg, agus ſeachd la na dheigh.

ACh gu h àraid ata dh' f hiachaibh oirn thuſa do chliuachadh air ſon eis-eirigh ghlormhor do Mhic Joſa Chrioſd ar Tighearna: oir is eiſin am fior uan caiſg a dh' ofraileadh air ar foinn-ne, agus a thug air falbh peaca an t-ſaoghail; do ſgrios am bàs le bhàs fein, agus le eirigh a ris gu beatha a dh aiſig air ais dhuinn-ne beatha ſhiorruidh. Uime ſin maille ri ainglibh, &c.

¶ Air le Deas-ghabhail, agus ſeachd la na dheigh.

TRid do Mhic ro gràdhach Joſa Crioſd ar Tighearna, a dh' f hoiliſicheadh gu foillaſach d' a abſtalaibh uile uile an deigh eis-eirigh ro ghlòrmhor, agus a chuaidh 'n an ſealla' ſuais air neamh, a dh' ulluchadh àite dhuinn-ne; chum far am bheil eiſin gu'n rachadhmaid ſuas mar an ceudna, agus gu 'n riaghluichidh-mid maille ris an glòir. Uime ſin maille ri ringlibh, &c.

¶ Air Domhnach na Caingis, agus ſea la na dheigh.

TRid Joſa Crioſd ar Tighearna; an ti do reir a ghealla ro f hìrinich, a chur an Spiorad naomh a nuas o neamh, mar air an am ſo, le mór f huaim obann, mar gu 'm biodh gaoth thrèun, ann coſamhlachd teangana téinteach, a teachd air na h-abſtolaibh, 'g an teagaiſg, agus 'g an treorachadh dh' ionſuidh gach uile f hírinn, a' tabhairt dhoibh araon gibht iomad caint, agus mar an ceudna danachd chum an foiſgeul dó ſhearmonachdadh do na h-uile chinnich gu bunailteach le teas ghradh, leis an tugadh ſinnne amach a' dorchadas, agus a' mearachd, a chum ſoluis glan agus fior eolas ort-ſa, agus air do Mhac Joſa Crioſd. Uime ſin maille ri ainglibh, &c.

¶ Air Feiſd na Trionaid amhain.

THuſa ata a t-aon Dia, a t-aon Tighearna; cha n' ann a t-aon phearſa amhain, ach trì pearſa ann aon ſubſtaint. Oir a' nì ſin ata ſinn a' creidſin mu ghlòir an Athar, tha ſinn

a

a' creidſin a' nì ceudna mu ghlóir a Mhic, agus an Spioraid naoimh, gun eidir-dheallachadh no neo choimeas air bith. Aïr an aobhar ſin maille ri ainglibh, &c.

¶ An deigh gach aon do na roimh-raidhe ſo, air ball a deirear no ſeinnear,

AIr an aobhar ſinn maille ri ainglibh agus ri ard-ainglibh, agus a maille ri cuideachd nan neamha uile, mohaidh agus árduichidh ſin t-ainm glóirmor; gu brath ga d' mhóladh, agus ag radh, Naomh, naomh, naomh, a Thighearna Dhia nan ſluagh, tha neamh agus talamh lan do d' ghloir. Gloir dhuit-ſe, O Thighearna a 's ro airde. Amen.

¶ An ſin air do 'n t-Sagart a bhi air a ghluinibh aig bord an Tighearna, their ſe 'n urnuigh ſo a leanas, ann ainm na muintir ſin uile a ghabhas an Comanach.

O Thighearna throcairich, cha 'n 'eil ſinn a gabhail a dhanadas teachd a dh' ionſuidhe do bhuird-ſe, an earb-ſa r'ar fìreantachd fein, ach ri d' throcairean mór agus lionmhor. Cha 'n fhiu ſinn urrad an ſpruilleach ata fo d' bhord a thional. Ach is tu-ſa an Tighearna ſin, leis an cleachda bhi do gna trocaireach; uime ſin a Thighearna ghràſail, deonuich dhuinn feoil do Mhic ghràdhuich Joſa Crioſd itheadh, agus fhuil o'l, air doigh gu 'm bi ar cuirp pheacach air an deanamh glan le chorp-ſan, agus ar n' anamaibh air an ionlad trid fhuil ro prìſeil-ſin, agus gu 'n gabhadhmaid gu brath comhnuidh ann-ſan, agus eiſin annainne. Amen.

¶ Nuair a ohuireas an Sagart an ordugh (air bhi dha na ſheaſamh fa choinne a bhuird) an t aran agus am fion, air doigh gu 'm feud è na 's deiſeadh agus na 's uramach an t-aran a bhriſeadh ann làthair a phobuil, agus an copan a ghlac 'na lamhaibh, their ſe urnuigh a' chaiſrigeadh, mar a leanas.

A Dhe uile chumhachdaich, ar n' Athair neamhuidh, a thug do d' thròcair chaomh t-aon Mhac Joſa Crioſd gu bàs fhulang air a chrois air ſon ar ſaorſa, a rinn ann ſin (le aon iobairt d'è fein a thoirt aon uair) iobairt, ofrail, agus dioladh làn, iomlan, agus foghainteach air ſon peacaidh an t-ſaoghail uile, agus a dh' orduich, agus a dh' aithn dhuinn-ne 'na ſhoiſgeul naomh buan-chuimhneachan a bhais mhor luach a chumail ſuas gus an d' thig è 'ris; tha ſinn gu ro umhla a' guidhe ort, O

Athair

Athair thròcairich, èiſd ruinn; agus deonuich dhuinn-ne ata gabhail do chreutairean ſo do dh' aran agus do dh' fhion, a reir ordugh naomh do Mhic Joſa Crioſd ar Slanui'fhear, mar chuimhneachan air a bhàs agus fhulangas, gu 'm bi ſinn 'n ar luchd co-pairt d'a chorp agus d'a fhuil ro bheannuichte-ſin: Neach an ſan oidche ſin an do bhrathadh è, (*a*) ghlac ſe aran, agus nuair thug ſe buidheachas, (*b*) bhriſt ſè è, agus thug ſè da dheiſcioblibh è, ag radh, glacaibh, ithibh, 's è (*c*) ſo mo chorp-ſa, a thugadh air bhur ſon-ſa, deanuibh ſo mar chuimhneachan orm-ſa. Mar an ceudna an deigh na Suipeir, (*d*) ghabh è 'n cupan, agus a nuair a thug è buidheacheas, thug ſè dhoibh è, ag radh, òluibh uile dheth ſo, oir is (*e*) ſè ſo m' fhuilſe na Tiomna Nuadh, a dhoirteadh air bhur ſon-ſa agus air ſon mòran a chum maitheanas peacaidh: Deanuibh ſo co minic agus a dh' òlas ſibh è mar chuimhneachan ormſa. Amen.

(a) *Ann ſo is coir do'n t ſagairt an pàtan a glacadh 'na laimh*:
(b) *Agus ann ſo an t aran a bhriſeadh*:
(c) *Agus ann ſo a lamh a chuir an arain uile*:
(d) *Ann ſo glacaidh sè an cupan 'na laimh*:
(e) *Ann ſo cuiridh ſe lamh air gach ſdothach (ma 's caillis no flagan è) ann ſa' bheil fion air bith ri choiſrigeadh.*

¶ An ſin gabhuibh a' Miniſteir air tus an comanach s an da ghne, agus an ſin theid se air aghaidh 'ga thoirt do na h-Easbuicibh, do na Sagairt, agus do na Deaconuibh air a mhodh cheudna (ma bhios neach dhiubh a lathair) agus an deigh ſin do 'n phobul uile an ordugh mar an ceudna, 'n an laimh, air bhi dhoibh uile gu h-irioſal air an gluinibh. Agus a nuair a bheir e 'n t-aran do neach air bith, their ſe,

GU 'n deana corp ar Tighearna Joſa Crioſd, a thugadh air do ſhonſa, do chorp agus t-anam a ghleidheadh chum na beatha mairtheanuich. Gabh agus ith ſo mar chuimhneachan gu 'n do bhàſuich Crioſd air do ſhon, agus beathuich air ſan ann do chridhe le creidimh agus le breithbhuidheachais.

¶ Agus a' Miniſteir a bheir an cupan do neach air bith, their ſe,

GU 'n deana fuil ar Tighearn Joſa Crioſd, a dhoirteadh air do ſhon-ſa, do chorp agus t-anam a ghleidheadh chum na beatha mairtheanaich. Ol ſo mar chuimneachan gu 'n

gu 'n do dhoirteadh fuil Chriosd air do shon, agus bi taingeil.

¶ Ma theirgeas an t-aran agus am sion coisrighte mu 'n do ghabh an sluagh uile an comanach; beannuicheadh an Sagart an tuille a reir na foirm a chuireadh sios roimhe so; a toiseach aig (Ar Slanui'fhear Criosd s an oidhche sin, &c.) air son a beannuchadh an arain; agus aig (Mar an ceudna an deigh na suipeir, &c.) air son beannuchadh d' chupain.

¶ Nuair a ghabh an sluagh uile an comanach, pillidh a Ministeir gu bord an Tighearna, agus cuiridh e gu h-urramach air a bhord fuighleach na 'n eilmeintibh coisrighte, 'g a chomhdach le lion-eudach glan.

¶ An sin their an Sagart urnuigh an Tighearna, agus an pobull ag radh gach iarrtas na dheigh.

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas sin dhiobhsin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc; oir is leatsa an rioghachd, agus a chumhachd, agus a ghloir, gu siorruidh agus gu siorruidh. Amen.

¶ An sin a deirear mar leanas.

O Thighearna, agus Athair neamhuidh, tha sinn-ne do sheirbheisich umhla gu dùrachdach a' guidhe air do maitheis Athaireil, gabhail gu tròcaireach ri so ar n iobairt mholaidh agus bhreath-bhuidheachais; a' guidhe ort gu ro umhla gu 'n deonuich thu, trid toilteanas agus bàs do Mhic Josa Criosd, agus tre creidimh 'n a fhuil-sin gu'm faigh sinn-ne agus t' eaglais uile maitheanas 'n ar peacaidh, agus uile shochairean eile f hulaingas. Agus ann so, O Thighearna, tha sin 'g ar tairgse agus 'g ar taisbeanadh fein dhuit-se, ar n-anama agus ar cuirp gu bhi iobhairt, reasanta, naomh agus bheodhail dhuit-se; a' guidhe ort gu h-umla, gu 'm bi sinn-ne ata 'n ar luchd co-pairt do 'n chomanach naomh so, air ar lionadh le d' d' ghràs agus le do bheannachadh neamhuidh. Agus ge d' nach fhiu sinn trid lionmhoireachd ar peacaidh iobairt air bith a thoirt dhuit-se; gidheadh tha sinn a' guidhe ort gu 'n ghabhadh tu ris an dleas'nais agus ris an t-seirbheis ata dh' fhiachaibh oirn; cha 'n an meadhaigh ar toiltineas, ach a' maitheadh ar cionntaibh, trid Josa Criosd ar Tighearna; leis-sin, agus maille ris, ann aonachd an Spiorad naoimh gum biodh gach uil' o-

nair

onair agus glòir dhuitſe, O Athair uile chumhachdaich, ſaoghal gun chrìch. Amen.

¶ *No ſo,*

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, tha ſinn a' toirt buidheachas dhuit o ar cridhe, gu bheil thu aig aontacha ſinne a bheathachadh, a ghabh gu cubhaidh na rùin-dhiamhair naomha ſo, le lòn ſpioradail cuirp agus fola ro phrìſeil do Mhic ar Slanuiſ'hear Joſa Crioſd; agus le-ſin gu bheil ù a' toirt dearbha dhuinn' air do chaoi'neas agus air do mhaitheas d' ar taoibh-ne; agus gu bheil ſinn n' ar fior bhuill chorporra ann an corp diamhair do Mhic, eadhoin cuideachd bheannuichte an t-ſluaigh threibh-dheireach uile; agus gu bheil ſinn mar an ceudna n' ar noighreachaibh tre dhochas air do rìgheachd ſhiorruidh, trid toiltineas báis agus fullangas ro phrìſeil do Mhic gràdhuich. Agus tha ſinn gu ro umhla a' guidhe ort, o Athair neamhuidh, gu 'n cuidicheadh tu ſinn le d' ghràs, gum buanuich ſinn ann do cho-chomun naomh, agus gu 'n dean ſinn na deagh oibre ſin uile a dh' ull'uich thù dhuinn chum ſiubhal ann-ta, trid Joſa Crioſd ar Tighearna, ga 'n rabh maille riut-ſa agus ris an Spiorad naomh, gach uile onair agus glóir ſaoghal gu 'n chrìch. Amen.

¶ An ſin a deirear no ſeinnear.

GLóir do Dhia sa 'n àird, agus ſith air talamh; deagh thoil do dhaoine. Molaidh ſin thù, beannuichidh ſin thù, bheir ſinn aodhradh dhuit, bheir ſin glòir dhuit, bheir ſinn buidheachas dhuit air ſon do mhor-ghlóir, O Thighearna Dhe, a Riogh neamhuidh, a Dhe an t-Athair uile chumhachdaich.

O Thighearna, an t-aon ghin Mhic Joſa Crioſd; O Thighearna Dhe, Uan De, a Mhic an Athar, a bheir air falbh peacaidh an t-ſaoghail, dean trocair oirn. Thus a bheir air falbh peacaidh an t-ſaoghail, dean trocair oirn Thus a bheir air falbh peacaidh an t-ſaoghail, gabh ar n' urnuigh. Thus a tha a' d' ſhuidhe air deas lamh Dhe an Athair, dean trocair oirn.

Oir is tus amhain ata naomh, is tus amhain an Tighearna, is tus amhain O Chrioſd, maille ris an Spiorad naomh, is airde ann gloir Dhe an Athair. Amen.

An

¶ An ſin leigidh an Sagart (no an t-Easbuig ma bhios e a lathair) leis an t-ſluagh ſalbh leis a bheannuchadh ſo.

GU 'n deana sìth Dhe ata os cion gach uile thuigſe, bhur cridheachan agus bhur n-inntin a choimhid ann eolas agus ann gradh Dhe, agus a Mhic Joſa Crioſd ar Tighearna: Agus gu 'n rabh beannuchadh an De uile chumhachduich, an Athair, a Mhic, agus an Spioraid naoimh, n' ar meaſg, agus gu 'n gabhadh è comhnuidh maille ribh do ghna. Amen.

¶ Urnuighean gu bhi air an 'g radh an deigh na h-ofrail, nuair nach bi comanach ann aon tuille air gach la dhuibh ſin; agus feudar an radh mar an ceudna co minic 's a bhios co'throm ann, an deigh oraidhean na h-urnuigh mhaidne no fheaſcair, an deigh an Comanach no Liodan, mar a' chi a Miniſteir iomchuidh.

O Thighearna, cuidich ſinn gu trocaireach annta ſo ar n' achanuichibh agus ar n' urnuighean, agus aom ſlighe do ſheirbheiſeach a chum ſlainte ſhiorruidh fhaghail; ionnas a' meaſg uile chaochlaidh agus theagmhaiſin na beatha bhásmhor ſo, gu 'm bi iad gu bráth air an dìon le d' chomhnadh ro gràſail agus ullamh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

O Thighearna uile chumhachdaich, agus a Dhe bhithbuain, tha ſinn a' guidhe ort, aontuich, araon ar cridheachan agus ar cuirp a ſtiuradh, a naomhachadh, agus a riaghladh ann ceumaibh do lagh, agus ann oibribh t-àitheantan; chum trid do dhìdean ro chumhachdach, gu 'm bi ſinn air ar teaſairgin ann corp agus ann anam, ar aon ann ſo agus gu bràth, trid ar Tighearna agus ar Slanuïſhear Joſa Crioſd. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich, tha ſin a guidhe ort, deonuich gu 'm bi na briathra a chuala ſin air an la diugh le 'r cluaſaibh o 'n taobh a muigh, air an ſuidheachadh le d' ghràs ann ar cridheachaibh an taobh a ſtigh; chum gu 'n toir iad a mach annain toradh deagh chaithe beatha, gu cliu agus onair t-ainm-ſe, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

Stiur

BI roimhain, O Thìghearna, ann ar n'uile ghniomhara, le d' chaoi'neas ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d' ghna chomhnadh, a chum ann ar n-uile oibre a thoisich, a bhuanaich, agus a chriochnuich sinn ann-ad-sa, gu 'n toir sinn gloir do t-ainm naomh, agus sa dheoigh le d' thròcair gu 'm faigh sinn a bheatha mhairtheanach, trid Josa Crioso ar Tighearna. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich, a thobar an uile ghliocais, aig am bheil fios air ar n uireasbhuidh mu 'n iarr sinn, agus ar n' aineolas ann iarruidh, tha sinn a' guidhe ort gu 'n gabhadh tu truas d' ar n' anaineachd: agus na nithe sin nach 'eil do dhànadas againn iarruidh, chion nach airidh sinn, agus air son ar doille nach urra sinn iarruidh, dèonuich dhuinn iad air son diongalachd do Mhic Josa Crioso ar Tighearna. Amen

A Dhe uile chumhachdaich, a gheall gu 'n eisdeadh tu ri achanuichibh an dream a dh' iarras ann ainm do Mhic; tha sinn a' guidhe ort gu 'n aomadh tu do chluasa gu tròcaireach d' ar n-ionsuidh-ne a rinn air an àm so ar n' urnuigheam agus ar n-achanuich riut; agus na nithe sin a dh-iarr sinn le creidimh a reir do thoil, deonuich gu 'm faigh sinn iad gu h-èifeachdach, chum cobhairadh air ar feum, agus a chum do ghloir-se a thaisbeanadh, trid Josa Crioso ar Tighearna. Amen.

AIR domhnachaibh agus air laethibh naomh eile (mur bi comanach ann) bidh gach ni ata air orduchadh aig a' chomanach air a radha, gu deireadh na h-Urnuigh chumanta [air son staid iomlan eaglais Chrioso ata cogadh air taiamh] maille ri h-aon no tuille do na h-urnuighean so a chuireadh sios sa dheireadh roimhe so, a co dhunadh leis a bheannuchadh.

¶ Agus cha bhi Suipeir an Tighearn air a frithealadh, mur bi aireamh iomchuidh gu 's an comanach a ghabhail ma' ris an t-Sagart, a reir a 's mar a chi se ceart.

¶ Agus mur bi aicionn fichiod pearsa s ann sgireachd, aig am bheil gliocas an comanach do ghabhail; gidheadh cha bhi comanach ann, mur gabh ceitheir (no air a chuid a 's lugha triuir) an comanach ma' ris an t-Sagart.

¶ Agus ann an Eaglais Easbuic, agus ann Eaglaisibh am bi da mhinisteir, agus ann collaisdibh, far am bheil moran shagart agus dheaconaibh, gabhuidh iad uile an comanach ma' ris an t-Sagart air na h-uile domhnach air a chuid a's lugha, mur eil aobhar reusanta aca na aghaidh.

Agus

¶ Agus a chum gach aobhar eaſ-aontachd agus ſaobh-chreidimh, ata aig neach air bith, no dh' fheudadh a bhi aige a thaobh an arain agus an fhiona, a thoirt air falbh, is leor ſo, gu 'm bi 'n t aran leithid a bhios cleachda re itheadh; ach an cruinneachd is fearr agus is gloiune a dh' fheudar ata gaoireaſach r'a fhaghail.

¶ Agus ma bhios a bheag air bith do 'n aran agus do 'n fhion air fhagail gun choiſrigeadh, bithidh ſe aig a Mhiniſteir gu fheum fein; ach ma bhios fuighleach an do 'n aran a chuaidh bheannuchadh, cha toirear amach as an eaglais, e ach an Sagart agus co air bith eile do 'n luchd commanaich a ghairmeas e 'n ſin d' a ionſuidh, ithidh agus oluidh s' iad e gu h-urramach air ball an deigh a bheannuchaidh.

¶ Bidh an t-aran agus am fion air ſon a chomanaich air an ſhollar leis a Mhiniſteir agus le luchd dreachd na h-eaglais, air coſtas na ſgireachd.

¶ Agus thoir fainear, gu 'n gabh gach neach ata ann ſan ſgireachd an comanach tri uairean ſa' bhliadhna air a chuid a's lugha, agus uair dhiu ſin a' Chaiſg. Agus ni gach neach s-ann ſgireachd cunntas ris a Pharſon, ris a' Bhiocair, no ris a' Mhiniſteir, no ris a neach no an dream ata n-ann aite gach bliadhna air a Chaiſg, agus ni iad gach uile dhlighe eaglais ata gnathuichte dligheach, a phaidhe dhoibh-ſin no dha-ſa, is coir a phaidhe air an am ſin.

¶ An deigh criochnachadh na ſeirbheis dhiaghaidh, bidh an t-airgiod a thugadh ſeachad aig an ofrail air a bhuileachadh ann leithid do dh' fheumaibh diaghaidh agus carthanach, a's a chi am Miniſteir agus luchd dreachd na h-eaglais ceart. Ach mur coird iad ann ſo, bi ſe air a bhuileachadh mar a dh' orduicheas an t-uchdaran.

DO bhri gu bheil è air orduchadh s ann oifig ſo chum frithealadh ſuipeir an Tighearna, gu 'm bu chòir do 'n luchd-comanaich a ghabhail air an glùinibh (ordugh aig am bheil deagh rùn, a cialluchadh ar n' aidmheil umhla agus thaingeil air na ſochairean a bheir Crioſd ſeachad ann do 'n dream ſin uile a ghabhas gu h-iomchuidh è, agus a chum a leithid do mhi naomhachadh agus a dh' eas-ordugh an ſa chomanach naomh a ſheachnadh, a 's a dh' fheudadh tachairt air doigh eile) gidheadh an t-eagal gu 'n gabhadh neach air bith an ſleuchda ſo ann ſeadh docharach, no gu 'n deanadh è droch fheum dheth, tre ain-eolas agus anmhuineachd, no tre mhiruin agus chroſantachd; ata è air innſeadh ann ſo, nach 'eil adhradh ſa' bith air a chialluchadh leis, agus nach còir a dheanamh, do dh aran no do dh' fhion an t-ſacramaint ata air an gabhail ann gu corpora, no do làthaireachd air bith chorpora fheola agus fhola natura Chrioſd. Oir ata aran agus fion na ſacramaint a' fuireachd daonan nan ceart bhrigh nadurra, agus air an aobhar ſin cha 'n fheadar adhradh

thoirt dhoibh, (oir b' iodhal-aodhradh ſin, nì do'm bu chòir do gach crioſduigh creidmheach gràin do ghabhail) agus ata corp agus fuil nadurra ar Slanui'fhear Crioſd air neamh, agus cha n ann ann ſo; ata è 'n aghaidh fìrinn corp nadurra Chrioſd, a bhi air an aon am an tuille a's aon àite.

---

## Frithealadh BAISTE follaſach NAOIDHEACHAN, ra gnathachadh s-ann EAGLAIS.

¶ IS coir fios a thoirt do 'n phobul, gu bheil e ro iomchuidh nach biodh baiſte air a frithealladh ach air domhnachaibh agus air laethibh naomh eile, nuair thig a chuid a's mo do ſhluagh an ceann a cheile: chum gu 'n dean an cothional ann ſin a lathair fiadhnuis, gu bheil a chlann ata air an ur-bhaiſte air an gabhail a' ſteach ann aireamh eaglais Chrioſd; agus mar an ceudna, do bhri ann am baiſteadh na cloinne gu 'm bi gach duine a bhios a lathair air a chuir ann cuimhne ciod an aidmheil a rinn e feln do Dhia ann am a bhaiſteadh. Air ſon an reuſain cheudna, is coir am baiſte do ſ hithealadh ann s an chaint chumainte. Gidheadh (ma's cigin e) fendar clann a bhaiſteadh air la air bith eile.

¶ Agus thoir fai'near, gu 'm bi aig gach leanabh gille theid a bhaiſte, da oide agus aon mhuime; agus aig gach leanahh n-inghinn, aon oide agus da mhuime.

¶ Nuair ata clann ri bhaiſte, bheir na h-aithrichin fios do 'n Mhiniſteir an oidhch' roimhe no air a mhadain mu 'n toiſich an urnuigh mhaidne. Agus an ſin feumaidh na n-Oidichean agus na Muimeachan, agus an ſluagh, maille ris a chloinn a bhi ullamh aig an tobar bhaiſteadh, air ball an deigh an leaſan dheirrionaich aig urnuigh na maidne, no air ball an deigh an leaſan dheirrionaich aig an urnuigh ſ heaſcair, mar a dh' orduicheas a Miniſteir ga thoil fein. Agus air teachd do 'n t-Sagart a dh-ionſuidh an tobair bhaiſte (a bhios an ſin air a lionadh do dh-uiſge fior ghlan) agus air leaſamh dha ann ſin, a deir ſe,

An rabh an leanabh ſo air a bhaiſteadh roimhe ſo, no nach rabh?

¶ Ma ſ hreagras iadſan, *cha rabh*, an ſin theid an Sagart air aghaidh mar a leannas.

A Mhuintir ionmhuinn, do bhri gu bheil na h-uile dhaoine air an ginmhuinn agus air am breith ann am peaca, agus gu bheil ar Slanui'fhear Criofd ag radh, Nach fead neach air bith dol a ſteach do rioghachd

rioghachd Dhe, mur bi è air ath-ghinmhuin agus air a nuadh-bhreith le uiſge agus leis an Spiorad Naomh; guidhim oirbh gairm air Dia an t-Athair, trîd ar Tighearn Joſa Crioſd, gu 'n tugadh é d' a mhòr thròcair do 'n leanabh ſo, a' ni ſin nach f heud a bhi aige thaobh Natuir, gu 'm bi sè air a bhaiſteadh le h-uiſge agus leis an Spiorad Naomh, agus air a ghabhail a ſteach do dh-eaglais Naomh Chrioſd, agus gu 'm bi s'è air a dheanamh na bhall beo dh' ì.

¶ An ſin their an Sagart,

## Deanamaid Urnuigh.

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a ſhabhail le d' mhòr thròcair Noa agus a theaghlach ann s an airc o 'n ſgrios le h-uiſge, agus mar an ceudna a threoruich do phobul fein clann Iſrail gu tearuinte tre a Mhuir ruaidh, leis ſin a' cialluchadh do bhaiſte naomh: agus le baiſteadh do Mhic ro ghràdhach Joſa Crioſd ann abhuinn Jordan, a naomhuich uiſge chum nigheadh deamhair peacaidh air ſalbh; tha ſinn a' guidhe ort air ſon do throcairibh gun tomhas, gu n amhairc thu gu trocaireach air an leanabh ſo; ionlaid è agus naomh-aich è le d' Spioraid Naomh, chum air bhi dha air a ſhaoradh o t-f heirg, gu 'm bi ſe air a ghabhail ſteach ann airc eaglais Chrioſd; agus air bhi dha daingean ann creidimh, aoibhneach tre dhochas, agus ſuidhghte ann gràdh, gu 'm fead è dol tre thonnaibh an t-ſaoghail thrioblaidich ſo, chum gu 'n tig è fa dheoidh gu talamh na beatha mairtheanaich; chum riaghladh ann ſin maille riutſa, ſaoghal gun chrich, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich agus mhairtheanaich, comh-nadh gach neach ata am feum, fear cuidicheadh gach neach a theicheas do t-ionſuidh air ſon eobhair, beatha gach uile neach a chreideas, agus ais-eirigh nam marbh; tha ſinn a' gairm ort air ſon an leanabh ro, chum air teachd dha dh-ionſuidh do bhaiſte naomh ſa, gu 'm faigh ſe maitheanas ann a pheacaidh tre aith-ghinmhuin ſpioradail. Gabh è, O Thigh-earna, mar a gheall ù le do Mhac ro ghrádhach, ag radh, ſirribh, agus bidh agaibh; iarruidh, agus gheabh ſibh; buail-ibh, agus *bidh air fhoſgladh* dhuibh; Mar ſin tabhair dhuinne a nis ata 'g iarruidh; faighemide, ata a' ſirribh; foſgail an

dorus

dorus dhuinn-ne ata bualadh ; chum gu 'm fuigh a' naoidhean ſo beannuchadh ſiorruidh t-ionlad neamhuidh, agus gu 'n tig è dh-ionſuidh na rioghachd ſhiorruidh, a gheall thu, tre Chrioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin ſeaſaidh an ſluagh ſuas, agus their an Sagart,

Eiſdibh briathraibh an t-Soiſgeil, a ſgriobhadh le Naoimh Marc s ann deicheamh caibdeil, aig an treas rann deug.

THug iad clann og a' dhionnſuidh Chrioſd, cum's gu'm beanadh sè riu; agus chronuich a dheiſciobuil a' mhuintir a thug leo iad. Ach an uair a chunnairc Ioſa ſin, bha è ro-dhiom'ach, agus a dubhairt ſe riu, Leigibh do na leanbuibh teachd a' m' ionnſuidhs', agus na bacuibh iad; oir is ann d' an leithidibh ata rioghachd Dhe. Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e neach nach gabh rioghachd Dhe mar leanabh beag, nach d'theid sè a ſteach innte. Agus ghlac sè 'n a uchd iad, agus chuir ſe a lamhan orra, agus bheannuich ſe iad.

¶ An deidh an Soiſgeul a leaghadh, ni a Miniſteir an earrail ghaoirid ſo air briathraibh an t-Soiſgeil.

A Mhuintir ionmhuin, ann s an t-Soiſgeul ſo tha ſibh a' cluinntin briathran ar Slanuiſhear Crioſd, gu 'n d' àithn è clann a thoirt d' a ionſuidh ; cionnas a chronuich è an dream leis am b' àil an cumail uaithe : cionnas a theagaisg è do na h-uile dhaoine an neimh-chiontachd a leanmhuin. Tha ſibh faicſin mar a leig è ris a dheagh thoil d' an taoibh le ghiulan agus le dheaneadas o 'n leath a' muigh ; oir ghabh ſe iad 'n a ultaich, chuir è lamhan orra, agus bheannuich ſe iad. Air an aobhar ſin na cuiribh ſe ann teagamh, ach creidibh gu dùrachdach, gu n-gabh è mar an ceudna an Naoidhean ſo ata lathair gu fabharach, gu n glac ſe è le gairdinibh a throcair, gu n-toir è dha bheannuchadh na beatha ſhiorruidh, agus gu n-toir è dha co-pairt d' a rioghachd bhith-bhuan. Uime ſin air bhi dhuinn-ne mar ſo deirbhte do dheagh rún ar n-Athar neamhuidh a thaobh an naoidhean ſo, a dh' fhoillſich è le Mhac Joſa Crioſd, agus air bhi dhuinn gun amharas air bith gu n gabh ſe gu fàbharach r' ar n-obair charthanaich, ann an tabhairt an Naoidhean ſo chum a bhaiſte naomha

ſan,

ſan, thugamaid buidheachas dha gu creidmheacdhagusgucrabh-ach, agus abramaid,

A Dhe uile chumhachdaich agus bhith bhuan, Athair neamh-uidh, bheir ſinn buidheachas umhla dhuit, air ſon gu 'n d-aontuich thu ar gairm gu eolas do ghràs agus creidimh ann-ad; meaduich an t'eolas ſo, agus daingnich an creidimh ſo annain gu bràth. Thoir do Spiorad Naomh do 'n naoidhean ſo, chum gu 'm bi ſe air ath-bhreith, agus air a dheanamh na oighre air flainte bhith-bhuan, trid ar Tighearna Joſa Crioſd, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa agus ris an Spiorad Naomh, nis agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin labhruidh an Sagart ris na h-Oidichibh agus ris na Muimeachaibh air an doigh ſo:

A Chairdibh ro ghradhach, thug ſibh an leanabh ſo ann ſo chum a bhaiſteadh, ghuidh ſibh gu 'n aontaicheadh ar Tighearn Joſa Crioſd a ghabhail è, gu'n tugadh è fuaſgladh dha o pheacaidh, gu naomhuicheadh ſe è leis an Spiorad Naomh, gu n-tugadh è dha rioghachd neamh, agus a bheatha mhairtheanach. Chuala ſibh mar an ceudna gu'n do gheall ar Tighearn Joſa Crioſd ann a Shoiſgeul na nithe ſin uile a thoirt ſeachad air ſon an d' rinn ſibh urnuigh; ni eiſin an gealla ſo a chumail agus a choi'lionadh gu ro chinnteach air a thaobh fein. Uime ſin an lorg a ghealla ſo a rinn Crioſd, feumaidh a naoidhean ſo mar an ceudna a ghealtain' gu firineach air a thaobh fein, leibh-ſe ata n' ar n-uraſaibh air (gus an tig è gu h-aois an gabhail air fein) gu 'n cuir è cùl ris an diobhal agus ra uil' oibre, agus gu n creid è focal naomh De gu bunailteach, agus gu 'n coimhid sè aitheantan gu h-umhla.

Air an aobhar ſin dh fheoruichim.

AM bheil thuſa ann ainm an leinibh ſo a cuir cùl ris an diobhal agus ri' uil' oibre, ri greadhnachas agus gloir dhiamhain an t-ſaoghail, maille ri' uile thograibh ſanntach, agus mianaibh colnach na feola, air doigh nach lean thu iad, agus nach bi thu air do threorachadh leo?

*Freag.* Tha mi a cuir cùl riu uile.

*Miniſteir.*

AM bheil thu creidſin ann Dia an t-Athair uile chumhachdaich, Cruithf hear neamh agus talmhuin ?

Agus ann Joſa Crioſd aon ghin Mhic-ſin, ar Tighearn ? Agus gu n do ghabhadh è leis an Spiorad Naomh ; gu 'n d' rugadh è leis an Oigh Muire ; gu 'n d' f huſaing è fo Phontius Pilat, gu 'n do cheuſadh é, gu 'n d' f huair è bàs agus gu 'n d' adhlaiceadh è ; gu 'n deach è ſios do dh-Ifrionn, agus mar an ceudna gu 'n d' èirich è rithiſt an treas la ; gu 'n deachaidh è ſuas air neamh, agus gu bheil sè na ſhuidhe air deas lamh Dhe an t-Athair uile chumhachdaich ; agus gu 'n tig ſe a' ſin a ris aig deireadh an t-ſaoghail, a thoirt breith air bheoaibh agus air mharbhaibh ?

Agus am bheil thuſa creidſin ann ſan Spiorad Naomh : An Eaglais Naomh choitchionn : Co-chomunn nan Naoimh ; Maitheanas peacaidh ; Eis-eirigh na Colla ; agus a bheatha mhairtheanach an deigh a bhàis ?

*Freag.* Tha mi creidſin ſo uile gu diongalta.

*Miniſteir.*

AN aill leat do bhaiſteadh ann ſa' chreidimh ſo ?

*Freag.* 'S aill leam.

*Miniſteir.*

MA ſeadh, an coimhid thu gu h-umhla toil naomh agus aitheanta Dhe, agus an ſiubhail thu ann-ta feadh uile laithe do bheatha ?

*Freag.* Coimhid mi.

¶ An ſin their an Sagart.

O Dhe thròcairich, deonnich gu 'm bi an ſean Adhamh ann ſan leanabh ſo air adhlacadh, air doigh gu 'm bi an duine nuadh air a thogail ſuas ann. Amen.

Deonuich gu 'm bàſuich gach anamhian feolar an taobh ſtigh dhreth, agus gu m bi gach uile nithe a bhuinneas do 'n Spiorad beo agus a' fas ſuas ann. Amen.

Deonuich

Deonuich dha cumhachd agus neart gu buaigh bhi aige, agus caithream-buaigh a thoirt an aghaidh an diobhail, an tsaoghail, agus na feola. Amen.

Deonuich co air bith ata ann ſo a thugadh ſuas dhuit le 'r n-oifig agus le 'r miniſtrealachd, gu 'm bi ſe mar an ceudna air a lionadh le ſubhailcibh neamhuidh, agus gu'm faigh ſe tuaraſdal ſiorruidh, trid do thròcair-ſe, OThighearna Dhe bheannuicte, ata beo agus a' riaghladh nan uile nithe ſaoghal gun chrich Amen.

A Dhe uile chumhachdaich mhairtheanuich, b' è do Mhac ro ghràdhach Ioſa Crioſd, a dhòirt amach as a' thaobh ro phrìſcil uiſg' agus fuil, chum maitheanas ar peacaidh-ne, agus a thug àithne d' a dheiſciobluibh, gu 'n rachadh iad a theagasg nan uile chinneach, agus g' am baiſteadh, ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid naoimh, tha ſinn a' guidhe ort, gu'n eiſdeadh tu re achanuichibh do choi'thionail; naomhuich an t-uiſge ſo chum nigheadh diamhair air falbh peacaidh; agus deonuich gu m-faigh an leanabh ſo, ata gu bhi air abhaiſteadh ann air an ám ſo, iom- laineachd do ghrais, agus gu 'm bi è gu brath ann àireamh do chloinne firinich agus taoghta, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin gabhaidh an Sagart an leanabh ann a lamhaibh, agus their e ris na h-oideachaibh agus ris na Muimeachaibh,

Ainmichibh an leanabh ſo.

Agus an ſin ag radh an ainm nan deigh (ma dhearbhas iad gu m feud an leanabh ſ hulang gu maith) tumaidh ſe e ann uiſge gu ſeolta agus gu faiciolach ag radh,

N. Tha mi 'ga d' bhaiſteadh ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

¶ Ach ma dhearbhas iad gu bheil an leanabh anmhunn, foghmaidh uiſge a dhortadh air, ag radh nam briathra a labhradh roimhe.

N. Tha mi 'ga d' bhaiſteadh ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

¶ An

¶ An ſin their an Sagart.

THA ſinn a' gabhail a' ſteach an leanabh ſo ann coi'thional treud Ghrioſd, agus tha ſinn ga comhrachadh le comhradh na croiſe, mar chomharadh nach bi nair air an deigh ſo chreideamh Chrioſd air a cheuſadh aideachadh, agus cogadh gu miſneachail fo bhratuich, an aghaidh peacaidh, an t-ſaoghail, agus an diabhoil; agus buanachadh e na ſhaighd-fhear agus na ſheirbheiſeach firineach do Chrioſd gu crioch a bheatha. Amen.

*Ann ſo ni an Sagart crois air aghaidh an leinibh.*

An ſin their an Sagart.

A bhraithre ro ghràdhach, do bhri a nis gu bheil an leanabh ſo aith ghinnte agus air ſhuidheachadh ann an corp eaglais Chrioſd, thugamaid buidheachas do 'n Dia uile chumhachdaich air ſon nan ſochairean ſo, agus deanamaid urnuigh ris le aon inntin, gu n-caith an leanabh ſo a chuid eile ga bheatha a reir an toiſich ſo.

An ſin air bhi dhoibh uile air an gluinibh, a deirear.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc.. Amen.

An ſin their an Sagart.

BHeir ſinn buidheachas dhuit o ar cridhe, Athair ro throcaireach, do bhri gu m bi do thoil a' naoidhean ſo athgheinmhin le do Spiorad Naomh, a ghabhail mar dhuine cloinne dhuit fein le uchd-mhacachd, agus a dheanamh na bhall do d' eaglais naomh. Agus tha ſinn a' guidhe ort gu h-umhla gu 'n deonuicheadh tu, air bhi dha marbh do pheaca agus beo do fhireantachd, agus air bhi dha adhlaicte maille ri Crioſd 'na bhàs, gu 'n cèus è 'n ſeann duine, agus gu 'n cuir è cùl gu tur ri corp a pheacaidh gu h-iomlan, agus mar ata ſè air

a

a dheanamh na co-pairt bhàs do Mhic, gu 'm bi è mar an ceudna copairteach d' a eiſeirigh: chum fa-dheoidh gu m bi è na oighre air do rioghachd ſhiorruidh, maille ris a chuid eile do d' eaglais naomh, tre Chrioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin air dhoibh bhi uile nan ſcaſamh, their an Sagart ris na h-oideachaibh agus ris na muimeachaibh an earail ſo a leanas.

DO bhri gu n do gheall an leanabh ſo leibh-ſe 'ta na 'r n-urraſaibh air, gu 'n cuireadh è cùl ris an diabhal agus ri uil' oibre, gu 'n creideadh è ann Dia, agus gu 'n deanadh è ſeirbheis dha; feumaidh ſibhſe a chuimhneachadh gur h-è bhur gnothach fein, agus gu bheil è mar fhiachaibh oirbh a thoirt fai'near, co luath a 's ata an leanabh ſo comaſach air foghlam gu 'n d'theid a theagasg dha, ciod a mhòid ſholuimte, ann gealla agus an aidmheil a rinn è ann ſo leibhſe. Agus a chum gu 'm biodh fios na 's fearr aige air na nithe-ſin, gairmidh ſibh air a dh' eiſdeach ſearmoineadh: agus gu h-àraid bheir ſibh airre gu n-iunnſuich è a Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich àitheantan ann ſa' chaint chumainte, agus gach uile nithe eile bu choir do Chrioſduigh fios do bhi aig orra, agus a chreidſin gu ſlainte anama; agus a chum gu m bi an leanabh ſo air altrum ſuas gu ſubhailceach a chum beatha dhiaghaidh Chrioſduidh do chaitheadh; a' cuimhneachadh do ghna gu bheil am baiſte a' taiſbeanadh dhuinn, ar n-aidmheil, eadhon eiſimpleir ar Slanui'fhear Crioſd a leantuin, agus a bhi air ar deanamh coſmhuil ris, chum mar a bhaſuich eiſin agus mar a dh' eirich a ris air ar ſoin-ne: mar ſin gu m bu choir dhuinne ata air ar baiſte baſuchadh o pheaca, agus eirigh a ris a chum fireantachd, do ghna a' marbhadh ar n-uile ainmhianna olc agus truaillidh, agus a' dol air ar n-aghaidh gach la s-ann uile ſhubhailc, agus diaghachd beatha.

¶ Cuiridh ſe ri ſin, agus their e.

IS coir dhuibh airre a thoirt gu 'm bi 'n leanabh ſo air a thoirt a dh' ionſuidh an Eaſbuig gu bhi air a dhaingneachadh leis [ſa chreideamh] co luath 's as-urrain è a Chreud, Urnuigh an Tighearn, agus na deich aitheantan a radh, ann ſa chaint chumainte, agus air a theagasg ann leabhar ceiſt na h-eaglais a chuireadh a mach a chum na criche ſin.

IS ni cinnteach le fócal De, gu bheil clann a gheabh bas an deigh am baiſteadh, mu 'n dean iad peaca gniomh air bith, gun teagamh air an ſabhaladh.

A chum gach amharas a thoirt air falbh a thaobh gnathachadh comhthara na croiſe ann ſa bhaiſteadh; ſeudar firmhineachadh na cuis na reuſan cheart air ſon a cumail fhaicſin ann ſan xxx Canoin, a chuireadh a mach air thùs s ann M.DC.IV.

---

## Frithealadh BAISTE UAIGNEACH CLOINNE ann TIGHIBH.

¶ BHEIR Miniſteir gach ſgireachd fios gu minic do 'n phobull, gun dail do chuir am baiſte an cloinne na 's faide na 'n ceud, no an dara Domhnach an deigh am breith, no la naomh eile, a thachras eatora, mur bi aobhar mor agus reuſanta ann, ris an gabh a' miniſteir.

¶ Agus mar an ceudna bheir iad rabhadh dhoibh, nach iarr iad an clann a bhaiſteadh aig an tighibh, mur bi reuſan agus feum mor air. Ach a nuair a's eigin doibh ſin a dheanamh, an ſin bidh am baiſteadh air a fhrithealadh air an dogh ſo,

¶ An toiſeach deanadh miniſteir na ſgireachd (no mur bi eiſin a lathair, miniſteir laghail air bith eile a dh' fheudar fhaghail) maille riu-ſan ata lathair, gairm air Dia, agus abradh iad urnuigh an Tighearna, agus urrad do na h-urnuighean a dh' orduicheadh roimhe an riaghailt a bhaiſteadh fhollaſaich, a 's a cheaduicheas an t-am agus am feum ata lathair. Agus an ſin air do'n leanabh bhi air ainmeachadh le neach eigin do na tha lathair, dortuidh a Miniſteir uiſge air, ag radh nam briathra ſo;

N. Tha mi 'ga d' bhaiſteadh ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

An

¶ An ûn air ſleachda fios doibh uile, bheir a' Miniſteir buidheachas do Dhia agus their e.

BHeir ſinn buidheachas dhuit o ar cridhe, Athair ro thròcaireach, do bhri gu m bi do thoil a' naoidhean ſo aithgheinmhin le do Spiorad Naomh, a ghabhail mar dhuinne cloinne dhuit fein le uchd-mhacachd, agus a dheanamh na bhall do d' eaglais naomh. Agus tha ſinn a' guidhe ort gu h-umhla gu 'n deonuicheadh tu, air bhi dha marbh do pheaca agus beo do ſ hireantachd, agus air bhì dha adhlaicte, maille ri Crioſd 'na bhàs, gu 'n cèus è 'n ſeann duine, agus gu 'n cuir è cùl gu tur ri corp a pheacaidh gu h-iomlan, agus mar ata ſe air a dheanamh na chopairteach do bhàs do Mhic, gu 'm bi è mar an ceudna copairteach d'a eiſeirigh, chum ſa-dheoidh gu m bi è na oighre air do rioghachd ſhiorruidh, maille ris a chuid eile do d' eaglais naomh, tre Chrioſd ar Tighearna.

¶ Agus na cuirreadh iad an umhail nach 'eil 'an leanabh ata air a bhaiſteadh mar ſin gu laghail agus gu ſoghainteach air a bhaiſteadh, agus cha bu choir a bhaiſteadh a ris. Ach gidheadh ma bhios an leanabh ata air a bhaiſteadh mar ſo beo an deigh laimhe, is coir a thoirt a dh' ionſuidh na h-eaglais, chum agus ma ſe miniſteir 'na ſgireachd ſin fein a bhaiſt an leanabh ſin, gu 'm faigh an coi'thional fios air an ſ hior riaghailt baiſti, a ghnathaich roimh os iofal ; ann ſo chas ſin their e mar ſo,

THA mi 'g inſeadh dhuibh, gu 'n do bhaiſteadh an leanabh ſo air a leithid ſo dh-àm, agus ann leithid ſo do dh-àite, ann lathair na h-urad do dh-ſ hianuiſibh a reir ordugh iomchuidh mar tha 'n eaglais aig iarrudh.

¶ Ach ma bhaiſteadh an leanabh le miniſteir laghail air bith eile; an ſin ceaſnuichidh agus feachuidh miniſteir na ſgireachd ann ſan d' rugadh, no ann ſa bhaiſteadh an leanabh, an rabh an leanabh air a bhaiſteadh gu laghail no nach rabh. Agus ma ſ hreagras an dream a bheir an leanabh dh' ionſuidh na h eaglais, gu 'n do bhaiſteadh an leanabh cheana, an ſin ceaſnuichidh a miniſteir iad na 's faide, ag radh,

CO bhaiſt an leanabh ſo ?

Co bha lathair a nuair a bhaiſteadh an leanabh ſo ?

Do bhri gu 'm feud cuid do nithibh a bhuinneas do natar na ſacramaint ſo a bhi air an leagail ſeachad tre eagal no tre cabhaig ann aimſiribh cruadalach ; air an aobhar ſin feoruichim dhibh, a ris,

Glod

Ciod a' ni leis an do bhaiſteadh an leanabh ſo ?
Ciod na focail leis an do bhaiſteadh an leanabh ſo ?

¶ Agus ma thuigeas a miniſteir le freagra' na muintir a thug an leanabh leo, gu 'n d' rinneadh gach ni mar bu choir an deanamh ; an ſin cha bhaiſt e an leanabh a ris, ach gabhuidh ſe e mar aon do threud an t hior ſhluaigh chriosduigh, ag radh mar ſo,

THa mi 'g innſeadh dhuibh, gu bheil na h-uile ni deanta gu maith ſa chuis ſo, agus a reir deagh ordugh, a thaobh baiſteadh an leinibh ſo ; neach do rugadh ann am peaca geinneadh, agus am feirg Dhe, ach a nis tre ionlad na h-aith-gheineamhuin ann ſa bhaiſte, ata air a ghabhail ann aireamh cloinn De, agus oighreachan na beatha ſhiorruidh ; oir cha duilt ar Tighearn Joſa Crioſd a ghras agus a throcair do naoidheanaibh mar ſo, ach ata ſe 'g an gairm d'a ionſuidh gu ro ghradhach, mar ata an ſoiſgeul naomh a' dearbhadh a chum co-ſhurtachd dhuinn-e air an doigh ſo.

*An Soiſgeul.* Mharc. x. 13.

THug iad clann og a dhionnſuidh Crioſd, cum's gu 'm beanadh sè riu; agus chronuich a dheiſciobuil a' mhuintir a thug leo iad. Ach an uair a chunnairc Joſa ſin, bha è ro-dhiomach, agus a dubhairt ſe riu, Leigibh do na leanbuibh teachd a' m' ionnſuidhs', agus na bacuibh iad ; oir is ann d' an leithidibh ata rioghachd Dhe. Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e neach nach gabh rioghachd Dhe mar leanabh beag, nach d'theid sè a ſteach innte. Agus ghlac sè 'n a uchd iad, agus chuir ſe a lamhan orra, agus bheannuich ſe iad.

A Mhuintir ionmhuin, ann s an t-Soiſgeul ſo tha ſibh a' cluinntin briathran ar Slanui'ſhear Crioſd, gu 'n d' aithn è clann a thoirt d' a ionſuidh ; cionnas a chronuich è an dream leis am b'aill an cumail uaithe; cionnas a theagaisg è do na h-uile dhaoine an neimh-chiontachd a leanmhuin. Tha ſibh faicſin mar leig è ris a dheagh thoil d' an taoibh le ghiulan agus le dheanadas o 'n leath a' muigh ; oir ghabh ſe iad na ultaich, chuir è lamhan orra, agus bheannuich ſe iad. Air an aobhar ſin na cuiridh ſe ann teagamh, ach creidibh

ibh gu durachdach, gu n gabh è mar an ceudna an Naoidhean ſo ata lathair gu fabharach, gu n glac ſe è le gairdinibh a thrócair, gu n-toir è dha bheannuchadh na beatha ſhiorruidh, agus gu n-toir è dha co-pairt d' a rioghachd bhith-bhuan. Uime ſin air bhi dhuin-ne mar ſo deirbhte do dheagh rùn ar n-Athar neamhuidh a thaobh a naoidhean ſo, a dh' fhoillſich è le Mhac Joſa Crioſd, agus air bhi dhuinn gun amharas air bith cinnteach gun gabh ſe gu fabharach r' ar n-obair charthanaich, ann an tabhairt an Naoidhean chum a bhaiſte naomha ſan, thugamaid buidheachas dha gu creidmheacdh agus gu crabhach, agus abra'maid,

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeach do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar dheantair air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaibh, mar a mhaitheas ſin dhiobh-ſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich agus bhith bhuan, Athair neamhuidh, bheir ſinn buidheachas umhla dhuit, air ſon gu 'n d-aontuich thu ar gairm gu eolas do ghràs agus creidimh ann-ad; meaduich an t'eolas ſo, agus daingnich an creidimh ſo annain gu bràth. Thoir do Spiorad Naomh do 'n naoidhean ſo, chum gu 'm bi fe air ath-bhreith, agus air a dheanamh na oighre air ſlainte bhith-bhuan, trid ar Tighearna Joſa Crioſd, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa agus ris an Spiorad Naomh, nis agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin feoruichidh an Sagart ainm an leinibh agus a nuair a dh' innſear an t-ainm, their a Miniſteir,

AM bheil thuſa ann ainm an leinibh ſo a cuir cùl ris an diobhal agus ri' uil' oibre, ri greadhnachas agus gloir dhiamhain an t-ſaoghail, maille ri' uile thograibh ſannſach, agus mianaibh colnach na feola, air doigh nach lean thu iad, agus nach bi thu air do threorachadh leo?

*Freag.* Tha mi a cuir cùl riu uile.

*Miniſteir.*

*Miniſteir.*

AM bheil thu creidſin ann Dia an t-Athair uile chumhachdach, Cruithf hear neamh agus talmhuin?

Agus ann Joſa Crioſd aon ghin Mhic-ſin, ar Tighearn? Agus gu n do ghabhadh è leis an Spiorad Naomh; gu 'n d' rugadh è leis an Oigh Muire; gu 'n d' fhulaing è fo Phontius Pilat, gu 'n do cheuſadh é, gu 'n d' fhuair è bàs agus gu 'n d' adhlaiceadh è; gu 'n deach è ſios do dh-Ifrionn, agus mar an ceudna gu 'n d' èirich è rithiſt an treas la; gu 'n deachaidh è ſuas air neamh, agus gu bheil sè na ſhuidhe air deas lamh Dhe an t-Athair uile chumhachdaich; agus gu 'n tig ſe a' ſin a ris aig deireadh an t-ſaoghail, a thoirt breith air bheoaibh agus air mharbhaibh?

Agus am bheil thuſa creidſin ann ſan Spiorad Naomh: An Eaglais Naomh choitchionn: Co chomunn nan Naoimh; Maitheanas peacaidh; Eis-eirigh na Colla; agus a bheatha mhairtheanach an deigh a bhàis?

*Freag.* Tha mi creidſin ſo uile gu diongalta.

*Miniſteir.*

MA ſeadh, an coimhid thu gu h-umhla toil naomh agus aitheanta Dhe, agus an ſiubhail thu ann-ta feadh uile laithe do bheatha?

*Freag.* Coimhid mi.

¶ An ſin their an Sagart.

THA ſinn a' gabhail a' ſteach an leanabh ſo ann coi'thional treud Chrioſd*, agus tha ſinn ga comharachadh le comharadh na croiſe, mar comharadh nach bi nair air an deigh ſo creideamh Chrioſd air a cheuſadh aideachadh, agus cogadh gu miſneachail fo bhratuich, an aghaidh peacaidh, an t-ſaoghail, agus an diabhoil; agus buanachadh na ſhaighd-ſ hear agus na ſheirbheiſeach firineach do Chrioſd gu crioch a bheatha. Amen.

* *Ann ſo ni an Sagart crois oir aghaidh an leinibh.*

¶ An ſin their an Sagart.

A Bhraithre ro ghradhach, do bhri a nis gu bheil an leanabh ſo aith ghinnte agus air a ſhuidheachadh ann an corp eaglais Chrioſd, thugamaid buidheachas do 'n Dia uile chumhachdach

dach air ſon nan ſochairean ſo, agus deanamaid urnuigh ris le aon inntin, gu n-caith an leanabh ſo a chuid eile da bheatha a reir an toiſich ſo.

¶ An ſin their an Sagart.

BHeir ſinn buidheachas dhuit o ar cridhe, Athair ro throcairach, do bhri gu m bi do thoil a' naoidhean ſo aithgheinmhin le do Spiorad Naomh, a ghabhail mar dhuine cloinne dhuit feſh le uchd-mhacachd, agus a dheanamh na bhall do d' eaglais naomh. Agus tha ſinn a' guidhe ort gu h-umhla gu 'n deonuicheadh tu, air bhi dha marbh do pheaca agus beo do fhireantachd, agus air bhi dha adhlaicte maille ri Crioſd 'na bhas, gu 'n ceus è 'n ſeann duine, agus gu 'n cuir è cûl gu tur ri corp a pheacaidh gu h-iomlan, agus mar ata ſe air a dheanamh na copairteach do bhàs do Mhic, gu 'm bi è mar an ceudna copairteach d'a eiſeirigh, chum fa-dheoidh gu m bi è na oighre air do rioghachd ſhiorruidh, maille ris a chuid eile do d' eaglais naomh, tre Chrioſd ar Tighearna.

¶ An ſin air dhoibh bhi uile nan ſeaſamh, their an Sagart ris na h-oideachaibh agus ris na muimeachaibh an earail ſo a leanas.

DO bhri gu n do gheall an leanabh ſo leibh-ſe 'ta na 'ar n-urraſaibh, gu 'n cuiridh è cul ris an diabhal agus ri uil' óibre, gu 'n creideadh è ann Dia, agus gu 'n deanadh e ſeirbheis dha; feumaidh ſibhſe a chuimhneachadh gur h-e bhur gnothach fein, agus gu bheil e mar fhiachaibh oirbh a thoirt fainear, co luath a's ata an leanabh ſo comaſach air foghlam, gu 'n d' theid a theagasg dha, ciod a mhoid ſholaimte, an gealla agus an aidmheil a rinn e ann ſo leibh-ſe. Agus a chum gu 'm biodh fios na 's fearr aige air na nithe-ſin, gairmidh ſibh air a dh' eiſdeachd ſearmoineadh; agus gu h-araid bheir ſibh airre gu n iunnſuich e a Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich aitheantan ann fa' chaint chumainte, agus gach uile nithe eile bu choir do chrioſduigh fios do bhi aig orra, agus a chreidſin gu ſlainte anama; agus a chum gu m bi an leanabh ſo air aldram ſuas gu ſubhailceach a chum beatha dhiaghaidh Chrioſduidh do chaitheadh; a' cuimhneachadh do ghna gu bheil am baiſte a' taiſbeanadh dhuinn, ar n-aidmheil,

eadhon

eadhon eiſimpleir ar Slanui'ſ hear Crioſd a leantuin, agus a bhi air ar deanamh coſmhuil ris: chum mar a bhaſuich eiſin agus mar a dh'eirich e ris air ar ſoin-ne: mar ſin gu m bu choir dhuinne ata air ar baiſte baſuchadh o pheaca, agus eirigh a ris a chum fireantachd, do ghna a' marbhadh ar n-uile ainmhianna olc agus truaillidh, agus dol air ar n aghaidh gach la s-ann uile ſhubhailc, agus diaghachd beatha.

¶ Ach ma bheir an dream a thig leis an leinibh chum na h-eaglais, freagradh co neo-chinnteach do cheiſtibh an t-Sagairt, a 's nach eil dearbha' gu 'n do bhaiſteadh an leanabh le h-uiſge ann ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh, (nithe a bhuinneas gu ſonruichte do 'n bhaiſte) an ſin baiſteadh an Sagart e a reir na riaghailt a dh' orduicheadh roimhe air ſon baiſte follaſach an leanaban. Ach an am tumadh an leinibh ann ſan tobar bhaiſte, gnathuichidh ſe na briathra ſo.

MUR 'eil thu air do bhaiſteadh a cheanna, N. Tha miſe 'ga do bhaiſteadh ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

Frithealadh

# FRITHEALADH a BAISTE do'n mhuintir a a thig gu h-aois agus a's urrain freagradh air an ſon fein.

¶ ANuair a bhios dream a thainig gu h-aois gu bhi air am bhaiſteadh, bheir an aithrichean no daoine ciallaich eigin eile fios do 'n Easbuig, no do 'n ti a dh' orduicheas e chum na criche ſin, air a chuid a 's lugha ſeachd'uin roimh an am; chum 's gu gabhta curam dleaſdanach mu 'n ceaſnuchadh. am bheil iad gu leor air an teagaſg ann (priamh) phoncaibh a chreidimh Crioſd-uigh; agus a chum earail a thoirt orra iad fein ullachadh le h-urnuighibh agus le troſg a chum an t-ſacrament naomh ſo ghabhail.

¶ Agus mu gheabhar iomchuidh iad, air bhi do'n phobull cruinighte la orduighte Sabaid no feile, bithidh na h oideachan agus na muimeachan ullamh chum an taiſbean aig an tobar bhaiſte air ball an deigh an dara leaſan, an dara cuid aig urnuigh maidin no feaſcair, a reir mar chi an Sagart ceart agus iomchuidh.

¶ Agus air bhi dhoibh nan ſeaſamh ann ſin, feoruichidh an Sagart, cia achd ata neach air bith do 'n dream ata lathair ann ſo air am baiſteadh, no nach 'eil; ma fhreagras lad, cha n' eil: an ſin their an Sagart mar ſo,

A Mhuintir ionmhuin; do bhri gu bheil na h-uile dhaoine air an gineadh agus air am breith ann am peaca, (agus a nì ſin ata air a bhreith o 'n fheoil gur feoil è agus cha n-urrain iad-ſan ata s-ann fheoil Dia a thoileachadh, ach tha iad a' caitheamh am beatha an peaca, a' deanamh iomad peaca gniomha; agus gu bheil ar Slanuiſhear Crioſd ag radh, Nach ſead neach air bith dol a ſteach do rioghachd Dhe, mur bi è air ath-ghinmhuin agus air a nuaidh bhreith le uiſge agus leis an Spiorad Naomh; guidhim oirbh gairm air Dia an t-Athair, trid ar Tighearna Joſa Crioſd, gu 'n tugadh è d' a mhòr thròcair do 'n mhuintir ſo, a' ni ſin nach fheud a bhi aca thaobh Natuir, gu 'm bi sìad air an gabhail a ſteach do dh-eaglais Naomh Chrioſd, agus gu 'm bi ſiad air a deanamh na buill bheo dh' ì.

¶ An ſin their an Sagart,

Deanamaid Urnuigh.

¶ Agus ann ſin theid an coi'thional uil' air an gluinibh.

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a ſhabhail le d' mhòr thròcair Noa agus a theaghlach ann s an airc o 'n ſgrios le h-uiſge, agus mar an ceudna a threoruich do phobul fein clann Iſrail gu tearuinte tre a Mhuir ruaidh, leis ſin a' cialluchadh do bhaiſte naomh : agus le baiſteadh do Mhic ro ghràdhach Joſa Crioſd ann abhuinn Jordan, a naomhuich uiſge chum nigheadh diamhair peacaidh air falbh ; tha ſinn a' guidhe ort air ſon do throcairibh gun tomhas, gu n amhairc thu gu trocaireach air an dream ſo ; ionlaid iad agus naomhaich iad le d' Spioraid Naomh, chum air bhi dhoibh air an ſaoradh o t-f'heirg, gu 'm bi ſiad air an gabhail ſteach ann airc eaglais Chrioſd; agus air bhi dhoibh daingean ann creidimh, aoibhneach tre dochas, agus ſuidhighte ann gràdh, gu 'm fead iad dol tre thonnaibh an t-ſaoghail thrioblaidich ſo, chum gu 'n tig iad fa dheoidh gu talamh na beatha mairtheanaich ; chum riaghladh ann ſin maille riutſa, ſaoghal gun chrich, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich agus mhairtheanaich, comhnadh gach neach ata am feum, fear cuidicheadh gach neach a theicheas do t-ionſuidh air ſon cobhair, beatha gach uile neach a chreideas, agus ais-eirigh nam marbh ; tha ſinn a' gairm or air ſon an dream ſo, chum air teachd dhoibh dh' ionnſuidh do bhaiſte naomh ſa, gu 'm faigh ſiad maitheanas ann a pheacaidh tre aith-ghinmhuin ſpioradail. Gabh iad, O Thighearna, mar a gheall ù le do Mhac ro ghrádhach, ag radh, firribh, agus bidh è agaibh ; iarruidh, agus gheabh ſibh ; buailibh, agus *bidh è air fhoſgladh* dhuibh ; Mar ſin tabhair dhuinne a nis ata 'g iarruidh ; faighemide, ata a' firribh ; foſgail an dorus dhuinn-ne ata bualadh ; chum gu 'm fuigh an dream ſo beannuchadh ſiorruidh t-ionladh neamhuidh, agus gu 'n tig iad ionnſuidh na rioghachd ſhiorruidh, a gheall thu, tre Chrioſd ar Tighearna. Amen.

Ann

¶ Ann ſin ſeaſmhaidh am pobull ſuas agus their an Sagart.

Eiſdibh briathra an t-ſoiſgeil a ſgriobh Ioin, s ann treas caibdeil a toiſeach aig a' cheud rann.

BHa duine do na Phairſichibh, d' am b' ainm Nicodemus *a bha* 'n a uachdaran air na h Judhachaibh : Thainig eiſean chum Joſa ſan oidhche, agus a dubhairt ſè ris, A mhaighiſdir ata ſhios againne gur fear-teagaiſg thu a thainig o Dhia : oir cha 'n urradh duin' air bith na mìorbhuile ſo dheanamh, a'ta thus' a' deanamh, mur bi Dia maille ris. Freagair Joſa agus a dubhairt ſè ris, Gu deimhin, deimhin a deirim riut, mur beirthear duine a-ris, nach ſheudar leis rioghachd Dhe ſhaicſin. A dubhairt Nicodemus ris, Cionnas a dh' fheudas duine bhi air a bhreith 'n uair ata ſè aosda ? am bheil é comaſach air dol a ſtigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus bhi air a bhreith ? Fhreagair Joſa, Gu deimhin, deimhin a deirim riut, mur bi duine air a bhreith o uiſge, agus o 'n Spiorad, cha 'n urradh è dol a ſtigh do riogachd Dhe. An ni ſin a 'ta air a bhreith o 'n ſheoil, is feoil è ; agus an ni ſin at 'a air a bhreith o 'n Spiorad, is ſpiorad è. Na gabh iongantas gu 'n dubhairt mi riut, Is eigin duibh bhi air bhur breith a-ris. 'S'a ghaoth a' ſèideadh far an àill leatha, agus ata thus' a' cluintin a ſuaim, ach ni 'm bheil ſhios agad co as ata i teachd, no c 'àit' ata i dol : is ann mar ſin ata gach neach a'ta air a bhreith o 'n an Spiorad.

¶ An deigh ſin their an Sagart an earail ſo a leanas.

A Mhuintir ionmhuin, ann s an t-ſoiſgeul ſo tha ſibh a' cluintin briathra ſoilleir ar Slanui'ſhear Criosd, mur bi duine air a bhreith le h-uiſge agus leis an Spiorad naomh nach urrain è dol a ſteach do rioghachd Dhe. Le ſo feaduidh ſinn ſhaicſin am feum mòr ata air an t-ſacramaint ſo, far am feadar a faghail. Mar an ceudna air ball roimh dha dol ſuas air neamh (mar ata ſinn a leughadh fa' chaibdeil dheirionnach do ſhoiſgeil N. Mharc thug ſè àithne d'a dheiſciobluibh, ag radh, Rachaibh feadh an t-ſaoghail uile; agus ſearmonuichibh an ſoiſgeul do gach uile chreatuir. An ti a chreideas agus ata air a bhaiſteadh, ſàbhailear è ; ach an ti nach creid, bithidh ſe air a dhamnadh. Tha ſo mar an ceudna a ſeuchain dhuinne an tairbhe mhòr a gheabh ſinn leis (a bhaiſte). Air an aobhar ſin, an t-àm do bhi mòran air am bioradh n an' cridhe, nuair a ſhearmonuich an t abſdal Peadar an ſoiſguel air tùs, agus

a

a dubhairt iad ris agus ris a chuid 'eil do na na h-abſtolaibh, A dhaoine agus a bhraithre, ciod è a ni ſinn ? fhreagar eiſin agus thubhairt è riu, Deanuibh aithreachas agus bithibh air bhur baiſteadh gach neach agaibh chum maitheanas peacaidh, agus gheabh ſibh tiodlacadh an Spiorad naomh. Oir ata 'n gealladh dhuibh-ſe agus da 'r cloinn, agus dhoibhſin uile ata fad o laimh, eadhoin a mhead 's a nì 'n Tighearna ar Dia-ne a ghairm. Agus le mòran bhriathran eile thug è earnal orra, ag radh, Sàbhailibh ſibh fein o 'n droch ghinealach ſo. Oir (mar tha 'n t-abſtal ceudna a' deanamh fia'nuis ann àit eile) tha eadhoin 'm baiſte 'g ar ſàbhaladh a niſe mar an ceudna (cha 'n è cur air falbh ſalachar na feola, ach freagradh deagh chogais a thaobh Dhe) le ais-eirigh Joſa Crioſd. Uime ſin na cuiribh an umhail, ach creidibh gu dùrachdach, gu 'n gabh ſe an dream ſo ata làthair gu fàbharach, air dhoibh ſior aithreachas a dheanamhh, agus teachd da ionſuidh, le creidimh ; gu 'n tabhair è dhoibh maithea'nas nam peacaidh, gu m builich è orra an Spiorad naomh ; gu n toir è dhoibh beannachadh na beatha ſhiorruidh, agus gu 'n dean ſè iad nan luchd co-pairt d 'a rioghachd bhioth bhuan.

Uime ſin, air dhuinn-ne bhi mar ſo deirbhte mu dheagh thoil ar n-Athar neamhuidh do thaobh na muintir ſo, a dh' f hoillſicheadh le Mhac Joſa Crioſd ; thugamaid buidheachas dha gu creidmheach agus gu crabhach, agus abramaid,

A Dhe uile chumhachdaich agus bhith-bhuan, Athair neamhuidh, bheir ſinn buidheachas ùmhla dhuit, air ſon gu 'n d-aontuich thu ar gairm gu eolas do ghràs agus creidimh ann'ad, meaduich an t'eolas ſo, agus daingnich an creidimh ſo ann-ain gu brath. Thoir do Spiorad Naomh do 'n dream ſo, chum gu'm bi fiad air an ath-bhreith, agus air a dheanamh na oighreachan air ſlainte bhith bhuan, trid ar Tighearna Ioſa Crioſd, ata beo agus a' riaghladh maille riut-ſa agus ris an Spiorad Naomh, nis agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin labhraidh an Sagart ris an dream ata chum am baiſteadh air a mhodh ſo.

A Mhuintir ionmhuin, a thainig ann ſo aig iarruidh am baiſte naomh do ghabhail, chuala ſibh mar a rinn an co- thional urnuigh, gu ma toil leis ar Tighearna Joſa Crioſd bhur gabhail agus bhur beannachadh, ar fuaſgladh o bhur peacaidh

peacaidh, rioghachd neamh agus a bheatha mhairtheanach a thoirt dhuibh. Chuala ſibh mar an ceudna gu 'n do gheall ar Tighearn Joſa Crioſd 'na fhocal naomh, na nithe ſin uile a thoirt ſeachad air ſon an d' rinn ſinn urnuigh; agus ni eiſin an gealla ſin a choimhid agus a choi'lionadh gu ro chinteach air a thaobh feiñ.

Air an aobhar ſin, an deigh a ghealla ſo a rinn Crioſd, feumaidh ſibh-ſe mar an ceudna a ghealltain gu fìrineach an làthair na'r fia'nuiſean, agus a cho-thionail ſo uile, gu 'n cuir ſibh cùl ris an diabhal agus ri uil oibribh, agus gu 'n creid ſibh gu bunailteach focal naomh Dhe, agus gu 'n coimhid ſibh àitheanta gu h uramach.

¶ An ſin ſeoruichidh a Miniſteir do 'n dream ata gus am baiſteadh ſa leath na ceiſtean ſo a leanas.

AM bheil thu cuir cùl ris an diabhol agus ri uil' oibre, ri greadhnachas agus glòir dhiamhain an t-Saoghail, maille ri' uile thograibh ſanntach, agus mianaibh colnach na feola, air doigh nach lean thu iad, agus nach bi thu air do threorachadh leo?

*Freag.* Tha mi a cuir cùl riu uile.

*Miniſteir.*

AM bheil thu creidſin ann Dia an t-Athair uile chumhachdach, Cruithfhear neamh agus talmhuin?

Agus ann Ioſa Crioſd aon ghin Mhic-ſin, ar Tighearn? Agus gu n do ghabhadh è leis an Spiorad Naomh; gu 'n d' rugadh è leis an Oigh Muire; gu 'n d' fhulaing è ſo Phontius Pilat, gu 'n do chèuſadh è, gu 'n d' fhuair è bàs agus gu 'n d' adhlaiceadh è; gu 'n deach è ſios do dh-Ifrionn, agus mar an ceudna gu 'n d' èirich è rithiſt an treas la; gu 'n deachaidh è ſuas air neamh, agus gu bheil sè na ſhuidhe air deas lamh Dhe an t-Athair uile chumhachdaich; agus gu 'n tig ſe 'a ſin a ris aig deireadh an t-ſaoghail, a thoirt breath air bheoaibh agus air mharbhaibh?

Agus am bheil thu creidſin ann ſan Spiorad Naomh: An Eaglais naomh choitchionn; Co-chomunn nan Naoimh; Maitheanas peacaidh; Eis-eirigh na Colla; agus a bheatha mhairtheanach an deigh a bhàis?

*Freag.* Tha mi creidſin ſo uile gu diongalta.

*Miniſteir.*

*Miniſteir.*

AN aill leat do bhaiſteadh ann ſa' chreidimh ſo?
*Freag.* 'S aill leam.

*Miniſteir.*

MA ſeadh, an coimhid thù gu h-umhla toil naomh agus àithneanta Dhe, agus an ſiubhail thù ann-ta feadh uile laethe do bheatha?
*Freag.* Coimhid mi.

¶ An ſin their an Sagart.

O Dhe thròcairich, deonnich gu 'm bi an ſean Adhamh ann ſan dream ſo air adhlacadh, air doigh gu 'm bi an duine nuadh air a thogail ſuas ann. Amen.

Deonuich gu 'm bàſuich gach anamhian feolar an taobh ſtigh dhuibh, agus gu m bi gach uile nithe a bhuinneas do 'n Spiorad beo agus a' fas ſuas ann ta. Amen.

Deonuich dhoibh cumhachd agus neart gu buaigh bhi aca, agus caithream-buaigh a thoirt an aghaidh an diobhail, an t-ſaoghail, agus na feola. Amen.

Deonuich ait bhi dhoibh air an tabhairt ſuas dhuitſe ann ſo le 'r n-oifig agus le 'r miniſtrealachd, gu 'm bi ſiad mar an ceudna air a lionadh le ſubhailcibh neamhuidh, agus gu'm faigh ſiad tuaraſdal ſiorruidh, trid do thròcair-ſe, O Thighearna Dhe bheannuichte, ata beo agus a' riaghladh nan uile nithe ſaoghal gun chrich. Amen.

A Dhe uile chumhachdaich, mhairtheanuich, b' è do Mhac ro ghràdhach Iofa Crioſd, a dhòirt amach as a' thaobh ro phrìſeil uiſg' agus fuil, chum maitheanas ar peacaidh-ne, agus a thug àithne d' a dheiſciobluibh, gu 'n rachadh iad a theagasg nan uile chinneach, agus g' am baiſteadh, ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid naoimh, tha ſinn a' guidhe ort, gu'n eiſdeadh tu re achanuichibh a choi'thionail ſo; naomhuich

naomhuich an t-uiſge ſo chum nigheadh diamhair air falbh peacaidh; agus deonuich gu m-faigh an dream ata gu bhi air a bhaiſteadh ann air an àm ſo, iom-laineachd do ghrais, agus gu 'm bi iad gu brath ann àireamh do chloinne firinich agus taghta, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin gabhaidh an Sagart gach neach failcth ata r'a bhaiſte air an lamh dheas, agus feoruich ſe an ainm do na h-oideachaibh agus na muimeachaibh, agus an ſin tumaidh ſe sann uiſge e, no dortadh ſe uiſge air, ag radh,

N. Tha mi 'gà d' bhaiſteadh ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

¶ An ſin their an Sagart.

THA ſinn a' gabhail a' ſteach an neach ſo ann coi'thional treud Chrioſd, agus tha ſinn ga comhrachadh le comharadh na croiſe, mar chomharadh nach bi nair air an deigh ſo creideamh Chrioſd air a cheuſadh aideachadh, agus cogadh gu miſneachail ſo bhratuich, an aghaidh peacaidh, an t-ſaoghail, agus an diabhoil; agus buanachadh na ſhaighd-fhear agus na ſheirbheiſeach ſirineach do Chrioſd gu crioch a bheatha. Amen. *Ann ſo ni an Sagart crois air aghaidh.*

¶ An ſin their an Sagart.

A bhraithre ro ghràdhach, do bhri a nis gu bheil an dream ſo aith ghinnte agus air an ſuidheachadh ann an corp eaglais Chrioſd, thugamaid buidheachas do 'n Dia uile chumhachdaich air ſon nan ſochairean ſo, agus deanamaid urnuigh ris le aon inntin, gu n-caith iad a chuid eile da bheatha a reir an toiſich ſo.

¶ An ſin air bhi dhoibh uile air an gluinibh, a deir ar.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail.

Agus

Agus maith duinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobh-ſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc.. Amen.

THa ſin a' toirt buidheachais umhla dhuit, O Athair neamh-uidh gu 'n d' aontuich thu ſinn-ne a ghairm gu eolas do ghràis agus creidimh ann-ad; meaduich an t-eolas ſo, agus daingnich an creidimh ſo ann-ain gu bràth. Tabhair do Spioraid naomh do 'n mhuintir ſo, chum air bhi dhoibh a nis air an ath-bhreith, agus air an deanamh nan oighribh air ſlainte fhiorruidh trid ar Tighearn Joſa Crioſd, gu 'm buanuich iad nan ſeirbheiſich dhuit ſe, agus gu 'm faigh iad (còir air) do ghealladh, trid an Tighearn Joſa Crioſda do Mhac, ata beo agus riaghladh maille ruit-ſa ann aonachd an Spioraid naoimh cheudna gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin air dhoibh bhi uile nan ſeaſamh, gnathuichidh a' Mhiniſteir an earail ſo a leanas; a' labhairt air thus ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibh.

DO bhri gu 'n do gheall a mhuintir ſo an bhur làthair, cùl a chuir ris an diabhol agus ri uil' oibribh, creidſin ann an Dia, agus ſeirbheis a dheanamh dha; ſeumaidh ſibh-ſe a chuimhneachadh gur h-è bhur gnothach agus bhur dleaſdanas a chuir an cuimhne dhoibh, ciod ì a mhoid, an gealla, agus an aidmheil fhollaſach a rinn iad air an ám ſo ann làthair a choi'-thionail ſo, agus gu h-àraid ann bhur làthair-ſe ata na 'r ſia'-nuiſibh taghta aca. Agus gairmidh ſibh orra mar an ceudna chum an uile dichioll a dheanamh gu bhi air an teagasg gu ceart ann am focal naomh Dhe, chum gu 'm ſàs iad ann an gràs, agus ann eolas ar Tighearn Joſa Crioſd, agus gu 'n caith iad am beatha gu diaghaidh, fìrineach, agus gu meaſarra s an t ſaoghal ſo 'ta làthair.

(¶ Agus a ſin a' labhairt ris a mhuintir ata air an ur bhaiſteadh, theid e air aghaidh, agus their e,)

AGus air bhur ſon-ſa, a chuir air an àm ſo Crioſd umaibh leis a Bhaiſte, tha è mar fhiachaibh agus mar chleas'nas oirbh-ſe mar an ceudna, air bhi dhuibh air bhur deanamh na 'r cloinn do Dhia, agus do 'n t ſolus le creidimh ann Joſa Crioſd, ſubhail a rèir bhur gairm chriofduigh, agus mar is cubhaidh

cubhaidh do chloinn an t-ſoluis: a' cuimhneachadh do ghna gu bheil am baiſte a' taiſbeanadh dhuinn ar n-aidmheil; eadhon, eiſiomplair ar Slanui'fhear Crioſd a leantuin, agus a bhi air ar deanamh coſmhuil ris; ionnas mar a bhàſuich eiſin, agus mar a dh' eirich è a rìs air ar ſoinne; mar ſin gur còir dhuinn-ne ata air ar baiſteadh, bàſuchadh o pheaca; agus eiridh a rìs a chum fìreantachd, do ghna a' marbhadh ar n-uile dhroch mhianna truaillidh, agus a' dol air ar n-aghaidh gach la ann s gach ſubhailc agus diaghachd beatha.

¶ Tha e iomchuidh gu 'm biodh gach neach ata air am baiſteadh mar ſo air an daingneachadh leis an Easbuig co luath an deigh am baiſteadh 's a bhios co'-throm air; chum gu 'm bi comas aige teachd a dh' ionſuidh a chomanaich naomh.

¶ Ma bheirear dream air bith nach do bhaiſteadh n-ann naoidheantachd, a chum am baiſteadh mu 'n tig iad gu bliadhnaidh tuigſe gu freagairt air an ſon fein; is leor feum a dheanamh do'n oifig air ſon baiſte follaſach naoidheana, no (ma bhios mor chunnart ann) do'n oifig air ſon baiſte uaignaich, amhain aig mutha an fhocail (naoidhean) air ſon (leanabh no neach) mar ata chuis aig iarruidh.

# LEABHAR CHEIST;

## Se ſin, Teagasg a dh' fheumas gach neach fhoghlum, mun tig e gu bhi air a dhaingneachadh leis an Eaſbuig.

*Ceiſt.*

C' AINM ata ort?
*F. N.* no *M.*

*C.* Co thug an t-ainm ſin dhuit?

*F.* M' òideachan agus mo mhuimeachan ann mo bhaiſte, ann s-an d' rinneadh me a' m' bhall do Chrioſd, a' m' leanabh do Dhia, agus a' m' oighre air rioghachd neamh.

*C.* Ciod a rinn t-òideachan agus do mhuimeachan an ſin air do ſhon?

*F.* Gheall agus mhoidich iad tri nithe ann a m' ainm. Air thùs gu 'n cuirinn cùl ris an diabhol agus rì uil oibre, rì greadhnachas agus rì diamhanas an t-ſaoghail aingidh ſo, agus uile ainmhianna peacach na feola. 'S ann dara àite, gu 'n creidin uile phonca na creideamh Chrioſduidh. Agus s-ann treas aite, gu 'n coimhdin toil agus aitheanta naomha Dhe, agus gu 'n ſiubhlain ann-ta feadh uile làeth mo bheatha.

*C.* Nach 'eil ù 'm barail gu bheil a dh' fhiachaibh ort a chreidſin, agus a dheanamh, mar a gheall iad-ſan air do ſhon?

*F.* Tha gu deimhin; agus le comhnadh Dhe, ni mi ſin. Agus tha mi toirt buidheacheais o m' chridhe d' ar n-Athair neamhuidh, gu 'n do ghairm è mi dh' ionſuidh ſtaid ſo na ſlainte, trid Joſa Crioſd ar Slanui'fhear. Agus tha mi guidhe

air

air Dia a ghràs a thoirt dhomh, chum gu 'm buanuich mi s-ann ſtaid ſin gu crioch mo bheatha.

*C.* Aithris Poncan do chreideamh.

*Freagradh.*

CReidim ann Dia an t Athair uile chumhachdach, Cruithfhear neimh agus talmhain:

Agus ann Joſa Crioſd aon Mhac ſan ar Tighearna; Neach a ghabhadh leis an Spiorad Naomha, A rugadh leis an Oigh Muire; A dh' fhuiling ſo Phontius Pilat, Do cheuſa, do fhuair bàs, do adhlaiceadh. Chaidh è ſios do dh' Ifrionn; Air an treas la Dh' eirich è rìs o na mairbh, Chaidh è ſuas air neamh, agus ata ſè na ſhuidhe air ḋeas laimh Dhe, 'n Athair uile chumhachdaich; a' ſin thig è thoirt breith air bheothaibh agus air mharbhaibh.

Creidim ann ſan Spiorad Naomh: an Eaglais Naomh choitchinn; Co-chomunn nan Naomh; Maitheanas na 'm peacanna; Aiſeirigh na colla. Agus a bheatha mhairtheanach. Amen.

*C.* Ciod tha thu foghlam gu ſonnruichte ann poncaibh ſo do chreidimh?

*F.* Air thùs, Tha mi foghlam creidſin an Dia an t-Athair, a rìnn mìſe, agus an ſaoghal uile.

S ann dara àite, ann Dia a Mac, a ſhaor miſe, agus an cinne-daoine uile.

S ann treas aite, ann Dia an Spiorad naomh, a naomhuicheas miſe, agus pobull taghta Dhe gu h-iomlan.

*C.* Thuirt ù gu 'n do gheall t-oideachan agus do mhuimeachan air do ſhon, gu 'n coimhdeadh tu àitheanta Dhe. Innis dhomh. cia lion àithne 'ta ann?

*F.* Deich aitheanta.

*C.* Creud iad?

*Freag.*

NA h-àitheanta ſin a laibhair Dia s ann fhichidibh caibdoil do Exodus, ag radh, Is miſe an Tighearna do Dhia, a thug thuſa 'mach a' talamh na h-Eiphte, a' tigh na daorſa.

1. Na biodh Dèe air bith eil agad ach miſe.

II. Na dean dhiut fèin *dealbh* ſnaidhte, no coſlas 'ſam bith *a dh'aon ni*, a *ta* 'ſna neamhaibh ſhuas, no air an talamh ſhìos, no 'ſna h-uiſgeachaibh fuidh 'n talamh. No crom thu fèin sìos doibh, agus na dein ſeirbhis doibh: oir mis' an Tighearna do Dhia, *is* Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheach nan aithreacha air a' chloinn, gus an treas, agus an cheathramh *ginealach* dhiubhſan a dh'fhuaithaicheas mi; agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubhſan a gràdhaicheas mi, agus a choimhideas m'àitheanta.

III. Na Tabhair ainm an Tighearna do Dhia 'an dìomhanàs; oir cha mheas an Tighearna neo chiontach *eſan* a bhear ainm an dìomhanas.

IV. Cuimhnich la na ſabaid a naomhachadh. Se laithean ſaothraichidh tu, agus ni thu t'oibair uile. Ach *air* an t-ſeachdamh la *tha* ſabaid an Tighearna do Dhè: *air an la ſin* na dean obair 'ſam bith, thu fein, no do mhac, no do nighean, d' òglach, no do bhan oglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a *ta* 'n taobh a ſtigh do d' gheataibh: oir ann an ſè laithibh rinn an Tighearna na nèamhan agus an talmamh, an fhairge, agus gach ni a *ta* annta; agus gabh è fois air an t-ſeachdamh la, agus naomaich ſè è.

V. Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhathair; a chum as gu 'm bi do laithean buan air an fhearann a *tha* 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltrannas.

VIII. Na dean gaduigheachd.

IX. Na tabhair ſianuis bhrège 'n aghaidh do choimhearſnaich.

X. Na ſanntaich tigh do choimhearſnaich; na ſanntaich bean do choimhearſnaich, no òglach, no bhan-oglach, no dhamh, no aſal, no aon ni a 's le do choimhearſnach.

*C.* Ciod ata thu foghlam gu ſonnruichte leis na h-àitheantaibh ſo?

*F.* Tha mi foghlam dà nì: mo dhleas'nas do Dhia, agus mo dhleas'nas do m' choimhearſnach.

*C* Ciod è dó dhleas'nas do Dhia?

*F* 'S è mo dhleas'nas do Dhia creidſin ann, eagal-ſan a bhi orm, agus gràdh thoirt dha le m' uile chridhe, le m' uil' inntin, le m' uil' anam, agus le m' uile neart; aodhradh dheanamh dha; buidheachas thoirt dha, mo-dhòchas gu h-iomlan a chuir ann, gairm air, Onair thoirt ga

ainm

ainm naomh agus da fhocal; agus feirbheis a dheanamh dha gu fìrineach feadh uile laethibh mo bheatha.

*C.* Ciod è do dhleas'nas do d' choimhearsnách?

*F.* S è mo dhleas'nas do m' choimhearsnach, a ghràdhachadh mar mi fein, a dheanamh do na h-uile dhaoine mar bu mhaith leam iad-san a dheanamh dhomh-sa. Gràdh, onair, agus comhnadh thoirt do m' Athair agus do m' mhathair. Uram agus umhlachd do 'n Righ, agus do gach neach ata ann ughdaras fo. Gèileadh do m' uachdaranaibh uile, mo luchd teagaisg, mo bhuachailean spioradail agus mo mhàistirean. Mi fein a ghiulan gu h-iriosal agus gu h uramach a thaobh gach neach is fearr na mi fein, gun chron a dheanamh do neach air bith le focal no gniomh. A bhi fìrineach agus ceart ann a m' uile ghnothaichibh, gun mhi-ruin no fuath a bhi ann mo chridhe. Mo lamhan a chumail o spiolladh agus o ghaidichd, agus mo theangaidh o dhroch caint, o bhreugaibh agus o sgainnil. Mo chorp do chumhail a' meassarachd, ann stuaim agus ann geamnachd. Gun bhi sanntachdh no mianachadh maoin dhaoin' eile; ach a' foghlam agus a' saothreachadh do rìreadh chum mo theachd antìr fein fhaghail gu h-onarach, agus mo dhleas'nas a dheanamh s-ann staid beatha sinn s-ann toil le Dia mo ghairm s-ann t-saoghal.

*Fear-ceasnuich.* Mo leanabh maith, biodh fìos fo agad, nach urrain thu na nithe so dheanamh uait fein, no suibhal ann àitheantaibh Dhe, agus seirbheis a dheanamh, dha gun a ghràs son ruichte fein, ni is eigin dhuit fhoghlam iarruidh gach uile àm le urnuigh dhùrachduich. Uime sin leig dhomh a chluntin an urrain thu urnuigh an Tighearna a radh?

*Freag.*

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas sin dhiobhsin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc. Amen.

*C.* Ciod ata thu 'g iarruidh air Dia s-ann urnigh so?

*F.* Tha mi 'g iarruidh air mo Tighearna Dia, ar n-Athair neamhuidh, fear tabhairt gach uile mhaitheas, a ghràs a chuir thugam-sa,

fhugam-fa, agus a dh' ionfuidh nan uile dhaoine, chum gu 'n toir fin aodhradh dha, feirbheis da; agus umhlachd dha mar bu chòir dhuinn a dheanamh. Agus tha mi guidhe air Dia, gu n-tabhair è dhuinn gach nì ata dh' uireasbuidh oirn araon do thaobh ar n-anamaibh agus ar cuirp; agus gu 'm bi fe tròcaireach dhuinn, agus gu 'm maith fè ar peacaidh dhuinn; agus gu ma toil leis ar gleidheadh agus ar dion ann s-gach uile chunnart fpioradail agus corporra; agus gu 'n coimhid è finn o gach peaca agus aingeachd, agus o 'r namhaid fpioradail, agus o bhàs fiorruidh. Agus tha dòchas agam gu 'n dean è fo d'a thròcair agus d' a mhaitheas, trìd ar Tighearna Jofa Criofd. Agus air an aobhar fin a deirim Amen. Biodh è mar fin.

*Caift.*

CIA lion facramaint a dh' orduich Criofd ann na eaglais?

*F.* Da fhàcramaint amhain, ata n-cumantas fèumail a chum flainte, 's iad fin, baifte, agus fuipeir an Tighearna.

*C.* Ciod tha thu ciallachadh leis an fhocal fo *facramaint?*

*F.* Tha mi cialluchadh comhthara faicfionach o 'n taobh a muigh air gràs fpioradail o'n taobh a ftigh, air a thoirt dhuinn-ne, air orduchadh le Criofd fein, mar mheadhon leis am faigh finn an gràs fin, agus mar gheall 'g a dheanamh cinnteach dheth.

*C.* Cia lion pàirt ata ann facramaint?

*F.* Da phàirt: An comhthara faicfionach o 'n leith a muigh, agus an gràs fpioradail ann taobh a ftigh.

*C.* Ciod è comhthara faicfionach o 'n leith a muigh no foirm a bhaifte?

*F.* Uifge: ann s a' bheil neach air a bhaifteadh ann aim an Athair, agus a Mhic, agus an Spioraid naoimh.

*C.* Creud è an gràs fpioradail ann taobh a ftigh?

*F.* Bàs do pheaca, nuadh bhreith fìrinteachd: oir air bi dhuinn air ar breith ann am peaca thaobh natuir, agus na 'r cloinn feirge, tha finn le fo air ar deanamh na 'r cloinn gràis.

*C.* Ciod ata air iarruidh air dream bhios a chum am baifteadh?

*F.* Aithreachas, leis an trèig iad peaca; agus creideamh, leis an creid iad gu feafmhach geallaidh Dhe a rinn s è dhoibh s ann r-facramaint fin.

C

*C.* C' àir ſon ma ſeadh ata naoidheana air am baiſteadh, nuair a thaobh an aois mhaoth nach urrain iad ſin a choi'lionadh?

*F.* Do bhri gu bheil iad a gealtain an da chuid le 'n urraſaibh: agus a nuair a thig iad fein gu h-aois, tha dh' fhiachaibh orra an gealla choi'lionadh.

*C.* C' air ſon a dh' orduicheadh ſacramaint ſuipeir an Tighearna?

*F.* A chumail ghna chuimhne air iobairt bàis Chrioſd, agus na ſochairin ata ſinn a' faghail leis.

*C.* Ciod a phàirt, no an comhthara o 'n leith a muigh ata ann ſuipeir an Tighearna?

*F.* Aran agus fìon, a dh àithn an Tighearna do ghabhail.

*C.* Ciod a nì ata air a chialluchadh ann taobh a ſtigh?

. Corp agus fuil Chrioſd, ata gu deimhin agus do rìreamh air an gabhail leis na creidmhich ann ſuipeir ann Tighearna.

*C.* Creud iad na ſochairean d' am bheil ſinn na 'r luchd copairt leo ſin?

*F.* Gu bheil ar n-anamaibh air an neartuchadh agus air am beathachadh le corp agus le fuil Chrioſd, mar ata ar cuirp leis an aran agus leis an fhion.

*C.* Ciod ata air iarraidh orra-ſan a thig gu ſuipeir an Tighearna?

*F.* Iad fein a cheaſnuchadh, am bheil iad a gabhail fior aithreachas air ſon nan peacaidh a rinn iad roimh, a' cur rompa gu ſeaſmhach beatha nuadh do chaitheamh; gam bheil creideamh baothail aca ann tròcair Dhe tre Chrioſd, le cuimhne thaingeil air a bhàs; agus a bhi ann gràdh leis na h-uile dhaoine.

¶ Air laethibh Domhnuich agus air laethibh naomh, an deigh an dara leaſair, aig an urnuigh fheaſcair, teagaiſgidh agus ceaſnuichidh Miniſteir gach ſgireachd gu follaſach ann ſan eaglais, a mheud do a' ſgireachd, a chuireadh na ionſuidh, 's a chi e iomchuidh, ann an cuid eigin do na ceiſtibh ſo.

¶ Agus bheir na h-uil' athair, mathair, maighiſtir, agus ban-mhaighſtir air an ſeabheiſich, agus air an fhoghlumaich (nach d' fhoghlum an leabhar cheiſt) teachd do dh' ionſuidh na h-eaglais ann s-an am orduichte, agus eiſdeachd gu h-umhla, agus chum a bhi air'n theagaſg leis a Miniſteir, gus am foghluim iad na dh' orduicheadh dhoibh an ſo.

¶ Co luath 's a thig clann gu aois iomchuidh, agus a 's urrain iad an Creud, urnuigh an Tighearna, agus na deich aitheantan a radh ann caint mathar eil; agus mar an ceudna a's urrain iad ceiſtin eile an leabhar cheiſt aith-ghearradh ſo a fhreagradh; bheirear iad chum an Easbuig. Agus bidh oide, no maime aig gach neach mar fhia'nuis an daingneachadh.

Agus

¶ Agus c' uin air bith a bheir an t-Eaſbuig fios gu clann a thoirt na ionſuſdh chum an daingneachadh, bheir Miniſteir gach ſgireachd leis, no cuiridh s'e uaithe ſo laimh ſgriobhaidh chum an Eaſbuig, ainm na Muintir ſin uile a ſgireachd-ſa ata ſe meas iomchuidh re 'n tabhairt a dh' ionſuidh an Eaſbuig a chum an daingneachadh. Agus ma mheaſas an t-Eaſbuig gur coir ſin a dheanamh, daingnichidh 's e iad air a mhodh ſo a leanas.

---

# ORDUGH an DAINGNEACHAIDH, no leagadh lamh air an dream a bhaiſteadh, agus a thainig gu bliadhnaibh tuigſe.

¶ Air an la orduichte, air bhi do 'n dream ſin uile ata chum an daingneachadh air an am ſin, air an cuir an ordugh, agus nan ſeaſamh an lathair an Eaſbuig, leughaibh s'e fein (no miniſteir eile a dh' orduicheas e) an romh-radh ſo a leanas.

CHum gu 'm bi an co dhaingneachadh air a fhrithealadh chum tuille foghlam do'n dream a ghabhas è, dh' orduch an eaglais, nach biodh neach air bith o ſo ſuas air an cuir ſo laimh Eaſbuig, ach an dream is urrain an Crèud, urnuigh an Tighearna, agus na deich áitheantan a radh; agus mar an ceudna a's urrain na ceiſtin eile ata air an cur ſios ann ſan leabhar aith-ghear cheiſt an fhreagradh: Agus tha 'n t-ordugh ſo ro fheumail ri chumail, chum air teachd do chloinn anis gu bliadhnaibh tuigſe, agus air dhoibh fhoghlam ciod a gheall an oideachan agus a' muimeachan air an ſon ann am baiſte, gu'm fead iad na nithe ceudna a cheangal agus a dhaingneachadh le 'm bèul agus le 'n toil fein gu follaſach ann làthair na h-eaglais; agus a ghealladh mar an ceudna, gu 'n dean iad fein gu brath an dìchioll le gràs De, air na nithe ſin leis an d' aontuich iad le 'n aidmheil a choi'lionadh gu fìrineach.

An

¶ An ſin their an t-Eaſbuig.

AM bheil ſibh-ſe ann ſo ann làthair Dhe agus a chothionail ſo, ag ath-nuadhaich an gealla ſolaimte agus a mhòid a rimeadh ann bhur n ainm aig 'ur bhaiſteadh ; a' daingneachadh agus a' ceangal na' nithe ceudna ann bhur pearſanna fein, agus aig aideachadh gu bheil a dh' fhiachaibh oirbh ra h-uile nì a ghabh bhur n-oideachan agus bhur muimeachan orra ſan am ſin air bhur ar ſon a chreidſin agus a dheanamh ?

¶ Agus freagradh gach aon aca le guth ſoilleir,
Tha mi.

*An t-Eaſbuig,*

THA ar comhnadh ann ainm an Tighearna ;
*Freag.* Do rinn neamh agus talamh.
*Eaſb.* Gu ma beannuichte ainm am Tighearna.
*Freag.* O ſo amach ſaoghal gun chrìch.
*Eaſb.* A Thighearna eiſd r'ar n-urnuigh.
*Freag.* Agus thigeadh ar glaoidh do t-ionſuidh.

*Eaſbuig.* Deanamaid Urnuigh.

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a dheonuich iad ſo do ſheirbheiſich ath-ghleinmhin le h-uiſge agus leis an Spiorad naomh, agus a thug dhoibh maitheanas n-ann uile pheacaidh ; neartuich iad tha ſinn a guidhe ort, O Thighearna, leis an Spiorad naomh am fear-Comhfhurtaich, agus meaduich ann-ta gach la gibhtin lionmhor do ghràis; Spiorad a ghliocas agus na tuigſe; Spiorad na comhairle agus a' neart ſpioradail ; ſpiorad an eolais agus na fior dhiaghachd; agus lion iad, O Tighearna, le Spiorad t-eagail naomha fein, nois agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ An ſin air bhi dhoibh uile air an gluinibh ann ordugh am fia'nuis an Eaſbuig, cuiridh e lamh air ceann gach neach fa leath, ag radh,

DIon, O Thighearna, a' neach ſo do leanabh, [no a' neach ſo do ſheirbheiſeach] le d' ghràs neamhuidh, chum gu 'm bu leat fein è gu bràth : agus gu 'm fàs è ann do ſpiorad naomh gach la na 's mo agus na 's mo, gus an tig sè dh' ionſuidh do rioghachd ſhiorruidh. Amen.

¶ An ſin their an t-Easbuig.

Gu n rabh an Tighearna maille ribh.
*Freag.* Agus maille ri do ſpioradſa.

¶ Agus air dhoibh an leigeadh ſios uile air an gluinibh, cuiridh an t-Easbuig ris, na cha labhairt,

## Deanamaid Urnuigh.

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig àm buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

¶ Agus an Urnuigh ſo,

A Dhe uile chumhachdaich agus ſhiorruidh, a bheir dhuinn a thoileachadh agus a dheanamh na nithe ſin ata maith agus taitneach do d' mhòrachd dhiaghaidh; tha ſinn a' cur ſuas ar n-achanuich umhla riut air ſon iad ſo do ſheirbheiſich, air na chuir ſinne ar lamhan s-ann àm ſo, (a reir eiſimpleir t-abſtola naomh) a thoirt dearbha dhoibh (leis a chomthara ſo) air do gheanmaith agus air do mhaitheas gràſail d'an taobh-ſan. Tha ſinn a' guidhe ort, gu 'm bitheadh do lamh atharail gu brath os an ceann; bitheadh do Spiorad naomh do ghna maille riu; agus mar ſin treoruich iad ann eolas agus ann umhlachd t-fhocal fein, chum gu 'm faigh iad a bheatha mhairtheanach fa dheoidh, trid ar Tighearna Joſa Crioſd, ata beo agus a righeachadh maille riutſa agus ris an Spiorad naomh, aon Dia gu brath, ſaoghal gun crìch. Amen.

O Thighearn uile chumhachdaich, agus a Dhe ſhiorruidh, tha ſinn a guidhe ort, aontuich araon ar cridheachan agus ar cuirp a ſtiuradh, a naomhachadh, agus a riaghladh ann ceumaibh do lagh agus ann oibreadh t-aitheanta, chum trid do dhìdean ro threun, araon ann ſo agus gu bràth, gu 'm

bi

bi ſinn air ar gleidheadh ann corp agus ann anam, trid ar Tighearn agus ar Slanui'ſhear Joſa Crioſd. Amen.

¶ An ſin beannuichidh an t-Easbuig iad, ag radh mar ſo,

GU n rabh beannuchadh an De uile chumhachdaich, an t-Athair, a Mac, agus an Spioraid naoimh oirbh-ſe, agus gu 'm fanadh è maille ribh gu ſiorruidh. Amen.

¶ Agus cha leigear le neach air bith teachd a chum a chomanaich naomh, gus am bi ſe air a-dhaingneachadh, no gus am bi ſe ullamh agus togarach gu bhi air a dhaingneachadh.

ORDUGH

# ORDUGH a PHOSAIDH.

¶ AIR thus feumaidh gairmeanna na muintir ſin uile ata chum am poſadh ri cheile bhi air an glaodhuich s-ann eaglas air tri dia-domhnuicheadh no tri laeth naomh eile fa leath, an am na ſeirbheis dhiaghaidh, air ball roimh bhriathra na Ofrail; a Miniſteir ag radh mar is gna,

THA mi cuir a geil nan gairmeanna pòſaidh eidir *M.* do —— agus *N.* do —— Ma 's aithneadh do neach air bith agaibh-ſe adhbhar no bacadh laghail, air ſon nach feudadh an dias ſo a cheangal ri cheile ann am póſadh naoimh, is cóir dhuibh inſeadh: 'Sè ſo an ceud [an dara, no an treas] gairm.

¶ Mur 'eil a mhuintir ata chum am poſadh, s-ann aon ſgireachd, feumaidh iad an gairm s-ann da ſgireachd; agus cha phos Miniſteir aon ſgireachd iad, gun dearbhadh fhaghail o Mhiniſteir na ſgireachd eile, gu 'n deachuidh an gairm tri uairean.

¶ Air an la agus air an am orduichte chum a phoſaidh, thig a mhuintir ata gu poſadh, a ſteach gu mheadhon na h-eaglas maille ri 'n cairdibh agus ri 'n coimhearſnaich: agus air ſeaſamh dhoibh le cheile, an duine air an lamh dheis, agus a bhean air an lamh chli, their an Sagairt,

A Mhuintir ionmhuinn, tha ſinn ann ſo cruinn ann ceann a cheile ann làthair Dhe, agus ann làthair a cho'thionail ſo, chum am fear ſo agus a bhean ſo a cheangal ri chèile ann am póſadh naomh, nì ata na ſtaid onaraich, a dh' orduich Dia nuair a bha an duine ann ſtaid neo chiontaich, a' cialluchadh dhuinne an ceangal diamharach ata eidir Criofd agus eaglais fein; an ſtaid naomh air na chuir è onair agus ſgeimh le a làthaireachd fein; agus leis a cheud mhìorbhuil a rinn è ann Càna na Galali, agus ata N. Pól a moladh mar ſtaid urramaich a' meaſg nan uile dhaoine; agùs air an aobhar ſin nach cóir do neach air bith thionſgnadh, no a ghabhail o's laimh gun no ſmuainteachadh, gu faoin, no gu macnaſach, a chum ciocras agus ain-mianna feolmhar dhaoine

do

do ſhàſuchadh, mar na h-ainmhidh brùideil gun tuigſe; ach gu h-urramach, gu glic, gu cialach, gu meaſara, agus an eagal De, a' ſmuainteachadh mar is còir c'àr ſon a dh' orduicheadh am poſadh.

Air thus dh' orduicheadh è chum clann do ghintin, chum an togail ſuas ann eagal agus ann altrum an Tighearna, agus a chum moladh ainma naomh ſan.

San dara àite, dh' orduicheadh è mar leigheas an aghaidh peacaidh, agus a chum ſtriopachas do ſheachnadh; chum gu 'm feudadh an dream aig nach 'eil gibht na geanmnachd pòſadh, agus gu 'n gleidheadh iad iad-fein nam buill neo-thruaillidh do chorp Chrioſd.

Sann treas aite, dh' orduicheadh è chum an co'luadar, an comhnadh, agus an co'fhurtachd a 's coir do gach aon aca fa leath a thoirt d' a cheile, araon ann ſoirbheas agus ann triobloid: ann s-ann ſtaid naomha ſo tha 'n dias ſo ata làthair a teachd a nis gu bhi air an ceangal. Air an aobhar ſin ma 's urrain duine air bith aodhbhar ceart, fheuchain nach feuda an ceangal gu laghail ri chèile, labhradh fè anis, no bidh è na thoſd gu brath an deigh ſo.

¶ Agus mar an ceudna a labhairt riu-ſan ata chum am poſadh their s'e,

THA mi aig iarruidh agus a' cuir a dh' fhiachaibh oirbh le cheile (mar a fhreagras ſibh ann la uabhaſach a bhreatheamnais, nuair a bhios rùin gach uile chroidhe air an deanamh ſollaſach) ma 'ta fios aig aon agaibh air baca air bith air ſen nach feudadh bhur ceangal ri cheile gu laghail am pòſadh, gu 'n aidich ſibh è air an àm ſo. Oir bithibh ro chinnteach, a mheud 's a 'ta air an ceangal ri cheile air doigh nach 'eil focal De a' ceadachadh, nach 'eil iad ceangailt rì cheile le Dia, ni mo 'ta am pòſadh laghail.

¶ Air an la ſin a phoſaidh, ma chuireas neach air bith an geil amladh air bith air ſon nach feudadh an cuir cuideachd ann poſadh le lagh Dhe, no le lagh na rioghachd ſo, agus gu 'n ceangail ſe e fein agus uraſan foghainteach ma' ris do 'n lanan, no gu 'n cuir e ſtigh geall-taſgaidh (ann s-am bi luach iomlan gach coſtas a thig leis a ſin air a mhuintir ata chum poſadh) gus a ni ata e 'g radh a dhearbhadh: An ſin feumaidh dail a chuir ann ſa phoſadh gus am bi 'n fhirinn air a ranſachadh.

¶ Mur bi baca air a chur an geil, an ſin their a' Miniſteir ris an fhear.

An

*M.* AN àill leat a bhean ſo do bhi agad mar do bhean phoſda, chum bhur beatha do caitheadh maille ri cheile a reir ordugh Dhe, ann ſtaid naomh a phòſaidh? An gràdhuich ù ì, an co'fhurtuich ù ì, an onaraich agus an gleidh thù ì, ann tinnis agus ann ſlainte, agus a treigeadh gach uile bhean eile, an gleidh thu ù fein dh' ìſe amhain, co fhad 's a bhios ſibh beo le cheile?

¶ *Freagraidh am fear*, Is aill leam.

¶ *An ſin their a Miniſteir ris a mhnaoi*,

*M.* AN àil leat am fear ſo do bhi agad mar t-fhear poſta, chum bhur beatha do chaitheadh maille ri cheile a rèir ordugh Dhe an ſtaid naomh a phòſaidh; an toir thu umhlachd dha, an dean ù ſeirbheis dha, an gradhaich, an onaraich, agus an gleidh thu è, ann tinnis agus an ſlainte, agus a treigeadh gach uile fhear eil, an gleidh thu u-fein dha-ſa amhain, co fad 's a bhios ſibh beo le chèile?

¶ *Freagraidh a bhean*, Is aill leam.

¶ *An ſin their a Miniſteir*,

Co bheir a bhean ſo chum a póſadh ris an fhear ſo?

¶ An ſin bheir iad an gealla da cheile air a mhodh ſo.

¶ Air do'n Mhiniſteir a bhean a ghabhail as laimh a h-athar no a caraid bheir ſe air an fhear lamh dheas na mna a glacadh le laimh dheis fein, agus ag radh na dheigh fein mar a leanas.

THA miſe *M.* ga do ghabhailſe *N.* mar mo bhean phòſda, gu bhi agam agus ga d' chumail o 'n la ſo ſuas, air ſon na 's fearr air ſon na 's measa, air ſon na 's beartuicheadh air ſon na 's bochda, ann tinnis agus ann ſlainte, gu d' ghràdhach agus gu d' altrum gus an ſgar am bàs ſinn, a reir ordugh naomh Dhe; agus a chum na crìche ſin tha mi toirt mo ghealla dhuit.

¶ An ſin ſgaoilidh iad lamhan, agus glacaidh a bhean le a laimh-dheis fein, lamh dheas an fhir, agus their i mar an ceudna an deigh a Miniſteir,

Tha

THA miſe *N.* ga d' ghabhailſe *M.* mar m' fhear pòſda, gu bhi agam agus ga d' chumhail o 'n la ſo ſuas, air ſon na 's fearr air ſon na 's meaſa, air ſon na 's beartuicheadh air ſon na 's bochda, ann tinnis agus ann ſlainte, ga d' ghràdhachadh, ga d' altrum, agus gu bhi umhla dhuit, gus an ſgar am bás ſinn, a reir ordugh naomh Dhe; agus a chum na crìche ſo tha mi toirt mo ghealla dhuit.

¶ An ſin fgaoilidh iad an lamhan a ris, agus bheir am fear faine do 'n mhnaoi, ga chuir air an leabhar, ma' ris an dlighe gnathaichte do 'n Miniſteir agus do 'n chleireach. Agus air togail an fhaine do'n Miniſteir, bheir ſe do'n fhear e, ga chuir air a cheathramh mear do laimh chli na mna. Agus air cumail an fhaine an ſin do 'n fhear agus air bhi dha air a theagasg leis a Miniſteir, their ſe,

THA mi ga d' phòſadh leis an fháine ſo, tha mi toirt onair dhuit le 'm chorp, agus tha mi toirt dhuit mo maoin ſhaoghalta uile: ann ainm an Athair, agus a Mhic, agus an Spioraid naomh. Amen.

¶ An ſin air do 'n fhear am faine fhagail air a cheathramh mear do laimh chli na mna, theid iad ſios air an gluinibh le cheile, agus their a Miniſteir,

## Deanamaid Urnuigh.

O Dhe ſhiorruidh, a chruith-fhear agus fhear-coimhid a chinne-daoin' uile, fhear-tabhairt gach uile ghràs ſpioradail, ughdair na beatha ſhiorruidh; cuir do bheannachadh orra ſo do ſheirbheiſich, an fear ſo agus a bhean ſo, ata ſinn-ne a' beannuchadh ann a t-ainm-ſe: chum mar a chaith Iſaac agus Rebecca am beatha gu threibh-deirach ma' ri cheile, mar ſin gu 'n dean a mhuintir ſo a mhòid agus an cumhnanta a rinneadh eatorra, (air am bheil am faine ſo a thugadh feachad agus a ghabhadh mar chomhara agus mar gheall) a choi'lionadh agus a chumhail gu daingean, agus gu 'm buanuich iad ann gradh iomlan agus an ſith le cheile, agus gu 'n caith iad am beatha a reir do lagh-ſa, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin ceanglaidh a Miniſteir an lamhan deas ri cheile, agus their ſe,

Iad-ſan a cheangail Dia ri cheile, na cuireadh duine air bith o cheile.

An

¶ An ſin labhruidh a Miniſteir ris a phobull.

DO bhri gu 'n d' aontuich *M.* agus *N.* le cheile ann am pòſadh naomha, agus gu 'n tug iad ſia'nuis air an nì cheudna ann làthair Dhe agus na cuideachd ſo, agus chum na crìche ſin gu 'n daingnich iad an gealla do cheile, agus gu 'n d' fhoillſich iad a' nì ceudna le fàine do thabhairt agus do ghabhail, agus le glacadh lamh, tha miſe ga 'n gairm nan lánan póſda ri cheile, ann ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spiorad naoimh. Amen.

¶ Agus cuiridh a Miniſteir am beannuchadh ſo ris,

GU 'm beannuicheadh, gu 'n gleidheadh, agus gu 'n coimhdeadh Dia an t-Athair, Dia a' Mac, Dia an Spiorad naomh ſibh; gu 'n ſealladh an Tighearna gu tròcaireach le ghean maith oirbh, agus gu 'n lionadh è ſibh leis gach uile bheannachadh agus ghràs ſpioradail, chum gu 'n caith ſibh bhur beatha ma' ri cheile s-an t-saoghal ſo, air doigh gu 'm fuigh ſibh a bheatha mhairtheanach s-an t-ſaoghal ata ri teachd. Amen.

¶ An ſin air dol do 'n Miniſteir no do 'n chleireach gu bord an Tighearna, their no ſeinnidh e an t' ſalm ſo a leanas.

*Beati omnes.* Sal. cxxviii.

IS beannuichte iadſan air am bheil eagal an Tighearna agus a ſhiubhlas 'na ſhlighibh.

Oir ithidh tu ſaothair do lamhan fein: bithidh tu ſonna, agus tachraidh gu maith dhuit

Bithidh do bhean mar fhineamhuin tharbhach; air ballachaibh do thighe.

Do chlann mar ghèugan a chrainn òla: timchiol do bhuird.

Feuch, mar ſo bidh an duine beannuichte: air am' bheil eagal an Tighearna.

Beannuichidh an Tighearn ù a mach a' Sion: agus chì thù maith Jeruſalem feadh uile làeth do bheatha.

Seadh, chì thù clann do chloinne: agus sìth air Iſrael.

Glòir do 'n Athair, &c.

Mar bhà an tùs, &c.

No

¶ *No an t' Salm ſo.*

*Deus miſereatur.* Sal. lxvii.

GU 'm biodh Dia tròcaireach dhuinn, agus gu 'm beannuicheadh è ſinn: agus gu 'n taiſbeanadh è dhuinn ſolus a ghnuis, agus gu 'm biodh è tròcaireach dhuinn.

Chum gu 'm bi do ſhlighe aithnichte air an talamh: do ſhlainte ſhòlaſach a meaſg nan uile chinneach

Moladh am pobul thù, O Dhe: ſeadh moladh am pobul uile thù.

O deana na cinnich gairdeachas agus biodh iad aoibhneach: oir bheir thù breith air an t-ſluagh gu ceart, agus riaghluidh thu na cinnich air talamh.

Moladh am pobul thù, O Dhe: moladh am pobul uile thù.

Ann ſinn bheir an talamh amach a thoradh: agus bheir Dia, eadhoin ar Dia-ne a bheannuchadh dhuinn.

Beannuichidh Dia ſinn: agus bidh eagal-ſan air uile chriochaibh an domhain.

Glòir do 'n Athair, &c.

Mar bha an tùs, &c.

¶ Nuair a ſguireas an t' Salm, agus air bhi do'n ſhear agus do 'n mhnaoi air an gluinibh ſa chomhair bord an Tighearna, air bhi do 'n mhiniſteir na theaſanih aig a bhord, agus aig tiontadh aghaidh riu, a deir ſe,

A Thighearna dean tròcair oirn.

*Freag.* A Chrioſd dean tròcair oirn.

*Min.* A Thighearna dean trocair oirn.

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm: Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſinn dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*Min.* O Thighearna, ſabhail t-oglach agus do bhan-óglach;

*Freag.* Ata cur an dóchais ann-ad.

*Min.* O Thighearna, cuir comhnadh d' an ionnſuidh o d' ionad naomh.

*Freag.* Agus dion iad gu bràth.
*Min.* Bi dhoibh a d' chaiſteal laidir,
*Freag* O aghaidh a namhaid.
*Min.* O Thighearna eiſd r' ar n-urnuigh.
*Freag.* Agus thigheadh ar glaodh do t-ionnſuidh.

*Miniſteir.*

ODHE Abraham, a Dhe Iſaic, agus a Dhe Jacob, beannuich iad ſo do ſheirbheiſich, agus cuir ſiol na beatha ſhìoruidh 'nan cridheachaibh, chum ciod air bith nì ann a t-fhocal naomh a dh fhoghlumas iad gu tarbhach, gu 'n coi'lion iad a nì ſin do rìreadh. O Thighearna amhairc orra gu tròcaireach o neamh, agus beannuich iad Agus mar a chuir thù do bheannuchadh air Abraham agus air Sàra, chum mòrchoſ hurtachd dhoibh; mar ſin deonuich do beannuchadh a chuir orra ſo do ſheirbheiſich, ionnas air dhoibh bhi umhla do d' thoil, agus a bhi do ghna ann tearantachd ſo do dhìdin, gu 'm buanuich iad ann do ghràdh gu crìch am beatha, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ Cha'n abrar an urnuigh ſo a leanas a nuair a chuidh an bhean thar aois cloinne.

O Thighearn throcairich agus Athair, neamhuidh is ann le do thiolaca' gràſail ata an cinnea-daoine air a meaduchadh; guidhemid ort cuidich le d' bheannuchadh an dà phearſa ſo, chum gu 'm bi iad nan dithis tarbhach ann cloinn do ghintinn, agus mhar an ceudna am beatha do chaithe ma' ri cheile co fada ann gràdh diaghaidh agus ann onair, gu 'm faic iad an clan air an togail ſuas gu Crioſdail agus ſubhaileach, chum do chliu agus t-onair, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

ODHE, a rinn na h-uile nithe do neimhni le do mhòr chumhachd, agus mar an ceudna (an deigh nithe eile do chuir an ordugh) a dh-orduich gu 'n gabhadh a bhean a' toiſeach as an fhear a chruthaicheadh a reir t-iomhaigh agus do choſmhalachd fein; agus ga 'n ceangal ri cheile, a theagaiſg nach biodh iad-ſan gu brath air an ſgaradh o cheile gu laghail, a rinn thuſa nan aon le pòſadh: O Dhe, a bheannnich ſtaid a phòſaidh gu bhi na leithid do rùn-diamhair oirdhearc, a's gu bheil

bheil am pòsadh spioradail agus an aonachd ata eidir Crioſd agus a eaglais fein air a chiallachadh agus air a leigeadh ris ann; amhairc gu trocaireach orra ſo do ſheirbheiſich, chum gu 'n gràdhuich am fear ſo a bhean fein, a reir t-fhocail-ſe, (mar a ghràdhuich Crioſd a cheile an eaglais; a thug è fein air a ſon, 'g a graduchadh agus 'g a h altrum mar fheoil fein,) agus mar an ceudna gu 'm bi an bhean ſo gu gaolach agus gu gradhach, fìrineach agus umhla d' a fear pòſda fein; agus ann s-gach uile chiùnas, ſtuaim, agus sìth gu 'm bi sì na bean-leanmhuinn air mnaibh-màthaireil naomh agus diaghaidh. O Thighearna, beannuich iad le cheile, agus deonuich dhoibh ſeilbh mar oighreachd ann do rioghachd ſhiorruidh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin their a Miniſteir.

AN Dia uile chumhachdaich, a chruthaich air tùs ar ceud ſinſearachd Adhamh agus Eabha, agus a naomhuich agus a cheangail ri cheil iad am pòſadh; gu' n doirteadh è oirbh-ſe ſaibhreas a ghràis, gu naomhuicheadh agus gu beannuicheadh è ſibh; chum gu 'm dean ſibh a thoil, araon ann corp agus ann anam, agus gu 'n buanuich ſibh maille ri cheile an gràdh naomh gu crioch bhur bheatha. Amen.

¶ An deigh ſin, mur bi ſearmoin ann a chuir an geil nan dleaſnas do 'n lanan poſta, their no leubhaidh a Miniſteir mar a leanas.

SIbhſe uile ata pòſda, no air a bheil a mhiann ſtaid naomh a phóſaidh do ghabhail oirbh fein, eiſdibh ciod ata an Scriobtuir Naomh ag radh mu dhleaſnas nam fear d'a mnaibh fein, agus nam ban d' am fearaibh pòſda fein.

Tha Pòl Naomh 'na Litir a chum na n-Epheſianach, ſa' chuigeamh caibdeil, a' tabhairt na h-aithne ſo do na h-uile dhaoine poſda: Fhearaibh pòſda, gradhuichibh bhur mnaibh eadhon mar a ghradhaich Crioſd fos an Eaglais agus thug sè è fein air a ſon; Chum gu nacmhaicheadh, agus gu 'n glanadh sè i le ionnlad an uiſge trid an f hocail, chum gu 'n cuireadh è 'na làthair fein ì na h eaglais ghlòrmhoir, gun ſmal, gun phreaſa', no ni air bith d'an leithidibh ſin; ach chum gu 'm biodh i naomha, agus neo-lochdach. Is amhluidh ſin is coir do na fearaibh am mnai fein a ghradhachadh, mar an cuirp fein; an

ti a ghradhaicheas a bhean, tha è 'g a ghradhachadh fein. Oir cha d' thug duine air bith riamh fuath d'a fheoil fein; ach altrumaidh agus eiridnidh sè i, amhuil mar ata an Tighearna deanamh do 'n eaglais; oir is buill sinn d'a chorp, d'a fheoil, agus d'a chnamhaibh-sin. Air an adhbhar so fagaidh duine athair agus a mhathair, agus dlu-leanaidh se r'a mhnaoi, agus bithidh an dias 'n an aon fheoil. Is diomhaireachd mhor so: ach labhram mu Chriosd agus an eaglais. Gidheadh, thugadh gach aon agaibhse fa leith gradh d'a mhnaoi amhuil mar dha fein. *Ephes.* v. 21.

Mar an ceudna tha 'n t-Absdail Pòl a scriobhadh chum na n-Colosanach, a' labhairt ris na h-uile dhaoine posda air an doigh so, Fhearaibh posda, gradhaichibh bhur mnaibh, agus na bithibh searbh nan aghaidh. *Col.* iii. 19.

Cluinnibh mar an ceudna ciod ata Naomh Peadar Absdal Chriosd, neach a bha è fein na fhear posda, ag radh riusan ata posda, Fheara-posda, gabhaibhse comhnuidh maille re ar mnai a reir eolais, a' tabhairt onair do 'n mhnaoi mar an soitheach a's anmhuinne, agus mar mhuintir a 'ta 'n an co'-oighreachaibh air gras na beatha; chum nach cuir'ear bacadh air bhur n urnuighibh. 1 *Peter*, iii. 7.

Thuige so chualadh sibh dleasnas an fhir do'n mhnaoi. Noise mar an ceudna, sibh-sa mhnaibh, eisdibh agus foghluimibh bhur dleasnas da 'r fearaibh posda fein eadhon mar ata se air a romh fhoillseachadh gu soilleir san scriobtuir naomh.

S ann Litir a dh' ainmicheadh roimhe chum nan Ephesianach, tha 'n t-Absdail Pòl 'g ar teagasg mar so: A mhnai, bithibhse umhal d'ar fearaibh posda fein, mar do'n Tighearna. Oir is è am fear ceann na mna, eadhon mar is è Criosd ceann na h eaglais; agus is eisean slanui'fhear a' chuirp. Uime sin amhuil ata 'n eaglais umhal do Chriosd, mar sin biodh na mnai d' am fearabh fein mar an ceudna ann s gach ni. Agus a ris, tha è ag radh, Feuchabh a' bhean gu'n d'thoir si urram d'a fear. *Ephes.* v, 22.

Agus 'n a Litir a chum nan Colosianach, tha 'n t Absdal Pol a' toirt an leasain ghaoirid so dhuibh, A mhnaibh bithibh umhla da bhur fearaibh posda fein, mar a 's cubhaidh san Tighearna. *Col.* iii. 8.

Tha an t-Absdal Peadar mar an ceudna 'g ar teagasg gu ro mhaith, ag radh mar so; Sibh-se a mhnaibh, bithibhse umhla d'ar fearaibh-posda fein; chum ma 'ta droing air bith eas-umhal

al do 'n fhocal, gu 'm bi iadſan mar an ceudna air an coſnadh le deadh chaithe'-beatha nam ban, as eugmhais an fhocail ; 'Nuair a bheachdaicheas iad air bhur caithe'-beatha gheamnaidh maille re h eagal. Na bu h è bhur breaghachd, figheadh an fhuilt, agus ag cur òir oirbh, agus dheadh thruſgain umaibh, a' bhreaghachd ſin o 'n leith 'muigh : Ach duine folaicht a' chroidhe, ann neo-thruaill'eachd ſpioraid mhacant agus chiuin, ni a 'ta ro-luachmhor ann ſealladh Dhe. Oir is ann mar ſo a rinn na mnai naomha o ſhean, aig an raibh am muinghin ann Dia, iad fein breagha, air dhoibh bhi umhal d' am fearaibh ſein : Amhuil a thug Sara umhlachd do Abraham, a' gairm tighearna dheth : d' an ingheana ſibhſe 'm feadh 's a ni ſibh gu maith, agus gun gheilt oirbh le h ua'bhas ſam bith. 1 *Phead.* iii, 1.

¶ Tha e iomchuidh gu 'n gabhadh a mhuintir ata air an ur phoſadh an Comanach naomh aig am am poſaidh, no aig a cheud cho'throm an deigh am poſaidh.

## An t-Ordugh mu SHEALLTUIN Dhaoine TINNE.

¶ Nuair a bhios neach air bith tinn, is coir ſios a thoirt do Mhiniſteir na ſgi reachd; agus air teachd dha gu tigh an duine thinn, a deir ſe,

GU rabh ſiothchaimh do 'n tigh ſo, agus do gach neach ata gabhail comhnuidh ann.

¶ Nuair thig e ann lathair an duine thinn, 'ga leigeadh ſios air a ghluiſibh a deir ſe,

A Thighearna, na cuimhnich ar peacaidh, no peacaidh ar ſinſearachd. Caomhain ſinn a Thighearna, caomhain do phobul fein, a ſhaor thu, le d'f huil ro phriſeil fein, agus na bi feargach ruinn gu brath.

*Freag.* Caomhain ſinn, a Thighearna mhaith.

¶ An ſin their an Sagart,

Deamamaid Urnuigh.

A Thighearna dean tròcair oirn.
A Chrioſd dean trocair oirn.
A Thighearna dean trocair oirn.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaibh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig ann buaireadh inn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*Min.*

*Min.* O Thighearna ſàbhail do ſheirbheiſeach;
*Freag.* Ata cur a dhòchais ann-ad.
*Min.* Cuir comhnadh thuige o t áite naomh,
*Freag.* Agus dìon è gu cumhachdach a chaoidh.
*Min.* Na faigheadh an namhad co'throm air;
*Freag* Na tigeadh an t-aingidh fogas d'a ga ghoirteachadh.
*Min.* O Thighearna, bi dha mar chaiſteal làidir;
*Freag.* O aghaidh a namhaid.
*Min.* O Thighearna, èiſd r'ar n urnuigh.
*Freag.* Agus thigeadh ar glaodh do t-ionſuidh.

*Miniſteir.*

O Thighearna, ſeall a nuas o neamh, faic, f iosraich agus fuaſgail air a' neach ſo do ſheirbheiſeach. Amhairc air le ſuilibh do thròcair, tabhair dha co'f hurtach agus dòchas daingean ann-ad fein, dion è o chunnart an namhad, agus coimhid è ann sìth agus ann ſlainte ſhiorruidh, trìd Joſa Crioſd ar Tighearna.

EIſd ruinn, a Dhe agus a Shlanui'f hear uile chumhachdaich agus thròcairaich; ſin do mhaitheas gnathuichte a dh' ionſuidh a' neach ſo do ſheirbheiſeach, ata air a chràdh le tinnis. Tha ſinn a guidhe ort, naomhuich è ſo do ſmachduchadh atharail dha; chum gu'n cuir mothacha air a laigſe neart ri a creidimh, agus treibhdhireachd ri aithreachas; chum ma s' ì do dheagh thoilſe aiſeag gus an t-ſlainte a bh' aige romhe, gu 'n caith è chuid eile d' a bheatha ann a t-eagal, agus a chum do ghlòir. No tabhair dha gràs gu t fhioſrachadh a ghabhail, air doigh an deigh a bheatha phiantach ſo do a chriochnachadh, gu 'n gabh è comhnuidh maille riut-ſa ſa' bheatha mhairtheanuich, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin bheir a Miniſteir earail air a' neach ata tinn a reir na foirm ſo, no a leithid eile.

A Mhuintir ionmhuin, biodh fios ſo agad, gur h-è 'n Dia uile chumhachdaich is f'ighearna air beatha air bàs, agus air gach nì a bhuineas doibh, mar ata òige, neart, ſlainte, aois, laigſe, agus tinnis. Uime ſin ciod è air bith è do thinnis biodh fios cinnteach agad, gur h-è ſmachdachadh Dhia ata ann.

Agus

Agus ciod air bìth an t-aobhar mu 'n do chuireadh an tinnis ſo ort, ma 's-ann chum t-fhoighidin a dhearbha' mar eiſimpleir do dhaoine eile, agus a chum gu 'm faighte do creidimh ann la an Tighearna, mór chliùtach, glórmhor agus uramach, gu meudachadh gloir agus ſonas gun chrìch; no ma s-ann a chuireadh ort è, a ſmachdachadh agus a leuſachadh nì air bith ann-ad ata cuir corruich air ſuilibh t-Athar neamhuidh; biodh fios cinnteach agad, ma ni thu fior aithreachas air ſon do pheacaidh, agus ma ghiulanas tu do thinnis gu foighidneach, ag earbſa ann tròcair Dhe, air ſon a Mhic ghràdhuich Joſa Crioſd, agus buidheachas umhla do thoirt dha air ſon a ſmachduchadh atharail, 'ga d' thoirt fein ſuas gu h-iomlan d'a thoilſin, tiontadh è gu tairbhe dhuit, agus gu 'n cuidich è air t-aghaidh thù s-ann t-ſlighe cheart a threoruicheas a chum na beatha marthainich.

¶ Ma bhios a' neach a thainig ear ga ſhealltuin ro thinn, feudaidh a' Miniſteir an earail do chriochnachadh s-ann aite ſo, mur 'eil, feudaidh e dol air aghaidh.

UIme ſin gabh thugad gu maith ſmachdachadh an Tighearna: Oir (mar ata an t-Abſdal Pól ag radh s-ann dara caibdeil dèug a chum nan Eabhradhaich) an ti a's ionmhuinn leis an Tighearna, ſmachduichidh sè è, agus ſgiùrſaidh sè gach mac ris an gabh è. Ma ghiùlaineas ſibh ſmachdachadh, 'ta Dia a' buntuin ribh mar re cloinn: oir co am mac nach ſmachdaich an t-Athair? Ach ma 'ta ſibh as eugmhais ſmachdachaidh, d'am bheil na h-uile 'n an luchd co'pairt, ann ſin is clann dìolain ſibh, agus ni 'n clann *dligheach*. Tuilleadh eile, bha againn aithreacha thaobh na feòla, a ſmachdaich ſinn agus thug ſinn urram dhoibh: nach mòr is mò *is còir dhuinn* bhi ùmhal do Athair nan ſpioraid, agus a bhi beo? Oir gu deimhin ſmachduich iadſann ſinn rè beagan do laithibh reir an toil fein; ach eifean chum ar tairbhe, ionnas gu 'm bitheamaid 'n ar luchd co'-pairt d'a naomhachd. A dheagh bhràthre, tha na briathra ſo ſgrìobhte s-ann ſcriobtuir naomh air ſon co'fhurtachd agus teagaſg dhuinne; chum le toirt buidheachais, gu 'n giùlaineamaid gu foighidneach ſmachdachadh ar n-Athar neamhuidh, c' uair air bith a's toil le mhaitheas gràſail ar fiosrachadh le trioblaid air bith. Agus cha bu chòir fòlas bu mhor bhi aig crioſduighean, na bhi air an dheanamh coſmhuil ri Crioſd le anſhocair, trioblaidin, agus tinnis fhulang gu foighidneach.

Oir

Oir cha deachaidh è fein ſuas gu gairdeachas, gus an d' fhullaing è pian an toiſeach; cha deachaidh é ſteach d'a ghloir gus an rabh ſè air a chèuſadh. Mar ſo, gu deimhin, 's ì 'n t-ſlighe dhuinne gu gairdeachas ſiorruidh fulang ann ſo maille ri Criofd; agus s' è an doras air am faigh ſinn a ſteach do 'n bheatha ſiorruidh, bàſuchadh gu ſuilbhear maille ri Criofd; chum gu n-èirich ſin a ris o 'n bhàs, agus gu 'n gabh ſinn comhnuidh maille ris ann s a' bheatha mhairtheanaich Nois air an aobhar ſin, air ſulang dhuit do thinnis gu faighidneach ata mar ſo tarbhach dhuit, earalaichim ort ann ainm Dhe, an aidmheil a rinn ù do Dhia ann a d' bhaiſte do chuimhneachadh. Agus do bhri gu bheil cunntas ri thoirt ſeachad an deigh na beatha ſo do 'n bhreitheamh firineach, a bheir breith air gach uile neach gun mheas air pearſa ſeach a cheile; cuirim a dh' fheachaibh ort thu fein agus do ſtaid a cheaſnuchadh, araon do thaobh Dhe agus dhuine; mar ſo 'ga d' chaſaid agus 'g d' dhìte fein air ſon do choirreanna fein, chum gu 'm faigh thu trócair air laimh ar n-Athar neamhuidh-ne air ſgà Chriofd, agus nach bi thu air do chaſaid no air do dhìte ann ſa bhreitheanas uabharach ſin. Air an aobhar ſin aithriſidh mi dhuit poncan ar creidimh, chum gu 'm bi fios agad am bheil thu creidſin mar is coir do Chriofduigh, no nach eil.

¶ An ſo aithriſidh a Miniſteir Poncan a Chreidimh, ag radh mar ſo,

AM bheil thu creidſin ann Dia an t-Athair uile chumhachdaich, Cruithfhear neamh agus talmhuin?

Agus ann Ioſa Criofd aon ghin Mhic-ſin, ar Tighearna? Agus gu n do ghabhadh è leis an Spiorad Naomh; gu 'n d' rugadh è leis an Oigh Muire; gu 'n d' fhulaing è fo Phontius Pilat, gu 'n do chèuſadh è, gu 'n d' fhuair è bàs agus gu 'n d' adhlaiceadh è; gu 'n deach è ſios do dh-Ifrionn, agus mar an ceudna gu 'n d' èirich è rithiſt an treas la; gu 'n deachiadh è ſuas air neamh, agus gu bheil sè na ſhuidhe air deas lamh Dhe an t Athair uile chumhachdaich; agus gu 'n tig ſe 'a ſin a ris aig deireadh an t-ſaoghail, a thoirt breath air bheoaibh agus air mharbhaibh?

Agus am bheil thu creidſin ann ſan Spiorad Naomh: An Eaglais naomh choitchion; Co-chomunn nan Naoimh; Maitheanas na'm peaceanna; Eis-eirigh na colla; agus a bheatha Mhairtheanach an deigh a bhàis?

¶ Freagraidh an duine tinn,

Tha mi creidſin ſo uile gu diongalta.

¶ An ſin ceaſnuichidh a Miniſteir an d' rinn e fior aithreachas air ſon a pheacaidh, agus am bheil e 'n gradh ris an t-ſaoghal uile; a' coimheirleachadh dha maitheanas a thoirt o ghrunnd a chroidhe do gach uile neach a chuir corruich air, agus ma chuir e fein corruich air neach air bith, maitheanas iarruidh orra; agus far an d' rinn e ea-coir no cron air aon duine, dioladh a dheanamh mar is fearr is urrain e. Agus mur do bhuilidh e mhaoin roimhe, biodh e air a chomhairleachadh ſan am ſin gu tiomna a dheanamh, agus fhiachan inſeadh, ciod a dhighear uaithe agus cioda dhlighear dha, chuma choguis a ghlanadh na 's fearr, agus ſiothchaidh d' a oighreachaibh. Ach bu choir daoine do chuir ann cuimhne gu minic gu co'throm a ghabhail air an gnothuichibh ſaoghalta do chuir ann ordugh, a' nuair ata iad n ann ſlainte.

¶ Feadar na briathra ſo a labhradh roimhe, a radh mu 'n toiſich a Miniſteir r' a urnuigh, mar chi ſe aobhar.

¶ Cha dean a Miniſteir diochuimh n' an earrail dhurachdach thoirt an dream eas-laint ſin aig am bheil an comas, iad a bhi fial ris na bochdaibh.

¶ Ann ſo bithidh a' neach ata tin air a bhroſnuchadh chum a pheacaidh gu leir aideachadh, ma mhothuicheas e choguis fo thrioblaid le ni cudtromeach air bith. An deigh na h-aidmheil, bheir a Miniſteir fuaſgladh dha (ma dh' iarras ſe e gu h-umhla agus o a chroidhe) air an doigh ſo.

GU 'n deana ar Tighearna Joſa Crioſd, a dh' fhág cumhachd aig eaglais fein fuaſgladh a thoirt do gach uile pheacair a ni fior aithreachas agus a chreideas, d'a mhòr throcair maitheanas thoirt dhuit-ſe ann a d' pheacaidh; Agus le ughdaras-ſan a thugadh dhomh-ſa, tha mi toirt fuaſgladh dhuit o t-uile pheacaidh, ann ainm an Athair, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Amen.

¶ Agus an ſin their a' Miniſteir an urnuigh a leanas.

## Deanamaid Urnuigh.

O Dhe a 's mo trocair, neach, a reir lionmhoireachd do throcair, a chuireas air falbh peacaidh na muintir ſin a ni fior aithreachas, air mhodh nach cuimhnich thu iad na 's mo; foſgail ſuil do throcair air a' neach ſo do ſheirbheiſeach ata gu durachdach aig iarruidh ſuaſgladh agus maitheanas. Athnuadhuich ann (o Athair a 's mo gradh) na nithe ſin a

bh

bha caithe air falbh le mealtoireachd agus mi-rùn an diabhoil, no le ain-mian agus anmhuineachd fheolmhar fein ; gleidh agus buanach an duine eaflaint fo ann aonachd na h-eaglais ; fmuaintich air a chroidhe brùite, gabh ri dheoir, lughduich a chràdh, mar 's mo a chi thu iomchuidh air a fhon. Agus do bhri gu bheil è cur a làn earbfa ann do thròcair amhain, na cuir a pheacaidh a chuaidh feachad as a leath ; ach neartuich è le do Spiorad beannuichte, agus a nuair is toil leat e a thoirt as fo, gabh è fo d' churam fein, tre toiltinis do Mhic ro ghradhaich, Jofa Crioft ar Tighearna. Amen.

¶ An fin their a Minifteir an t-Salm fo.

*In te Domine, Speravi.* Sal. lxxi.

ANn-ad-fa, O Thighearna, chuir mi mo dhochas, na bithim gu brath air mo chuir gu náire ; ach fuafgail agus faor mi ann a t-fhirinteachd, aom do chluas do 'm ionfuidh, agus fabhail mi.

Be thufa a' d' chaifteal daingnean dhomh, chum an tathuich mi do ghna ; gheall thu mo chomhnadh, oir is tu mo thigh didin, agus mo dhaingneachadh.

Saor mi, O mo Dhia, as laimh nan daoine mi-dhiaghaidh ; 'mach a' laimh an duine neo-fhìrinich agus gun iochd.

Oir is tufa, O Thighearna dhia, an ni ata mi mianachadh ; 's mo dhòchas, o m' òige.

Leat-fa do chumadh fuas mi o thainig mi a dh' ionfuidh an t-faoghail ; is tu a thug a mach mi a' broinn mo mhàthar ; molaidh mi thu do ghna.

Tha mi mar gu 'm b' eadh a' m' iongantas aig moran ; ach tha mo dhòchas daingnean annad-fa.

O biodh mo bhèul air a lionadh le d' chliu ; chum gu 'n feinn mi do ghloir agus t-onair feadh an la gu h-iomlan.

Na tilg air falbh mi ann àm mo fhean aois ; na treig mi nuair a dh' fhagas mo neart mi.

Oir ata mo naimhdean a' labhairt a m' aghaidh, agus an dream ata ri faire air fon m' anama, tha iad a' gabhail comhairle le cheile, ag radh, do thrèig Dia è, leanaibh è, glacaibh è, oir cha 'n eil neach ann 'ga fhaoradh.

O Dhe, na bi fada uam ; mo Dhia, dean deifir do m' chomhnadh.

Biodh iadſan air an cuir gu hamhla, agus air an ſgrios, ata 'n aghaidh m' anama; biodh iad air a folach le nàire agus easonair, ata iarruidh chron a dheanamh dhomh.

Ach air mo thon-ſa, feithidh mi gu foighidneach do ghna; agus molaidh mi thù ni s mò agus ni 's mo.

Labhruidh mo bheul gach la air t-f hirinteachd agus do ſhlainte; oir cha 'n aithne dhomh an crioch

Theid mi amach ann neart an Tighearna Dia; agus ni mi iomradh air t f hirinteachd-ſa amhain.

O Dhe, do theagaisg thu mi o m' òige gu 'n uige ſo; air an aobhar ſin cuiridh mi t-oibreadh iongantach an geill.

Na trèig mi, O Dhe, ann am ſhean aois a' nuair ata mo cheann liath; gus an taiſbein mi do neart do 'n ghinealach ſo, agus do chumhachd dhoibh-ſin uile ata f hoſt chum teachd.

O Dhe, ata t-f hireantachd ro àrd, agus rinn thu nithe mòra: O Dhe, co ata coſmhuil riutſa?

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad Naoimh;

Mar bha ann tùs, ata anois, agus a bhios gu brath, ſaoghal gu 'n chrich. Amen.

¶ A cuir ſo ris.

O Shlanui'f hear an t-ſaoghail, a ſhaor ſinn-ne le d' chrois agus le d f huil phrìſeil, ſ àbhail ſinn, agus dean comhnadh leinn, tha ſinn a' guidhe ort gu h-uirioſal, O Thighearna.

¶ An ſin their a Miniſteir.

AN Tighearna Dia uile chumhachdaich, tha 'na chaiſteal laidir do 'n mhuintir ſin uile chuireas an dochas ann, 'ga bheil gach uile ní air neamh, agus air talamh, agus fo 'n talamh a lùba ſios agus a' geileadh, gu 'n rabh è air an àm ſo agus gu brath na dhidean dhuit; agus gu 'n tugadh è beachd agus mothachadh dhuit, nach 'eil ainm air bith eile fo neamh a thugadh ſeachad a' meaſg dhaoine, ann agus trid am fead thu ſlainte cuirp agus anama f haotain, ach amhain ainm ar Tighearn' Joſa Crioſd. Amen.

¶ Agus

¶ Agus an deigh ſin their e,

THÀ ſinn ga d' thoirt ſuas do thròcair chaomh agus do dhion De. Gu 'n deanadh an Tighearna do bheannachadh, agus do ghleidheadh. Gu 'n tugadh an Tighearna air a ghnuis dealra ort, agus gu 'n roibh ſè gràſail dhuit. Gu 'n togadh an Tighearna aghaidh ſuas ort, agus gu 'n tugadh è ſith dhuit, a-raon, a nis agus gu brath. Amen.

¶ Urnuigh air ſon leanabh tinn.

A Dhe uile chumhachdaich agus Athair thrócairaich, d' am buin amhain criochan beatha agus bàis; tha ſin gu h-urioſal a' guidhe ort, ſeall a nuas o neamh le ſuilibh do trocair, air an leanabh ſo, tha s-an àm ſo na luidhe air leabuidh tinneas: Thig ga amharc, O Thighearna, le d' ſhlainte; fuaſgail air ann s-an deagh àm a dh-orduich thu fein o chradh a chuirp, agus ſabhaila anam air ſgá do throcair: Chum ma s'i do dheagh thoil a leithin a chuir am fad ann ſo air talamh, gu 'm bi ſe beo dhuit ſe, agus na inneal air do ghloir, le ſeirbheis fhirineach a dheanamh dhuit, agus le maith a dheanamh ri a lìnn fein; air neo gabh è do na h-ionadaibh comhnuidh neamhuidh ſin, far am bheil anama na muintir ata cadal ann s-an Tighearn Joſa a' mealltuin fhois agus ſhonnas ſiorruidh. Deonuich ſo, O Thighearna: air ſga do thròcair, ann a d' Mhac ceudna ar Tighearna Joſa Crioſd, tha beo agus a riaghlachadh maille riut-ſa agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia gu brath, ſaoghal gun chrìch.

¶ Urnuigh air ſon neach tha tinn, nuair nach 'eil ach beag dochas gu 'n leaſuich e.

O Athair na trocair, agus a Dhe nan uile ſholas, ar n aon chamhnadh an am feum; tha ſinn a ruith a t-ionſuidh air ſon cobhair as leath a neach ſo do ſheirbheiſeach, tha 'n ſo na luidhe fo d' laimh ann a mór laigſe cuirp. Amhairc gu gràſail air, O Thighearna; agus mar is mo tha 'n duine o 'n leath a muigh a' caithe air falbh, tha ſinn a' guidhe ort, gu neartuicheadh tu móran na 's mo an duine an taobh a ſtigh le d' ghras agus le d' Spiorad Naomh. Tabhair dha aithreachas neo-chealagach air ſon uile mhearachdan

dan a bheatha a chuaidh ſeachad, agus creidimh daingean ann a d' Mhac Joſa, gu 'm bi a pheacanna air an glanadh air falbh le d' thròcair, agus a mhaitheanas daingnichte air neamh, mun d' theid è a' ſo, agus nach faicear è ni 's mo. Tha ſios again, O Tbighearna, nach 'eil focal air bith neo-chomaſach dhuitſe; agus ma 's ail leat, 's urrain thu a thogail ſuas a ris, agus a bhuanachadh na 's f haide 'n ar meaſg-na. Gidheadh, do bhri a reir an uile choſlais gu bheil àm a chaochladh am fogus; uliuich agus deaſuich è, tha ſinn aig achanuich ort, mu chomhair uair a bhàis, a chum air dha ſiubhal a's an t-ſaoghal ſo ann ſith, agus ann a d'dheagh-ghean-ſa, gu'm bi a anam air a ghabhail a ſteach do d' rioghachd bhioth-bhuan fein, tre thoiltinis agus eidirghuidhe Joſa Crioſd t-aon ghin Mhic ar Tighearna agus ar Slanui'f hear. Amen.

¶ Urnuigh thoirt neach tin ſuas do Dhia nuair tha e dlu do 'n bhas.

O Dhe uile chumhachdaich, ma ris am bheil ſpioradan nam ſirineach air deanamh iomlan beo, tareis doibh bhi air am fuaſgladh as am prioſanaibh talmhuidh; tha ſinn gu h-uirioſal a' toirt ſuas anam a' neach ſo do ſheirbheiſeach, ar brathair gradhach, ann a d' lamhaibh, mar ann lamhaibh Cruithf hear dileas, agus Slanuif hear ro throcaireach; a' guidhe ort gu ro umhla gum biodh è luachmhor ann a d'ſhealla. Ionlaid e tha ſinn aig achanuich ort, ann am fuil an Uain gun ſmall ſia a mharbhadh a chum peacaidh an t-ſaoghail a thoirt air falbh; ionnas ciod air bith ſalachaireachd a thionail è a' meadhon an t-ſaoghail thruaighlidh agus aingidh ſo, tre ain-mianna na feola no tre chealgoireachd an diabhoil, air bhi dhoibh air an glanadh agus air an toirt air falbh, gu 'm bi è air a thaiſbeineadh ann a d'lathair-ſe ſior ghlan gun ſmall. Agus teagaiſg dhuiune ata fuireach beo nan deigh, ann ſo, agus n-ann leithidibh eile tha ſinn a faicſin a' báſuchadh gach la, gu 'm faic ſinn cia lag agus neo-chinnteach ata ar ſtaid fein, agus ar laethin aireamh, chum gu 'n toir ſinn ſuas ar cridheachan do rireamh do 'n ghliocas naomh agus neamhuidh ſin, nuair tha ſinn beo ann ſo air talamh, a bheir fa-dheoidh ſinn gu beatha bhiothbhuan, tre thoiltinis Joſa Crioſd t aon Mhac ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuigh

¶ Urnuigh air ſon dream tha fo thrioblaid inntin no fo thrioblaid cogais

O Thighearna bheannuichte, Athair na tròcair, agus a Dhe nan uile ſhòlas, tha ſinn a' guidhe gu 'n amhairceadh tu nuas ann iochd agus ann truas air a neach ſo do ſheirbheiſeach ata ſo amhghar. Tha thu a ſgriobhadh nithe ſearbh na aghaidh, agus a toirt aingeachd a chaidh ſeachad a ſhealbheachadh; tha do chorruich gu trom air, agus, tha a anam làn do thrioblaid: Ach, O Dhe thròcairaich, a ſgriobh t-ſhocal naomh air ſon ar foghlam, a chum trid foighidin agus co-fhurtach do ſcriobtuirean naomh gu 'm biodh dòchas againn; thoir dha beachd ceart air ſein, agus air do bhagraidh agus air do gheallaidh; chum nach tilg è air falbh a mhuinghin ann-ad, agus nach cuir è dhòchas ann àit' air bith eile ach ann-adſa. Thoir dha neart ann aghaidh a bhuairibh uile, agus leighis uil' eaſlaintin. Na bris a chuilc bhruighte, agus na mùch an lian a loſgadh. Na dund ſuas do thròcair chaomh am ſearg; ach thoir air gu 'n eluinn è aoibhneas agus ſubhachas, chum gu'n dean na cnamha bhriſt thu gairdeachas. Saor è o eagal an namhaid, agus tog ſuas ſolas do ghnuis air, agus thoir ſith dha, tre thoiltinis agus eidir-ghuidhe Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

COMANACH

# Comanach nan Daoine TIN-NE.

¶ DO bhri gu bheil na h uile dhaoine bafmhor buailteach do dh-iomad cunnart, eaſlaintin agus tinniſin obann, agus gun ſhios ac' uair air bith cuin a dhſ hagas iad an ſaoghal ſo ; Uime ſin. chum gu 'm bi iad do ghna ullamh air ſon a bhais, nuair is toil leis an Dia uile chumhachdaich gairm orra, bheir na Miniſteirin o am gu h-am (ach gu h araid ann am plaigh no tinneas gabhaltach air bith cile) earail dhurachdach do mhuintir an ſgireachdan fein, chum Comanach naomh cuirp agus ſola ar Slanuif hear Crioſd a ghabhail gu minic, nuair a hhios e air a f hrithealadh gu follaſach s-ann eaglais chum le ſo a dheanamh gu 'm bi aobhar na 's lugha eugmha's aca air ſon ni ſhuaimhneas cridhe an nuair thig fioſrachadh obann orra. Ach mur urrain a neach ata tinn, teachd do 'n eaglais, agus gidheadh gu bheil togradh aige an Comanach a ghabhail 'na thigh fein, an ſin feumaidh e fios thoirt do 'n Mhiniſteir an am iomchuidh, aig inſeadh mar an ceudna cia lion neach tha gus an Comanach a ghabhail ma ris, (oir is coir dithis, no triuir a bhi ann air a chuid a 's lugha) agus air bhi do dh-aite iomchuidh ann tigh an duine thinn, maille ris gach ni feumail, ulmichte air doigh gu'm feud a Miniſteir a f hrithealadh gu h urramach, bheir e ann ſin ſeachad an Comanach naomh, a' toiſeach leis an Urnuigh, an Litir, agus an Soiſgeul, a leanas ann ſo.

*An Urnuigh.*

A Dhe uile chumhachdaich ſhior mhairtheanaich, a Chruithf hear a chinnea-daoine, a chronuicheas an dream is gradhach leat, agus a ſmachduicheas gach neach a ghabhas tu a t' ionſuidh ; tha ſinn aig achanuich gu 'n deana tu trocair air a' neach ſo do ſheirbheiſeach air an do leig thu do lamh, agus deonuich gu 'n giulain è a thinneas gu foighidneach, agus gu 'm faigh è ſlainte a chuirp, (ma s' i do thoil ghráſail, agus cia air bith àm a dh'f hàgas a anam an corp; gu 'm bi sè air a thoirt ſuas dhuitſe gun ſmal, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Litir.* Eabh. xii, 5.

A Mhic, na cuir ann neo-pris ſmachdachadh an Tighearna, agus na ſannaich 'n uair a chronaichear leis thu : Oir an ti a's ionmhuinn leis an Tighearna, ſmachduichidh f è è, agus ſgiurſaidh ſ è gach Mac ris an gabh è.

An

*An Soiſgeul* Ioin v, 24.

GU deimhin deimhin deirim ribh, An ti dh'eiſdeas re m' ſhocalſa, agus ata creidſin ann ſan ti a chuir uaithe mi, 'ta a' bheatha mhairtheanaich aige, agus cha d' thig ſe chum damnaidh; ach chuaidh ſe thairis o bhàs gu beatha.

¶ An deigh ſo, theid a' Miniſteir air aghaidh a reir an riaghailt a chuireadh ſios roimh air ſon a chomanaich naomh, a toiſeach aig na briathra ſo (Sibhſe do ni, &c.

¶ Air am riarachadh na Sacramaint naoimh, gabhuidh a Miniſteir an Comanach an toiſeach e fein, agus an deigh ſin bheir e dhoibhſin e ata gus an Comanach a ghabhail maille ris an duine thinn, agus ſa dheireadh do 'n duine thinn fein.

¶ Mur gabh duine Sacramaint cuirp agus fola Chrioſd, a chionn gu bheil e ro thinn, no chionn nach d' ſhuair a Miniſteir fios ann am iomchuidh, no dhi cuideachd chum an Comanach, a ghabhail maille ris, no air ſon amla laghail air bith eile, teagaiſgidh a Miniſteir e, ma ni e fior aithreachas air ſon a pheacaidh, agus ma chreideas e gu ſeaſmhach, gu'n d' ſhulaing Joſa Crioſd bas air a' chran-cheuſaidh air a ſhon ſa; agus gu 'n do dhoirt e ſhuil a chum a ſhaoradh, a geur chuimhneachadh nan Sochairean tha e ſaighail leo ſin, agus a toirt buidheachas o chridhe dha air an ſon, gu bheil e 'g ith agus aig ol cuirp agus fola ar Slanui'ſhear Crioſd gu tarbhach chum ſlainte anama, ge d' nach 'eil e gabhail an t Sacramaint le bheul.

¶ Nuair a thigear a dh' amharc neach a tha tinn, agus a ghabhas e an Comanach naomh ſan am cheudna; an ſin, a chum an tuille eallachd, criochnaidh a Miniſteir an Riaghailt mu ſhealltuin dhaoine tinn aig an t Salm (Annadſa O Thighearna, chuir mi mo dhochas) agus theid e air ball air aghaidh chum a Chomanaich.

¶ Ann am plaigh, falluis, no ann am tinnis no eaſlaintin gabhaltach coſmhuil ri ſin, nuair nach faighear neach air bith do mhuintir na ſgireachd no do na coimhearſnuich gus an Comanach a ghabhail ma' ris an droing a tha tinn, nan tighibh fein, air eagal cunnart o'n ghallair, air iarrtas durachdach a neach tha tinn, feudaidh a Miniſteir e fein an Comanach a ghabhail ma' ris.

# An t-Ordugh mu Adhlacadh nam MARBH.

¶ Tha e 'n ſo ri thoirt fai'near, nach gnathuichear an t ſeirbheis a leanas air ſon neach air bith a bhaſuicheas gun bhaiſte, no tha fo aſeaoin-caglais, no chuir lamh ann fein.

¶ Air coinneachadh a chuirp do 'n Mhiniſteir agus do 'n luchd frithealaidh eile aig dorus a chlaigh, agus a dol roimhe, do 'n caglais, no dh' ionſuidh na h-uaighe, their no ſinneadh iad.

IS miſe an eis-eirigh, agus a bheatha, a deir an Tighearna; an ti chreideas annamſa, ge do gheibheadh è bás, bithidh ſe beo. Agus ge b'e neach ata beo agus a' creidſin annam-ſa, cha 'n f haigh à bás a chaoidh, Eoin xi, 25, 26.

THA fios agaim gu bheil m' f hear-ſaoruidh beo, agus gu 'n ſeas è air an talamh ann ſan la dheirionach. Agus ge do dh-itheas cnuimhean an corp ſo, an deigh mo chraicinn; gidheadh ann a m' f heoil chi mi Dia; neach a chi mi air mo ſhon fein, agus beachduichidh mo ſhuil air, agus cha neach eile. Job xix, 25, 26, 27.

CHA tug ſinn aon ni a dh' ionſuidh an t-ſaoghail ſo, agus is cinnteach nach urrain ſinn nì air bith a thoirt as. 'S e n Tighearna a thug ſeachad, agus 's è 'n Tighearna a thug air falbh, gu ma beannuichte ainm an Tighearna. 1 Tim. vi, 7. Job i, 21.

¶ An

¶ An deigh dhoibh teachd a' ſtigh do 'n eaglais, leabhar na Sailm ſo a leanas, no aon dhuibh.

*Dixi Cuſtodiam.* Salm xxxix.

THubhairt mi, bheir mi fainear do m' ſhlighibh; chum nach peacaich mi le m' theangaidh.

Coimhididh mi mo bheul mar gu 'm b' ann le ſrian: am ſeadh a tha an t' aingidh am lathair.

Chum mi mo theangadh, agus cha do labhair mi a bheag; bha mi am' thoſd, ſeadh, eadhon o dheadh bhriathra; ach bha e na chradh agus na phein dhamh.

Bha mo chridhe teith an taobh a ſtigh dhiom, agus an ſeadh a bha mi mar ſo ag ſmaointeacha; las an teine agus fadheoidh labhair mi le m' theangaidh.

A Thighearna thoir fios dhamh air mo chrich agus aireamh mo laithe; chum gu 'm bidhin cinnteach cia fhada bhios mi beo.

Feuch, rinn thu mo laithibh mar leud boiſe; agus tha m' aois eadhon mar neimhni da d' thaobhſa, agus gu deimhin tha gach duine ta beo gu tur na diamhanas.

Oir tha 'n duine gluaſachd ann an ſgaile diamhain, agus ga dheanamh fein neo ſhuaimhneach ann an diamhanas; tha e carnadh ſuas ſtorais, agus cha n' urradh dha innſeadh co a chruinnicheas iad.

Agus a niſe, a Thighearna, ciod e mo dhochas; gu cinntach tha mo dhochas amhain annadſa.

Saor mi o'm uile chionta; agus na dean mi am adhbhar maſlaidh do 'n amadan.

Dh'fhas mi balbh, agus cha d'fhoſgail mi mo bheul; oir be ſo do dheanadas fein.

Thoir air falbh do phlaigh uam; tha mi eadhon air mo chlaoidh air ſon truimid do laimh.

Nuair a chronaicheas d'thu duine le ſmachdachuibh air ſon peacaidh, bheir thu air a mhaiſe caithe air falbh, mar chnuimh aig caithe aodaich; cha 'n 'eil gach duine uime ſin ach nan diamhanas.

Eiſd m' urnuigh, O Thighearna, agus le 'd chluaſibh thoir fainear mo ghairm na biodh d'thoſd re ma dheuramh.

Oir tha mi am choigreach agadſa; agus am fhear turrais mar bha m' aireacha uile.

O caobhain mi car tamuill chum a 's gu 'n nuadhaich mi mo neart; mu 'n d'theid mi thairis 's nach fhaicear mi ni 's mo.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad Naomh;

Mar bha ann tùs, ata anois, agus a bhios gu brath, ſaoghal gu 'n chrich. Amen.

*Domine Refugium.* Salm xc.

A Thighearna, bu d' thu ar tearmunn o aon ghinealach gu ginealach eile.

Mu 'n deach na ſleibhte thoirt amach na riamh mu 'n d' rinneadh an talamh agus an ſaoghal (is d' thuſa Dia o bhithbhuantachd, agus ſaoghal gun chrich.

Pillear leat an duine gu ſgrios; agus a ris a deir thu, thigibh a ris air bhur ais, ſibhſe chlann nan daoine.

Oir ann a' d' lathair tha mile bliadhna mar an la 'n de; air dha dol ſeachad mar fhaire ſan oidhche.

Co luath ſa ſgabas d'thu iad, tha iad eadhon mar aiſlein: agus ſeargaidh iad gu h-obann air falbh mar fheur.

Ann ſa mhaidin tha e uaine agus aig fas ſuas; ach mu fh'eaſgar tha e air a ghearra ſios, air a thior macha ſuas, agus air ſeargadh.

Oir caithe ſinn air falbh ann a d' teasfheirg, agus tha ſinn fuidh eagal a' d' throm chorruich.

Chuir thu ar droch gniomharra annad lathair; agus ar peacaibh diomhair ann an ſolus do ghnuiſe.

Oir 'nuair a tha corruich ort tha ar 'n uile laithe air dol thairis: tha ſinn toirt ar bliadhna gu crich mar ſgeul a dh' innſear.

'Siad laithe ar 'naois tri fichiod bliadhna ſa deich, agus ge do roibh daoine cho neartmhor 's gu 'n thig iad gu ceithir fichiod bliadhna; gidheadh cha 'n 'eil ann ſpionnadh an ſin, ach ſaothair agus bron; ceart co luath a ſhiuileas e air falbh, agus cha 'n 'eil ſinn idir ann.

Ach cia bheir aire do neart do chorruich; oir an deigh laimhe mar ghabhas duine eagal, mar ſin tha do throm fheirg.

Mar ſin teagaiſg duinn ar laithe aireamh; chum 's gun cleachd ſinn ar cridhe chum gliocas.

Pill

Pill thuſa a ris, O Thighearna, mu dheire; agus bidh graſmhor ri d' ſheirbhiſich.

O ſaſuich ſinn le d' throcair, agus ſin gu grad; 's mar ſin ni ſinn gairdeachas, agus bidh ſinn aoibhin re uile laithe ar beatha.

Their comhf hurtachd dhuinn aniſe aris an deigh dhuit plaigh chuir nar carruibh; agus air ſon na'm bliadhna ann ſan df huilling ſinn bochduin.

Feuch do d' ſheirbhiſich t 'obair; agus do ghloir da 'n cloinn.

Agus gu robh uile mhorachd ghlormhor an Tighearna ar Dia oirne; ſoirbhich thuſa dhuinn obair ar lamhan, o ſoirbhich thus obair ar lamh.

Gloir do'n Athair, &c.
Mar bha air tus, &c.

¶ An ſin leanuidh an leaſan air a thoirt as a chuigeadh caibdeil deug do cheud litir Phoil a chum nan Corinthianach.

1 Cor. xv, 20.

NISE tha Crioſd air eirigh o na mairbh, agus rinneadh an ceud thoradh dhiubhſan a choidil deth. Oir mar is ann tre dhuine thainig am bàs, is ann tre dhuine thig ais-eirigh nam marbh mar an ceudna. Oir mar ann Adhamh ata gach uile ag faghail a' bhais, is amhuil ſin mar an ceudna a nithear gach uile beo ann Crioſd. Ach gach uile dhuine 'n a òrdugh fein; Crioſd an ceud thoradh, 'n a dhiaigh ſin iadſan a 's le Crioſd aig a theachd. Ann ſin bithidh a' chrioch dheireannach, 'n uair a bheir è ſuas an rioghachd do Dhia, eadhon an t-Athair; 'nuair a chuireas è fios gach uile uachdaranachd agus gach uile ughdarras, agus cumhachd. Oir is eigin gu 'n rioghaich ſe, gus an cuir è a naimhde uile fuidh choſaibh. Is è an namhad deireannach a ſgrioſar, am bás. Oir chuir è na h uile nithe fuidh choſaibh. Ach 'n uair a deir è gur chuir ſè na huile nithe fuidh, is ni follaſach gu bheil eiſean a chuir gach uile nithe fuidh, ann leith 'muigh dheith ſo. Agus 'n uair a chuir'ear na h uile nithe fuidh, ann ſin bithidh am Mac fein fuidh 'n ti a chuir na h uile nithe fuidh-ſn, chum gu 'm bi Dia 'n a uile ann s gach uile. No ciod a ni iadſan, a bhaiſtear

air

air ſon nam marbh, mur eirich na mairbh air aon doigh? c' ar ſon ma ſeadh a bhaiſtear iad air ſon nam mairbh? Agus c' ar ſon ata ſinne ann gabhadh s gach uair? Air bhur gairdeachas ſa a 'ta agam ann Joſa Crioſd ar Tighearna, 'ta mi faghail a' bhais gach la. Ma chog mi mar dhuine re fiadh-bheiſtibh ann Epheſus, ciod i mo thairbhe, mur eirich na mairbh? itheamaid agus olamaid, oir am marach gheibh ſinn bas. Na mealiar ſibh; truaillibh droch chombradh deadh bheuſa. Duiſgibh chum f ìreantachd, agus na deanamh peacaidh; oir ni 'm bheil eolas De aig cuid; chum bhur naire labhram ſo. Ach a deir neach eigin, Cionnas a dh' eir'eas na mairbh? Agus ciod a' ghne cuirp leis an d' thig iad? Amadain, a ni ſin a chuireas tu, cha bheothaichear è, mur baſaich sè air tùs. Agus an ni a chuireas tu, cha 'n è an corp a bhitheas a 'ta thu cur, ach grainne lom, feudaidh bith do chrui'neachd, no do ſheorta eigin eile. Ach ata Dia a' toirt cuirp dha mur bu toil leis, agus do gach uile ſhiol a chorp fein. Cha'n aon f heoil gach uile f heoil; ach ata feoil air leith aig daoinibh, agus feoil eil' aig ainmhidhibh, feoil eil' aig iaſgaibh, agus feoil eil' aig eunlaithibh. Agus ata cuirp neamhaidh ann, agus cuirp thalmhaidh; gidheadh ata gloir air leith aig na corpaibh neamhaidh, agus gloir eil' aig na corpaibh talmhaidh. 'Ta aon ghloir aig a' ghrèin, agus gloir eil' aig a' ghealaich, agus gloir eil' aig na reultaibh; oir ata eidir-dhealachadh eidear reult agus reult thaobh gloire. Is ann mar ſin fos a bhios ais-eirigh nam marbh. Cuir'ear è ann eas-onoir, tog'ar ann gloir è; cuir'ear ann anmhuinneachd è, eir'idh sè ann cumhachd; Cuir'ear è na chorp nadurra, eir'idh ſe na chorp ſpioradail. 'Ta corp nadurra ann, agus corp ſpioradail. Agus mar ſo a 'ta è ſgriobhta, Rinneadh an ceud duine Adhamh 'n a anam beo, an t Adhamh deireannach 'n a Spiorad a bheothaicheas. Gidheadh cha 'n è an ni ſpioradail a bha ann air tus, ach an ni nàdurra; agus 'n a dhiaigh ſin an ni ſpioradail. An ceud duine o 'n talamh, talmhaidh; an dara duine an Tighearna o neamh. Mar an duine talmhaidh, is amhuil ſin fos iadſan a 'ta talmhaidh; agus mar ata an duine neamhaidh, is ann mar ſin iadſan a 'ta neamhaidh. Agus mar a ghiulain ſinn iomhaigh an duine thalmhaidh, giulainidh ſinn fos iomhaigh an duine neamhaidh. 'Noiſe ſo a deiream, a bhraithre, nach feudar le feoil agus fuil rioghachd Dhe a ſhealbhachadh mar oighreachd; ni mo a ſhealbhaicheas truaill'eachd neo thruaill'eachd. Fèuch labhram ri diomhair ribh; Cha choidil ſinn uil' ach caochlaidhear

ſinn

ſinn uile: Am mionaid, am prioba' na ſul, re guth na trompaide deireannaich, (oir goiridh an trompaid) agus eir'idh na mairbh neo-thruailleadh, agus caochlaidhear ſinne. Oir is eigin do 'n ni thruiilidh ſo neo-thruaill'eachd a chur uime, agus do 'n ni bhaſmhor ſo neo-bhaſmhorachd a chur uime. Agus 'n uair a chuireas an ni truaillidh ſo neo-thruaill'eachd uime, agus a chuireas an ni baſmhor ſo neo-bhaſmhorachd uime, ann ſin coi'-lionar am ſocal a 'ta ſgriobhta, Shluigeadh ſuas am bas le buaidh. O bhàis, c' ait' am bheil do ghath; O uaigh, c'ait' am bheil do bhuaidh? Is è am peacadh gath a' bhais; agus is é neart a' pheacaidh an lagh. Ach buidheachas do Dhia, a 'ta toirt dhuinne na buadha, trid ar Tighearna Joſa Crioſd. Uime ſin, mo bhraithre gradhach, bithibhſe daingean, neochorach, a ſir-mheudachadh ann obair an Tighearna, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil bhur ſaothair diomhaoineach ann ſan Tighearna.

¶ Nuair thig iad a chum na h uaighe, an tra bhios an corp 'ga dheanamh ullamh gu chuir ſan talamh, their a miniſteir, no ſeinnidh a Miniſteir no na Cleirich.

DUine 'ta air a bhreith le mnaoi, tha ſhaoghal gearr, agus lan do thrioblaid. Tha è fás ſuas, agus air a ghearradh ſios mar bhla; teichidh ſè air falbh mar ſ haileas, agus cha bhuanuich è idir ann aon ſtaid.

Ann a meadhon beatha tha ſinn ann am bas; co uaith air bith am feud ſinn cobhair iarruidh, ach uatſa, O Thighearna tha gu ceart ſo chorruich air ſon ar peacaidh-ne?

Gidheadh, O Thighearna Dhia ro naomha, O Thighearn ro chumhachduich, O Slanuiſ hear naoimh agus ro throcairich, na tabhair thairis ſinn do ghèur phiantaibh a bhàis ſhiorruidh

A Thighearna, tha fios agad air nithe diamhair ar cridheachan; na druid do chluaſan trocaireach r' ar n-urnuighean; ach caomhain ſinn, a Thighearna ro naomh, O Dhe ro chumhachduich, O Slanui-ſ hear naomh agus throcairich, thuſa a bhreitheamh ro ſ hoghaintich ſhiorruidh, na leig chuinn ſan uair dheirinnich le cràdh air bith bais tuitim air falbh uat-ſa.

¶ An

¶ An ſin a nuair a bhios cuid do 'n mhuintir tha 'nan ſeafamh a lathair a cuir uir air a chorp, their a' Miniſteir.

DO bhri gu 'm bi toil an De uile chumhachduich d' a mhòr thròcair anam ar brathar ghradhuich ſo a fhuair bas a ghabhail thuige fein, tha ſinne air an aobhar ſin a' toirt a chuirp do 'n talamh; talamh do thalamh, luaithre do luaithre, duſlach do dhuſlach, ann dochas cinnteach daingean ri eiſ-eirigh chum na beatha ſhiorruidh, trid ar Tighearn Joſa Crioſd, a chaochlas ar corp graineil, chum gu 'm bi è coſmhuil re chorp glormhor fein, a reir an oibricheadh chumhachduich, leis am bheil è comaſach na h-uile nithe chionnſachadh dha fein.

¶ An ſin theirear no ſinnear.

CHuala mi guth o neamh, ag radh rium, ſgriobh: 'S beannuichte na mairbh ata faghail bais ſan Tighearna, o ſo amach; ſeadh, a deir an Spioraid; oir tha iad a' gabhail fois o 'n Saothair. Tais. xiv, 13.

¶ An ſin their a Miniſteir.

A Thighearna, dean tròcair oirn.
*A Chrioſd dean trocair oiru.*
A Thighearna, dean trocair oirn.

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*A Miniſteir.*

ADhe uile chumhachduich, maille ris am bheil Spioraid na muintir ſin beo a gheabh bas ſan Tighearna, agus maille ris am bheil anamanna nan creidmheach ann gairdeachas agus ann ſonas, an deigh doibh bhi air am fuaſgladh o uallaich na feola; tha ſinn a' toirt buidheachais dhuit o 'r cridhe, do bhri gu ma toil leat a neach ſo ar brathair a ſhaoradh o thrioblaidibh

thrioblaidibh an t' ſaoghail pheacaich ſo; a guidhe gu ma toil leat do d' mhaitheas gráſail, aireamh do dhaoine taoghta fein a dheanamh ſuas gu grad, agus do rioghachd a luathachadh, chum gu 'm fead ſinn-ne, ma ris a mhuintir ſin uile a f huair bàs ann am fior chreideamh t' ainm naomh-ſa, crioch agus ſólas iomlan a bhi againn, araon ann corp agus ann anam, ann a d' ghlóir ſhiorruidh agus bhioth-bhuan, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*An Urnuigh.*

O Dhe throcairich, Athair ar Tighearna Joſa Crioſd a neach a ſe an eis-eirigh agus a bheatha; co air bith a chreideas ann, bithidh ſe beo, ge do gheabh ſe bas; agus co air bith ata beo agus a' chreidſin ann-ſan, cha 'n f huigh è bàs ſiorruidh; neach a theagaiſg dhuinn mar an ceudna (le Abſtol naomh Pol) gun bhi fo mhulad, mar dhaoine gun dochas, air ſon na muintir a choidleas ann-ſan; guidhemid gu macanta ort, O Athair gu 'n togadh tu ſinn o bhàs a pheacaidh gu beatha na fireantachd; chum a nuar a dh' f hágas ſinn a bheatha ſo, gu'n dean ſinn fois ann-ſan, mar tha dochas againn gu bheil a' neach ſo ar brathair a deanamh, agus aig an eis-eirigh choitchionn air an la dheirìanach gu 'm faighear ſinn taitneach ann a d' ſhealla, agus gu 'm fuigh ſinn am beannuchadh a labhras do Mhac gradhach air an àm ſin ris a mhuintir, ſin uile leis an gradhach thu, agus air am bheil t'eagal, ag radh, Thigibh, ſibh-ſe, chlann bheannuichte m' Athar ſa, gabhuidh an rioghachd a dh' ulluicheadh air 'ur ſon o thoiſeach an t' ſaoghail. Deonuich ſo, tha ſinn aig achanuich ort, O Athair throcairich, trid Joſa Crioſd ar n-eidir mheadheon-f hear agus ſear-ſaoruidh. Amen.

GRas ar Tighearna Joſa Crioſd, agus gradh Dhe, agus co'-chomunn an Spioraid Naoimh, gu rabh maille ribh uile. Amen.

## An Tabhairt Bhuidheachais BHAN an deigh CLOIN-BHREITH, ris an abrar gu coitchionn, *Coiſrigeadh nam Ban.*

¶ Air an am ghnathaichte an deigh a h aiſaid, thig a bhean ann truſcan eireachdail do 'n eaglais, agus ann ſin ſleuchduidh ſi ſios ann ait eigin iomchuidh, mar bu chleachd a dheanamh, no mar a dh' orduicheas an Eaſbuig, agus an ſin their a Miniſteir ria.

DO bhri gn 'm b'ì toil an Dè uile chumhachduich, d' a mhòr mhaitheas fuaſgladh ſabhailte thoirt dhuitſe, agus gu 'n do ghleidh ſe thu ann ſa' mhor chunnart ann rabh thu ri am breath cloinn, uime ſin bheir thu buidheachas do Dhia o d' chridhe, agus their thu,

¶ An ſin their a Miniſteir an Salm cxvi.

*Dilexi, quoniam.*

THA mi deagh thoilichte; gu 'n cuala 'n Tighearna guth m' urnuigh.

Gu 'n d' aom e chluas rium; uime ſin gairmidh mi air co fhad ſas beo mi.

Dhiadh eangaich a bhais ma n' cuart orm; agus f huair pianta Ifrein greim orm.

Mhothaichidh me trioblaid agus leandudh; agus ghair mi air ainm 'm Thighearna: O Thighearna, guidheim ort, ſaor m' anam.

'S graſmhor 'n Tighearn, agus is fireanach, ſeadh, 'S trocaireach ar Dia.

Coimhididh 'n Tighearn an ſimpli; bha mi ann an truaighe, agus rinn e cobhair orm.

O m' anam, ma ſeadh pill aris ri t'f hois; oir thug Dia duais dhuit.

Agus

Agus car ſon? ſhaor thu m' anam o'n bhas; mo ſhuile o dheoir, agus mo chaſan o thuiteam.

Gluaiſeam an lathair 'n Tighearna; ann an tir nam beo.

Chreid mi, agus uime ſin labhram; ach bha mi fo thrioblaid gheur; thuirt mi ann am dhifir, 's breugairean na huile dhaoine.

Ciod 'n duais a bheir mi do 'n Tighearna; air ſon na h uile ſhochair a rinn e dhomh.

Glacam cupan na ſlainte; agus gairmidh mi air ainm an Tighearn.

Iocaidh mi mo mhoidean do 'n Tighearna, 'n lathair a ſhluaidh uile: ann an cuirtibh tigh an Tighearna, eadhoin ann a'd mheadhon, O Jeruſaleim. Molaidh an Tighearna.

Gloir do'n Athair, &c.

Mar bha ann tus, &c.

¶ No an t' Salm ſo:

*Niſi Dominus. Salm* cxxvii.

NI ſlugha na thogas 'n Tighearna an tigh; cha 'n 'eil an ſoathoir ſin tha ga thogal, ach cailte.

Ni ſlugha na ghleidheas an Tighearna m'baille; cha 'n eil am fear faire ach na dhuiſg gu diomhain.

Cha n'eil ach ſaothar chailte dhuibh deifir a dheanamh gu eiridh moch, agus fois a ghabhail cho an-moch. agus aran an neo-churam ithi; oir mar ſin bheir e cadul d'a mhuintir ionmhuin fein.

Feuch. is oighreachd agus tiolaca tha teachd o'n Tighearna, clann agus toradh na bronn.

Mar tha na ſaighde an laimh an fhuamh fhear; direach mar ſin tha chlann og.

Sonadh n' duine aig am bheil a bholg ſaighead lan diu; cha bhi naire orra n uair a labhras iad ri naimhde ann ſa gheata.

Gloir do'n Athair, &c.

Mar bha ann tus, &c.

¶ An ſin their a Miniſteir,

Deanamaid Urnuigh.

A Thighearna dean tròcair oirn.

*A Chriòſd dean trocair oirn.*
A Thighearna dean tròcair oirn.

AR n' Athair, ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*M.* O Thighearna ſabhail a bhean ſo do ſheirbheiſeach;
*F.* Tha cuir a dochais annad.
*M.* Bi thuſa a d' chaiſteal laidir dh' ì,
*F.* O aghaidh a namhad.
*M.* O Thighearna eiſd r' ar n-urnuigh.
*F.* Agus thigeadh ar glaodh do t' ionſuidh.

*Miniſter.*

## Deanamaid Urnuigh.

O Dhe uile chumhachdaich, tha ſinn a toirt buidheachas iriosal dhuit-ſe, gu'n do dheonuich thu a bhean ſo do bhan-oglach a ſhaoradh o mhor chradh agus cunnart a luigh-ſiubhladh: Tha ſinn aig achanuich ort, Athair is mo tròcair, deonuich dh' ì le d' chònadh a beatha a chaithe gu creidmheach, agus gluaſad a reir do thoil ann ſa' bheatha ſo 'ta lathair, agus mar an ceudna gu 'm bi co-pairt aice do ghloir ſhiorruidh ann ſa bheatha ata re teachd, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ A bhean a thig do thoirt buidheachais, feumaidh s' i an tabhartas g nathuichte a thoirt ſeachad; agus ma bhios comanach ann, is coir dhan Comanach naomh a ghabhail.

CO.

# CO-BHAGRADH, no Corruich agus Breithcamhnais Dhe air am foillſeachadh an aghaidh pheacairean, agus urnuighean araid ra 'n gnathuchadh air a' cheud la do 'n Charghas, agus air amanna eile, mar a dh-orduicheas an t' Eaſbuig.

¶ An deigh na h urnuigh Mhaidne, air do 'n Liotan a bhi thairis a reir an doigh ghnathuichte, their a Miniſteir ann aite an leughaidh no ſa' chrannaig.

A Bhraithre, bha gnathachadh diaghaidh ann ſa' phriomh eaglais, ann toiſeach a Charghais, gu 'm bi a Mhuintir a rinn mhor pheaca comhruichte, air an cuir gu aithreachas follaſach; agus air am peanaſachadh ſann t-ſaoghal ſo, chum gu 'm biodh am anama tearuinte ann la an Tighearna; agus air do dhaoine eile bhi air an teagaiſg le 'n eiſempleir ſin, gu 'm biodh tuill' eagail orra roimh pheaca.

Ann àite ſin (gus am bi 'n gnathachadh eaglais ceudna air a thoirt air ais a rithiſt, ni tha ri mhiannachadh gu mòr) chunncas iomchuidh air an àm ſo (ann bhur lathairſe uile) gu'm biodh earruinean cumanta do mhallachd Dhe an aghaidh pheacairean nach dean aithreachas, air an toirt as an t-ſeachdabh caibdeil thar an fhichiod do Dheutoronomi, agus as aitibh eile do 'n Scriobtuir, air an leughadh; agus gu 'm freagradh ſibh-ſe do gach earruin, Amen; a chum air fios f haghail dhuibh ciod i mor dhibh-f heirg Dhe an aghaidh pheacairean, gu 'm bi ſibh ni 's mo air 'ur broſnuchadh gu fior aithreachas durachdach, agus gu 'n gluais ſibh na 's faicillich ann ſna laethibh cunnartach

ach ſo; a' teicheadh o na dubhailcibh tha toilltin mallachd Dhe le h-aidmheil 'ur beoil fein.

MAlluichte gu 'n rabh an duine a ni dealbh ſnaighte no leaghta, chum aoradh dha. Deut. xxvii, 15.

¶ *Agus freagraidh an ſluagh, agus their iad,* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a mhalluicheas Athair agus a mhathair. Rann 16.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a dh' atharruicheas crioch fearain a choimhearſnuich, rann 17.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſean a chuireas an dall air ſeacharan ſan t-ſlighe, rann 18.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſean a chlaonas breitheanas a choigrich, an dilleachdain, agus na bantraich, rann 19,

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a bhuaileas a choimhearſnach gu h-uaigneach, rann 24.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a luidheas le bean a choimhearſnuich. Lebh. xx, 10.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a ghabhas duais air ſon duine neo-chiontach a mharbhadh, Deut. xxvii, 25.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh eiſin a chuireas a dhochas ann duine, agus a ni feoil na gairdean da, agus 'na chridhe ata claonadh air faſbh o 'n Tighearna, Jerm. 2vii, 5.

*F.* Amen.

*M.* Malluichte gu 'n rabh na daoine neo-iochdmhor, luchd ſtriopachais, luchd adhaltrannais, daoine ſanntach, luchd iodhal-aodhraidh, luchd ana-caint, meiſgeirean, agus luchd breith air eigin, Mhat. xxv, 41. 1 Cor. vi, 9, 10.

*F.* Amen.

*Miniſteir.*

*Miniſteir.*

NISE do bhri gu bheil a mhuintir ſin uile malluichte (mar ata 'm faidh Daibhi a deanamh ſia'nuis) tha a' mearachd agus a' dol air ſeacharan o aitheantibh Dhe, (air dhuinne bhi cuimhneachail air a bhreitheanas uabhaſach tha 'n crochadh os ar ceann, agus do ghna ullamh gu tuiteam oirn) pilleamaid a dh' ionſuidh an Tighearna Dia, leis gach uile cho-bhruthadh agus ciuineachd cridhe; a' deanamh caoidh agus bròn air ſon ar beatha pheacach, aig aithneachadh agus aig aidmheil ar ciontaibh, agus aig iarruidh toradh diongalta an aithreachais a thoirt uainn. Oir anios ata 'n tuagh air a cuir gu freamh nan craobh, agus gach craobh nach toir amach deagh thoradh, gearrar ſios i, agus tilgear i s-ann teine. Is ni uabhaſach tuiteam ann lamhan an De bheo; doirtidh é nuas uiſge air na peacairean, ruibeachan, teinne agus pronaſc, ſtoirm agus doinnean; 's è ſo *is* cuibhrin dhoibh ri òl; oir feuch, thainig an Tighearna as ionad comhnuidh a dh' fhioſrachadh aingeachd na muintir ata gabhail comhnuidh air an talamh. Ach co 's urrain la 'a theachd fhulang? Co a's urrain ſeaſamh a nuair a thaiſbeineas è è fein? Tha fhaſgnadh na laimh, agus glanaidh ſè urlar buailaidh, agus tionallaidh è a chruineachd ga ſhabhall, ach loiſgidh è a moll le teine nach feudar a mhuchadh. Thig la 'n Tighearna mar ghaduich s-ann oidhche; agus a nuair a their iad, Sith, agus ata na h-uile ni ſabhailt, an ſin thig ſgrios obann orra, mar thig doilgheas air mnaoi ri ſaothair cloinne, agus cha dh' theid iad as. An ſin foillſichear fearg Dhe ann la an dioghailtais, a rinn peacaich an dana, tre chroſantachd an cridhe, a charnadh ſuas dhoibh fein, dream a rinn dimheas air maitheas, foighidin agus fad fhulangas Dhe, nuair a bha è 'g an ſior ghairm gu h-aithreachas. An ſin glaodhuidh iad orm-ſa (a deir an Tighearna) ach cha 'n eiſd me; iarruidh iad mi gu moch, ach cha 'n fhaigh iad mi; agus ſin do bhri gu 'n d-fhuaithaich iad eolas, agus nach do ghabh iad eagal an Tighearna, ach ghabh iad grain do m'chomhairle, agus rinn iad di-mheas air mo ſmachduchach. An ſin bithidh ſe tuille 's ana-moch bualladh aig an doras nuair a bhios an dorus air a dhunadh; agus tuille is ana-moch a bhi aig eigheach trocair nuair ata am ceartais ann. Och an guth uabhaſach a bhreitheanais ro cheart, a bheirear amach orra, nuair a theirear riu, Imichibh ſibhſe 'ta malluichte dh' ionſuidh an teine ſhiorruidhe, a dh' ullmicheadh do

'n

'n diabhol agus d' a ainglibh. Uime ſin, a bhraithre, thugamaid aire s-ann am, nuair tha la na ſlainte ann, oir thig an oidhche ann 's nach urrain neach air bith obair a dheanamh; ach am fad 's ata 'n ſolus again ne, creideamaid, s-ann t' ſolus, agus gluaiſeamaid mar chloinn an t' ſolus, chum nach tilgear ſinn ann dorchadas iomalach, far am bheil gul agus gioſgan ſhiacla. Na mi ghnathuicheadh-mid maitheas De, tha gu trocaireach 'g ar gairm gu leaſachadh beatha, agus do iochd gun chrich-ſin tha gealla dhuinn maitheanas ann 's na chaidh ſeachad, ma philleas ſinn d' a ionſuidh le cridhe fior agus iomlan. Oir ge do tha ar peacanna dearg mar an Scarlaid, bithidh iad air an deanamh geal mar an ſneachda; agus ge do rabh iad mar churcair, gidheadh deanar iad geal mar oluinn. Pillibh, (a deir ar Tighearna) o bhur n-uile aingeachd, agus cha bhi bhur peaca na ſgrios dhuibh. Tilgibh air falbh uaibh 'ur mi dhiaghachd uile a rinn ſibh, deanuibh cridheachan nuadh, dhuibh fein, c'air ſon a bhaſuicheas ſibh, O thigh Iſrael, do bhri nach 'eil tlachd agam-ſa ann am bàs a neach ſin ata baſuchadh, a deir an Tighearna Dia? Pillibh ma ſeadh, agus bithidh ſibh beo. Ge do pheacaich ſinn, gidheadh tha ſeartagraidh againn maille ris an Athair, Joſa Crioſd am firean, agus is eiſin an iobairt reitich air ſon ar peacaidh. Oir leonadh è air ſon ar cionntaidh-ne, agus bhuaileadh è air ſon ar n-aingeachd. Uime ſin pilleadh-mid d' a ionſuidh-ſe, a ghabhas gu trocaireach ris gach peacair a ni fior aithreachas, air bhi lan dheirbhte dhuinn gu bheil è ullamh a ghabhail ruinne, agus lan toilleach gu mhaitheanas a thoirt dhuinn, mu thig ſinn na ionſuidh le fior aithreachas; mu gheileas ſinn dha, agus gu 'n gluais ſinn 'n a ſhlighibh o ſo ſuas; mu ghabhas ſinn oirn fein a chuing-ſin a tha ſo-ghiulan, agus eallach-ſan ata ea-trom, a chum eſin a leantuin ann iriſleachd, am foighidin, agus ann gradh, agus a bhi air ar ſtiuradh le riaghladh a Spiorad Naoimh ſan; do ghna aig iarruidh a ghloir-ſin, agus a deanamh ſeirbheis dha ann ar ſtaid ſhoaghaltach mar-is cubhaidh le taingealachd. Ma ni ſinn ſo, ſaoraidh Crioſd ſinn o mhallachd an lagha, agus o a mhallachadh ro mhor a thuiteas orra ſan a bhios air an cuir air an laimh chli: agus cuiridh è ſinn air a laimh dheis, agus bheir è dhuinn beannachadh grafail Athar, aig iarruidh oirn ſeilbh a ghabhail d' a rioghachd ghlormhor fein; agus gu 'n deonuicheadh è ar toirt uile d' a h-ionſuidh, air ſon a throcair gun chrich. Amen.

¶ An

¶ An ſin theid iad uile air an gluinibh, agus air bhi do 'n Mhiniſteir agus do na cleirich air an gluinibh (s.ann aite ann cleachd leo an liodan a radh) their iad an t Salm ſo,

*Miſerere mei Deus.* Sal li.

DEAN trocair oirn, O Dhe, a reir do mhor mhaitheas; a reir lionmhoireachd throcaire, duth as mo lochda.

Ionlaid mi gu glan o 'm aingeachd; agus glan mi o 'm pheaca.

Oir tha mi 'g aideacha mo choireana; agus tha mo pheaca a ghna am fhia'nais.

A't aghaidhſe amhain pheacaich mi, agus rinn mi 'n tolc ſo ann a'd ſhealla; chum gu 'm bithe tu air t'fhireanacha ann a'd bhriathra, agus glan 'nuair bheirte breith ort.

Feuch, bha mi air mo chumadh an aingeachd; agus ann am peaca thorriche mo mhathair orm.

Ach feuch, iarruidh tu firinn an leith a ſtigh; agus bheir thu orm gu 'm tuig mi gliocas gu uaigneach.

Glanaidh thu mi le hiſop, agus bithidh mi glan; ni thu m'-ionlaid, agus bithidh mi ni ſgile na ſneachda.

Bheir thu orm gu 'n cluinn mi mu aoibhneas agus aiteas; chum gu 'n dean na cnamhan a bhris thu gairdeachas.

Tionda do ghnuis o'm pheacaibh; agus cuir as m'eacoire gu leir.

Dean dhomh cridhe glan, O Dhia, agus athnuadhaich ſpiorad ceart an taobh a ſtigh dhiom.

Na tilg o' d' lathair mi; agus na toir do Spiorad Naomha uam.

O thoir dhomh ſolas do chobhair aris; agus daingnich mi le d' Spiorad ſaor.

'N ſin teagaiſgeadh mi do ſhlighe do 'n aingidh; agus iompoichear peacaire a'd 'ionnſuidh.

Saor mi o chionta fala, O Dhia, thuſa tha a' d' Dhia ſlainte dhomh; agus ſeinnidh mo theanga air t' fhireantachd:

Foſglaidh thu mo bhile, O Thighearna; agus foillſichidh mo bheul do mholadh.

Oir cha 'n 'eil thu 'g iarruidh iobairt, no bheirinn duit i; cha 'n 'eil thu gabhail tlachd ann an ofraile loiſgte.

Se 'n ſpiorad tuirſeach iobairt Dhia, cridhe briſt agus bruite, cha dean thuſa tar air O Dhia.

O bi fabhorach agus grafmhor do Shion; tog ſuas ballachan Hieruſalem.

'N ſin bithidh tu toilichte le iobairt fhireantachd, le ofraile agus tabhartais loiſgte ; 'n ſin tairgidh iad tairbh oga air t'altair.

Gloir do 'n Athair, &c.
Mar bha an tùs, &c.

A Thighearna dean trocair oirn.
*A Chriosda, dean trocair oirn.*
A Thighearna, dean trocair oirn.

AR n-Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaibh, mar a mhaitheas ſin dhiobhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh finn, ach ſaor ſinn o olc. Amen.

*M.* O Thighearna ſabhail do ſheirbheiſich.
*F.* Tha cuir an dochas ann-ad.
*M.* Cuir comhnadh d' an ionſuidh o neamh.
*F.* Agus dion gu cumhaichdaichd iad gu ſiorruidh.
*M.* Cuidich ſinn, O Dhe ar Slanuiſ hear.
*F.* Agus air ſon gloir t'ainm ſaor ſin ; bi trocaireach dhuinne peacairean, air ſga t'ainm.
*M.* O Thighearna, eiſd r' ar n-urnuigh.
*F.* Agus thigeadh ar glaodh do t'ionnſuidh.

*Miniſteir.*

Deanamaid Urnuigh.

O Thighearna, tha ſinn a' guidhe ort eiſd gu trocaireach r' ar n-urnuigh, agus caomhain an dream ſin uile ata 'g aideachadh am peacaidh dhuit-ſe, chum gu 'm faigh a mhuintir ſin aig am bheil an coguiſean 'g an diteadh le peaca, ſuaſgladh le d' mhaitheanas trocaireach, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

O Dhe ro chumhaichdaich, agus Athair throcaireach, aig am bheil iochd ris na h-uile dhaoine, agus leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, aig nach 'eil tlachd an am bas peacair,

cair, ach leis am b' fhearr gu 'm pilleadh è o pheaca, agus gu 'm biodh è air a ſhabhaladh; maith dhuinne gu trocaireach ar cionntaidh; gabh ruinn, agus thoir ſolas dhuinne, tha muladach agus ſgith le eallach ar peacaidh. 'S è do natar-ſa do ghna bhi trocaireach; dhuit-ſe amhain buinidh maitheanas peacaidh. Air an aobhar ſin caomhain ſinn, a Thighearna mhaith, caomhain do ſhluagh a thaoradh leat; na toiſich a' m breitheanas le d' ſheirbheiſich, tha nan duſlach graineil agus na 'm peacaich thruagh; ach pill do chorruich air falbh uainne, ata gu h-uirioſal aig aideachadh ar grainealachd, agus a deanamh fior aithreachas air ſon ar coirreanna; agus dean deifir d' ar cuideachadh s ann t-ſaoghal ſo, chum gu 'm bi ſin gu brath beo maille riut s ann t-ſaoghal ata ri teachd, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An ſin their an ſluagh na briathra ſo a leanas an deigh a Mhiniſteir.

PILL ſinn, O Thighearna mhaith, agus mar ſin bithidh ſinn air ar pilleadh. Bi fabharach, O Thighearna, bi fabharach do d'ſhluagh fein, tha pilltin do t-ionnſuidh le gul, le traſg, agus le urnuigh. Oir is Dia trocaireach thuſa, lan do thruacantachd, fad-fhulangach, agus ro iochd-mhor. Tha thu 'g ar caomhnadh nuair tha ſinn a' toilltin peanais, agus ann a' t-fheirg tha thu ſmuainteach air trocair. Caomhain do phobul fein, a Thighearna mhaith, coigil iad, agus na tigeadh t-oighreachd gu maſladh. Eiſd ruinn, O Thighearna, oir is mor t-iochd, agus a reir lionmhoireachd do throcairean amhairc oirne trid toillteanas agus eidir-ghuidhe do Mhic bheannuichte Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

GU 'm beannuicheadh, agus gu 'n gleidheadh an Tighearna ſinn; gu 'n togadh an Tighearna ſolus a ghnuis ſuas' oirn, agus gu 'n tugadh è dhuinn ſith nis agus gu ſiorruidh. Amen.

SAILM

# SAILM DHAIBHI

## *AIR AM PONCADH,*

MAR THA IAD RA 'N SEINN NO RA 'N LABHAIRT ANN AN EAGLAISIBH.

### URNUIGH MHAIDNE.

#### Cheud Latha.

Salm i. *Beatus vir, qui non abiit.*

'SBEANNUICHTE an duine nach do gluais an comhairle na 'n aindiadhaidh, 'fnach do fheas an flighe pheacaire; agus nach do fhuidh an cathair luchd fochaid;

2 Ach tha a thlachd an lagh 'n Tighearna; agus ann a lagh ni e e fein a chleachda a la 's dhoiche.

3 Agus bithidh e cofmhuil ri craoibh fuichte ri taobh a h-uifge; bheir amach toradh na h-am.

4 Cha fearg a dhuileach mar an ceudna; agus beachduich ciod fam bith a ni e foirbhichidh leis.

5 Air fon na haindiadhaidh, cha 'n 'eil e mar fin aca; ach tha iad mar mholl a fgapas a ghaoth bhar aghaidh na talmhain,

6 Uime fin cha 'n urra na h'aindiadhaidh feafamh ann am breitheanas; no idir na peacaire ann an co-thional nam fireana.

7 Ach 's aithne do 'n Tighearn flighe nam fireana; agus theid flighe ná' n aindiadhaidh a leir fgrios.

Salm

Salm ii. *Quare fremuerunt gentes ?*

CIA air ſon tha boile co buaireaſach air na cinnich le cheile ; agus c'arſon tha 'n ſluagh a ſmuaineach ni diamhain.

2 Tha righre na talmhain a ſeaſamh ſuas, agus na huachdrain cuir comhairle ri cheile ; 'naghaidh 'n Tighearna, agus an aghaidh ungaichte.

3 Briſeamaid am boinn na 'm bloide ; agus tilgeamaid an cuibhrichean uain.

4 Ni 'n ti tha chomhnuidh ar Neamha, gàire fanoid riu ; bithidh iad na 'm cuis mhagaidh do'n Tighearna.

5 'N ſin labhraidh e riu na fheirg ; agus ni e 'n cradh na throm chorruigh.

6 Gidheadh ſhuidhich mi mo righ ; air mo thulaich naomha Sion.

7 Searmoinichidh mi 'n lagh man do labhair an Tighearna rium ; 's tu mo Mhac, 'n diu ghin mi thu.

8 Iarr ormſa, agus bheir mi na cinnich mar oighreachd dhuit ; agus iomal-chriocha an Domhain mar ſheilbh.

9 Breuthaidh tu iad le ſlat iaruin ; agus ni thu 'm briſeadh nam bloide mar ſhoitheach cria-fheir.

10 Bithibh glic anois uime ſin, a ſibhſe righre ; bithibh foghlumte, ſibhſe tha na 'r breitheanna air thalamh.

11 Deanadh ſeirbheis do 'n Tighearn ann 'an eagal ; agus deanabh gairdeachas dha le hurram.

12 Pogaibh am Mac, 'n teagul gu 'm bi corruigh air, agus gun ſgrioſar ſibh o'n tſlighe cheart ; ma laſas fhearg (ſeadh, ach beag,) 'ſbeannuichte iad uille a chuireas an dochas ann.

Salm iii. *Domine, quid multiplicati ?*

TIGHEARNA, cia mar tha 'n drong tha cuir trioblaid orm a dol a mead ; 'ſlionar iad tha 'g eiridh am aghaidh.

2 'Slionar aon tha 'g radh mu m' anam ; cha 'n 'eil cobhair air a ſhon ann an Dia.

3 Ach 's tuſa, O Thighearn, m' fhear dionaidh ; 'ſtu mo ghloir, agus fear togalach mo chinn.

4 Ghair mi air an Tighearna le m' ghuth ; agus chual e mi as a thalaich naomha.

5 Luidh

5 Luidh mi ſios agus choidil mi, agus dh'eirich mi ſuas a-ris; oir chum an Tighearna ſuas mi.

6 Cha bhi eagal orm roimh dheich mile fluaidh; a ſhuidhich iad fein m'an cuairt am aghaidh.

7 Eirich ſuas, a Thighearn, agus cuidich leam, O mo Dhia; oir buailidh tu mo naimhde air çnaimh an cial; bhris thu fiacla na n' aindiadhaidh.

8 Buinidh ſlainte do 'n Tighearna; agus tha do bheannucha air do ſhlugh.

Salm iv. *Cum invocarem.*

CLUINN mi 'nuair a ghairmeas mi, O Dhia m' fhireantachd; dh-fhuaſgail tu mi 'nuair a bha mi 'n trioblaid; dean trocair orm, agus eiſd ri m' urnuidh.

2 O ſibhſe chlann nan daoine, cia fad bheir ſibh blaſbheum do m' onair, agus tha leithid a thlachd agaibh an diamhanas, agus a 'g iarruidh 'a deigh bhreugan?

3 Bitheadh ſios agaibh fós air a ſo, gun a roghnuich Dia dha fein 'n duine diadhaidh; 'nuair a ghairmeas mi air an Tighearna, cluinnidh e mi.

4 Seaſuidh ann an eagul, agus na deanaibh peaca; deanabh cainnt ri 'ur cridhe, agus ann 'ur ſeomar, agus bithibh ſamhach.

5 Tairgibh iobairt fhireantachd; agus cuiribh ur dochas ann ſan Tighearna.

6 Tha moran aig radh, co a nochdas duinn maith air bith.

7 Thighearna tog thuſa ſuas; ſolus do ghnuiſe oirne.

8 Chuir thu aibhneas ann am' chridhe o'n uair a tha 'n coirce, am fion, agus an ola a meudacha.

9 Luidhidh mi ſios ann an ſith, agus gabham fois; oir 's tuſa amhain, a Thighearna, bheir orm comhnuidh ann an tearuntachd.

Salm v. *Verba mea, auribus.*

THOIR fanear mo bhriathra, O Thighearna, agus beachduich air mo ſmuain.

2 O eiſd thuſa ri guth mo ghlaoidh; mo righ, agus mo Dhia; oir ſan ruit a ni mi m' urnidh.

3 Cluinnidh tu mo ghuth gu trathail, O Thighearn; gu moch

ſa

ſa mhadin dearcam m' urnuigh a t' ionnſuidh, agus beachduichidh mi ſuas

4 Oir 's tuſa 'n Dia aig nach 'eil tlachd an aingeachd ; ni mo a chomhnuicheas olc air bith a'd' fhochair.

5 Cha ſeas a mhuintir amaideach ann a' d' ſhealla ; oir 's fuathach iadſan uile a dh' oibricheas diamhanas.

6 Sgrioſaidh tu iadſan a labhras breugan ; 's gràin leis an Tighearn an iot-fhuileach agus cealgach.

7 Ach air mo ſhonſa, thig mi dh' ionnſuidh do thighe, eadhoin air lionmhoireachd do throcair ; agus ann a t' eagal ni mi aodhra 's maire ri d' theampul naomha.

8 Treoraich mi Thighearn, ann a' d' t'fhireantachd, air ſon mo naimhde ; dean do ſhlighe reidh roimh m' aghaidh.

9 Oir cha 'n 'eil fireantachd na bheul ; oir 's ſior aingeachd an taobh a ſtigh dhiu.

10 'S uaigh fhoſgailte an ſgornach : ni iad miodal le 'n teangaidh.

11 Dean thuſa 'n ſgrios O Thighearn, leir-ſgrioſadh iad tre n' as-innleachda fein ; tilg amach iad ann an lionmhorachd an ain-diadhiachd, oir rinn iad ar-amach a' t aghaidh.

12 Deanabh iadſa uile gairdeachas a tha cuir n' dochais anad ; bithidh iad a toirt buidheachais a ghna, chion gu 'n do dhion thu iad ; bithidh iadſa leis an ionmhuin t'ainm aoibhneach anad.

13 Oir bheir thuſa, a Thighearn, do bheannucha do 'n fhirean ; agus le d' chaoimhneas fabharach ni thu dhionadh mar le ſge.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm vi. *Domine, ne in furore.*

O THIGHEARNA, na cronuich mi ann a' d'fheirg, ni mo ſmachduicheas tu mi ann a' d' dhiuma.

2 O Thighearna, dean trocair oirm, oir tha mi lag ; O Thighearna, ſlanuich mi oir tha mo chnamhan air an cradh.

3 Tha m' anam fòs fo thrioblaid gheur ; ach, a Thighearna, cia ſhad a ni thu peanas orm ?

4 Pill, O Thighearna, agus ſaor m' anam ; O teaſairg mi air ſgà do throcair.

5 Oir

5 Oir ann ſa bhas cha chuimhnich duine ortſa; agus co bheir buidheachas duit ann ſan t' ſlochd.

6 Tha mi ſgi do m' oſnaich, tha mi ag ionlad mo leaba gach oiche; agus a 'g uiſgeacha m' uridh, lem dheoir.

7 Tha mho mhaiſe air teireachduin le fior thrioblaid; agus air caithe air falbh air ſon m' uile naimhde.

8 Imichibh uam, ſibhſe uile ta 'g oibreacha diomhanais: oir chual an Tighearna guth mo chaoine.

9 Chual an Tighearna m' iarrtas; gabhaidh 'n Tighearna ri m' urnuidh.

10 Bidh mo naimhde uile air an claoidh, agus air an cradh gu geur; bithidh iad air am pillidh air ais, agus air an cuir gu grad naire.

## Salm vii. *Domine, Deus meus.*

O THIGHEARNA mo Dhia, anad chuir mi mo dhochas; teaſairg mi uathſan tha geur leanmhuin orm, agus ſaor mi.

2 'N teagal gu 'n fluig e m' anam mar leomhan, agus gu 'n reub ſe e na bhloideam feadh nach 'eil aon ann gu cobhair.

3 O Thighearna mo Dhia, ma rinn mi a leithid do ni: no ma tha aingeachd ſam bith ann am lamha.

4 Ma dh'ioc mi olc dhaſan a bhuinn gu cairdeil rium; ſeadh, ſhaoir mi a neach tha gun aobhar air bith na namhad dhomh.

5 'N ſin dian leanadh mo namhad m' anam, agus glaca e mi, ſeadh, ſaltradh e mo bheatha ſios gu talamh, agus leagadh e m' onoir ſan dus.

6 Seas ſuas, O Thighearna, ann a' d' chorruich, agus tog ſuas thu fein, air ſon corruich mo naimhde; eirich ſuas air mo ſhon ann ſa bhreith a dh'aithn thu fein.

7 Agus mar ſin thig tional an t' ſluaigh ma 'n cuirt duit; air an ſgaſa uime ſin tog ſuas thu fein aris.

8 Bheir an Tighearna breith air an t' ſluagh; thoir binne dhomhſa, O Thighearn; a reir m'ionracas, agus a reir a neo-chiontais tha ann am.

9 O thigeadh aingeachd an ain-diadhaidh gu crich; ach ſtiuir thuſa an t'ionracan.

10 Oir dearbhaidh 'n Dia co'thromach; ma fior chrichean agus na hairnean.

11 Thig mo chobhair O Dhia: 'n ti choimhdeas iadſa 'gam bheil cridhe ceart.

12 Is

12 Is breatheamh co'thrumach Dia, laidir agus foidhidneach; agus tha Dia air a bhrosnacha gach la.

13 Mur pill duine, liomhaidh e chlaidhe: lub e a bhodha, agus rinn e deas e.

14 Dhumhluich e dha fein inneala bais; shonruigh e shaidhde 'naghaidh luchd geur-leanmhuin.

15 Feuch, tha e saoithreacha le h'olc; thorruiche e le bron, agus rug e aindiagheachd.

16 Threachail agus chladhaich e suas slochd; agus tha e sein air tuiteam san doruin a rinn e air son chaich.

17 Oir thig a shaothair air a cheann fein; agus tuitidh aingeachd air a chlaigin sein.

18 Bheir mise buidheachas do'n Tighearn, a reir fhireantachd; agus bheir mi mola do dh' ainm an Tighearna as ro airde.

## Salm viii. *Domine, Dominus noster.*

O Thighearna ar 'n uachdran, cia oirdhearc t' ainm ann san t' saoghal uile; thusa a shuidhich do ghloir os cionn na neamha!

2 A beul fior naoidheana agus chiochran, dhorduigh thu neart airson do naimhde, chum gu'n cuireadh tu naimhde agus an dioghaltach na 'n tost.

3 Oir bheir mise fanear do neamha, eadhon oibre do mheoir; a ghealach agus na reulta a rinn thu orducahadh.

4 Ciod e 'n duine, gu'm bheil thu cuimhnicheil air; agus mac an duine gu m' fiosraicheadh tu e.

5 Rinn thu e na 's isle na na haingil; g'a chrunadh le gloir agus onoir.

6 Tha thu g'a dheanamh gu uachdranachd bhi aige air oibre do lamha; agus chuir thu na h-uile nithe ann an iochdranachd fo chasan.

7 Uile chaoirich agus dhaimh; seadh, agus ainmidhean na machrach;

8 Eunlaithe nan speur agus iasg a chuan; agus ciod sam bith a ghluaiseas tre shlighe a chuan.

9 O Thighearna ar 'n uachdran, cia oirdhearc t' ainm ann san t' saogal uile!

## URNUIGH MAIDNE.

Salm ix, *Confitebor tibi.*

BHEIR mi buidheachas dhuit, O Thighearna, le m' uile chridhe; labhraidh mi air t' oibre miorbhuileach gu leir:
2 Bithidh mi ait agus ni mi gairdeachas annad; ſeadh, air t' ainm ni mi m' òran, O thuſa as ro airde.
3 'M feadh tha mo naimhde air an iomain air ais; tuitidh agus ſgrioſar iad a'd' lathair.
4 Oir ſheas thu mo choir, agus mo chuis; tha thu air do ſhuidheacha ſan ri-chathir a bheir breith cheart.
5 Chronuich thu na cinnich, agus ſgrios thu na h'aindiadhaidh; chuir thu mach an ainm gu ſaoghal nan ſaoghal.
6 O thus a namhaid, thainig dorainne gu crich bhith bhuan; eadhon mar na bailte a rinn thu ſgrios; tha 'n cuimhneachan air a leir-ſgrios maille riu.
7 Ach mairidh an Tighearna gu ſiorruidh; dhumhluich e fos a chathair airſon breitheanais.
8 Oir bheir e breith air an t' ſaoghal am fireantachd; agus frithealaidh e fior bhreitheanas do 'n t-ſluagh.
9 Bithidh 'n Tighearna fos na dhidean do'n mhuintir ata air am foireigne; eadhon na thearmunn ann am trioblaid.
10 Agus cuiridh iadſa, aig am bheil eolas air tainm, an dochas annad; oir a Thighearna, cha do dhearmaid thu riamh orraſan a dhiarr thu.
11 O molaibh 'n Tighearn, tha chomhnuidh ann an Sion; nochdaidh do 'n tſluagh a dheanadas.
12 Oir an nuair a ni e rannſucha air fuil, cuimhnichidh e iad: agus cha dearmaid e gearan nam bochd.
13 Dean trocair orm, O Thighearna; beachduich an trioblaid tha me fulang uathaſan, aig am bheil fuath dhomh, thuſa a thogas ſuas mi o gheataibh a' bhais.
14 Chum gu nochd mi do mholadhſa gu leir an taobh a ſteach do gheataidh nighean Shion; ni mi gairdeachas an ad ſhlainte.
15 Tha na cinnich air dol fudha ſios ann ſan t' ſlochd a rinn iad; ann ſa cheart lion a dh'f holuich iad os n' ioſal, tha 'n casan an ſas.
16 Tha ſios gu 'n cuir an Tighearna 'n gniomh breitheanas; tha 'n taindiadhidh air a ribeadh ann an obair a lamha fein.

17 Pillear

17 Tilgear an taingidh a dh' ifrinn; agus gach uile ſhluagh a dhi-chuimhneacheas Dia.

18 Cha bhi 'm bochd an comhnuidh air a dhearmad; 's cha teid comhnuidh fhoidneach a neach ata ciuin a mhille gu ſiorruidh.

19 Eirich a Thighearn, 'sna bitheadh an lamh an uachdar aig duine; thuga breith air na cinnich ann a' d' ſhealla.

20 Cuir eagal orra, O Thighearn, chum gu 'n aithnich na cinnich nach 'eil iad fein ach na daoine.

## Salm x. *Ut quid Domine?*

C'ARSON tha thu ſeaſamh co fhad as, O Thighearn, agus a folach do ghnuis an am feumail na trioblaid.

2 Airſon an-mhiann fein tha n' taindiadhaidh geur-leanmhuin nam bochd; bitheadh iad air an glaca ſan innleachd ſheolta a dhealbh iad fein.

3 Oir rinn an taindiadhaidh uaill a miann a chridhe fein; agus labhraidh e gu maith umpaſa tha ſanntach muintir is grain le Dia.

4 Tha 'n taindiadhaidh co dairbh, 's nach 'eil urram aige do Dia; ni mo tha Dia na uile ſmuainte.

5 Tha ſhlighibh an çomhnuidh doileaſach; tha do bhreitheanais fada ſuas as a ſhealla, agus uime ſin tha e toirt dubhlann a naimhde gu leir.

6 Oir thuirt e na chridhe, hu! cha tilgear ſios mi chaoidh; 's cha 'n eirich dochan dhomh.

7 Tha bheul lan do mhallucha, do cheilg, agus do dh' fheall; fo theangaidh tha ain-diadhachd agus diamhanas.

8 Tha e luidhe os-nioſal ann an oiſine mearlaidh nan ſraidean; agus tha e gu diamhair ann a uaghe oſ-nioſal a murta a neochiontaich, tha ſhuile ſuichte an aghaidh nam bochd.

9 Oir tha e luidhe am feithe gu huaigneach, eadhon mar leomhan tha e luidhe ann a uaghe; chum gu'n eignich e 'mbochd.

10 Tha e 'g eigneach nam bochd; 'nuair a gheibh e iad na lion.

11 Tuitidh e ſios agus iſlichich e e fein; chum gu 'n tuit coi'thional nam bochd ann lamha a cheannardan.

12 Thuirt e na chridhe, hu! dhichuimhnich Dia; dh'fholuich e air falbh aghaidh, agus cha 'n fhaic e chaoidh e.

13 Eirich, O Thighearna Dhia, agus tog ſuas do lamh; na dearmaid am bochd.

14 C'arſon a bheireadh an taingidh toibheum do Dhia; 'm

feadh a deir e na chridhe, hu ! Dhia, cha 'n 'eil curam agad dheth.

15 'S cinnteach gu 'm fac thu e : oir chi thu ain-diadheachd agus do-choir.

16 Chum gu 'n gabh thu chuis ann a'd' laimh ; bheir am bochd e fein thairis duit, oir 's tu fear cuidich an neach gu 'n charaid.

17 Bris thuſa cumhachd an ain-diadhaidh agus a mhi-runaich ; thoir air falbh ain-diadheachdſa, agus cha 'n fhaith thu haon.

18 'S e 'n Tighearn is Righ gu ſaoghal nan ſaoghal ; agus tha na cinnich air an leir-ſgrios as an tir.

19 Thighearna, chual thu iarrtas nan bochd ; tha thu g' ullacha an cridhe, agus eiſdidh do chluas ris.

20 A chuideacha an dileachdain agus nan truaghan gu 'n choir; chum 's nach bi duine an talmhain ni ſmo air arducha nan aghaidh.

## Salm xi. *In Domino confido.*

ANN ſan Tighearn tha mi cuir mo dhochais ; cia mar their ſibh ma ſeadh ri m' anam, gum bu choir dhi teiche mar eun chum an t' ſleibh ?

2 Oir feuch, tha n' tain-diadhaidh a luba am bodha, agus a gleuſa an ſaighde 'n taobh a ſteach do 'n bhalg ; chum gu 'n tilg iad os-nioſal orraſan aig am bheil cridhe fior.

3 Oir bithidh na bunaite air an tilge fios ; agus ciod a rinn am firean ?

4 Tha 'n Tighearn na theampull naomha ; tha righ-chathair an Tighearn air neamh.

5 Tha ſhuile a beachducha air a bhochd ; agus feuchaidh a roſga clann nan daoine.

6 Is taitneach do 'n Tighearn am firean ; ach s' fuathach le anam an tain-diadhaidh, agus an neach tha gabhail tlachd an aingeachd.

7 Air an ain-diadhaidh doirtidh e, paintere, teine agus pronaſc, ſtoirm agus doinean ; 's e ſo an cuibhrinn ra ol.

8 Oir 's ionmhuin leis an Tighearn cho'thromoch an fhireantachd ; agus beachdaichidh a ghnuis an ni 'ta ceart.

URNUIGH

## URNUIGH FEASGAIR.

### Salm xii. *Salvum me fac.*

GUIDICH mi, Thighearna, oir cha d' fhaga aon duine diadhaidh; oir tha na firinich air teireachduin a meafg clann nan daoine.

2 Tha iad a labhairt diamhanas gach aon r'a choimhearfnach; cha 'n 'eil iad ach ri miodal le 'n bilibh, agus cealgach na n' cridhe dubailt.

3 Spionaidh 'n Tighearn amach uile bhilibh na ceilg; agus an teangadh labhras nithe uaibhreach

4 A thuirt, le 'r teanga' bheir finn buaidh; 'finne a mhuintir bu chor a radh, co 's Tighearn thairis oirn?

5 'Noife airfon trioblaid neo-fholafach an fheumaich; agus air fga ofnaich dhomhain nam bochd;

6 Eiridh mi fuas, arfa 'n Tighearn; agus ni mi cobhair air gach aon o neach tha 'g ata na aghaidh, agus bheir mi fois dha.

7 'S briathra fior-ghlan briathra an Tighearn; eadhon mar an t or, tha air a dhearbha an talamh, agus air a ghlanadh feachd uaire ann an teine.

8 Coimhididh tu iad, O Thighearn; gleidhidh tu e on line fo gu fioruidh.

9 Tha 'n taingidh gluafachd air gach taobh; nuair tha iad air an arducha tha clann nan daoine air an cuir gu achmhafan.

### Salm xiii. *Ufque quo Domine?*

CIA fad a dhi-chuinicheas tu mi, O Thighearn, 'n ann gu fiorruidh; cia fhad a dh' fholaicheas tu do ghnuais uam?

2 Cia fhad a dhiarrais mi comhairl am anam, agus a bhitheas mi craiteach le imcheift am chridhe; cia fhad a bheir mo naimhde buaidh thairis orm?

3 Thoir fainear agus cluinn mi O Thighearna mo Dhia; foillfich mo fhuile chum nach caidil mi ann fa bhas:

4 'N teagal gu 'n abair mo namhaid, bhuadhaich mi na aghaidh; oir ma thilgear fios mi, ni iadfan tha cuir trioblaid orm gairdeachas ris.

5 Ach tha mo dhochas ann a'd' throcair; agus tha mo chridhe aobhneach ann a'd' fhlainte

6 Seinnidh me mu 'n Tighearna chean gun do bhuin e cho

gradhach

gradhach rium; ſeadh, molaidh mi ainm an Tighearna s' ro airde.

### Salm xiv *Dixit iuſipiens.*

THUIRT an t'amadan na chridhe; cha 'n 'eil Dia ann.
2 Tha iad truaillidh, agus air fas uamhara na n' oibre; cha 'n 'eil a haon a deanamh maith, cha 'n 'eil a haon.
3 Dh' amhairc an Tighearn ſios o neamha air chloinn nan daoine: dh fhaicin 'n raibh neach air bith a thuige, 'ſa dhiarradh an deidh Dhia.
4 Ach tha iad uile air dol as an t'ſlighe, tha iad gu leir air fas uamhara; cha 'n 'eil a haon a ni maith, cha 'n 'eil a haon.
5 'S uaigh fhoſgailte an ſgornach; mheall iad le 'n teanga; tha nimh na nathraichin fo 'm bilibh.
6 Tha 'm beul lan do mhallucha agus do ſhearbhachd; tha 'n caſan luath gu fuil a dhorta.
7 Tha doghrain agus mi-ſhonas na 'n ſlighe, 's cha n aithne dhoibh ſlighe na ſith; cha 'n 'eil eagal De roimh an ſuile.
8 Nach 'eil eolas aca, gu 'm bheil iad uile na 'n leithide ſin do luchd deanamh 'n uilc; ag ithe ſuas mo ſhluaidh mar gu 'm b' aran iad, agus gun ghairm air an Tighearn?
9 'N ſin thugadh ann an eagal mor iad, eadhon far nach robh eagal: oir tha Dia ann an ginealach an fhirean.
10 Air 'urſonſa, rinn ſibh maga air comhairle 'n duine bhochd; cheann gu 'm bheil e cuir a dhochais ann ſan Tighearna.
11 Co bheir ſlainte do Iſrael a Sion? 'nuair a thiondas an Tighearn air ais bruid a ſhluaidh, 'n ſin ni Iacob gairdeachas, agus bithidh Iſrael ait.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha iii.

### Salm xv. *Domine, quis habitabit?*

THighearna, co ni comhnuidh ann a'd' phallein; na co ghabhas tamh air do thulaich naomha?
2 Eadhon a neach a chaitheas a beatha gu neo-thruaillidh; agus a ni an ni tha ceart, agus a labhras an fhirinn o chridhe.

3 A neach nach do chleachd ceilg na theangaidh, 's nach d' rinn olc d'a choimhearſnach; agus nach tug toibheum do choimhearſnach.

4 A neach nach dealbh leis fein, ach tha ioſal na ſhuil fein; agus aig am bheil meas orraſan air am bheil eagal an Tighearn.

5 A neach a mhionaicheas do choimhearſnach, agus nach meall air; ge'd' chuireadh e e fein a dhe-laimh.

6 A neach nach tug ſeachad airgid air ocar; 's nach do ghabh duais an aghaidh an neo-chiontaich.

7 Co air bith a ni na nithe ſin; cha tuit e chaoidh.

## Salm xvi. *Conſerva me, Domine.*

COimhid miſe, O Dhe; oir anad chuir mi mo dhochas.

2 Thuirt thu ris an Tighearn, o m' anam: 's tu mo Dhia, tha mo mhaoin mar neo-ni dhuitſe.

3 Tha mo thlachd uile ann ſna naoimh tha air thalamh; agus a mheud ſa bheir barachd an ſubhailc.

4 Ach a mhuintir a ruidheas an deidh De eile; bithidh aca trioblaid mhor.

5 'N tabhartais dhithe do fhuil cha tairg miſe; ni mo ni mi luaidh air an ainme am bhilibh.

6 Se 'n Tighearna fein cuibhrinn m' oighreachd, agus mo chupain; ſeaſaidh tu mo chrannachar.

7 Tha 'n crannachar air tuiteam dhomhſa am fonn maiſeach; ſeadh tha oighreachd bhreagh agam.

8 Bheir mi taing do 'n Tighearna airſon rabha thoirt domh; tha m' airne g'am ſmachducha 'n am na hoiche mar 'n ceudna.

9 Chuir mi Dia a ghna romham; oir tha e air mo laimh dheas, uime ſin cha tuit mi.

10 Uime ſin bha mo chridh ait, agus rinn mo ghloir gairdeachas; ni m' fheoil mar an ceudna tamh an dochas.

11 Oir ciod uime? cha 'n fhag thu m' anam an ifrinn; ni mo cheaduicheas tu do d' aon naomh truailleachd fhaicin.

12 Nochdaidh tu dhomh ſlighe na beatha, an a' d' lathair tha iomlaine aoibhneis; agus aig do laimh dheas tha ſolas a chaoidh.

## Salm xvii. *Exaudi, Domine.*

CLUINN a choir, O Thighearn, thoir fanear mo ghearain; agus eiſd ri m' urnuidh, nach 'eil dol a mach a bilibh fealltach.

2 Thige

2 Thige mo bhreith amach o t' f hianais; agus amhairce do ſhuile air a ni tha co-thromach.

3 Dhearbh agus dh' f hioſruich thu mo chridhe, 'nam na h-oiche; dh' f heuch thu mi, agus cha 'n f haith thu aingeachd ann am; oir tha mi cuir romham gu tur nach toir mo bheul oilbheum.

4 Airſon oibre dhaoine th'air an deanamh an aghaidh briathra do bhilibh; ghleidh mi mi fein o ſhlighe a mhiltf hear.

5 O cum thuſa ſuas mo ghluaſachd ann a'd' cheumna; chum nach ſleamhnuich mo chas-cheuma.

6 Ghair mi ort, O Dhia, oir cluinnidh tu mi; crom do chluas rium, agus eiſd ri m' bhriathra.

7 Nochd do chaoineas gradhach iongantach, thuſa is ſlanuidhear dhoibhſe a chuireas an earbſa annad; O mheud ſa chuireas an aghaidh do laimh dheas.

8 Gleidh miſe mar chloich ſul; foluich mi fo dhubhar do ſgiatha.

9 O'n ain-diadhaidh tha cuir trioblaid orm; tha mo naimhde 'g iatha ma 'n cuairt domh, a thoirt air falbh m' anama.

10 Tha iad druidte ſteach nan ſaill fein; agus tha 'm beul a labhairt nithe uaibhreach.

11 Tha iad a feall-f heithe ann ar ſlighe air na huile taobh; a tionda 'n ſuile ſios ris an talamh.

12 Coſmhuil ri leomhan tha gionach gu chobhartaich; agus mar gu 'm be cuilein leomhain crubadh ann an ionadaibh diamhair.

13 Eirich, a Thighearn, dean a mheala, agus tilg ſios e; ſaor m' anam o'n ain-diadhaidh, tha mar do chlaidhe ſa.

14 O dhaoine do laimhe, O Thighearn, O na daoine, tha mi 'g radh, agus on droch ſhaoghal; aig am bheil an cuibhrinn ſa bheatha ſo, muintir tha thu lionadh am bronn le d' ionmhas foluichte.

15 Tha clann aca a reir a miann, agus tha iad ag fagail fuidheal a maoin d a 'n leanbaibh.

16 Ach air mo ſhonſa, beachdaich mi air do lathaireachd ann am fireanteachd; agus 'n uair mhoſglas mi ſuas 'n deidh do choſlais, bithidh mi rearuichte leis.

URNUIGH

## URNUIDH FEASGAIR.

Salm xviii. *Diligam te, Domine.*

GRadhuichidh mi thu O Thighearna mo neart, ſe 'n Tighearna mo chairaig chloiche, agus mo dhaingneach; mo Shlanuiſhear, mo Dhia agus mo threiſe, ann ſan cuiream mi mo dhochas, mo thairgid, adhairc mo ſhlainte fos, agus mo thearmunn,

2 Gairidh mi air an Tighearn 'n ti is fiu moladh fhaotain; mar ſin bithi mi tearuinte o'm naimhde.

3 Dhiath broinn a bhais um am; agus chuir na hain-diadhaichd eagal orm.

4 Thainig pianta Ifrion ma 'n cuairt domh; agus rug eang aich e bhais orm.

5 Ann mo thrioblaid gairidh mi air an Tighearna; agus ni mi gearan ri m' Dhia.

6 Mar ſin cluinnidh e mo ghuth as a theampul naomha, agus thig mo ghearan na lathair, theid e eadhoin a ſteach na chluaſa.

7 Chriothnaich agus chrith an talamh; chra fior bhunaite na 'n cnoc fos, agus dh' athruicheadh iad, cheann gu 'n rabh fearg air.

8 Chaidh deatach amach na lathair; agus teine claoiteach as a bheul, ionnas gun laſadh eibhle leis.

9 Lub e na neamha fos, agus thainig e ſios; agus bha e dorcha fo chaſa.

10 Mharcaich e air no Ceriobe, agus rinn e itealaich; thainig e 'g itealaich, air ſgiatha na gaoithe.

11 Rinn e ionad diamhair do 'n dorchadas; a phailluin ma 'n cuairt d'a le uiſge dorcha, agus neoil thiugh ga choducha.

12 Aig dealradh a laith'reachd dhathruiche a neoil; clacha-meallain, agus eibhle teine.

13 Chuir 'n Tighearna mar 'n ceudna amach a neamha, agus thug 'n ti 's airde uaithe a thairneanach; clacha-meallana agus eibhle teine.

14 Chuir e mach a ſhaighde, agus ſgaoil e iad; thilg e mach dealanach, agus ſgrioſadh iad.

15 Chunncas na fruthain uiſge; agus bha bunaite an domhain air an leaga ris le d' achdmhaſan, O Thighearna le ſeide anail do dhiumadh,

16 Cuiridh e nuas o' ionad arda gu miſe ghabhail ; agus bheir e mi mach a uiſge lionmhar.

17 Saoraidh e mi o'm namhad is treiſe, agus uathaſa tha toirt fuath dhomh ; oir tha iad ro threin air mo ſhon.

18 Chuir iad romham ann an la mo-thrioblaid ; ach be 'n Tighearn b' fhear cumail ſuas domh.

19 Thug e mach mi fos gu aite fuaſgailt, thug e mach mi, eadhoin a cheann gu 'n robh deadh-ghean aige dhomh.

20 Bheir an Tighearna duais dhomh areir mo dheanadas chothromach ; areir glainid mo lamh bheir e dioladh dhomh.

21 Cheann gun ghleidh mi ſlighibh an Tighearna ; agus nach do threig mi mo Dhia, mar a ni 'n taingidh.

22 Oir tha ſuil agam r'a reachda gu leir ; agus cha tilg mi uam aitheanta.

23 Bha mi fos neo-thruaillidh na fhianuis ; agus dh'fhuathaich mi m' aingeachd fein.

24 Uime ſin bheir an Tighearna duais domh areir mo dheanadas cothrumach ; agus areir glaine mo lamh an ſealla a ſhul.

25 Ris an neach tha naomha bithidh tu naomha ; agus ris 'n duine fhoirfe bithidh tu foirfe.

26 Ris an neach tha glan, bithidh tu glan ; agus ris a neach tha daoirbh, foghlumidh tu bhi daoirbh.

27 Oir ſabhalaidh tu 'n ſluagh tha 'n teinn ; agus bheir thu ſios ſealla an uaibhrich.

28 Laſaidh tu mo choinneal ; agus bheir an Tighearna mo Dhia mo dhorchadas gu ſoillſe.

29 Oir annad cuiream bun oſcionn armailte dhaoine ; agus le cuideacha mo Dhia bheir mi mo leum thar a bhalla.

30 'Slighe neo-thruaillidh ſlighe Dhe ; tha guth an Tigharna fos air a dhearbha ann ſan teine ; ſe 's fear dionaidh dhoibhſin uile a dhearbas ris.

31 Oir co is Dia ach an Tighearna ; no co aig am bheil neart ſam bith, ach ar Dia ?

32 Se Dia a chrioſras mi le neart cogaidh ; agus a ni mo ſhlighe foirfe.

33 Ni e mo chaſan mar chaſan feidh ; agus cuiridh e mi ſuas gu h'arda.

34 Teagaiſgidh e mo lamhan gu cath ; agus briſidh mo ghairdeaine eadhon bodha ſtailin.

35 Thug thu dhomh dionadh do ſhlainte ; cumaidh do lamh dheas fos ſuas mi ; agus ni t'achdmhaſan gradhach miſe mor.

36 Ni thu rum gu leoir fo'm gu imeachd ; chum nach ſleamhnuich mo chas cheuma.

37 Leanaidh mi mo naimhde, agus glacaidh mi iad ; ni mo philleas mi air ais, gus an ſgrios mi iad.

38 Buailidh mi iad, gus nach urra iad ſeaſamh ; ach tuiteam fo 'm chaſan.

39 Chrioſlaich thu mi le neart chum a chatha ; tilgidh tu ſios mo naimhde fo'm.

40 Thug thu fos air mo naimhde an cul a thionda rium ; agus ſgrioſaidh mi iadſan aig am bheil fuath dhomh.

41 Glaodhidh iad, ach cha bhi aon ann a ni cobhair orra ; ſeadh, glaodhidh iad eadhoin ris an Tighearn, ach cha chluinn e iad.

42 Buailidh mi iad cha mion ris an duſlach roimh 'n ghaoith ; tilgidh mi mach iad mar chriadh air na ſraidean.

43 Saoraidh tu mi o ſtri an t' ſluaigh ; agus ni tu ceann nan cinneach dhiam.

44 Ni ſluagh air nach 'eil eolas agam ; ſeirbheis domh.

45 Cho luath ſa chluinneas iad umam, geillidh iad dhomh ; ach ni chlann choimheach miodal rium.

46 Failnichidh chlann choimheach ; agus bithidh geilt orra as am prioſanna.

47 'S beo an Tighearna, agus beannuichte gu 'n raibh m' ſhear cuidich laidir ; agus gu'n robh Dia mo ſhlainte air a mholadh.

48 Eadhoin an Dia chi gu 'n diolair mi ; agus a cheannſuicheas an ſluagh dhomh.

49 'S eiſean a dh'fhuaſglas mi om naimhde ain-iochdmhor, agus a chuireas ſuas mi oſcion m'eaſcairde ; fuaſglaidh tu mi on duine aingidh.

50 Air an aobhar ſo bheir mi cliu dhuit, O Thighearn, 'meaſg na n' cinneach ; agus ſeinnidh mi moladh do t'ainm.

51 Mor ſhoirbheas bheir e do righ ; agus nochdaidh a chaoimhneas graidh d'a ungach fein Daibhi, agus da ſhliochd gu brath.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha iv.

### Salm xix. *Cœli enarrant.*

THA na neamha cuir an ceill gloir Dhe; agus na ſpeura nochda obair a lamha.

2 Tha aon latha g' innſe do latha eile; agus oiche a dearbha do dhoich eile.

3 Cha'n 'eil cainnt na comhradh; ach cluinntear an gun thana na meaſg.

4 Chaidh 'n toirm amach da gach uile thir; agus am briathra gu criocha an t' ſaoghail.

5 Annta ſhuidhich e pailluin do 'n ghrein; thig mar fhear nuadh poſta mach o ſheomar, agus ni gairdeachas mar fhuamhfhear a ruidh a churſa.

6 Tha e dol amach o iomal na neamha, agus a ruidh ma 'n cuairt gu chrich aris; agus cha 'n fholaichear ni o theas.

7 'S lagh gun truaille lagh an Tighearn, 'g iompucha an anma; tha teiſteas an Tighearna cinnteach, agus a toirt gliocas don t' ſimplidh.

8 Tha reachda an Tighearna ceart, agus a deanamh a chridhe aoibhneach; tha aitheanta an Tighearna fior-ghlan, agus a toirt ſolus do na ſuile.

9 Tha eagal an Tighearna glan, agus mairidh e gu ſior-ruidh; tha breitheanais an Tighearna fior, agus cothrumach gu hiomlan.

10 'S fearr ri 'n iarruidh iad nan t'or, ſeadh na moran a dh' or fiorghlan; na 's milſe ſos na mhil, agus a chir mheala.

11 Os-bar, ann 'ta tha do ſheirbheiſeach air a theagaſg, agus ann an coimhead tha duais mhor.

12 Co dh'fheudas innſeadh cia tric a bheir e oilbheum; O glan thuſa mi o'm chionta dhiamhair.

13 Coimhead do ſheirbheiſeach ſos o pheacaibh andana, 'm teagal gh 'm faith iad n' Tighearnas thairis orm; mar ſin bithidh mi neo-thruaillidh, agus neo-chiontach o 'n oilbheum mhor.

14 Bithe

14 Bithidh briathra mo bheul, agus ſmuainte mo chridhe; a ghna taitneach ann a'd' ſhealla.

15 O Thighearna mo neart agus m' fhear-ſaoruidh.

## Salm xx. *Exaudiat te, Dominus.*

GU 'n cluinn an Tighearn thu ann la do thrioblaid; gu 'n deanadh ainm Dhe Iacob do dhionadh.

2 Gu 'n cuireadh e cobhair a t'ionnſuidh on t'ſanctuaridh; agus gu neartuiche e thu a Sion.

3 Gu'n cuimhnich e t'uile thabhartais; agus gu'n gabh e t' iobairt loiſgte.

4 Gu'n deonuich e dhuit miann do chridh; agus gu'n coilion e t'uile intinn.

5 Ni ſinn gairdeachas ann a' d' ſhlainte, agus gaire buagha ann an 'n ainm an Tighearna ar Dia; gu'n co'liandh an Tighearna t' iarrtais gu leir.

6 Noiſe tha ſios agam, gu'm bheil an Tighearn a cuideachadh ungaiche fein, agus gu 'n eiſdidh e ris o fhlaitheas naomha; eadhoin le neart fallain a laimhe deis.

7 Tha cuid a cuir an earbſa ann an carbadaibh, agus cuid ann an eich; ach cuimhnichidh ſinn ainm 'n Tighearna 'ar Dia.

8 Tha iad air an toirt ſios, agus air tuiteam; ach tha ſinn air eiridh, agus 'nar ſeaſamh direach.

9 A Thighearna, teaſuirg, agus cluinn ſinn, O Righ neamha; 'nuair a ghairmis ſinn ort.

## Salm xxi. *Domine, in virtute tua.*

NI 'n righ gairdeachas ann a'd' neart, O Thighearna; anabarach ait bithidh e ann a'd' ſhlainte.

2 Thug thu dha miann a chridhe; 's cha d' aicheadh thu dha athchuinge a bhilibh.

3 Oir bheir thu coineamh dha le beannuchduibh maitheis; agus cuiridh tu crun a dh' or fior ghlan air a cheann.

4 Dhiarr e beatha ort, agus thug thu dha beatha fhada; eadhoin gu brath.

5 Tha a onoir mor ann a'd' ſhlainte; gloir agus urram mor leagaidh tu air.

6 Oir bheir thu dha ſonas ſiorruidh; agus ni thu e ait le aoibhneas do ghnuiſe.

7 Agus c'arſon? cheann gu bheil an righ a cuir a dhochais ſan Tighearn; agus ann an trocair an ti 's ro airde cha bhi e air a mhealladh.

8 Moithichidh do naimhde gu leir do lamh; gheibh do lamh dheis amach a mhuintir aig am bheil fuath dhuit.

9 Ni thu iad mar amhuinn theintich an am do chorruich; sgriosidh 'n Tighearn iad ann a dhiumadh, agus caithidh an teine iad.

10 Spionaidh tu an toradh as an talamh; agus an sliochd a measg clann nan daoine.

11 Oir shonruich iad olc a t aghaidh; agus smaoinich iad a leithid a dhinnleachd 'f 'nach b' urra iad a choilionadh.

12 Uime sin cuiridh tu gu teiche iad; agus ni thu freanga do bhodha deas an aghaidh an gnuise.

13 Bi thus' air t' arducha, a Thighearn, ann a'd' neart fein; mar sin ni sinne ceol, agus molidh sinn do chumhachd.

## URNUIGH FEASGAIR.

Salm xxii. *Deus, Deus meus.*

MO Dhia, mo Dhia, seall orm, c'arson a threig thu mi; agus tha thu co-shada o'm shlainte, agus o bhriathra mo ghearain.

2 O mo Dhia, tha mi g'eidheach ann am an la, ach cha 'n'eil thu cluinntin; agus ann am na h'oiche fos cha 'n 'eil mi gabhail fois.

3 Agus tha thu buanacha naomha; O thusa uaill Israil.

4 Chuir ar 'n aithriche an dochas anad; dhearb iad anad, agus shaor thu iad.

5 Ghair iad ort, agus chuidicheadh iad; chuir iad an muingh-in annad, agus cha do chuireadh gu hamhladh iad.

6 Ach air mo shonsa 's cniumh mi, agus cha duine; fior chuis m' agaidh dhaoine, agus iomal an t sluaidh.

7 Tha iadsa uile a chi mi, deanamh gaire saniod rium, tha iad seide am pluic, agus a crathadh an cinn, aig radh,

8 Chuir e dhochas an Dia, gu 'n deanadh e a shaora; deanadh e a shaoradh, ma ghabhas e e.

9 Ach stusa an ti thug mise a broinn mo mhathar; bu tu mo dhochus nuair bha mi n' crochadh air broileach mo mhathair.

10 Dh' fhaga mi ortsa o'n a rugadh mi; 's tu mo Dhia eadhoin o bhroinn mo mhath'r.

11 O na imich uam, oir tha trioblaid dlu theann air an laimh; agus cha 'n 'eil a haon a ni cobhair orm

12 Tha

12 Tha daimh air iadhadh orm gu lionmhar; tha tairbh ramhar bhaſang am chuartucha air gach taobh.

13 Tha iad a toirt ſithe orm le 'n beoil; mar gu'n bith e leomhan leumnuich agus buirigh.

14 Tha mi air mo dhorta mach mar uiſge, agus tha mo chnamha uile as na huilt; tha mo chridhe fos a meadhon mo chuirp, eadhoin mar cheir a leagha.

15 Tha mo neart air tiormacha mar ſhoitheach creadha, agus mo theanga air leantain ri m' chaireana; agus bheir thu mi gu h'uir a bhais.

16 Oir tha moran mhadaidh air teachd ma 'n cuairt domh; agus tha coimhairle na 'n aingidh air leige ſeiſde am aghaidh.

17 Lot iad mo lamhan agus mo chaſan, feudaidh mi mo chnamhain uile aireamh; tha iad a ſeaſamh geur bheachducha agus a ſealltuin orm.

18 Tha iad a roinn m'eudaich na meaſg; agus a tilge croinn air mo bhrat.

19 Ach na bi thuſa fad uam, O Thighearna; s'tu mo chomhnadh, dean thuſa deifir gum chobhair.

20 Saor m' anam on chlaidhe; m'aon ghraidh o chumhachd a mhadruibh.

21 Teaſairg mi o bheul an leomhain; chual thu mi fos o mheaſg adhaircean nan aon-adhairceach.

22 Cuiridh mi tainm an ceill do'm bhraithre; ann a meadhon a choithionail molaidh mi thu.

23 Molaidh an Tighearn, ſibhſe air am bheil eagal; arduicheadh e, ſibhſe uile a ſhiol Jacob, agus bitheadh eagal oirbh roimhe; ſibhs' uile ſhiol Iſraeil.

24 Oir cha do ghabh e grain 's cha d' rinn e tair air ſtaid ioſal nam bochd; cha dh' fholuich e ghnuis uaithe, ach nuair a ghair e air chual e e.

25 Tha mo mholadh ort ann ſa choithional mhor; iocadh mi mo mhoideau ann an ſealla na muintir air am bheil eagal roimhe.

26 Ithidh am bochd, agus bithidh e ſaitheach; an mhuintir ta g' iarruidh 'n deidh an Tighearn molaidh iad e; bithidh 'ur cridhe beo gu brath.

27 Cuimhnichidh uile chriochaidh an domhan iad fein, agus pilidh iad ris an Tighearn; agus ni uile chairde adhradh na lathair.

28 Oir ſleis an Tighearn an righeachd agus; ſe 'n t'uachdran a meaſg na ſluagh e.

29 Na

29 Na h'uile a tha reamhar air thalamh; dhith, agus rinn iad adhradh.

30 Iadſa uile theid ſios dòn duſlach, ſleuchduidh iad na lathair; agus cha do bheothaich duin' air bith an am fein.

31 Ni mo ſhliochd ſeirbheis da; bithidh iad air a meas d'on Tighearn mar linne.

32 Thig iad, agus cuiridh na neamha n' ceill f hireantachd; do ſhluagh a bhitheas air am breith, dream a rinn an Tighearna.

Salm xxiii. *Dominus regit me.*

'SE n Tighearn mo bhuachaill: uime ſin cha'n f heud uireaſbhuidh ni ſam bith bhi orm.

2 Beathichidh e mi ann an cluainibh ghlais: agus treoirichidh e mi amach ri taobh uiſgeachan an t' ſolais.

3 Impiochidh e m'anam: agus bheir e mach mi ann an ceumna na fireantachd air ſga' ainm fein.

4 Seadh, ge d' ghluais mi tre ghleann ſgaile a bhais, cha bhi eagal orm roimh olc: oir tha thu maille rium, tha do lorg agus do ſhlat toirt ſolais domh.

5 Ulluichidh tu bord dhomh mu choineamh an dream tha cuir trioblaid orm: dh'ung thu mo cheann le h'ola, agus bithidh mo chopan lan.

6 Ach leanuidh do chaoimhneas gradhach agus do throcair mi re uile lathaibh mo bheatha; agus gabhaidh mi comhnuidh ann an tigh an Tighearna gu ſiorruidh.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha v.

Salm xxiv. *Domini eſt terra.*

'SLEIS an Tighearn an talamh, agus na huile ata ann; cuairt an t' ſaoghail, agus iadsan uille tha chomhnuidh ann.

2 Oir ſteidhich e air na cuantibh e; agus dh'umhluich e air na tuilte e.

3 Co theid ſuas gu tulaich an Tighearna; no co dheireas ſuas ann a ionad naomha.

odhoin

4 Eadhon eiſin aig am bheil lamhan glan, agus cridhe fiorghlan; agus nach do thog ſuas intinn gu diomhanas, 's nach do mhionnuich gu choimhearſnach a mhealla.

5 Gheibh e 'm beannucha on Tighearna; agus fireantachd o Dhia a ſhlainte.

6 Si ſo linne na muintir ata ga iarruidh; eadhon iadſan tha 'g, iarruidh t'aghaidh, O Iacob.

7 Togaibh ſuas 'ur cinn, o ſibhs 'a gheatabh, agus bithibh togta ſuas, ſibhſe dhorſa ſiorruidh; agus thig Righ na gloire a ſtigh.

8 Co e Righ na gloire; 'ſe 'n Tighearna laidir agus trein, eadhon an Tighearna trein, ann an cath.

9 Togaibh ſuas ur cinn, O ſibhſe gheataibh, agus bithibh togta ſuas, ſibhſe dhorſa ſiorruidh; agus thig righ na gloire a ſtigh.

10 Co e righ na gloire; eadhon Tighearna nan ſlogh, 'ſeiſin righ na gloire.

## Salm xxv. *Ad te, Domine, levavi.*

RIUTSA, O Thighearn, a thogas mi ſuas m'anam, mo Dhia, chuir me, mo dhochas annad; o na bitheam ſo amhla, ni mo bheir mo naimhde buaidh tharum.

2 Oir iadſa uile chuireas an dochas annad 'cha chuirear naire orra; ach a mhead ſa ni eiceart gun chean fath, cuirear gu rudha, gruaidh iad.

3 Nochd dhomh do ſhlighibh, O Thighearn; agus teagaiſg dhomh do cheumna.

4 Treoruich mi amach ann a t' fhirin, agus dean miſe fhoghlum; oir s'tu Dia mo ſhlainte; annad bha mo dhochas re fad an latha.

5 Gairm gu cuimhne, O Thighearn do throcaire caomh; agus do chaomhnaſa gradhach, bha ann riamh o ſhean.

6 O na cuimhnich peacan agus oilbheam m'oige; ach a reir do throcair cuimhnich orm, O Thighearn, airſon do mhaitheis.

7 'S graſmhor agus is cothrumach an Tighearn; uime ſin teagaiſidh e peacaire ann ſan tſlighe.

8 Treoruichidh e mhuintir tha ciuin ann am breitheanas; agus a mhead ſa tha foirbh, dhoibhſe teagaiſgidh e a ſhlighe.

9 S'trocair agus firinn uile cheuma an Tighearn; da mhead ſo choimhdeas an chumhnant, agus a theiſtèas.

10 Air ſga' t'ainme, O Thighearn; bi trocaireach do m' pheaca oir 's mor e.

11 Ciod e 'n duine air am bheil eagal an Tighearn; eifin ni e theagaiſg ann ſan tſlighe a roghnuicheas e

12 Gabhaidh anam comhnuidh am fois; oighirichidh a ſhliochd air an tir,

13 Tha diamhaireachd an Tighearn a meaſg na muintir air am bheil eagal; agus nochduidh e dhoibh a chumhnant.

14 Tha mo ſhuilean a ghna ag amharc ris an Tighearn; oir ſpionaidh e mo chaſan as an lion.

15 Pill thuſa rium, agus dean trocair orm; oir tha mi faſail agus ann an truaigh.

16 Tha broin mo chridhe air dol am farſuingeachd; O thoir miſe, as mo thrioblaid.

17 Seall air mo theinn agus air mo thruaigh; agus maith dhomh mo pheaca gu leir.

18 Thoir fanear mo naimhde cia lionmhar iad; agus tha fuath an-tighearnail aca am aghaidh.

19 O coimhead m'anam, agus ſaor mi; na bitheam fo amhla, oir chuir mi mo mhuingin annad.

20 Feitheamh gnathacha fhoirfe agus ionraic orm; oir bha mo dhochas annad.

21 Saor Iſrael, O Dhe; as a thrioblaid gu leir.

## Salm xxvi. *Judica me, Domine.*

BITH thus a'd' bhreitheamh dhomh, O Thighearn, oir ghluais mi gu neo-chiontach; bha m'earbſa mar an ceudna ann ſan Tighearna, uime fin cha tuit mi.

2 Ceaſnuich mi, O Thighearn, agus dearbh mi; feuch amach m airne agus mo chridhe.

3 Oir tha do chaomhneas gradhach a ghna roimh mo ſhuile, agus gluaiſidh mi ann 'ad 'fhirin.

4 Cha do ghabh mi comhnuidh le pearſaibh diamhain; ni mo bhitheas comunn agam ri muintir chealgach.

5 Thug mi fuath do choi-thional nan aingidh; s' cha ſuidh mi meaſg nan ain-diadhaidh.

6 Ionnlaididh mi mo lamha an neo-chiontas, O Thighearna; agus mar ſin theid mi chum t'altaire.

7 Chum gu nochd mi toirm breith-bhuidheachais; agus gu n' aithris mi t'uil' oibre iongantach.

8 A Thighearna, ghradhaich mi ionad comhnuidh do thighe; agus an t'aite ann am bheil, t'onair a gabhail comhnuidh.

9 O na druid ſuas m'anam maille ri peacaire; no mo' bheatha leoſan air am bheil iota gu fuil;

10 Dream

10 Dream aig am bheil aingeach'd na 'n laimh ; agus an lamh dheas lan thiolaca.

11 Ach air mo ſhonſa ; gluaiſidh mi gu neo-chiontach ; O ſaor mi, agus bi trocaireach dhomh.

12 Tha mo chas na ſeaſamh ceart ; molaidh mi 'n' Tighearn ann s na cothionalibh.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm xxvii. *Dominus illuminatio.*

SE 'n Tighearna ma ſholus, agus mo ſhlainte ; co as ma ſeadh bhitheadh eagal orm ; s 'n Tighearna neart mo bheatha ; co as ma ſeadth a bhitheadh ogluichd orm ?

2 'Nuair thainig orm an taingidh, eadhon mo naimhde, agus m'eaſcairde dhithe m'f heola ; thuiſle, agus thuit iad.

3 Ge'd leagta armailte dhaone a'm' aghaidh, gidheadh cha bhi eagal air mo chridhe ; agus ge'd eireadh cogadh am aghaidh gidheadh cuiridh mi mo dhochas ann.

4 Aon ni dhiarr mi air an Tighearn, ſa mhiannuicheas mi ; eadhoin gu n' comhnuich mi ann tigh an Tighearn re uile laithe mo bheatha, gu beachducha air maiſe ſgiamhach an Tighearna, agus a dh' f hioſrucha a theampuil.

5 Oir an am trioblaid ni e m' fholuch ann a phailluin ; ſeadh, ann an ionad uaigneach a aite comhhuidh, ni e m'f holuch agus cuiridh e ſuas mi air carruig cloiche.

6 Agus anoiſe togaidh e ſuas mo cheann ; oſcionn mo naimhde ma' n'cuairt domh.

7 Uime ſin tairgidh mi 'n a ionad comhnuidh iobairt le mor aoibhneas ; ſeinnidh mi, agus labhraidh mi moladh do'n Tighearna.

8 Eiſd ri m' ghuth, O Thighearn, 'nuair a ghlaodhas mi riut ; dean trocair orm, agus cluinn mi.

9 Labhair mo chridhe umad, iarruidh ſibh m'aghaidh ; t'aghaidh, O Thighearn iarruidh mi.

10 O na folaich thuſa t'aghaidh uam ; s'na tilg air falbh do ſheirbheis, each ann an diumadh.

11 Bu tu mo chobhair ; na fag mi 's 'na treig mi, O Dhia mo ſhlainte.

12 'Nuair a threigeas m' athair agus mo mhathair mi ; bithidh an Tighearn mo cobhair.

13 Teagaiſg dhomh do ſhlighe, O Thighearna ; agus treorrich mi ſan tſligh cheart, thaobh mo naimhde.

14 Na

14 Na toir thairis mi gu toil m'eaſcairde; oir tha fiadhnuiſean breige air eiridh ſuas am aghaidh, agus dream tha labhairt eacoir.

15 Dh' fhannuichin gu tur; ach gun chreid mi gu deimhin gu'm faicin maitheas an Tighearn an tir nam beo.

16 O fuirich thuſa ri aithais an Tighearn; bi laidir, agus bheir e ſolas do d' chridhe, agus cuir thuſa t'earbſa ſan Tighearna.

## Salm xxviii. *Ad te Domine.*

RIUT'SA ghlaodhas mi O Thighearn mo neart; na gabh mar fhochaid mi, 'n teagal ma ni thu mar nach cluinne tu, gu m' fas mi mar an dream tha dol ſios do'n t' ſlochd.

2 Cluinn guth m' iarrtais umhal, 'nuair a ghlaodhas mi riut; 'nuair a chumas mi ſuas mo lamhan ri cathair trocair do theampuil naomha.

3 O na ſpion air falbh mi, 'ſna ſgrios mi maille ris na haindiadhaidh agus luchd na haingeachd; a labhras gu cairdeil ri 'n coimhearſnaich, ach a dealbh tubaiſt nan cridhe.

4 Thoir duais doibh a reir an gniomhara; agus areir aingeachd an innleachda fein.

5 Thoir diola dhoibh a reir oibre an lamha; ioc dhoibh an ni a thoill iad.

6 Oir cha 'n 'eil ſuim aca nan inntin do dh' oibre an Tighearna, no gniomh a lamha; uime ſin brifidh e ſios iad, agus cha tog e ſuas iad.

7 Gu 'n rabh 'n Tighearn air a mholadh; oir chual e guth m'iarrtais umhal.

8 Se 'n Tighearn mo neart agus mo ſgia, dhearb mo chridh ann, agus tha mi air mo chaomhnadh; uime ſin tha mo chridhe damhſa le haoibhneas, agus ann am cheol molaidh mi e.

9 Se 'n Tighearn mo neart; agus 'ſe dionadh fallain a ungaiche fein.

10 O Sabhail do ſhluagh, agus thoir do bheannucha do 't oireachd; beathuich iad, agus cuir ſuas gu ſiorruidh iad.

## Salm xxix. *Afferte Domino.*

THugaibh chum an Tighearna, O ſibhſe dhaoine cumhachdach, thugaibh chum an Tighearna reitheacha ogh; thugaibh do'n Tighearn adhradh agus neart.

2 Thugaibh

2 Thugaibh do'n Tighearn an onair tha dlidheach d'a ainm; deanabh adhradh do 'n Tighearna le adhradh naomha.

3 Se'n Tighearn tha toirt aithne do na huiſgeacha; ſe'n Dia glormhor tha deanamh na tarnainich.

4 Se 'n Tighearn tha riaghla na fairge; tha guth 'n Tighearn trein ann an obair; 's guth glormhor guth 'n Tighearna.

5 Briſith guth an Tighearna croinn ſheudair; ſeadh, briſidh 'n Tighearna ſheudair Libanius.

6 Bheir e orra fos brioſga mar laodh fos Libanuis, agus Sirion mar aon adhairceach og.

7 Sgoiltidh guth 'n Tighearn na laſruiche teine, crathaidh guth an Tighearn am faſaich; ſeadh, crathaidh 'n Tighearna faſaich Chadeis.

8 Bheir guth an Tighearn air na heildean laoidh a bhreith, agus ruiſgidh e na doſa tiugh; ann a theampull labhraidh gach duine air onair.

9 Tha 'n Tighearn na ſhuidh oſcionn na tuill uiſge; agus mairidh an Tighearn na Righ gu brath.

10 Bheir an Tighearn ſpionadh d'a ſhluagh fein; bheir an Tighearn beannucha ſith da ſhluagh fein.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha vi.

Salm xxx. *Exaltabo te, Domine.*

ARduicheadh mi thu; O Thighearn, oir thog thu ſuas mi; agus cha d' tug thu air m'eaſcairde buaidh fhaghail thairis orm.

2 Ghlaodh mi riut, O Thighearna mo Dhia; agus ſhlanuich thu mi.

3 Thug thuſa a Thighearn, m' anam a' h' ifrionn; ghleidh thu mo bheatha o'n mhuintir tha dol ſiòs do 'n t ſlochd.

4 Seinnidh moladh do'n Tighearn, O ſibhſe a naoimh 's leis fein; agus thugaibh buidheachas dha mar chuimhneachan air a naomhachd.

5 Oir cha mhair a chorruich ach re priobadh na ſul, agus 'na dheadh-ghean tha beatha; feudaidh truime buanacha re oiche, ach thig aoibhneas ſa mhaduin.

6 Agus

6 Agus ann mo ſhoirbheacha, thuirt mi, cha ghluaiſear mi chaoidh: 'stuſa Thighearn, le d' mhaitheas rin mo chnoc co laidir.

7 Thionda thu uam taghaidh; agus bha mi an trioblaid.

8 'N ſin ghlaodh mi riut, O Thighearn; agus ſhuair mi gu m' Thighearn gu ſior umhal.

9 Ciod an tairbh tha m' ſhuil; 'nuair theid mi ſios do 'n t ſlochd.

10 'N toir an duſlach buidheachas dhuitſe; no 'n cuir i n' ceill t' fhirinn?

11 Eiſd, O Thighearn, agus dean trocair orm; a Thighearn bith uſa t' fhear-cuidich dhomh.

12 Thionda thu mo thruime gu aoibhneas; chuir thu dhiom m' eudach-ſaic, agus chrioſruich thu mi le haiteas.

13 Uime ſin ſeinnidh gach duine maith mu d' mholadh gun ſgur; O mo Dhia, bheir mi buidheachas duit gu brath.

## Salm xxxi. *In te Domino ſperavi:*

ANNadſa, O Thighearn, chuir mi mo dhochas; na bitheam a chaoidh air mo chuir gu hamhladh, ſaor mi ann a'd' fhireantachd.

2 Crom ſios do chluas rium; dean deifir chum mo ſhaoradh.

3 Agus bi thuſa a'd' charruig laidir dhomh, agus a'd' thigh dionaidh: chum gu 'n ſaor thu mi.

4 Oir 's tu mo charruig laidir, agus mo chaiſteal; bi thuſa fos a'd' ſtiurreadair dhomh, agus treoruich mi air ſga tainme.

5 Tarruing mi as an lion a leag iad os-nioſal air mo ſhon; oir 'stu mo neart.

6 Ann ad lamha tha mi toirt thairis mo ſpiorad; oir ſhaor thu mi, O Thighearn, 'stu Dia na firinn.

7 Dh' fhuathaich mi iadſan tha cumail diamhanais ſhaobhchrabhach; agus bha mo dochas ann ſan Tighearn.

8 Bithidh mi ait, agus ni mi gairdeachas ann a'd' throcair; oir thug thu fanear mo thrioblaid, agus ghabh thu eolas air m' anam ann an teann eiginibh.

9 Cha d' dhruid thu ſuas mi ann lamh an namhaid; ach ſhuidhich thu mo chaſan ann an ionad farſaing.

10 Dean trocair orm, O Thighearn, oir tha mi 'n trioblaid: agus tha mo ſhuil air caithe le fior bhron; ſeadh, m' anam agus mo choluin.

11 Oir

11 Oir tha mo bheatha air fas ſean le trom bhron; agus mo bhliadhna le dubhachas.

12 Tha mo neart air m' fhailneacha, air ſon m'eaſaontais; agus tha mo chnamhain air caithe.

13 Dh' fhas mi m' chuis achmhaſain a meaſg mo naimhde gu leir, ach gu haraid a meaſg mo choimhearſnach; agus bha mo luchd eolais ſo eagal romham, agus iadſan a chunnaic mi n' leath a muidh, rinn iad an cumail fein uam.

14 Tha mi air mo dhearmad gu tur, mar dhuine marbh tha air dol a cuimhne; tha mi air fas mar ſhaothach briſte.

15 Oir chuala mi toibheum a mhor-ſhluaigh; agus tha eagal air gach taobh, 'm feadh tha iad dol an co'bhoinn le cheile am aghaidh, agus gabhail an comhairle thoirt air falbh m' anama.

6 Ach bha mo dhochas annad, O Thighearn; thuirt mi, 's tu mo Dhia.

17 Tha m' aimſir an a'd' laimh, ſaor mi o laimh mo naimhde; agus uathaſan tha gam gheur leanmhuin.

18 Foillſigh do d' ſheirbheiſeach ſolus do ghnuiſe; agus ſaor mi air ſga do throcair.

19 Na bitheam air mo chlaoidh, O Thighearn, oir ghair mi ort; bitheadh na hain-diadhaidh air an cuir gu hamhla, agus cuir na 'n toſd ſan uaigh.

20 Bitheadh bile nam breug air an cuir nan toſd; tha labhairt gu fuileach, agus tamailteach, agus tarchuiſeach, an aghaidh an ſhireain.

21 O cia pailt do mhaitheas a thaiſg thu ſuas dhoibhſin air am bheil t'eagal, agus a dhumhluich thu dhoibhſin tha cuir 'n dochais annad, eadhoin am fianuis chloinn nan daoine.

22 Foluichidh tu iad of nioſal le d' lathaireachd fein o bhrofnucha dhaoine gu leir; gleidhidh tu iad gu huaigneach ann a'd' phailluin o ſtri theanga.

23 Buidheachas do 'n Tighearn; oir nochd e dhomhſa caoimhneas mor iongantach ann an baile laidir.

24 Agus 'nuair a rinn mi difir; thuirt mi tha mi air mo thilge o ſhealla do ſhuile.

25 Gidheadh, chual thu guth m' urnuidh; 'nuair a ghlaodh mi riut.

26 O thugaibh gradh do 'n Tighearn, ſibhſe a naoimh as leis fein; oir tha 'n Tighearn a ſabhala na muintir a tha dilis, agus a toirt duais gu pailt do luchd an uaibhreachais.

27 Bithibh laidir, agus daingnichidh e 'ur cridh; ſibhs uile tha cuir earbſa ſan Tighearn.

URNUIGH

## URNUIGH FHEASGAIR.

### Salm xxxii. *Beati, quorum.*

'SBeannuichte an ti g'am bheil eas ionracas air a mhatha; agus g'am bheil a pheaca air an comhdacha.

2 'Sbeannuichte an duine do nach meas an Tighearn peaca; agus aig nach eil feall na ſpiorad.

3 Oir am feadh a dh' fhan mi am thoſd; chaith mo chnamhain air falbh tre mo ghearan gach la.

4 Oir tha do lamh trom orm a la 'ſ a dhoiche; agus tha mo bhri mar thart ſan t'ſamhra.

5 Aideacham mo pheaca dhuit; agus m'eaſ-ionracas cha d' rinn mi fhalach

6 Thuirt mi, aidicheam mo pheacaibh do 'n Tighearn; agus mar ſin mhaith thu aingeachd mo pheacaidh.

7 Oir mar ſo ni huile haon tha diaghaidh 'n urnuidh riut, ſan am a fuidhear thu; ach ann ſna tuilte mor uiſge cha tig iad am faguſg dha.

8 Tha thu a'd' aite faluich dhomhſa, ſabhailidh tu mi o thriobloid; cuairtichidh tu mi ma 'n cuairt le horana ſaoraidh.

9 Bheir mi foghlam dhuit, agus teagaiſidh mi thu ſan t-ſlighe ſan gluais thu; agus treorichidh mi thu le m' ſhuil.

10 Na bithibhſe mar each, no mulait, aig nach 'eil tuigſe; a dh-fheumas am beoil bhi air an cumail le ſparag agus le ſrian, 'n teagul gu 'n tuit iad orra.

11 Tha plaidhean mora a feitheamh air ſon an aindiaghidh; ach co air bith a chuireas an dochas ſan Tighearn, ni trocair a dhlu-ghabhail air gach taobh.

12 Bithibh ait, O fibhſe fhireanna, agus deanaibh gairdeachas ſan Tighearna; agus bithibh aoibhneach, ſibhſe uile, gam bheil cridhe fior.

### Salm xxxiii. *Exultate juſti.*

DEanaibh gairdeachas ſan Tighearn O ſibhſe fhireanna; oir 's maith a thig e 'n fhirean a bhith taingeil.

2 Molaibh an Tighearn le clarſaigh; ſeinnibh molabh dha le cruirt c agus inneal dheich teudan.

3 Seinnidh do'n Tighearn oran nuadh; ſeinnibh molabh dha gu togarach le ſar mhiſnich

4 Oir

4 Oir tha focal an Tighearn fior ; agus tha uil' oibre dileas.
5 'S ionmhuin leis fireantach agus cothrum ; tha 'n talamh lan do mhaitheas an Tighearn.
6 Le guth an Tighearn rinne na neamha ; agus an armailte gu leir le anail a bheoil.
7 Tha e tional uifgeacha a chuan ri cheile, mar gum b'ann na thorr ; agus a tafgaidh fuas na doimhneachd mar ann an tigh ftoir.
8 Bitheadh eagal an Tighearn air an domhann gu leir ; feafaibh ann am fiamh roimh : 'fibhs uile tha chomhnuidh fan t' faoghal.
9 Oir labhair e, agus bha e deanta ; dh' aithn e agus fheas e gu daingean.
10 Bheir an Tighearna gu neo-ni comhairle nan cinneach ; agus bheir e air as-innleachd an t fluaigh bhi gun eifeachd, agus tilgidh e thaobh comhairlibh phrionfuibh.
11 Mairidh comhairle an Tighearn gu fiorruidh ; agus fmuainte a chridhe o linn gu linn.
12 'S beannuichte an fluagh d'a n Dia an Tighearna Jehobha ; agus 's beannuicht a mhuintir a thagh e dha fein, gu bhi nan oighreachd aige.
13 Sheall an Tighearn anuas o neamha, agus dh' amhairc e air uile chloinn nan daoine ; agus o ionad a thighe thug e fancar iadfan uile tha chomhnuidh air thalamh.
14 Tha e cumadh an cridheachan gu leir ; agus a tuigfin an oibre uile.
15 Cha 'n fheud righ a bhi air a fhabhala le lionmhoireachd armailte ; ni mo a fhaorar duine trein fam bith le moran neart.
16 Cha 'n 'eil fan each ach ni diamhain a thearna duine ; ni mo thearnas e duine fam bith le mhor neart.
17 Feuch, tha fuilean an Tighearn orrafan air am bheil eagal ; agus orrafan tha cuir an dochas na throcair.
18 A fhaoradh an anama o bhas ; agus d'am beathucha an am na gainne.
19 Dh'fheith ar n' anam gu foidhidneach ris an Tighearna ; oir fe ar cobhair agus ar fgiath.
20 Oir ni ar cridhe gairdeachas ann ; chean gun chuir fin ar dochas na ainm naomha.
21 Bithidh do chaoimhneas trocaireach oirne, O Thighearna ; a reir 's mar tha finn a cuir ur 'n earbfa annad.

Salm xxxiv. *Benedicam Domino.*

BHEIR mi buidheachas a ghna do 'n Tighearn; bithidh mholadh gu brath ann am bheul.

2 Ni mi' anam a huaill ann fann Tighearn; cluinidh an trioſal uime, agus bithidh e ait.

3 O molaibh an Tighearna leamſa; agus arduichimid ainm le cheile.

4 Dhiarr mi 'n Tighearn, agus chual e mi; ſeadh, ſhaor e mi o'm eagal gu leir.

5 Bha ſuil aca ris, agus bha iad air an ſoillſeacha; agus cha rabh an gnuis ſo naire.

6 Feuch, tha 'n bochd a g eidheach, agus tha 'n Tighearn ga chluinntin; ſeadh, agus ſaoraidh e as a thrioblaid gu leir.

7 Tha aingeal De aig fuireach ma 'n cuairt dhoibhſin air am bheil eagal; agus ni e 'n ſaoradh.

8 O blaiſibh, agus faicibh cia graſmhor an Tighearn; 'sbeannuichte an duine a dhearbas as.

9 O bitheadh eagal an Tighearn oirbh, ſibhſe a naoimh; oir cha bhi dith ſam bith orraſan air am bheir eagal.

10 Bithidh di air na leomhain, agus fuiligidh iad ocras; ach iadſan a dh' iarras an Tighearn, cha bhi eaſbhuidh ni ſam bith tha maith orra.

11 Thigibh, a chlann, agus eiſdibh riumſa; teagaiſgidh mi dhuibh eagal an Tighearn.

12 Ciod an duine tha miannacha bhi beo; 's leis am b'aill laithe maith fhaicin?

13 Coimhid do theanga o olc; agus do bhile, nach labhair iad ceilg.

14 Fuathuich olc, agus dean maith; iarr ſithchaimh, agus lean i.

15 Tha ſuile an Tighearn thairis air an fhirean; agus tha chluaſa foſgailt ri 'n urnuibh.

16 Tha gnuis an Tighearn an aghaidh na muintir tha deanamh uile; gu 'n cuineachan a ſpionadh amach o'n talamh.

17 Tha na fireanaibh ag eidheach, agus cluinnidh 'n Tighearna iad; agus ſaoradh e iad o'n trioblaid gu leir iad.

18 Tha 'n Tighearn dlu do luchd a chridhe bhruite; agus ſaoraidh e mhead 's aig am bi ſpiorad umhal.

19 S'mor trioblaid an fhirean; ach fuaſglaidh 'n Tighearn e aſt uile.

20 Coimhididh

20 Coimhididh e chnamhan gu leir; ionas nach 'eil aon diu briſte.

21 Ach ni aimhleas 'n tain-diaghaidh a mharbhadh; agus bithidh iadſa bheir fuath do'n fhirean ſgrioſte.

22 Saoradh 'n Tighearn anma a ſheirbheiſich; agus cha bhi uireasbhuidh orraſan tha 'g earbſa as.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha vii.

Salm xxxv. *Judica me, Domine.*

TAgair thuſa mo chuis, a Thighearn, riuſan tha ſtri rium; agus dean thuſa cogadh riuſan tha cogadh m' aghaidhſa.

2 Cuir do lamh air an ſgiath 's air an targaid; agus ſeas ſuas gum chuideacha.

3 Thoir amach an t' ſleagh, agus druid an t' ſlighe an aghaidh 'n dream tha g' am gheur-leanmhuin; abair ri m' anam ſmi do ſhlainte.

4 Bitheadh iad fo mhaſladh, agus air an cuir gu naire, tha 'g iarruidh 'n deidh m' anama; bitheadh iad air am pilleadh air an ais, agus air an toirt gu hamhla, tha dealbh dhomh uile.

5 Bitheadh iad mar an duſlach roimh an ghaoith; agus ſgapadh aingeal an Tighearn iad.

6 Bitheadh an ſlighe dorch agus ſleamhuin; agus leanadh aingeal an Tighearn iad gu teann.

7 Oir leag iad an lion os nioſal gu miſe a ſgrios gun aobhar ſeadh eadhon gun aobhar rinn iad ſlochd air ſon m' anma.

8 Thigeadh dorain ghrad air gun fhios, agus bitheadh e air a ghlacadh ſan lion a dh'fholuich e os nioſal; chum gu'n tuit e na oic fein.

9 Agus bithidh m' anam ait, ann ſan Tigeearn; ni e gairdeachas ann a ſhlainte.

10 Their mo chnamhan gu leir, a Thighearn, co bha coſmhul riut, a ſhaoras am bochd o 'n neach tha 'ro laidir air a ſhon; ſeadh, am bochd, agus an neach tha 'n truaigh, o 'n neach tha ga chreacha?

11 Dheirich ſuas ſia'naiſean breige; chuir iad as mo leath nithe nach b'aithne dhomh.

12 Dhioc iad dhomh olc airſon maith; gu mi-ſholas mor do'm anam.

13 Gidheadh, 'nuair bha iad gu tinn, chuir miſe umam ſaceudach, agus dh' umhlaich mi m'anam le troſga; agus pillidh m'urnuidh am uchd fein.

14 Ghiulain mi mi fein mar gu 'm be mo charaid, no mo bhrathair; ſhiubhail mi gu dubhach mar aon ri bron airſon a mhathar.

15 Ach rinn iad gairdeachas agus thionail iad ri cheile 'nuair bha mis ann an teinn; ſeadh, thainig na praſgain, le cheile am aghaidh gun fhios domh, a toirt ſichichean reubaidh orm, agus cha' do ſcuir iad.

16 Maille ris an luchd miodail bha luchd fochaid; bha toirt ſnaga' orm le m fiaclá.

17 Thighearna, cia fhad a ſheallas tus air a ſo; O ſaor m'anam o na trioblaide tha iad a toirt orm, agus m'aon-ghradh o na leomhain.

18 Mar ſin bheir mi buidheachas duit ann ſa mhor-thional; molaidh mi thu am meaſg moran ſluaigh.

19 O na faidheadh an dream tha na naimhde dhomh buaidh thairis gu hain diaghaidh; ni mo chaogas iad le'n ſuile tha toirt fuath dhomh gun aobhar.

20 Agus ciod uime? cha 'n'eil an comhradh airſon ſith-chaimh; ach tha iad a breannucha' briathra cealgach naghaidh na mhuintir tha ciuin ſan tir

21 Thug iad ſithe orm le'm beoil, agus thuirt iad; nair ort! nair ort! chunnaic ſinn e le'r ſuile.

22 So chunnaic thu o Thighearn; na bi a'd' thoſt, na ſiubhail fada uam, O Thighearn.

23 Moſgail, agus ſeas ſuas a thoirt breith air mo chuis ſtri; diol thuſa mo chuis, mo Dhia agus mo Thighearn.

24 Thoir breith orm, o Thighearna mo Dhia, a 'reir t' fhireantachd; agus na tugadh iad buaidh tharum.

25 Na habradh iad nan cridhibh, mar ſin, mar ſin, b'aill linn e bhi; ni mo a their iad, ſhluig ſinn e.

26 Bitheadh iad air an cuir gu hamhla agus naire le cheile tha deanamh gairdeachas ri m thrioblaid; bitheadh iad air an cideacha le achdmhaſan agus eaſonair tha ri uail anta fein am aghaidh

27 Bitheadh iad ait, agus deanadh iad gairdeachas aig am bheil

bheil deadh ghean ri m ghniomhara ceart ; ſeadh abradh iad a ghna, beannuichte gu' n' robh an Tghearn, aig am bheil tlachd ann an ſoirbheacha a ſheirbheiſich.

28 Agus airſon mo theanga, bithidh i labhairt air t' fhireantachd ; agus air do mholadh re fad an latha.

## Salm xxxvi. *Dixit injuſtus.*

THA mo chridhe foillſeacha dhomh aingeachd an aindiaghaidh ; nach 'eil eagal Dhe roimh an ſuile.

2 Oir tha e miodal ris fein ann a ſhealla ; gus am faithear amach a pheaca uabhar.

3 Tha briathra a bheoil ea-ceart, agus lan ceilg ; leag e dheth e fein a ghiulan gu glic, agus maith a dheanamh.

4 Tha Smuainteadh turadh uilc air a leabuidh, agus cha do ſhuidhich e e fein ann an ſlighe mhaith ſam bith ; ni mo tha fuath aige do ni ſam bith tha olc,

5 Ruinig do throcair, O Thighearn chum na neamha ; agus t' fhireantachd chum na neul.

6 Tha t' fhireantachd a ſeaſamh mar na beannta daingean ; tha do bhreitheanais mar an doimhneachd mhor.

7 Teaſairge tuſa, Thighearn, araon duine agus ainmhidh ; cia oirdhearc do throcair, O Dhe, agus cuiridh clann nan daoine n' earbſa fo ſgaile do ſge.

8 Bithidh iad ſaſuichte le pailteas do thighe ; agus bheir thu dhoibh deoch as do ſholaſibh, mar as an abhuinn.

9 Oir maille riuts tha tobar na beatha ; agus ann a'd' ſholus chi ſinne ſolus.

10 O buanaich amach do chaoimhneas gradhach dhoibhſe aig am bheil eolas ort ; agus dhoibhſe aig am bheil cridhe fior.

11 O na thigeadh cas an ardain am aghaidh ; agus na tilge lamh an ain-diaghaidh ſios mi.

12 'N ſin tha iad air tuiteam, na huile tha deanamh aingeach ; tha iad air an tilge ſios, agus cha n'urra iad ſeaſamh.

## URNUIGH FEASCAIR.

## Salm xxxvii. *Noli æmulare.*

NA bitheadh laſan ort air ſon an aindiaghidh ; ni mo bhithis farmad ort ri luchd dheanamh an uilc.

2 Oir

2 Oir gearthar ſios gu luath iad mar am feur; agus ſeargaidh iad mar an luidh uaine.

3 Earb thuſa ſan Tighearn, agus bi deanamh maith; gabh comhnuidh ſan tir, agus gu deimhin bithidh tu air do bheathucha.

4 Gabh tlachd ſan Tighearn; agus bheir e dhuit miann do chridhe.

5 Their thairis do ſhlighe do'n Tighearn, agus cuir do dhochas ann; agus bheir e i gu crich.

6 Ni e t' fhireantachd cho ſhoilleir ris an t' ſholus; agus do dheanadas chothrumach mar ard mheadhon latha.

7 Cum thus a ghna ſan Tighearn, agus feith gu foi'dneach air; ach na bitheadh doilgheas ort airſon an neach tha ſoirbheacha na ſhlighe, an aghaidh an neach tha deanamh a rèir droch chomhairle.

8 Leig dhiot corruich, agus treig diuma; na bitheadh laſan ort, no bi tu air do dhuſga gu olc a dheanamh.

9 Bithidh freamh luchd deanamh na haingeachd air a ſpionadh amach; agus iadſan a dh' fheitheas gu foi'dnach ris an Tighearn, aitiche iad air an tir.

10 Fathaſt 'ſeallan beag, agus bithidh n taingiaghidh air falbh gu glan; ſeallidh tu deidh n aite, agus bithidh e air falbh.

11 Ach ſealbhuichidh an neach gam bheil ſpiorad ciuin an talamh; agus bithidh e air ath-urachadh anns an lionmhoirachd ſithchaimh.

12 Tha 'n ain diaghaidh 'g iarraidh chomhairle n aghaidh an f hirean; agus a toirt ſnaga air le f hiacla.

13 Ni 'n Tighearn gaire fochaid ris; oir chunnaic e gu m bheil a latha a teachd.

14 Tharruing na tain diaghaidh mach an claidhe, agus lub iad am bogha; a thilge ſios an truaghain agus f heumuich; agus a mharbha mheud 's aig am bheil caith beatha cneaſt.

15 Theid an claidhe trid an cridhe fein; agus bithidh 'm bogha air a bhriſidh.

16 Sfear am beagan tha aig an f hirean; na 'm bearteas mor th'aig an ain diaghaidh.

17 Oir bi gairdeana an aindiaghaidh air am briſeadh; agus cumidh 'n Tighearn ſuas am firean.

18 S aithne do'n Tighearn laithibh nan daoine diaghaidh; agus mairidh an oighreachd gu brath.

19 Cha bhi iad air an claoidhe ann am a ghabha; agus bithidh ni 's leoir aca ann an laithibh na gainne.

20 Airſon

20 Airſon nan ain diaghaidh, theid an leirſgrios, agus caithidh naimhde an Tighearna mar ſhaill nan uan ; ſeadh, caithidh iad air falbh eadhoin mar an deatach.

21 Gabhaidh 'n tain diaghaidh an iofad, agus cha diol e ris ; ach tha m firean trocaireach, agus ſial.

22 Mhead 's tha beannuichte le Dia, ſealbhuichidh iad an tir ; ſa mhead 's tha malluichte leis, ſpionar amach iad.

23 Tha 'n Thighearna 'g orducha gluaſad an deadh dhuine ; agus a deanamh a ſhlighe taitneach dha fein.

24 Ge d' thuit e, cha tilgear air falbh e ; oir tha 'n Tighearn ga chumail ſuas le laimh.

25 Bha mi og, agus anois tha mi ſean ; agus fathaſt cha 'n fhaca mi riamh am firean air a dhearmad, na ſhliochd a 'g iarruidh na beatha.

26 Tha 'm firean a ghna trocaireach, agus coingheallach ; agus tha ſhliochd beannuichte.

27 Teich on olc, agus dean an ni tha maith ; agus gabh comhnuidh gu brath.

28 Oir 's ionmhuin leis an Tighearn ann 'ni tha ceart ; cha' n' eil e dearmad a mhuintir fein tha diaghaidh, ach tha iad air an tearna gu ſiorruidh.

29 Nithear peanas air an eas-ionraic ; air ſon ſliochd an aindiaghaidh, bithidh e air a ſpionadh amach.

30 Sealbhaiche 'm firean air an tir ; agus gabhaidh e comhnuidh ann gu ſiorruidh.

31 Tha beul an ionraic air a chleachda ann an gliocas ; agus bithidh theanga labhairt mu breitheanas.

32 Tha ladh a Dhia na cridhe ; agus cha ſleamhnuich a ghluaſachd.

33 Chi 'n tain-diaghaidh am firean ; agus iarruidh e fath gu mharbhadh.

34 Cha 'n fhag an Tighearn na laimh e ; 's cha ditear e' nuair bheirear breith air ;

35 Curſa do dhochas ſan Tighearn, agus coimhead a ſhlighe, agus ſoirbhichidh e leat, gus an ſealbhuich thu an tir ; 'nuair theid an tain-diaghaidh a leir-ſgrios, chi thu e.

36 Chunnaic mi fein 'n taingidh ann an cumhachd mor ; agus a ſgaoileadh mar ur-chrann uaine.

37 Chaidh mi ſeachad, agus feuch, ſhiubhail e ; dh'iarr mi e, ach cha ghabhadh aite gleidhe an ionad ar bith.

38 Gleidh neo-chiontas, thoir aire do'n ni tha ceart ; oir bheir ſin ſithchaimh da dhuine ſa dheire.

39 Air

39 Air ſon luchd an eaſaontas, leir ſgrioſar iad le cheile agus ſe 's crioch do na haindiaghaidh gun ſpionar amach iad fa dheire.

40 Ach bha ſlainte an ſhirean a teachd o'n Tighearn; an ti ſos is e an neart ann am trioblaid.

41 Agus ſeaſaidh an Tighearna leo, agus ni e 'n tearnadh; ni e 'n ſaoradh on ain-diaghaidh, agus ſabhailidh e iad, cheann gu bheil iad a cuir an dochas ann.

---

## URNUIGH MAIDNE.

### Latha viii.

Salm xxxviii. *Domine, ne in furore.*

NA cuir gu hachdmhaſan mi, O Thighearn, ann a'd' ſheirg; ni mo ſmachduicheas tu mi ann a'd throm dhiuma.

2 Oir tha do ſhaighde ſaite gu dlu annam; agus tha do lamh gam teanna gu goirt.

3 Cha 'n 'eil ſlainte am ſheoil, air ſon do dhiuma; ni mo tha ſois am chnamhan, air ſon mo pheaca.

4 Oir tha m' aingeachda air dol thar mo cheann; agus tha iad mar ualach ghoirt, tuille 's trom dhomhſa ri ghiulan.

5 Do m' chreachda tha droch bholadh, agus tha iad truaillidh; tre m' aimideachd.

6 Tha mi air mo thoirt gu trioblaid agus truaighe cho mhor; 's gu 'm bheil mi ſiubhal am bron re ſad an latha.

7 Oir tha mo leaſraidh air an lionadh le eacail ghoirt; agus cha 'n 'eil ball ſlan am chorp.

8 Tha mi lag, agus air mo bhualadh gu goirt; bheuchd mi le fior mhi-ſhuaimhneas mo chridhe.

9 AThighearna, 's aithne dhuit mo mhiann uile; agus cha 'n 'eil m'oſnuich ſoluichte uait.

10 Tha mo chridhe ploſcairtaich, dh' ſhailnich mo neart mi; agus dh' ſhag ſealla mo ſhul mi.

11 Sheas mo choimhearſnaich, agus luchd mo ghaoil ag amhare air mo thrioblaid; agus ſheas mo chairde fad as.

12 Leag iadſan ſos a dhiarr m' anam, ribeadh air mo ſhon; agus

agus an dream a chaidh man cuairt gu cron a dheanamh, labhair iad mu aingeachd, is bhreanuich iad ceilg re fad an latha.

13 Air mo ſhonſa, bha mi mar dhuine balbh, agus cha chuala mi; agus mar aon tha balbh, nach foſgail a bheul.

14 Dh' f has mi mar dhuine nach cluinn; agus aig nach 'eil achdmhaſan na bheul.

15 Oir annadſa, O Thighearna, chuir mi mo dhochas; freagraidh tus, as mo leith, O Thighearna mo Dhia.

16 Dhiarr mi nach tugadh iad eodhoin mo naimhde, buaidh thairis orm; oir nuair a thuiſle mo chas, rinn iad gairdeachas gu mor am aghaidh.

17 Agus niſe, gu firineach, tha mi ſuighte ſan phlaidh; agus tha mo throm bhron a ghna am ſhealla

18 Oir aidichidh mi m' aingeachd; agus bithidh mi bronach air ſon mo pheacaidh.

19 Ach tha mo naimhde beo, agus tha iad cumhachdach, agus tha iadſan lionmhor an aireamh, tha toirt fuath dhomh gu heacorach.

20 Tha iadſan fos am aghaidh, tha aig iocaidh uile air ſon maith; cheann gu bheil mi leantuinn an ni tha maith.

21 Na treig mi, O Thighearna mo Dhia; na bioſa fada uam.

22 Deanſa deiſir gum chuideachadh; O Thighearna Dhe mo ſhlainte.

## Salm xxxix *Dixi, cuſtodiam.*

THUIRT mi, bheir mi 'n aire do'm ſhlighibh; nach toir mi oilbheum le'm theangaidh.

2 Gleidhidh mi mo bheul mar le frian; 'm feadh tha 't aindiaghaidh am ſhealla.

3 Chum mi mo theanga, agus cha do labhair mi bheag; bha mi am' thoſd, ſeadh, iadhoin o bhriathra maith; ach bha e na phein agus na dhoighleas domh.

4 Bha mo chridhe teith 'n taobh a ſtidh dhiom, agus am feadh bha mi mar ſo a ſmaoineacha, las an teine; agus fadheire labhair mi le m' theangaidh.

5 Thighearna, faitheam ſios air mo chrich, agus aireamh mo laithean; chum gu 'm faith mi cinnte cia fad a bhitheas mi beo.

6 Feuch, rinn thu mo laithean mar fhad na boiſe; agus tha

m'aois direach mar neo-ni a' d' thaobhs', agus gu deamhin 's diamhanas gach duine beo gu hiomlan.

7 Oir tha 'n duine gluafachd ann ſgaile diamhain, agus ga dheanamh fein mi-ſhuaimhneach an diamhanas; tha e carnadh ſuas ſaibhreis, agus cha 'n urr e innſe co thionalas iad.

8 Agus anois, a Thighearna, ciod e mo dhochas; gu firineach tha mo dhochas annadſa.

9 Saor mi o m' oilbheuma gu leir; agus na dean mi am achdmhaſan do luchd na haimeadachd.

10 Dh' fhas mi balbh, 's cha d' fhoſgail mi mo bheul; oir be do dheanadas a bh' ann.

11 Thoir uam do phlaidh; tha mi direach air mo chaithe le cud-throm do laimhe.

12 Nuair a ſmachduicheas tu le hachdmhaſana duine air ſon peacaidh, tha thu toirt air a mhaiſe caithe as mar reudan a cnamh cuidich; 's diamhanas uime ſin gach duine.

13 Eiſd m' urnuidh, O Thighearna, agus le d' chluaſaibh hoir fanear mo ghlodhaich; na bi a'd' thoſd ri m' dheoir

14 Oir tha mi 'm choigreach maile riutſa, agus am fhear cuairt; mar bha m' aithribh uile

15 O caomhain mi uine bheag, chum gu 'n ath-leaſaich mo ſpionadh; mun teid mi a ſo, 's nach fhaicear mi ni ſmo.

## Salm xl. *Expectans, expectavi.*

DH' fheith mi gu faidneach ris an Tighearna; agus chrom rium, agus chual e mo ghlaodh.

2 Thug e mi fos as an t'ſlochd uamhan, as an laitheach agus as a chria; agus ſhuithich e mo chaſan air carraig, agus dhorduich e mo ghluaſachda.

3 Agus chuir e oran nuadh am bheul; iodhoin breathbhuidheachas da 'r Diane.

4 Chi moran e, agus bith eagal orra agus cuiridh iad an dochas ſan Tighearna.

5 'Sbeannuichte an duine a ſhuithich a dhochas ſan Tighearn; agus nach do phill ri luchd an ardain, agus ris an dream theid ma 'n cuairt le breugan.

6 O Thighearna mo Dhia, 's mor na hoibre iongantach a rinn thu, mar tha ſos do ſmuainte, tha dar taobhne; agus gidheadh cha 'n 'eil duine ſam bith gan cur an orducha dhuitſe.

7 Na 'n cuirin an ceill iad, agus gu 'n labhruin orra; bhithidh iad na ſmo na gu 'm b'urra mi an airis.

8 Iobairt

8 Iobairt na tabhartas bithe cha b' aill leat; ach dh' fhoſgail thu mo chluaſa.

9 Tabhartais loiſgte, agus iobairt air ſon peacaidh cha d' iarr thu; 'n ſin thuirt mi, feuch, tha mi teachd.

10 Ann an rola an leabhair tha e ſcriobhta umamſa, gu'n coilionair do thoil, O mo Dhia; tha mi toilichte a dheanamh, ſeadh, tha do lagh an leath a ſtidh do m' chridhe.

11 Chuir mi t' fhireantachd an ceill ſa cho-thional mhor; feuch, cha chaiſg mi mo bhile, O Thighearn, agus 's aithne dhuit ſin.

12 Cha d' fholuich mi t' fhireantach 'n leath a ſtidh mo chridhe; bha mo chainnt air t' fhirinn, agus air do ſhlainte.

13 Cha 'do chum mi air ais do throcair ghradhach, agus t' fhirinn; o'n cho-thional mhor.

14 Na tarruing thus air ais do throcair uam, O Thighearn; deanadh do chaoimhneas gradhach agus t' fhirinn mis a thearna a ghna.

15 Oir tha trioblaide gun aireamh air teachd man cuairt domh; ghabh mo pheaca a leithid a ghreim orm, ſnach urra mi fealltuin ſuas; ſeadh, tha iad na ſlionmhoire an aireamh na falt mo chinn, agus dh' fhailnich mo chridhe mi.

16 O Thighearna, gu m be do dheadh ghean mis a ſhaoradh; dean diſir, O Thighearna, gu cobhair orm.

17 Bitheadh iad fo naire, agus air an claoidh le cheile, tha 'g iarruidh 'n deidh m' anama gu a ſgrios; bitheadh iad air an iomain air an ais, agus air an cronucha tha runacha uile dhomh.

18 Bitheadh iad fas, agus le naire thugar duais dhoibh; tha 'g radh rium, nair ort! nair ort!

19 Bitheadh iadſa uile aoibhneach tha gad iarruidh; agus abradh a mhead 's le 'n ionmhuin do ſhlainte a ghna, gu 'n robh 'n Tighearn air a mholadh.

20 Air mo ſhonſa, tha mi bochd agus ainiſeach; ach tha curam aig an Tighearn dhiom.

21 Stu m' fhear cuidich, agus 'm fhear ſaoraidh; na dean fuireach fada, O mo Dhia.

## URNUIGH FEASGAIR.

### Salm xli. *Beatus qui intellgit.*

SBeannuichte eiſin a bheir fanear am bochd agus an tainiſeach; ſaoruidh 'n Tighearn e an am na trioblaid.

2 Tearnuidh 'n Tighearn e, agus ni e choimhead beo, chum gu 'm bi e beannuichte air thalamh; agus na toir thuſa thairis e gu toil a naimde.

3 Gu'n tuga an Tighearna co-fhurtachd dha 'nuair a laidheas e gu tinn air a leabaidh; dean thus a leaba gu leir an am a thinnis.

4 Thuirt mi, Thighearn, bi trocaireach dhomh; leighis m' anam, oir pheacich mi a'd' aghaidh.

5 Tha mo naimhde a labhairt uilc umam; c'uin a gheibh e bas, agus a theid ainm gu di.

6 Agus ma thig e 'm fhaicin, labhraidh e diamhanas; agus tha chridhe an leath a ſtidh dheth a gabhail breige, agus nuair thig e mach ni e innſe.

7 Tha mo naimhde gu leir a cogarſaich ri cheile am aghaidh; iodhoin am aghaidh tha iad a deilbh an uilc ſo.

8 Thigeadh binne a chiontaich amach na aghaidh; agus a nois gu 'm bheil e na laidhe, na eireadh e ni ſmo.

9 Seadh, mo charaid daimhail, ann do chuir mi m' earbſa; a dhith fos m' aran, leag e mor fheithe air mo ſhon.

10 Ach bi thuſa trocaireach dhomh, O Thighearn; togſa ſuas mi aris, agus bheir mi duais doibh.

11 Le ſo tha fhios agam gu bheil do dheadh-ghean domh; nach eil mo naimhde toirt buaidh am aghaidh.

12 Agus nuair tha mi am ſhlainte tha thu gam chumail ſuas; agus cuiridh tu mi a'd' lathair gu ſiorruidh.

13 Beannuichte gu 'n robh Tighearna Dia Iſrael; ſaoghal gun chrich. Amen.

## Salm xlii. *Quemadmodum.*

MAR tha 'm fiagh 'g iarruidh nan ſtruthan uiſge; mar ſin tha m' anam an geall ortſa, O Dhe.

2 Tha iotadh air m'anam airſon Dhe, ſeadh, airſon an Dia bheo: cuin a thig mi ſa dh' fhoillſichar mi roimh lathaireachd Dhia?

4 'Nois nuair a ſmuainicheas mi air ſo, tha mi dortadh mach mo chridhe leam fein; oir chaidh mi leis a mhor-ſhluadh, agus thug mi iad gu tigh Dhe;

5 Ann an guth molaidh agus breath bhuidheachais; a meaſg na muintir tha coimhead latha ſaer.

Carſon

6 C'arſon tha thu co lan do throm bhron, o m'anam; agus c'arſon tha thu co mhi-ſhuaimhneach an taobh a ſtidh dhiom?

6 Cuir t'earbſa ann an Dia; oir bheir mi fathaſt buidheachas d'a air ſon cobhair a ghnuiſe.

8 Mo Dhia, tha m'anam air a chradh an taobh ſtigh dhiom; uime ſin cuimhnicheam thu mu thiomchiol tir Iordain, agus tuluich bheag Hermoin.

9 Tha doimhneachd a gairm air doimhneachd eile, air ſon fuaim nam feadan uiſge; tha do thuinn agus do dhoimhneanibh uile air dol thairis orm.

10 Dheonuich an Tighearn a chaoimhneas gradhach a'n am an latha; agus an am na hoiche rinn mi ceol uime, agus rinn mi m'urnuidh ri Dia mo bheatha.

11 Their mi ri Dia mo neart, c'arſon a dhi-chuimhnich thu mi; c'arſon tha mi 'g imeachd mor tuirſeach feadh tha mo namhad gam fhoirignidh?

12 Tha mo chnamhan air am bualadh o' cheile mar gum b'ann le claidhe; 'm feadh tha mo naimhde tha cuir trioblaid orm a tilg orm ſna ſiacla;

13 Gu ſonriughte 'm feadh tha iad ag radh rium gach latha; c'aite anoiſe 'm bheil do Dhia.

14 C'airſon tha thu mar ſin air do chradh, O m'anam; agus c'arſon tha cho mhi-ſhuaimhnich an taobh a ſtidh dhiom?

15 O earb ſan Tighearna; oir bheir mi fathaſt mioladh dha, 'n ti a ſe cobhair mo ghnuiſe, agus mo Dhia.

## Salm xliii. *Judica mi, Deus*

THoir breith leamſa, O Dhe, agus dion mo chuis an aghaidh 'n tſluaigh ain diagaidh, O ſaor mi on duine chealgach agus aingidh.

2 Oir s'tu Dia mo neart, c'arſon a chuir thu uat mi; agus c'arſon tha mi ſiubhal cho tuirſeach, 'm feadh tha 'n naimhaid gam fhoireigneadh?

3 O cuir amach do ſholus agus t'fhirinn chum gu'n treoruich iad miſe; agus gu 'n toir iad miſe gu d' thuluich naomha, agus gu t'aite comhnuich.

4 Agus chum gu 'n teid mi gu altair Dhia, iodhoin gu Dia m'aiobhnais agus m'aitis; agus air a chlarſaich bheir mi buidheachas duit, O Dhe, mo Dhia.

5 C'arſon tha thu cho tuirſeach, o m'anam, agus c'arſon tha thu cho mhi-ſhuaimhneach an taobh a ſtigh dhiom?

6 O

6 O cuir t' earbſa an Dia; oir bheir mi taing dha fathaſt, 'n ti a ſe cobhair mo ghnuiſe, agus mo Dhia.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha ix.

Salm xliv. *Deus, auribus*

GHuala ſinn ler cluaſa, O Dhia, dhinnis ar 'n aithriche dhuinn; ciod a rinn thu na' n amſa O ſhean.

2 Cia mar dhiomain thu mach na cinnich le d' laimh, agus a ſhuithich thu iadsan a ſteach; cia mar ſgrios thu na cinnich, agus a thilg thu mach iad.

3 Oir cha d' fhuair iad ſeilbh ſan tir le n claidhe fein; ni mo be an gairdean fein a chuidich iad.

4 Ach do lamh dheas, agus do ghairdean, agus ſolus do ghnuiſe; chean gu m robh do dheadh-ghean riu.

5 S'tu mo righ, O Dhe; cuir cobhair gu Iacob.

6 Leatſa cuiridh ſinn bun-oſcionn ar naimhde; agus ann a'd 'ainm ſaltraidh ſin fodha 'n dream tha 'g eiridh ſuas nar aghaidh.

7 Oir cha n earb mi a m'bhodha; cha 'n e mo chlaidhe ni cobhair orm.

8 Ach s'tus a ſhabhalas ſinn o'r naimhde; agus a chuireas gu hamhladh iadsan aig am bheil fuath dhuinn.

9 Ni ſinn ar 'n uaill a Dia re fad an latha; agus molaidh ſinn tainm gu ſiorruidh.

10 Ach tha thu nois fad as, agus a cuir amhladh oirne; cha'n'eil thu dol amach le'r 'narmailte.

11 Tha thutoirt oirn 'ur cul a thionda ri ar naimhde; ionnas gu m bheil iadsan tha toirt fuath dhuinn, a creachadh ar maoin.

12 Tha thu ceaducha dhuinn a bhi air ar 'n ithe ſuas mar chaoirich; agus ſgap thu ſinn am meaſg nan cinneach.

13 Tha thu reice do fhluaidh airſon neo ni; agus cha' n'eil thu gabhail airgid air an ſon.

14 Tha thu toirt oirn a bhi air ar cronucha le'r coimhearnaich; 's a bhi na'r n'aobhar ghaire, agus n'ar cuis mhagaidh dhoibh ſin tha man cuairt duinn.

15 Tha

15 Tha thu gar deanamh nar leith fhocal a meafg nan cinneach ; agus gu bheil an fluagh a crathagh an cinn rinn.

16 Tha m'amhladh am lathair gach latha ; agus dh'fholuich naire mo ghnuis mi ;

17 Air fon guth an fhir toilbheum agusbh lafbheum ; airfon an namhaid agus an dioltuich.

18 Agus ged tha fo uile air teachd oirn, gidheadh cha' n'eil finn dearmadadh ortfa ; na gar giulan fein daoirbh an a'd 'chumhnante.

19 Cha' 'neil ar cridhe a pille air ais ; na ar ceuma a dol as do fhlighe ;

20 Cha' n'eil, nuair a bhuail thu finn an aite dhragoin ; agus a dh'fholuich thu finn le fgail a bhais.

21 Ma dhearmad finn ainm ar Dia, agus ar lamh an a chumail fuas ri Dia coimheach ; nach rannfuich Dia amach e ? oir 'f aithne dha fos dhiamhaireachd a chridhe.

22 Air do fgafa fos tha finn air ar marbha re fad an latha ; agus air ar meas mar chaoirich air an orducha gu bhi cofgairt.

23 Eirich, a Thighearn, c'arfon tha thu cadul ; mofgail, agus na bi air aftar uain gu brath.

24 C'arfon a dh'fholuicheas tu do ghnuis agus a dhearmadas tu ar truaighe 's ar trioblaid ?

25 Oir tha ar n'anam air a thoirt iofal, iodhoin chum an dufluich ; tha ar bru air leantuin ris an uir.

26 Eirich, agus dean cobhair oirn ; agus fuafgail oirn air fga do throcair.

## Salm xlv. *Eructavit cor meum.*

THA mo cridhe a deachda deadh chuis ; tha mi labhairt mu na nithe a rinn mi d'on righ.

2 Tha mo theanga ealanta : mar pheann deadh chleirich.

3 S'tu ifimaifiche na clann daoine ; tha do bhile lan grais, cheann gan bheannuich Dia thu gu brath.

4 Criofruich thu fein led' chlaidhe air do leife, O thus 's ro chumhachdaiche ; a reir t'onoir s do mhor chliu.

5 Gum bithidh deadh fhoirbheas agadfa le tonair ; marcuich air t'aighaidh airfon guth na firinn, a chiuinis, agus na fireantachd ; agus teagaifigdh do lamh dheas duit nithe uabhafach,

6 Tha do fhaide ro gheur, agus bithidh 'n fluagh air an ceannfucha dhuit ; eodhoin fa mheadhon a meafg naimhde an Righ.

7 Mairidh

7 Mairidh do chathair, O Dhe, gu ſiorruidh ; 'ſlat ſhuaicheantais cheart ſlat ſhuaicheantais do righeachd.

8 Thug thu gradh do 'f hireantachd, agus fuath do eaceart ; uime ſin rin Dia, iodhoin do Dhiaſa, d'unge le ola aoibhneis oſcionn do chompanich.

9 Tha do' taodach boladh mirr, alos, agus caſia ; as na luchirtibh ibhri leis an d' rinn iad thuſa ait.

10 Bha nigheanna righre ameaſg do mhnaithean onarach ; air do laimh dheis ſheas a bhanrigh ann an truſgan oir, air oibreacha man cuairt le dathun eag-ſamhla.

11 Eiſd o nighean, agus thoir fanear ; crom do chluas, dichuimhnich ſos do ſhluagh fein, agus tigh t'athair.

12 Mar ſin bithidh tlachd aig an righ ann a'd' ſgeimh ; oir 'ſe an Tighearna do Dhia e, agus dean thuſa adhra dha.

13 Agus bith nigheana Thire 'n ſin le tiodhlach ; mar'na daoine beartach meaſg an t'fluaidh ni iad an gearan a d lathair.

14 Tha nighean an righ uile glormhor an taobh a ſtigh ; tha h'aodach do or oibrichte.

15 Bheirear i dhionnſuidh 'n righ ann an ſgeuducha a dh' obair ſnathaide bithidh na maighdeana 's ban chompanich dhi a cumail cuideachd rithe, agus bheirear a'd' ionnſuidhſe iad.

16 Le aiteas agus aoibhneas bheirear ann iad ; agus theid iad a ſtidh ann an luchuirt an righ.

17 Ann an aite t'aithrichean bi agad clann ; d'am feud thu prionſachan a Dheanamh ann ſgach tir.

18 Cuimhnuichidh mi t'ainm o aon linn gu linne eile ; uime ſin bheir an ſluagh taing dhuit, ſaoghal gun chrich.

## Salm xlvi. *Deus noſter refugium.*

'SE Dia ar neart agus ar dochas ; cobhair ro dheas ann an trioblaid.

2 Uime ſin cha bhi eagal oirn ge d' ghluais an talamh ; agus ge d' ghiulainear na cnoic gu meadhon na fairge.

3 Ge d' bheuchd agus ge d' att a huiſgeacha ; agus ge d' chrithich na beannta le an doinion.

4 Ni aibhnichean a tuille chathair Dhia ait ; ionad naomha pailluin an ti 's ro airde.

5 Tha Dia n'a meadhon, uime ſin cha athraichear i ; ni Dia cobhair oirre, agus ſin gu ro mhoch.

6 Tha na cinnich deanamh moran uaighnaich, agus tha na

righeachda air dufga; ach dh' fhoillfich Dia a ghuth, agus leaghaidh 'n talamh as.

7 Tha Tighearna nan fluagh maille rinne; 's e Dia Jacob ar tearmunn.

8 O thigibh an fo, agus faicibh oibre an Tighearn; ciod an fgrios a thug e air an talamh.

9 Tha e toirt air a chogadh fgur ann fan t'faoghal uile; tha e brifeadh a bhodha, agus a fpealga na fleadha na bloide, agus a lofga na 'n carbad fan teine.

10 Bi famhach ma feadh, agus aithniche gur mife Dia; bithidh mi air m' arducha a meafg nan cinneach, agus bithidh mi air m' arduch' air an talamh.

11 Tha Tighearna nan fluagh maille rinne; 's e Dia Jacob ar tearmunn.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm xlvii. *Omines gentes, plaudite.*

O Buailibh 'ur bafaibh ri cheile, a fhluagh gu leir; O feinnibh do 'n Tighearna le guth binn-cheol.

2 Oir tha 'n Tighearn ard, agus na chuis eagail; 'fe an Righ mor air an talamh uile.

3 Ceannfuichidh e 'n fluagh futhuin agus na cinnich fo ar cafan.

4 Roghnuichidh e mach oighreachd dhuinn; iodhoin oighreachd Jacob, da n tug e gradh.

5 Chaidh Dia fuas le fuaim fhubhach; agus an Tighearna le fuaim trompaid.

6 O feinnibh moladh, feinnibh moladh d'ar Dia; O feinnibh moladh, feinnibh moladh d'ar righne.

7 Oir fe Dia Righ an talmhain uile; feinnibh moladh le tuigfe.

8 Tha Dia a' riaghluch os'cionn nan cinneach; tha Dia na fhuidhe na ionad naomh.

9 Tha prionnfachan an t'fluaigh air dluthacha ri fluagh Dia Abraham: oir tha Dia, a tha air arducha gu harda, a dionadh an talmhain, mar gu 'm b'ann le fge,

## Salm xlviii. *Magnus Dominus.*

'SMOR an Tighearn, agus 's airidh e bhi air a mholadh gu hard; ann an cathair ar De'ne, iodhoin air a thulaich naomha.

2 'S ionad maiſeach tuluich Shion, agus aoibhneas an talmhain gu hiomlan; air an taobh ma thuath tha cathair an Righ mhoir na laidhe; tha Dia deadh aithnichte ann a luchuirtibh, mar thearmunn cinnteach.

3 Oir feuch, tha righre an talmhain air tional agus air ſiubhal ſeachad le cheile.

4 Ghabh iad ionadh a leithid a nithe fhaicin; ghabh iad iongantas, agus tha iad air an tilge ſios gu grad.

5 Thainig eagal agus bron orra ann ſin; mar air mnaoi ri ſaothair chloinne.

6 Briſidh tu loingeas a chuain le gaoith an ear.

7 A reir mar a chuala ſinn, mar ſin chunnaic ſinn ann an cathair Tighearna nan ſluagh, ann an cathair ar De; cumaidh 'n Tighearn ſuas i gu brath.

8 Tha ſinne feithe ri d' chaoimhneas gradhach, O Dhia; ann am meadhon do theampuil.

9 O Dhe, a reir t'ainme, mar ſin tha do mhola' gu crich an domhan; tha do lamh dheas lan fireantachd.

10 Deanadh beinn Shioin gairdeachas, agus bitheadh nighean Juda ait; air ſon do bhreitheanais.

11 Siubhail tiomchioll Shioin, agus imich mu 'n cuairt di; agus aireamh a turaite.

12 Beachduichidh gu geur air a babhuin, cuiribh ſuas a tighean; chum gu'n innis ſibh dhoibhſin a thig nar deidh.

13 Oir ſe 'n Dia ſo ar Diane gu ſaoghal nan ſaoghal; bithidh e na fhear ſtiuraidh dhuinn gus an tig am bas.

## Salm xlvix. *Audite hæc omnes.*

OEiſdibh ſo, a ſhluaigh gu leir; thugadh ſanear e le'r cluaſa, ſibhs uile tha chomhnuidh ſan domhan.

2 Ard agus ioſal, beartach agus bochd; le cheile.

3 Labhraidh mo bheul air gliocas; agus ſmuainichidh mo chridhe air tuigſe.

4 Aomaidh mi mo chluas ris a choſamlachd; agus feuchuidh mi mo chainnt dhorch air a chlarſaich.

5 Ciod

5 Ciod uime bhitheadh eagal orm ann an la na haingeachd ; agus an 'nuair a dhiathas aingeachd mo ſhailte mu 'n cuairt domh.

6 Tha cuid aig earbs as am maoin ; agus a deanamh uaill aſta fein ann an lionmhaireachd am beartais.

7 Ach cha 'n fheud duine a bhrathair f huaſgla ; na reiteadh a dheanamh ri Dia as a leith.

8 Oir choſt e tuille a dh' fhuaſgladh an anma ; ionnas g m feum e ſin a leaga dheth gu ſiorruidh.

9 Seadh, ged fhaith e beatha f hada ; agus ge nach f haic e an uaigh.

10 Oir tha e faicin gu bheil daoine glice a f haghail fa bais mar an ceudna, agus a dol a dhith le cheile ; cho mhath ris an aineolach agus ris an amaideach, agus a fagail am beartais do chach.

11 Agus gidheadh tha iad am barrail gu mair an tigheanſa gu brath ; agus gum buanuich an aiteacha comhnuidh o linn gu linn, agus tha iad aigainmeacha an tire an deidh n'ainme fein.

12 Gidheadh, cha 'n fhuirich duine an onair ; do bhrigh gum feudar a ſhamhlucha ris na hainmhidhean a theid gu dith ; ſi ſo nan ſlighe.

13 Se ſo an amaideachdſa ; agus molaidh an ſliochd am briathra.

14 Tha iad a laidhe an ifrinn mar chaoirich, tha am bas a cnamh orra, agus bithidh uachdranachd aig an f hirean thairis orra ann ſa mhaduin ; caithidh am maiſe ſan uaigh o'n ionada comhnuidh.

15 Ach ſhaor Dia m' anam o ionad ifrinn ; oir gabhaidh e fein mi.

16 Na bi thuſa fo eagal ged' nithear neach beartach ; na ge d' theid gloir a thighe am mead.

17 Oir cha ghiulain e bheag air falbh leis, 'nuair a gheibh e bas ; ni mo a leanas a ghreadhnachas e.

18 Oir am feadh a bha e beo, mheas e e fein na dhuine ſona ; agus am feadh a ni thu gu maith dhuit fein labhraidh daoine gu maith umad.

19 Leanadh e linne aithriche ; 's cha 'n fhaic e m' feaſt ſolus.

20 Duine ann an onair ach gun tuigſe ; tha air a choimeas ris na hainmhidhean a theid gu dith.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha x.

### Salm l. *Deus deorum.*

LAbhair an Tighearn, iodhoin an Dia 's ro airde; agus ghairm e 'n domhan, O eiridh na greine, gu a dol fudha.

2 Dh' fhoillſicheadh Dia a Sion; ann an ſgeimh iomlan.

3 Thig ar Dia, agus cha bhi e na thoſd; theid teine loiſgeach roimhe, agus duiſgear ſuas doinion gharbh m' an cuairt d'a.

4 Gairmidh e na neamha o'n airde; agus an talamh, chum breith a thoirt air a ſhluagh.

5 Tionailidh mo naoimh am ionnſuidh; a mhuintir ùd a rinn cumhnanta rium le hiobairt.

6 Agus cuiridh na neamha an ceill fhireantachd; oir ſe Dia fein am breith.

7 Eiſdibh, O mo ſhluagh, agus labhraidh mi; bheir mi fein dearbha a taghaidh, O Iſrael; oir 's miſe Dia, iodhoin do Dhiaſa

8 Cha chronuich mi thu air ſon tiobairte, na airſon do thabhartais loiſgte; chean nach robh iad a ghna am fhiadhnais.

9 Cha gabh mi tarbh as do thigh; na boc gaibhie as do chro.

10 Oir 's leamſa uile bheathaiche na fridhe; agus mar ſin 's leam an ſpreidh air mhile cnoc.

11 'S aithne dhomhſa gach eunlaith air na beannta; agus tha na beathaiche fiadhaich ann am ſhealla.

12 Ma bhitheas ocras orm, cha 'n innis mi dhuitſe e; oir 's leams an domhan gu leir, agus na huile ni th'ann.

13 'M bheil thus am barail gu 'n ith miſe feoil tharbh; agus gu 'n ol mi fuil ghabhar?

14 Tairg do 'n Tighearn breithbuidheachas; agus ioc do mhoidean do 'n ti 's airde.

15 Agus gair ormſa an am trioblaid; mar ſin cluinidh mi thu, agus bheir thu moladh dhomh.

Ach

16 Ach ris an ain-diaghaidh thuirt Dia; c'arſon tha thu ſearmonacha mò laghſa agus a gabhail mo chumhnanta a'd' bheul.

17 'Nuair tha fuath agad a bhith air t'ath-leaſuchadh; agus a thilg thu mo bhriathra air do chulthaobh?

18 'Nuair chunuaic thu gadaiche, dhaontaich thu leis; agus bha thu t' fhear copairt le luchd an adhaltranais.

19 Cheaduich thu do'd bheul aingeachd a labhairt; agus led' theangaidh chuir thu mach ceilg.

20 Shuidh thu agus labhair thu 'naghaidh do bhrathar; ſeadh, agus thug thu tiobheum do mhac do mhathar.

21 Rinn thu na nithe ſin, agus bha mis am thoſd, agus ſmuainich thu gu haingidh, gum bheil miſe direach mar thu fein; ach cronuichidh miſe thu, agus cuiridh mi a'd lathair na nithe a rinn thu.

22 O thugadh ſo fanear, ſibhſe tha dearmad Dhia; 'n teagal gu 'n ſpion mis air falbh ſibh, 'ſnach bi a haon ann a ni fuaſgla' oirbh.

23 Co air a bith a bheir buidheachas agus moladh dhomhſa, tha e cuir onair orm; agus dhaſan a dh'orduicheas a beatha air choir, feuchaidh miſe ſlainte Dhe.

## Salm li. *Miſerere mei Deus.*

DEan trocair orm, O Dhe, a reir do mhor mhaitheis; a reir lionmhaireachd do throcaire, duth as mo lochda.

2 Ionlaid mi gu glan o m'aingeachd; agus glan mi o' m pheaca.

3 Oir tha mi 'g aideacha mo choireana agus tha mo pheaca a ghna am fhia'nais.

4 A' taghaidhſe amhain pheacaich mi, agus rinn mi 'n tolc ſo ann a'd' ſhealla; chum gu 'm bithe tu air t'fhireanacha ann a'd' bhriathra, agus glan 'nuair bheirte breith ort.

5 Feuch, bha mi air mo chumadh an aingeachd; agus ann am peaca thorruiche mo mhathair orm.

6 Ach feuch, iarruidh tu firinn an leith a ſtigh; agus bheir thu orm gu 'n tuig mi gliocas gu huaigneach.

7 Glanaidh tu mi le hiſop, agus bithidh mi glan; ni thu m'ionlad, agus bithidh mi ni ſgile na ſneachda.

8 Bheir thu orm gu 'n cluinn mi mu aoibhneas agus aiteas; chum gu 'n dean na cnamhan a bhris thu gairdeachas.

9 Tionda do ghnuis o m' pheacaibh; agus cuir as m'eacoire gu leir.

10 Dean

10 Dean dhomh cridhe glan, O Dhia agus ath nuadhaich ſpiorad ceart an taobh a ſtigh dhiom.

11 Na tilg o' d' lathair mi; agus na toir do ſpiorad naomha uam.

12 O thoir dhomh solas do chobhair aris; agus daingnich mi led' ſpiorad ſaor.

13 'N ſin teagaiſgidh mi do ſhlighe do'n aingidh; agus iompaichear peacaire a d' ionnſidh.

14 Saor mi o chionta fala, O Dhia, thuſa is Dia mo ſhlainte agus ſeinnidh mo theanga air t fhireantachd.

15 Foſgluidh tu mo bhile, O Thighearn, agus foillſichidh mo bheul do mholadh.

16 Oir cha' n' eil thu 'giarruidh iobairt, no bheirinn duit i; ach cha'n'eil thu gabhail tlachd ann an Ofraile loiſgte.

17 Se 'n ſpiorad tuirſeach iobairt Dhia; cridhe briſt agus bruite, cha dean thuſa tair air O Dhia.

18 O bi fabhorach agus graſmhor do Shion; tog ſuas ballachan Hieruſaleim.

19 'N ſin bithidh tu toilichte le iobairt fhireantachd, le ofraile agus tabhartais loiſgte; 'n ſin tairgidh iad tairbh ogadh air t'altair.

## Salm lii. *Quid gloriaris?*

THuſa ain-tighearn, c'arſon tha thu ri uaill afad fein; gu 'm bheil thu a'd' urrain olc a dheanamh,

2 'Nuair tha maitheas Dhe; buanacha fathaſt gach latha?

3 Tha do theanga a breunnacha aingeachd; agus le breugan ni thu gearradh mar le healtuin gheur.

4 Ghradhuich thu eas-ionracas ni ſmo na maitheas; agus a labhairt bhreug ni ſmo na 'n fhireantachd.

5 B'ionmhuin leat gach fhocal a labhairt a dheanadh cron O thuſa theanga bhreugach.

6 Uime ſin ni Dia do ſgrios am feaſt; glacaidh e thu, agus ſpionaidh e thu as t'aite comhnuidh, agus bheir e do fhreamh a tir nam beo.

7 Chi am firean ſo fos, agus bithidh eagal air; agus ni e gaire fochaid ris.

8 Feuch, ſo an duine nach do ghabh Dia mar a neart; ach a dhearb a lionmhoireachd a bheartais, agus a neartaich e fein ann a aingeachd.

9 Air mo ſhonſa, tha mi mar chrann ola uaine ann an tigh Dhe;

Dhe : tha mo dhochas ann an caomh throcair Dhe a chaoidh nan cian.

10 Bheir mi buidheachas duit an comhnuidh airſon an ni a rinn thu ; agus cuiridh mi mo dhochas ann a'd' ainm, oir 's ro thaitneach le d' naoimh e.

## URNUIGH FHEASGAIR.

### Salm liii. *Dixit inſipiens.*

THUIRT an tamadan na chridhe : cha' n'eil Dia ann.

2 Tha iad truaillidh, agus air fas uabhara nan aingeachd: cha' n'eil a haon tha deanamh maith.

3 Sheall Dia 'nua s oneamha air chloinn nan daoine ; dh' fhaicin an robh neach ann a thuige, agus a dhiarradh an deidh Dhe.

4 Ach tha iad uile air dol a thaobh, tha iad gu leir air fas truaillidh ; cha' n'eil fos neach ri maith, cha' n'eil a haon.

5 Nach 'eil iad gun cheil, tha deanamh aingeachd ; 'g ithe ſuas mo ſhluaigh mar aran ? cha do ghair iad air Dia.

6 Bha eagal orra ſan aite ann's nach robh eagal ; oir bhris Dia cnamhan an neach a chuir ſeiſde riut ; chuir thu iad gu hamhla, cheann gu 'n drinn Dia tair orra.

7 O, nach robh ſlainte air a thoirt do Iſraeil a Sion ; O nach fuaſgladh an Tighearn a ſhluadh a brai'deanas !

8 'N ſin dheana Iacob gairdeachas ; agus bhitheadh Iſraeil ſior ait.

### Salm liv. *Deus, in nomine.*

SAbhail mi, o Dhe, air ſga tainme ; agus diodhail mi ann a'd neart.

2 Cluinn m'urnuidh, O Dhe ; agus eiſd ri briathra mo bheoil.

3 Oir tha coigrich air eiridh am aghaidh ; agus tha ain-tighearnan, aig nach 'eil Dia roimh an ſuile ag iarruidh an deidh m'anma.

4 Feuch, ſe Dia m'fhear cuidich ; tha 'n Tighearna maille riuſan tha cumail ſuas m'anma.

5 Iocaidh e olc do m' naimhde ; ſgrios thuſa iad a'd' fhirinn.

6 Tabhartas cridhe ſaor bheir mi dhuit ; agus molaidh mi t'ainm, O Thighearn. cheann gu bheil e cho ſholaſach.

7 Oir

7 Oir ſhaor e mi as mo thrioblaide gu leir ; chunnaic mo ſhuil a miann air mo naimhde.

## Salm lv. *Exaudi, Deus.*

O Dhe, eiſd m'urnuidh, agus na foluich thu fein o m'iarrtas.
2 Thoir aire dhomh, agus cluinn mi ; cia mar tha mi ri bron ann am urnuidh, agus air mo chradh.

3 Tha ann amhad ag eidheach mar ſin, agus an tain-diaghaidh teachd air aghaidh cho grad ; tha iad ſuidhichte cho mhierunach am aghaidh, 's gu bheil rompa cailcigin a dh' olc a dheanamh orm.

4 Tha mo chridhe mi ſhuaimhneach 'n taobh ſtigh dhiom ; agus thuit eagal a bhais orm.

5 Tha ogluichd agus ballchri' air teachd orm ; agus rinn uamhun gharbh mo ſhlugadh ſuas.

6 Agus thuirt mi, O nach raibh agam ſgiathan mar cholman ; oir an ſin theichin air falbh, agus bhitbin aig fois.

7 Feuch, 'n ſin rachainn fad as ; agus dh'fhanain ſan fhaſach.

8 Dheanainn diſir gu teiche ; airſon na gaoithe agus an doineann ghailleiche.

9 Sgrios an teangana, O Thighearna, agus ſgoill o cheile iad ; oir bheachduich mi eaſ-ionracas, agus ſtri ſa chathair.

10 Tha iad dol m'un cuairt do bhallachan a latha ſa dhoiche ; tha olc fos agus bron ann a mheadhon.

11 Tha aingeachd a ſteach ann ; cha' n'eil ceilg agus feall a dol as a ſhraidean.

12 Oir cha namhaid fhollaiſeach a thug an eas-onair ſo dhomh ; oir na m b'e ghiulainin e.

13 Ni mo a b'e m'eas-caraid a rinn e fein a mhoracha am aghaidh ; oir nam be theagamh gum foluichin mi fein uaithe.

14 Ach be thuſa direach, mo chompanach ; m'fhear-treoriche, agus mo charaid dilis fein,

15 Ghabh ſin comhairle thaitneach le cheile ; agus ghluais ſinn an tigh Dhe mar chairdean.

16 Thigeadh am bas gu hoban orra, agus rachadh iad gu healamh ſios a dh'ifrinn, oir tha aingeachd na 'n aite comhnuidh agus nam meaſg.

17 Air mo ſhonſa gairidh' mi air Dia ; agus teaſairg 'n Tighearna mi.

18 Ni mi urnuidh mu fheaſgar, ſa mhaidin, agus mu mheadhon

mheadhon latha, agus ſin gu bunailteach; agus cluinnidh e mo ghuth.

19 'S eiſin a ſhaor m'anam an ſith o'n chomhrag a bha am aghaidh; oir bha moran leam.

20 Seadh, iodhoin Dia, tha buan gu ſiorruidh, cluinnidh e mi, agus bheir e ſios iad: oir cha phill iad, agus cha bhi eagal De orra.

21 Leag e lamhan air a mhead ſa tha 'n ſith ris; agus bhris e a chumhnanta.

22 Bha briathra a bheoil ni 's buige nan tim, 's cogadh na chridhe; bha bhriathra ni bu tlathaidh na ola, agus gidheadh, b' fhior chlaidhean iad.

23 O tilg t'eallach air an Tighearn, agus ni e t'altrum; agus cha 'n fhuiling e do'n fhirean tuiteam am feaſt.

24 Agus air an ſonſa; bheir thuſa, O Dhia, ſios iad gu ſlochd na ſgrioſa.

25 Cha bhi na daoine iot-fhuileach agus cealgach beo leth an laithibh; gidheadh, bithidh m'earbſa anad, O Thighearn.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xi.

### Salm lvi *Miſerere mei, Deus.*

BI trocaireach dhomh, O Dhe, oir tha duine dol m'un cuairt gu'm ſhlugadh; tha e cogadh gach latha, agus a cuir trioblaid orm.

2 Tha mo naimhde gach latha ſeolta gu'm ſhlugadh ſuas; oir tha iad lionmhar ata ri cogadh am aghaidh, O thus a thi 's ro airde.

3 Gidheadh, ged' tha eagal orm air uairibh; fathaſt tha m'earbſa annad.

4 Molaidh mi Dia, airſon fhocail; Dhearb mi an Dia, agus cha bith eagal orm ciod is urrain feoil a dheanamh dhomh.

5 Tha iad a gabhail m' fhocail am mearachd; cha dielbh iad ni air bith ach cron a dheanamh dhomh.

6 Tha iad uile a cumail cuideachd, agus gan cumail fein gu

dlu; agus a comhruchadh mo cheimeana, 'nuair tha iad re feall fheithe airſon m'anama.

7 'N d' teid iad as airſon an aingeachd; tilgidh tuſa ſios iad O Dhe, ann a'd' dhiumadh.

8 Tha thu 'g aireamh mo ſheachrana, cuir mo dheoir ann a'd' leabhar?

9 C'uin air bith a ghaireas mi ort, 'n ſin bithidh mo naimhde air an cuir gu teiche; ſo is aithne dhomh; oir tha Dia air mo thaobh.

10 Ann am ſocal De ni mi gairdeachas; agus ann am ſocal an Tighearne gabhuidh mi co fhurtachd'

11 Seadh, chuir mi m'earbs ann an Dia; cha bhi eagal orm ciod is urrain duine dheanamh orm.

12 Dhuitſe, O Dhia, iocaidh mi mo mhoidean; dhuitſe bheir mi buidheachas.

13 Oir ſhaor thu m'anam o' n bhas; agus mo chaſan o thuiteam; chum gu 'n gluais mi am ſia'nais De ann an ſolus nam beo.

## Salm lvii. *Miſerere mei. Deus.*

BI trocaireach dhomh, O Dhia, bi trocaireach dhomh, oir tha m'anam a 'g earbſa annad; agus fo ſgaile do ſgiatha bithidh mo thearmunn gus am bi an ain-tighearnas ſo thairis.

2 Gairidh mi ris an Dia 's ro airde; iodhoin ris an Dia a choi' lionas a chuis ata agam an laimh.

3 Cuiridh e o neamha; agus tearnuidh e mi o achdmhaſan an fhir leis am b'aill m' ithe ſuas.

4 Cuiridh Dia mach a throcair agus fhirinn; tha m'anam am meaſg leomhan.

5 Agus tha mi am laidhe iodhoin a'meaſg clann daoine, tha air an cuir nan teine; aig am bheil am fiacla na 'n ſleaghan 's na 'n ſai'dean, agus an teanga na chlaidhe geur.

6 Cuir ſuas thu fein, O Dhe, oſ cionn na neamha; agus do ghloir oſ cionn an talmhain uile.

7 Leag iad lion airſon mo chas; agus ſhaltair iad ſios m'anam; chladhaich iad ſlochd romham, agus tha iad fein air tuiteam an mheadhon.

8 Tha mo chridhe ſuichte, O Dhe, tha mo chridhe ſuichte; ſeinnidh mi, agus bheir mi moladh.

9 Moſgail mo ghloir, moſgail a chruit agus a chlarſach; moſglaidh mi fein gu fior mhoch.

10 Bheir

10 Bheir mi buidheachas duit, O Thighearn, a meaſg an t' ſluaigh; agus ſeinnidh mi duit am meaſg nan cinneach.

11 Oir tha mead do throcair a ruidheachd na neamha; agus t' f hirinn chum na neul.

12 Cuir ſuas thu fein, O Dhia, oſ cionn na neamha, agus do ghloir oſ cion ann talmhain uile.

## Salm lviii. *Si vere utique.*

AM bheil 'ur nintinne ſuichte air fireantachd, O ſibhs a chothionail; agus am bheil ſibh toirt breith air an ni tha ceart, O ſibhs a chloinn nan daoine?

2 Seadh, tha ſibh a dealbh olc ann 'ur cridheachan air an talamh; agus tha 'ur lamhan ag oibreacha aingeachd.

3 Tha na hain-diaghidh daoirbh iodhoin o bhroinn am mathar; cho luath 'ſa tha iad air am breith, theid iad air anradh, agus a labhairt bhreug.

4 Tha iad chò nimheil ri nimh nathrach, iodhoin mar an nathair nimh bhodhar tha druide a cluas;

5 Tha diulta eiſteachd ri guth nan druithe; ge 'ta e ri druitheachd gu ro ghlic.

6 Bris am fiacla, O Dhe, ann am beul, buail cialaibh nan leomhan, O Thighearna; leaghaidh iad air ſalbh mar uiſge tha ruith gu ſeamh, agus an uair a thilgeas iad an ſaighde, bitheadh iad air am ſpionadh amach.

7 Caitheadh iad as mar ſheilcheig, agus bitheadh iad mar thoradh an-abuich mnatha; agus na faice iad a ghrian.

8 Mu'm bi 'ur pota air an deanamh teith le droinnibh; mar ſin deanadh corruich a chradh, direach mar ni tha amh,

9 Ni m'firean gairdeachas' nuair a chi e n dioghaltas; ionnlaididh e a chaſ-cheuma ann am ſuil an ain-diaghaidh.

10 Ionas gu 'n abair duine, gu diemhin tha duais do'n f hirean; gun teagamh tha Dia ann a bheir breith air an talamh.

## URNUIGH FHEASCAIR.

## Salm lix. *Eripe me de inimicis*

FUASGA L mi o' m naimhde, O Dhe; dion mi uatha ſan; tha 'g eiridh ſuas am aghaidh.

2 O ſaor mi o luchd deanamh na haingeachd ; agus ſaor mi o na daoine iot-f huileach.

3 Oir feuch, tha iad a feall f heithe airſon m'anama ; tha na daoine treine air cruinneachadh a'm' aghaidh gun cron na caoire air bith ann'amſa, O Thighearn.

4 Tha iad a ruidh agus ga' nullucha fein gun mo chaoire ; eirich thuſa uime ſin gu'm chuideacha, agus thoir fanear.

5 Seas ſuas, O Thighearna Dhia nan fluagh, thuſa Dhe I-ſrael, a dh' f hiosrucha nan cinneach gu leir ; agus na bi tro-cairich dhoibhſan ata ciontach o aingeachd mhioruinach.

6 Tha iad a dol air'n ais agus air'n aghaidh ſan fheaſgar ; tha iad ri tathunn mar mhada, agus a ruidh m'un cuairt feadh a bhaile.

7 Feuch, tha iad a labhairt le 'm beul, agus tha claidhean nam bilidh ; oir co chluineas ?

8 Ach bithidh iad mar cuis fhocaid agadſa O Thighearn, agus ni thu gaire fanaid ris na cinnich gu leir.

9 San a' d' chomaine tha mi airſon mo neart ; oir s'tu Dhe mo thearmunn.

10 Tha Dia a nochda dhomſa a mhaitheas gu pailt ; agus leigidh Dia dhomh mo mhiann f haicin air mo naimhde.

11 Na marbh iad 'n teagal gu 'n nichuimhnich mo phobul i ; ach ſgaoil am fad iad am meaſg an t'ſluaigh, agus cuir ſios iad, Q Thighearna 'ar didean.

12 Airſon peaca am beoil, agus airſon briathra am bilibh, bithidh iad air an glacadh nan ardan ; agus c'ar ſon, tha an ſearmonacha air mallucha agus breugan.

13 Caith iad ann a'd' chorruich, caith iad, chum gu 'n teid iad gu dith ; agus gum bi fios aca gur e Dia tha riaghla an Ia-cob, agus gu criochaibh an domhain.

14 Agus pillidh iad mu fheaſgar ; a donnailich mar mhada, agus theid iad m'un cuairt do'n bhaile.

15 Ruithidh iad an ſo sa 'n fin air ſon bithe ; agus bithidh iad ri talach mar faith iad an ſath.

16 Air mo ſhonſa, ſeinnidh mi air do chumhachd, agus mo-laidh mi do throcair gu tra ſa mhaduin ; oir s'tu bu tearmunn agus didean domh ann an latha mo thrioblaid.

17 Dhuitſe, O mo neart, ni mi ceol ; oir s'tuſa, O Dhe, mo thearmunn, agus mo Dhia trocaireach.

Salm

## Salm lx. *Deus, repuliſti nos.*

ODHE, thilg thu ſinne mach, agus ſgap thu ſinn am ſad; bha thu fos diumach, O pill rinne aris.

2 Chuir thu 'n tir air udull, agus ſgaoil thu i; leighis a creuchda, oir tha i a critheacha.

3 Nochduidh thu nithe cuddhromach do d pobul; thug thu dhuinn deoch do dh' fhion marbhtach.

4 Thug thu comhradh air ſon a mheud 's air am bheil t' eagal: chum gu 'n dean iad buaidh chairеam air ſon na firinn.

5 Uime ſin bha do mhuintir ionmhuin air an ſaoradh; cuiduich mi le d' laimh dheis, agus cluinn mi.

6 Labhair Dia na naomhachd, ni mi gairdeachas agus roinnidh mi Sichem; agus toimhſidh mi mach gleann ſucot.

7 'S leam Gilead, agus 's leam Manaſeh; ſe Ephraim fos neart mo chinn, 'se Judah 'm fhear tabhairt lagha.

8 'Se Moab mo phoit ionnlaid, thairis air Edom tilgidh mi mach mo brog; Philiſtia, bi thuſa ait aſamſa.

9 Co a threoricheas mi do 'n chaithair laidir; co bheir mi dhionnſuidh Edoim?

10 Nach do thilg thu amach ſinn, O Dhe; nach teid thu O Dhe, amach le ar 'n armailte?

11 O bi thus a'd' chobhair dhuinn ann an trioblaid; oir 's diamhain cobhair duine.

12 Tre Dhia ni ſinne gniomhara mor; oir 's eiſin ſhaltras ſios ar naimhde.

## Salm lxi. *Exaudi, Deus.*

CLUINN m' eidheach, O Dhe; thoir eiſteachd do m' urnuigh.

2 O chriocha an talmhain gairidh mi ort; 'nuair tha mo chridhe ann an tuirſe.

3 O cuir ſuas mi air a charaig is airde na mi fein; oir ſtu bu dochas agus turaid laidir domh an aghaidh an namhaid.

4 Gabhaidh mi comhnuidh ann a'd' phaillain am feaſt; agus bithidh m' earbſa fo dhubhar do ſgiatha.

5 Oir chual thus, O Thighearn, m' iarrtais; agus thug thu oighreachd dhoibh ſud air am bheil eagal t'ainme.

6 Deonuichidh

6 Deonuichidh tu do'n Righ beatha fhada; gu mair a bhliadhna air feadh gach uile linne.

7 Gabhuidh e comhnuidh 'm fianis De gu brath; O umhluich do throcair agus t' fhireantachd ghradhach, chum gu 'n tearuin iad e.

8 Mar fin bheir mi moladh do tainm a ghna; chum gu 'n coilion mi mo mhoidean gach latha.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xii.

### Salm lxii. *Nonne Dea?*

THA m' anam gu fireanach a feithe a ghna air Dia; oir fan uaithe tha mo fhlaint a teachd.

2 S'e gu deimhin mo neart agus mo fhlainte; fe mo dhidain, ionnas nach tuit mi gu mor.

3 Cia fad dhealbhas fibh olc an aghaidh na huile duine; bithidh fibh air 'ur marbhadh na huile h aon agaibh, feadh mar bhalla air chrith bithidh fibh, agus mar fhal bhriſte.

4 Cha deilbh iad nith air bith, ach amhain cia mar tilg iad fios an neach a dharduicheas Dia; tha 'n tlachd ann am breugan, tha iad a toirt briathra matha le 'm beul, ach mallucha le 'n cridhe.

5 Gidheadh, m' anam, feith thus a ghna ri Dia; oir tha mo dhochas ann.

6 'S e gu fireanach mo neart agus mo fhlainte; 's e mo dhidean ionnas nach tuit mi.

7 'Sann an Dia tha mo fhlaint agus mo ghloir; caraig mo fpionnadh, agus ann an Dia tha m' earbfa.

8 O cuiridh 'ur 'n earbs ann a ghna, fibhfe fhluagh; doirtibh mach 'ur cridheacha na lathar, oir fe Dia ar dochas.

9 Air fon cloinn daoine, cha 'n 'eil iad ach na diamhanas; tha cloinn nan daoine mealtach air a mheidh tomhais, tha iad gu hiomlan ni s ea-truime na diamhanas fein.

10 O na hearbuidh an eacoir agus an reubain, na tugaibh fibh fein gu diamhanas, ma dh'f hafas beartas, na fuichidh 'ur cridhe orra.

11 Labhair

11 Labhair Dia aon uair, agus da uair chuala mi ſin: gum buin cumhachd do'n Tighearn.

12 Agus gu m' bheil thuſa, a Thighearna, trocaireach; oir bheir thu duais do gach duine a reir a ghniomh.

## Salm lxiii. *Deus, Deus meus.*

O Dhia, s'tu mo Dhia; iarraidh mi thu gu moch.

2 Tha iota air m' anam air do ſhon, tha 'm fheoil ſos a' gabhail fadail aſad; ann tir thirim fhas far nach 'eil uiſge ſam bith.

3 Mar ſo ſheall mi air do ſhon ann an naomhachd; chum gum faicin do chumhachd agus do ghloir.

4 Oir 's fearr do chaoimhneas gradhach na beatha ſein; bheir mo bhile moladh dhuit.

5 Cho fhad ſa 's beo mi arduighe mi thu air an doidh ſo; agus togaidh mi ſuas mo lamhan ann a'd' ainm.

6 Bithidh m' anam air a ſhaſacha mar gum b' ann le ſmior agus le ſail; 'n uair a mholas mo bheul thu le bilibh aoibhneach.

7 Nach do chuimhnich mi ort ann am leaba; agus nach do ſmuainich mi ort am dhuiſg?

8 Cheann gu 'n robh thu t' fhear cuidich dhomh; uime ſin ni mi gairdeachas fo ſgaile do ſgiathan.

9 Tha m' anam an crocha ort; chum do laimh dheas ſuas mi.

10 Iadſan fos tha 'g iarruidh dochun m' anama; theid iad fo 'n talamh.

11 Tuiteadh iad air faobhar a chlaidhe; chum gu m bi iad nan cuibhrionn do na ſionnucha.

12 Ach ni 'n righ gairdeachas ann Dia; bithidh iadſan ſos a mhionnucheas leiſin, air a moladh; oir bithidh beul na muintir a labhras breugan air an druide.

## Salm lxiv. *Exaudi, Deus.*

CLuinn mo ghuth, O Dhe, ann an urnuidh; tearuin m' anam o eagal an namhaid.

2 Foluich mi o co-thional uabharaich; agus o ionnſuidh mhillteach nan aingidh.

3 A gheuruich an teanga mar chlaidh; agus a thilg amach an ſai'de, iodhoin briathra ſearbh.

4 Chum

4 Chum gu 'n tilg iad an uaigneas air an neach tha cothrumach; buaillidh iad e gu grad, agus cha bhi eagal orra.

5 Tha iad a gabhail miſnich ſan olc; agus a cainnt na meaſg fein, cia mar leagas iad lion, agus ag radh, nach f haic duine air bith iad.

6 Tha iad a breunnach aingeachd, agus ga chleachda; an ni ſin f holuiche iad eatorra fein, na huile dhuine an doimhne a chridh.

7 Ach tilgidh Dia gu grad orra le ſaithead luath; gu 'm bi iad air an lota.

8 Seadh, bheir an teanga fein orra tuiteam; ionnas gu 'n dean gach neach a chi iad, gaire fanaid riu.

9 Agus their na huile dhuine a chi iad, ſo a rinn Dia; oir tuigidh iad gur i ſo t' obairſe.

10 Ni m ſirean gairdeachas ſan Tighearna, agus cuiridh e earbſa ann; agus bithidh iadſa uile ait, aig am bheil cridhe fior.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm lxv. *Te decet hymnus.*

THA thuſa, O Dhe, air do mholadh an Sion; agus dhuitſa bithidh a mhoid air a coiliana ann an Hieruſalem.

2 Thuſa a chluinneas an urnuidh, a' d' ionnſuidh thig gach uile f heoil.

3 Tha mo mhi-gniomhara air faghail buaidh am aghaidh; O bi thuſa trocaireach da 'r peacana.

4 'Sbeannuicht' an duine a thaghar leatſa, agus a ghabhas tu a t ionnſuidh; gabhaidh e comhnuidh a'd' chuirt, agus bithidh e ſaſuichte le ſolaiſibh do thighe, iodhoin do theampuil naomha.

5 Foillſichidh tu dhuinn nithe iongantach ann a'd' f hireantachd, O Dhia ar ſlainte; 's tu dochas uile chriocha an talmhain, agus na muintir tha comhnuidh 'ſa chuan mhor.

6 N' ti a dhaingneas na beannta le a neart; agus tha air a chrioſra tiomchioll le cumhachd.

7 A chuireas na thoſt Onf ha a chuain; agus farum a thonn, agus boille an 't ſluaigh.

8 Bithidh iadſa fos tha chomhnuidh 'an iomalaibh an talmhain, fo eagal le d' chomhara; 's tu tha toirt air dol amach na maidne agus an f heaſgair do mholadh.

9 Tha

9 Tha thu fiofreacha an talmhain, agus ga bheannucha; tha thu ga dheanamh ro phailt.

10 Tha abhuinn De lan uifge; tha thu 'g umhlucha an arbhair, oir mar fin tha thu deafucha air fon an talmhain.

11 Tha thu 'g uifgeacha a heamairin, tha thu cuir frafachd ann a glinn bheaga; tha thu ga taifeacha le braona an uifge, agus a beannucha a toraidh.

12 Tha thu cruna na bliadhna le d' mhaitheas; agus tha do neoil a file reamhrachd.

13 Silidh iad air ionada comhnuidh 'n fhafaich; agus ni na cnoic bheaga gairdeachas air gach taobh.

14 Bithidh na mainnire lan chaorach; feafaidh na glinn fos cho tiudh le harbhar, 's gu 'n dean iad gaire agus ceol.

## Salm lxvi. *Jubilate Deo.*

O Bithidh aoibhneach ann an Dia a dhuchana uile; feinnibh moladh do onair ainm fin, thugaibh air a mhola a bhi glormhor.

2 Abraidh ri Dia, O cia iongantach thu ann a'd' oibre; tre mhead do chumhachd gheibhear do naimhde na 'm breugaire dhuit.

3 Oir ni 'n faoghal gu leir aodhradh dhuit; ni e ceol duit, agus molaidh e tainm.

4 O thigibh 'n fo agus faicibh oibre Dhe; cia iongantach a tha e na dheanadas do chlann nan daoine!

5 Thionda e 'n cuan gu talamh tirim; gus an deach iad tre 'n uifge air an cois, 'n fin rinn finne gairdeachas uime fiu.

6 Tha e riaghlacha' le chumhachd gu fiorruidh. tha fhuilean a faicin an tfluaigh; agus cha 'nurra a mhead s nach creid, iad fein arducha.

7 O molaibh ar Dia, fibhs a fhluagh; agus thugaibh air guth a mholadh a bhi ghlormhor·

8 'N ti tha cumail ar n'anma ann am beatha; f nach 'eil a ceaducha' do'r cafan fleamhnuh a.

9 Oir dhearbh thufa finn, O Dhe,; dhearbh thu fos finn, mar dhearbhar airgid.

10 Thug thu finne fan ribe; agus leag thu trioblaid air ar leafraidh.

11 Cheaduich thu do dhaoine marcach thair ar cinn; chaidh finn tre theinne agus uifge, agus thug thu mach finn gu aite faibhir,

12 Theid mi dh' ionnſuidh do thighe le tabhartais loiſgt ; agus iocaidh mi dhuit mo mhoidean, a gheall mi le 'm bhile, ſa labhair mi le 'm bheul, nuair bha mi 'n trioblaid.

13 Tairgidh mi dhuit iobairt loiſgte reamhar, le tuis reithcachan ; tairgidh mi tairbh agus gabhair.

14 O thigibh ann ſo, agus eiſdibh, ſibhſe uile air am bheil eagal De ; agus innſidh mi dhuibh ciod a rinn e air ſon m' anam.

15 Ghair mi air le'm bheul ; agus thug mi moladh dha le m theangaidh.

16 Ma dhaomas mi gu haingeachd le m' chridhe ; cha cluinn an Tighearna mi.

17 Ach chuala Dia mi ; agus thug e fanear guth m' urnuidh.

18 Moladh do Dhia, nach do thilg amach m'urnuidh ; ſnach do thonda throcair uam.

## Salm lxvii. *Deus miſereatur.*

GU rabh Dhia bi trocaireach dhuinn, agus gu'n beannuich e ſinn ; agus gu'n taiſbeineadh e dhuinn ſolus e ghnuiſe, agus gu'n deanadh e trocair oirn.

2 Chum gu 'm bi do ſhlighe aithnichte air an thalamh ; do ſhlainte ſholaſach a meaſg nan uile chinneach.

3 Moladh an pobul thu, O Dhe ; ſeadh, moladh an pobul uile thu.

4 O deana na cinnich gairdeachas agus bithidh iad ait ; oir bheir thu breith air an tſluagh gu ceart, agus riaghlaidh tu na cinnich air thalamh.

5 Moladh an pobul thu, O Dhe ; moladh an pobul uile thu.

6 'N ſin bheir an talamh mach a toradh ; agus bheir Dia, iodhoin ar Diane dhuinn a bheannucha.

7 Beannuchidh Dia ſinn ; agus bithidh eagul ſan air crioch-aibh an t ſaoghail uile.

URNUIGH

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xiii.

### Salm lxviii. *Exurgat Deus.*

EIreadh Dia, agus bithe a naimhde air an ſgapa; teichè iadſan fos roimh, a tha toirt fuath dha.

2 Mar a ſgaoileas an ceo, mar ſin ni thu 'n iomain air falbh; agus mar a leaghas ceir ris an teine, mar ſin theid an taindiaghaidh gu di am fianais Dhia.

3 Ach bith am firean ait, agus deana e gairdeachas an lathair Dhia; bithe iad fos ſubhach agus aoibhneach.

4 O ſinnibh do Dhia, agus ſinnibh mola d'a ainm; arduichidh eiſin tha marcach air na flaitheas, mar gum b'ann air each; molaidh e na ainm IAH, agus deanadh gairdeachas na lathair.

5 'S athair e do 'n dileachdan, agus tha e dion a' cuis na bantraich; iodhoin Dia na ionad comhnuidh naomha

6 'Se an Dia bheir air daoine bhi dh'aon intinn ann an tigh, agus a bheir na prioſanaich a fas; ach a leagas leis a mhuintir luainach fuirich ann an gainne.

7 O Dhe, 'nuair chaidh thu mach roimh an tſluadh; nuair chaidh thu tre an fhaſaich.

8 Chrithich an talamh, agus thuit na neamha aig fia'nais Dhia; iodhoin mar ghluais Sinai ag fiadhnais De, 'n ti 's e Dia Iſraeil.

9 Chuir thuſa, O Dhe, uiſge grafmhor air t'oighreachd fein; agus dha thuruich thu i 'nuair a bha i ſgith.

10 Gabhaidh do cho thional comhnuidh innte; oir dh' umhluich thuſa a'd' mhaitheas, O Dhe air ſon nam bochd.

11 Thug an Tighearn am focal; 's bu mhor cuideachd nan ſearmainiche.

12 Theich righre le 'n armailte, agus mhille iad; agus roinn muintir an teaghluich a chreach.

13 Ge d' laidh ſibh a meaſg na m pota, gidheadh bithidh ſibh mar ſgiathan a chalmain; tha air ſgeudaichadh le ſgiathan airgid, agus a hitean mar or.

14 'Nuair a ſgap an tuile chumhachdach righre air an ſga; n ſin bha iad cho geal ri ſneachd air ſalmon.

15 Mar thulaich Bhaſan, mar ſin tha tulaich Dhe; iodhain tulaich arda, mar thulaich Bhaſan.

16 C'arſon a chliſgis ſibhſe a thulaich arda? ſi ſo tulaich Dhe ann s'na thoilich e comhnuidh ghabhail; ſeadh, comhnuichidh 'n Tighearn innte gu ſiorruidh.

17 Tha carbaid Dhe nam fichiod mile, iodhoin mile a dh'aingle; agus tha 'n Tighearna nam meaſg, mar an ionad naomha Shinai.

18 Chaidh thu ſuas gu harda, thug thu bruid am braighdeanas, agus fhuair thu tiolaca do dhaoine; ſeadh, iodhoin do d' naimhde, chum gu 'n gabhadh an Tighearna Dia comhnuidh na meaſg.

19 Gu 'n robh Dia air a mhola' gach latha; iodhoin an Dia a ni cobhair oirne, agus tha dorta' a ſhochaire oirn.

20 Se ar Dia, iodhoin an Dia o m bheil ſlainte a teachd; ſe Dia an Tighearna, leis an teid ſinn as on bhas.

21 Lotaidh Dia ceann a naimhde; agus claigin greanach an neach tha dol air aghaidh a ghna na aingeachd.

22 Thuirt an Tighearn, bheir mi mo pobul air ais, mar a rinn mi o Bhaſan; bheir mi air ais mo mhuintir fein, mar a rinn mi uaireigin o dhoimhne na fairge.

23 Gu 'm bi do chas air a tuma ann am fuil do naimhde; agus gum bi teanga do mhadraidh dearg leis an ni cheudna.

24 Smath a chithear, O Dhe, cia mar ſhiubhlas thu; cia mar ſhiubhlas tu mo Dhia agus mo Righ ann ſan t ſanctuari.

25 Theid luchd ſeinn air thoiſeach bithidh luchd inneail ciuil gan leantainn; na meaſg tha na maighdeana a' cluich air Tabuir.

26 Thoir buidheachas, O Iſraeil, do Dhia an Tighearna ann ſna co-thionail; o bun a chridhe.

27 Tha Benjamin beag na uachdran doibh ann, agus prionſacha Juda an comhairle; prionſacha Shabuluin, agus prionſacha Naphthali.

28 Chuir do Dhia mach neart dhuit; daingnich an ni, O Dhe, a dhoibrich thu anuinne.

29 Air ſga do theampuill aig Hieruſalem; mar ſin bheir righre tiolaca a'd' ionnſuidh.

30 'Nuair tha buidhean nan fhear-ſleagh agus mor cuideachd nan cumhachdach air an ſgapa am fad am meaſg ainmhidhean an pobul, ionas gun 'n toir iad leo bainn airgid; agus 'nuair a ſgapas e an mhuintir tha gabhail tlachd an cogadh.

31 'N ſin

31 'N ſin thig na prionſacha mach as an Eiphte; ſinidh tir na Ethiopia a lamhan amach gu luath ri Dia.

32 Seinnibh do Dhia, O ſibhſe a righeachda na talmhain; O ſeinnibh mholadh do'n Tighearna.

23 Tha ſuidhe air neamh os cionn nan uile O thoiſeach; ſeuch, tha e cuir amach a ghuth, ſeadh, agus ſin guth trein.

33 Thugaibh fibhſe an cumhachd do Dhia thair Iſraeil; tha aodhradh agus a neart ann ſna neoil.

35 O Dhia, 's iongantach thu ann a'd' ionaca naomha; iodhoin Dia Iſraeil; bheir e neart agus treiſe da phobul; beannuichte gu'n robh Dia.

## URNUIDH FHEASGAIR.

### Salm lxix. *Salvum me fac.*

TEaſairg mi, O Dhia; oir tha na huiſgeacha air teachd a ſtigh, iodhoin gu m'anam.

2 Tha mi 'n ſas gu teann ſan lathaich dhomhain ann nach eil iochdar; tha mi air teachd ſna huiſgeacha domhain, ionas gu bheil na tuilte a ruidh tharum.

3 Tha mi ſgith ag eidheach, tha mo ſgornach tirim; tha mo ſh'radharc air m' fhailniche le feithe cho fhada air mo Dia.

4 Tha iadſan tha toirt fuath dhomh gun aobhar na 's lionmhaire na falt mo chinn; tha iadſin tha na naimhde, agus le'r b'aill mo ſgrios gun choire, cumhachdach.

5 Dhioc mi dhoibh na nithe nach d' fhuair mi riamh; a Dhe 'ſaithne dhuitſe mo m'aimeadachd, agus cha' 'n eil mo chionta foluicht ort.

6 Na bitheadh iadſan tha 'g earbs annad, O Thighearn Dhia nan ſluagh, air an nairucha air mo ſgaſa; na bitheadh iad ſud tha gad iarruidh fo amhla as mo leithſe, O Thighearna Dhia Iſraeil

7 Agus c'arſon? air do ſhonſa dh' fhuiling mi achdmhaſan; dh' fholuich naire mo ghnuis.

8 Tha mi mar choigrich dom bhraitlre; iodl oin mar choimheach do chlann mo mhathar.

9 Oir tha eud do thigh iodhoin air m'ith; agus tha masladh na muintir thug maſladh duitſe, air tuiteam orm.

10 Ghuil agus ſmachduich mi mi fein le troſga; agus caochladh ſin gu 'm chronucha.

11 Chuir

11 Chuir mi ſos umam eudach ſaic; agus rinn iad ſgeig orm.

12 Tha iadſan tha ſuidhe s'a gheata a labhairt am aghaidh; gus na miſgeara a deanamh orain orm.

13 Ach, a Thighearna, tha mi 'g urnuidh riutſa; ann an am taitneach.

14 Cluinn mi, O Dhe, ann an lionmhoireach do throcair; iodhoin ann am fireantachd do ſhlainte.

15 Thoir as an lathaich mi, nach teid mi fodha; O bitheam air m' fhuaſgla o'n mhuintir tha toirt fuath dhomh, agus as na huiſgeacha domhuin.

16 Na bathadh an tuil uiſge mi, ni mo ſhluigeas an doimhne ſuas mi; agus na druide an ſlochd a bheul orm.

17 Cluinn mi, O Thighearna, oir is ſolaſach do chaoimhneas gradhach; pill thuſa rium, a reir lionmhoireachd do throcaire

18 Agus na foluich taghaidh o'd' ſheirbheiſeach, oir tha mi an trioblaid; O deanſa difir, agus cluinn mi.

19 Tarruing am fogus do'm' anam, agus tearuin e; o ſaor mi, airſon mo naimhde.

20 B'aithne dhuit m' achdmhaſan, mo naire agus m'eaſonair; tha m'eaſ-cairde gu leir a'd' ſhealla.

21 Bhris do ſmachd mo chridhe, tha mi lan tuirſe; ſheall mi airſon cuideigin a dheana iochd rium, ach cha robh duine air bith, ni mo fhuair mi neach a bheire' ſolas domh.

22 Thug iad dhomh domblas ri ithe; agus 'nuair bha iota orm, thug iad fion geur dhomh ri ol.

23 Bithe am bord air a dheanamh na ribe gu iad fein a ghlacadh; agus bithe na nithe, bu choir a bhi na ſhaibhreas doibh, na aobhar tuiteam.

24 Bithe an ſuile air an dalla chum nach fhaic iad; agus a chaoidh crom thuſa ſios an druim.

25 Doirt amach do chorruich orra; agus deana' do dhiuma feargach greim orra.

26 Bithe an aitridh falamh; agus gun duine gu comhnucha nam paillaine.

27 Oir tha iad a ruaga' an neach a bhuail thuſa; agus tha iad a cainnt cia mar a chuireas iad doighleas ora ſud a lot thuſa.

28 Tuite iad o aon aingeachd gu aingeachd eile; agus na tige iad gu t' fhireantachdſa.

29 Bithe iad air an ſgrioſadh amach a leabhar nam beo; agus na bithe iad ſgriobhte a meaſg nam firean.

30 Air

30 Air mo ſhonſa, 'nuair tha mi bochd agus ann an tuirſe; ni do chomhnadh, O Dhe mo thogail ſuas.

31 Molaidh mi ainm Dhe le h'oran; agus arduchaidh mi e le breith bhuidheachas.

32 Toilichidh ſo fos an Tighearna; ni 's fearr na tarbh aig am bheil adircean agus laoghran.

33 Beachduichidh an t iriosal air ſo, agus bithidh e ait; iarradh ſibhſe 'n deidh Dhia, agus bithidh 'ur n'anma beo.

34 Oir cluinnidh 'n Tighearna am bochd; agus cha dean e tair air na prioſanaich

35 Moladh neamh agus talamh e; 'n cuan 's gach ni ghluaiſeas innte.

36 Oir tearnuidh Dia Sion, agus togaidh e bailte Juda; chum gu 'n gabh daoine comhnuidh 'n ſin, agus gu' m bi ſeilbh aca ann.

37 Sealbhachidh fos ſliochd a ſheirbheiſiche air; agus gabhaidh iadſan, leis an ionmhuin a ainm, comhnuidh ann

## Salm lxx. *Deus, in adjuditorium.*

DEan difir, O Dhia, gu miſe a ſhaoradh; dean cabhag gu m chobhair, O Thighearn.

2 Bithe iad fo nair agus amhla, tha g iarruidh n deidh m'anama; bithe iad air an am pille air ais agus air an cuir gu rudha gruaidh, tha miannacha olc dhomh.

3 Mar dhuais doibh bithe iad gu luath air an toirt gu naire; tha g eidheach tharum, 'n ſin! 'n ſin!

4 Ach bithe iadſan uile tha g'ad iarruidhſe, ait agus aoibhneach annad; agus a mheud 's le 'n toil do ſhlainte, abradh iad an comhnuidh, gu 'n robh 'n Tighearn air a mholadh.

5 Air mo ſhonſa, tha mi bochd, agus ann an truaighe; deanſa cabhag thugam O Dhe.

6 S'tu m' fhear-cuidich agus m' fhear-ſaoruidh; O Thighearn, na dean maill f hada.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xiv.

Salm lxxi. *In te, Domine, ſperavi.*

ANnadſa, O Thighearn, chuir mi mo dhochas, na bitheam am feaſt air mo chuir gu nair, ach fuaſgail mi, agus ſaor mi ann a'd' f hireantach ; aom do chluas am ionnſuidh, agus ſabhail mi.

2 Bi thus a'd' dhaingnich laidir dhomh, a dhionnſidh 'n tathuich mi a ghna ; gheall thu mo chuideacha, oir s'tu mo thigh tearnuidh, agus mo chaiſteal.

3 Saor mi, O mo Dhia, a laimh an ain diaghaidh ; a laimh an duine f huilich agus ea-coraich.

4 Oir s'tuſa, O Thighearn Dhia, a ni as am bheil miſe gabhail ſadail ; ſtu mo dhochas, iodhoin o m'oige.

5 Tridſe bha miſe air mo chumail ſuas riamh on'a rugadh mi; s'tus an ti thug amach a broinn mo mhathar mi, bithidh mo mhola' a ghna' ort.

6 Tha mi air fas mar gum b'ann am uabhas do mhoran ; ach tha mo dhuil chinnteach annadſa.

7 O bithe mo bheul air a leanadh le d' mhola' ; chum gu 'n ſeinn mi air do ghloir agus t'onair re fad an latha.

8 Na tilg air falbh mi ann am ſheanaois ; na treig mi 'nuair a dh' fhailnicheas mo neart mi.

9 Oir tha mo naimhde a labhairt am aghaigh, agus tha iadſan tha feall f heithe airſon m'anama, a cuir comhairle ri cheile, ag ra ; threig Dia e, ruagaibh e, agus glacaibh e ; oir cha' n'eil neach g' a ſhaoradh.

10 Na imich fada uam, O Dhia ; mo Dhia, deanſa cabhag gu m chuideacha.

11 Bithe iad air an claoidh 's air an leir ſgrios, a tha 'n aghaidh m'anama ; bithe iadſan air am comhdaicheadh le nair agus eaſonair tha 'g iarruidh cron a dheanamh dhomh.

12 Air mo ſhonſa, feithidh mi gu foi'dneach a ghna ; agus molaidh mi thu ni 'ſmo agus ni 'ſmo.

Labharidh

13 Labharaidh mo bheul gach latha air t'fhireantachd agus do ſhlainte; oir cha 'n aithne dhomh crioch air.

14 Theid mi mach ann an neart an Tighearna Dia; agus ni mi luadh air t' fhireantachd amhain.

15 Theagaiſg thu mi, O Dhe, o m'oige ſuas gus an nis; uime ſin aithriſidh mi t'oibre iongantach.

16 Na treig mi, O Dhia, ann am ſhean aois, 'nuair tha mo cheann liath; gus am foillſich mi do neart do'n linn ſo, agus do chumhachd dhoibhſan uile tha fathaſt ri teachd.

17 Tha t'fhireantachd, O Dhe, ro arda; agus s'mor na nithe ud a rinn thu; O Dhe, co tha coſmhuil riut?

18 O ciod na thrioblaide mor agus na teanndaiche a dh' fhoillſich thu dhomh! agus gidheadh phill thu agus an dhath-uraich thu mi; ſeadh, agus thug thu mi o dhoimhneachd an talmhain aris.

19 Thug thu mi gu onair mhor; agus thug thu ſolas dhomh air gach taobh.

20 Uime ſin moladh mi thus agus t'fhireantachd O Dhe, a cluich air inneal ciuil; dhuitſe ni mi ceol air a chlarſaich, O thus aon naomh Iſraeil.

21 Bithidh mo bhile togarach 'nuair a ſheinneas mi dhiut; agus mar ſin bithidh m'anam a ſhaor thuſa.

22 Labhraidh mo theanga' fos air t'fhireantachd re an latha, oir tha iadſan air an claoidh agus air an toirt gu naire tha 'g iarruidh cron a dheanamh dhomh.

## Salm lxxii. *Deus, judicium.*

THoir do bhreitheanais do'n righ, O Dhe; agus t'fhireantachd do mhac an righ.

2 'N ſin bheir e breith air do pobul a reir ceartais; agus i i c dion do'n bhochd.

3 Bheir na beannta' fos ſithchaſmh; agus na tulaich bheaga fireantachd do'n pobul.

4 Cumaidh e an coir ris a mhuintir ſhimplidh; dionaidh e clainn nam bochd, agus ni e peannas air luchd deanamh na hea-corach.

5 Bithidh teagal orra cho fhad ſa mhaireas grian agus gealach; O linn gu linn.

6 Thig e ſios mar fras ann an ruſga' olladh; iodhoin mar na braona a dhuiſgicheas an talamh.

7 Re a linn ſin ſoirbhichidh am firean; ſeadh, agus mor phailteas ſithchaſmh, co fhad ſa mhaireas a ghealach.

8 Bithidh a uachdranachd o chuan gu cuan ; agus o'n tuil gu crich an tſaoghail.

9 Lubaidh mhuintir tha chomhnuidh ſan fhaſach an glun na lathair ; imlichidh a naimhde an duſlach.

10 Bheir righre Tharſis agus nan eileain tiodhlaca ſeachad ; bheir Righre Arabia agus Shaba tabhartas ſeachad.

11 Tuitidh gach uile righ na lathair ; ni gach cinneach ſeirbheis d'a.

12 Oir ſaoraidh e m bochd 'nuair a ghlaodhas e ; am ſeumach fos, agus an neach aig nach 'eil fear-cuidich.

13 Bithidh e ſabhorach do'n tſimplidh agus do'n fheumach ; agus tearnuidh e anma nam bochd.

14 Saoraidh e n'anma o bhreig 's o mhearachd ; agus bithidh am fuil ionmhuin na ſhealla.

15 Bithidh e beo', agus bheirear dha do dh' or Arabia ; bithidh urnuidh a ghna air a deanamh ris, agus bithidh e air a mholadh gach latha.

16 Bithidh dún coirce ſan talamh, arda air na cnoic, crathaidh a thoradh mar Lebanus, agus bithidh e uaine ſa bhaile mar fheur air an talamh.

17 Mairaidh ainm am feaſt, buanaichidh ainm fo 'n ghrein a meaſg na 'n ſliochda ; a bhitheas air am beannucha tridſin, agus bheir na cinnich uile mola' dha.

18 Beannuichte gu 'n robh an Tighearn Dia, iodhoin Dia Iſraeil ; tha anbhain deanamh nithe iongantach ;

19 Agus beannuichte gu 'n robh ainm a mhorachd am feaſt ; agus bithidh 'n talamh uile air a lionadh le mhorachd. Amen, Amen.

## URNUIGH FHEASGAIR.

### Salm lxxiii. *Quam bonus Iſraeil.*

GU ſreanach tha Dia gradhach do Iſraeil ; iodhoin do mheud 's aig em bheil cridhe glan.

2 Gidheadh, cha mhor nach o'aom mo chaſan uam, agus cha mor nach do ſhleamhnach mo cheuma.

3 Agus c'arſon ? bha doighleas orm ris an aingidh ; tha 'mi faicin fos an tain-diaghaidh ann a leithid a ſhoirbheacha.

4 Oir cha' n'eil iad ann an cunnart bais ; ach tha iad ſultmhar agus laidir.

5 Cha

5 Cha' n'eil iad a teachd ann an aimhleas mar mhuintir eile; ni mo tha iad air an trioblaideacha mar dhaoin' eile.

6 Agus ſe ſo an t'aobhar gum bheil iad air an lionadh le hardan; agus air am cùairtucha le ain-iochd.

7 Tha 'n ſuile ag ata le ſaill; agus tha iad a deanamh direach an ni tha iad a meanucha.

8 Tha iad a truaille chaich, agus a labhairt mu thoibheum aingidh; tha 'm bruidhinn an aghaidh 'n ti 's airde.

9 Oir tha iad a ſineadh amach am beoil ri neamha; agus tha 'n teanga dol trid an tſaoghal

10 Uime ſin tha 'n Pobul a tuiteam da 'n ionnſuidh; agus s'mor an tairbh tha iad a tarruing uaithe ſin.

11 Ha! ha! deir iad, cia mar thuigeas Dia e; 'm bheil eolas ſan ti is airde?

12 Feuch, 's iad ſin na haindiaghaidh, tha iad a ſoirbhicheadh ſan tſaoghal, agus tha beartas aca ann an ſealbh; agus thubhairt mi, 'ſi ſin ghlan mi mo chridhe gu diamhain, agus nidh mi mo Lamhan an neo'chiontas.

13 Chaidh peannas a dheanamh orm re an latha; agus chaidh mo ſmachducha gach maduin.

14 Seadh, agus cha mhor nach labhair mi mar iad fein; ach feuch, 'n ſin dhitinn linne do chlainne.

15 'N ſin ſmuainich mi ſo a thuigſin; ach bha e tuile 's cruaidh dhomh.

16 Gus an deach mo do ſhanctuare Dhe; 'n ſin thuig mi crioch nan daoine ſin.

17 Gu ſonruighte, cia mar tha thuſa gan ſuicheadh an aiteacha ſleamhain, agus ga 'n tilge ſios, agus gan ſgrios.

18 O cia grad a tha iad a caithe; a dol gu dith, agus a teachd gu crich eagalaich!

19 Seadh, iadhoin mar bhruadar 'nuair a dhuiſgeas neach; mar ſin bheir thu air an iomha' teireachduin as a baile.

20 Mar ſo bha mo chridhe ſo dhoilgheas; agus chaidh e iodhoin tre n'airne.

21 Cho amaideach, agus cho ain-eolach bha mi; iodhoin mar ainmhidh a'd' lathair.

22 Gidheadh, tha mi ghna laimh riut; oir chum thu mi air mo laimh dheis.

23 Stiuiridh tu mi led choimhairle; agus an deidh ſin gabhaidh tu mi chum gloir.

24 Co th' agam ſna neamha ach thuſa; 's cha' n'eil neach air thalamh tha mi' g'iarruidh 'n coimeas riut.

25 Tha 'm fheoil, agus mo chridhe a failnicheadh; ach ſe Dia neart mo chridhe, agus mo chuibhroin gu brath.

26 Oir Feuch, theid iadſan a ſgrios a ni dichuimhne ort; ſgrios thu iadſan uile a rinn ſtriopachas a'd' aghaidh.

27 Ach 'ſmaith dhomhſa mi fein a chumail gu teann ri Dia, m'earbſa a chuir ſan Tighearna Dia, agus gu labhairt air tuile oibre ann an geatacha nighean Shioin.

Salm lxxiv. *Ut quid, Deus?*

O Dhia, c'arſon tha thu cho fhad air aſtar uain; c'arſon tha t'fhearg cho teith an aghaidh caoirich t'ionaltraidh?

2 O ſmuainich air do chothional; a rinn thu cheannaich, agus a ſhaoradh O ſhean.

3 Smuainich air treabh t'oighreachd; agus beinn Shioin, ann ſna ghabh thu comhnuidh.

4 Tog ſuas do chaſan, chum gun ſgrios thu gu tur na huile namhad; a rinn olc ann ad ſhanctuari.

5 Tha teaſ-cairde a beucaich ann am meadhon do chothionail; agus a cuir ſuas am brataichean mar chomharaibh.

6 An neach a ſhnaith fiodh roimh as na craobhan tuidh; bha fhios gu tug e e gu obair oirdhearc.

7 Ach anis tha iad a briſe ſios aoibre Shnaite gu leir; le tuadhan agus uird.

8 Chuir iad teine air t'ionada naomha; agus thruaill iad ionad comhnuidh t'ainme, iodhoin chum an talmhain.

9 Seadh, thuirt iad nan cridheacha; deanamaid milleadh cuira gu hiomlan; mar ſin loiſg iad tighean Dhe uile ſan tir.

10 Cha' n'eil ſinn a faicin ar comhara, cha' n'eil faidhe tuile ann; cha' n'eil, a haon nar meaſg, a thuigeas ni ſmo.

11 O Dhia, cia fad an ni an t'eaſ-cairaid an eaſonair ſo; cia fhad a ni an namhad maſladh air tainm, an ann am feaſt?

12 C'arſon a tha thu tarruing do laimh air ais; c'arſon nach 'eil thu turruing do lamh dheas as do bhroileach a chuir as do 'n namhad?

13 Oir ſe Dia mo righ o ſhean, an chobhair tha deanteadh air thalamh, ni e fein e.

14 Sgoilt thu 'n cuan led' chumhachd; briſidh tu cinn nan dragoin ſna huiſgeacha.

15 Bhuail thu cinn an Leviatain nan bloide; agus thug thu e na bhiadh do 'n t'ſluagh ſan fhaſach.

16 Thug

16 Thug thu mach tobair, agus uiſgeacha as na creuga cruaidh; thirmich thu uiſgeacha mora.

17 'Sleat an latha, agus 's leat an oiche; dh'uluich thu an ſolus agus a ghrian.

18 Shuithich thu uile chriocha an talmhain; rinn thu ſamhra' agus geamhra.

19 Cuinich ſo, O Thighearna, cia mar a chronuich an namhaid; agus cia mar a rinn a mhuintir amaideach oi-bheum air t' ainm.

20 O na toir thairis anam do chalmain do leanmhoireachd na naimhde; agus na di-chuimhnich co'thional nam bochd gu brath.

21 Seall air a chumhnanta; oir tha 'n talamh uile lan dorchadas, agus ionada comhnuidh fuileach.

22 O na racha an ſimpli' air falbh fo naire; ach thugadh am bochd agus an tainiſeach mola' do tainm.

23 Eirich, O Thighearn, tagair do chuis fein; cuimhnich cia mar tha an tamadan toirt buim dhuit gach latha.

24 Na dean dearmad air guth do naimhde, tha danadas na maintir tha toirt fuath dhuit, a meuducha a ghna ni ſmo 's ni s' mo.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xv.

### Salm lxxv. *Confitebimur tibi.*

DHuitſe, O Dhe, bheir ſinn buidheachas; ſeadh, dhuitſe bheir ſinn buidheachas.

2 Tha t'ainm fos cho fogus; agus an ni ſin tha toibre iongantach a cuir an ceill.

3 'Nuair gheibh mi 'n co-thional; bheir mi breith a reir ceartais.

4 Tha 'n talamh lag; agus a luchd aiteacha uile; tha miſe faulan ſuas a phoſta.

5 Thuirt mi ris na hamadain, na gluaſidh ſibh cha chuthaich; agus ris na hain-diaghidh, na cuiribh ſuas 'ur 'n adharc.

6 Na

6 Na cuiribh ſuas 'ur 'n adharc gu harda; agus na labhſaidh le muineal rag.

7 Oir cha 'n 'eil onair a teachd aon chuid o 'n aird an ear, no o 'n aird an iar; no idir o'n airde deas

8 Agus c'arſon? ſe Dia am breith; cuiridh e ſios a haon, agus cuiridh e ſuas aon eile.

9 Oir ann an laimh an Tighearn tha cupan, agus tha m fion ann dearg; tha e lan mhaiſgte, agus dortadh e mach as.

10 Air ſon a dheaſgnan; oluidh uile dhaoin ain-diaghidh an talmhain iad, agus ni iad an deothol.

11 Ach labhraidh miſe air Dia Jacob, agus molaidh mi e am feaſt.

12 Briſidh mi fos uile adhairce an aindiaghaidh; agus bithidh adhaircean an fhirean air an arducha.

## Salm lxxvi. *Notus in Judæa.*

S'AN Iudhachd tha Dia aithnichte; tha ainm mor ann an Iſraeil.

2 Tha a phaillain aig Salem; agus a chomhnuidh an Sion.

3 'N ſin briſidh e ſai'dean a bhodha, an ſgiath; an claidhe agus am comhrag.

4 Tha thu ni 's mo onair agus treiſe; na cnoic an luchd reubain.

5 Tha 'n tuaibharach air a chreacha, chaidil iad an cadul; agus cha d' fhuair na huile duine aig an robh na lamhan trein, a bheag ſam bith.

6 Le t achdmhaſan O Dhe Jacob, tha 'n Carbad agus an t each mar aon air tuiteam.

7 Tha thuſa, iodhoin thuſa a'd' chuis eaguil; agus co dh' fheudas ſeaſamh ann a'd' ſhealla nuair a bhitheas fearg ort?

8 Thug thu fanear gu 'n cualas do bhreitheanas o neamha; bha an talamh air bhallachrith, agus bha e toſtach.

9 'Nuair a dheirich Dia chum breitheanais; agus a dheanamh cobhair air gach neach ciuin air thalamh.

10 Pillidh corruich duinne gu d' mholadh; agus ni thuſa am fheirg a choſg.

11 Geallaibh do 'n Tighearna 'ur Dia, agus coi' lionaibh e, ſibhs uile ata m'an cuairt da; thugaibh tiodhlaca dhaſan ga'n dlidhear eagal.

12 Caiſgidh e ſpiorad phrionſachan; agus tha e iongantach a meaſg righre na talmhain.

Salm

Salm lxxvii. *Voce mea ad Dominum.*

GLaodhaidh mi ris an Tighearna le m' ghuth; iodhoin ri Dia glaodhaidh mi le m' ghuth, agus eiſtidh e rium.

2 Ann an am mo thrioblaid dhiarr mi 'n Tighearn; ruidh mo chreuchd agus cha do ſguir e an am na hoiche; dhiult m' anam ſolas.

3 'Nuair tha mi 'n tuirſe, ſmuainichidh mi air Dia; 'nuair tha mo chridhe fo dhoighleas, ni mi gearan.

4 Cumaidh tu mo ſhuile nam faireach; tha mi cho ſhann ſnach urra mi labhairt.

5 Chuinnich mi na laithe o ſhean, agus na bliadhna chaidh ſeachad.

6 Dh' ath-cuimhnich mi m' oran; agus ſan oiche tha mi comhra ri m chridhe fein, agus a rannſucha mach mo ſpiorada.

7 Am fuireach an Tighearn air falbh am feaſt; ſnach bi e ni ſmo air aſleacha?

8 'M bheil a throcair air falbh gu hiomlan am feaſt; agus am bheil a ghealla air teachd gu crich a chaoidh.

9 'N dhichuinich Dia bhi graſmhor; agus an druid e ſuas a chaoimhneas graidhach na dhiuma?

10 Agus thuirt mi, ſe m'anuineachd fein a th' ann; ach cuimhnichidh mi air bliadhnachan lamh dheis an ti 's ro airde.

11 Cuimhnichidh mi oibre an Tighearna; meodruighe mi t iongantais ſan am o ſhean.

12 Smuainichidh mi fos air toibre gu leir; agus bithidh mo bhriathra air do dheanadais.

13 Tha do ſhlidhe, O Dhe, naomha; co tha na Dhia cho mor, ri ar Diane?

14 Stu 'n Dia tha deanamh iongantais: agus chuir thu 'n ceill do chumhachd a meaſg an pobul,

15 Shaor thu do pobul le d' cumhachd; iodhoin mic Jacob agus Joſeiph.

16 Chuinnaic na huiſgeacha thu, O Dhe, chuinnaic na huiſgeacha thu, agus bha eagal orra; bha na doimhneachda fos fo thrioblaid.

17 Dhoirte na neoil amach uiſge, rinn an a'ile tairneanach; agus chaidh do ſhaide amach.

18 Chualas guth do thairneanuich ma 'n cuairt, dhealruich an dealanach air an talamh, ghluais an talamh, agus Chliſg i.

19 Tha

19 Tha do ſhlighe ſa chuan, agus do cheumna ſna huiſge mora; agus cha' naithnichear do chas-cheuma.

20 Treoraichidh tu do phobul mar chaoirich; le lamh Mhaois agus Aaroin.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm lxxviii. *Attendite popule:*

CLuinnidh mo lagh, O mo phobul; aomaidh 'ur cluas ri briathra mo bheoil.

2 Foſglaidh mi mo bheul, ann coſamhlachd; cuiridh mi 'n ceill briathra cruaidh o ſhean.

3 A chuala 'ſ a dh'aithnich ſinn; agus a leithid 'ſa dhinnis ar 'n aithriche dhuinn.

4 Nach foluicheadh ſinn iad o chlainn nan linne ata ri teachd; ach a dh'fhoilſeacha onair an Tighearna, oibre iongantach agus trein a rinn e;

5 Rinn e cumhnanta ri Jacob, agus thug e lagh do Iſraeil; a dh'aithn e d'ar ſinnſire a theagasg d'an clainn.

6 Chum gum bithe eolas aig an ſliochdair; agus a chlann a bha fathaſt gun bhreith.

7 Chum's'nuair a dh'fhaſaich iad ſuas; gu 'm foillſicheadh iad an ni ceudna do 'n clainn.

8 Gu 'n cuireadh iad an earbſa an Dia; agus nach dichuimhnicheadh iad oibre Dhe, ach gu 'n coimheada' iad aitheanta.

9 'S nach bitheadh iad mar an ſinnſire, nan linne borb agus gun chreideamh; linne nach do ſhuidhich an cridhe gu ceart, agus aig nach 'eil an ſpiorad a dlu leantuinn ri Dia.

10 Mar chlainn Ephraim; air dhoibh bhi fo acfuin, agus a giulan bhodhana, phill iad air an ais ann latha a chatha.

11 Cha do chomhead iad cumhnanta Dhe; agus cha ghluaiſeadh iad n'a lagh,

12 Ach dhearmad iad ciod a rinn e; agus na hoibre iongantach a dh' fhoillſich e air an ſon.

13 Nithe mior-bhuileach rinn e ann an ſealla ar ſinnſire, ann an tir na Heiphte; iodhoin ann am machthir Shoan.

14 Sgoilt e 'n cuan, agus leag e trid iad; thug e air na huiſgeacha ſeasamh nan torr.

15 An

15 An am an latha fos threoirich e iad le neul; agus re na hoiche le ſolus teine.

16 Sgoilt e na creagan cruaidh ſan fhaſach; agus thug e dhoibh deoch as, mar gu 'm b'ann as an doimhneachd mhor.

17 Thug e uiſgeacha as a charraig chloiche; ionnas gu 'n do bhruchd e mach mar na habhnuichean.

18 Gidheadh pheacaidh iad ni ſmo na aghaidh; agus bhroſnuich iad an ti as ro airde ſan fhaſach.

19 Bhuair iad Dia na 'n cridheacha; agus dh'iarr iad biadh air ſon a miann.

20 Labhair iad fos an aghaidh Dhia, ag radh; an umhluich Dia bord ſan fhaſach?

21 Bhuail e a charraig chloiche gu deimhin, gus an do bhruchd an tuiſg amach, agus ſhruth na ſruthain mar an ceudna; ach an urrain e aran a thoirt fos, na feoil a ſholar air ſon a ſhluaigh?

22 Nuair chual an Tighearna ſo, bha fearg air, mar ſin bha 'n teine air laſadh ann an Jacob, agus eirigh trom dhiuma an aghaidh Iſraeil.

23 A cheann nach do chreid iad an Dia; 's nach d' earb iad r'a chobhair.

24 Mar ſin thug e aithne do na neoil os aird; agus dh' fhoſgla' dorſa na neamha.

25 Dhoirt e ſios orra fos manna ra ithe; agus thug e lòn dhoibh o neamha.

26 Mar ſin dhith daoin' lòn aingeal; oir chuir e ga n ionnſuidh biadh gu leoir.

27 Thug e air a ghaoith an ear ſeide fo neamha; agus le a chumhachd thug e ſteach a ghaoth an iar dheas.

28 Dhoirt e feoil orra cho tiugh ri duſlach; agus eoin iteach mar ghaineamh na fairge.

29 Leag e leis tuiteam am meaſg am buthain; iodhoin ma'n cuairt do 'n aiteacha comhnuidh.

30 Mar ſin dhith iad, agus bha iad ſaitheach, oir thug e dhoibh am miann fein; 's cha do mhealladh iad na miann.

31 Ach am feadh a bha am biadh fathaſt nam beoil, thainig fearg throm Dhe orra, agus mharbha a chuid bu ſhaibhre dhiu; ſeadh, agus bhuail e ſios na daoine taghta a bha an Iſraeil.

32 Gidheadh pheacaidh iad fathaſt ni ſmo; agus cha do chreid iad oibre iongantach.

33 Uime ſin chaith e 'n laithean an diamhanas; agus am bliadhna an trioblaid.

34 Nuair a mharbh e iad, dhiarr iad e; agus phill iad gu moch, agus dhiarr iad an deidh Dhia.

35 Agus chuimhnich iad gum be Dia an neart; agus gum be 'n Dia ard am fear faoruidh.

36 Gidheadh, cha d' rinn iad ach miodal ris le 'm beul; agus labhair iad gu cealgach ris le 'n teangaidh.

37 Oir cha robh an cridh iomlan leis; ni mo bhuanaich iad fealmhach na chumhnanta.

38 Ach bha e cho trocaireach, 's gu 'n do mhaith an eagniomhara; agus cha do fgrios e iad.

39 Seadh, 's ioma 'uair a phill e corruich air falbh; agus cha cheaduich e do dhiuma gu h'iomlan eiridh.

40 Oir thug e fanear nach robh annta ach feoil; agus gu 'n robh iad iodhoin na 'n gaoith a theid feachad, 's nach tig air a h' ais.

41 'S ioma uair a bhrofnich iad e fan fhafach; agus a chuir iad doighleas air fa di-threabh.

42 Phill iad air an ais, agus bhuair iad Dia; agus bhrofnuich iad aon naomh an Ifraeil.

43 Cha do fmuainich iad air a laimh; agus air an latha 'n uair a dh'fhuafgail e iad o laimh an namhad.

44 Cia mar a dh'oibrich e a mhiorbhaile fan Eiphte; agus iongantas ann am machthir Shoan.

45 Caochall e 'n uifgeacha gu fuil; ionnas nach fheuda iad ol do na haibhnichean.

46 Chuir e miala nam meafg, agus fhluig e fuas iad; agus lofgain chum an fgrios.

47 Thug e 'n toradh do'n chaterpilar, agus an faothair do 'n fhionan fheoir.

48 Mhill e 'n fineamhuin le clacha-mheallain; agus an croinn fhige le reodha.

49 Bhuail e 'n fpreidh mar an ceudna le clochadh meallain; agus an treudan le peilleara' tairnineich ro theath.

50 Thilg e orra frioth fheirge, corruich, diuma, agus trioblaid; agus chuir droch aingle na meafg.

51 Rinn e rathad da dhian chorruich fein, 's cha do chaomhain e 'n anam o n bhas; agus thug e 'm beatha thairis do'n phlaidh.

52 Agus bhuail e na huile cheud-ghin fan Eiphte; a chuid a b' fhearr agus bu threine an ionada comhnuidh Ham.

53 Ach air fon a pobul fein. threoruich e mach iad mar chaoirich; agus ghiulaineadh iad fan fhafach mar threud,

54 Thu

54 Thug e mach iad gu tearuinte, nach bitheadh eagal orra ; agus bhath e an naimhde leis an fhairge.

55 Agus thug e iad 'n taobh a ſtigh do chriocha a ſhanctuari ; iodhoin chum na bheinn a choſchin e le laimh dheis.

56 Thilg e fos amach na cinnich rompa ; agus thug e fanear gun do roinneadh an tir eatorra mar oighreachd, agus thug e air cloinn Iſraeil comhnuidh ghabhail nam buthain.

57 Mar ſin bhuair agus dh'fhag iad diumach 'n Dia 's ro airde ; 's cha do choimhead iad a theiſteis ;

58 Ach thionda iad an cul-thaobh, agus thuit iad alr falbh mar an ſinnſire ; a claonadh gu taobh mar bhodha briſte.

59 Oir chuir iad doighleas air le 'n altaire an aite ard ; agus bhroſnuich iad gu diuma e le n iomhaidhean.

60 'Nuair a chuala Dia ſo, bha fearg air ; agus ghabh e diuma gheur ri Iſraeil,

61 Ionnas gun do threig e m pailean ann an Shilo ; iodhoin am buthan a ſhuithich e meaſg dhaoine:

62 Thug e thairis an cumhachd ann am bruid : agus a maiſe an laimh an naimhde.

63 Thug e thairis fos a phobul do 'n chlaidhe ; agus bha corruich air r'a oighreachd.

64 Chaidh an teine an daoine oga, 's cha robh am maighdeana air an toirt am poſadh

65 Chaidh an ſagairte a mharbhadh leis a chlaidhe ; agus an ſin cha robh ban-traiche gu tuire a dheanamh.

66 Mar ſin mhoſgail an Tighearn mar aon a chadul ; agus mar ghaiſgeach air uracha le ſion.

67 Bhuail e naimhde o'n cul-thaobh ; agus chuir e iad gu naire bhuan.

68 Dhuilt e paillain Joſeiph ; s cha do roghnuich e treabh Ephraim ;

69 Ach thagh e treabh Juda ; iodhoin cnoc Shion ga 'n tug e gradh.

70 Agus 'n ſin thog e theampull air ionad arda ; agus leag e a bhunaite mar an ſteidh a dhaingnich e am feaſt.

71 Thagh e Daibhi fos a ſheirbhiſeich ; agus thug e e o mhainnire nan caorach.

72 Mar bha e leantuinn nan caorach trom le 'nuain, ghabh e e ; chum gu m beathuichiadh e Jacob a phobul ; agus Iſraeil a oighreachd.

73 Mar ſin bheathuich e iad le cridhe dileas agus fior ; agus riaghail e iad gu ſeoltadh le a chumhachd gu leir.

URNUIGH

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xvi.

Salm lxxix. *Deus venerunt.*

O Dhe, tha na cinnich air teachd a ſtigh a'd' oighreachd; thruaill iad do theampull naomh, agus rinn iad Hieruſalem na charn chlach.

2 Thug iad cuirp mharbh do ſheirbheiſiche gu bhith na bhiadh do dh'eunlaith an athar; agus feoil do naoimh do bheathaiche na tire.

3 Dhoirt iad am fuil mar uiſge air gach taobh do Hieruſaleim; agus cha robh duine ann a dh'adhlaice iad.

4 Tha ſinn na 'r naire fhollaiſeach da 'r naimhde; na 'r ſior mhaga agus abhachais dhoibhſin tha m' an cuairt uinn.

5 A Thighearn, cia fhad a bhitheas fearg ort; an loiſg t' eud mar an teine gu ſiorruidh?

6 Doirt amach do chorruich air na cinnich nach do ghabh eolas ort; agus air na righeachda nach do ghair air t'ainm.

7 Oir ſhluig iad Jacob; agus chuir iad fas aite comhnuidh.

8 O na cuimhnich ar feana pheaca, ach dean trocair oirn, agus ſin gu luath: oir tha ſinn air teachd gu truaighe mhor.

9 Dean cobhair oirn, O Dhia ar ſlainte, air ſon gloire tainm; O ſaor ſinne agus bi trocaireach da 'r peacaidh air ſga' tainme.

10 C'arſon tha na cinnich ag radh: c'aite anis am bheil an Dia?

11 O bitheadh dioghealtas fuil do ſheirbhiſiche a th'air a dor ta; air an nochda' gu follaiſeach air na cinnich ann ar ſealla.

12 O thige oſnaich bhrònach a phrioſuinich a'd' lathair; a reir meud do chumhachd, ſoar thuſa iad ſud a th' air a orducha gu bas.

13 Agus air ſon a toibheum leis an tug ar coimhearſnaich toibheum dhuitſe; thoir thuſa duais doibh, O Thighearna, ſeach ſ hilte nan uchd.

14 Ma

14 Mar ſin, bheir ſinne do ſhluagh, agus caoirich tionaltraidh, buidheachas dhuitſe am feaſt; agus bithidh ſinn a ghna foillſeacha do Mholaidh o linn gu linn.

## Salm lxxx. *Qui regis Israeil.*

GLuinn O thuſa Bhuachail Iſraeil, thuſa threoiricheas Joſeph mar chaoirich; nochd thu fein fos, thus ata a'd' ſhuithe air na Cheruba.

2 Ann lathair Ephraim, Bheniamin, agus Mhanaſeh; duiſg do neart, agus thig, agus cuidich ſinne.

3 Pill ſinn aris, O Dhia; foillſich ſolus do ghnuis, agus bithidh ſinne ſlan.

4 O thighearna Dhia nan ſluagh; cia fhad a bhitheas corruich ort ri d' phobul a tha ri urnuidh?

5 Tha thu gam beathucha le aran nan deur; agus a toirt dhoibh pailteas do dheoir ri ol.

6 Rinn thu ſinn n'ar fior aobhar ſtri da'r coimhearſnuich; agus tha ar naimhde a deanamh gaire fochaid rinn.

7 Pill ſinn aris, thus a Dhia nan ſluagh; foillſich ſolus do ghnuiſe, agus bithidh ſinn ſlan.

8 Thug thu fineamhuin as an Ephite; thilg thu mach na cinnich, agus ſhuidhuich thu i.

9 Rinn thu aite dhi; agus nuair a ghabh i freamh, lion i 'n tir.

10 Bha na cnoic air am folach le a ſgaile; agus bha a geugan mar na craobhan breagha cedair.

11 Shin i mach a meoir chum an chuain; agus a geugan chum na haibhne.

12 C'arſon ma ſeadh a bhris thu ſios a fal; gu 'n dean iads uile a theid ſeachad, a fion-dhearcan a ſpionadh?

13 Tha 'n torc fiadhaich as a chaoille a ſpiona a freamh; agus tha beathuichean allta na machthire ga ſlugadh.

14 Pill thus aris, O Thighearna nan ſluagh, ſeall ſios o neamh, feuch, agus fiofruich an fhineamhuin ſo;

15 Agus aite a garaidh fhiona a ſhuidhich do lamh dheas; agus a gheug a rinn thu cho laidir dhuit fein.

16 Tha i air a loſga le teine, agus air a gearra fios; agus theid iad gu dith le achdmaſan do ghnuiſe.

17 Bithe do lamh air fear do laimhe deiſe; agus air mac an duine, a rinn thu cho laidir air do ſhon fein.

18 Agus

18 Agus mar ſin cha d' theid ſinne air ar'n ais uat; O ceaduich dhuinne bhi beo, agus gairidh ſinn air tainm.

19 Pill ſin air'ar'n ais, O Thighearn Dhia nan ſluagh; foillſich ſolus do ghnuiſe; agus bithidh ſinn ſlan.

Salm lxxxi. *Exultate Deo.*

SEinnibh ſibh gu ſubhach do Dhia ar neart; deanaidh fuaim ſhuilbheir do Dhia Jacob.

2 Gabhaidh ſalm, thugaibh ann ſo an trompaid; a Chlarſich ſhuntach leis a chruit.

3 Seidibh an trompaid ſa ghealaich nuadh; iodhoin ſan am orduichte, agus air ar laithe feile naomh.

4 Oir chaidh ſo a dheanamh na reachd do Iſraeil; agus na lagh o Dhia Jacob.

5 Dhorduich e ſo ann Joſeph mar theiſteas; 'nuair a thainig e mach o tir na Ephite, agus a chualas cainnt choitheach.

6 Dh' fhuaſgail mi a ghualain o'n eallaich; agus ſhaoradh a lamhan o dheanamh nam pota.

7 Ghair thu ormſa ann an trioblaide, agus dh'fhuafgail mi ort; agus chualadh mi thu ſna hamana a thuit an doinnion ort.

8 Dhearbh mi thu fos; aig uiſgeacha na ſtri.

9 Cluinn o mo phobul, agus bheir mi lan chainnt dhuit, O Iſraeil; ma dh'eiſteas tu rium,

10 Cha bhi Dia coitheach ſam bith annad; ni mo ni thu aoradh do Dhia ſam bith eile.

11 'Smiſe 'n Tighearna do Dhia, thug thus amach a tir na h' Eiphte; foſgail do bheul gu farſaing, agus lionuidh miſe e.

12 Ach cha chluinne mo phobul mo g huth; agus cha tuga Iſraeil geill domh.

13 Mar ſin thug mi thairis iad do dh' anamiann an cridhe fein; agus ceaduich mi dhoibh leantuin an innleacha fein.

14 O, nach tugadh mo phobul eiſteachd dhomh; oir na 'n gluaiſe Iſraeil ann am ſhlidhibh.

15 Chuirinn gu luath ſios an naimhde; agus thiondainin mo lamh an aghaidh an eaſcairde.

16 Gheibhte luchd fuath an Tighearna nam breugaire; ach mhaireadh an am ſin gu ſiorruidh.

17 Bheathuicheadh e iad fos leis a chruinneachd as ſiorghlainne; agus le mil as a charruig chloiche ſhafaichin thu.

URNUIGH

## URNUIGH FHEASCAIR.

### Salm lxxxii. *Deus ſtetit.*

THa Dia ag ſheaſamh ann a cothional Phrionſacha ; 's breithe e meaſg dhaonne.

2 Cia fhad a bheir ſibh breith eacorach ; ſa ghabhas ſibh pearſa nan aindiaghaidh ?

3 Dionaibh am bochd agus an dileachdan ; faic gu 'm faith a mheud 's tha feumach agus an eigin ceartas.

4 Saoreadh iadsan th' air an tilge mach agus am bochd ; teaſairge iad o laimh an aindiaghaidh.

5 Cha ghabh iad foghlum na tuigſe, ach tha iad dol air an aghaidh a ghna ann an dorchadas ; tha bunaite an talmhain gu leir as an aite.

6 Thuirt mi, 's Dee ſibh ; agus clann an ti is ro airde.

7 Ach gheibh ſibh bas mar dhaoine ; agus tuitidh ſibh mar aon do na prionſachan.

8 Eirich, O Dhe, agus thoir breith air an talamh ; oir gabhaidh tu na cinnich uile mar oighreachd dhuit.

### Salm lxxxiii. *Deus, quis ſimilis.*

NA bi a'd' thoſt, O Dhe, 'ſna bi balbh a ghna ; na cum thu fein air ais, O Dhia.

2 Oir feuch, tha do naimhde ri monmhur ; agus iadſan tha toirt ſuath dhuit a togail an cinn.

3 Dheilbh iad gu hinnleachdach an aghaidh do pobul ; agus ghabh iad comhairle an aghaidh do mhuintir dhimhir.

4 Thuirt iad, thigeamid, agus ſgrioſa mid amach iad, nach bi iad nan pobul ni ſmo ; agus nach bi ainm Iſraeil ni ſmo an cuimhne.

5 Oir chuir iad an cinn ra cheile a dh'aon intinn ; agus tha iad an co-bhoinn a taghaidh ;

6 Buthain nan Edomach, agus nan Iſhmaelich ; na Moabich agus nan Hagarenich,

7 Ghebal, agus Ammon, agus Amalic ; nam Pilliſtach, maille riuſan tha comhnaidh aig Tyre.

8 Tha Aſſur fos ceangailt riu ; agus chuidiche iad clann Lot.

9 Ach dean thuſa dhoibh mar do na Midianich ; do Shiſera, us do Iabin aig Sruth Chiſoin,

10 Agus

10 A mhileadh aig Endor; agus a dh' ſhas mar aolach na lmhain.

11 Dean iad fein agus am prionſacha mar Oreb agus Zeeb; ſeadh, dean am prionſachan uile coſmhul ri Zeba agus Salmana.

12 A tha 'g radh, gabhamid dhuin fein tighean Dhe an ſeilbh.

13 O mo Dhia, dean iad coſmhul ri cuibhle; agus mar a chonlach roimh an ghaoith;

14 Coſmhul ris an teine loiſgeas am fiogh; agus mar an laſair a chaitheas na beanntа.

15 Dean an ruaga' mar ſin led' dhoinnion; agus cuir eagal orra led' ſtoirm.

16 Cuir an aghaidh ſo naire, O Thighearna; chum gu' n iarr iad tainm.

17 Bitheadh iad air an claoidh s air an cradh a ghna ni ſmo's ni ſmo; bitheadh iad air an cuir gu naire, agus rachadh iad gu dith.

18 Agus tuigidh iad gur tuſa amhain ga 'n ainm Jehobha; an ti 's ro airde thair an talamh uile.

## Salm lxxxiv. *Quam dilecta.*

O Cia gradhach tha t'ionada comhnuidh; thuſa Thighearna nan ſluadh!

2 Tha miann agus fadal air m' anam gu dhol a ſteach an cuirtibh an Tighearn; tha mo chridhe agus m' fheoil ri gairdeachas ſan Dia bheo.

3 Seadh, fhuair an gealbhann tigh dhi fein, agus an golangaoithe nead, far an cuir i halach; iodhoin t' altaire, O Thighearna nan ſluagh, mo Righ agus mo Dhia.

4 Sbeannuichte iadſan tha chomhnuidh ann a'd' thigh: bithidh iad do ghna g'ad mholadh.

5 Sbeannuicht an duine g'am bheil a neart annad; 's aig am bheil do ſlilidhe na chridhe.

6 A theid tre ghleann na truaidhe, ga ghnathacha mar thobar; agus tha na fluichd air an liona le huiſge.

7 Theid iad o neart gu neart; agus do Dhia nan Dee foillſichear gach aon dibh ann Sion.

8 O Thighearna Dhia nan ſluagh, eiſd m' urnuidh; eiſd O Dhe Jacob.

6 Feuch, O Dhe ar ſear tearnaidh; amhairc air gnuis t ungaiche.

7 Theid

7 Theid iad o neart gu neart; agus do Dhia na Dee, taisbeinear gach aon diu an Sion.

8 O Thighearn, Dhia nan fluagh, eifd m' urnuidh; eifd O Dhe Jacob.

9 Feuch, O Dhe ar fear tearnaidh, amhairc air gnuis t'ungaiche.

10 Oir 's fearr aon la a'd' chuirtibh; no mile.

11 Bfhearr leam a bhi am dhorfair ann an tigh mo Dhia; no bhi chomhnuidh ann am buthain na haindiagheachd.

12 Oir is folus agus daingneach an Tighearna Dia; bheir an Tighearna gras agus gloir, 's cha chumar ni maith fam bith o'n mhuintir tha caithe beatha gu diaghaidh.

13 O Thighearna Dhia nan fluadh; fbeannuichte an duine a chuireas a dhochas annadfa.

## Salm lxxxv. *Benedixifti, Domine.*

A Thighearna tha thu air n' f has grafmhor do d' thir; phill thu air falbh bruid Jacob.

2 Mhaith thu cionta do phobul; agus chomhduich thu m peacana uile.

2 Thug thu air falbh do dhiuma uile; agus phill thu thu fein o d' chorruich f heargach.

4 Pill finne ma feadh, O Dhe ar flainte; agus feuireadh t' f hearg uainne.

5 'M bi thu diumach rinn gu brath; agus an fin thu mach do chorruich o linn gu linn?

6 Nach pill thu aris agus beathaich finne; chum gu 'n dean do phobul gairdeachas annad?

7 Nochd dhuinne do throcair, O Thighearna; agus deonuich dhuinne do fhlainte

8 Eiftidh mi ciod a their an Tighearna umam; oir labhruidh e fithchaimh ri a phobul, agus ri a naoimh, chum nach pill iad air an ais

9 Oir th'a fhlainte am fogus dhoibhfe air am bheil eagalfan; chum gum bi gloir a chomhnuidh nar tir.

10 Tha trocair agus firinn air comhlucha a cheile; phog fireantachd agus fithchaimh cach a cheile.

11 Fa aidh firinn as an talamh; agus fheall fireantachd a nuas o neamh.

12 Seadh, nochdaidh 'n Tighearna caoimhneas gradhach; agus bheir ar tir uaipe a toradh.

13 Theid fireantachd roimhe; agus feolaidh e 'n imeachd fan t fhighe.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xvii.

### Salm lxxxvi. *Inclina, Domine.*

CROM anuas do chluas, O Thighearna, agus cluinn mi; oir tha mi bochd agus ann an truaighe,

2 Teafairg thufa m' anam, oir tha mi naomha; mo Dhia, fabhail do fheirbheifeach tha 'g earbs annad.

3 Bi trocaireach dhomh, O Thighearna; oir gairidh mi ort gach latha.

4 Thoir folas do dh'anam do fhairbhaifich; oir fan riut, O Thighearn tha mi togail fuas m'anama.

5 Oir tha thufa, a Thighearn, maith agus grafmhor; agus mor throcaireach dhoibhfe uile tha gairm ort.

6 Thoir eifteachd, a Thighearn, do'm urnuidh; agus beachdaich air guth m'iarrtais umhal.

7 Ann an am mo thrioblaid gairidh mi ort; oir cluinnidh tu mi.

8 A meafg nan De cha 'n 'eil aon cofmhuil ruit, O Thighearna; cha 'n 'eil aon is urra dheanamh mar ni thufa.

9 Thig na huile chinneach a rinn thufa agus ni iad aora' dhuit, O Thighearn; agus bheir iad gloir do d' ainm.

10 Oir tha thu mor, agus a deanamh nithe iongantach; s'tu amhain Dia.

11 Teagaifg dhomh do fhlighe, O Thighearna, agus gluaifidh mi a'd' fhirinn; O druid mo chridhe riut fein, chum gu m bi eagal tainme orm.

12 Bheir mi buidheachas dhuit, O Thighearna mo Dhia, le m'uile chridhe; agus molaidh mi tainm a chaoidh.

13 Oir fmor do throcair dhomhfa; agus dh' fhuafgail tha m' anam o'n ifrinn is ifle.

14 O Dhe, tha na huaibhraich air eiridh am aghaidh; agus dhiarr co-thional dhaoine olc 'n deidh m'anama, agus cha do chuir iad thufa roimh an fuile.

15 Ach

15 Ach tha thuſa, O Thighearna Dhe, lan trocair agus iochd; fad fhulangach, pailt ann am maitheas agus am firinn.
16 O pill thuſa ma ſeadh rium, agus dean trocair orm; thoir do neart do d ſheirbheiſeach, agus cuidich mac do bhan oglaich.
17 Nochd comhar eigin orms air mhaith, chum gu 'm faic a mhuintir tha toirt fuath dhomh e, agus gu 'm bi nair orra; cheann gun do chuidich thuſa, Thighearna mi, agus gu 'n tug thu ſolas dhomh.

## Salm lxxxvii. *Fundamenta ejus.*

THA a bunaite air na cnoic naomha; is ionmhuine le'n Thighearn gheatachan Shioin na hùile aite comhnuidh Jacob.
2 Tha nithe ro oirdhearc air a labhairt umad; thuſa chathair Dhe.
3 Smuainichidh mi air Rahab agus Babilon; maille riuſan aig am bheil eolas orm.
4 Feuchaidh ſibhſe na Philiſtich mar an ceudna; agus iad ſud o Thire, maille ris na Morianich, feuch, n ſin rugadh e.
5 Agus direar mu Shion gu 'n d rugadh e innte; agus daingnichidh 'n ti 's ro airde i.
6 Aithriſidh an Tighearna e nuair a ſgriobhas e m' un pobul; gu'n d ruga' e ann ſin.
7 Aithriſidh e mar an ceudna 'n luchd ciuil agus an luchd thrompaide; bithidh mo thoibriche 'ur uile annad.

## Salm lxxxviii. *Domine Deus.*

O Thighearna Dhe mo ſhlainte, ghlaodh mi a la ſa dhoiche riut; O thige m' urnuidh a ſteach a'd' fhianais, aom do chluas ar m' ghairm
2 Oir tha m'anam lan trioblaid; agus tha mo bheatha tarruing am fogus do dh' ifrinn.
3 Tha mi air mo mheas mar aon dhiubhſa theid ſios do 'n t ſlochd; agus tha mi iodhoin mar dhuine aig nach 'eil ſpionadh.
4 Saor a measg na marbh, coſmhuil riuſan a th'air an lota, agus laidhe ſan uaigh; a tha as cuimhne, agus air an ghearra ſios le d' laimh.

5 Leag thu mi ſan tſlochd is iſle; an ionad dorchadas, agus ann ſan doimhne.

6 Tha tſ hearg a laidhe gu cruaidh orm; agus chraidh thu mi led' ſtoirme uile.

7 Chuir thu mo luchd eolais fada uam; agus rinn thu mi am ghrain doibh.

8 Tha mi cho teann am prioſan; 's nach urrain mi faotain amach

9 Tha mo ſhuil a' failnighe le fior thrioblaid; a Thighearna, ghair mi ort gach la, ſhin mi mach mo lamhan riut.

10 'M bheil thu foillſich iongantais a meaſg na marbh; no an eirich na marbh a ris; agus an toir iad moladh dhuitſe?

11 Am foillſichear do chaoimhneas gradhach ſan uaidh; no tſ hireantachd ſan ſgrioſa'?

12 An aithnichear t'oibre iongantach ſan dorcha; agus tſhireantachd ſan ionad ann am bheil na huile ni air a dearmad.

13 Riut a ghlaoidh mi, O Thighearn; agus thig m'urnuidh gu moch a d' lathair.

14 A Thighearna, c'arſon tha thu gabhail grain do m' anam; c'arſon tha thu folach t'aghaidh uam?

15 Tha mi ann truaidhe, agus coſmhuil ris an neach a tha am fogus do'n bais; iodhoin o m'oige ſuas dh'ſ huiling mi t'uabhais le intinn thrioblaidich.

16 Tha do dhiuma feargach a dol tharum; agus mhill t'-eagal mi.

17 Thainig iad ma 'n cuairt domh gach la mar uiſge; agus chuairtich iad mi le cheile air gach taobh:

18 Chuir thu mo chairde 's mo luchd-gaoil fada uam; agus dh' f holuich thu mo luchd-eolais as mo ſhealla.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm lxxxix. *Miſerecordias Domini.*

BIthidh m' oran a ghna mu choimhneas gradhach an Tighearna; le m' bheul bithidh mi foillſaich t fhirinn, o linn gu linn.

2 Oir thuirt mi, bithidh trocair air a chuir ſuas am feall; daingnichidh tu t fhirinn an s' na neamha.

3 Rinn

3 Rinn mi coi-cheangal ri m'fhear thaghta; mhionuich mi do m' fheirbheiſeach Daibhi,

4 Daingnichidh mi do ſhliochd am feaſt; agus togidh mi ſuas do ri-chathair o linn gu linn.

5 O Thighearna, molaidh na neamha fein toibre iongantach; agus t f hirinn ann cothional na naomh.

6 Oir co e ameaſg nan neul; a choi'meaſarg ris an Tighearna?

7 Agus ciod e ameaſg nan De; a bhitheas coſmhul ris an ighearna?

8 Tha Dia na chuis eagail ro mhor ann comhairle na naoimh; agus cuis urram dhoibh ſin uile a tha ma 'n cuairt da.

9 O Thighearna Dhia nan ſluagh, co tha coſmhul riut; tha t' f hirinn, a Thighearn 's ro airde, air gach taobh.

10 Tha thu riaghla onſ ha a chuain; cuiridh tu nan tamh a tonna nuair a dheirgheas iad.

11 Cheanſich thu 'n Eiphte, agus ſgrios thu i; ſgap thu do naimhde am fad le d' ghairdein trein.

12 S'leat na neamha, agus s'leat an talamh fos: leag thu bunaite an tſaoghail chruinn, agus na huile ni a th'ann.

13 Rinn thu n'airde tuath, agus an airde deas; ni Tabor agus Hermon gairdeachas ann a tainm.

14 Tha gairdean trein agad; 's laidir do lamh, agus 's arda do lamh dheas.

15 Si fireantachd agus cothrum ionad comhnuidh do chathrach; theid trocair agus firinn roimh do ghnuis.

16 Sbeannuichte an ſluadh, O Thighearn, 's urra gairdeachas a dheanamh annad; gluaiſidh iad ann an ſolus do ghnuiſe.

17 Bithidh an toil-intinn gach la ann a tainm; agus ann a t fhireantachd ni iad an uaill.

18 Oir s'tuſa gloir an neart; agus ann a'd chaoimhneas gradhach togaidh tu ſuas ar n' adhairce.

19 Oir ſe 'n Tighearna ar didean; ſe aon naomh Iſraeil ar Righ.

20 Labhair thu uair-eigin ri d naoimh ann am foillſeachadh agus thuirt thu: leag mi cuiduicha air neach a tha trein, dh' arduich mi neach taghta as an tſluagh.

21 Fhuair mi mo ſheirbhaiſeach Daibhi; le 'm ola naomh dhung mi e.

22 Cumaidh ma lamh e gu daingean; agus neartuichidh mo ghairdean e.

23 Cha nuna an naimhad forneart a dheanamh air; cha dochuin mac na haingeachd e.

24 Buailidh mi fios an naimhde na lathair; agus cuiridh mi aincheift orrafa aig am bheil fuath dha.

25 Bithidh mo throcair fos agus 'm fhirinn maille ris; agus ann am ainm bithidh adharc air a harducha.

26 Cuiridh mi uachdranachd fa chuan fos; agus a lamh dheas fna tuilte.

27 Gairidh e, s'tu m'athair; mo Dhia, agus mo fhlainte laidir.

28 Ni mi mo cheud ghin dheth; ni 's airde na Righre an talmhain.

29 Gleidhidh mi mo throcair dha a chaoidh; agus feafaidh mo choi' cheangal gu teann ris.

30 Bheir mi air a fhliochd fos gu mair iad gu brath; agus a Righ-chathair mar laithe neamha.

31 Ach ma threigeas a chlann mo lagh; agus nach gluais iad ann am bhreitheanais;

32 Ma bhrifeas iad mo ftatuis, s nach coimhead iad m'aitheante; fiofrichidh mi n eaceartas leis an tlait, agus am peaca le fgiurfaire.

33 Gidheadh, cha toir mi mo chaoimhneas gradhach gu tur uaithe; s cha cheadich mi m' fhirinn failneacha.

34 Mo churnhnanta cha bhrift mi, 's cha 'n athraich mi an ni chaidh mach as mo bhile; mhionuich mi aon uair air mo naomhachd, nach failnichin Daibhi.

35 Mairridh a fhliochd gu fiorridh; agus tha chathair mar a ghrian am lathair.

36 Seafidh e daingean gu fiorruidh mar a ghealach; agus mar an fhianais fhirinich air neamh.

37 Ach threig thu agus ghabh thu grain do t'ungachte; agus tha thu diumach dheth.

38 Bhrift thu cunanta do fheirbheifich; agus thilg thu a chrun chum an lair.

39 Bhrift thu a fail uile: agus tilg thu fios a dhaingniche laidir.

40 Tha na huile neach theid feachad, ga chreacha; agus tha e air 'n fhas na chuis mhaflidh d'a choirmharfnaich.

41 Thog thu fuas lamh dheas a naimhde; agus thug thu air a eafcairde uile gairdeachas a dheanamh.

42 Thug thu air falbh faobhar a chlaidhe; agus cha d' tug thu buaidh dha fa chath.

43 Chuir

43 Chuir thu as a ghloir; agus thilg thu a righ-chathair fios gun lar.

44 Ghearrich thu laithean a oige; agus chomhdich thu e le easonair.

45 Thighearna, cia fad a ni thu thu fein fholach, nan gu brach; agus an loisg do chorruich mar theine?

46 O cuimhnich cia gearr mo re; ciod uime rinn thu na huile dhaoin air son neo ni?

47 Ciod an duine tha beo, agus nach faic bas; agus an saor e anam o laimh ifrinn?

48 Thighearna, c'aite am bheil do sheana chaoimhnais ghradhach; a mhionuich thu do Dhaibhi ann a t' fhirin?

49 Cuimhnich, a Thighearn, an tachdmhasan a th' aig do sheirbhaisich; agus cia mar tha mise guilan am uchd achdmhasain moran fluaidh;

50 Leis an tug do naimhde toibheum dhuit, agus leis an do masluich iad chas-cheuma t'ungaichte; gu 'n robh 'n Tighearn air a mhola' a chaoidh. Amen, agus Amen.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xviii.

### Salm xc. *Domine, refugium.*

A Thighearna, bu tu ar tearmun; O aon ginealach gu ginealach eile.

2 Mu'n deach na sleibhte thoirt amach, no riamh mu'n d' rinne an talamh no 'n saoghal; s'tusa Dia o bhith-bhuantach agus saoghal gun chrich.

3 Pillear leat duine gu nio ni; a ris their thu, thigibh a ris, a chlainn nan daoine.

4 Oir cha' n'eil mile bliadhna a'd' shealla ach mar an de; cheann gu n teid sin seachad mar fhaire san oiche.

5 Cho luath sa sgapas thu iad, tha iad direach mar n'a chodul; agus crionaidh iad air falbh gu grad mar am feur.

6 Sa mhaduin tha e uaine, agus a fas suas; ach san fheasgar, tha e air a gheara sios' air a thiormacha suas, agus air searga.

7 Air

7 Oir caithidh ſinne air falbh an a'd' dhiuma; agus tha ſinn fos eagal a' d' chorruich f heargaich.

8 Chuir thu ar mi ghnomhara ann a'd' lathair; agus ar peacana diamhair ann an ſolus do ghnuiſe.

9 Oir nuair tha corruich ortſa, chaith ar laithean uile thairis, bheir ſinn ar bliadhna gu crich, mar ſgeul a dh'inſear.

10 S iad laithe ar n aois tri fichead bliadhna ſa deich, s ge d robh daoine cho neart-mhor s'gu'ntig iad gu ceithir fichead bliadhna; gidheadh cha' n'eil nan ſpionadh ann ſin ach ſaothair agus bròn; theid e ſeachad cho luath, agus cha n 'eil ſinn idir ann.

11 Ach co bheir fanear cumhachd do chorruich; oir iodhoin an deidh ſin mar bhitheas eagal air duine, mar ſin tha do dhiuma.

12 Mar ſin teagaiſg duinn ar laithean aireamh; chum gu 'n cleachd ſinn ar cridhe ri gliocas.

13 Pill thus a ris, O Thighearn, fa dheire; agus bi grafmhor dod 'ſheirbheiſiche.

14 O ſafuich ſinn le d' throcair, agus ſin gu luath; mar ſin ni ſinn gairdeachas agus bithidh ſinn ait uile laithean ar beatha.

15 Thoir ſòlas dhuinn anois a ris 'n deidh an am a thug thu plaigh oirn; agus airſon nam bliadhna ſan d' f huiling ſinn bochduin.

16 Nochd t obair do d' ſheirbheiſiche; agus do ghloir do'n clainn.

17 Agus gu robh morachd ghloir-mhor an Tighearna ar Dia oirne; ſoirbhuich thuſa obair ar lamha leinn, O ſoirbhuich thuſa obair ar lamha.

## Salm xci. *Qui habitat.*

CO s am bith a ghabhas comhnuidh fo dhidean an ti 's airde; ni e tamh fo ſgaile an uile-chumhachdaich.

2 Their mi ris an Tighearn, s'tu mo dhochas, agus mo dhaingneach laidir; mo Dhia, anſan earbaidh mi.

3 Oir ſaoruidh e thu o ribe an tſealgair; agus on plaigh ghrainail.

4 Ni e do dhionadh fo a ſgiatha, agus bithidh tu tearuinte fo iteach; bithidh ionracas, agus f hirin nan ſge s na 'n targaid duit.

5 Cha bhi eagal ort o uabhas ſam bith ſan oiche; no as an tſaithead tha 'g itealaich ſan latha:

6 No

6 No as a phlaigh tha' g imeachd ſan dorchadas; no as an tinneas tha ri ſgrios mu mheadhon la.

7 Tuitidh mile ri d' thaobh, agus deich mile aig do laimh dheis; ach cha tig e 'm fogus duitſe.

8 Seadh, le d' ſhuile beachduichidh thu; agus chi thu duais an ain-diaghaidh.

9 Oir s'tuſa, Thighearna, mo dhochas: oir ſhuithich thu do thigh dionuidh ro ard.

10 Cha 'n eirich olc dhuit; ni mo thig plaigh ſam bith 'm fogus do d' aite comhnuidh.

11 Oir bheir e aithne do aingle thairis ort; chum do choimhead ann a'd' ſhlighibh uile.

12 Guilainuidh iad thu nan lamha; chum nach dochainn thu do chas ri cloich.

13 Saltraidh tu air an leomhan agus air an nathair nimhe; ni thu 'n leomhan og agus an dragon a ſhaltairt fo d' chaſan.

14 Cheann gu n do ſhuithich e ghradh orm, uime ſin ni mi a ſhaoradh; cuiridh mi ſuas e, cheann gu 'm b' aithne dha m ainm.

15 Gairmidh e orm, agus cluinnidh mi e; ſeadh, tha mi maille ris ann an trioblaid; ſaoraidh mi e, agus bheir mi gu honair e.

16 Saſuichidh mi e le beatha fhada; agus foillſichidh mi dha mo ſhlainte.

## Salm xcii. *Bonum eſt confiteri.*

'SNI maith buidheachas a thoirt do 'n Tighearna; agus mola' a ſheinn do t'ainm, O Thi 's airde.

2 A dhinnſe mu d' chaoimhneas gradhach gu moch ſa mhaduin; agus mu d' fhirinn an am na hoiche.

3 Air inneal ciuil dheich teuda, agus air an cruit; air inneal ard-ghuthach, agus air a chlarſaich.

4 Oir rinn thuſa, Thighearn, miſe ait tre t'oibre; agus ni mi gairdeachas ann a moladh a thoirt air ſon oibre do lamha.

5 O Thighearna, cia glormhor t'oibre; tha do ſmuainte ro dhomhain.

6 Cha toir duine ei-ceile ſo ſanear; agus cha tuig amadan e.

7 Nuair tha daoine mi-dhiadhaidh, uaine mar fheur; agus nuair a ſoirbheacheas iadſan uile ata cuir an gniomh aingeachd; n

ſinbithidh iad air an ſgrios am feaſt, ach s'tus, a Thighearn, an Ti 's airde a chaoidh.

8 Oir feuch, theid do naimhde, O Thighearna, ſeuch, theid do naimhde gu di; agus bithidh iadſan uile ata cuir an gniomh aingeachd air an ſgrios.

9 Ach bith m'adharcſa air a harducha mar adharc an aonaircich; oir tha mi air m'unga' le hola ur.

10 Chi mo ſhuil fos a miann air mo naimhde; agus cluinnidh mo chluas a run mu'n aingaidh tha 'g eiridh ſuas am aghaidh.

11 Faſaidh 'm firean mar chrainn pailme; agus ſgaoilidh e 'm fad mar ſhedar ann an Libanus.

12 A mheud ſa bhios ſuichte ann tigh an Tighearna; blatheas iad an cuirtibh tigh ar Dia.

13 Bheir iad amach fos tuile meas nan aois; agus bithidh iad ſultmhar agus thachdmhar.

14 Chum gu 'm foillſaich iad cia fior tha 'n Tighearna mo neart; agus nach 'eil eaſ-ionracas ſam bith ann.

## URNUIGH FEASGAIR.

### Salm xciii. *Dominus regnavit.*

THa 'n Tighearna na righ, agus chuir e uime truſgan glormhor; chuir an Tighearn uime a thruſgan, agus chriosruich e e fein le ſpionadh.

2 Rinn e 'n ſaoghal cruinn cho daingean; 's nach gabh e carucha.

3 Reamh o'n thoiſich an t'ſaoghal bha do chathair umhluichte; tha thu a bhi-bhuantachd.

4 Tha na tuilte air eiridh, O Thighearna, thog na tuilte ſuas an guth: thog na tuilte ſuas an tonna.

5 Tha tuinn a chuain trein, agus air boille gu garbh; ach gidheadh tha 'n Tighearna, tha chomhnuidh ſan airde, ni 's treine.

6 Tha do theiſteas, O Thighearna, ro chinteach; tha naomhachd iomchuidh do d' thigh gu brath.

Slm

Salm xciv. *Deus, ultionum.*

O Thighearna Dhe, ga 'm buin dioghaltas; thufa Dhe, ga'm buin dioghaltas, foillfaich thu fein.

2 Eirich, thus a bhreithe an domhain; agus thoir duais do na huaibhrich a reir an toilltinis.

3 Thighearna, cia fad a bheir na hain-diaghaidh: cia fad a bheir na hain-diaghaidh buaidh?

4 Cia fhad a labhras iadfan uile tha deanamh aingeachd cho fpiodail; agus a ni iad a leithid a dh' uaill uaibhreach?

5 Tha iad a buailidh fios do phobul, O Thighearna; agus a cuir trioblaid air d' oighreachd.

6 Tha iad a murta' na bantraich, agus a choigrich; agus a cuir an dileachdain gu bas.

7 Agus gidheadh their iad, hu! cha 'n fhaic an Tighearn e; ni mo bheir Dia Jacob fanear e.

8 Thugaibh an aire, fibhfe tha ea-ceill a meafg an pobul; O fibhs amadana, c'uin a thuigeas fibh.

9 'N ti fhuithich a chluas, ne nach cluinn e; no 'n ti rinn an tuil, ne nach fhaic e?

10 No eifin tha toirt oilein do na cinnich; is e theagaifgeas eolas do dhuine, ne nach toir e peanas?

11 'S aithne do 'n Tighearna fmuainte duine; nach 'eil iad ach diamhain.

12 'Sbeannuichte an duine fmachduicheas tufa, O Thighearna; agus a ni thu theagafg ann a'd' lagh.

13 Chum gu 'n toir thu faidhidin dha an am na hairc; gus am bi 'n flochd air a chladhach air fon an ain-diaghidh.

14 Oir cha 'n fhailnich an Tighearn air a phobul; ni mo a threigeas e oighreachd fein.

15 Gus am pill fireantachd air a hais ri breitheanas; leanaidh mhead 's ga 'n bheil cridhe fior i.

16 Co dh' eireas leam an aghaidh an aingidh; na co ghabhas mo phairt an aghaidh luchd an uile?

17 Mur cuidiche an Tighearna leam; s' beag nach robh m' anam a chuir gu tofd.

18 Ach 'nuair thuirt mi, fhleamhnuich mo chas; chum do throcair, O Thighearna, fuas mi.

19 Ann an lionmhaireachd nan iomaguine a bha agam am chridh; dhath-urich do fholais m' anam.

20 An gabh thu gnothach ſam bith ri ſtol na haingeachd ; tha dealbh uilc mar lagh ?

21 Tha iad ga 'n tional ri cheile an aghaidh anam an f hirean ; agus a dite na fala neo-chiontaich.

22 Ach ſe 'n Tighearna mo thearmunn ; agus ſe mo Dhia neart mo mhuinghin.

23 Diolaidh e dhoibh a reir an aingeachd ; ſgriosaidh e iad ann nami-run fein ; ſeadh, ſgrioſaidh 'n Tighearna ar Dia iad.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xix.

Salm xcv. *Venite, exultemus*

O Thigibh, ſinneamaid do 'n Tighearna ; deanamaid gairdeachas gu ſuilbheir, ann an carraig ar ſlainte.

2 Thigeamaid a ſteach 'na lathair le breith-bhuidheachas ; agus taiſbeinmid ſinn fein aobhneach annſan le ſialmaibh.

3 Oir is Dia mor an Tighearna ; agus Righ mor oſcionn nan uile Dhe.

4 Ata uile chriochana talmhain ann na laimh-ſin ; agus 's leis neart nam beann mar an ceudna.

5 Is leiſean an f hairge, agus rinn e i ; agus dhealbh a lamhan an talamh tiorum.

5 O thigibh, deanamaid adhradh, agus tuiteamaid ſios ; agus ſleuchdamaid ann lathair an Tighearna ar cruith-f hear.

7 Oir is eiſin an Tighearna ar Dia, agus is ſinne pobul inealtruidh agus caoirich a laimh.

8 An diu 'ma dh'eiſdeas ſibh a ghuth, na cruaidhichibh 'ur cridheachan ; mar ann ſa bhroſnucha, agus mar ann an la bhuairidh ſan f haſach.

9 'Nuair a bhuair 'ur 'n aithreacha mi ; agus a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m'oibre.

10 Re da f hichiod bliadhna bha mi air mu ghraineacha leis a ghinealach ſo, agus thuirt mi ; is pobul iad ata air ſeacharan nan cridheachaibh, oir cha robh eolas aca air mo ſhlighibh.

11 Da

11 Da 'n do mhionnaich mi a'm' fheirg; nach racha' iad a fteach do 'm fhuaimhneas.

## Salm xcvi. *Cantate Domino.*

O Seinnibh do 'n Tighearn oran nuadh; feinnibh do'n Tighearna, a thalaimh gu hiomlan.

2 Seinnibh do 'n Tighearn, agus molaibh ainm; bithibh ag aithris mu a fhlainte o la gu la.

3 Cuiribh onair an ceill do na cinnich; agus iongantas do na huile pobul.

4 Oir tha 'n Tighearna mor, agus cha fheudar a mhola' mar is cubhaidh: tha e na chuis eagail os cionn nan uile Dhia.

5 Air fon uile Dhe nan cinnich, cha' n'eil annta ach iodhail; ach fe 'n Tighearna rinn na neamha.

6 Tha gloir agus adhradh na lathair; tha cumhachd agus onair na ionad naomha.

7 Thugaibh do'n Tighearna, O fibhfe chineacha nam poibleach; thugaibh do 'n Tighearn adhradh agus cumhachd.

8 Thugaibh do 'n Tighearna an onair is dligheach d'a ainm; thugaibh leibh tiolaca, agus thigibh ga chuirte.

9 O deanaibh adhradh do'n Tighearna ann a maife na naomhachd; bithidh eagal air an talamh uile roimhe.

10 Innfibh 'mach e meafg nan cinnich, gur e n Tighearna 's Righ; agus gur e an ti rinn an domhain cruinn cho daingean fnach gabh e carrucha, agus cia mar bheir e breith chothrumach air an pobul.

11 Deanadh na neamha gairdeachas, agus bithe an talamh ait; deanadh an cuan toirm, agus na huile ni a th' ann.

12 Bithe an mhachair aoibhneach, agus na huile ni th'ann: 'n fin ni uile chraobhan na caoille gairdeachas ann fianais an Tighearna.

13 Oir tha e teachd, oir tha e teachd thoirt breith air an talamh; agus le fireantachd thoirt breith air an t faoghal, agus air an pobul le fhirinn.

## Salm xcvii. *Dominus regnavit.*

THA 'n Tighearna na Righ, feudaidh 'n talamh bhi ait; feadh, feudaidh lionmhaireachd nan eilean a bhi ait uime fin.

2 Tha

2 Tha neoil agus dorchadas mu thimchioll; 's iad fireantachd agus breitheanas ionad-comhnuidh a chathrach.

3 Theid teine roimhe; agus loisgear suas a naimhde air gach taobh.

4 Thug a dhealanach dealra do 'n t saoghal; chunnuic an talamh i, agus bha e so eagal.

5 Leagh na cnoic mar cheir am fianuis an Tighearna; am fianuis Tighearna an saoghal gu leir.

6 Chuir na neamha an ceill a fhireanteachd; agus chunnaic an fluagh uile a ghloir.

7 Gu 'n robh iadsan uile so amhla a ni adhradh do Iomhaidhe shnoighte, agus aig am bheil tlachd ann an De diamhain thugaibh adhra dhasan, sibhse nan uile Dhe.

8 Chuala Sion sin, agus rinn i gairdeachas; agus bha nigheana Juda ait, air son do bhreitheanais, O Thighearna.

9 Oir tha thusa, a Thighearna, airde os cionn an talamh uile; tha thu air t' arducha fada os cionn nan uile Dhe.

10 O sibhse leis an ionmhain an Tighearna, faicibh gu 'm fuathaich sibh an ni tha olc; coimhididh 'n Tighearna anma a naoimh; saoraidh e iad o laimh an ain-diaghidh.

11 Tha solus air eiridh suas do'n fhirean; agus aoibhneas subhach dhoibhsin aig am bheil cridhe treibh-chireach.

12 Deanaibhse gairdeachas san Tighearna, a fhireana; agus thugaibh buidheachas re cuimhnichean a naomhachd.

## URNUIGH FHEASGAIR.

### Salm xcviii. *Cantate Domino.*

O Seinnibh oran nuadh do 'n Tighearn, oir rinn e nithe miorbhuileach.

2 Le laimh dheis, agus le ghairdean naomh; fhuair e dha fein buaidh.

3 Dh' foillsich an Tighearna a shlainte; nochd e a fhireantachd gu foillear am fianuis nan cinneach.

4 Chuimhnich e a throcair agus fhirinn do thigh Israeil; agus chunnaic uile chriocha an domhan slainte ar Dia-ne.

5 Nochdaibh sibh fein aoibhneach do 'n Tighearna, a dhuchana uile; seinnibh, deanaibh gairdeachas, agus thugaibh buidheachas.

6 Molaibh

6 Molaibh an Tighearn air a chlarſaich ; ſeinnibh do 'n chlarſaich le ſalm breith-bhuidheachas.

7 Le trompaide agus ſaltaire fos ; O nochduibh ſibh fein aoibhneach ann lathair an Tighearna an righ.

8 Deanadh an cuan farum, agus na h uile ni a th' ann : an ſaoghal cruinn, agus iadſan tha chomhnuidh ann.

9 Buaileadh na tuilte am baſa, agus bithe na cnoic aoibhneach le cheile am fianais an Tighearna ; oir tha e air teachd a thoirt breith air an talamh.

10 Le ſireantachd bheir e breith air an t ſaoghal ; agus air an phobul le ceartas.

## Salm xcix. *Dominus regnavit.*

'SE 'n Tighearn is righ, cia neo' thoilichte air bith a bhitheas an pobul ; tha e na ſhuidhe eidir na cheruba, cia neo' ſhoidneach air bith a bhios an talamh ?

2 Tha 'n Tighearna mor ann an Sion ; agus ard oſ cionn na huile ſhluaigh.

3 Bheir iad buidheachas do t ainm ; a tha mor, iongantach, agus naomha.

4 'S ionmhuin le neart an righ breitheanas, dhumhluich thu cothrum ; chuir thu 'n gniomh breitheanas, agus ſireantachd an Jacob.

5 O arduichibh 'n Tighearna ar Dia ; agus tuitibh ſios aig ſtol a choiſe, oir tha e naomha.

6 Maois agus Aaron a meaſg a ſhagarta, agus Samuel a meaſg a mheud ſa ghairmeas air ainm ; ghairm iad ſin air an Tighearna, agus chual e iad.

7 Labhair e riu as an baideal neoil ; oir choimhead a theiſtis agus an lagh a thug e dhoibh.

8 Chual thu iad, O Thighearn ar Dia ; thug thu maitheanas doibh, O Dhe, agus pheanaſaich thu nan innleachda.

9 O arduichibh 'n Tighearna ar Dia, agus deanibh adhradh dha air a chnoc naomh ; oir tha 'n Tighearna ar Dia naomh.

## Salm c. *Jubilate Deo*

O Bithibhſe aoibhneach ſan Tighearn, a thiribh uile ; deanaibh ſeirbheis do'n Tighearn le haiteas, agus thigibh a ſeach na lathair le horan.

2 Bithe

2 Bithibh cinnteach gur e 'n Tighearn is Dia; 's eisin a rinn sinn, agus cha sinn sein; 'sinne a shluagh, agus caoirich ionaltraidh.

3 O rachaibh a steach na gheata le breith-buidheachas, agus na chuirtibh le cliu; bithibh taingeil da, agus labhraidh maith mu ainm.

4 Oir tha 'n Tighearna grasmhor, tha throcair siorruidh; agus a fhirin buan o ghinealach gu ghinealach.

Salm ci. *Miserecordiam & judicium.*

BIthidh m' oran air trocair agus breitheanas; dhuitse, O Thighearna, ni mi ceol.

2 O bitheadh tuigse agam; ann an slidhe na diaghachd.

3 C'uin' a thig thu m'ionnsuidh; gluaisidh mi ann am thigh le cridhe foirfe.

4 Cha ghabh mi ni aingidh o's laimh; 's fuathach leam peacana na heas-ionracas; cha lean a leithid sin rium.

5 Triallaidh an cridhe daoirbh uam: 's cha ghabh mi eolas air duin' aingidh.

6 Co sam bith bheir toibheum os niosal ga chaoimhearsnach; ni mise a sgrios.

7 Co sam bith aig am bheil sealla uaibhreach agus togradh ard; cha 'n fhuiling mi e.

8 Tha mo shuile a sealltuin air a mheud 's tha fireanach san tir; chum sgu gabh iad comhnuidh maille rium.

9 Co sam bith a chaitheas a bheatha gu diaghidh; bithidh e na sheirbhaiseach agamsa.

10 Cha ghabh neach cealgach sam bith comhnuidh a'm' thighse; cha 'n fhuirich an neach a dhinnseas breugan am shealasa.

11 Sgriosaidh mise gu luath na huile ain-diaghaidh a tha san tir; chum sgu 'm spionadh mi iadsan uile ata cuir an gniomh haingeachd o bhaile an Tighearna,

URNUIGH

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xx.

Salm cii. *Domine, exaudi.*

GLuinn m'urnuidh, O Thighearna; agus thigeadh m'eidheach a'd' ionnſuidh.

2 Na foluich do ghnuis uam an am mo thrioblaid; aom do chluas rium an nuair a ghairmeas mi, O cluinn mi, agus ſin gu ſior luath.

3 Oir tha mo laithin air caith as mar dheatach; agus tha mo chnamhan air loſga ſuas mar athainte teine.

4 Tha mo chridhe air a bhuala ſios, agus air ſearga mar f heur; ionnas gun dhearmad mi m' aran ithe.

5 Air ſon guth m'oſnuich; 's gann a leanas mo chnamhan ri m' f heoil.

6 Tha mi mar phelican ſan f haſach; agus mar an coileach-oiche a th' ann ſa di-threabh.

7 Rinn mi fairc, agus tha mi iodhoin mar ghealbhann; tha ſuidhe na aonar air mulach an tighe.

8 Tha mo naimhde ga 'm maſluchadh re fad an latha; agus iadſan tha caothaich rium, tha iad mionuichte le cheile am aghaidh.

9 Oir dhith mi luaithre mar gum b'aran e; agus mhaiſg mi mo dheoch le deoir.

10 Agus ſin air ſon t'f hearg 's do chorruich; oir thug thu ſuas mi, agus thilg thu ſios mi.

11 Tha mo laithean air teiche as mar ſgaile; agus tha mi air ſearga mar f heur.

12 Ach mairidh tuſa, O Thighearn, gu ſiorruidh; agus do chuimhneachan air feadh na huile ghinealach.

13 Eiridh tu, agus ni thu trocair air Sion; oir tha 'n tam dhuit trocair dheanamh oire, ſeadh, tha 'n tam air teachd.

14 Agus c'arſon? tha do ſheirbheiſidhe a ſmuaineach air a ſlacha; agus 's truagh leo bhi ga ſaicin ann ſan duſlach.

15 Bithidh cagal t'ainme air na cinnich, O Thighearna; agus air uile righre an talmhain as do mhorachd.

16 'Nuair thogas an Tighearna fuas Sion; agus an nuair a dh'fhoillfichear a ghloir.

17 'Nuair a philleas e ri urnuidh an uireasbhuich bhochd; agus nach dean e tair air an iarrtas.

18 Bithidh so air a sgriobhte air son na muintir a thig nan deidh; agus bheir na daoine a bhitheas air am breith moladh do'n Tighearna.

19 Oir sheall e sios o ionad naomh; as na neamha bheachdaich an Tighearna air an talamh.

20 Chum gu 'n cluinneadh e tuireadh na muintir a th'ann am braideanas; agus gu 'n saor e chlann a th' air an orducha gus bas;

21 Chum gu 'n cuir iad ainm an Tighearna 'n ceill ann an Sion; agus adhra aig Hierusalem;

22 'Nuair tha 'n pobul air tional ri cheile; agus na righeachda fos gu seirbheis a dheanamh do'n Tighearna.

23 Thug e sios mo neart ann am thuras; agus ghearruich e mo laithean.

24 Ach thuirt mise, O mo Dhia, na toir air falbh mi ann am meadhon m'aoise; air son mo bhliadhnaidh, mairidh iad air feadh na huile ginealach.

25 Leag thusa, Thighearna, an tus bunaite an talmhain; agus s' iad na neamha obair do lamha.

26 Theid iadsan gu di, ach mairidh tusa; fasaidh iad sean mar aodach;

27 Agus mar bhrat ni thu 'n caochla; agus caochlar iad; ach 's tus' an neach ceudna, agus cha 'n fhailnich do bhliadhnaidh,

28 Buanuichuidh clann do sheirbheisiche; agus seasaidh 'n sliochd daingean ann a'd' shealla.

## Salm ciii. *Benedic, anima mea.*

MOL' an Tighearna, O m' anam; agus mola' gach ni tha 'n taobh stigh dhiom a ainm naomha.

2 Mol' an Tighearn, O m' anam; agus na di chuimhnich a thiolaca uile;

3 'N ti a mhaitheas duit do pheaca' uile; agus a shlanuicheas t'an-mhuinneachda gu leir;

4 'N

4 'N ti thearnas do bheatha o dhoruin; agus tha do chrunadh le trocair agus caoimhneas gradhach,

5 'N ti ſhaſuicheas do bheul le nithe maithe; ga d' dheanamh og agus ſultmhar mar iolair.

6 Tha 'n Tighearna cuir an gniomh fireantachd agus breitheanas; air an ſonſan uile th' air am for-eigne le hea-coir.

7 Dh' f hoillſich e ſhlithibh do Mhaois; 's oibre do chlainn Iſraeil.

8 Tha 'n Tighearna lan iochd agus trocair: fad-f hulangach agus mor ann am maitheas.

9 Cha bhi e 'n comhnuidh ri tagra; ni mo a ghleidheas e f hearg gu brath.

10 Cha do rinn e oirn a reir ar peacana; 's cha tug e duais duinn a reir ar naingeachda.

11 Oir feall cia arda na neamha an coimeas ris an talamh; 's co mhor tha throcair dhoibhſin air am bi eagal roimhe.

12 Seall fos cia farſaing tha 'n airde n'ear o 'n aird an iar; s co f had a chuir e ar peacana uainn.

13 Seadh, mar ghabhas athair truas ri chlainn fein; iodhoin mar ſin tha 'n Tighearna trocaireach dhoibhſin air am bheil eagal.

14 Oir s aithne dha co dheth a rinne ſinn: is cuimhne leis nach 'eil annain ach duſlach.

15 Cha 'n'eil laithean duine ach mar f heur; oir tha e teachd fo bhlath mar luidh na machrach.

16 Oir cha luath ſa theid a ghaoth thairis air, tha e air falbh; agus cha 'n aithne d'a aite e ni ſmo.

17 Ach mairidh maitheas trocaireach an Tighearna re ſaoghal nan ſaoghal, orraſan air am bheil eagal; agus a f hireantachd air clann an cloinne.

18 Iodhoin air a mheud ſa choimhdeas a chumhnanta; 'ſ a ſmuainaicheas air aitheanta chum an deanamh.

16 Dhumbluich an Tighearna a chathair, ann an neamh; agus tha righeachd a riaghla thar gach uile.

20 O molaibh an Tighearna, ſibhſe aingle a 's leis fein; ſibhſe aig am bheil barrachd ann an neart; ſibhs tha coimhliana aitheana agus tha 'g eiſteachd ri guth a bhriathra.

21 O molaibh an Tighearna, ſibhſe a ſhloidh uile; ſibhſe a ſheirbheiſiche tha deanamh a thoil.

22 O labhraibh maith mu'n Tighearna, gach uil' oibre as leis, ann an ionada a Thighearnais uile; mol' thuſa an Tighearna, O m'anam.

URNUIGH

## URNUIGH FHEASCAIR.

Salm civ. *Benedic, anima mea.*

MOL' an Tighearna, O m'anam; O Thighearna mo Dhia, tha thu anabarach ghlormhor, tha thu air do ſgeuducha le morachd agus onair

2 Tha thu gad uimeacha fein le ſolus mar gu'm b'ann le truſgan; agus a ſgaoile mach na neamha mar chuirtein.

3 'N ti a leag ſailthean a ſheomra ann ſna huiſgeacha; agus a deanamh charbada do na neoil, agus ag imeachd air ſgiatha na gaoithe.

4 Tha e deanamh aingle nan ſpiorada; agus a mhiniſtaire nan teine laſara.

5 Leag e bunaite an talmhain; chum nach gluais e am ſam bith.

6 Chomhduich thu e leis an doimhneachd mar ga b'ann le haodach; ſheas na huiſgeacha air an beanntain.

7 Le tachdmhaſan teichidh iad; aig guth do thairneanich tha iad ſo eagal

8 Tha iad a dol ſuas cho arda ris na cnoic, agus ſios, do na glinn gu hioſal: iodhoin gus an aite a dhorduich thu dhoibh.

9 Shuidhich thu 'n criocha nach racha iad tharta; ni mo a philleadh iad air ais a dh'f holach na talmhain.

10 Tha e cuir nan ſruthan a chum nan aibhnichean; tha ruidh a meaſg nam beann.

11 Oluidh uile bheathaiche na machrach dhich; agus caiſgidh na h'aſail f hiadhaich an iota.

12 Laimh riu bi 'n aiteacha tamh aig eanlaith an adhair; agus ni iad ceol a meaſg nan geuga.

13 Tha e 'guiſgeacha na 'm beannta o 'n airde; tha 'n talamh air a lionadh le toradh toibre.

14 Tha e toirt amach feoir air ſon na ſpreidhe; agus luidh uaine air ſon feum dhaoine.

15 Chum gu 'n toir e lon as an talamh, agus fion a ni ait cridhe an duine; agus ola a ni a ghnuis ſuilbheir, agus aran a neartucha cridhe an duine.

16 Tha craobhan an Tighearna fes lan bri; iodhoin ſedair Libanus a rinn e ſhuidheacha:

17 Ann

17 Ann ſan ni na heoin an nid; agus tha na craobhan giumhais na 'n aite tamh do'n ſtorc.

18 Tha na cnoic arda nan tearmunn do na gobhair fhiadhaich; agus mar ſin tha na creaga' clachiach air ſon nan coinain.

19 Dhorduich e ghealach air ſon amana ſonruichte; agus 's aithne do'n ghrein a dol fuatha.

20 Ni thu dorchadas chum 's gur oiche e; ann ſan gluais uile bheathaiche an di-threabh.

21 Na leomhain a beuchach an deidh a cobhartaich; tha iad g' iarruidh am bithe o Dhia.

22 Eiridh ghrian, agus theid iad air falbh le cheile; agus laidhidh iad ſios na garidh.

23 Theid duine amach gu obair, agus gu ſhaothair; gus an tig am feaſgar.

24 O Thighearna, cia lionmhar toibre; ann an gliocas rinn thu iad uile, tha 'n talamh lan do'd ſhaoibhreas.

25 Mar ſin tha an cuan mor agus farſuing mar an ceudna; ann ſam bheil nithe a ſnaga gun aireamh, araon beathaiche beag agus mora.

26 'N ſin tha na loingeas a ſiubhal, agus an ſin tha n lebhiatan ſin; a rinn thu gu t'ugradh ann.

27 Tha iad fin uile a' feithe ort; chum gu 'n toir thu biadh dhoibh na am iomchuidh fein.

28 'Nuair a bheir thu dhoibh e, tionalaidh iad e: agus 'nuair a dh'fhoſglas tu do lamh, tha iad air an liona' le maith.

29 'Nuair a folucheas tu t'aghaidh; tha iad fo thrioblaid; 'nuair bheir thu air falbh an anail, gheibh iad bas, agus tha iad air am pille air ais chum an duſlach fein.

30 'Nuair a leigeas tu dod' ſpiorad dol amach, bithidh iad air an cruthachadh; agus ath-nuadhichidh tu aghaidh an talmhain.

31 Mairidh morachd ghlormhor an Tighearna gu brath; ni 'n Tighearna gairdeachas na oibre.

32 Criothnuichidh 'n talamh ma ſealleas e urra; ma ni e ach beantain ris na cnoic, theid deathach uatha.

33 Seinnidh mi do'n Tighearna cho fhad ſa 's beo mi; moladh mi mo Dhia m' feadh ſa bhios bith agam.

34 Agus mar ſin toillichidh m' fhocail e; bithidh m' aoibhneas ſan Tighearna.

35 Air ſon pheacaire, bithidh iad air an caithe as an talamh, agus thig an tain-diaghidh gu crich, mol' thuſa an Tighearn, O m'anam, mol' an Tighearna.

URNUIGH

## URNUIGH MHAIDNE

### Latha xxi.

Salm cv: *Confitemini Domino.*

O Thugaibh buidheachas do'n Tighearna, agus gairmaibh air a ainm; innſibh do'n tſluagh ciod na nithe a rinn e.

2 O bitheadh 'ur n orain air, agus molaibh e; agus bitheadh 'ur cainnt air uile a oibre iongantach.

3 Deanaibh gairdeachas na ainm naomha; deanadh an cridhefa gairdeachas tha 'g iarruidh 'n Tighearna.

4 Iarruibh n Tighearn agus a neart; iarruibh aghaidh gu brath.

5 Cuimhnuichibh na hoibre miorbhaileach a rinn e; a iongantais, agus breitheanais a bheoil.

6 O ſibhſe ſhliochd Abraham a ſheirbhaiſiche; ſibhſe a chlann Jacob a mhuintir thaghta.

7 'Se an Tighearna ar Dia; tha bhreitheanais ann ſan domhan uile.

8 Bha e do ghna cuimhneachail air a chumhnanta 'ſ a ghealla; a rinn e do mhile ginealeach.

9 Iodhoin an cumhnanta rinn e ri Abraham; agus a mhoid a mhionaich e do Iſaac.

10 Agus dhorduich e an ni ceudna do Jacob mar lagh; agus do Iſraeil mar theiſteas fiorruidh.

11 Ag radh, dhuitſa bheir mi tir Chanaan; cranchar 'urn oighreachd.

12 Nuair nach robh iad fathaſt ach nam buidhinn bheag; agus iad nan coigrich ſan tir,

13 Ciod an tam a chaidh iad o aon chinneach gu cinneach eile; o aon righeachd gu pobul eile.

14 Cha leig e do dhuine ſam bith cron a dheanamh dhoibh; ach thug e achdmhaſan do righre air an ſgath.

15 Na beanaibh ri m ungaichte; agus na deanaibh dochan ſam bith dom' fhaidhean.

16 Oſbar

16 Ofbar, gairm e gainne air an tir ;agus fgrios e ui e lón an arain.

17 Ach chuir e duine rompa ; iodhoin Joſeph, neach a chaidh reice gu bhi na thrailt.

18 Dhochain iad a chaſan ſan chaſ-cheap ; chaidh n t'iarann a ſteach na anam.

19 Gus an tainig an tam ſan d' fhioſruchadh a chus ; dh' earbh focal an Tighearna e.

20 Chuir an righ aithne, agus dh' fhuaſgail e air; leag prionſa an tſluaigh leis dol as ſaor.

21 Rinn e na uachdran fos air a thigh e ; agus na fhear riaghailt air a mhaoin uile.

22 Chum eolas a thoirt da phrionſuidh a reir a thoil ; agus a theagaſg d'a ſheanaire gliocas.

23 Thainig Iſraeil fos do'n Eiphte ; agus bha Jacob na choigrich an tir Ham.

24 Agus chuir e 'n lionmhoireachd a phobull gu ro mhor ; agus rinn e iad ni bu treiſe na an naimhde.

25 Dream aig an ronh an cridhe air thionda 's gun tug iad fuath ga pobull ; agus gu 'n bhuin iad gu mealtach ri ſheirbheiſiche.

26 'N ſin chuir e uaithe Maois a ſheirbheiſeach ; agus Aron, an neach a roghnuich e.

27 Agus dh' fhoillſaich iad ſin a chomharadh na meaſg ; agus iongantais ann an tir Ham.

28 Chuir e mach dorchadas, agus bha dorchadas ann ; agus cha robh iad umhal da fhocal.

29 Thionda e 'n uiſgeacha gu fuil ; agus mharbh e 'n iaſg.

30 Thug an tir amach loſgain ; ſeadh, ann an ſeomruiche an righre.

31 Labhair e 'm focal, agus thainig gach gne chuileaga ; agus miala nan criocha uile ;

32 Thug e dhoibh clacha meallain air ſon uiſge ; agus laſruiche teine nan tir.

33 Bhuail e 'm fineamhuine fos agus an crainn fhige ; agus mhilleadh na craobhan a bha nan criocha.

34 Labhair e 'm focal agus thainig na fionnan fheoir, agus cateirpillair gun aireamh ; agus dhithe iad ſuas am feur uile a bha nan tir, agus mhilleadh iad meas an fcarann.

35 Bhuail e gach ceud-ghin a bha nan tir ; iodhoin toiſeach an neart gu leir.

36 Thug

36 Thug e mach iad fos le or agus airgid; cha robh neach anmhunn a measg an treabha.

37 Bha n' Eiphte ait nuair theich iad; oir bha eagal orra rompa.

38 Sgaoil e mach neul gu bhi na chomhducha; agus teine a thoirt solus an am na hoiche.

39 Air an iarrtas thug e dhoibh geara-goirt; agus lion e iad le aran neamha.

40 Dh'fhosgail e an charruig chloiche, agus shruth an tuisge mach; ionas gun ruith aibhnichean ann s'na haiteacha tioram:

41 Agus c'arson? oir do chuimhnuich e ghealla naomha; agus Abraham a sheirbhisich.

42 Agus thug e mach a phobull le haoibhneas; agus a mhuintir thaghta le haiteas.

43 Agus thug e dhoibh fearann nan cinneach; agus ghabh iad mar oighreachd saothair an tsluaigh.

44 Chum gu n coimhdeadh iad a statuis; agus gu 'n tuga' iad aire da reachdaibh.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Sa'm cvi. *Confitemini domino.*

O Thugaibh buidheachas do 'n Tighearna: oir tha e grasmhor; agus maireadh a throcair gu siorruidh.

2 Co dh'fheudas gniomhara uasal an Tighearna a labhairt; no a mhola' gu leir a shoillseacha amach.

3 'Sbeannuichte iad a choimhdeas breitheanas an comhnuidh; agus a ni fireantachd.

4 Cuimhnuich orm, O Thighearna, areir an deidh-ghean a tha 'gad do d' phobull, O siosruich mi led' shlainte.

5 Chum gum faic mi sonas do mhuintir taghta; agus gu 'n dean mi gairdeachas ann an aoibhneas do phobull, 's gus gu 'n toir mi buidheachas maile ri t'oighreachd.

6 Pheacuich sinne le'r naithriche: rinn sinn an eacoir, agus bhuin sinn gu haingidh.

7 Cha d'thug ar n' aithriche fanear do tiongantais san Eiphte, ni mo ghleidh iad do mhor mhaitheas air chuimhne: ach bha iad cas-umhal aig an shairge. iodhoin aig an shairge ruaidh.

8 Gidheadh

8 Gidheadh, chuidich e iad air ſgath ainme; chum gu m'feudadh e a chumhachd a chuir ann ceil.

9 Chronuich e fos an f hairge ruadh, agus thiormuich e ſuas i; mar ſin threoruich e iad tre 'n doimhneachd, mar tre 'n f haſaich.

10 Agus ſhaor e iad o lamh an eaſcairde; agus thearuin e iad o laimh an namhad.

11 Air ſon na muintir ud chuir trioblaid orra, bhath na h-uiſgeacha iad; 's cha d' f haga aon diu

12 'N ſin chreid iad a fhocail; agus ſheinn iad mola' dha.

13 Ach an deigh tamuil dhi-chuimhnich iad a oibre; agus cha d'fhuirigh iad ri chomhairle.

14 Ach thainig an miann orra ſan f haſach; agus bhuair iad Dia ſan di-threabh.

15 Agus thug e dhoibh am miann; agus chuir e caoile mar an ceudna nan anma.

16 Chuir iad corruich air Maois fos ann ſ na pailleana; agus air Aron naomh an Tighearna.

17 Mar ſin dh'f hoſgail an talamh, agus ſhluig e Datan ſuas; agus dh'f holuich e cothional Abiram.

18 Agus las an teine nan cuideachd; loiſg an laſair ſuas na hain-diaghaidh.

19 Rinn iad laogh ann an Horeb; agus rinn iad adhradh do 'n iomhaidh leaghta.

20 Mar ſo chaochal iad an gloir; gu coſlas laoidh a dhitheas faoidh.

21 Agus dhearmaid iad Dia an Slanui-f hear; a rinn nithe cho mhor ſan Eiphte.

22 Oibre iongantach ann an tir Ham; agus nithe eagalach ri taobh na fairge ruaidhe.

23 Mar ſin thuirt e, gu ſgrioſaidh e iad, mur ſeaſadh Maois aon thaghta roimh ſa bhearn; chum a chorruich f heargach a phille air falbh, 'n teagal gu 'n deana e iad a ſgrios.

24 Seadh, rinn iad fanoid mu'n tir thaitneach ſin; agus cha d'tug iad creideas da f hocal.

25 Ach rinn iad monmhur na m paillaine: agus cha d' eiſd iad ri guth an Tighearna.

26 'N ſin thog e ſuas a lamh nan aghaidh; gu 'n iad a ſgrioſadh ſan f haſach.

27 A thilge mach an ſliochd ameaſg nan cinneach; agus gu 'n ſgapa ann s na thiribh.

28 Ceangail iad iad-fein ri Baal-peor ; agus dhith iad iobairtean nam marbh.

29 Mar ſo bhroſnuich iad e gu corruich le 'n innleachdan fein ; agus bha 'n phlaigh mor nam meaſg.

30 'N ſin ſheas Phineas fuas agus rinn e urnuidh ; agus mar ſin ſguir a phlaigh.

31 Agus bha ſin air a mheas dha mar ſhireantachd ; air ſeadh gach uile linne gu brath.

32 Chuir iad fearg air fos aig uiſgeacha na ſtri ; ionnas gu 'n d rinn e peanas air Maois air an ſga' ;

33 Cheann gun do bhroſnuich iad a ſpiorad ; ionnas gun labhair e gu hath-ghairid le bhile.

34 Ni mo a ſgrios iad na cinnich ; mar d' aithn an Tighearna dhoibh.

35 Ach bha iad air a meaſga air-feadh nan cinnich ; agus dh'f hoghlaim iad an oibre.

36 Ann a mheud s gu 'n tug iad adhradh da 'n iodhala, a phill gu'n caithe fein ; ſeadh, dh' iobair iad a mic agus a nighean do dheamhna.

37 Agus dhoirt iad fuil neo-chiontaich, iodhoin fuil a mic agus a nighean ; a dh'iobair iad do iodhala Chanan, agns bha 'n tir air a ſalacha le fuil.

38 Mar ſo bha iad air an truaille le n' oibre fein; agus chaidh iad air ſtriopachas le 'n innleachda fein.

39 Uime ſin las corruich an Tighearna an aghaidh a phobul; ionnas gun ghabh e grain r'a oighreachd fein.

40 Agus thug e thairis iad an laimh nan cinneach ; agus bha mhuintir thug fuath dhoibh, nan tighearna thairis orra.

41 Rinn an naimhde am foirgne ; agus bha iad nan uachdarain orra.

42 'Sioma' uair a ſhaor e iad ; ach rinn iad ceannairc na aghaidh le 'n innleachda fein : agus thuga' ſios nan aingeachd iad.

43 Gidheadh, 'nuair chunnaic e an airc ; chual e 'n gearan.

44 Chuimhnich e air a chumhnanta, agus ghabh e truaghas dhiu, areir lionmhoireachd a throcaire ; ſeadh, thug orra-ſan uile thug am braighdeanas iad, truaghas a ghabhail riu.

45 Saor ſinn, O Thighearna ar Dia, agus tional ſinn a meaſg nan cinneach ; chum gu 'n toir ſinn taing d'a tainm naomh s gu 'n dean ſinn arn'u uill as do mholadh.

46 Beannuichte

46 Beannuichte gu 'n robh Tighearna Dia Iſraeil o bhi-bhuantachd, agus ſaoghal gun chrich: agus abradh an pobull uile, Amen.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxii.

### Salm cvii. *Confitemini Domino,*

O thugaibh taing do 'n Tighearna, oir tha e graſmhor; agus mairidh a throcair gu fiorruidh.

2 Thugeadh a mhuintir taing do'n Tighearn a ſhaor e; agus a do'f huaſgail e o laimh an namhad.

3 Agus a thionail e as na thiribh, o'naird an ear, agus o'n aird an iar; o'n airde tuath, agus deas.

4 Chaidh iad air ſeachran as an tſlighe ann ſan f haſach; agus cha d' f huair iad baile gu comhnuicha ann;

5 Ocrach agus iotmhor; dh'f hannaich an anma annta.

6 Mar ſin ghlaodh iad ris an Tighearna na 'n trioblaid; agus dh'f huaſgail e iad o'n teann eigin.

7 Threoruich e iad amach air an tſlighe cheart; chum gu 'n racha iad dhionnſaidh a bhaile ſna ghabh iad comhnuidh.

8 O gu 'n tuga' daoine mola' do' n Tighearna air ſon a mhaitheis; agus gu'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh air ſon clainn nan daoine?

9 Oir ſaſuichidh e 'n tanam falamh; agus lionadh e 'n tanam ocrach le maitheas;

10 Mheud 's tha ſuidhe 'n dorchadas, agus an ſgaile bhais; air bhith dhoibh ceangailt gu teann an truaghe, agus an iarunn.

11 Cheann gun d' rinn iad ceannairc an aghaidh briathra an Tighearna; agus gun chuir iad an neo-brigh comhairle an ti 's airde.

12 Thug e ſios an cridheacha fos le tuirſadh: thuit iad ſios, agus cha robh aon neach a dheana cobhair orra.

13 Mar ſin 'nuair a ghlaodh iad ris an Tighearna na 'n trioblaid: dh'f huaſgail e orra as an teann eigin.

14 Oir thug e iad a dorchadas, agus a ſgaile a bhais; agus bhris 'n cuibhriche na 'm bloide.

15 O gu mola' daoine uime ſin an Tighearna air ſon a mhaitheas; agus gu 'n cuireadh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine!

16 Oir bhriſt e na geatacha prais; agus bhuail e na croinn iaruinn na 'm bloide.

17 Tha na hamadain air an ſgiurſa air-ſon nan peacadh; agus air ſon an aingeachd.

18 Ghabh an anma fuath da gach gne bhith; agus s' beag nach robh iad iodhoin aig dorus a bhais

19 Mar ſin 'nuair a ghlaodh iad ris an Tighearn na 'n trioblaid; dh'fhuaſgail e orra as an teann-eigin.

20 Chuir e mach a fhocal, agus leighis e iad; agus ſhabhala iad o an doruinn.

21 O gu mola' daoine an Tighearna air ſon a mhaitheis; agus gu 'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine!

22 Gu'n tairge iad dha iobairt breith-bhuidheachas; agus gu'n innſe iad amach a oibre le haoibhneas!

23 A mhuintir theid ſios do'n chuan ann an loingeas; agus tha cuir an gniomh an gnothaiche ann s na huiſge mora.

24 Tha iad a ſin a faicin oibre an Tighearna; agus iongantais ſan doimhneachd.

25 Oir le ghuth eiridh a ghaoth ſtoirmeil; a thogas ſuas a thonna.

26 Tha iad air an giulan ſuas gu neamha, agus ſios aris do'n doimhneachd; tha 'nanma a leatha as leis an trioblaid.

27 'Tha iad air an luaſgadh thuig agus uaithe, agus 'ag tuiſlidh mar dhuine miſgeach, agus tha iad aig ceann an ceill.

28 Mar ſin 'nuair a ghlaodhas iad ris an Tighearna nan trioclaid; faoraidh e iad as an teann eigin.

29 Oir bheir e air an dointhion ſgur; ionnas gum bheil a tonna ſamhach.

30 'N ſin tha iad ait, cheann gu'm bheil iad aig fois; agus mar ſin bheir e iad do'n chala gus 'am b' aill leo dol.

31 O gu mola' daoine uime ſin an Tighearna air ſon a mhaitheas; agus gu'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine!

32 Gu 'n arduiche iad e fos ann co-thional an pobull; agus gu moladh iad e ann an cathair nan ſeanaire!

33 'N

33 'N ti thiondas na tuilte gu faſach; agus a thirmicheas ſuas na tobair uiſge.

34 Tir thorach ni e neo-thorach; air ſon aingeachd na muintir tha chomhnuidh innte.

35 A ris, ni e m faſaich na uiſge tamha; agus tobruiche uiſge nan talamh tirim.

36 Agus ann an ſin cuiridh e na mhuintir tha ocrach; chum gun tog iad baile gu comhnucha ann.

37 Chum gu 'n cuir iad am fearan, agus gu 'n ſuidhich iad garachan fiona; a thoirt doibh tora' chum fas.

38 Tha e gam beannucha, ionnas gu fas iad gu hanabarach lionmhar; agus cha leig e do'n ſpreidh fas tearc.

39 Agus a ris, 'nuair tha iad air laghducha agus air an toirt ioſal; tre f hoir-eigne, tre phlaigh na trioblaid ſambith.

40 Ged cheaduich e dhoibh bhi air an ſarughadh tre aintighearnan; agus ge do leige dhoibh dol air anra' as an tſlighe ſan fhaſach:

41 Gidheadh cuidichidh e 'm bochd as a thruaighe; agus ni e dha teaghlach mar thread chaorach.

42 Beachduichidh 'm ſirean air a ſo agus ni e gairdeachas; agus bithidh beul na haingeachd uile air a dhruide

43 Co air bith tha glic bheir e fanear na nithe ſin; agus tuigidh iad caoimhneas gradhach an Tighearna.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm cviii. *Paratum cor meum.*

O Dhe, tha mo chridhe gleaſt', tha mo chridhe gleaſt'; ni mi ceol agus bheir mi mola leis a bhall a 's f hear a th' agam.

2 Moſguil thus a chruit agus a chlarſaich; 's moſgluidh mi fein gu fior mhoch.

3 Bheir mi dhuit buidheachas, O Thighearna, 'meaſg an pobull; ſeinnidh mi mola' dhuit ameaſg nan cinneach.

4 Oir tha do throcair ni ſmo na na neamha; agus ruigidh tf hirinn an neoil.

5 Cuir ſuas thu fein, O Dhe, os cionn na neamha; agus do ghloir os cionn an talmhain gu leir.

6 Chum

6 Chum gu 'm bi do mhuintir ionmhuin air am fuaſgla'; teaſraige do lamh dheas iad, agus cluinn thuſa mi.

7 Labhair Dia na naomhachd; ni mi gairdeachas uime ſin, agus roinnidh mi Shechem, agus toimhſidh mi mach gleann Sucot;

8 'S leam Gilead, agus 's leam Manaſeh; ſe Ephraim fos neart mo chinn.

9 'S e Juda m' fhear tabhairt lagha, ſe Moab mo phoit ionlaid; tilgidh mi mo bhrog thar Edom; air Philiſtia bheir mi buaidh.

10 Co a threoricheas mi do 'n bhaile laidir; agus co bheir mi gu Edom?

11 Nach do threig thu ſinn, O Dhe; agus nach teid thu mach, O Dhe, le'r 'n armailte?

12 O dean cuideacha linn an aghaidh an namhad; oir 's diamhain comhnadh duine.

13 Tre Dhia ni ſinn gniomhara mora; agus 's e a ſhaltras ſios ar naimhde.

## Salm cix. *Deus laudam.*

NA bi a'd' thoſd, O Dhia mo mhola'; oir tha beul an ain-diaghaidh, ſeadh, tha beul an duine chealgaich foſgailt air mo thi.

2 Agus labhair iad rium le teangana breugach: chuartuich iad mi ſos m'an cuairt le briathra fuath, agus chog iad am aghaidh gun aobhar.

3 Air ſon a ghraidh a bh' agam dhoibh, ſeuch, tha iad a nis a gabhail pairt am aghaidh: ach bheir miſe mi fein gu h-urnuidh.

4 Mar ſo dhioc iad olc dhomh air ſon maith; agus fuath air ſon deagh-ghean.

5 Cuir thuſa duine ain-diaghaidh na uachdran os a chionn; agus ſeaſeamh Satan aig a laimh dheis.

6 'Nuair bheirear binne air, bithe e air a dhite; agus pille a urnuidh gu peaca.

7 Bitheadh a laithean tearc; agus glacadh neach eile a dhreachd.

8 Bitheadh a chlann nan dileachdain; agus a bhean na bantraich.

9 Bithêadh a chlann nam fogaruich, agus ag iarruidh an arain; iarreadh iad e fos a ionada ſas.

10 Caitheadh

10 Caitheadh am fear foir-eigneadh na huile ni a th'aige; agus creacha an coigreach a fhaothair.

11 Na bitheadh duine ann a ghabhas truaghas ris; na ni iochd ri chlann gun athair.

12 Bitheadh a fhliochd air an fgrios; agus ann fan ath linne bitheadh a ainm gu glan air a dhutha amach.

13 Bitheadh aingeachd aithriche air chuimhne an fealla an Tighearna; agus na bitheadh peaca a mhathar air a chuir as.

14 Bitheadh iad a ghna am fianais an Tighearna; chum gun fhion e mach an cuimhneachan o'n talamh.

15 Agus fin a cheann nach robh nan intinn maith a dheanamh; ach a ruga' an duine bhochd gun chobhair, chum eifean a mharbha a bha air a chradh aig a chridhe

16 Bha thlachd ann a mallucha, agus tarlaidh e dha; cha do ghradhaich e beannucha, uime fin bithidh e fada uaithe.

17 Dh'eudich e e fein le mallucha, mar le falluing; agus thig e fteach na innidh mar uifge, agus mar ola na chnamha.

18 Bithe e dha mar an cleoca a chuir e uime; agus mar an crios leis am bheil e a ghna air a chriofracha!

19 Tarla' mar fo dom' naimhde o 'n Tighearna; agus do 'n mhuintir ud tha labhart gu holc an aghaidh m'anam.

20 Ach buin thufa rium, O Thighearna Dhia, a reir tainme fein; oir 's milis do throcair.

21 O fuafgail orm, oir tha mi bochd agus gun chobhair; agus tha mo chridhe air a liona an taobh a ftigh dhiom.

22 Tha mi dol as mar an fgaile a fhiuohleas, agus tha mi air m'fhogradh air falbh mar am fionan-feoir.

23 Tha mo ghluine lag tre throfga; tha m' fheoil air tir meache fuas a dhiobhail faill.

24 Bha mi na cuis focaid dhoibh mar an ceudna; a mhuintir a dhamhaire orm chradh iad an cinn.

25 Dean cobhair orm, O Thighearna mo Dhia; O teafairg mi a reir do throcair.

26 Agus bithidh fios aca, cinnas a fi fo do lamh; agus gur tufa an Tighearna, a rinn e.

27 Ged' mhalluieh iadfan, gidheadh beannuich thufa; agus bitheadh iad air an claoidh, tha 'g eiridh fuas am aghaidh; ach deanadh do fheirbhaifeach gairdeachas.

28 Bitheadh m'eafcairde air an euducha le naire; agus fgeudaiche iad iad fein le 'n amhla' mar le cleoca.

29 Air mo fhonfa, bheir mi taing mhor do'n Tighearna lem' bheul; agus molaidh mi e a meafg a mhor fluadh.

30 Oir

30 Oir feaſaidh e aig laimh dheas an duine bhochd ; a thearnadh an anma o bhreitheana eacorach.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxiii:

### Salm cx. *Dixit Dominus.*

THuirt an Tighearn ri m' Thighearna ; ſuidhſe air mo laimh dheis, gus an dean mi do naimhde nan ſtol coiſe dhuit.

2 Cuiridh 'n Tighearna ſlat do chumhachd amach a Sion ; bithidh tus a'd' riaghluighear iodhoin am mheadhon do naimhde.

3 Ann an latha do chumhachd tairgidh 'n ſluagh dhuit tabhartais ſaor-thoileach maille ri adhradh naomha; tha druchd do bhreith o bholg na maidne.

4 Mhionuich an Tighearn, agus cha ghabh e aithreachas ; s gur ſagart thu gu ſiorruidh a reir ordu' Mhelchiſedec.

5 'N Tighearn air do laimh dheis ; lotaidh e iodhoin righre ann an latha fheirge.

6 Bheir e breith a meaſg nan cinneach, lionaidh e na haiteacha leis na cuirp mharbh ; agus briſidh e nam bloide na cinn thair ioma' thiribh.

7 Olaidh e as an abhuin ann ſan tſlighe ; uime ſin tugaidh e ſuas a cheann.

### Salm cxi. *Confitebor tibi.*

BHEIR mi taing do 'n Tighearna le m' uile chridhe ; gu huaigneach a meaſg nan fireanach, agus ann ſa choithional.

2 Tha oibre an Tighearna mor ; air an iarruidh mach leis uile aig am bheil tlachd annta.

3 S'ſiu oibre a bhi air a moladh agus a bhi ann an onair ; agus mairidh a throcair gu ſiorruidh.

4 Rinn

4 Rinn an Tighearna trocaireach agus graſmhor oibre miorbhuileach air chor; 's gur coir dhoibh bhi air chuimhne.

5 Thug e biadh dhoibhſin air am bheil eagalſan, bithidh e chaoidh cuimhneachail air a choi' cheangal.

6 Dh'fhoillſich e da phobul cumhachd oibre; chum gu 'n toir e dhoibh oighreachd nan cinneach.

7 'S iad firinn agus breitheanas oibre a lamha; tha aitheanta uile fior.

8 Tha iad a ſeaſamh daingean a chaoi' nan cian; agus deanta ann am firinn agus an cothrum.

9 Chuir e ſaorſa chum a phobul; dh'aithn e choi'cheangal gu brath; 's naomh agus is urramach a ainm.

10 Se toiſeach a ghliocais eagal an Tighearna; tha deadh thuigs acaſan uile tha deanamh da reir; mairidh a mhola' am feaſt.

## Salm cxii. *Beatus vir.*

'S Beannuicht an duine air am bheil eagal an Tighearna; tha mor thlachd aige na aitheanta.

2 Bithidh a ſhliochd trein air thalamh: bitheadh ginealach an fhirinn beannuichte.

3 Bithidh ſaibhreas agus pailteas na thigh; agus mairidh a fhireantachd am feaſt.

4 Do'n duine dhiadhaidh eiridh ſolus ſuas ann ſan dorchadas; tha e trocaireach, gradhach, agus cothrumach.

5 Tha deadh dhuine trocaireach, agus coingheallach; agus ſiuraidh e fhocail le ceill.

6 Oir cha ghluaiſear am feaſt e; agus Bithidh am firinn ann an cuimhne ſiorruidh.

7 Cha bhi eagal air a droch theachdaireachd ſam bith; oir tha chridhe ſeaſamh daingean, agus a creidſin ſan Tighearn.

8 Tha chridhe ſuighte, agus cha ghlidich e; gus am faic e mhiann air a naimhde.

9 Sgaoil e am fad, agus thug e do'n bhochd; agus buainichidh fhireantachd gu brath, bithidh adharc air a harducha le onair

10 Chi an tain-diaghidh e, agus ni e doileaſach e; caſaidh e fhiacla, agus caithidh e as; theid miann an ain-diaghaidh a mudha.

Salm cxiii. *Laudate, pueri.*

MOlaibhſe an Tighearna, a ſheirbheiſiche; O molaibh ainm an Tighearna.

2 Beannuichte gu 'n robh ainm an Tighearna; o'n am ſo mach gu ſiorruidh.

3 Tha ainm an Tighearn air a mhola'; o eiridh na greine, gu a dhol fhodha,

4 Tha 'n Tighearn ard os cionn uile chinneacha: agus a ghloir os cionn na neamha.

5 Co tha coſmhuil ris an Tighearn ar Dia, aig am bheil a chomhnuidh co ard; agus gidheadh tha ga iſleacha fein a dh' fhaicin na nithe a tha air neamh agus air thalamh?

6 Togaidh e 'n ſimpli ſuas as an duſlach; agus togaidh e 'm bochd as an otrach.

7 Chum a chuir na ſhuidhe le prionnſaibh; iodhoin le prionnſucha an pobuill.

8 Tha e toirt air a mhnaoi aimrid tigh a chumail; agus a bhi na mathair aoibhin clainne.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm cxiv. *In exitu Iſrael.*

NUair thainig Iſraeil as an Eiphte; agus tigh Jacob a meaſg a phobuill choimheach.

2 B'e Juda a ionad naomha; agus Iſraeil a Thighearnas.

3 Chunnaic an cuan ſin, agus theich e; bha Jordan air iomain air ais.

4 Chliſg na beannta mar reitheachan; agus na tulaich bheaga mar chaoirich oga

5 Ciod a thainig ort, O thus' a chuain, gun a theich thu? agus thuſa Jordain, gu 'n d'iomaine thu air hais.

6 Sibhſe bheannta, gu 'n do chliſg ſibh mar reitheachan; agus ſibhſe a thulaiche bheaga mar chaorich oga?

7 Crithich, thus a thalamh, am fianuis an Tighearn; am fianuis Dia Jacob.

8 A thionda a charraig chruaidh gu uiſge tamha; agus chruaidh-chlach gu tobair ſruthanach.

Sal

Saim cxv. *Non nobis, Domine:*

CHA 'n ann duinne, O Thighearna, cha 'n ann duinne, ach do tainmſe thuga mola'; air ſga do throcair ghradhaich, agus tfhirinn.

2 C'arſon a their na cinnich; c'aite anis am bheil an Dia?

3 Air ſon ar Diane, tha e air neamh; rinn e ciod ſam bith bu toil leis.

4 'S or agus airgid an idhola'; iodhoin obair lamha dhaoine.

5 Tha beoil aca, agus cha labhair iad; tha ſuile aca, agus cha 'n fhaic iad.

6 Tha cluaſan aca, agus cha chluinn iad; tha ſroine aca, agus cha 'n 'eil bola' annta.

7 Tha lamha aca, agus cha laimhſich iad; tha caſan aca, agus cha ghluais iad; ni mo a labhras iad roimh 'n ſgornan.

8 Tha iadſan ni iad coſmhuil riu fein; agus mar ſin tha gach uile neach a chuireas an dochas annta.

9 Ach cuir thuſa, a thigh Iſraeil do dhochas ſan Tighearn; ſe is cuidich agus is tearna dhoibh.

10 Sibhſe thigh Aroin, cuiribh ar dochas ſan Tighearna; ſe is fear cuidich agus is fear tearnuidh dhoibh.

11 Sibhſe air am bheil eagal an Tighearna, cuiribh 'ur dochas ann; 's e is ſear cuidich agus fear tearnuidh dhoibh.

12 Bha an Tighearna cuimhneachail oirn, agus ni e ar beannucha; iodhoin beannuichidh e tigh Iſraeil, beannuichidh e tigh Aroin.

13 Beannuichidh e iadſan air am bheil eagal an Tighearna; araon beag agus mor.

14 Meaduichidh 'n Tighearna ſibh ni ſmo is ni ſmo; ſibh fein agus 'ur clann.

15 Sibhſe muintir bheannnicht an Tighearna; a rinn neamh agus talamh,

16 'S leis an Tighearna na neamha iomlan gu leir; thug e n talamh do chlainn nan daoine.

17 Cha toir na mairbh mola' dhuitſe, O Thighearna; no idir iadſan theid ſios gu toſt.

18 Ach bheir ſinne mola' do'n Tighearn; o'n am ſo mach gu brath. Molaibh an Tighearna.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxiv.

Salm cxvi. *Dilexi, quoniam.*

THA mi deagh thoilichte; gu'n cual an Tigheorna guth m'urnuidh.

2 Gu'n chrom e chluas rium; uime fin gairmidh mi air cho f had fa 's beo mi,

3 Dhiath, eangach a bhais umam; agus f huair pianta ifrinn greim orm.

4 Gheibh mi trioblaid agus tuirfe, agus gairidh mi air ainm an Tighearna; O Thighearna guidheam ort, faor m'anam.

5 'S grafmhor, agus is ceart an Tighearna; feadh, tha ar Dia trocaireach.

6 Tearnuidh 'n Tighearna an fimpli; bha mi ann an truaigh, agus rinn e cobhair orm.

7 Pill a ris ma feadh ri t' fhuaimhneas O m'anam; oir thug an Tighearna duais dhuit.

8 Agus c'arfon? fhaor thu m'anam o'n bhas; mo fhuile o dheoir, agus mo chafan o thuiteam.

9 Gluaifidh mi an lathair an Tighearna; ann an tir nam beo.

10 Chreid mi, agus uime fin labhair mi, ach bha mi an trioblaid gheur; thuirt mi am chabhaig, s breugairean na huile dhaoine.

11 Ciod a chomain bheir mi do'n Tighearna; air fon gach fochair a rinn e dhomh.

12 Gabhaidh mi cupan na flainte, agus gairidh mi air ainm an Tighearna.

13 Iocaidh mi nife mo mhoide am fianais a pobull uile; 's ro phriofail ann an fealla an Tighearna bas a naoimh.

14 Feuch, O Thighearn, cia mar is mife do fheirbheifeach; 's mi do fheirbheifeach, agus mac do bhan-ogluich, bhris thu mo chuibhriche nam bloide.

15 Ofrai

15 Bheiream dhuit iobairt breith-bhuidheachais; agus gairidh mi air ainm an Tighearna.

16 Iocaidh mi mo mhoide do 'n Tighearn, ann an ſealla a pobull uile; ann an cuirte tigh an Tighearn, iodhoin ann a'd' mheadhon, O Hieruſalem, molaibh an Tighearna.

## Salm cxvii. *Laudate Dominum.*

O Molaibh an Tighearna, ſibhſe a ghintiliche gu leir: molaibh e ſibhſe uile chinnich.

2 Oir tha chaoimhneas trocaireach riamh ni ſmo is ni ſmo da 'r taobhne; agus mairidh firinn an Tighearna am feaſt. Molaibh an Tighearna.

## Salm cxviii. *Confitemini Domino.*

O Thugaibh taing do'n Tighearna, oir tha e graſmhor; cheann gu mair a throcair am feaſt.

2 Aidiche Iſraeil anis, gu'm bheil e graſmhor; agus gu mair a throcair am feaſt.

3 Aidiche tigh Aroin anois; gu mair a throcair am feaſt.

4 Seadh, aidiche iadſan anis air am bheil eagal an Tighearna; gu mair a throcair am feaſt.

5 Ghair mi air an Tighearn' ann an trioblaid; agus chual an Tighearna mi gu pailt.

6 Tha 'n Tighearn' air mo thaobh; cha 'n eagal leam ciod a ni duine orm.

7 Tha 'n Tighearna gabhail mo phairt leoſan tha g'am chuideacha; uime ſin chi mi mo mhiann air mo naimhde.

8 'S fearr earbſa chuir ſan Tigherrna; na muinghin ſam bith chuir an duine.

9 'S fearr dochas a chuir ſan Tighearna; na muinghin ſam bith chuir ann prionnſachan.

10 Dhiath gach uile chinneach tiomchioll orm; ach ann an ainm an Tighearn ni mi an ſgrios.

11 Chum iad a ſtigh mi air gach taobh, chum iad a ſtigh mi, tha mi 'g radh, air gach taobh; ach an ainm an Tighearn ſgrioſaidh mi iad.

12 Thainig iad m'an cuairt domh mar bheachan, agus tha iad caiſgte mar an teine iodhoin a meaſg an droighin; oir an ainm an Tighearn ſgrioſaidh mi iad.

13 Thilg

1 Thilg thu gu geur orm, chum 's gu 'n tuitin ; ach b'e an Tighearna mo chobhair.

14 'Se 'n Tighearna mo neart agus mòran ; agus tha e air fas na ſhlainte dhomh.

15 Tha fuaim aoibhnuis agus ſlainte ann an aitreabh an fhirean ; bheir lamh dheas an Tighearna nithe mora gu crich.

16 Tha 'n tard cheannas aig lamh dheas an Tighearna : bheir lamh dheas an Tighearna nithe mora gu crich.

17 Cha 'n fhaith mi bas, ach mairidh mi beo ; agus cuiridh mi 'n ceill oibre an Tighearna.

18 Smachduich agus chronuich an Tighearna mi ; ach cha tug e thairis chum bais mi.

19 Foſgail dhomh geataidh na fireantachd ; chum gu'n rachain a ſtrach orra, s gun toir mi buidheachas do'n Tighearna.

20 'S e ſo geata an Tighearna ; theid am firean a ſteach air.

21 Bheir mi buidheachas duit, oir chual thu mi ; agus bha thu a'd' ſhlainte dhomh.

22 A chlach ſin fein a dhiult na clachairean, tha i air fas na clach-chinn ſan oiſin.

23 Si ſo obair an Tighearna ; agus tha e miorbhaileach nar ſuiline.

24 So an la a rinn an Tighearna ; ni ſinn gairdeachas agus bithidh ſinn ait ann.

25 Cuidich leam anis, O Thighearna ; O Thighearna, cuir d'ar ionnſuidh a nis ſoirbheas.

26 Beannuight gu 'n robh eiſin tha teachd an ainm an Tighearna ; ghuidh ſinne dhuibh deadh bheannucha', ſibhs a tha an tigh an Tighearna.

27 'S e Dia an Tighearna, a dh'fhoillſich dhuinne ſolus ; ceangail an iobairt le cuird, ſeadh, ri adh airce na haltair.

28 'S tu mo Dhia, agus bheir mi taing dhuit ; s'tu mo Dhia, agus molaidh mi thu.

29 O thugaibh moladh do'n Tighearn, oir tha e graſmhor ; agus mairidh a throcair gu ſiorruidh.

URNUIGH

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm cxix. *Beati immaculati.*

'SBeannuight a mhuintir ud tha neo-thruaillidh fan tſlighe ; agus tha gluafachd ann lagh an Tighearna.

2 Sbeannuight iadſan a choimheadas a theiſtis; agus a dh'iarras e le 'n uile chridhe.

3 Oir tha iadſan nach 'eil ri aingeachd ; a gluafachd na ſhlighibh.

4 Dh'aithn thu ; gu 'n coimhid ſinn t aitheanta gu dichealeach.

5 O nach robh mo ſhligibh air an deanamh cho direach : s gu'm feudain do ſtatuis a choimhead !

6 Mar ſin cha bhi mi fo amhla ; 'm feadh tha ſpeis agam do t-aitheanta uile.

7 Bheir mi taing dhuit le cridhe gun f heall; nuair a dh'f hoghlumas mi breitheanais tf hireantachd.

8 Gleidhidh mi do riaghailtean ; O na treig mi gu buileach.

*In quo corriget ?*

CIod leis an ghlan an duine og a ſhlighe ; iodhoin le e fein a riaghla' a reir t'f hocail.

2 Dh'iarr mi thu le m'uile chridhe ; O na leig dhomh dol am mearachd as t-aitheanta.

3 Dh'f holuich mi tf hocail an taobh a ſtigh am chridhe ; chum nach peacaichin a t aghaidh.

4 Sbeannuight thus, O Thighearn : O teagaiſg dhomh do ſtatuis.

5 Le 'm bhilibh bha mi 'g aithris ; mu uile bhreitheanais do bheoil.

6 Bha tlachd cho mor agam ann an ſlighe do theiſteis ; ſa bh'agam s na huile ghne ſhaoibhris.

7 Labhraidh mi air taitheanta ; agus bithidh ſpeis agam do d' ſhlighibh.

8 Bidh mo thlachd ann a'd' ſtatuis ; s' cha dearmad mi tf hocal.

*Retribue*

*Retribue ſervo tuo.*

O Dean gu maith re d' ſheirbheiſeach; chum gu'm bi mi beo s gu'n coimhead mi tf hocail.

2 Foſgailſe ma ſhuile; chum gu'm faic mi nithe iongantach do lagh.

3 Tha mi am choigreach air thalamh; O na foluich taithcanta uam.

4 Tha m'anam a briſe amach air ſon a mhiann ro dhian; a th'aige a ghna do d' bhreitheanais.

5 Chronuich thu na h'uaibhrich; agus tha iad malluichte tha dol air ſeachran o d'aitheanta.

6 O pill uam nair agus achdmhaſan; oir choimhid mi do theiſteis.

7 Shuidh prionnſachan fos agus labhair iad am aghaidh; ach tha do ſheirbheiſeach ſmuaintaiche air do ſtatuis.

8 Oir 's iad do theiſteis mo thoil intinn; agus ma chomhairlichean.

*Adhæſit pavimento.*

THA m'anam a leantuinn ris an duſlach; O beothuich thuſa mi a reir t' f hocail.

2 Dh'aidich mi mo ſhlighibh, agus chual thu mi; O teagaiſg dhomh do ſtatuis.

3 Thoir orm gu'n tuig mi ſlighe taitheanta; agus mar ſin labhruidh mi air t'oibre iongantach.

4 Tha m'anam a leagha as le fior thuirſe; thoir thuſa ſolas domh a reir t'f hocail.

5 Thoir uam ſlighe nam breug; agus thoir orm ſuim mhor a ghabhail do d' lagh.

6 Roghnuich mi ſlighe na firinn; agus chuir mi do bhreitheanis romham.

7 Dhlu lean mi ri d'theiſteis; O Thighearna, na naraich mi.

8 Ruithidh mi an ſlighe t'aitheanta. 'nuair a dh'f huaſglas tu mo chridhe.

URNUIGH

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxv.

*Legem pone.*

TEagaiſg dhomh, O Thighearna, ſlighe do ſtatuis; agus coimhididh mi i gus a chrioch.

2 Thoir dhomh tuigſe, agus coimhididh mi do lagh; ſeadh, coimhididh mi e le m' uile chridhe.

3 Thoir orm imeachd ann an ceum t'aitheanta: oir ann tha mo thlachd.

4 Aom mo chridhe ri d' theiſteis; agus cha 'n ann gu ſannt.

5 O pill air falbh mo ſhuile; 'n teagal gu'm beachduich iad air diamhanas; agus beothaich thuſa mi ſan t'ſlighe.

6 O daingnich t'fhocal do d' ſheirbheiſeach; chum t'eagal a bhi orm.

7 Thoir air falbh an tachdmhaſan as am bheil m'eagal; oir s maith do bhreitheanais.

8 Feuch, tha mo thlachd ann a t'aitheanta; O beothaich mi ann a t'fhireantachd.

*Et veniat ſuper me.*

THige do throcair ghradhach fos am ionnſuidh, O Thighearna; iodhoin do ſhlainte, a reir t'fhocail.

2 Mar ſin bheir mi freagra do luchd mo mhaſluchadh; oir tha mo dhochas ann a t'fhocal.

3 O na toir fhocal t'fhirinn gu tur as mo bheul; oir tha mo dhochas ann a'd' bhreitheanais.

4 Mar ſin coimhididh mi 'n comhnuidh do lagh; ſeadh, a chaoidh nan cian.

5 Agus gluaiſidh mi am fairſingeachd; oir tha mi 'g iarruidh t'aitheanta.

6 Labhraidh mi fos air do theiſteis; iodhoin ann fianuis righre; agus cha bhi nair orm.

7 Agus bidh mo thlachd ann a t'aitheanta; ga 'n tug mi gradh.

8 Togaidh mi fuas mo lamha fos ri t'aitheanta, ga 'n tug mi gradh; agus bidh mo chnuafachd ann a'd' ftatuis.

*Memor eſto ſervi tui.*

O Smuainteach air do ſheirbheiſeach, mu timchioll t'fhocail; ann ſan tug thu orm mo dhochas a chuir.

2 Se ſin mo ſholas ann am thrioblaid; oir bheothaich t'fhocal mi.

3 Bha mi m' chuis fhochaid anabarach aig na huaibhrich; gidheadh cha do ghlidich mi o d' lagh.

4 Oir chuimhnich mi do bhreitheanais ſhiorruidh, O Thighearna; agus fhuair mi ſolas.

5 Tha mi fo eagal uabhaſach; air ſon nan ain-diaghaidh tha treigſin do lagh.

6 B'iad dó ſtatuis a b òrain dhomh; ann an tigh mo thuruis.

7 Smuainich mi air t'ainm, O Tighearna, ann am na hoiche; agus choimhead mi do lagh.

8 Bha ſo agam; a cheann gun choimhead mi t' aitheanta.

*Portio mea, Domine.*

'S Tu mo chuibhrionn, O Thighearna; gheall mi do lagh a choimhead.

2 Rinn mi m' iarrtas umhla a'd' lathair le m'uile chridhe: O bi trocaireach dhomh a reir t'fhocail.

3 Chuimhnich mi air mo ſhlighibh ſein; agus phill mi mo chaſan ri d' theiſteis.

4 Rinn mi cabhag, agus cha do ſhin mi n'uine; a choimhead t'aitheanta.

5 Rinn cothional nan ain-diaghaidh mo chreacha; ach cha do dhi-chuimhnich miſe do lagh.

6 Eiridh mi mu mheadhon oiche thoirt buidheachais duit; air ſon do bhreitheanais chothrumaich.

7 Tha miſe am chompanach dhoibhſin air am bheil t'eagal; agus a tha comhead t'aitheanta.

8 Tha 'n talamh, O Thighearna, lan do d' throcair: O teagaiſg dhomh do ſtatuis.

*Bonitatem*

*Bonitatem feciſti.*

O Thighearna, bhuin thu gu graſmhor ri d' ſheirbheiſeach; a reir t'fhocail.

2 O teagaiſg dhomh fior thuigs agus eolas; oir chreid mi t'aitheanta.

3 M'un robh mi 'n trioplaid, chaidh me mearachd; ach anis ghleidh mi t'fhocal.

4 Tha thu maith agus graſmhor; teagaiſg dhomh do ſtatuis.

5 Dhealbh na huaibhrich breug am aghaidh; ach coimhididh miſe t'aitheanta le m'uile chridhe.

6 Tha 'n cridhe cho reamhar ri faill; ach bha mo thlachd ann do lagh.

7 'S maith dhomhſa gu'n robh mi an trioblaid; chum gu 'n foghluimin do ſtatuis.

8 Tha lagh do bheoil ni 's ionmhuine leamſa; na milte a dh'or agus a dh'airgiod.

## URNUIGH FHEASGAIR.

*Manus tuæ fuerunt me.*

RINN, agus dhealbh do lamha mi; O thoir tuigſe dhomh, chum gu m' foghlum mi t'aitheanta.

2 Bithidh mhuintir air am bheil t'eagal ait 'nuair a chi iad mi; cheann gun chuir mi mo dhochas ann a t'fhocal.

3 Tha fhios agam, O Thighearna, gu 'm bheil do bhreitheanais ceart; agus gu 'n d'rinn thu o fhior dhilſeachd trioblaid a chuir orm.

4 O bidh do chaoimhneas trocaireach na ſholus dhomh; a reir t'fhocail do d' ſheirbheiſeach.

5 O thige do throcaire gradhach am ionnſuidh, chum gu 'm bi mi beo; oir ſe do lagh mo thoilintinn.

6 Bidh na h'uaibhrich air an cuir gu hamhla, oir tha iad gu haingidh a dol ma 'n cuairt gu miſe a ſgrios; ach bithidh miſe gluaſachd ann a t'aitheanta.

7 Bidh a mheud 's air am bheil t'eagal agus a ghabh eolas air do theiſteis; air am pille riumſa.

4 O bidh mo chridhe treibh-dhireach ann a'd' ſtatuis; chum 's nach bi nair orm.

*Defecit anima mea.*

GHabh m'anam miann air do ſhlainte; agus tha deadh dhochas agam a thaobh t'fhocail.

2 Tha mulad geur air mo ſhuile air ſon t'fhocail; ag radh, O c'uin a bheir thu ſolas domh ſ

3 Oir tha mar bhuideal ſan deatuich; gidheadh cha 'n'eil mi dearmad do ſtatuis.

4 Cia lionmhar laithean do ſheirbheiſich; c'uin a bhitheas tu diolta dhiubhſa tha gam ruaga'?

5 Chladhaich na huaibhrich ſluichd air mo ſhon; nach 'eil a reir do laghſa

6 Tha t'aitheanta gu leir ſior; tha iad gam ruaga' gu feallach, O bioſa a'd' chobhair dhomh.

7 Cha mhor nach do chuir iad crich orm air thalamh; ach cha do threig mi t'aitheanta.

8 O beothaich mi a reir do chaoimhneas ghradhaich; agus mar ſin coimhididh mi teiſteis do bheoil.

*In æternum, Domine.*

THA t' fhocal, O Thighearna, mairthean gu ſiorruidh air neamh.

2 Tha t'fhirinn fos a buanacha o aon linn gu linn eile; leag thu bunait an talmhain, agus tha e air marthuin.

3 Tha iad a buanacha an diugh a reir t orduidh; oir tha na huile nithe ri ſeirbheis duit.

4 Mur bithe mo thlachd ann a'd' lagh; rachain am mugha ann am thrioblaid.

5 Cha dearmad mi chaodh t'aitheanta; oir leo rinn thu mo bheothucha

6 'S leatſa mi, O ſabhail mi; oir dhiarr mi t'aitheanta.

7 Leag na hain-diaghidh feal fheithe, air mo ſhon, gu mo ſgrios; ach bheir miſe fanear do theiſteis.

8 Tha mi faicſin gu 'n tig na huile ni gu crich; ach tha t' aithn ro leathun.

*Quomodo*

*Quomodo dilexi !*

A Thighearna, ciod an gradh a th'agam do d' lagh ; re ſad an latha tha mo chnuaſachd ann.

2 Tre t'aitheanta rinn thu miſe ni 's glice na mo naimhde ; oir tha iad do ghna maille rium.

3 Tha mi ni 's tuigſich na mo luchd teagaiſg ; oir s'iad do theiſteis mo chnuaſachd.

4 'S glice mi na daoin aoſta ; cheann gu'm bheil mi coimhead t'aitheanta.

5 Chum mi mo chaſan o na huile droch ſhlighe ; chum gu'n coimhead mi t' fhocal.

6 Cha do ghlidich mi o d' bhreitheanais ; oir tha thu ga m theagaiſg.

7 O cia milis t'fhocail do 'm chainin ; ſeadh, ni s milſe do 'm bheul na mhil.

8 Tre t'aitheanta tha mi a faghail tuigſe; uime ſin 's fuathach leam uile ſhlighibh an uilc.

---

## URNUIGH MHAIDNE

### Latha xxvi.

*Lucerna pedibus meis.*

THA tfhocal na lo-chran do m' chaſan ; agus na ſholus do m' cheumna.

2 Mhionuich mi, agus tha run orm gu ſeaſmhach ; do bhreitheanais chothrumach a choimhead.

3 Tha mi fo thrioblaid thar tomhas ; beothaich mi, O Thighearna, a reir t'fhocail.

4 Deanadh ſaor iobart mo bheoil do thoileacha, O Thighearna ; agus teagaiſg dhomh do bhreitheanais.

5 Tha m'anam a ghna ann am laimh ; gidheadh cha 'n 'eil mi dearmad do lagh.

6 Leag

6 Leag na hain-diaghaidh ribe air mo ſhon; ach gidheadh cha do chlaon mi air ſeachran o t' aitheanta.

7 Thagair mi do theiſteis mar m'oighreachd am feaſt; agus c'arſon? 's iad fior aoibhneas mo chridhe.

8 Dh'aom mi mo chridhe a ghna a choiliona do ſtatuis iodhoin gus a chrioch.

*Iniquos odio habui.*

THA fuath agam dhoibhſe tha breunnacha nithe olc; ach tha gradh agam do d' laghſa:

2 Stu mo dhion agus mo ſgia'; agus tha mo dhochas ann a t'f hocail.

3 Imichibh uam, ſibhſe luchd na haingeachd; coimhididh miſe aitheanta mo Dhia.

4 O daingnich mi a reir t'f hocail, chum gu 'm bi mi beo; s na leag dhomh bhi air mo mhealla am dhochas.

5 Cum thuſa ſuas mi, agus bithidh mi tearuint; ſeadh, bithidh mo thlachd am feaſt ann a'd' ſtatuis.

6 Shaltair thu ſios iadsan uile tha dol air ſeachran o d'ſtatuis; oir cha 'n 'eil iad a breunnacha ach ceilg.

7 Cuiridh tu air falbh ain-diaghaidh na talmhain uile mar ſhal miotail: uime ſin s ionmhuin leam do theiſteis.

8 Tha m'f heoil air chrith le heagal romhad; agus geilt orm as do bhreitheanais.

*Feci judicium.*

THA mi buintin ris an ni tha laghail agus ceart; O na toir thairis do luchd m'f hoir-eignidh mi.

2 Thoir thus air do ſheirbheiſeach tlachd a ghabhail ſan ni tha maith; chum nach dean na huaibhrich cron domh.

3 Tha mo ſhuile air caithe as le beachducha air ſon do ſhlainte; agus air ſon focal t'f hireantachd.

4 O buin ri d' ſheirbheiſeach a reir do throcair ghradhach; agus teagaiſg dhomh do ſtatuis.

5 'S miſe do ſheirbheiſeach, O deonuich dhomh tuigſe; chum gu m faith mi eolas air do theiſtis.

6 S' mithich dhuitſe, Thighearna, do lamh a nochda; oir ſgrios iad do lagh.

7 Oir tha gradh agam do d' aitheanta; thar or agus clacha prioſail.

8 Uime

8 Uime ſin coimhidh mi direach t'aitheanta uile; agus tha mi gabhail grain gu tur do gach ſlighe bhreugach.

*Mirabilia.*

THA do theiſteis iongantach; uime ſin tha m'anam ga 'n coimhead.

2 'Nuair tha t'f hocal a dol amach: tha e toirt ſolus agus tuigſe do'n t' ſimpli.

3 Dh'f hoſgail mi mo bheul, agus tharraing mi ſteach m'anail; oir bha tlachd agam ann a t'aitheanta.

4 O amhairc thuſa orm, agus bi trocaireach dhomh: mar is gnath leat a dheanamh dhoibhſin air am bheil eagal tainme.

5 Orduich mo cheumna ann a t'f hocal; agus mar ſin cha bhi uachdranachd aig aingeachd thairis orm.

6 O ſaor mi o fhoirneart dhaoine; agus mar ſin coimhidh mi t'aitheante.

7 Foillſich ſolus do ghnuiſe air do ſheirbheiſeach; agus teagaiſg dhomh do ſtatuis.

8 Tha mo ſhuile a' ſrutha mach le huiſge; cheann nach 'eil daoine coimhead do lagh.

*Juſtus es, Domine.*

S' Cothrumach thu, O Thighearna; agus 's fior do bhreitheanas.

2 Tha na teiſteis a dh'aithn thu; ro chothrumach agus fior.

3 Rinn m'eud iodhoin mo chaithe; cheann gun do dhichuimhnich mo naimhde t'f hocail.

4 Tha t'f hocal dearbhta gus a chuid is faide; agus 's ionmhuin le d' ſheirbheiſeach e.

5 Tha mi beag, agus gun mheas ſam bith; gidheadh cha 'n 'eil mi dearmad t'aitheanta.

6 S fireantachd ſhiorruidh t'f hireantachd; agus ſe do lagh an f hirinn.

7 Ghabh trioblaid agus tuirſe greim orm; gidheadh tha mo thlachd ann a t'aitheanta.

8 Tha fireantachd do theiſteis fiorruidh; Q deonich dhomh tuigſe, agus bithidh mi beo.

URNUIGH

## URNUIGH FHEASCAIR.

*Clamavi in toto corde meo.*

THA mi gairm le m'uile chridhe ; cluinn mi, O Thighearn, coimhididh mi do ſtatuis.

2 Seadh, riutſa tha mi gairm ; cuidich mi, agus coimhididh mi do theiſteis.

3 Gu moch ſa mhadain tha mi 'g eidheach riut ; oir ſan an t' ſhocal tha m'earbſa.

4 Tha mo ſhuile cuir roimh ſhaire na hoiche ; chum gum bithin cnuaſachd ann a t'ſhocail.

5 Cluinn mo ghuth, O Thighearna, a reir do chaoimhneas ghradhach ; beothaich mi a reir mar is nos leat.

6 Tha iads tha o mhi-ruin gam ruaga a taruing am fogus ; agus tha iad fada o d' lagh.

7 Bi thus am fogus, O Thighearna ; oir tha t'aitheanta uile fior.

8 Mu thimchioll do theiſteis, b'aithne dhomh's iad o cheann ſhad : gun ſteidhich thu iad am feaſt.

*Vide humilitatem.*

O Thoir fanear mo theinn, agus fuaſgail orm ; oir cha 'n 'cil mi dearmad do lagh.

2 Diol thuſa mo chuis, agus fuaſgail orm ; beothaich mi a reir t'ſhocail.

3 Tha ſlainte fada o na hain-diaghaidh ; oir cha 'n 'eil ſuim aca do d' ſtatuis.

4 'S mor do throcair, O Thighearna ; beothaich mi mar is nos leat.

5 'S lionmhar iad tha cuir trioblaid orm ; agus gam ruaga ; gidheadh cha 'neil mi dol air ſeachran o d' theiſteis.

6 'S craiteach leam nuair chi mi luchd an eafaontais ; cheann nach 'eil iad a coimhead do lagh.

7 Thoir fanear, O Thighearna, cia mar tha mi gradhacha t' aitheanta ; O beothaich mi a reir do chaoimhneas ghradhaich.

8 Tha t'ſhocal fior O bhi-bhuantachd ; mairidh uile bhreitheanais t'ſhireantachd a chaoidh.

*Principes*

*Principes perſecuti ſunt.*

RInn prionnſaidh mo ruaga gun aobhar: ach tha mo chridhe fuidh eagal roi t'f hocal.

2 Tha mi cho aoibhneach as t'f hocal : ri neach tha faotain creachana mor.

3 Thaobh nam bhreug, tha fuath agus grain agam dhoibh ; ach thug mi gradh do d' laghſa.

4 Tha mi ga d' mhola' ſeachd uairin ſan latha ; air ſon do bhreitheanais chothrumaich.

5 'S mor ſith na mhuintir aig am bheil gradh do d' lagh ; agus cha 'n'eil oilbheum aca as.

6 A Thighearna, dh'amhairc mi air ſon do ſhlainte ſholaſach; agus rinn mi reir t'aitheanta.

7 Choimhead m'anam do theiſteis ; agus ghradhaich e iad gu ro mhor.

8 Choimhid mi t' aitheanta agus do theiſteis : oir tha mo ſhlighibh uile a'd' lathair.

*Appropinquet deprecatio.*

THige mo ghearan an t'f hianuis, O Thighearn ; thoir dhomh tuigs' a reir t'f hocail.

2 Thige mo chaoidh a'd' lathair ; ſaor mi a reir t' f hocail.

3 Labhraidh mo bhilibh air do mhola' ; nuair a theagaiſgeas tu dhomh do ſtatuis.

4 Seadh, ſeinnidh mo theanga air t'f hocal ; oir tha t'aitheanta uile cothrumach.

5 Cuidiche do lamh mi ; oir roighnich mi t'aitheanta.

6 Bha mor-dheidh agam air do ſhlainte ſholaſach O Thighearna ; agus ann a'd' lagh tha mo thlachd.

7 O bidh m'anam beo, agus bheir e mola' dhuit ; agus ni do bhreitheanais mo chuideacha.

8 Chaidh mi air ſeachran mar chaoirich chailte ; O iarr do ſheirbheiſeach ; oir cha 'n'eil mi dearmad t'aitheanta.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxvii.

Salm cxx. *Ad Dominum.*

'NUair bha mi an trioblaid, ghair mi air an Tighearna ; agus chual e mi.

2 Saor m'anam, O Thighearna, o bhilibh breugach ; agus o theangaidh chealgach

3 Ciod an duais a bheirear dhuit no nithear ort, thus a theanga bhreugach ; iodhoin ſaighde geur agus trein, le eibhle teith loiſgeach.

4 Mo thruaighe mi, gu bheil mi ait m'eigneacha gu comhnucha maille ri Meſech ; agus gu m'aite tamh bhi meaſg buthana Chedar !

5 Ghabh m'anam comhnuidh f hada na meaſgſa ; tha na naimhde do ſhith.

6 Tha mi ag oirpeacha air ſon ſith, ach 'nuair a labhras mi riu uimpe ; deaſuichidh iad iad fein gu comhrag.

Salm cxxi. *Levavi oculos.*

TOgaidh mi ſuas mo ſhuile ris na beannta ; o'm bheil mo chobhair a teachd.

2 Tha mo chobhair a teachd iodhoin o'n Tighearna ; a rinn neamh agus talamh

3 Cha 'n f huiling e gu 'n caruichear do chas ; agus cha chaidil an ti tha ga d' ghleidhe.

4 Feuch, 'n ti tha coimhead Iſraeil ; cha tig codul na ſuain air.

5 Se 'n Tighearna fein t'f hear coimhead ; ſe 'n Tighearn do dhion air do laimh dheis.

6 Ionnas nach loiſg a ghrian thu ſan latha ; no idir a ghealach ſan oiche.

7 Sabhalaidh 'n Tighearn thu o gach olc ; ſeadh, ſe iodhoin eiſin a choimheadas t'anam.

Teaſairgidh

8 Coimheadidh 'n Tighearn do dhol amach 's do theachd a ſtigh; o 'n am ſo mach gu ſiorruidh.

Salm cxxii. *Lætatus ſum.*

BHA mi ait 'nuair thuirt iad rium; theid ſinn gu tigh an Tighearna.

2 Seaſaidh ar caſan ann do gheata; O Hieruſalem.

3 Tha Hieruſalem air a togail mar bhaile: a tha ann an co-cheangal ann fein.

4 Oir an ſin theid na treabha ſuas, iodhoin treabha an Tighearna; thoirt teiſteis a dh' Iſraeil; thoirt buidheachas do dh' ainm an Tighearna.

5 Oir an ſin tha cathair breitheanais; iodhoin cathair tigh Dhaibhi.

6 O guidhibh air ſon ſith Hieruſalem; ſoirbhichidh iadſan aig am bheil gradh dhuit.

7 Gu 'n robh ſith an taobh ſtigh a'd' bhallaibh; agus pailteas 'n taobh ſtigh do d' luchairtibh.

8 Air ſga' mo bhraithre 's mo chompanacha; guidhidh mi ſoirbheas duit.

9 Seadh, air ſon tigh 'n Tighearna ar Dia; iarruidh miſe maith a dheanamh dhuit.

Salm cxxiii. *Ad te levavi oculos.*

RIut a thogas mi ſuas mo ſhuile; O thus tha chomhnuidh s na neamha.

2 Feuch, iodhoin mar dh' amhairceas ſuile ſheirbheiſiche air laimh a maiſtire, agus mar amhairceas ſuile maighdin air laimh a banamhaiſtir; iodhoin mar ſin tha ar ſuilean a feithe air an Tighearna ar Dia, gus an dean e trocair oirn.

3 Dean trocair oirn, O Thighearn, dean trocair oirn; oir tha ſin fo tharchuis gur tur.

4 Tha ar n'anam lan le achdmhaſan fanoideach na 'n daoine ſaoibhir; agus le tailceis nan uaibhreach.

Salm cxxiv. *Niſi quia Dominus.*

MUR bitheadh an Tighearna fein air ar taobh, nois feudaidh Iſraeil a radh; mur bhidh an Tighearna fein air ar taobh 'nuair dh'eirich daoine ſuas na 'r naghaidh,

2 Shluige iad ſuas beo ſin; 'nuair bha am ſearg co diumach dh'inn.

3 Seadh, bhathadh na huiſgeacha ſinn; agus rachadh an tuilte thar ar n' anma.

4 Rachadh uiſgeacha doimh'n nan uaibhreach; iodhoin thar ar n' anma.

5 Ach mola' do 'n Tighearna; nach tug ſinne thairis mar chreich ga 'm fiacla.

6 Tha ar n'anma air dol as, iodhoin mar eun a ribeadh an ëunadair; tha n ribeadh briſte, agus tha ſinne air ar fuaſgla.

7 Tha ar cobhair an ainm an Tighearna; a rinn neamh agus talamh.

## Salm cxxv. *Qui confidunt.*

BIthidh an dream tha cuir an dochas ann ſan Tighearna, iodhoin mar ſhliabh Sion; nach fheudar a charucha, ach a ſheaſmhas daingean gu brath.

2 Tha na beannta ſeaſamh timchioll Hieruſalem; iodhoin mar ſin tha n Tighearna a ſeaſamh timhchioll a phobull, o'n am ſo mach gu ſiorruidh.

3 Oir cha tig ſlat an ain-diaghaidh ann an crannchar an fhirinn; 'n teagal gu 'n çuir na fireana an lamh ri haingeachd.

4 Dean gu maith, O Thighearna, dhoibh ſud gam bheil cridhe maith agus ſior.

5 Thaobh a mheud s ata pille air an ais ri'n aingeachd fein; iomaine 'n Tighearna mach iad le luchd an uilc, ach bithidh ſith air Iſracil.

## URNUIGH FHEASGAIR.

## Salm cxxvi. *In convertendo.*

'NUair phill an Tighearn air ais braighdeanas Shion; 'n ſin bha ſinn coſmhuil riuſan a ni bruadar.

2 'N ſin bha ar beul lan le gaire; agus ar teanga le haoibneas.

3 'N ſin thuirt iad a meaſg nan cinneach; rinn an Tighearna nithe mor air an ſon.

4 Seadh,

4 Seadh, rinn an Tighearna nithe mor air ar ſoinne a cheana : mu m bheil ſinn ri gairdeachas.

5 Pill ar braighdeanas, O Thighearna ; mar na haibhnichean ſan airde deas.

6 Iadſan tha cuir ann an deoir ; buainidh iad an aoibhneas.

7 'N ti tha nis ag imeachd ri gul agus a giulan amach deagh ſhiol : gun teagamh thig e air ais le haoibhneas, agus bheir e a ſguaba leis.

Salm cxxvii. *Niſi Dominus*:

MUR tog an Tighearna an tigh ; cha 'n 'eil ſaothair na muintir tha ga thogail ach cailte.

2 Mur coimhead an Tighearn am baile ; cha 'n'eil am fear-fairc ach na dhuiſg an diamhanas.

3 Cha 'n'eil ach ſaothair chailte dhuibh cabhag a dheanamh gu eiridh moch, agus co anmoch a ghabhail fois, agus bhi g'ithe arain a churam ; oir mar ſin bheir e cadul da mhuintir ion-mhuin.

4 Feuch, tha clann agus tora' na bronn ; nan oighreachd agus nan tiolacadh teachd o'n Tighearn.

5 Ceart mar tha na ſaighdean an laimh an gaiſgich ; iodhoin mar ſin tha chlann og.

6 Sonadh an duine aig am bheil a bholg ſaighead lan diu cha bhi nair orra, nuair a labhras iad ri naimhde ſa gheata.

Salm cxxviii. *Beati omnes.*

'S Beannuichte iadſan uile air am bheil eagal an Tighearna ; agus tha gluaſachd na ſhlighibh.

2 Oir ithidh tu ſaoithir do lamha ; O 's maith a tha thu, agus ſonadh a bhitheas tu.

3 Bitheadh do bhean mar an fhineamhain thorrach ; air ballaibh do thighe.

4 Do chlann mar na geugan oluidh ; m'an cuairt do d' bhord,

5 Feuch, mar ſo bithidh 'n duine beannuicht ; air am bheil eagal an Tighearn.

6 Ni 'n Tighearna a Sion do bheannucha mar ſin ; gu'm faic thu Hieruſalem ann an ſoirbheas ri fad do bheatha.

7 Seadh, gu'm faic thu clann do chlainne agus ſith air Iſraeil.

Salm

## Salm cxxix. *Sæpe expugnaverunt.*

'SLionmhar uair a chog iad am aghaidh o m'oige ſuas ; feudaidh Iſraeil anis a radh,

2 Seadh, bu tric a chraidh iad mi o m'oige ſuas ; ach cha do bhuadhaich iad am aghaidh.

3 Rinn na treabhaich ar air mo dhruim ; agus rinn iad ſgrioban fada.

4 Ach ghearr an Tighearna ceart-breitheach ; ribeana nan ain-diaghaidh na'm bloide.

5 Bidh iad fo amladh agus air am pille air an ais ; gach aon neach aig am bheil droch ruin do Shion.

6 Bidh iad iodhoin mar am feur a fas air mulach nan tighean ; a ſheargas mun ſpionar ſuas e.

7 Leas nach lion an ſpealadair a lamh ; na 'm fear a cheanglas ſuas ſguaba achlais.

8 Ionnas nach abair iadſan a theid ſeachad urrad is, gu 'n ſoirbhich ſibh ; tha ſinn guidheadh buadhachadh dhuibh an ainm an Tighearna.

## Salm cxxx. *De profundis.*

AS an doimhneachd ghair mi ort, O Thighearna ; Thighearna, cluinn mo ghuth.

2 O thuga' do cluaſa fanear gu maith ; guth mo ghearain.

3 Ma bhitheas tuſa, Thighearn, a comhrucha an ni th' air a dheanamh docharach ; O Thighearna, co fheudas ſeaſamh ris ?

4 Oir tha trocair agadſa ; uime ſin bithidh eagal oirn romhad.

5 Tha mi 'g amharc air ſon an Tighearn, tha m'anam a feithe air ; ann a fhocal tha m'earbſa.

6 Teichidh m' anam a dh'ionnſuidh 'n Tighearn ; roimh fhaire na maidne, tha mi 'g radh, roimh fhaire na maidne.

7 O Iſraeil, cuirſe do dhochas ſan Tighearna, oir aig an Tighearna tha trocair ; agus maille ris tha ſaorſa phailt.

8 Agus ſaoruidh e Iſraeil ; o pheacana uile.

Salm

Salm cxxxi. *Domine, non eſt.*

A Thighearna, cha 'n 'eil mi ard-inntineach; cha 'n 'eil ſealladh uaibhreach agam.

2 Cha 'n'eil mi gam chleachdain fein ann cuiſibh mora; tha tuille is ard air mo ſhon.

3 Ach tha mi cioſacha m'anma, agus ga ghleidhe iſiol; mar leanabh air a chuir air diol o mhathair; ſeadh, tha m' anam iodhoin mar leanabh air a chuir o'n chich.

4 O Iſraeil, cuir do dhochas ſan Tighearna; o'n am ſo mach gu ſiorruidh.

---

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxviii.

Salm cxxxii. *Memento, Domine.*

A Thighearna, cuimhnuich Daibhi; agus a thrioblaid uile.

2 Cionnas a mhionnuich e do 'n Tighearna; agus thug e mhoid do Dhia uile chumhachdach Jacob.

3 Cha tig mi 'n taobh ſtigh do phaillain mo thighe; 's cha theid mi ſuas am leaba.

4 Cha cheaduich mi m' ſhuile cadul; no 'm roſga ſuain; no idir do chamaga mo chinn fois a ghabhail.

5 Gus am faith mi mach aite air ſon teampull an Tighearn; ionad comhnuidh air ſon Dia cumhachdaich Jacob.

6 Feuch, chuala ſinn mu ni cheudna aig Ephrata! agus fhuaraſa chaoille e.

7 Theid ſinn ga phaillain; agus tuitidh ſinn gu hioſal air ar gluine aig ſtol a chois.

8 Eirich, O Thighearna, gu t' aite comhnuidh; thuſa agus airc do neart.

9 Bidh do ſhagarta air an ſgeudacha le fireantachd: agus ſeinneadh do naoimh le haoibhneas.

10 Air ſga do ſheirbhaiſeach Daibhi; na pill air falbh ghnuis t'ungaidhe.

11 Thug

11 Thug an Tighearna moid dhileas do Dhaibhi; agus cha ghlidich e uaithe.

12 Do thoradh do chuirp; cuiridh mise na shuidhe air do chathair.

13 Ma choimheadas do chlann mo chumhnanta, agus mo theisteis a theagaisgidh mi dhoibh; suidhidh an clannsan sos air do chathair gu siorruidh.

14 Oir roghnuich Dia Sion gu bhi na haite comhnuidh dha fein; bha mor dheidh aig orra.

15 Bidh so na ionad chomhnuidh agam gu siorruidh; ann an so ni mi tamh, oir tha tlachd agam ann.

16 Beannuichidh mi a lòn le toradh; agus sasuichidh mi a bochdan le aran.

17 Uimichidh mi a sagarta le slainte; agus ni a naoimh gairdeachas agus ceol.

18 'N sin bheir mi air adharc Dhaibhi soirbheacha; dh'orduich mi lo-chran do'm ungachte.

19 A thaobh a naimhde, euduichidh mi iad le naire; ach air fein soirbhichidh a chrun.

## Salm cxxxiii. *Ecce, quam bonum.*

FEuch, cia maith agus aoibhneach an ni; do bhraithre comhnucha le cheile an co-cheangal.

2 Tha e mar an ola phriosail air a cheann, a ruidh sios gus an sheusag; iodhoin seusag Aroin, agus chaidh sios gu iomal euduich.

3 Mar dhruchd Hermain; a thuit air cnoc Shion.

4 Oir ann sin gheall Dia a bheannuchadh agus beatha gu siorruidh.

## Salm cxxxiv. *Ecce nunc.*

FEuch anis, molaibh an Tighearna; sibhs uile sheirbheisiche an Tighearna.

2 Sibhsa tha seasamh san oiche ann tigh an Tighearna; iodhoin ann an cuirtibh tigh'ar Dia.

3 Togaibh suas ur lamha san teampull; agus molaibh an Tighearna.

4 Gu'n cuir 'n Tighearn a rinn neamh agus talamh; beannuchadh do t'ionnsuidh a Sion.

Salm

Salm cxxxv. *Laudate nomen.*

O Molaibh an Tighearna, molaibh ainm an Tighearna; molaibh e, O ſibhs ſheirbheiſiche an Tighearna.

2 Sibhs tha nar ſeaſamh an tigh an Tighearna; ann an cuirtibh tigh ar Diane.

3 O molaibh an Tighearna, oir tha 'n Tighearna graſmhor; O ſeinnibh mola' da ainm, oir tha e ceatfach.

4 Oir c'arſon? thagh an Tighearna Jacob dha fein; agus Iſraeil mar a ſheilbh fein.

5 Oir tha fios agam gu bheil an Tighearna mor; agus gu bheil ar Diane thar gach uile Dhe.

6 Ciod ſam bith bu toil leis an Tighearna, rinn e ſin air neamh, agus air thalamh; ann ſa chuan, agus ann ſna huiſe aite domhain.

7 Tha e toirt amach na neoil o chriocha an t'ſaoghail; agus a cuir amach na dealanaich le huiſge, a toirt na gaoithe mach as ionmhaſa.

8 Bhuail e ceud-ghin na h'Eiphte; araon do dhuine agus do dh'ainmhidh.

9 Chuir e comharan agus iongantais ann a'd' mheadhon, O thuſa thir na h'Eiphte; air Pharaogh agus air a ſheirbheiſiche gu leir.

10 Bhuail e ioma' cinneach; agus mharbh e righre trein.

11 Sihon righ nan Amorach, agus Og righ Bhaſan; agus uile righeachda Chanain;

12 Agus thug e 'n tir gu bhi na hoighreachd; iodhoin na hoighreachd do Iſraeil a phobull fein.

13 Mairidh t'ainm, O Thighearna, am feaſt; mar ſin ni do chuimhneachan, O Thighearna, o aon linn gu linn eile.

14 Oir diolaidh 'n Tighearna a phobull; agus bithidh e graſmhor do ſheirbheiſiche.

15 Air ſon iomhaidhean nan cinneach, cha 'n 'eil annt ach or agus airgiod; obair lamha dhaoine.

16 Tha beoil aca, agus cha labhair iad; tha ſuilean aca, ach cha n'f haic iad.

17 Tha cluaſan aca, agus gidheadh cha chluinn iad; ni mo tha anail ſam bith na m beoil.

18 Tha mhuintir tha ga'm deanamh coſmhuil riu; agus marſin tha iadſan uile tha cuir an dochas annta.

19 Molaibhſe an Tighearna, ſibhſe thigh Iſraeil; molaibhſe an Tighearna, ſibhs a thigh Aroin.

20 Molaibhs an Tighearna, ſibhs a thigh Lebhi; ſibhs air am bheil eagal an Tighearn, molaibh e.

21 Gu'n robh 'n Tighearn' air a mhola' a Sion; tha chomhnuidh aig Hieruſalem.

## URNUIGH FHEASGAIR.

### Salm cxxxvi. *Confitemini Domino.*

O Thugaibh buidheachas do'n Tighearn, oir tha e graſmhor; agus tha throcair mairtheanach gu brath.

2 O thugaibh buidheachas do Dhia nan uile dhe; oir mairidh a throcair gu brath.

3 O thugaibh buidheachas do Thighearna nan uile thighearna; oir mairidh a throcair gu brath.

4 'N ti amhain tha deanamh mor iongantais; oir mairidh a throcair gu brath.

5 'N ti le ghliocas oirdheirc a rinn na neamha: oir mairidh a throcair gu brath.

6 'N ti leag amach an talamh os cionn nan uiſgeacha: oir mairidh a throcair gu brath.

7 'N ti rinn ſoluis mhor; oir mairidh a throcair gu brath.

8 A ghrian a riaghla an latha; oir mairidh a throcair gu brath.

9 A ghealach agus na reulta a riaghla na hoiche; oir mairidh a throcair gu brath.

10 'N ti bhuail an Eiphte le ceud-ghin; oir mairidh a throcair gu brath.

11 Agus a thug Iſraeil amach as am builſgein; oir mairidh a hrocair gu brath.

12 Le lamh threin agus gairdein ſinte mach; oir mairidh a throcair gu brath.

13 A ſgoilt a mhuir ruadh na da phairt; oir mairidh a throcair gu brath.

14 Agus a thug air Iſraeil dol tre a meadhon; oir mairidh a throcair gu brath

15 Ach air ſon Pharogh 'ſa ſhluaidh, chuir e bun os cionn iad ſa mhuir ruaidh; oir mairidh a throcair gu brath.

16 'N ti threoirich a phobull tre an fhaſaich ; oir mairidh a throcair gu brath.

17 'N ti bhuail righre mora : oir mairidh a throcair gu brath.

18 Seadh, agus a mharbh righre treine ; oir mairidh a throcair gu brath.

19 Sihon righ nan Amorach ; oir mairidh a throcair gu brath ;

20 Agus Og righ Bhaſan ; oir mairidh a throcair gu brath.

21 Agus thug e an tir mar oighreachd ; oir mairidh a throcair gu brath.

22 Iodhoin mar oighreachd da ſheirbheiſeach Iſraeil ; oir mairidh a throcair gu brath.

23 'N ti chuimhnich oirn 'nuair bha ſinn an trioblaid ; oir mairidh a throcair gu brath.

24 Agus a dh'fhuaſgail ſinne o'r naimhde ; oir mairidh a throcair gu brath.

25 'N ti tha toirt lòn do gach feoil ; oir mairidh a throcair gu brath,

26 O thugaibh buidheachas do Dhia neamha : oir mairidh a throcair gu brath.

27 O thugaibh buidheachas do Thighearna nan tighearna; oir mairidh a throcair gu brath.

## Salm cxxxvii. *Super flumina.*

LAimh ri uiſgeacha Bhabilon ſhuidh ſinn ſios agus ghuil ſinn ; 'nuair a chuimhnuich ſinn ortſa, O Shion.

2 Thaobh ar clarſaiche, chroch ſinn ſuas iad ; air na craobhan tha 'n ſin.

3 Oir dhiarr a mhuintir a thug am braighdeanas ſinn, òran oirn, agus binn-cheol ann ar tuirſe ; ſeinnibh dhuinn aon do dh' òran Shion.

4 Cia mar a ſheinneas ſinn óran an Tighearna ; ann an tir choigrich ?

5 Ma dhi-chuimhnuicheas mi thu, O Hieruſalem; di-chuimhnuiche mo lamh dheas a ſeoltachd.

6 Mur cuimhnich mi thu, leanadh mo theanga ri uachdar mo bheoil ; ſeadh, mar roghnuich mi Hieruſalem ann am ſhugra'.

7 Cuimhnich clann Edom, O Thighearna, ann an latha Hieruſalem ; cia mar thuirt iad, ſios i, ſios i, iodhoin chum an talmhain.

8 O nighean Bhabilon, air do chaithe le truaighe; ſeadh, ſonadh an neach a bheir duais duit areir mar rinn thu oirne.
9 'Sbeannuicht a bhitheas an neach a ghabhas do chlann; agus a thilgeas iad ris na clachan.

Salm cxxxviii. *Confitebor tibi.*

BHeir mi buidheachas duit, O Thighearna, le m'uile chridhe; iodhoin am fianuis nan Dee feinnidh mi mola' dhuit.
2 Ni mi adhra' 's m' aghaidh ri d' theampull naomha, agus molaidh mi tainm, air ſon do chaoimhneas ghradhaich agus t' fhirinn; oir dh'arduigh thu tainm, agus t'fhocal os cionn nan uile nithe.
3 'Nuair a ghair mi ort, chual thu mi; agus bhuilich thu air m'anam moran neart.
4 Bheir uile righre na talmhain mola' dhuit, O Thighearna; oir chual iad briathra do bheoil.
5 Seadh, ſeinnidh iad ann an ſhlighibh an Tighearna; gur mor gloir an Tighearna.
6 Oir ge d' tha 'n Tighearna ard, gidheadh tha ſpeis aige do 'n irioſal; air ſon nan uaibhreach, tha e beachducha orra fad o laimh.
7 Ge d' ghluais mi ann a meadhon trioblaid, gidheadh athuraichidh tu mi: ſinidh tu mach do lamh an aghaidh corruich mo naimhde, agus tearnuidh do lamh dheas mi.
8 Ni 'n Tighearna deongmhalta a chaoimhneas gradhach am thaobhſe; ſeadh, mairidh do throcair, O Thighearna, gu brath; na dean tair ma-ſeadh air oibre do lamha fein.

## URNUIGH MHAIDNE.

### Latha xxix.

Salm cxxxix. *Domine, probaſti.*

O Thighearna, rannſuich thu mach mi, agus b'aithne dhuit mi; 's aithne dhuit mo ſhuidhe ſios, agus m'eiridh ſuas, tha thu ſiofrach air mo ſmuainte fada roimh laimh.

2 Tha

2 Tha thu ma 'n cuairt do m' chos-cheum, agus mu m' leaba; agus a beachducha air mo ſhlighibh uile.

3 Oir feuch, cha 'n 'eil focal ann am theangaidh, nach aithne dhuitſe, O Thighearna, gu leir.

4 Dhealbh thu mi am dheidh agus romham; agus leag thu do lamh orm.

5 Tha leithid a dh'eolas tuile is iongantach agus oirdhearc air mo ſhonſa; cha 'n urra mi ruidheathd air.

6 C'aite ma ſeadh an teid mi o d' ſpiorad; no c'aite ma ſeadh an teid mi as do lathair.

7 Ma theid mi ſuas a ſ-hlaitheanas, tha thu 'n ſin; ma theid mi ſios a dh'ifrinn, tha thu 'n ſin mar an ceudna.

8 Ma ghabhas mi ſgiathan na maidne: agus ma dh'fhanas mi ann an iomal-chriocha na fairge;

9 Iodhoin ann ſin fos treoirichidh do lamh mi; agus cumaidh do lamh dheas ſuas mi.

10 Ma their mi, theaga gu m' ſoluich an dorchadas mi; 'n ſin bithidh m' oiche air a tionda gu latha.

11 Seadh, cha 'n 'eil an dorchadas na dhorchadas leatſa, ach tha 'n oidhche cho ſhoilleir ris an latha: s ionan duitſe 'n dorchadas agus an ſolus.

12 Oir s leat m' airne; dh' f holuich thu mi am broinn mo mhathar.

13 Bheir mi buidheachas duit. oir tha mi air mo dheanamh gu h'eaglach agus iongantach; s miorbhuileach toibre, agus s ro mhaith is aithne do m'anam ſin.

14 Cha 'n 'eil mo chnamhan ſoluicht ort; ge d' rinne mi gu diamhair, agus ge d' dhealbha mi bhos air thalamh.

15 Chunnaic do ſhuile mo cheud-f has air bhi dha fathaſt an-abuigh: agus ann a'd' leabhar bha mo bhuill uile ſgriobhta.

16 A bha la an deidh latha air an cumadh; 'nuair fathaſt nach robh a haon diu ann.

17 Cia prioſail a tha do chomhairlean domh, O Dhe; O cia mor an aireamh:

18 Ma dh'aithriſeas mi iad, tha iad ni ſmo an aireamh na gaineamh na fairge; 'nuair a mhoſglas mi, tha mi lathair maille riut.

19 Nach marbh thu 'n taingidh, O Dhe; imichibh uam, ſibhs a dhaoine iot-f huileach.

20 Oir tha iad a labhairt gu hea-corach a t'aghaidh; agus tha do naimhde a toirt t'ainm an diamhanas.

21 Nach

21 Nach 'eil miſe a toirt fuath, O Thighearna, dhoibhſin tha toirt fuath dhuitſe; agus nach 'eil doighleas orm leis a mhuintir ud tha 'g eiridh ſuas a t'aghaidh.

22 Seadh, tha fuath fior gheur agam dhoibh; iodhoin mar gum b'iad mo naimhde fein.

23 Feuch mi, O Dhe, agus iarr grund mo chridhe; rannſuigh mi, agus ſgrud mo ſmuainte:

24 Amhairc gu maith am bheil ſlighe aingidh ſam bith annam; agus treoirich mi s an t'ſlighe ſhiorruidh.

## Salm cxl. *Eripe me, Domine.*

TEaſairg mi, O Thighearna, o'n droch dhuine; agus coimhid mi on duine aingidh.

2 Tha breunachadh uilc na 'n cridheacha; agus a duſga' ſuas ſtre re fad an latha.

3 Gheurich iad an teangana mar nathair; tha nimh na nathrach fa 'm bilibh.

4 Gleidh mi, O Thighearna, o lamha nan ain-diaghaidh; teaſairg mi o'n duine aingidh, air am bheil a rùn mo ghluaſachd chuir bun os cionn.

5 Leag an t'uaibhreach ribeadh air mo ſhon; agus ſgaoil e lion am fad le corduibh; ſeadh. agus ſhuidhich e gaoiſte ann mo ſhlighe.

6 Thuirt mi ris an Tighearna, s'tu mo Dhia; cluinn guth m'urnuidhean, O Thighearna.

7 O Thighearna Dhia, thus a neart mo ſhlainte; dh'f holuich thu mo cheann ann an latha a chathadh.

8 Na faithe an tain diaghaidh a mhiann, O Thighearna; na ſoirbhicheadh a ſmuaintidh olc, n' teagal gum bi iad tuille 's uaibhreach.

9 Tuite olc am bilibh fein air an ceannſan; tha gam chuairteacha timchioll.

10 Tuite eibhle teith loiſgeach orra; tilgear ſan teine iad, agus ſan tſlochd chum nach eirich iad ſuas aris.

11 Cha ſoirbhich duine bruineach air an talamh; fuaduichidh olc a phearſa aingidh g'a chuir bun os cionn.

12 'S cinntcach mi gu'n diol an Tighearna am bochd agus gu'n ſeaſamh e cuis an neach gun chuideacha.

13 Bheir am firean fos buidheachas do t'ainm: agus buanaichidh n t'ionracan ann a'd' ſhealla.

Salm

Salm cxli. *Domine clamavi.*

A Thighearn, tha mi gairm ort, deanſa cabhag thugam; agus thoir fanear mo ghuth 'nuair a ghlaodhas mi riut.

2 Bidh m'urnuidh air a cuir ſuas a'd' ſhealla mar an tuis: agus bidh togail ſuas mo lamha mar iobairt fheaſgair.

3 Cuir faire, O Thighearna, air mo bheul; agus gleidh dorus mo bhilibh.

4 O na aoma mo chridhe gu droch ni ſam bith; na bitheam air mo chleachda an oibre ain-diaghidh, leis na daoine tha deanamh aingeachd, 'n teagal gu 'n ith mi do leithid a nithe ſa thoilicheas iad.

5 Gu ma fearr am firean gam bhuala gu cairdeil; agus mo chronacha.

6 Ach na briſeadh an ioc-ſhlaintibh prioſail ſo mo cheann: ſeadh, ni mi fathaſt urnuidh an aghaidh an aingeachd.

7 Bidh am breitheana air an cuir bun oſcionn ann an ionada clachach: chum gu'n cluinn iad m' fhocail, oir tha iad milis.

8 Tha ar cnamhann a laidhe ſgaoilte air bheul-thaobh an t'ſluichd: mar an uair a bhriſeas agus a ghearas neach fiodh air an lar.

9 Ach ſeallaidh mo ſhuilean riutſa, O Thighearna Dhia: annad tha mo dhochas, O na tilg amach m'anam.

10 Gleidh mi o'n ribe a leag iad air mo ſhon: agus o ghaoiſte luchd na haingeachd.

11 Tuite na hain-diaghidh na n' lionta fein le cheile; agus leig dhamſa dol as am feaſt.

## URNUIGH FHEASGAIR.

Salm cxlii. *Voce mea ad Dominum.*

GHlaodh mi ris an Tighearna le m' ghuth; ſeadh, iodhoin ris an Tighearna rinn mi mo ghearan.

2 Dhoirt mi mach mo ghearain na lathair; agus dh'fhoillſich mi dha mum thrioblaid.

3 'Nuair bha mo ſpiorad ann an tuirſe, b' aithne dhuitſe mo cheum; ann ſan t'ſlighe 'n do ſhiubhail mi leag iad ribe os ioſal air mo ſhon.

4 Sheall mi fos air mo laimh dheis; agus chunnaic mi nach robh duine da m b'aithne mi.

5 Cha robh aite agam gus an teichinn; 's cha robh curam aig duine air bith do m' anam.

6 Ghlaodh mi riutſa, O Thighearna, agus thuirt mi; s'tu mo dhochas, agus mo chuibhrionn an tir nam beo.

7 Thoir fanear mo ghearan; oir tha mi air mo thoirt ro ioſol.

8 O ſaor mi o'n dream tha gam ruagadh; oir tha iad tuille is laidir air mo ſhon.

9 Thoir m'anam a prioſan chum gun toir mi buidheachas do tainm; ma dheonuicheas tu dhomh a ni ſin, 'n ſin tathaichidh am firean am chuideachd.

## Salm cxliii. *Domine, exaudi.*

CLuinn m'urnuidh, O Thighearna, agus thoir fanear mo mhiann; eiſd rium air ſga t'f hirinn agus t'ionracais.

2 Agus na toiſich ann am breitheanas ri d' ſheirbheiſeach; oir ann a'd' ſhealla cha bith duine beo air f hirineacha.

3 Oir rinn an namhad m'anam a ruaga, bhuail e mo bheatha fos chum an lar; chuir e mi an dorchadas, mar na daoine bha fada marbh.

4 Uime ſin tha mo ſpiorad air a chrach an taobh ſtigh dhiom; agus tha mo chridhe bronach an taobh ſteach dhiom.

5 Gidheadh tha mi cuimhnich air an am a chaidh ſeachad, tha mi ſmuainteach air toibre gu leir; ſeadh, tha mi beachdſmuainteach air oibre do lamhſa.

6 Tha mi ſineadh mach mo lamha riut; tha m'anam an geall ort mar an talamh tartmhor.

7 Cluinn mi, O Thighearn, agus ſin gu luath, oir tha mo ſpiorad a fas fann; na foluich do ghnuis uam, 'n teagal gu 'm bi mi coſmhuil riuſan a theid ſios do'n tſlochd.

8 O cluinneam do chaoimhneas gradhach gu tra ſa mhadain, oir annad tha mo dhochas; foillſich thuſa dhomh an tſlighe ſan coir dhomh gluaſachd, oir tha mi togail ſuas m'anam riut.

9 Fuaſgail mi, O Thighearna, o'm naimhde; oir teicheam a t'ionnſuidh gu 'm f holach.

10 Teagaiſg

10 Teagaiſg dhomh a ni ſin a dheanamh a thoilicheas tu, oir s'tu mo Dhia; treoirichidh do ſpiorad gradhach mi gu tir na fireantachd.

11 Beothaich mi, O Thighearna, air ſga tainme; agus air ſga t'fhireantachd thoir m'anam a trioblaid.

12 Agus ann a'd' mhaitheas marbh mo naimhde; agus ſgrios iadſan uile tha cradh m'anama, oir 's miſe do ſheirbheiſeach.

---

## URNUIGH MHAIDNE

### Latha xxx.

Salm cxliv. *Benedictus Dominus*

BEANNUICHTE gu 'n robh an Tighearna mo neart; a theagaiſgeas mo lamhan gu comhrag, agus mo mheoir gu cath.

2 Mo dhochas agus mo dhaingneach, mo chaiſteal agus m' fhear ſaoruidh, m'fhear dionaidh, ann ſan cuir mi mo mhuingin; a cheannſuicheas mo phobull a tha fotham.

3 Thighearna, ciod e an duine, gu'm bheil a leithid a mheas agad air; no mac an duine, gu'n tuga' tu mar ſin fanear e.

4 Tha 'n duine coſmhuil ri neo ni; tha uine dol ſeachad mar ſgaile.

5 Lub do neamha, O Thighearna, agus thig anuas: bean ris na beannta', agus theid deatach uatha.

6 Cuir amach do dhealanach, agus reub iad; tilg amach do ſhaide, agus ſgrios iad.

7 Cuir anuas do lamh on airde; fuaſgail orm, agus thoir mi as na huiſgeacha mora, agus o laimh na clainn coigreach.

8 Aig am bheil am beul a labhairt air diamhanas; agus is lamh dheas aingeachd an lamh dheaſin.

9 Seinnidh mi dhuit òran nuadh, O Dhe; agus ſeinnidh mi mola' dhuit air ſaltair dheich teuda.

10 Thug thu buaidh do righre; agus ſhaor thu do ſheirbheiſeach Daibhi o chunntart a chlaidhe.

11 Teaſairg mi, agus ſaor mi o laimh clainn choimheach; aig am bheil am beul a labhairt air diamhanas, agus is lamh dheas ea-ceart an lamh dheaſin.

12 Chum gu 'm fas ar mic ſuas mar ſhiurain oga; agus gu 'm bi ar nigheana mar oiſine ſnaighte an teampuill.

13 Chum gu 'm bi ar gairneala lan agus pailt leis gach gne ſtoir, gu 'n toir ar caoirich amach milte, agus deich mile na 'r ſraidibh.

14 Chum gu 'm bi ar damh laidir gu treabha, 's nach bi caithe; no tabhairt gu braighdeanas, no gearan na 'r ſraidibh.

15 Sonadh an pobull tha na leithid ſin do ſtaid; ſeadh, 'ſbeannuicht an pobull ga 'm bheil an Tighearna mar Dhia dhoibh.

## Salm cxlv. *Exaltabo te, Deus.*

ARduichidh mi thu, O Dhe, mo righ, agus molaidh mi tainm a chaoidh nan cian:

2 Bheir mi buidheachas duit na huile latha; agus molaidh mi tainm a chaoidh nan cian.

3 'Smor an Tighearna, agus miorbhaileach's, airidh e air moladh; cha 'n 'eil crioch air a mhordhachd.

4 Molaidh aon linn toibre do linn eile; agus cuiridh iad do chumhachd an ceill.

5 Do m' thaobhſa, labhram air t'adhra'; do ghloir, do mhola, agus toibre iongantach.

6 Mar ſin labhruidh daoine air cumhachd do ghniomhara miorbhuileach; agus innſidh miſe fos mu d' mhorachd.

7 Bidh cuimhnichean do chaoimhnais pailt air ſhoillſeacha; agus ni daoine ceol mu d' ſhireantachd.

8 Tha 'n Tighearna graſmhor, agus trocaireach; fad-ſhulangach, agus mor ann a maitheas.

9 Tha 'n Tighearna gradhach do gach duine; agus tha throcair thar oibre gu leir.

10 Tha toibre gu leir gu d' mholadh, O Thighearna; agus tha do naoimh toirt buidheachas duit.

11 Tha iad foillſichidh gloir do righeachd; agus a labhairt air do chumhachd.

12 Chum

12 Chum gu 'm bi do chumhachd, do ghloir, agus mordhachd do righeachd; aithnichte do dhaoine.

13 'S righeachd ſhiorruidh do righeachd; agus mairidh t' uachdranachd air feadh gach uile linn.

14 Tha 'n Tighearna cumail ſuas gach uile a tha tuiteam; agus a togail ſuas na h' uile a tha ioſal.

15 Tha ſuile gach uile a feithe ortſa, O Thighearna; agus tha thu toirt doibh am biadh ann am iomchuidh.

16 Tha thu foſgla' do laimha; agus a lionadh gach ni beo le pailteas.

17 Tha an Tighearna cothrumach na uile ſhlighibh: agus naomha na uile oibre.

18 Tha 'n Tighearna ſogus dhoibhſin uile tha gairm air; ſeadh, do mheud ſa ghairmeas air gu dileas.

19 Coilionuidh e miann na muintir air am bheil eagalſan: cluinnidh e fos an glaodh agus ni e cobhair orra.

20 Tha 'n Tighearna tearnuidh na h' uile aig am bheil gradh dha; ach ag ſgaoilidh mach 'm fad na hain-diaghaidh gu leir.

21 Labhruidh mo bheul moladh an Tighearna; agus thugeadh gach feoil buidheachas da ainm naomha a chaoidh nan cian.

## Salm cxlvi. *Lauda, anima mea.*

MOL' an Tighearn, O m'anam, 'm feadh is beo mi, molaidh mi 'n Tighearna; ſeadh, cho fhad ſa tha bith agam, ſeinnidh mi moladh do m' Dhia.

2 O na cuiribh 'ur dochas an prionnſachan, no 'n mac duine ſam bith; oir cha 'n'eil cobhair annta.

3 Oir 'nuair theid anail duine amach, pillidh e aris ris an uir: agus ann ſin theid a ſmuainte uile air dith.

4 'S beannuicht an neach aig am bheil Dia Jacob mar chobhair; agus aig am bheil a dhochas ann ſan Tighearna a Dhiaſan;

5 A rinn neamh agus talamh, an cuan, agus gach uile ni a th'annta: a chumas a ghealla am feaſt.

6 A chuidicheas iadſan gu coir tha fulang dochoir; a bheathuicheas an t'ocrach.

7 Tha 'n Tighearna fuaſgladh daoine a prioſun; tha 'n Tighearna toirt radharc do'n dall.

8 Tha 'n Tighearn a cuidichadh leo san a th air tuiteam; tha curam aig an Tighearna do 'n fhirean.

9 Tha curam aig an Tighearna do 'n choigrich, tha e dionaidh an dilachdan agus a bhan-trach; do thaobh ſlighe an ain-diaghidh, tha e ga toirt bun os cionn.

10 Bidh 'n Tighearna do Dhia, O Shion, na righ am ſeaſt; agus air feadh gach linn.

## URNUIGH FHEASCAIR.

### Salm cxlvii. *Laudate Dominum.*

O Molaibh an Tighearna, oir 's maith an ni moladh a ſheinn d' ar Dia; ſeadh, is aoibhneach agus is taitneach a ni bhi taingeil.

2 Tha 'n Tighearna togail ſuas Hieruſalem; agus a tional ri cheile iarmad Iſraeil.

3 Tha e leigheas a mhuintir ud gam bheil an cridhe briſte; agus a toirt ioc-ſhlainte a leigheas an ea-cail.

4 Tha e ag innſeadh aireamh nan reult; agus gairm orra uile air an ainm.

5 'S mor an Tighearna, agus 's mor a chumhachd; ſeadh, agus tha ghliocas neo-chriochnach.

6 Tha 'n Tighearna togail ſuas an chiuin; agus bheir e 'n taindiaghidh ſios gu lar.

7 O ſeinnibh do'n Tighearna le breth-bhuidheachas; ſeinnibh molaidh air a chlarſaich d'ar Diane.

8 Tha comhducha na neamha le neoil, agus ag ullacha uiſge air ſon na talmhain, agus a toirt air feur fas air na beannta, agus luidhin gu feum dhaoine.

9 A bheir conlach do'n ſpreidh; agus a bheathuicheas na fithich oga tha gairm air.

18 Cha 'n'eil tlachd aige ann an ſpionnadh an eich; ni mo tha toil aige an caſan duine ſam bith.

11 Ach 's ann tha tlachd aig an Tighearna ſa mhuintir air am bheil eagalſan; agus tha cuir an dochas na throcair.

12 Mol' an Tighearna, O Hieruſalem; mol' an Tighearna, O Shion.

13 Oir

13 Oir rinn e daingean croinn do gheata; agus bheannuich e do chlann an taobh a ſtigh dhiot.

14 Tha e deanamh ſithchaimh ann a'd' chriocha; agus gu'd lionaidh le min-mhin a chruineachd.

15 Tha e cuir mach aithne air thalamh; agus tha f hocal ruidh gu ro luath

16 Tha e toirt ſneachd mar olain; agus a ſgaoileadh 'n liathreodha mar luaithre.

17 Tha e tilgeadh mach eithe mar ghreimeana; co is urra ſeaſamh ri a reodha.

18 Tha e cuir mach f hocal, agus gan leaghadh; tha e ſeideadh a ghaoth, agus tha na huiſgeacha a ſruthadh.

19 Tha e foillſich f hocal do Jacob; a ſtatuis agus a bhreitheanais do Iſraeil.

20 Cha do bhuin e mar ſin ri cinneach ſam bith: ni mo tha eolas aig na cinnich air a lagh.

## Salm cxlviii. *Laudate Dominum.*

O MOLAIBH's Tighearna neamha; molaibh's e ſan airde.

2 Molaibh e ſibhs uile Ainglibh; molaibh's e, a ſhluagh gu leir.

3 Molaibh's e a ghrian s'a ghealach; molaibh's e ſibhs a reulta gu leir agus a ſholuis.

4 Molaibh e ſibhs a neamha uile; agus ſibhſe uiſgeacha tha os cionn na neamha.

5 Molaidh iad ainm an Tighearna; oir labhair e 'm focal, agus rinne iad, thug e aithne, agus chruthaiche iad.

6 Rinn e daingean iad gu ſaoghal nan ſaoghal; thug e dhoibh reachd nach bi air a bhriſeadh.

7 Molaibh an Tighearna air thalamh: ſibhs a dhragoin agus uile dhoimhneachda.

8 Sibhs teine agus clocha meallain, ſneachd agus ceo; ſibhs gaoith agus ſion, a coilionadh f hocail.

9 Sibhs bheannta agus gach uile chnoc; ſibhs craobha torrach agus gach uile ſhedar;

10 Sibhs ainmhidhe agus gach uile ſpreidh; ſibhs cnuime agus eoin iteagach.

11 Sibhs righre na talmhain agus gach uile chinneach; ſibhs prionnſachan agus uile bhreitheana an domhan.

12 Daoin

12 Sibhs daoine og agus maighdeana, feann daoin' agus clann molaibh ainm an Tighearna; oir fe ainm amhain tha oirdhearc, agus a mholadh os cionn neamh agus talamh.

13 Arduichidh e adharc a phobull, molaidh a naoimh gu leir e; iodhoin clainn Ifraeil, iodhoin an pobull tha tabhairt feirbheis da.

## Salm cxlix. *Cantate Domino.*

O Seinnibh do 'n Tighearn oran nuadh; moladh coithional na naoimh e.

2 Deanadh Ifraeil gairdeachas annfan a rinn e; agus bidh clann Shion aoibhneach nan righ.

3 Moladh iad ainm fan damhfa; feinneadh iad mola' dha le tiompan agus clarfach.

4 Oir tha tlachd aig an Tighearna na phobull; agus cuidichidh e iadfan aig am bheil cridhe ciuin.

5 Bidh na naoimh aoibhneach le gloir; deanadh iad gairdeachas nan leabuiche.

6 Bidh moladh Dhe nam beul; agus claidhe da fhabhoirn n lamha.

7 Chum dioghaltas a gabhail air na cinnich; agus an pobull a fmachducha.

8 Chum an righre a cheangal an geimhlidh; agus a moruaiflin le failbheaga iaruin

9 Chum dioghaltas a dheanamh orra, mar tha e fcriobhta; tha leithid fin a dh'onair aig na naoimh gu leir.

## Salm cl. *Laudate Dominum.*

O Molaibh's an Tighearn' ann a naomhachd; molaibh's e an fpeuraibh a chumhachd.

2 Molaibh's e na ghniomhara uafal; molaibh's e a reir a mhorachd oirdhearc.

3 Molaibh's e ann am fuaim na trompaid; molaibh's e air an t' faltair agus air a chlarfaich.

4 Molaibh's e le tiompan agus fan damhfa; molaibh's e air na teuda agus air a phiob.

5 Molaibh's e air na fiombala deadh-ghleufta; molaibh's e air na fiombala ard-ghuthach.

6 Sibhs gach ni aig am bheil anail molaibh's an Tighearna

# FOIRMEAN URNUIGH,

## *Chum a bhith air a gnathacha air Muir.*

¶ Bithidh 'n feirbheis Mhaidne agus Fheafgair a tha gach latha gu bhith air an cleachdain air Muir, a reir mar tha e air orducha ann an leabhar na Urnuigh Gnathachte.

¶ Tha 'n da urnuigh fo leanas ri bhith air an cleachdain mar 'n ceudna ann an Cabhlach a m'horachd na h'uile latha.

O Thighearna Dhe fhiorruidh, ann ti tha mhain a fgaoileadh mach na neamha; agus a riaghlacha onf hadh na fairge; a chuairtuich na huifgeachan le criocha gus an d'thig la agus oidhche gu crich; mu se do thoil e, gabh finne do fheirbheifich agus an cabhlach ann fa bheil finn a deanamh feirbheis, fuidh do dhion uile-chumhachdach agus ro ghrafmhor. Sabhail finn o chunarta na fairge, agus o fhoirneart a namhaid; chum 's gu m bi finn nar dion d'ar n'ard Thighearna ro ghrafmhor Righ Seorfa agus a Righeachdan, agus nar tearmunn da m'heud fa ghluaifeas air na cuantibh mu'n gnothachidh laghail; a chum s' gu 'n dean luchd-aiteach ar 'n Eilain feirbheis duitfe ar Dia, ann fith agus ann faimh, agus a chum 's gu'm pill finn ann an tearuntachd a fhealbhachadh beannacha an talamh, le toradh ar faoireach; agus le cuimhnichean taingeil air do throcairibh chum t'ainm naomha mholadh agus a ghlorachadh, tre Jofa Criofd ar Tighearna. Amen.

### An Urnuigh.

BI roimhain, O Thighearna, ann ar n'uile ghniomhara, le d' chaoi'neas ro ghrafail, agus thoir air ar n'aghaidh finn le d' ghna chomhnadh, a chum ann ar n'uile oibre a thoifich, a bhuanaich, agus a chriochnuich ann-ad-fa, gu'n toir fina gloir do t-ainm naomh, agus fa dheoigh le d' throcair gu 'm faigh finn a bheatha mhairtheanach, trid Jofa Criofd ar Tighearna. Amen.

¶ Urnuighean

¶ *Urnuighean chum bhith air an gnathacha air Muir ann an am Doinionn.*

O THIGHEARNA Dhe ro-chumhachdaich agus ghlor mhor, air t'aithne ſeididh na gaoithe, leis an togar tonna na fairge, agus a 's tu chuireas na toſd a h'onfhadh mar 'n ceudna; tha ſinne do chreatuirean, ach peacairean truagh, a glaodhaich riut ann an ſon ar mor theinn air ſon comhna: ſabhail ſinn, O Thighearna, no theid ſinn a mugha. Tha ſinn ag aideacha, nuair a bha ſinn ſabhailt, agus a chunnaic ſinn gach ni ann an ſaimh mu'n cuairt duinn, gu do dhichuimhnich ſinn thuſa ar Dia, agus do dhiult ſinn eiſteachd ri fuaim ſhaimheil t'fhocail, agus umhlachd thoirt do t'aitheanta. Ach a nis, tha ſinn a faicſin cia uabhaſach thu' ann a t'uile oibre iongantach; thus an Dia mor is coir eagal a ghabhail romhad os cionn na h'uile; agus uime ſin tha ſinn toirt adhradh do d' mhorachd dhiaghaidh, aig aideacha do chumhachd, agus ag aſlach do mhaitheas. Cuidich ſinn, a Thighearna, agus ſabhail ſinn air ſga do throcair, ann an Joſa Crioſd do Mhac, ar Tighearna. Amen.

¶ *No ſo.*

O Thighearna Dhia, ro ghlormhor agus ghraſmhor, a tha chomhnuidh air neamh, ach a tha 'g amharc air gach ni tha bhos, amhairc a nuas, tha ſinn ag aſlach ort, agus eiſd ruinn a tha glaodhaich amach a doimhne na doghruinn, agus o pheirclibh a bhas ſo, a tha nis deis chum ar ſluga ſuas; ſabhail ſinn, a Thighearna, no theid ſinn a mugha. An droing a bhios beo, an droing a bhios beo, molaidh iad thu. O cuir amach focal do ſmachd a chronucha na gaotha buaireaſach, agus an fhairge bheucach; a chum 's air dhuinne bhith tearuinte o n teinn ſo, gu 'n bitheadhmid beo gu ſeirbheis a dheanamh dhuit, agus a chum gloir a thoirt do t'ainmre uile latha ar beatha. Eiſd ruinn, a Thighearn, agus teaſairg ſinn, air ſga toilteanais neochriochnach ar Slanuighfhear beannuichte do Mhac ar Tighearna Joſa Crioſd. Amen.

*Ann Urnuigh tha ri radh roimh Chogadh an aghaidh naimhid air Muir.*

O Thighearna Dhe ro chumhachdach agus ghlormhor, Tighearna nan ſloigh, a tha riaghladh agus aig orduchd nah'uile nithe, tha thu d' ſhuidhe air a chathair a toirt breith cheart;

cheart; agus uime ſin tha ſinn a deanamh ar 'n achuinge ri d' mhorachd neamhaidh ann ar n' eigin; chum s' gu'n gabhadh thu an chuis ann a'd' laimh fein, agus breith thoirt eidir ſinn s' ar naimhdibh. Duiſg ſuas do neart, O Thighearna, agus thig agus cuideach ſinn, oir cha 'n 'eil thu do ghna toirt buaidh do'n dream tha laidir, ach tha thu comaſach air ſabhala' le moran agus le beagan. O na glaodhadh ar peacana nar n'aghaidh anis air ſon dioghaltais; ach eiſd ruinne do ſheirbheiſeich thruaigh, ata agguidhe trocair agus agiarruidh do chobhair, chum 's gu 'm bithidh tu a'd' thearmun duinn an aghaidh gnuis an namhaid. Bitheadh e air a nochda gu 'r d'thuſa ar Slanuighſ hear agus ar fear-ſaoruidh trein, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Urnuighean ghaoirrid air ſon muintir nan conar do nach urradh cruinneacha n' ceann a cheile, ann n'urnuigh maille ri muintir eile, leis a chath na Doinion.*

*Urnuighean coitchion.*

A Thighearna, bi trocaireach dhuinne peacairean, agus ſaor ſinn air ſga do throcair.

S'tuſa an Dia mor, a rinn agus a tha riaghladh na h'uile nithe: O ſabhail ſinn air ſga t'ainme.

S'tu an Dia mor a'd' chuis eagal os cionn na 'n uile: O ſabhail ſinn, chum s gu mol' ſinn thu.

*Urnuighean ſonright do thaobh namhad.*

THA thuſa, O Dhe, ceart agus cumhachdach: O dion ar cuis an aghaidh gnuis an namhaid.

O Dhe, tha thuſa a' d' dhaingnich do gach uile neach a theicheas a t' ionnſuidh; O ſaor ſinn o ſhoirneart a namhaid.

O Thighearna nan ſluagh, cuir cath air ar ſon, ach um 's gu'n d'thugamid gloir dhuit.

O na leig duinne tuiteam fo ualach ar peacana fein, no foirneart a namhaid.

O Thighearna, cuidich ſinn, agus ſaor ſinn, air ſga t'ainme.

*Urnuighean gaoirrid a thaobh Doinionn.*

THus, O Thighearn, a chuireas na toſd onſ hadh na fairge; eiſd ruinn, eiſd ruinn, agus ſabhail ſinn, a chum nach d'theid ſinn a mugha.

O Shlanuigh-ſ hear bheannuicht, a rinn do dheiſciobluibh a ſhabhala bha ullamh gu dol a mughadh ann an doinion: eiſd ruinn, agus ſabhail ſinn, tha ſinn ag iarruidh ort.

A Thighearna, dean trocair oirn.
A Chrioſd, dean trocair oirn.
A Thighearna, dean trocair oirn,
O Thighearna, eiſd ruinn.
O Chrioſd, eiſd ruinn.

Dia an t'Athair, Dia a Mac, Dia a Spiorad Naomh, dean trocair oirn, ſabhail ſinn anis agus gu brath. Amen.

AR n' Athair ata air neamh, naomhaichear t-ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a dheantar air neamh. Tabhair dhuinn an diu ar n-aran lathail. Agus maith dhuinne ar ciontaidh, mar a mhaitheas ſin dhoibhſin a chiontuicheas n-ar n-aghaidh. Agus na leig ann buaireadh ſinn, ach ſaor ſinn o olc; oir is leatſa an rioghachd agus a chumhachd, agus a ghloir, gu ſiorruidh agus gu ſiorruidh. Amen.

¶ Ann an am gabhadh mor thig ſgeobadh na luinge ra cheile, gu aidmh a irioſal na peacana a dheanamh do Dhe; annſa a bu choir da gach aon chuimhnichadh a peacana ſein; ag radh mar a leanas.

*An Admhal.*

A Dhe uile chumhachdaich, Athair ar Tighearn Joſa Crioſd, a Chruith-ſ hear nan uile nithe, a Bhreitheamh nan uile dhaoine; tha ſinn ag aideachadh agus ag caoidh ar peacidh agus ar n-aingeachd lionmhor, a rinn ſinn o am gu h-am gu ro uamhara, le ſmuainte, le focal, agus le gniomh, an aghaidh do mhorachd dhiaghaidh, a breſnuchadh t-ſ heirg agus do chorruich gu ro cheart n' a' ar n-aghaidh fein. Tha aithreachas durachdach, agus tha bron cridhe oirn air ſon ar mighniomhara: tha 'n cuimhne a cuir doilgheas oirn, tha an uallach do-ſ hulang. Dean trocair oirn, dean throcair

oirn,

oirn, Athair ro throcairich; air ſon do Mhic ar Tighearna Joſa Crioſd, maith dhuinn gach ni chuaidh ſeachad, agus deonuich gu 'n dean ſinn gu brath an deigh ſo, ſeirbheis dhuit, agus do thoileachadh ann nuadhachd beatha, chum gloir agus onoir t-ainm, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

¶ An deidh ſin their an Sagart, mo bhios aon ann ſin, an fuaſgladh-caglas ſo.

A Dhia uile chumhachdaich ar n'Athair neamhuidh, a gheall d'a mhor trocair maitheanas peacaidh dhoibh-ſin uile a philleas d'a ionnſuidh le h-aithreachas cridhe agus le fiot chreidimh; gu 'n deana ſe trocair oirbh, gu 'n tugadh e maitheanas dhuibh, agus gu 'n ſaoradh e ſibh o bhur n' uile pheacaidh; gu 'n daingnicheadh e ſibh ann ſan uile mhaitheas, agus gu 'n tugadh e ſibh gu beatha ſhiorruidh, trid Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*Breith-bhuidheachas ann diaigh Doinion.*

Salm lxvi. *Jubilate Deo.*

O Bithidh aoibhneach ann ar Dia a dhuchana uile; ſeinnibh moladh do onair ainm ſin, thugaibh air a mhola' a bhi glormhor.

Abraidh ri Dia, O cia iongantach thu ann a'd' oibre; tre mhead do chumhachd gheibhear do naimhde na 'm breagaire dhuit.

Oir ni 'n ſaoghal gu leir aodhradh dhuit; ni e ceol duit, agus molaidh e tainm.

O thigibh an ſo agus faicibh oibre Dhe; cia iongantach a tha e 'na dheanadas do chlann nan daoine!

Thionda e 'n cuan gu talamh tirim; gus an deach iad tre 'n uiſge air an cois, 'n ſin rinn ſinne gairdeachas uime ſin.

Tha e riaghlacha' le chumhachd gu fiorruidh, tha ſhuilean a faicin an tſluaigh; agus cha 'n urra a mhead s nach creid iad fein arducha.

O molaibh ar Dia fibhs a ſhluaigh; agus thugaibh air guth a mholadh a bhi ghlormhor.

'N ti tha cumail ar n'anma ann am beatha; s nach 'eil a ceaducha' d'ar caſan ſleamhnucha.

Oir dhearbh thuſa ſinn, O Dhe; dhearbh thu fos ſinn, mar dhearbhar airgiod.

Thug thu ſinne ſan ribe; agus leag thu trioblaid air ar leaſraidh.

Cheaduich thu do dhaoine marcach thair ar cinn; chaidh ſinn tre theine agus uiſge, agus thug thu mach ſinn gu aite ſaibhir.

Theid mi dh'ionnſuidh do thighe le tabhartais loiſgt; agus iocaidh mi dhuit mo mhoidean, a gheall mi le m' bhile, s a labhair mi le 'm bheul nuair bha mi 'n trioblaid.

Tairgidh mi dhuit iobairt loiſgte reamhar, le tuis reitheachan; tairgidh mi tairbh agus gabhair.

O thigibh ann ſo, agus eiſdibh, ſibhſe uile air am bheil eagal De: agus innſidh mi dhuibh ciod a rinn e air ſon m' anam.

Ghair mi air le m' bheul; agus thug mi moladh dha le m' theangaidh.

Ma dhaomas mi gu haingeachd le m' chridhe: cha chluinn an Tighearna mi.

Ach chuala Dia mi; agus thug e fanear guth m' urnuidh.

Moladh do Dhia, nach do thilg amach m'urnuidh; s nach do thionda throcair uam.

## Salm cvii. *Confitemini Domino.*

O Thugaibh taing do'n Tighearna, oir tha e graſmhor; agus mairidh a throcair gu ſiorruidh.

Thugeadh a mhuintir taing do'n Tighearn a ſhaor e: agus a dh'f huaſgail e o laimh an namhad.

Agus a thionail e as na thiribh, o'nairdean ear, agus o'n aird an iar; o'n airde tuath, agus deas.

Chaidh iad air ſeachran as an tſlighe ann ſan fhaſach; agus cha d'f huair iad baile gu comhnuicha ann;

Ocrach agus iotmhor: dh'f hannaich an anma annta.

Mar ſin ghlaodh iad ris an Tighearna na 'n trioblaid; agus dh'f huaſgail e iad o'n teann eigin.

Threoruich e iad amach air an tſlighe cheart; chum gu 'n racha iad dhionnſaidh a bhaile s na ghabh e comhnuidh.

O gu'n tuga daoine mola' do'n Tighearna air ſon a mhaitheas; agus gu'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh air ſon clainn nan daoine!

Oir

Oir fafuichidh e 'n tanam falamh ; agus lionadh e 'n tanam ocrach le maitheas ;

Mheud 's tha fuidhe 'n dorchadas, agus an fgaile bhais ; air bhith dhoibh ceangailt gu teann an truaighe, agus an iarunn.

Thug e fios an cridheacha fos le tuirfadh ; thuit iad fios, agus cha robh aon neach a dheana cobhair orra.

Mar fin 'nuair a ghlaodh iad ris an Tighearna na 'n trioblaid ; dh'f huafgail e orra as an teann eigin.

Oir thug e iad a dorchadas, agus a fgaile a bhais ; agus bhris 'n cuibhriche na'm bloide.

O gu mola' daoine uime fin an Tighearna air fon a mhaitheas ; agus gu'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine !

Oir bhrift e na geatacha prais ; agus bhuail e na croinn iaruinn na 'm bloide.

Tha na hamadain air an fgiurfa air fon nan peacadh ; agus air fon an aingeachd.

Ghabh an anma fuath do gach gne bhith ; agus 's beag nach robh iad iodhoin aig doruis a bhais.

Mar fin 'nuar a ghlaodh iad ris an Tighearna na 'n trioblaid ; dh'fhuafgail e orra as an teann eigin.

Chuir e mach f hocal, agus leighis e iad ; agus fhabhala e iad o an doruinn.

O gu mola' daoine an Tighearna air fon a mhaitheis ; agus gu'n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine !

Gu'n tairge iad dha iobairt breith-bhuidheachas ; agus gu 'n innfe iad amach a oibre le haoibhneas !

A mhuintir theid fios do'n chuan ann an loingeas ; agus tha cuir an gniomh an gnothaiche ann s na huifge mora.

Tha iad fin a faicin oibre an Tighearna ; agus iongantais fan doimhneachd.

Oir le ghuth eiridh a ghaoth ftoirmeil ; a thogas fuas a thonna.

Tha iad air an giulan fuas gu neamha, agus fios aris do 'n doimhneachd ; tha 'n anma a leatha as leis an trioblaid.

Tha iad air an luafgadh thuig agus uaithe, agus ag tuiflidh mar dhuine mifgeach ; agus tha iad aig ceann an ceill.

Mar fin 'nuair a ghlaodhas iad ris an Tighearna nan trioblaid ; faoraidh e iad as an teann eigin.

Oir

Oir bheir e air an dointhion ſgur; ionnas gum bheil a tonna ſamhach.

'N ſin tha iad ait, cheann gu'm bheil iad aig fois; agus mar ſin bheir e iad do'n chala gus am b'aill leo dol.

O gu mola' daoine uime ſin an Tighearna air ſon a mhaitheas; agus gu n cuiridh iad an ceill na hiongantais tha e deanamh do chlainn nan daoine.

Gu'n arduiche iad e fos ann co-thional an phobull; agus gu moladh iad e ann an cathair nan ſeanaire!

'N ti thionda na tuilte gu faſach; agus a thirmicheas ſuas na tobair uiſge.

Tir thorach ni e neo-thorach; air ſon aingeachd na muintir tha chomhnuidh innte.

Aris, ni e m faſaich na uiſge tamha; agus tobruiche uiſge nan talamh tirim.

Agus ann an ſin cuiridh e na mhuintir tha ocrach; chum gun tog iad baile gu comhnucha ann.

Chum gu'n cuir iad am fearan, agus gu'n ſuidhich iad garachan ſiona; a thoirt dhoibh tòradh chum fas.

Tha e gam beannucha, ionnas gu fas iad gu hanabarach lionmhar; agus cha leig e do'n ſpreidh fas tearc.

Agus aris, 'nuair tha iad air laghducha agus air an toirt ioſal; tre f hoir-eigne, tre phlaigh na trioblaid ſam bith.

Ge'd' cheaduich e dhoibh bhi air an ſarughadh tre ain-tighearnan; agus ge do leige dhoibh dol air anra' as an tſlighe fan f haſach;

Gidheadh cuidichidh e 'm bochd as a thruaighe: agus ni e dha teaghlach mar thread chaorach.

Beachduichidh 'm ſirean air a ſo agus ni e gairdeachas; agus bithidh beul na haingeachd uile air a dhruide.

Co air bith tha glic bheir e fanear na nithe ſin: agus tuigidh iad caoimhneas gradhach an Tighearna.

*Urnuighean Breith-bhuidheachais.*

O Thighearna Dhe ro-bheannuighte agus ghlormhor, aig am bheil maitheas agus trocair neo-chriochnach. Tha ſinne do chreatairean bochd, a rinn agus a ſhabhail thu, aig cumail ar anma ann am beatha, agus air an am ſo g'ar dionadh o pheirclibh a bhais, a teachd aris gu humhla an lathair do mhordhalachd Dhiaghaidh, chum moladh agus breith-bhuidheachais a thoirt air ſon gu'n d'eiſd thu ruinn, nuair a ghairm ſinn

ort

ort ann ar trioblaid, agus nach do dhuilt thu ar n'urnuigh, a chuir ſinn ſuas a t'ionnſuidh ann ar mor theinn; iodhoin nuair a ſmaoinich ſinn gach ni cailte, ar long, ar bathar, ar beatha fein, ann ſin dhamhairc thu oirn, gu trocaireach agus dh'orduich thu gu hiongantach ſaorſa; Uime ſin, air dhuinn a bhith nis ann an tearuntachd, tha ſinn toirt gach uile mholadh agus gloir do t'ainm naomha, tre Joſa Crioſd ar Tighearna. Amen.

*No ſo.*

O DHE ro-threin agus ghraſmhor, tha do throcair os cionn toibre gu leir, ach tha air mhodh ſonruight air a ſineadh mach d'ar taobhſa, a rinn thu dhionadh cho ro-chumhachdach agus cho ro-iongantach. Thaiſbeinn thu dhuinn nithe eagalach, agus iongantais ann ſan doimhneadh, a chum s gu 'n faiceamaid cia cumhachdach agus graſmhor 'n Dia thuſa; cia comaſach agus ullamh chum comhnadh a dheanamh dhoibhſin a chuireas an earbſa annad. Dh'fheuch thu dhuinne cia mar tha araon na gaoith agus na fairgibh toirt geill do t'aithne; a chum s gu'n f heud ſinn a f haoghlum uapa, ann diaigh ſo a bhith umhla do'd' ghuth, agus do thoil a dheanamh. Tha ſinn uime ſin a toirt cliu agus gloir do t'ainm air ſon do throcair ſo ann ar ſabhala, nuair a bha ſinn ullamh gu dol a mugha. Agus tha ſinn a guidhe ort, dean ſinn anis cho f hior mhothachail mu d' throcair, 's a bha ſinn ann ſin mu'n a chumhnart: Agus thoir dhuinn do ghnath cridheachan ullamh a chuir an ceill, ar bhuidheachais, cha nan amhain le 'r briathra', ach mar an ceudna le'r caithe-beatha, ann a bhith ni 's umhla do t'aitheantaibh naomha. Buanich, tha ſinn ag guidhe ort, do mhaitheas dhuinn, chum 's gu'n dean ſinne, a rinn thu thearna, ſeirbheis duit ann a naomhachd agus ann am ſireantachd re uile laithe ar beatha, tre Joſa Crioſd ar Tighearna agus ar Slanuighſhear. Amen.

*Laoidh mholadh agus breith bhuidheachais ann diaigh doinion ghairbh.*

O Thigibh thugamid buidheachas do'n Tighearna, oir tha e graſmhor, agus mairidh a throcair gu ſiorruidh.

S'mor an Tighearna, agus gu mor ri bhith air a mholadh; abradh iadſan ſo a ſhaor an Tighearna; a rinn e ſhabhala o onf hadh neo-thruacanta na fairge.

Tha

Tha n' Tighearna graſmor agus truacantadh, mall a chum feirg, agus mor an trocair.

Cha do bhuin e ruinn a reir ar peacana; ni mo thug e luigheachd dhuinn a reir ar aingeachd.

Ach mar tha na neamha ard oſcionn na talmhuin; s'ceart cho mhor a bha throcair da r thaobhne.

Fhuair ſinn trioblaid agus turſadh; bha ſinn eadhon aig dorus a bhais.

Cha mhor nach do chomhlduich uiſgeachan na fairge ſinn; char mhòr nach deach na huiſgeachan uabhaſaich thair arn anma.

Bheuchd an fhairge; agus thog a ghaoth dh'oinionach ſuas a tonna mar an ceudna.

Bha ſinn air ar giulan ſuas mar gu m' b'ann gu neamh, agus ſios aris do 'n doimhne; leagh air n'anam ann toabh a ſtigh dhinn, do bhri ar trioblaid;

Ann ſin ghlaodh ſinn ruitſe, O Thighearna; agus ſhaor thu ſinn as ar teinn.

Gu ma beannuight' gu n' robh tainm, nach d'rinn di-mheas air urnuigh do ſh'eirbheiſteich; ach a dheiſd r'ar gloadh, agus a ſhabhail ſinn.

Chuir thu mach t'aithne; agus bha onfhadh na gaotha na toſd, agus bha i air a caochladh gu ciuine.

O molamaid uimé ſin an Tighearna arſon a mhaitheis; agus cuireamid ann ceil na miorbhuille a rinn e, agus tha e ghnath a deanamh arſon clann nan daoine!

Gu n' robh an Tighearna air a mholadh na h'uile latha; iodhoin an Tighearn' a tha ga r cuideachd, agus a dortadh mach a thiolaca oirn.

I's e ar Dia, eadhon an Dia o n' th' thig ſlainte; ſe Dia an Tighearn tre n' do theachuin ſinn an bas.

S'tuſa, a Thighearna, rinn aoibhneach ſinn tre deanadas do lamha; agus ni ſinn gairdeachas annad chliu.

Gu ma beannuight gn n' robh an Tighearna Dia; eadhon ann Tighearna Dia, a tha amhain deanamh guiomhara iongantach;

Agus gu ma beannuight gu n' robh Ainm a Mhorachd gu ſiorruidh; agus abradh gach aon againne, Amen, Amen.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh;

Mar bha 'n 'tus ata anis, agus bhitheas gu brath; ſaoghal gun chrich. Amen.

2 Cor. xiii. 14.

GRAS ar Tighearna Iosa Crioſd, agus gradh Dhe, agus co-chomunn an Spiorad Naomh, gu'n robh maille ruinn anis agus gu ſiorruidh. Amen.

*Aig Adhlaca' nam Marbh air Muir.*

¶ Feudar an Oifige tha ann an Leabhar na gnath-urnuigh a ghnathacha; ach ann aite na 'm briathribh ſin [tha ſinn uime ſin a thabhairt a chuirp do 'n talamh, talamh do thalamh, agus mar ſin] abair,

THA ſinn uime ſin a toirt thairis a chuirp do 'n doimhne, gu bhith air a thionda gu truailleachd, ag amhairc ri eis-eirigh a chuirp (nuair a bheir an fhairge ſuas a mairbh) agus beatha an t'ſaoghail tha chum teachd, trid ar Tighearna Iosa Crioſd, an ti, 'nuair a thig e, a dh'athruicheas ar coirp bhrein, chum 's gu'm bi e coſlach r'a chorp glormhor fein, a reir na h'oibre cumhachdach, leis am bheil e comaſach gach ni cheanſacha dha fein

## Na XXXIX.

# PONCAN A CHREIDIMH.

### I. *Mu chreidimh ann ſan Trionaid Naomh.*

CHa 'n 'eil ann ach aon Dia beo fior, bi-bhuan, gun chorp, buill, na ſulangais ; aig a m bheil *cumhachd*, *gliocas*, *agus maitheis* neo- chriochnach ; Cruithf hear agus fear coimhead, na n' uile nithe mar aon ſaicſineach agus neimh f haicſineach : Agus ann an aonachd na Diagheachd ſo tha tri Pearſaibh, a dh'aon tabhachd, cumhachd, agus ſiorruidheachd ; an t'Athair, a Mac, agus an Spiorad Naomh.

### II. *Mu 'n Focal na Mac Dhia, a bha air a dheanamh na f hior dhuine.*

A Mac, an neach a ſe focal an Athar, a bha air a ghintinn o ſhiorruidheachd leis ann Athair, an Dia fior agus bi-bhuan, a dh'aon ghne ris ann Athair, ghabh e nadar an duine ann am broin na hoighe bheannuight, d'a tabhachd ; mar ſo bha da nadar iomlan agus f hoirfe, ſe ſin ri radh, an Diagheachd agus an daonachd, air an cuir ra cheile ann an aon phearſa, gu 'n bhith chaoidh air an dealacha ; da m' bheil aon Chrioſd, ſior Dia,

Dia, agus fior Dhuine; a dh'f huiling gu firinneach, do cheusadh, do f huar bas, agus do adhlacadh, chum an Athair athreiteach ruinne, agus a bhith na iobairt cha ni mhain air son peaca gineadh, ach mar an ceudna air son peacana gniomh dhaoine.

III. *Mu dhol sios Chriosd a dh' Ifrinn.*

MAr a bhasaich Criosd air ar son, agus a bha air adhlacadh; mar so mar an ceudna tha e gu bhith air a chreidsin, gu'n deach' e sios a dh'ifrionn.

IV. *Mu Eis-eirigh Chriosd.*

DH'eirigh Criosd do rireadh a ris o'n bhas, agus ghabh e na ionnsuidh aris a chorp, maille ri feoil, cnamha, agus na huile nithe a bhuineas do iomlaineachd Nadar an duine; leis an deach' e suas gu neamh, agus tha e ann sin na shuidhe, gus an d'thig e air ais a thoirt breith air gach uile dhuine aig an latha dh'eireannach.

V. *Mu'n Spiorad Naomha*

THa an Spiorad Naomh, a teachd amach o'n Athair agus o'n Mhac, dh'aon tabhachd, mordhalachd, agus gloir, ris an Athair agus a Mhac, na Dhia fior agus fiorruidh.

VI. *Mu Fhoghainteachd na 'n Scriptuiribh Naomha, chum slainte.*

THA air a chuir sios sa 'n Scriobtur Naomh na huile nithe feumal chum slainte; a chum s ciod sam bith nach 'eil air a leughadh ann an sin, 's nach f heud a bhith air a choducha leis, cha 'n 'eil e air iarruidh air duine air bith, gu bhith air a chreidsin mar phonc do'n chreidimh, no gu bhith air a smaoineach iomchuidh no feumail a chum slainte. Ann an ainm an Scriptuir Naomh tha sinn ra-thuigsin Leabhraichean riaghailt an t'sean Tiomna agus ann Tiomna-Nuadh, mu 'n ughdarras nach robh teagamh riamh san Eaglais.

*Mu ainmean agus aireamh leabhriche riaghailt na h'Eaglais.*

| | |
|---|---|
| Ginealach. | Deutoronomi. |
| Ecsodus. | Iosnua. |
| Lebhiticus. | Breitheanna. |
| Aireamh. | Rut. |

| | |
|---|---|
| Ceud leabhar Sham | Leabhar Eſther. |
| Dara leabhar Sham. | Leabhar Job. |
| eud leabhar nan Righ. | Na Sailm. |
| Dara leabhar nan Righ. | Na Gna-fhocla. |
| Ceud leabhar nan Each. | Ann Sermonaich. |
| Dara leabhar nan Each. | Na Canticles, no Oran Sholamh. |
| Ceud leabhar Eſdrais. | Na Ceithir Faidhean s'mugha. |
| Dara leabhar Eſdrais. | An da Fhaidhe dheug a s'lugha. |

Agus na leabhrichean eile (mar a deir Hieram) tha 'n eaglais a leaghadh a chum eiſiomplair beath agus foluim beuſibh; ach gidheadh cha chleachdar iad a dhaingneach teagaſg ſam bith a leithid 's iad ſo a leannas.

| | |
|---|---|
| Treas leabhar Eaſdrais. | Baruc am Faidhe. |
| Ceathramh leabhar Eaſdrais. | Oran ann Triuir Chloinne. |
| Leabhar Thobias. | Naidheachd Suſanna |
| Leabhar Tudit. | Mu Bhel agus an Dragon. |
| A chuid eile leabhar Eſdrais. | Urnuigh Mhanaſſah. |
| Leabhar Ghliocais. | Ceud leabhar na Maccabeus. |
| Ioſa Mac Sirac. | Dara leabhar na Maccabeus. |

Uile leabhraichean an Tiomna Nuadh, mar tha iad gu coitchion air an gabhail, tha ſinne g'an gabhail agus g'an meaſidh mar le ughdarras.

## VII. *Mu 'n t'Sean-Tiomna.*

CHA 'n 'eil an Sean-Tiomna, ann aghaidh an Tiomna-Nuadh; oir ſan t'ſean-Tiomna agus ſan Tiomna Nuadh, tha beatha bhi-bhuan air a tairgſe do 'n chinne-daoine tre Chrioſd, ann ti a 's aon Eadar-mheadhonar eidir Dia agus duine, air dha bhith na Dhia agus na Dhuine. Uime ſin cha 'n 'eil iad ri bhith air an cluintin, a tha cumail amach gu 'n robh na ſean airichean amhain aig amhairc ri gealluibh aimſireil. Ge nach 'eil an lagh thug Dhia le Maois a thaobh deaſgnath agus riaghailte, cheangail daoine Crioſdidh; ni mo bu chubhidh da reachda laghail do eigin a bhith air an gabhail a dh'ionnſuidh ſtaid ſam bith riaghailt; gidheadh, cha 'n 'eil Crioſadidh ſam bith ſaor o umhlachd thoirt do n' aitheantibh a tha air an gaoirm aitheantibh na Mothannibh.

## VIII. *Mu na tri Creudan.*

IS coir na tri Creudean, Creud Niſe, Creud Athanaſios, agus ſin a tha mar is trice air gairm Creud na 'n Abſtol,

a

a bhith air an gabhail agus air an creidſin gu hiomlan; oir feudidh iad a bhith air ann codacha le fior bharantais o 'n Scriobtar Naomh.

## IX. *Mu Pheaca Gine no Breith.*

CHA 'n 'eil peaca ginne aig feaſamh ann an leantuin Adhamh (mar tha na pelagianich gu diomhain a labhairt) ach s'e coire agus truailleachd nadar na huile duine, a tha gu nadarach air a ghineadh do ſhliochd Adhamh; leis am bheil duine air tighn fada o'n ceud fhireantachd, agus a tha thaobh nadair air aomadh chum uilc, mar ſin do bheil an fheoil do ghath miannach ann aghaidh ann Spioraid, agus air an aodhbhar-ſin ann s gach neach tha air a bhreith ſan t'ſaoghal ſo tha e toiltean corruich agus diotadh Dhe. Agus tha 'n puiſain nadair ſo air marſin; ſeadh, annta ſin tha air an ath-ghinmhuin; leis nach bheil miann na feola, air a chantuin ann an Greigais, φρονημα σαρκος leis am bheil cuid a ciallach gliocas, cuid feolmharachd, cuid anamian, cuid eile toil na feola, umhla do lagh Dhia. Agus ge nach 'eil dite air bith dhoibhſe tha creidſin agus tha air am baiſde, gidheadh tha 'n abſtol aig aidbheil, gu bheil aig togra agus mian ana-cneaſt' dheth fein nadar a pheacidh.

## X. *Mu ſhaor thoil.*

THA ſtaid ann duine ann diaigh tuiteam Adhamh, na leithid 's nach urrain e pilltin agus e fein ullacha chum creidimh, agus gairm air Dia, le neart nadarach agus a dheagh oibre fein; uime ſin, ni 'n comas duinn oibre maith, taitneach, agus ciatach a dheanamh do Dhia gu'n ghraſa Dhia, tre Chrioſd ga 'r riomh-ſhiura, a chum s gu'm bi toil mhaith againn; agus aig coimh-oibrcacha ruinn 'nuair a bhitheas ann deagh thoil ſin againn.

## XI. *Mu Fhireanacha an Duine.*

THA ſinn air ar meaſa fireanach ann lathair Dhia, mhain air ſon toiltineas ar Tighearn, agus air Slanuigh-fhear Joſa Crioſd tre chreidimh, agus ni hann air ſon ar n'oibre no air toiltiniſibh fein; uime ſin, gu bheil ſinne air ar fireanachadh tre chreidimh amhain, is teagasg ro fhalain e, agus ro lan comhfhurtachd, mar tha e air a chuir ann ceill ni 's mo, ann an hoimili an fhreanacha.

XII. *Mu*

XII. *Mu dheagh oibre.*

GE nach ſheud deagh oibre, an ni a s iad torruidh na creidimh, agus a leanas an diaigh fireanacha, ar peacana a chuir air falbh, agus gairge breitheamhnais Dhia ſhulang; gidheadh tha iad ciatach agus taitneach do Dhia ann an Crioſd, agus teachd amach gu feumail o chreidimh fior agus beothail; a mheud 's gu 'm feud creidimh beothail a bhith air aithneach gu ſhoilleir leo, mar an chraobh air a toradh.

XIII. *Mu oibre roimh ſhireanacha.*

CHa 'n 'eil oibre a bha deant' roimh ghraſa Chrioſd, agus feartuin a Spioraid, taitneach da Dhia; a mheud 's nach 'eil iad teachd o chreidimh ann an Joſa Crioſd, ni mo ni iad daoine iomchuidh chum grais a ghabhail, no (mar tha ughdair na ſcoille ag radh) a toiltin gras le co-ſeas; ſeadh, mar nach 'eil iad air an deanamh mar bu toil le Dia, agus mar dh'aithn e iad a bhith air an deanamh, cha 'n 'eil ſinn an teagamh nach 'eil nadar a pheacaidh aca.

XIV. *Mu oibre thar barrachd.*

TUille ſo cha 'n ſheud oibre toileach, thair agus oſbar air aitheantaibh Dhia, ris an abair iad oibre barrachd, a bhith air an teagasg gu'n danadas agus ain-diaghachd; oir leoſin tha daoine a cuir an ceill, gu bheil iad ag iocadh do Dhia cha ni mhain, mheud ſa tha ceangailt orra iocadh, ach gu bheil iad a deanamh tuille air a ſga, no tha dleaſnas ceangailt ag iarruidh: ge gu bheil Chrioſd ag radh gu ſoilleir, 'nuair a ni ſibh gach ni tha r' aithne oirbh, abribh 's ſheirbheiſich mi-tharbhach ſinn.

XV. *Mu Chrioſd amhain gun pheaca.*

BHA Chrioſd ann am ſirinn ar nadar, air a dheanamh coſmhuil ruinne ann s na huile nithe (ach peaca amhain) o 'n robh e gu h'iomlan ſaor, araon na ſheoil, agus na Spioraid. Thainig e gu bhith na Uan gun choire, a thug air falbh le ſein a thairgſin aon uair, peacanan an t' ſhaoghail; agus mar

(mar tha N. Eoin a labhairt) cha robh peaca ann. Ach ſinne cach uile (ge do bheil ſinn air ar baiſte agus air ar breith aris ann an Crioſd) gidheadh tha ſinn a deanamh eacoir ann an ioma ni, agus mu deir ſinn nach 'eil peaca annain, meallaidh ſinn ſinn ſein, agus cha 'n 'eil an fhirinn unnain.

## XVI. *Mu pheaca an diaigh Baiſte.*

CHA n e huile peaca marbhtach, a chuirear ann gniomh gu toileach an diaigh baiſte, am peaca an aghaidh an Spiorad Naomha, do nach 'eil mhaitheanas. Uime ſin cha bhith comas aithreachais air aicheadh dhoibhſe a thuiteas am peaca an diaigh baiſte. An diaigh dhuinn an Spiorad Naomh fhaghail, feuduidh ſinn tuiteam o 'n ghras tha air a thoirt dhuinn, agus tuiteam ann am peaca, agus le graſa Dhia, eiridh aris, agus ar beatha a leaſuchadh. Agus air an aodhbhar ſin tha iadſan ri bhith air an diteadh, a deir, nach fheud iad peacach tuille am feadh ſa bhios iad beo ann ſo, no ionad a mhaitheanais aicheamh do mheud ſa ni fior aithreachas.

## XVII. *Mu roimh ordugh agus tagha.*

ROimh ordugh chum beatha is e ruin-fiorruidh Dhe, leis (mun do leigeadh bunaite ann t'ſhaoghail) an dh'orduigh e gu neo-charruight a reir a chomhairle fein, a tha dimhair uainne, iadſan a ſhaora o mhallach agus damna, a thagh e ann an Crioſd mach as a chinne-daoine, agus a chum an toirt tre Chrioſd gu ſlainte ſhiorruidh, mar ſhoithche deanta chum onair. Uime ſin, tha iadſan air am bheil a leithid ſo ghibht oirdheirc air a bhuilleach le Dia, air an gairm a reir ruin De, tre oibreacha a Spioraid ann an am iomchuidh; tha iad toirt umhlachd da n' ghairm tre ghras: tha iad air am fireanach gu ſaor, tha iad air an deanamh na 'n clainn do Dhia le uchdmhachdachd; tha iad air an deanamh coſlach ri iomhaidh aon ghin-Mhic Joſa Crioſd; tha iad gluaiſachd gu diaghidh ann an deagh oibre, agus fadheoidh, le trocair Dhia, gheibh iad ſonas fiorruidh.

Mar tha ſmaointeach diaghidh roimh-ordugha, agus ar tagha ann an Crioſd lan da chomfhurtachd mhilis, thaitneach, agus dolabhairt do'n mhuintir dhiaghidh, agus d' a mheud ſa mhothacheas annta fein oibreacha Spioraid Chrioſd, a ceuſa oibre na feola agus am buill thalmhaidh, agus aig thogail an inntin gu

nithe

nithe aird agus neamhaidh ; cho maith do bhri s gu 'm bheil e gu mor a ſocruich agus a daingneacha an creidimh mu ſhlainte ſhiorruidh, gu bhith air a ſealbhacha tre Chrioſd, 's do bhri gu 'n dhuiſg e an gradh beothach thaobh Dhe ; Mar ſo, do'n mhuintir cuairealtach agus f heolmhar, aig nach 'eil Spiorad Chrioſd, ruin roimh-orduight Dhia a bhi aca do ghnath roimhe an ſuilean, is ro chunartach an tuiteam ſios e, leis am bheil an diabhal ga n' tilgeadh gu ea-dochas, no gu truaighe beatha ro neimh-glan, ata cheart cho chunnartach ri ea-dochas.

Tuile-ſo, feumaidh ſinn geallaidh Dhia a ghabhail mar tha iad gu cumanta air an leigeadh ſios duinn ann ſan Scriobtar Naomh. Agus ann ar gniomhara, is coir an toil De a leantuin, a tha gu ſoillair air a chuir ann ceil duinn ann am focal Dia.

## XVIII. *Mu ſhlainte ſhiorruidh ſaghail amhain tre ainm Chrioſd.*

THA iadſan mar an ceudna ri bhith air a mallucha, a ghabhas orra radh gu 'm bi na huile dhuine air a ſhabhala leis an lagh no leis an bhuidhin tha e leantuin, mu ſe s gu bi e dichiollach gu bheath a chuma a reir an lagh ſin, agus lagh an Nadair. Oir tha 'n Scriobtar Naomh a taiſbein duinn ainm Joſa Crioſd amhain, leis am bi daoin' air an ſabhala.

## XIX. *Mun Eaglais.*

SI Eaglais ſhaicſineach Chrioſd co-thional do dhaoine firea: nach ann ſa 'm bheil focal fior-ghlan De air a ſhermoineacha, agus na ſacramainte air am frithealadh a reir ordugh Chrioſd ann 's na huile nithe tha feumail air an ſon.

Mar chaidh Eaglais Hieruſalem, Alexandria, agus Antioc, a mearachd; ſeadh, ſos chaidh Eaglais na Roimhe a mearachd, cha n-e mhain na beatha agus ſeola deaſghnatha, ach mar an ceudna ann gnothaichibh creidimh.

## XX. *Mu ughdarras na h'Eaglais.*

THa comas aig an Eaglais riaghailte agus deaſghnatha ordugh, agus tha ughdarras aca mu im reaſan thaobh creidimh ; gidh-

eadh

eadh ni bheil e laghail do n Eaglais, ni air bith ordugh a tha n' aghaidh focal ſcriobhta Dhia, ni mo dh'fheudas i aon ionad do 'n Scriobtar a mhineaicha air dhoigh, a chum s gu 'm bi e an aghaidh ionad eile. Uime ſin, ge gu bheil an Eaglais na fianais agus na dionadair air naomh Scriobha, gidheadh mar nach bu choir dhi ni ſam bith ordugh na h' aghaidh, mar ſin a thoabh a muigh dhi, ni 'm bu choir dhi ni air bith a chuir a fiachadh chum a chreidſin mur ni feumail chum ſlainte.

## XXI. *Mu ughdarras chomhairlibh ghenerailte.*

CHA 'n fheud comhairle ghenerailte a bhith air an tional an ceann a cheile gun ordugh agus toil phrionnſuibh, agus a 'nuair a thig iad ann ceann a cheile (a mheud s gu bheil iad na 'n co-chruinneach dhaoine, nach 'eil gu leir air riaghladh le Spiorad agus focal Dhia) feudaidh iad dol a mearachd, agus chuaidh iad air uaire a mearachd, eadhon ann an nithe a bhuineas do Dhia. Uime ſin na nithe tha r'an ordugh leoſan, a bhi feumail chum ſlainte, ni 'm bheil aca comas no ughdarras, mu ſe s' nach fheud e a bhith air a dhearbha gu 'n d' thugaidh iad as na Scriobtuire Naomha.

## XXII. *Mu Phurgadoir.*

AN teagaiſg Romanach mu thimchoil Purgadoir, maitheanaſabh, adhradh agus onair thoirt do iomhaidh, mu iarſma agus gairm air na naoimh, i's ni amaideach e, gu diamhain air a thionſgna, agus gu 'n barantas ſam bith o'n Scriobtar, ach is mo ataid an aghaidh focal Dhe.

## XXII. *Mu ſhaithealadh ſa cho-thional.*

CHA 'n eil e dligheach do dhuin air bith a ghabhail air fein oifig Sermoineach follaſach, no frithealadh na n' Sacramainte ann ſa Cho-thional, mur bi e gu laghail air a ghairm agus air a chuir chum na h'oifig ſin a chuir an gniomh. Agus s' iad ſin bu choir dhuin a mheaſa' gu bhi air an gairm gu laghail agus air an cur amach, a tha air an tagha agus air an gairm a chum ana oibre ſo le daoine do' ni bheil Ughdarras follaiſeach air a thoirt ſa cho-thional, chum miniſtribh a ghairm 's a chuir mach gu ſionamhuin an Tighearn.

XXIV. *Mu labhairt s a cho-tionl ann a leithid a theanga s a thuigeas an pobull.*

I'S ni e tha gu foilleir an aghaidh focal De, agus ghnathacha na Ceud Eaglais, urnuigh f hollafach a dheanamh fan teampull no na Sacramainte fhritheala ann an teanga do-thuigfin do n phobull.

XXV. *Mu na Sacramainte.*

CHa 'n e mhain gu bheil na Sacramainte bha air an urdugha le Crioſd, na feuluibh no na comhar tha air Aidmheil dhaoine Crioſduidh; ach na fior f hianaifibh cinnteach, agus na comharraibh eifeachdach grais, agus deagh thoil Dhe d ar taobh ne, leis am bheil e 'g oibreach gu neimh-f haicfineach annuinn, agus cha 'n e mhain a beothach, ach mar an ceudna a neartach agus a daingneach air creidimh ann fein.

Tha da fhacramaint air an ordugha le Crioſd ar Tighearna ann fan Tfoifgeul, fe fin ri radh, am Baifde, agus Suipeir an Tighearna. A chuig fin a tha go tric air an gairm nan Sacramainte, fe fin ra radh, Daingneachadh, Peanas, Oird, Pofadh, agus oladh-bais ni m' bheil iad ra mheafa mar Shacramainte an t' foifgeul, oir is leithid iad s'a dhf has, cuid dhiu o leantuin nan Abſtol gu truailidh, cuid eile o ſtaidean beath tha air a ceaduicha' leis na Scriptaribh; ach gidheadh aig nach eil nadair Sacramainte cofmhuil ris a Bhaifte agus Suipeir an Tighearna, oir ni bheil comhara foilleir aca no riaghailte air ordugh le Dia.

Ni n' robh na Sacramainte air an ordugh le Crioſd chum a ſtalacha orra, no chum a bhith air an giulan mu n' cuairt; ach chum s' gu n' gnathaichmid iad gu dligheach. Agus dhoibhfin amhain, fa ghabhas iad gu hiomchuidh, a tha aca bri no eifeachd f hallain: ach iadfa a ghabhas iad gu neimh-iomchuidh, cofnuidh iad doibh fein damnadh, mar a deir N. Pol.

XXVI. *Mu neimh iomchuidheachd na miniſtribh, nach eil a bacadh bri na Sacramaint.*

GE gu bheil s'an Eaglais f h'aicfinich an tolc air a mheafgadh doghna maile ris a mhaith, agus ge gu bheil air uaireaig in olc aid ughdranas ann am frithealadh an f h'ocail agus na Sacramainte:

mainte: gidheadh do bhri s'nach dean iad ſin na n Ainm fein ach ann an Ainm Chrioſd, agus gan frithealadh le chomasagus le ughdarras ſan, feudaidh ſinn am Miniſtrealachd a gabhail, araon annan eiſteach focail De, agus ann gabhail na n' Sacramainte. Ni mo tha eifeachd ordugh Crioſd air a thoirt air falbh le n'aingidheachd, no gras tiolaca Dhia air an lughdacha do mheud ſa ghabhas tre chreidimh, agus gu ceart na Sacramainte tha air an fritheala dhoibh; oir tha iad eifeachdach, tri ordugh agus gealladh Chrioſd, ge gu bheil iad air am fritheala le droch dhaoine.

Gidheadh, buinidh e do riaghailt na h' Eaglais ſioſrachada a dheanamh mu dhroch Mhiniſtribh, agus gu m' bi iad air an cronach leoſan aig am bheil eolas air am failnean; agus fadheoidh, air am faotuin ciontach iad, gu'm bith iad le ceart bhreitheanas air a cuir o' n oifig.

## XXVII. *Mu Bhaiſte.*

CHa 'n e mhain gu bheil am baiſde na chomhar air aidbheil, agus na dh'fheuchain air mutha, leis am bheil daoine Crioſduidh air an aithneach o mhuintir eile nach 'eil air an baiſde; ach tha e mar an ceudna na chomhar air Ath-ghinmhuin no nuadh bhreith, leis, mar le cumhnant ſcriobht' tha iads a ghabhas am Baiſde gu ceart air am planntach ann ſa n' Eaglais; tha geallaibh maitheanas peacidh agus ar 'n uchdmhachach chum a bhith na mic do Dhia trid an Spiorad Naomh, gu ſoilleir air an ciallachadh agus air n' ſeuleachadh; tha creidimh air a daingneach, agus gras air a mheudacha le eifeachd urnuigh ri Dia. Tha Baiſde naoidhean ri bhith air a chumail ſa n' Eaglais air a huile cor, mar tha e a chorda ri ordugh Chrioſd.

## XXVIII. *Mu Shuipeir an Tighearn.*

CHa 'n e mhain gu bheil Suipeir an Tighearna na comhar air a ghradh bu choir do Chrioſduiean a bhith aca da cheile, ach s'mo' na Shacramaint d'ar ſaorſa tre bas Chrioſd; ionnas da mheud ſa ghabhas e gu ceart, gu hiomchuidh, agus le creidimh, tha'n taran a tha ſinne a briſeadh, na cho-pairt air corp Chrioſd; agus mar an ceudna tha an cupan a tha ſinne a beannach na cho-pairt air fuil Chrioſd.

An nuadh-bhrioghach (no atharrach bri an arain agus ann fhiona) ann an Suipeir an Tighearn, cha chomas da bhith air a dhearbha le naomh ſgriobha, ach tha e n' aghaidh briathra ſoilleir an Scriptiur, a cuir bun oſcionn nadar Sacramaint, agus a thug fath do dh'ioma ſaobh-chrabha.

Tha corp Chrioſd air a thabhairt, air a ghabhail, agus air itheadh ann ſan tſhuipeir, amhain a reir modh neamhaidh agus ſpioradail. Agus s e creidimh a'modh leis am bheil corp Chrioſd air a ghabhail agus air itheadh ann ſan t'Shuipeir.

Ni 'n robh Sacramaint Suipeir an Tighearn ait a hordugh le Crioſd gu bhith air a taſgidh, air a guilan ma n' cuairt, air a thogail ſuas, no ri bhith air a adhradh.

## XXIX. *Mu n'aingidh, nach ith corp Chrioſd ann an gnathach Suipeir an Tighearn.*

AN taingidh, agus a mheud aig nach 'eil creidimh beothail, ge do ni iad gu feolmhor agus gu follaſacha chagnadh le 'm fiacluibh (mar tha N. Auguſtine aig radh) Sacramaint cuirp agus fola Chrioſd, gidheadh cha' n' eil iad air chor ſam bith nan luchd co-pairt air Crioſd; ach ann aite ſin, chum an dite fein, tha iad ag ithe agus a g'ol a chomhartha no Sacramaint ni cho ro mhor.

## XXX. *Mu n da Ghne.*

CHA n' eil Cupan an Tighearna ri bhith air a dhiultadh d$^{o}$ neo-chleir: oir bu choir le ordugh agus aithne Chrioſd, da phairt Sacramaint an Tighearn a bhith air am frithealadh do gach uile dhaoine Crioſduidh maraon.

## XXXI. *Mu iobairt Chrioſd criochnuicht air a Chrann.*

SI Ofrail Chrioſd do rinneadh aon uair, an t'ſhaorſa iomlan, an Iobairt-reitich, agus an lan dioladh airſon uile pheaca an tſaoghail araon gine agus gniomh: agus cha 'n eil dioladh air bith eile airſon peacaidh, ach ſin amhain. Uime ſin iobairt Aifrion ann an robh e gu bichionta air a radh, gu 'n d'oifreil an Sagart Crioſd airſon na beo agus na marbh chum maitheanas ſaotain airſon pein no cionta, ni n' robh annta ach faoinſgeul toibheumach, agus mealtairachd chunnartach.

## XXXII. *Mu Phoſadh nan Sagart.*

CHA n' eil Eaſpuigean, Sagairt, agus Diaconaibh air an ordugha le lagh Dhia, ſtaid mhanachail a mhiannacha, no Poſadh ſheachna: Air an adhbhar ſin tha e laghail doibhſin poſadh, cho maith ri uile daoine Chriſduidh eile, ma chi iad iomchuidhe, mar bhreithnicheas iad e ni s' fearr a chum diagheachd.

XXXIII.

## XXXIII. *Mu Mhuintir tha n' taobh amuigh an Eaglais, cia mar tha iad ribhith air an ſeachna.*

AN neach ſin a tha le fogradh follaſach na h'Eaglais, gu ceart air a dhealuigha' o aonachd na h' Eaglais, agus air a chuir o cho-chomun, is coir a glacca' o thional iomlan na m' firean, mar Gheintileach agus mar Phoiblicanach, gus am bi e gu follaſach air ath-reiteach le aithreachas, agus air a ghabhail a dhionnſuidh na h' Eaglais le breitheamh aig am bheil ughdarras gu ſin a dheanamh.

## XXXIV. *Mu Bheul-theagaisg na h' Eaglais.*

NI bheil e feumail gu m' bi beuloidas agus deaſghnatha ann s na huile aite ionan, no coſmhuil ra cheile ; oir ann s gach uile am bha caochla catorra, agus feudaidh iad a bhith air a mutha a reir mutha nan duthchana, nan ama, agus nós dhaoine, air doigh nach bith ni ſam bith air ordugha an aghaidh focal De. Neach ſam bith ata tre a bhreitheamhnas ſein, gu toilleaeh agus do rireadh briſeadh beuloidas agus deaſghnatha na h' Eaglais, nach 'eil an aghaidh focal Dia, agus a tha air an ordugh agus air an daingneacha le ughdarras cumainte, bu choir da bhith air a cronacha gu follaſach (a chum s'gun gabh daoine eile eagal a leithid a dheanamh) mar neach tha ciontacha 'n aghaidh ordugh cumanta na h' Eaglais, agus a tha cur graba air ughdarras an Riaghlair, agus a lotadh cogaiſibh na m' brathair fann.

Tha barantas aig gach uile Eaglais araid no a bhuineas do righeachd riaghailte no deaſghnatha na h' Eaglais orducha, a mhutha, agus a chuir air chul, a bha air ordugh amhain le barandas duine, ionas gu bi na huile nithe air a dheanamh chum foghlam.

## XXXV. *Mu na Homilios.*

THA an dara Leabhar nan Hoimilios, deth thug ſin gach ioma tiodal ra cheile fo n' Phuinc ſo, a chuir ſios teagaig diaghidh agus fallain, agus riachdanach do na hama ſo, mar tha ceud Leabhar na n' Hoimilios, a cuirear amach ann laithe Eduard a Seithadh ; agus air ann adhbhar ſin tha ſinn ga n ordugha gu bhith air an leagha ann an Eaglaiſibh leis na Miniſtribh, gu dicheallach agus gu ſollier, chum s'gu m' bi iad air an tuigſin leis an phobull.

*Mu*

*Mu Ainmean nan Hoimilios.*

1 Mu fheum ceart na h'Eaglais.
2 An aghaidh Cunnart Iodholadhra.
3 Mu charadh agus a chumail glan Eaglaisibh.
4 Mu dheagh oibre : Ann toiseach'mu throsgadh.
5 An aghaidh Geocaireachd agus misg.
6 An aghaidh Iomarcadh Truisgain.
7 Mu Urnuigh.
8 Mu ionad agus am Urnuigh.
9 Gu ma choir Urnighean cumanta agus Sacramainte a bhithair am frithealadhann Canmhuin so-thuigsin.
10 Mu mheas urramach air focal Dia.
11 Mu Dheirce.
12 Mu breath Chriosd.
13 Mu Fhulangas Chriosd.
14 Mu Eiseridh Chriosd.
15 Mu ghabhail gu iomchuidh Sacramaint cuirp agus fola hriosd.
16 Mu Ghiutin an Spiorad Naomha.
17 Mu Laithe-rogationadh.
18 Mu Staid Posidh.
19 Mu Aireachas.
20 An aghaidh Diamhana
21 An aghaid ceannairc.

## XXXVI. *Mu Naomhacha Eispuigean agus mhinistribh.*

ANN an Leabhar Naomhacha Ard-espuigean agus Espuigean, agus a dh'ordugha Shagart agus 'diaconaibh a bha o cheann ghairaid air a chuir amach ann an laithe Eduard Seith, agus air a dhaingneach sa cheart am le ughdarras mordhail, tha air a chuir sios na huile nithe feumail gu leithid a Naomhach agus Ordugh : ni mo tha ni air bith ann, a tha dheth fein saobh-chrabhach no mi-dhiaghidh. Agus air an adhbhar sin mheud 's ata air a noamhachadh no air ordugha a reir riaghailte an Leabhair sin, o'n dara bliadhna a roimh ainmacht Righ Eduard, gus an tam so, no na diaigh so bhios air an naomhach no air an ordugh areir nan ceart riaghailte, cinntimid gu bheil an leithid sin air a naomhacha agus air an ordugha gu ceart, gu cothramach, agus gu laghail.

## XXXVII. *Mu'n Uachdaran.*

THa n' tard chumhachd aig morachd an Righ ann an Righeachd so Shasunn, agus thairis a thighearnas eile, dam' buin ard Riaghailt uile uaslain na Righeachd so, ma's do 'n Eaglais no 'n tuadh, ann s gach uile chuis, agus ni m' bheil i, ni mo bu choir dhi bhith fuigh reachd tairlearach air bith.

Ge' do chuir ſinn an ard Riaghailt do Mhorachd an Righ, tiodal leis, mar thuigamid, gu bheil intinibh cuid do mhuintir thoibheumach air an coruichadh; ni n' toir ſinn d ar Prionſuibh frithealadh focail Dia, no na Sacramainte, mar tha na h'aitheantaibh bha air an cuir amach o cheann ghairid le 'r Ban-Righ Elizabet mar an ceudna a toirt fianuis fhollaſach ; ach an t'ard-ughdarras ſin amhain, a chi ſinn bha air a thoirt do ghna do uile Phrionnſuibh diaghidh ann s na Scriptuiribh naomh le Dia fein ; ſe ſin ra radh, gu n' riaghladh iad gach uile ceim agus ord thug Dia fo'n curam, co dhiu bhi cleir no neo-chleir, agus gu n' ſmachduidh iad leis chloidheamh an lagh luchd reaſgach agus iads a tha deanamh uilc.

Ni bheil Ughdarras air bith aig Eſpuig na Roimhe ann an Righeachd Shaſgun ſo.

Feudidh laighe an Righeachd doine Criofduidh peannaſach le bas, arſon coirribh uamharra agus claoiteach.

Tha e laghail do Chrioſduidh air iartas an Uaghdran, airm a ghiulan, agus ſeirbhis a dheanamh ann am cogaibh.

## XXXVIII. *Mu Mhaoin Dhaoine Crioſduidh, nach eil cumanta.*

CHa n eil beartas agus Maoin Chrioſduiean cumanta, a thaobh an dlighe, an tiodal, agus an ceirt ſealbh, mar deir Anabaiſdich araid breugach gu uailleach. Gidheadh bu choir do na huile dhuine, da mheud na nithe o'a tha aige deirc a thoirt do n' bhochd gu fial, a reir a chomais.

## XXXIX. *Mu mhionna duine Crioſduidh.*

MAr tha ſinn aig aidbheil gu bheil mionna diamhain agus diorraſach air an toirmeaſg do Chrioſduiean le 'r Tighearn Joſa Crioſd, agus le Seumas Abſtal ; mar ſo tha ſinn a meaſa nach 'eil an Creidimh Chrioſduidh a toirmeaſg do dhuine mionnacha nuair a dhiarras an t Uachdran, ann an cuis creidimh agus carthanachde, mu bhitheas e air a dheanamh a reir teagaſg an Fhaidhe, ann an Ceartas, am Breitheamhnas, agus ann Firinn.

CRIOCH.